



University  
of Glasgow

Reddy, Kathleen (2024) *Cleachdaidhean creideimh nan Gàidheal Caitligeach sna h-Eileanan Siar mu dheas bho dheireadh na 19mh linn gus an latha an-diugh*. PhD thesis.

<http://theses.gla.ac.uk/84178/>

Copyright and moral rights for this work are retained by the author

A copy can be downloaded for personal non-commercial research or study, without prior permission or charge

This work cannot be reproduced or quoted extensively from without first obtaining permission in writing from the author

The content must not be changed in any way or sold commercially in any format or medium without the formal permission of the author

When referring to this work, full bibliographic details including the author, title, awarding institution and date of the thesis must be given

Enlighten: Theses

<https://theses.gla.ac.uk/>  
[research-enlighten@glasgow.ac.uk](mailto:research-enlighten@glasgow.ac.uk)

**Cleachdaidhean creideimh nan Gàidheal Caitligeach sna h-Eileanan Siar  
mu dheas bho dheireadh na 19mh linn gus an latha an-diugh**

Kathleen Reddy

BA le Urram (StFX), PGCE (Srath Chluaidh), DipHE (Sabhal Mòr Ostaig),  
MRes (Glaschu)

Tràchdas ga chur a-steach gus riatanasan ceum PhD a choileanadh

Sgoil nan Daonnachdan

Colaiste nan Ealan agus nan Daonnachdan



31 An Dàmhair 2023

## Geàrr-chunntas

Cuiridh an tràchdas seo roinn de chleachdaidhean creideimh Chaitligich nan Eilean Siar mu dheas bhon naoidheamh linn deug gus an latha an-diugh, agus an seanchas a tha mu thimcheall orra, fon phrosbaig. Thuige seo, tha na cleachdaidhean seo air a bhith gan taisbeanadh gu tric ann an dòigh a bhios a’ freagairt ri adhbharan an luchd-aithris fhèin. Tro sgrùdadh iomadh-thùsach a bhios a’ tarraing air tobraichean sgrìobhte, notaichean tùsail luchd-cruinnichidh beul-aithris, clàraidhean bho thasglannan nach deach tar-sgrìobhadh thuige seo agus agallamhan ùra le Caitligich nan Eilean, thèid sealltainn gum faodar na cleachdaidhean seo fhaicinn mar làcasan creideimh far a bheil luachan na h-Eaglaise Caitligich agus feartan na coimhearsnachd ionadail a’ tighinn còmhla.

Bheir gach caibideil dhen tràchdas seo sùil air làcas creideimh a tha cudromach ann an an dualchas Caitligich nan Eilean: An Aifreann; cràbhadh don Òigh Mhoire; ùrnaighean aig an taigh; cràbhaidhean poblach; seanchas mu shagairt; sgeulachdan apocraphach; agus cleachdaidhean mu thimcheall air uisge coisrigte.

Le bhith a’ cur nan cleachdaidhean seo ann an co-theagsa ghluasadan san Eaglais Chaitligich agus a’ toirt prìomhachas do bheachdan Caitligich nan Eilean fhèin mu an dèidhinn, cuiridh an tràchdas seo an gleans “Ceilteach” a th’ air na cleachdaidhean seo dhan dàrna taobh gus solas a thilgeil orra mar làcasan creideimh far a bheil luachan coimhearsnachdan Caitligeach nan Eilean air an cur an cèill.

## Clàr-Innse

<b>Geàrr-chunntas.....</b>	<b>2</b>
<b>Clàr-Innse .....</b>	<b>3</b>
<b>Buidheachas .....</b>	<b>6</b>
<b>Cur an cèill an ùghdair .....</b>	<b>7</b>
<b>Aithghearraidhean.....</b>	<b>8</b>
<b>Caibideil 1: Ro-ràdh agus Cùl-fhiosrachaidh.....</b>	<b>9</b>
1.1 Ro-ràdh .....	9
1.2 Creideamh dùthchasach.....	13
1.3 A’ cur ri eòlas mu chleachdaidhean creideimh sna h-Eileanan Siar.....	15
1.4 Modh-eòlas rannsachaidh .....	17
1.5 Agallamhan.....	23
<b>Caibideil 2: An Aifreann .....</b>	<b>26</b>
2.1 Gàidhlig anns an Aifreann .....	26
2.2 “Aifreann Mhaighstir Ailein” .....	30
2.2.1 “Aifreann Mhaighstir Ailein” agus ath-bheòthachadh liotuirgeach .....	30
2.2.2 “Aifreann Mhaighstir Ailein” ann am meadhan na 20mh linn .....	41
2.2.3 “Aifreann Mhaighstir Ailein” agus Dàrna Comhairle a’ Bhatacain .....	44
2.3 Laoidhean na h-Aifrinn aig deireadh na 20mh linn .....	55
2.4 <i>Iùl a’ Chrìostaidh</i> agus an Aifreann, 1834-1963 .....	56
2.4.1 <i>Iùl a’ Chrìostaidh</i> agus Gluasad Liotuirgeach na 20mh linn .....	62
2.4.2 <i>Iùl a’ Chrìostaidh</i> às dèidh Dàrna Comhairle a’ Bhatacain.....	65
2.5 Co-dhùnadh .....	67
<b>Caibideil 3: Cràbhadh don Òigh Mhoire .....</b>	<b>68</b>
3.1 Cràbhadh don Òigh Mhoire agus an saoghal nàdarra.....	69
3.2 An Òigh Mhoire agus leigheas: an Àirne Moire .....	71
3.3 Ainm Moire mar ghnàthas-ainmeachaidh .....	75
3.4 A’ Chonair Mhoire .....	76
3.4.1 Miseanan agus a’ Chonair Mhoire .....	81
3.4.2 A’ Chonair Mhoire anns na h-eaglaisean .....	84
3.5 An “Statue”: Baintighearna Fatima .....	84
3.6 1954: Bliadhna Mhoire .....	90
3.7 “Wayside Shrines” .....	91
3.8 Statue Ruaidheabhail agus an raon rocaidean.....	93
3.9 Co-dhùnadh .....	99
<b>Caibideil 4: Ùrnaighean Dùthchasach .....</b>	<b>101</b>
4.1 A’ cruinneachadh ùrnaighean dùthchasach san 19mh linn .....	101
4.2 Ùrnaighean dùthchasach san 20mh linn .....	105
4.3 Ùrnaighean dùthchasach san latha an-diugh.....	109
4.4 Ùrnaigh cadail agus bàis: “Am Pears’-Anma”.....	110
4.4.1 Mgr Ailein agus “Am Pears’-Anma” .....	111
4.4.2 Alasdair MacGilleMhìcheil agus “Am Pears’-Anma”.....	115
4.4.3 “Am Pears’-Anma” anns an 20mh linn gus an latha an-diugh.....	122
4.4.4 Co-theagsa na h-ùrnaigh .....	126
4.5 Cleachdaidhean bàis Caitligeach agus ùrnaighean bàis dùthchasach .....	131
4.6 “Am Pears’-Anma” agus an t-anam.....	134
4.7 An dreuchd aig Naomh Mìcheal anns a’ “Phears’-Anma”.....	135

4.8	Ùrnaighean oidhche agus ùrnaighean bàis .....	139
4.9	Co-dhùnadh .....	142
<b>Caibideil 5: Seallaidhean air Creideamh agus Cràbhadh Poblach .....</b>		<b>144</b>
5.1	Na h-Eileanan Siar mu dheas mar thèarmann Caitligeach no thèarmann "Ceilteach" .....	144
5.2	An càirdeas eadar Caitligich agus Pròstanaich .....	155
5.3	Cruth eaglaisean Caitligeach .....	157
5.3.1	Eaglaisean na 20mh linn.....	159
5.4	Ainmean eaglaisean .....	161
5.5	Gàidhlig ann an sgeadachadh eaglaisean.....	164
5.6	Slighe na Croise .....	166
5.6.1	Laoidh Slighe na Croise: An <i>Stabat Mater</i> sa Ghàidhlig.....	167
5.6.2	An Laoidh "Slighe na Croise" .....	168
5.7	Cràbhadh don Chridhe Naomh.....	173
5.8	Beannachadh na Sàcramaid .....	179
5.9	Co-dhùnadh .....	183
<b>Caibideil 6: Ìomhaigh an t-Sagairt ann an Seachas .....</b>		<b>184</b>
6.1	Dreuchd an t-sagairt san Eaglais Chaitligich.....	185
6.2	Ìomhaigh an t-sagairt ann an seachas nan Gàidheal .....	186
6.3	An cunntas aig Mgr Alasdair Caimbeul air miseanaraidhean Èireannach ....	187
6.3.1	Mgr Diarmad Dùgan .....	189
6.4	Mgr Alasdair Forrester .....	193
6.5	Sagairt agus cumhachdan an aghaidh ùghdarrasan saoghalta .....	197
6.6	Cumhachdan mallachd aig sagairt.....	199
6.7	Eirmseachd ann an seachas mu shagairt .....	201
6.8	Sgeulachdan mu Mhgr Ailein.....	203
6.9	Mgr Seumas MacGriogair agus leigheasan mìorbhaileach .....	208
6.10	Mgr Seòras Rigg .....	210
6.11	Sagairt na 20mh linn .....	212
6.12	Co-dhùnadh .....	215
<b>Caibideil 7: Seachas Apocraphach .....</b>		<b>216</b>
7.1	Sgeulachdan eiteòlach.....	217
7.2	"Chaidh Mac Dè seachad an-dè" .....	219
7.3	Crìosda agus na cearcan .....	223
7.4	A' cruinneachadh ann an coimhearsnachdan Caitligeach agus Pròstanach ..	234
7.5	Co-dhùnadh .....	235
<b>Caibideil 8: Cleachdaidhean Dùthchasach agus Uisge Coisrigte .....</b>		<b>237</b>
8.1	Uisge coisrigte .....	237
8.2	Cleachdaidhean "pàganach" .....	238
8.3	Uisge coisrigte agus beannachadh .....	239
8.4	Uisge coisrigte mar dhìon.....	240
8.5	Uisge coisrigte agus na sìthichean.....	244
8.6	An sluagh .....	245
8.7	Uisge coisrigte agus cleachdaidhean bàis .....	247
8.8	Uisge coisrigte agus mallachd .....	249
8.9	Uisge coisrigte mar leigheas.....	250
8.10	Pròstanaich agus uisge coisrigte.....	251
8.11	A' mhuir bheannaichte .....	253
8.12	Tobraichean slàinte.....	254
8.13	Uisge coisrigte agus peanasan.....	256

8.14	Uisge coisrigte mar leigheas air an droch shùil .....	258
8.15	Co-dhùnadh .....	263
<b>Co-dhùnadh.....</b>		<b>265</b>
<b>Eàrr-ràdh Sgrìobhainn.....</b>		<b>269</b>
9.1	Caibideil 1: Ceistean agallaimh.....	269
9.2	Caibideil 4: Trì eisimpleirean a bharrachd dhen “Phears’-Anma” .....	271
9.3	Caibideil 5: Slighe na Croise.....	272
9.4	Caibideil 6: Cunntasan air beatha Mhgr Alasdair Forrester (1701-1780) ann an “The Mission of South Uist” (1891) aig Mgr Alasdair Caimbeul .....	273
9.5	Caibideil 6: Cunntasan air bàs gaisgeil Mhgr Seòras Rigg (1860-1897) .....	273
9.6	Caibideil 8: Seachas air an t-snàithlean.....	275
<b>Clàr Thùsan.....</b>		<b>277</b>

## **Buidheachas**

Bu mhath leam mo mhìle taing a thoirt dhan luchd-stiùiridh agam, Dr Sìm Innes agus Mr Gillebrìde Mac'IlleMhaoil, airson a bhith cho fialaidh le an cuid eòlais, ùine agus foighdinn. Tha mi fada nan comain, agus an comain luchd-obrach uileadh Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig, Oilthigh Ghlaschu. Tha mi buidheach do Cholaiste nan Ealan, Oilthigh Ghlaschu, a thug an cothrom dhomh an rannsachadh seo a dhèanamh tro Sgoilearachd Shàr-mhathas Iar-cheumnach. Fhuair mi taic-airgid cuideachd bho Ionad Eòlais na h-Alba is na Ceiltis, Oilthigh Ghlaschu, gus rannsachadh-làraich a dhèanamh.

Ceud mìle taing do mhuintir Uibhist, a dh'fhosgail an dorsan is an cridheachan dhomh thairis air na bliadhnaichean, gu h-àraidh mo charaidean ann am Bòrnais, Uibhist a Deas. Tha luchd-fiosrachaidh an rannsachaidh seo airidh air urram: Catriona Garbutt, Màiri NicAonghais, Mgr Ross Crichton agus Pòl MacCaluim. Mo mhìle beannachd oirbh.

Mu dheireadh thall, tha mi air leth taingeil dha mo theaghlach, a tha riamh air a bhith taiceil.

*Ad majorem Dei gloriam*

Oilthigh Ghlaschu, An Dàmhair 2023

## **Cur an cèill an ùghdair**

Tha mi a' cur an cèill gur e an tràchdas seo mo chuid obrach fhìn ach far a bheilear a' tarraing air obair chàich. Cha deach a chur a-steach airson ceum sam bith eile aig Oilthigh Ghlaschu air neo oilthigh sam bith eile.

Kathleen Reddy

Oilthigh Ghlaschu, An Dàmhair 2023



## Aithghearraidhean

CG	<i>Carmina Gadelica</i>
CH	Canna House Archive
CW	Carmichael-Watson Collection, Oilthigh Dhùn Èideann
CWP	Carmichael Watson Project (Blog)
DASG	Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig, Oilthigh Ghlaschu
eDIL	Electronic Dictionary of the Irish Language
EUL	Edinburgh University Library
GUL	Glasgow University Library
TanD	Tobar an Dualchais
TGSI	<i>Transactions of the Gaelic Society of Inverness</i>

## Nota a thaobh litreachaidh

Cha deach atharrachadh neo leasachadh a dhèanamh air na gnàthasan-litreachaidh Gàidhlig no Beurla ann am bun-thùsan an tràchdais seo.

## Caibideil 1: Ro-ràdh agus Cùl-fhiosrachaidh

### 1.1 Ro-ràdh

Ann an tràchdas seo, bithear a’ toirt sùil air cleachdaidhean creideimh dùthchasach aig Gàidheil Chaitligeach, bho dheireadh na 19mh linn gus an latha an-diugh, gu h-àraidh sna h-Eileanan Siar mu dheas: Beinn a’ Bhaoghla, Uibhist a Deas, Èirisgeidh, Barraigh agus Bhatarsaigh. Tha na cleachdaidhean seo a’ buntainn ri roinn de cheistean air am bi an tràchdas seo a’ breithneachadh: mar a tha creideamh nan Caitligeach sna h-eileanan seo air a thaisbeanadh dhan t-saoghal mhòr mar rud àraidh no “Ceilteach” an taca ris mar a tha buill na coimhearsnachd a’ coimhead air a’ chreideamh aca fhèin. Cuideachd, seallaidh an tràchdas seo mar a dh’atharraich cleachdaidhean creideimh Caitligich nan Eilean air feadh na 20mh linn a rèir atharrachaidhean san Eaglais Chaitligich air fad agus atharrachadh dòigh-beatha muinntir nan Eilean, agus a’ bhuidh a thug daoine fa leth, gu h-àraidh sagairt, air na cleachdaidhean aig Caitligich nan Eilean. A bharrachd air seo, chithear mar a tha an co-theagsa aig seanchas ceangailte ri creideamh a’ sealltainn mar a tha muinntir nan Eilean a’ cur an cèill bheachdan mun chreideamh acasan. Le seo, bidh an tràchdas seo a’ togail air an obair aig Tiber Falzett air cho cudromach ’s a tha “seanchas-based narratives” a thaobh a bhith a’ tuigsinn na tha Gàidheil a’ meas luachmhor sa chultar dhùthchasach aca fhèin. Thathar an dòchas gun cuir an tràchdas seo ris an uiread bhig de sgoilearachd a bhios a’ coimhead air dualchas nan Gàidheil bhon t-sealladh seo. Thèid an tràchdas seo leis mar a tha Falzett a’ cur seanchas an cèill, mar “communal knowledge and the act of verbally communicating such knowledge among members of the same community, thus serving as a means of reinforcing and transmitting shared identity and aesthetic acceptability within communities.”<sup>1</sup>

Gus coimhead air na ceistean seo, bithear a’ tarraing air an obair aig Pierre Nora air “lieux de mémoire.” Tha Nora ag innse gun tàinig am bun-bheachd seo bhon a bhith a’

---

<sup>1</sup> Tiber F.M. Falzett, “Brìgh ’Chiùil: Vernacular Ear-learned Piping in Cape Breton and South Uist Explored through Seanchas-based Narratives,” *Scottish Studies* 35 (2011): 59. Faic Tiber F.M. Falzett, “Am Measg nan Daoine ga Bruidhinn ’s ga Labhairt,” ann an *Rannsachadh na Gàidhlig* 5, deas. Kenneth E. Nilsen (2010), 78-99.

cur fon phrosbaig nan “lieux” anns a bheil cuimhne choitcheann na Frainge freumaichte.<sup>2</sup> Tha ciall nas fharsaing na “àite” aig “lieu” agus bidh Nora a’ mìneachadh gur e a th’ ann an “lieux de mémoire” ach “any significant entity, whether material or non-material in nature, which by the dint of human will or the work of time has become a symbolic element of the memorial heritage of any community.”<sup>3</sup> Tha am bun-bheachd seo aig Nora air a bhith glè bhuadhmhor air mar a tha sgoilearan a’ sgrùdadh a’ chàirdeis eadar cuimhne agus eachdraidh, gu h-àraidh aig ìre nàiseanta.<sup>4</sup> Mar eisimpleir, tha e air a bhith ga chleachdadh le sgoilearan a’ sgrùdadh mar a tha tachartasan ann an eachdraidh na h-Èireann air an cuimhneachadh le muinntir na dùthcha. Tha Peter Gray air a chleachdadh airson coimhead air mar a bha A’ Ghort Mhòr (1845-1849) air a cuimhneachadh aig deireadh na ficheadamh linn.<sup>5</sup>

Mar a chithear san tràchdas seo, tha seachas mu thimcheall air nithean ceangailte ri creideamh cudromach dhan tuigse a th’ aig muinntir nan Eilean air a’ chreideamh acasan. Ann an seachas mu chreideamh anns na coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar mu dheas, gheibhear iomadh “lieu de mémoire” a thaobh a’ mhìneachaidh aig Nora gu h-àrd: pearsaichean, àitichean, agus tachartasan ann an eachdraidh a tha cudromach don dòigh anns am bi buill na coimhearsnachd a’ tuigsinn a’ chreideimh acasan agus am fèin-aithne mar Chaitligich is mar Ghàidheil. Bidh na “lieux de mémoire” seo gu tric a’ toirt air buill na coimhearsnachd fhèin agus daoine bho thaobh a-muigh na coimhearsnachd a bhith a’ coimhead air a’ chreideamh sna coimhearsnachdan seo mar gu bheil e sònraichte.

A bharrachd air a bhith a’ cur seachas mu chreideamh agus cleachdaidhean creideimh fhèin sa cho-theagsa seo, bidh an tràchdas seo a’ tarraing air an fhrèam-sgrùdaidh aig Niall Ó Ciosáin air mar a tha trì ìrean de chuimhne ag obrachadh còmhla gus dealbh de

---

<sup>2</sup> Pierre Nora, “Preface to the English Language Edition: From Lieux de Mémoire to Realms of Memory,” ann an *Realms of Memory*, Vol 1, deas. Lawrence D. Kritzman (1996), xv.

<sup>3</sup> Nora, “Preface,” xvii.

<sup>4</sup> Airson tuilleadh air seo, faic Guy Beiner, *Forgetful Remembrance* (2018), 3.

<sup>5</sup> Peter Gray, “Memory and the commemoration of the Great Irish Famine,” ann an *The Memory of Catastrophe*, deas. Peter Gray agus Kendrick Oliver (2004), 48.

thachartas eachdraidheil a chruthachadh ann an seanchas coimhearsnachd.<sup>6</sup> Tha Ó Ciosáin a' cumail a-mach gum faodar cuimhne an t-sluaigh (*collective memory*) a sheòrsachadh ann an trì ìrean: cuimhne choitcheann (*global memory*), cuimhne chumanta (*popular memory*) agus cuimhne ionadail (*local memory*). 'S e fios farsaing aig ìre nàiseanta a bhios a' tighinn, mar as àbhaist, bho thùsan sgrìobhte a th' ann an cuimhne choitcheann. An taca ri seo, tha cuimhne ionadail a' tighinn bho sheanchas buill na coimhearsnachd fhèin agus mar as àbhaist, tha fios ionadail agus ainmean muinntir an àite a' nochdadh innte.<sup>7</sup> Eadar an dà cheann seo, gheibhear cuimhne chumanta. Tha Ó Ciosáin a' mìneachadh gum faighear innte:

A stylised repertoire of images, motifs, short narratives and supernatural legends, many of them part of a wider international narrative repertoire, which form a system of representation... as well as a guide to behaviour.<sup>8</sup>

Tha am frèam-sgrùdaidh seo na uidheam cuideachail gu bhith a' breithneachadh air seanchas mu chreideamh agus thèid a chur gu feum san tràchdas seo far a bheil e iomchaidh. 'S e seo a' chiad turas a thèid am frèam-sgrùdaidh aig Ó Ciosáin a chleachdadh a thaobh seanchas Gàidhlig na h-Alba, ged a tha Hilary Joyce Bishop air seanchas mu na h-amannan peanasail ann an Èirinn a sgrùdadh anns an dòigh seo.<sup>9</sup>

Tha am frèam-sgrùdaidh aig Ó Ciosáin cuideachdail a thaobh mar a tha tachartasan eachdraidheil air an cuimhneachadh ann an seanchas a tha ceangailte ri creideamh, ach cuideachd, thèid a chur gu feum san tràchdas seo gus sealltainn mar a tha na trì ìrean a' toirt buaidh air cleachdaidhean creideimh fhèin: gu bheil buaidh choitcheann aig ìre na h-Eaglaise Caitligich mar bhuidheann eadar-nàiseanta air na cleachdaidhean seo, buaidh chumanta a thaobh bheachdan agus chleachdaidhean "Albannach" no "Gàidhealach" no "Èireannach" agus buaidh ionadail a thaobh bheachdan agus chleachdaidhean aig ìre na coimhearsnachd fhèin. Tha Bishop a' sgrìobhadh, "While Ó Ciosáin introduces three discrete levels of memory, evidence suggests that these levels

---

<sup>6</sup> Tha Ó Ciosáin a' cur air adhart frèam-sgrùdaidh airson rannsachadh seanchais san sgrìobhadh aige air beul-aithris na Gorta Mòire ann an tasglann Coimisiúin Béaloideas Éireann. Faic Niall Ó Ciosáin, "Approaching a Folklore Archive," *Folklore* 115 (2004): 222–232.

<sup>7</sup> Ó Ciosáin, "Approaching," 224–225.

<sup>8</sup> Ó Ciosáin, "Approaching," 225.

<sup>9</sup> Hilary Joyce Bishop, "Memory and Legend: Recollections of Penal Times in Irish Folklore," *Folklore* 129 (2018): 18–38.

are mutable and interactive.”<sup>10</sup> Seallaidh an tràchdas seo gu bheil an aon rud fìor mu na h-ìrean seo mar a thathar gan tuigsinn mar ìrean buaidhe air cleachdaidhean creideimh: chithear mar a tha an dàimh eadar na h-ìrean seo toinnte.

Gus coimhead air cleachdaidhean creideimh ann an coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar, bidh gach caibideil san tràchdas a’ dèiligeadh ri làcasan creideimh diofraichte. Mar na “lieux de mémoire” aig Nora, tha na làcasan creideimh seo nan àitichean far an tig tòrr ri chèile aig na diofar ìrean a tha Ó Ciosáin ag ainmeachadh: luachan agus seachas aig ìre na coimhearsnachd, beachdan cumanta aig ìrean ionadail agus nàiseanta agus buaidh ghluasadan san Eaglais Chaitligich air fad air cleachdaidhean sna coimhearsnachdan seo.

Chaidh caibideilean an tràchdais a chur an òrdugh a dh’aona-ghnothach. Bidh Caibideilean 2 agus 3 a’ toirt sùil air feartan de chreideamh anns na h-Eileanan Siar mu dheas a tha gu follaiseach aig cridhe a’ chreideimh Chaitligich: An Aifreann agus cràbhachd don Òigh Mhoire. Tha Caibideil 4 a’ gluasad a-steach gu àrainneachd na dachaigh le bhith a’ dèanamh sgrùdadh air ùrnaighean dùthchasach. Tha Caibideil 5, aig meadhan an tràchdais, a’ cur ìomhaigh nan Eilean Siar mu dheas ann an sùilean an t-saoghail mhòir fon phrosbaig agus a’ toirt sùil air cràbhachd phoblach sna h-Eileanan fhèin. Tha na trì caibideilean mu dheireadh a’ dèiligeadh ris a’ chàirdeas eadar seachas Gàidhealach nan Eilean agus Caitligeachd, le Caibideil 6 a’ coimhead air ìomhaigh an t-sagairt ann an seachas nan Eilean, Caibideil 7 a’ breithneachadh air sgeulachdan apocraphach agus Caibideil 8 a’ ceasnachadh chleachdaidhean dùthchasach mu thimcheall air uisge coisrigte. Chithear gu bheil cuid de na caibideilean a’ toirt sùil air tachartasan eachdraidheil a tha air taobh a-muigh crìochan an tràchdais agus co-theagsa nan cuspairean seo a shoilleireachadh. Mar eisimpleir, gheibhear seachas mu shagairt na 17mh is 18mh linn ann an Caibideil 6, leis gun robh an seachas seo mar phàirt de dhualchas nan Eilean anns an 19mh linn agus an 20mh linn.

---

<sup>10</sup> Bishop, “Memory,” 35.

## 1.2 Creideamh dùthchasach

Bidh an tràchdas seo a' dèiligeadh ri cleachdaidhean creideimh dùthchasach. Thathar a' cur cuideam air cleachdaidhean creideimh, agus an seachas mu thimcheall orra, airson grunn adhbharan. 'S e am prìomh adhbhar gu bheil cleachdaidhean cudromach. Tha an Eaglais Chaitligeach air a bhith a' gabhail ris a' phrionnsabal "lex orandi, lex credendi" fad linntean: mar a bhithear ag ùrnaigh, 's ann a bhithear a' creideamh.<sup>11</sup> Tha Salvador Ryan a' togail air seo a thaobh creideamh an t-sluaigh ("popular piety"): gum bi cleachdaidhean a' toirt buaidh air na thathar a' creidsinn.<sup>12</sup> Chithear gu bheil a chaochladh fìor cuideachd: gu bheil creideamh ga thaisbeanadh ann an cleachdaidhean creideimh. Mar a tha Ryan a' sgrìobhadh: "The transition to 'popular religion' occurs when doctrine is received and put into practice."<sup>13</sup>

Tha Marion Bowman a' cur an cèill a' cheangail eadar creideamh agus cleachdaidhean agus mar a tha cleachdaidhean deatamach do bhith a' tuigisinn creideamh mar seo:

To understand religion in its broadest sense it is therefore necessary to take into account not just theology or philosophy and ritual, but the perceptions, beliefs and behaviour of those practicing it.<sup>14</sup>

Tha Leonard Primiano a' tarraing air an aon ràmh nuair a bhios esan a' toirt seachad an tuairsgeul aige fhèin air creideamh dùthchasach: "Vernacular religion is, by definition, religion as it is lived: as human beings encounter, understand, interpret, and practice it."<sup>15</sup>

---

<sup>11</sup> "The Church's faith precedes the faith of the believer who is invited to adhere to it. When the Church celebrates the sacraments, she confesses the faith received from the apostles - whence the ancient saying: *lex orandi, lex credendi* (or: *legem credendi lex statuat supplicandi*, according to Prosper of Aquitaine [5th cent.]). The law of prayer is the law of faith: the Church believes as she prays. Liturgy is a constitutive element of the holy and living Tradition." *Catechism of the Catholic Church*, Earrann 1124 (2000).

<sup>12</sup> Salvador Ryan, "Some Reflections on Theology and Popular Piety," *Heythrop Journal* 53 (2012): 968.

<sup>13</sup> Ryan, "Some Reflections," 961.

<sup>14</sup> Marion Bowman, "Phenomenology, Fieldwork and Folk Religion," ann an *Religion: Empirical Studies*, deas. Steven J. Sutcliffe (2004), 6.

<sup>15</sup> Leonard Primiano, "Vernacular Religion and the Search for Method in Religious Folklife," *Western Folklore* 54, No. 1 (1995): 44.

'S ann mar a bhios Primiano a' tuigsinn "vernacular religion" a bhithear a' tuigsinn "creideamh dùthchasach" san tràchdas seo, agus cuirear ri seo an tuairisgeul aig a' Phàpa Eòin Pòl II air creideamh an t-sluaigh no "popular piety":

Popular piety is an expression of faith which avails of certain cultural elements proper to a specific environment which is capable of interpreting and questioning in a lively and effective matter the sensibilities of those who live in the same environment.<sup>16</sup>

Tha rud no dhà ri thogail bhon tuairisgeul seo. Nì mise, mar rannsaiche aig a bheil sealladh Caitligeach, sgrùdadh air cleachdaidhean creideimh ann an coimhearsnachdan Caitligeach. Mar sin, cha bu shuarach mar a tha an t-ùghdarras as àirde san Eaglais fhèin a' cur cuspair an rannsachaidh an cèill. A bharrachd air sin, tha an cuideam a thathar a' cur air àite ("environment") san tuairisgeul seo cudromach cuideachd. Thèid seo leis mar a tha "dùthchasach" ga thugisinn ann an Gàidhlig. Tha an sgrìobhadair, Aonghais Phàdraig Caimbeul (1952-), a chaidh a thogail na Chaitligeach ann an Uibhist a Deas, a' cur "dùthchas" an cèill mar seo:

Tha e a' ciallachadh grunn rudan ann an diofar sheaghan, ach aig cridhe a' ghnòthaich tha e a' ciallachadh am pòsadh iongantach sin – am pòsadh dualach sin – eadar cànan agus àite agus dualchas, ceangailte – no co-cheangailte – ri treubh is cinneach is eachdraidh is càirdeas is creideamh is sgeulachd is eile. Tha e mar aiseal na rotha air am bheil spògan na cairte uile a' crochadh.<sup>17</sup>

Gu bhith a' breithneachadh air cleachdaidhean creideamh dùthchasach ann an coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar mu dheas, tha e cudromach a bhith ag aithneachadh gu bheil na h-eileamaidean a bhios Caimbeul ag ainmeachadh a' biathachadh a-steach dhan choimhearsnachd aig a bheil na cleachdaidhean seo: gu bheil buill na coimhearsnachd a' fuireach san aon àite, gu bheil an aon chànan aca, agus gu bheil co-theagsa eachdraidheil aig na cleachdaidhean seo cuideachd. Mar sin, ged a tha mar a thathar a' tuigsinn creideamh an t-sluaigh, "popular religion" no "popular piety" cudromach dhan tràchdas seo, thathar a' breithneachadh air cleachdaidhean creideimh dùthchasach aig a bheil co-theagsa àraidh.

---

<sup>16</sup> John Paul II, "Extracts from the Address of His Holiness Pope John Paul II to the Plenary Meeting of the Congregation for Divine Worship and the Discipline of the Sacraments," ann an *Directory on Popular Piety and the Liturgy* (2002), 12.

<sup>17</sup> Aonghais Phàdraig Caimbeul, "Roimh-Ràdh," ann an *Dùthchas nan Gàidheal*, deas. Michael Newton (2006), xvi.

### 1.3 A' cur ri eòlas mu chleachdaidhean creideimh sna h-Eileanan Siar

Air a' chuspair “vernacular forms of intangible performance culture,” air a' Ghàidhealtachd air dà thaobh a' Chuain Siar, tha Tiber Falzett a' sgrìobhadh:

Attention has traditionally focused on the collection of the traditions themselves, often treating them as curiosities held within a Victorian curio-cabinet. However, little consideration has been given to local perceptions of these traditions, capable of revealing their function, meaning and context within the communities that have intergenerationally maintained them.<sup>18</sup>

Tha an aon rud fìor mu chleachdaidhean creideamh dùthchasach am measg nan Gàidheal. Mar a sgrìobhas Konstanze Glaser, “The promotion of the Highlands and Hebrides as a region of remarkable spiritual and mystical qualities drew on collections of material from their oral tradition.”<sup>19</sup> On a chaidh dreachan de dh'ùrnaighean dùthchasach agus tionndaidhean Beurla dhiubh fhoillseachadh le luchd-cruinneachaidh a leithid Alasdair MhicGilleMhìcheil (1832-1912), bha an fheadhainn a bha gan cruinneachadh agus gam foillseachadh a' cur cuideam air mar a ghabhadh daoine air taobh a-muigh na Gàidhealtachd riutha agus ris an ìomhaigh dhen “Ghàidheal spioradail” a rachadh nan cois,<sup>20</sup> seach mar a ghabhadh na Gàidheil fhèin a thug am fiosrachadh seachad riutha. Mar a sgrìobhas Domhnall Uilleam Stiùbhart mun *magnum opus* aig MacGilleMhìcheil, *Carmina Gadelica* (1900):

*Sub specie æternitatis*, his three-guinea masterwork certainly won an extensive, enduring, global readership—but that readership did not include the island crofters and cottars who had entrusted Carmichael with their store in the first place.<sup>21</sup>

A' leantainn air a' bheachd seo, agus air a' bheachd aig Falzett gu h-àrd, gun robh cuideam air a chur air nithean bho bheul-aithris a chaidh a chruinneachadh agus air na dhèanadh feadhainn air taobh a-muigh na coimhearsnachd dhiubh, seach mar a bhiodh na daoine fhèin a thug am fiosrachadh seachad a' coimhead orra, chan eil

---

<sup>18</sup> Falzett, “Am Measg nan Daoine,” 59.

<sup>19</sup> Konstanze Glaser, *Minority Languages and Cultural Diversity in Europe* (2007), 89.

<sup>20</sup> Airson tuilleadh air mar a chuir MacGilleMhìcheil ris an ìomhaigh seo, faic Bradley, *Celtic Christianity* (1999), 137, 157-161. Cuideachd, faic Donald Meek, “Alexander Carmichael and ‘Celtic Christianity,’” ann an *The Life and Legacy of Alexander Carmichael*, deas. Dòmhnall Uilleam Stiùbhart (2008), 82-95.

<sup>21</sup> Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, “The Theology of *Carmina Gadelica*,” ann an *The History of Scottish Theology, Volume III: The Long Twentieth Century*, deas. David Fergusson agus Mark Elliott (2019), 15.



mòran rannsachaidh foillsichte air mar a bhiodh Gàidheil às na coimhearsnachsachdan às an tàinig na nithean seo a' tuigisinn nan cleachdaidhean creideimh aca fhèin.<sup>22</sup> Thathar an dòchas gun cuir an tràchdas seo ris a' chorpas bheag de sgoilearachd a th' ann air beul-aithris mu chreideamh bhon t-sealladh seo. Chan eil seo a' dol às àicheadh gu bheil sgrìobhadh sgoileireil ann air na feartan a thug buaidh air creideamh air a' Ghàidhealtachd agus mar a tha e ga thaisbeanadh gu h-eachdraidheil, leis an sgoilearachd aig Ian Bradley, Meg Bateman agus John Purser agus Dòmhnall Meek uileadh a' cur ris a' chòmhradh.<sup>23</sup>

Tha an rannsachadh san tràchdas seo a' cur cuideam air mar a tha iomadh seòrsa fianais agus fiosrachaidh a' tighinn còmhla ann: an dà chuid tùsan sgrìobhte, mar notaichean luchd-cruinneachaidh nach deach fhoillseachadh, litreachas cràbhach, cunntasan foillsichte mu chreideamh sna h-Eileanan, agus tùsan clàraichte, mar agallamhan agus beul-aithris a chaidh a chlàradh le luchd-obrach Sgoil Eòlais na h-Alba san 20mh linn. Le bhith a' cleachdadh an roinn de thùsan seo, chithear an càirdeas toinnte eadar tùsan sgrìobhte agus tùsan clàraichte agus mar a bheir an dà chuid buaidh air a chèile a thaobh seachas agus cleachdaidhean creideimh nan Gàidheal Caitligeach sna h-Eileanan Siar. Thèid a chur ri seo toraidhean an rannsachadh-làraich a rinn mi fhìn sna h-Eileanan agus an t-eòlas pearsanta a th' agam bhon a bhith a' fuireach ann an coimhearsnachd Chaitligeach sna h-Eileanan.

Cuiridh an tràchdas seo cuideachd ris a' chorpas bheag de rannsachadh sgoileireil stèidhichte air beul-aithris nan Gàidheal a tha sgrìobhte sa Ghàidhlig fhèin. Tha co-dhiù dà adhbhar ann airson seo: gu bheil e nàdarra a bhith a' sgrìobhadh mu chleachdaidhean dùthchasach sa chànan anns a bheil iad air an cur an cèill, gun a bhith a' dèanamh eadar-theangachadh, agus cuideachd a bhith a' cur an aghaidh a' mhì-chothruim a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, a thaobh a' chuideam eachdraidheil air

---

<sup>22</sup> Tha corra eisimpleir ann, mar a gheibhear san leabhar aig Maighread A. Challan, *Air Bilean an t-Sluaigh* (2012), a bhios a' dèiligeadh ris na co-theagsaichean sòisealta agus dualchasach aig beul-aithris ann an Uibhist a Tuath, agus a' toirt iomradh air cleachdaidhean aig àm bàis (121-124) agus cleachdaidean ceangailte ri adhradh (125-126). Faic Shamus Y. MacDonald, "With Respect to the Dead," *Genealogy* 4, No. 2 (2020): 66.

<sup>23</sup> Faic Ian Bradley, *Celtic Christianity* (1999); Meg Bateman agus John Purser, *Window to the West* (2020); agus Donald Meek, *The Quest for Celtic Christianity* (2000).

mar a ghabhadh daoine air taobh a-muigh na coimhearsnachd ri riochdachadh creideamh nan Gàidheal, seach na Gàidheil fhèin.

#### 1.4 Modh-eòlas rannsachaidh

Cho fad 's a tha i stèidhichte air obair-làraich a rinn mi fhìn sna h-Eileanan Siar mu dheas, tha an tràchdas seo a' cur ri roinn de rannsachadh eiteòlach air cleachdaidhean creideimh ionadail co-aimsireil, mar an rannsachadh aig Marion Bowman air creideamh dùthchasach ann an Talamh an Èisg<sup>24</sup>, an obair air creideamh dùthchasach muinntir Gagauz ann am Moldobha a rinn James A. Kapaló,<sup>25</sup> agus an rannsachadh mu chreideamh nan Caitligeach ann an Luimneach le Síle de Cléir<sup>26</sup> agus ann an Dún na nGall le Laurence J. Taylor.<sup>27</sup> Tha mòran ri thogail bho rannsachadh nan sgoilearan seo. Tha an spèis a tha Bowman a' toirt do chreideamh buill na coimhearsnachd a tha i a' rannsachadh na dheagh eisimpleir air an aon seòrsa rannsachaidh stèidhichte sa choimhearsnachd a tha anns an tràchdas seo. A bharrachd sin, tha an tuigse a th' aice air mar a tha creideamh cudromach do gach pàirt de bheatha buill na coimhearsnachd ga leantainn san tràchdas seo.<sup>28</sup> Bha an tuairisgeul a tha Kapaló a' toirt seachad air mar a thug romansachas agus nàiseantachas na 19mh linn buaidh air teachd rannsachadh air creideamh an t-sluaigh feumail dhan tràchdas seo. Cuideachd, chìthear anns an obair aig Kapaló an diofar eadar seallaidhean Pròstanach, Caitligeach agus Ortadogsach air creideamh an t-sluaigh ann an meadhan agus taobh an ear na Roinn Eòrpa. Tha seo a' sealltainn gun robh co-theagsa na b' fharsainge aig leithid Alasdair MhicGilleMhìcheil anns na h-Eileanan agus mar a tha a bhuidh ga leantainn gus an latha an-diugh.<sup>29</sup> Cuideachd, a' tarraing air obair Primiano, Bowman agus sgoilearan eile, tha Kapaló a' moladh modh-eòlas rannsachaidh creideamh an t-sluaigh a tha stèidhichte air cleachdaidhean creideimh,<sup>30</sup> agus sin am modh-eòlas a tha an tràchdas seo a' leantainn. Nas fhaisge air suidheachadh an tràchdais seo sna h-Eileanan, tha an t-

<sup>24</sup> Marion Bowman, "Vernacular religion and nature," *Folklore* 114, No. 3 (2003): 285–295.

<sup>25</sup> James A. Kapaló, *Text, Context and Performance* (2011).

<sup>26</sup> Síle de Cléir, *Popular Catholicism in 20th-Century Ireland* (2017).

<sup>27</sup> Laurence J. Taylor, *Occasions of Faith* (1995).

<sup>28</sup> Bowman, "Vernacular religion," 285–286.

<sup>29</sup> Kapaló, *Text, Context and Performance*, 20–25.

<sup>30</sup> Kapaló, *Text, Context and Performance*, 29–35.

saothair aig de Clèir agus Taylor ann an Èirinn luachmhor mar eisimpleirean de rannsachadh mionaideach air cleachdaidhean creideimh a bhios gan cur ann an co-theagsa eachdraidheil is ionadail, ged a tha buaidh bheachdan mar “liminality” a tha bitheanta ann an tuairisgeulan air “Celtic Christianity” ri lorg ann an obair Taylor.<sup>31</sup>

Cuideachd, cuiridh an obair seo ri rannsachadh eiteòlach a chaidh a dhèanamh ann an coimhearsnachdan Gàidhealach san 20mh linn sgrìobhte le rannsaichean a chuir seachad ùine a’ fuireach sna coimhearsnachdan anns an do rinn iad an rannsachadh, agus aig an robh Gàidhlig – gu ìre, co-dhiù. Tha cuid dhen rannsachadh seo stèidhichte air cleachdaidhean mu thimcheall air bàs, mar “Burial and Mourning Customs in a Hebridean Community” aig F.G. Vallee, a nochd sna 1950an.<sup>32</sup> Rinn Susan Parman rannsachadh eiteòlach air coimhearsnachd ann an Leòdhas sna 1970an agus 1980an agus chaidh toraidhean na h-obrach seo fhoillseachadh mar *Scottish Crofters: A Historical Ethnography of a Celtic Village*.<sup>33</sup> Rinn Sharon Macdonald obair-làraich ann an coimhearsnachd ann an ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich sna 1980an agus chaidh an rannsachadh seo fhoillseachadh mar *Reimagining Culture: Histories, Identities and the Gaelic Renaissance*.<sup>34</sup>

Anns na leabhraichean aca, tha Parman agus Macdonald a’ dèiligeadh ri creideamh ann ann coimhearsnachdan Gàidhealach, ged a tha iad a’ sgrìobhadh air coimhearsnachdan far an robh a’ mhòr-chuid a’ frithealadh na h-Eaglaise Shaoire.<sup>35</sup> Cha robh obair na dithis rannsaichean seo gun chonnsaid. Mar eisimpleir, tha Fraser MacDonald, na eòlaiche eachdraidh a chaidh a thogail san Eaglais Shaor, a’ sgrìobhadh gu bheil na caibideilean air creideamh aig Parman ann an *Scottish Crofters* trioblaideach dhasan. Tha e a’ cur air adhart gu bheil Parman a’ sgrìobhadh bho shealladh “secular-normative” agus nach do rinneadh oidhirp gu leòr gus creideamh buill na

---

<sup>31</sup> Taylor, *Occasions of Faith*, 42.

<sup>32</sup> F.G. Vallee, “Burial and Mourning Customs in a Hebridean Community,” *Journal of the Royal Anthropological Institute of Great Britain and Ireland* 85, No. 1/2 (1955): 119-130. Tha obair cuideachd air dèanamh air cleachdaidhean mu thimcheall air bàs ann an coimhearsnachdan Gàidhealach ann an Alba Nuadh. Faic MacDonald, “With Respect,” 66.

<sup>33</sup> Susan Parman, *Scottish Crofters* (1990).

<sup>34</sup> Sharon MacDonald, *Reimagining Culture* (1997).

<sup>35</sup> Faic Parman, *Scottish Crofters*, 125-152; MacDonald, *Reimagining Culture*, 163-187.

coimhearsnachd a thugisinn bho thaobh a-staigh crìochan a' chreideimh fhèin.<sup>36</sup> Bheir e breithneachadh coltach ri seo seachad air mar a bhios Sharon Macdonald a' dèiligeadh ri creideamh ann an *Reimagining Culture*, agus esan a' cumail a-mach gun robh “popular inaccuracies about Prebyterianism” ri fhaighinn ann.<sup>37</sup> Anns an tràchdas seo, tha mi gu bhith faiceallach nach dèanar an aon rud, agus mise a' sgrìobhadh air cleachdaidhean creideimh mar chreidmheach, aig a bheil an aon chreideamh 's a tha aig buill na coimhearsnachd. Chaidh mo thogail ann an teaghlach ann an Alba Nuadh aig a bheil freumhan sna coimhearsnachdan Caitligeach air a' Ghàidhealtachd. Mar sin, chithear an rannsachadh seo mar obair air leth nach deach a dhèanamh thuige seo: sealladh sgoileireil air cleachdaidhean creideimh ann an coimhearsnachdan Gàidhealach le ransaiche aig a bheil an aon chreideamh 's a tha aig buill na coimhearsnachd fhèin.

A' togail air seo, faodar coimhead air an rannsachadh-làraich a rinn mi fhìn sna coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar mar rannsachadh a tha gu ìre “emic” – gu bheilear a' feuchainn ri tuigse fhaighinn air cleachdaidhean creideimh sna coimhearsnachdan seo bhon taobh a-staigh, seach sealladh “etic” bhon taobh a-muigh.<sup>38</sup> Anns an tràchdas seo, tha “emic” agus “etic” gan tuigsinn mar a tha Kapaló gam mìneachadh, a' tarraing air an obair aig Alan Dundes:

Etic approaches are inherently classificatory, seeking to devise systems, classes, and units that logically structure phenomena in such a way that they can be readily analyzed and compared. [...] An emic approach, on the other hand, aims at the interpretation of data in tune with the perspective of the other, respecting the explicit categories of the insider.<sup>39</sup>

Tha e feumail cuideachd aithneachadh na tha Lillis Ó Laoire a' cur air adhart mun rannsachadh-làraich aige fhèin stèidhichte air òrain Ghaeilge ann an Oileán Thoraí,

---

<sup>36</sup> Fraser MacDonald, “Colloquium: Susan Parman’s *Scottish Crofters*,” *Journal of Scottish Historical Studies* 24, No. 2 (2004): 163.

<sup>37</sup> Fraser MacDonald, “Review: *Reimagining Culture: Histories, Identities and the Gaelic Renaissance* by Sharon Macdonald,” *The Journal of the Royal Anthropological Institute* 5, No. 1 (Mar 1999): 140.

<sup>38</sup> Tha na faclan “emic” agus “etic” air a bhith gan cleachdadh ann an diofar sheadhan on a chleachd an cànanach Kenneth Pike (1912-2000) iad an toiseach ann an 1954. Faic Thomas N. Headland, “A Dialogue Between Kenneth Pike and Marvin Harris on Emics and Etics,” ann an *Emics and Etics: The Insider/Outsider Debate*, deas. Kenneth L. Pike, Marvin Harris, Thomas N. Headland (1990), 13-27.

<sup>39</sup> Kapaló, *Text, Context and Performance*, 17. Faic Alan Dundes, “From Etic to Emic Units in the Structural Study of Folktales,” *Journal of American Folklore* 75, No. 296 (1962): 95-105.

nach eil na crìochan eadar “etic” agus “emic” daonnan soilleir: nach eil an neach-rannsachaidh daonnan air aon taobh seach an taobh eile fhad ’s a bhios e an sàs ann an obair-làraich.<sup>40</sup> Le sin air a ràdh, tha an fheallsanachd air cùlaibh na h-obrach-làraich a rinn mi a’ dol gu mòr leis an tuairisgeul aig Kapaló air rannsachadh “emic.” Le bhith a’ breithneachadh air na beachdan aig Falzett agus Stiùbhart gu h-àrd, tha e furasta faicinn gu bheil rannsachadh “etic” stèidhichte ann an coimhearsnachdan Gàidhealach, gu h-àraidh a thaobh cleachdaidhean creideimh, a’ ceartachadh mì-chothrom eachdraidheil. B’ ann gu tric a bha dreachan de dh’ùrnaighean agus an leithid, air an eadar-theangachadh gu Beurla, air an taisbeanadh dhan t-saoghal mhòr, gun ghuth air co-theagsa na coimhearsnachd, air neo air an cur ann an co-theagsa romansach.<sup>41</sup> Le bhith a’ feuchainn ri cuideam a chur air beachdan muinntir na coimhearsnachd fhèin san rannsachadh seo, thathar an dùil gun tèid seo a dh’ionnsaigh ceartachadh a’ mhì-chothruim seo.

A’ sgrìobhadh air an rannsachadh aige air ceòl traideasanta am measg muinntir Oileán Thoraí ann an Èirinn, Tha Lillis Ó Laoire a’ beachdachadh air an tuairisgeul “native insider” air rannsaiche beul-aithris coltach ris fhèin, air sàilleabh ’s gur ann à Dún na nGall a tha e agus gur e Gaeilge a’ chiad chànan aige, agus mar sin, tha tòrr aige sa chumantas ri muinntir Oileán Thoraí. Ach tha esan ag aithneachadh gu bheil cuingealachaidhean air roinn-seòrsaichean mar seo agus nach foghain an inbhe seo gus a bhith cinnteach gum biodh an rannsachadh aige soirbheachail.<sup>42</sup> Tha Ó Laoire mothachail gun robh aige ri “positive reciprocal dynamic” a chumail ri muinntir an eilein.<sup>43</sup> Bha dàimh fhada aige ri muinntir an eilein, fad cha mhòr fichead bliadhna aig an àm a sgrìobh e an t-alt “Fieldwork in Common Places: An Ethnographer’s Experience

---

<sup>40</sup> Lillis Ó Laoire, “Fieldwork in common places: An ethnographer’s experiences in Tory Island,” *British Journal of Ethnomusicology* 12, No. 1 (2003): 118. Tha an tuigse seo aig Ó Laoire air “etic” agus “emic” stèidhichte air an tuairisgeul aig Timothy Rice ann an “Towards a Mediation of Field Methods and Field Experiences in Ethnomusicology” ann an *Shadows in the Field*, deas. Gregory F. Barz agus Timothy J. Cooley (1997), 101-120.

<sup>41</sup> Mar eisimpleir, faic an tuairisgeul aig Meek air mar a thàinig eadar-theangachaidhean de na h-ùrnaighean a gheibhear ann an *Carmina Gadelica* a bhith nan teagsaichean bunaiteach ann an leabhraichean dhen ghnè “Celtic Christianity” san dàrna leth dhen 20mh linn. *Quest*, 72-73.

<sup>42</sup> Ó Laoire, “Fieldwork,” 118.

<sup>43</sup> Ó Laoire, “Fieldwork,” 126.

in Tory Island.”<sup>44</sup> Tha e ag aithneachadh gu bheil e air càirdeasan pearsanta a thogail le daoine san eilean agus gu bheil e fhèin agus muinntir an eilein cuideachail dha chèile. Mar eisimpleir, tha esan a’ cur ri tachartasan ciùil san eilean agus a’ cuideachadh gus dualchas an eilein a thaisbeanadh do dhaoine bhon taobh a-muigh.<sup>45</sup> Air an làimh eile, air sàilleabh ’s gu bheil earbsa aig muinntir an eilein ann, tha cothrom air a bhith aige obair-làraich shoirbeachail a dhèanamh nam measg.<sup>46</sup>

Coltach ri Ó Laoire, tha cothrom air a bhith agam a bhith a’ breithneachadh air a’ chàirdeas a th’ agam ri muinntir nan Eilean Siar mu dheas agus mar a tha an rannsachadh agam ag obair anns a’ cho-theagsa sin. Ann an iomadh dòigh, tha an suidheachadh agam fhìn mar rannsaiche coltach ri suidheachadh Ó Laoire. Chan e “native insider” a th’ annam: rugadh mi ann an Ceap Breatainn agus dh’ionnsaich mi Gàidhlig aig an oilthigh ann an Alba Nuadh seach aig glùin mo mhàthar. Ach tha ceanglaichean sinnseireil agam ris na h-Eileanan Siar mu dheas, mar a tha aig mòran dhe na Caitligich ann an Ceap Breatainn. Thàinig mi a dh’Uibhist a Deas fad seachdain mar oileanach oilthigh ann an 2001 agus thill mi ann an 2003 fad sia seachdainean air greis-sgoile aig Sgoil Lìonacleit, an àrd-sgoil airson òigridh Uibhist air fad, mar phàirt dhen fho-cheum teagaisg a rinn mi aig Oilthigh Sràth Chluaidh. Chuir mise cha mhòr ceithir bliadhna seachad a’ fuireach ann an Uibhist a Deas, eadar 2008 agus 2012, agus mi ag obair mar thidsear aig Sgoil Lìonacleit rè an ama sin. Mar sin, tha mòran anns a’ choimhearsnachd eòlach orm agus tha iad cleachdte ri bhith gam fhaicinn san eaglais gu tric. Mar sin, tha fios aca gu bheil creideamh Caitligeach làidir agam fhìn agus nach e coigreach on “taobh a-muigh” a tha annam.

On a thàinig mi a dh’Oilthigh Ghlaschu ann an 2016 chuir mi seachad beagan sheachdainean ann an Uibhist cha mhòr gach bliadhna, airson measgachadh de dh’adhbharan rannsachaidh, adhbharan obrach agus adhbharan pearsanta. Tha caraidean agam ann an Uibhist air a bheil mi air a bhith eòlach fad fichead bliadhna. Mar sin, tha mi a’ faicinn mar a tha am “positive reciprocal dynamic” air a bheil Ó

---

<sup>44</sup> Thòisich Ó Laoire ri clàradh òrain aig seinneadairean à Oileán Thoraí ann an 1984. Ó Laoire, “Fieldwork,” 119.

<sup>45</sup> Ó Laoire, “Fieldwork,” 114.

<sup>46</sup> Ó Laoire, “Fieldwork,” 127.

Laoire a-mach ag obair dhomh fhìn. Tha muinntir Uibhist air tòrr a thoirt dhomh thairis air na bliadhnaichean aig ìre phearsanta: càirdeas, aoigheachd, beartas is blas a thaobh mo chuid Ghàidhlig, agus lèirsinn phrìseil air iomadh cuspair, creideamh nam measg. Ged nach eil ionnannachd ann idir a thaobh na bheir mi fhìn seachad dhan choimhearsnachd, tha mi ag aithneachadh gu bheil mi air cur rithe ann an diofar dhòighean: san obair a bh' agam mar thidsear àrd-sgoile agus mar bhall de pharaiste ionadail far an robh mi nam leughadair san Aifreann agus a' seinn ann an còisir na h-eaglaise. On a tha mi air a bhith ann an Glaschu, tha cothroman air a bhith agam a bhruidhinn air creideamh air Radio nan Gàidheal agus BBC Alba. Anns na prògraman seo, bidh mi gu tric a' tarraing air cleachdaidhean às na coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar mu dheas. Mar sin, tha mi an dòchas gu bheil mi a' cuideachdadh gus am beartas seo a thaisbeanadh air taobh a-staigh saoghal na Gàidhlig, agus ga dhèanamh ann an dòigh a tha iomchaidh agus modhail.

Tha Ó Laoire cuideachd a' breithneachadh air a' bheachd, a thaobh a bhith a' rannsachadh ciùil, gu bheil luach ann a bhith ag ionnsachadh nan dòighean dùthchasach cho math ri neach-ciùil dùthchasach no "native practitioner."<sup>47</sup> A-rithist, faodaidh mi ceangal a dhèanamh eadar seo agus an rannsachadh agam fhìn sna h-Eileanan Siar. Ged nach ann às a' choimhearsnachd a tha mi o thùs, agus gun do dh'ionnsaich mi Gàidhlig, 's e "practitioner" a th' annam a thaobh Gàidhlig agus Caitligeachd. A bharrachd air seo, tha mi mar tè a bha "thall agus a chunnaic" leis gu bheil mi air a bhith an sàs ann am beatha Chaitligeach làitheil ann an Uibhist. Chì mi mar a tha seo a' toirt dhomh sealladh nas fhèarr a-staigh dha chleachdaidhean agus creideamhan buill na coimhearsnachd.

A dh'aindeoin aithneachadh luach nan ceanglaichean a th' agam ris a' choimhearsnachd, tha e follaiseach gur e gnothach toinnte a th' ann a bhith a' dèanamh rannsachadh ann an coimhearsnachd sam bith, còmhla ri luchd-fiosrachaidh sam bith. Air sàilleabh 's nach deach mo thogail ann an Uibhist, agus nach eil mi a' fuireach ann làn-ùine, tha mi ag aithneachadh gu bheil mi a' tighinn a-staigh dhan choimhearsnachd bhon taobh a-muigh. Dh'fhaodar a ràdh gu bheil cas agam air taobh a-staigh agus air taobh a-muigh na coimhearsnachd: mar neach a thig dhan eilean agus

---

<sup>47</sup> Ó Laoire, "Fieldwork," 119.

a bhruidhneas cànan na coimhearsnachd, aig a bheil creideamh na coimhearsnachd, ach cuideachd, mar neach a tha a' dèanamh rannsachadh aig oilthigh ann an Glaschu, agus mar sin, aig a bheil foghlam "cèin." Ach a-rithist, tha an càirdeas a th' agam ris a' choimhearsnachd, ceangailte ris na dòighean anns a bheil mise nam sheasamh air taobh a-muigh na coimhearsnachd, cuideachail dhan rannsachadh agam. Coltach ris an dòigh a tha Ó Laoire a' faicinn gum faod seasamh an rannsaiche a bhith a' gabhail a-steach feartan "emic" agus "etic," tha Kim Knott a' mìneachadh:

An insider-researcher acts as both insider and outsider, and the movement back and forth opens him or her up to a range of types of information: that which is available to outsiders, that which is only available to those within the researched community (insiders), and that which becomes available to the researcher through his or her reflexive participation in the research process.<sup>48</sup>

Mar sin, tha mise gam fhaicinn fhèin, mar rannsaiche, ann an suidheachadh buannachdail. Mar neach a tha na pàirt dhen choimhearsnachd, fhuair mi fiosrachadh bhon fheadhainn air an "taobh a-staigh," ach tha goireasan agam ri làimh mar neach-rannsachaidh a bhios a' toirt dhomh co-theagsa acadaimeagach air na tha mi a' rannsachadh gus tuigse a' chuspair a thoirt air adhart.

## 1.5 Agallamhan

Tha an tràchdas seo a' tarraing air agallamhan còmhla ri ceathrar a tha a' fuireach sna h-Eileanan Siar :

Catrìona Garbutt (Catrìona Chaluim Iain Chaluim Bhig, 1935-) a tha air a bhith a' fuireach ann am Beinn a' Bhaoghla cha mhòr fad a beatha.

Màiri NicAonghais (Màiri Bhì, 1951-) a rugadh san Ìochdar, Uibhist a Deas, agus a tha air a bhith a' fuireach ann am Bòrnais, Uibhist a Deas, o na 1980an.

Pòl MacCaluim (1963-) a rugadh ann an Glaschu agus a thogadh ann an Taobh Tuath Ghleann Dail, Uibhist a Deas, agus a tha a' fuireach an sin fhathast.

Mgr Ross Crichton (1975-) a rugadh agus a thogadh ann an sgìre Ghlaschu agus a th' air a bhith na shagairt paraiste sna h-Eileanan Siar bho 2007.

---

<sup>48</sup> Kim Knott, "Insider/Outsider Perspectives," ann an *The Routledge Companion to the Study of Religion*, deas. John R. Hinnells (2005), 254.



Gheibhear na ceistean a chaidh a chur air Garbutt, NicAonghais agus Mgr Crichton anns an Èarr-ràdh. Chaidh an agallamh le MacCaluim a chumail na b' fhaide air adhart sa phròiseact agus chaidh cuideam a chur air seachas mu chreideamh, seach ceistean sònraichte. Bha na ceistean dearbhte le Comataidh Eitic Cholaiste nan Ealain, Oilthigh Ghlaschu agus dh'aontaich an ceathrar gu h-àrd gum faod an ainmean nochdadh san tràchdas seo.

Chan e sampall air thuairream a th' ann de mhuintir nan coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar a th' anns a' cheathrar gu h-àrd, ach feadhainn air a bheil mi fhìn air a bhith eòlach fad iomadh bliadhna. Mar sin, bha "rapport" eadarainn fada mus do thòisich mi air an rannsachadh seo. Dh'iarr mi orra agallamhan a chumail air sàilleabh 's gu bheil seallaidhean cudromach aca air dualchas nan coimhearsnachdan anns a bheil iad a' fuireach. Tha Garbutt, NicAonghais agus MacCaluim air a bhith air am bogadh ann an cleachdaidhean creideimh dùthchasach nan Eilean Siar cha mhòr fad am beatha. Tha an triùir aca air a bhith a' nochdadh sna meadhanan Gàidhlig fad iomadh bliadhna gus bruidhinn air dualchas Uibhist.<sup>49</sup> Ged nach deach Mgr Crichton a thogail sna h-Eileanan Siar, tha sealladh sònraichte aigesan air cleachdaidhean creideimh mar shagart paraiste aig a bheil Gàidhlig agus ùidh ann an dùthchas nan Gàidheal.

Thug cuingealachaidhean Chovid buaidh air an obair rannsachaidh agam sna h-Eileanan Siar. Chuir mi seachad beagan sheachdainean a' dèanamh rannsachadh ann an Uibhist a Deas as t-Samhradh 2018. Bha dùil agam tilleadh gus tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh, ach an uair sin, cha rachadh agam air a dhol dha na h-eileanan as t-Samhradh 2020 air sàilleabh riaghailtean Chovid. Anns an Iuchar 2021, fhuair mi maoinachadh bho Ionad Eòlas na h-Alba is na Ceiltis aig Oilthigh Ghlaschu gus trì seachdainean a chur seachad ann an Uibhist a Deas agus Barraigh gus tuilleadh agallamhan a dhèanamh. Fhad 's a bha mi ann an Uibhist, bhuail Covid orm agus cha d'

---

<sup>49</sup> Mar eisimpleir, faic *Program Choinnich*, Radio nan Gàidheal, 12.05.97, far a bheil Garbutt a' bruidhinn air làraich adhraidh air feadh Bheinn a' Bhaoghla. TanD, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/8709?l=en>. Chithear MacCaluim a' bruidhinn air creideamh ann an Uibhist anns a' phrògram "Scotland's Sacred Islands with Ben Fogle, Series 1, Episode 2 of 4: Southern Outer Hebrides," BBC Scotland, 12.10.2021, <https://www.bbc.co.uk/programmes/m0010m3n>. Cluinnear NicAonghais a' bruidhinn air creideamh agus dualchas ann an Uibhist a Deas air a' phrògram "Feasgar," Radio nan Gàidheal, 11.11.16, <https://learningonscreen.ac.uk/ondemand/index.php/prog/ODB9999D?bcast=122885013>.

fhuair mi cothrom a dhol a Bharraigh gus agallamhan a chumail, ged a tha cleachdaidhean ann am Barraigh agus Bhatarsaigh fhathast gu mòr nam pàirt dhen rannsachadh seo.

## Caibideil 2: An Aifreann

Gus sùil a thoirt air cleachdaidhean creideimh Ghàidheal Caitligeach sna h-Eileanan Siar mu dheas, tha e a' dèanamh ciall a bhith a' toiseachadh leis an Aifreann, agus 's i an lòcas creideimh as cudromaiche san Eaglais Chaitligich air fad. Gus breithneachadh air cleachdaidhean creideimh dùthchasach ceangailte ris an Aifreann, bheir a' chaibideil seo sùil air roinn de thùsan, leithid clàraidhean aig Sgoil Eòlais na h-Alba, tùsan sgrìobhte agus cunntasan pearsanta. 'S e seo a' chiad turas a chaidh an fharsaingeachd de thùsan seo a chur còmhla gus sgrùdadh air an Aifreann agus cràbhachd mu thimcheall oirre sna h-Eileanan Siar. Bidh a' chaibideil seo gu h-àraid a' dèiligeadh ri mar bha Gàidhlig ga cleachdadh san Aifreann bho dheireadh na 19mh linn gus an tàinig atharrachaidhean a-steach às dèidh Dàrna Comhairle a' Bhatacain, le bhith a' coimhead air dà àite anns am bi a' Ghàidhlig agus adhradh san Aifreann a' tighinn còmhla: an sreath de laoidhean air a bheil "Aifreann Mhaighstir Ailein" agus an leabhar cràbhaidh *Iùl a' Chrìostaidh*. Chithear anns a' chaibideil seo mar a thug gluasadan a thaobh cànan agus cràbhachd anns an Aifreann san Eaglais Chaitligich air fad buaidh air cleachdaidhean ionadail ceangailte ris an Aifreann sna h-Eileanan Siar.

### 2.1 Gàidhlig anns an Aifreann

Tha *The Catechism of the Catholic Church*, a bhios a' cur an cèill a' chreideimh Chaitligich, a' mìneachadh gu bheil an Aifreann ann an cridhe beatha na h-Eaglaise<sup>50</sup> agus, a' tarraing air *Lumen Gentium* (1964), tè de na sgrìobhainnean as cudromaiche a thàinig à Dàrna Comhairle a' Bhatacain (1962-1965), gur h-i "the source and summit of Christian life."<sup>51</sup> Anns an leabhar cràbhaidh Gàidhlig, *Iùl a' Chrìostaidh*, a nochd an toiseach ann an 1834, tha an t-aon iomradh air an Aifreann air nochdadh anns gach eagan dheth suas dhan fhear mu dheireadh ann an 1963:

Is ann 'san Aifrinn a tha Dia a' feuchainn saobhireachd a ghràs, agus a' dòrtadh oirnn ionmhas a mhathais: is ann 'san Aifrinn a tha bun ar creidimh, freumh ar dòchais, tobar ar slàinte, beatha ar n-anma, leigheas ar creuchdan spioradail, cobhair is furtachd do' r laigse. Is grian spioradail an Aifrinn a tha a' toirt

<sup>50</sup> *Catechism* (2000), Earrann 1343.

<sup>51</sup> *Catechism* (2000), Earrann 1324.

fradhairc is leirsinn, spioraid is càile do Chrìosduidhnean anns a' bheatha so, agus 'gan neartachadh gu ruighinn air a' bheatha mhaireannach.<sup>52</sup>

Ged a tha aontachadh ann sna tùsan seo air cho cudromach 's a tha an Aifreann do Chaitligich, tha atharrachaidhean air a bhith ann a thaobh cleachdadh na Gàidhlig san Aifreann agus modhannan cràbhaidh a thaobh na h-Aifrinn fhèin sna h-Eileanan Siar bhon 19mh linn gus an latha an-diugh. Ro Dhàrna Comhairle a' Bhatacain, bha ùrnaighean na h-Aifrinn uile ann an Laideann. Dh'atharraich seo ri linn na Comhairle. Mhol sgrìobhainn na Comhairle, *Sacrosanctum Concilium*, a nochd san Dùbhlachd 1963, gum faodadh barrachd dhen Aifreann a bhith ann an cànan an t-sluaigh.<sup>53</sup> Nochd *Ordo Missae* le ùrnaighean na h-Aifrinn ann am Beurla anns a' Ghiblean 1965<sup>54</sup> agus cha robh tionndadh Gàidhlig fada air deireadh, agus e a' nochdadh ann an leabhran san Fhaoilleach 1966.<sup>55</sup> 'S e obair trìùir shagairt ann an Sgìr-Easbaig Earra-Ghàidheal agus nan Eilean a th' anns an eadar-theangachadh seo, : Mgr Iain MacCarraig (1911-1980), Mgr Iain MacIlleathain (1919-1986) agus Mgr Donnchadh MacIlleathain (c.1900-1980). Chaidh an obair a thoirt dhaibh le Mgr Niall MacCeallaig (1909-1982) agus esan na Dheadhain nan Eileanan Siar aig an àm. Tha coltas ann gun robh Mgr Donnchadh MacIlleathain air an eadar-theangachadh a thòiseachadh mar-thà.<sup>56</sup>

'S e ceum eadar-mheadhanach a bha seo, ge-tà. Thàinig atharrachadh eile air an Aifreann ann an 1969, nuair a chuir am Pàpa Pòl VI bun-reachd abstolach (*apostolic constitution*) a-mach, *Missale Romanum*, a mhol dreach ùr dhen Aifreann.<sup>57</sup> Bha buidheann de shagairt agus de luchd-teagaisg sgoile ann an Uibhist a Deas air a bhith

---

<sup>52</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1963), 41.

<sup>53</sup> Paul VI, *Sacrosanctum Concilium* (1963), Caibideil 3, Earrann 36, [http://www.vatican.va/archive/hist\\_councils/ii\\_vatican\\_council/documents/vat-ii\\_const\\_19631204\\_sacrosanctum-concilium\\_en.html](http://www.vatican.va/archive/hist_councils/ii_vatican_council/documents/vat-ii_const_19631204_sacrosanctum-concilium_en.html).

<sup>54</sup> Gheibhear eisimpleir dhen dreach bho 1965 mar a bha e air a thoirt seachad do choitheanalan ann an Èirinn sa Bheurla ann an *Holy Mass*, Catholic Truth Society of Ireland (1965), <https://lxoa.files.wordpress.com/2011/06/ma.pdf>.

<sup>55</sup> John Watts, *A Record of Generous People* (2013), 229.

<sup>56</sup> Watts, *Record*, 228. Fhuair Watts am fiosrachadh seo bho litir a sgrìobh Mgr Aonghas MacCuithean, rùnaire na deadhanachd, dhan Easbaig McGill. Tasglann Sgìr-Easbaig Earra-Ghàidheal agus nan Eilean, DA/36/17/2 (21.09.1964). 'S e Mgr Donnchadh MacIlleathain a dheasaich eadar-theangachadh dhen *Catechism of Christian Doctrine* (1940), *Leabhar Cheist na Cloinne Bige* (1962) agus an t-eagran mu dheireadh de dh'*Iùl a' Chrìostaidh* (1963) cuideachd. Watts, *Record*, 221, 337.

<sup>57</sup> Paul VI, *Missale Romanum* (1969), [https://www.vatican.va/content/paul-vi/en/apost\\_constitutions/documents/hf\\_p-vi\\_apc\\_19690403\\_missale-romanum.html](https://www.vatican.va/content/paul-vi/en/apost_constitutions/documents/hf_p-vi_apc_19690403_missale-romanum.html).

ag obair air eadar-theangachadh nan leughaidhean bho sgrìobtar a bhiodh san Aifreann “ùir” eadar 1965 agus 1968. Bha an t-eadar-theangachadh ùr seo stèidhichte air roinn de thùsan Laideann, Beurla agus Gàidhlig.<sup>58</sup> Bu chòir a chomharrachadh an seo gun robh eadar-theangachadh Gàidhlig dhen Tiomnadh Nuadh ann, a rinn an sagart Mgr Eobhan MacEachainn (1769-1849)<sup>59</sup> agus a chaidh fhoillseachadh ann an 1875, “le aonta Easbuigean na h-Alba.”<sup>60</sup> Ged a bha teachdaireachd na bhroinn bho Àrd-Easbaig Ghlaschu, Charles Eyre (1817-1902), a’ moladh gum biodh an Tiomnadh seo “in the houses of all, and in the hands of each,”<sup>61</sup> chan fhaighear tòrr fianais thuige seo gun do ghabh muinntir nan Eilean ri seo gu mòr. Gus an latha an-diugh, chan eil leughadh a’ Bhìobaill sa Ghàidhlig aithnichte am measg Chaitligich nan Eilean san aon dòigh ’s a gheibhear seo ann an coimhearsnachdan Pròstanach.<sup>62</sup> Faodar an iomairt gu h-àrd, gus eadar-theangachadh ùr a dhèanamh air na h-earrannan de Sgrìobtar a bhiodh a’ nochdadh san Aifreann “ùir,” seach eadar-theangachadh air a’ Bhìoball air fad, fhaicinn mar chomharra agus mar fhianais air seo.<sup>63</sup>

Nuair a thàinig an dreach ùr dhen Aifreann a-staigh ann an 1969, chaidh bileagan Gàidhlig fhoillseachadh goirid às dèidh gus an leanadh am poball an Aifreann Ghàidhlig ùr. Tha coltas ann gun robhar an dùil ri leabhar Aifreann Ghàidhlig fhoillseachadh, ach cha tàinig seo gu bhith, agus ’s e na bileagan a chaidh a dhèanamh aig an àm sin a tha

---

<sup>58</sup> Airson a’ chunntas air ciamar a chaidh an obair seo air adhart, tha Watts a’ tarraing air litrichean bho Mhaighstir Niall MacCeallaig dhan Easbaig McGill agus dhan Easbaig Cailean Mac a’ Phearsain (1917-1990) a lean an t-Easbaig McGill, rim faighinn ann an Tasglann Sgìr-Easbaig Earra-Ghàidheal agus nan Eilean, DA 36/17/9 (28.10.1969), DA 36/7/3 (29.9.1965), DA 36/17/4 (26.10.1965), DA 26/17/5 (13.12.1965). Cuideachd, rinn Watts agallamh le Catriona Nic a’ Phì (Catriona MacPhee), An Leth Meadhanach, Uibhist a Deas. *Record*, 228-231, 339. Bha Mgr Donnchadh MacIlleathain na shagairt pharaiste ann an Dùn Omhain aig an àm agus rinn esan eadar-theagaichean air leth air làithean-fèille mar Diciadain na Luatha. Watts, *Record*, 339, a’ tarraing air litrichean bho Mgr Donnchadh MacIlleathain dhan Easbaig McGill ann an Tasglann Sgìr-Easbaig Earra-Ghàidheal agus nan Eilean, DA 36/17/7 (22.01.1966), DA 36/17/8 (08.03.1967).

<sup>59</sup> Rinn MacEachann faclair Gàidhlig (1842) agus eadar-theangachadh de na leabhraichean spioradail Caitligeach *An Cath Spioradail* aig Lorenzo Scupoli (1835) agus *Leanmhuinn Chriosta* aig Thomas à Kempis (1836). Airson barrachd air obair MhicEachainn, faic Alasdair Roberts, “Maighstir Eobhan Mac Eachainn and the Orthography of Scots Gaelic,” *TGSI* LXIII (2002-2004), 358-405.

<sup>60</sup> *Tiomnadh Nuadh* (1875), duilleag thiotail.

<sup>61</sup> *Tiomnadh Nuadh* (1875), stuthan a’ bheulaibh. Mo thaing do Dhonnchadh Sneddon, a thug an nota seo dham aire.

<sup>62</sup> Faic Macdonald, *Reimagining Culture*, 166, airson eisimpleir de leughadh a’ Bhìobaill mar theaghlach san Eilean Sgitheanach sna 1980an.

<sup>63</sup> Chan eil seo ri ràdh nach bi Caitligich nan Eilean idir a’ leughadh a’ Bhìobaill air an ceann fhèin, air neo air taobh a-muigh co-theagsa liotuirgidh na h-Eaglaise. ’S e mo bheachd fhìn gur e eadar-theangachadh Beurla a bhiodh an fheadhainn a dhèanadh seo san latha an-diugh a’ taghadh.

gan cleachdadh ann an cuid de dh’eaglaisean sna h-Eileanan Siar gus an latha an-diugh.<sup>64</sup>

Ann an cuimhne muinntir nan Eileanan Siar, ghabh iad ris an atharrachadh san Aifreann gun mhòran strì. Mar a chanas Catriona Garbutt, a bha sna deich air fhicheadan nuair a bha atharrachaidhean ann an cànan na h-Aifrinn a’ tighinn a-staigh:

Chan eil cuimhn’ a’ m idir air *stir* sam bith a bhith ann mu dheoghainn. Feumaidh dìreach gun do ghabh sinn ris gu nàdarra air choireigin. Chionn, bha sinn co-dhiù eòlach air a’ Laideann agus air a’ Ghàidhlig agus air a’ Bheurla a’s an Aifreann co-dhiù. [...] Cha robh daoine na aghaidh – ‘S dòcha gun robh iad ann, ach cha robhar ag ràdh mòran mu a dheoghainn. *It just happened.*<sup>65</sup>

A bharrachd air na tùsan sgrìobhte air an tugar iomradh gu h-àrd agus cunntasan pearsanta mar a th’ aig Garbutt, tha fianais eile ri fhaighinn mar a thàinig na h-atharrachaidhean san Aifreann a-staigh ann am meadhan na 20mh linn sna h-Eileanan Siar. Air sàilleabh ’s gun deach Aifreannan ann am Barraigh agus Uibhist a Deas a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba eadar na 1950an agus na 1970an, tha cothrom ann a bhith a’ coimhead air mar chaidh na h-atharrachaidhean a bha gam moladh aig ìre as àirde na h-Eaglaise a chur an gnìomh gu h-ionadail sna h-eileanan seo. Nuair a thèid èisteachd ris na clàraidhean seo, tha e soilleir cho cudromach ’s a bha laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” don dòigh anns an robh an Aifreann air a dèanamh sna h-Eileanan Siar air feadh an ama seo. Mar sin, tha e a’ dèanamh ciall gun do ghabh tòrr anns h-Eileanan ris na h-atharrachaidhean a lean Dàrna Comhairle a’ Bhatacain “gu nàdarra” mar a tha Garbutt ag aithris. Le seasmhachd laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailean” san Aifreann, cha bhiodh na h-atharrachaidhean neo-ghleusta do mhuinntir nan Eilean. Bheir an earrann a leanas sùil mhionaideach air “Aifreann Mhaighstir Ailein” le bhith ga cur ann an co-theagsa ghluasadan san Eaglais Chaitligich air fad bhon a chaidh a dèanamh an toiseach agus cuirear an cèill mar a chaidh na laoidhean a chleachdadh san Aifreann aig deireadh na 19mh linn, ri linn atharrachaidhean Dàrna Comhairle a’ Bhatacain, agus às dèidh nan atharrachaidhean seo.

<sup>64</sup> A rèir Watts, bha conaltradh eadar an t-Easbaig Mac a’ Phearsain agus Iain Latharna Caimbeul (1906-1996) air leabhar Aifrinn Ghàidhlig, ach cha tàinig gnothaichean gu buil. Tha Watts a’ tarraing air litrichean eadar an t-Easbaig Mac a’ Phearsain agus Caimbeul a tha rim faighinn ann an an Tasglann Sgìr-Easbaig Earra-Ghàidheal agus nan Eilean, DA 8/4/12 (21.10.1969), DA 8/4/13 (26.01.1970), DA 8/14/6 (20.04.1970). *Record*, 339.

<sup>65</sup> Catriona Garbutt, 12.06.2018.

## 2.2 “Aifreann Mhaighstir Ailein”

B’ e Mgr Ailein Dòmhnallach (1859-1905) fear de na sagairt às a’ Ghàidhealtachd a b’ ainmeile riamh. Ged a rugadh e anns a’ Ghearastan agus a bha e air Gàidhlig ionnsachadh<sup>66</sup> rinn e an t-uabhas a thaobh na Gàidhlig fhad ’s a bha e na shagart ann an Dalabrog, Uibhist a Deas agus ann an Èirisgeidh eadar 1884 agus 1905. Ann an 1889, chaidh leabhran beag, *Laoidhean Caitliceach air son Chloinne* fhoillseachadh anns an Òban, “le Cead an Easbuig.”<sup>67</sup> Ged nach eil ainm Mhgr Ailein air a’ chòmhdach, ’s e esan a rinn e.<sup>68</sup> ’S e am pàirt as motha dhen leabhran “An Aifrionn,” anns am faighear laoidhean Gàidhlig rin gabhail aig gach earrann dhen Aifreann, bho thoiseach gu crìch.<sup>69</sup> Tha na laoidhean a’ mìneachadh gu dè tha tachairt san Aifreann, mar “metrical paraphrase” dhen Aifreann.<sup>70</sup> Chaidh an sreath de laoidhean fhoillseachadh a-rithist san laoidheadair nas fhaide a rinn Mgr Ailein, *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail* (1893),<sup>71</sup> dìreach mar a nochd iad ann an *Laoidhean Caitliceach air son Chloinne*. Tha an dithis sgoilear Iain Latharna Caimbeul agus Ragnall MacIleDhuibh air obair ionmhalta a dhèanamh air tùsan nan laoidhean seo, agus thèid tarraing air an obair aca nas fhaide air adhart sa chaibideil seo.<sup>72</sup>

Sa chiad dol a-mach, tha e feumail a bhith a’ coimhead air co-theagsa nan laoidhean seo aig an àm a chaidh am foillseachadh, agus mar a bhios iad a’ dol le gluasadan san Eaglais Chaitligich san 19mh linn.

### 2.2.1 “Aifreann Mhaighstir Ailein” agus ath-bheòthachadh liotuirgeach

Thàinig ath-bheòthachadh liotuirgeach (“liturgical revival”) gu bith san Eaglais Chaitligich anns an 19mh linn, far an robh cuideam ga chur air prìomhachas liotuirgidh

<sup>66</sup> J.L. Campbell, *Fr Allan MacDonald of Eriskay* (1958), 7.

<sup>67</sup> Allan MacDonald, *Laoidhean Caitliceach air son Chloinne* (1889), 1.

<sup>68</sup> J.L. Campbell, “Sources of the Gaelic Hymnal,” *Innes Review* 7 (1956): 101-111.

<sup>69</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 3-9.

<sup>70</sup> Campbell, “Sources,” 101.

<sup>71</sup> Allan MacDonald, *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail* (1893), 133-139.

<sup>72</sup> Faic Campbell, “Sources,” 111, agus Ronald Black, *Eilein na h-Òige* (2002): 351-356.

na h-Eaglaise.<sup>73</sup> B' e seo tùs Glusad Liotuirgeach ("Liturgical Movement") na 20mh linn, agus faodar Glusad Liotuirgeach na naoideamh linn deug a chur air. Ged a thàinig mòran spionnadh a' ghluasaid seo bho mhanachainnean air tìr-mòr na Roinn Eòrpa,<sup>74</sup> thug e buaidh air beatha àbhaisteach Chaitligich ann am Breatainn cuideachd. Mar a tha Alcuin Reid a' mìneachadh:

The essence of Catholic nineteenth-century liturgical revival was what we may call "liturgical piety," i.e. that Christ's faithful would ordinarily find the necessary nourishment for Christian life through conscious connection with and contemplation of the faith of the Church as it is celebrated in the liturgical rites and prayers.<sup>75</sup>

Cha b' urrainn nach robh buaidh aig Glusad Liotuirgeach na 19mh linn air ministrealachd Mhgr Ailein sna h-Eileanan Siar mu dheas. Bidh Mgr Mìcheal Dòmhnallach a' tarraing air leabhar-latha Mgr Ailein,<sup>76</sup> ag innse gun robh Mgr Ailein gu sònraichte dèidheil air an sgrìobhadh cràbhach aig Mgr F.W. Faber (1814-1863).<sup>77</sup> Bheir Anthony Symondson tuairisgeul air Mgr Faber mar seo: "More than any other figure, Fr Faber defined the tone and learning of mid-Victorian ultramontane Catholicism."<sup>78</sup> Ged a bha "ultramontanism" ga thuigsinn san 19mh linn mar dhòigh-smaoineachaidh a bha a' cur cuideam air ùghdarras a' Phàpa air an Eaglais Chaitligich air fad, bha cràbhachd ga moladh san Eaglais Chaitligich san 19mh linn air an robh "ultramontane piety," far an robh cleachdaidhean ionadail air an cur ri cràbhachd a bha na h-ùghdarrasan san Ròimh a' moladh agus far an robh cuideam ga chur air frithealadh nan sàcramaidean gu tric.<sup>79</sup> Bha ceangal dlùth ann eadar an Glusad Liotuirgeach agus

<sup>73</sup> Mar liotuirgidh na h-Eaglaise, thathar a' ciallachadh deas-ghnàthan poblach na h-Eaglaise: an Aifreann, na sàcramaidean eile, agus An Oifis.

<sup>74</sup> Airson cunntas air a' Ghluasad Liotuirgeach san 19mh linn, faic André Haquin, "The Liturgical Movement and Catholic Ritual Revision" ann an *The Oxford History of Christian Worship*, deas. Geoffrey Wainright agus Karen Westerfield Tucker (2005), 696-699.

<sup>75</sup> Alcuin Reid, "The Twentieth-century Liturgical Movement," ann an T&T Clark Companion to Liturgy, deas. Alcuin Reid (2016), 153.

<sup>76</sup> Tha an leabhar-latha seo (CH2/1/1/13/128/2) a chum Mgr Ailein eadar an t-Sultain 1897 agus an t-Ògmhios 1898 aig Taigh Chanaidh. Chaidh earrannan dheth fhoillseachadh le Iain Latharna Caimbeul ann an *Gairm* sna 1950an. Black, *Eilein*, 451, 504.

<sup>77</sup> Michael MacDonald, "The Priestly Life of Fr. Allan MacDonald," <http://www.uist-rc.org.uk/fr-michael-talks.html>. Ceangal a-nis marbh (2023).

<sup>78</sup> Anthony Symondson, SJ, "A Tribute to Fr. Frederick William Faber," New Liturgical Movement, 26.09.2013, <https://www.newliturgicalmovement.org/2013/09/a-tribute-to-fr-frederick-william-faber.html#.Yrwr1naZOUl>.

<sup>79</sup> Faic J.M. Gres-Gayer, "Ultramontanism" ann an *New Catholic Encyclopedia*, 2na eagan, Vol. 14 (2003), 283-286.



“ultramontanism.”<sup>80</sup> Mar a thèid sealltainn ann an Caibideil 5, le teachd a’ ghinealaich ùir de shagairt a leithid Mhaigstir Ailein dhan a’ Ghàidhealtachd, chaidh an àireamh de dh’Aifreannan tron t-seachdain agus cothroman cràbhaidh eile leithid Beannachadh na Sàcramaid Didòmhnaich am meud gu mòr, rud a bha a’ toirt barrachd chothroman do mhuintir nan Eilean a bhith a’ gabhail pàirt anns na sàcramaidean agus cràbhachd ceangailte riutha na bu trice. Bha seo mar sgàthan air na bha a’ tachairt air feadh an t-saoghail Chaitligich.<sup>81</sup> Chithear cuideachd buaidh an dà chuid an Glusad Liotuirgeach agus cràbhachd “ultramontane” a bha cumanta san 19mh linn ann an laoidhean a dh’eadar-theangaich Mgr Ailein agus a nochd ann an *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail*. A’ dol le cudromachd liotuirgidh na h-Eaglaise, ’s e a th’ ann an “Laoidh na h-Oidhche”<sup>82</sup> ach eadar-theangachadh dhen laoidh àrsaidh Laideann “Te Lucis Ante Terminum,” a bhiodh ga gabhail gu tric mar phàirt de dh’Oifis an Fheasgair aig manaich is luchd-clèire.<sup>83</sup> Mar eisimpleir dhen dòigh a thigeadh an dà chuid buaidh ghluasadan san Eaglais Chaitligich air fad agus buaidh chleachdaidhean dùthchasach còmhla ann an obair Mhgr Ailein, ’s e “Smàladh an Teine,” an laoidh a bhios ga leantainn ann an *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail*: ùrnaigh ionadail a chruinnich Mgr Ailein sa choimhearsnachd, na pàirt de “liotuirgidh” phrìobhaideach na dachaigh.<sup>84</sup>

---

<sup>80</sup> Tha seo ri fhaicinn gu soilleir ann an obair Dom Prosper Guéranger (1805-1875), a stèidhich coitheanal manachail Solesmes agus a sgrìobh sreath de leabhraichean buadh-mhor air a’ bhliadhna liotuirgeach, *L’Année Liturgique*. Bha Guéranger fada an aghaidh chleachdaidhean liotuirgidh ionadail “Gallican” a bha cumanta san Fhraing ri a linn agus mhol e cleachdaidhean liotuirgeach na Ròimhe. Mar sin, ’s e “ultramontanist” gu smìor a bh’ ann. Mar a sgrìobhas M. Ducey, “Guéranger was largely responsible for setting in motion the modern liturgical revival by his prodigious literary campaign in defense of Roman ritual forms.” “Guéranger, Prosper” ann an *New Catholic Encyclopedia*, 2na eagra, Vol. 6 (2003), 557. Faic A Sister of Ryde, “Dom Guéranger: Prophet of Ecclesial Renewal,” *Faith Magazine*, July-August 2006, <https://www.faith.org.uk/article/july-august-2006-dom-gueranger-prophet-of-ecclesial-renewal>.

<sup>81</sup> Mar eisimpleir, tha Mary Heimann a’ sgrìobhadh: “In England, as elsewhere, it seems that from about the middle of the nineteenth century more Catholics heard Mass, received communion, and went to confession, and did all of these things more often.” *Catholic Devotion in Victorian England* (1995), 35.

<sup>82</sup> MacDonald, *Comh-chruinneachadh*, 106.

<sup>83</sup> Faic Black, *Eilein*, 435-436. Tha coltas ann gun robhar ga gabhail ann an stoidhle “plainchant,” ach tha am fonn air chall a-nist.

<sup>84</sup> MacDonald, *Comh-chruinneachadh*, 107. Sgrìobh Mgr Ailein dreach dhen ùrnaigh seo san leabhar-notaichean a chùm e eadar 1887-1890 ann an sreath de dh’ùrnaighean air a bheil “Old prayers in use among the people over 150 years at least” (EUL MS 58A, 28r-28v). Mun deach foillseachadh le Mgr Ailein, chaidh an aon ùrnaigh fhoillseachadh le Alasdair MacGilleMhìcheil ann an co-dhiù trì diofar àitichean: “Grazing and Agrestic Customs of the Outer Hebrides” ann an *Report of the Commissioners of Inquiry into the Condition of the Crofters and Cottars in the Highlands and Islands of Scotland* (1884), 474; ann an “Hebridean Hymns and Popular Lore,” *The Northern Chronicle* 177 (21.05.1884), 3; agus ann an “Uist Old Hymns,” *Transactions of the Gaelic Society of Glasgow*, No. 1

Tha coltas ann gun robh Mgr Ailein a' leantainn Glusad Liotuirgeach na 19mh linn leis an t-sreath de laoidhean Aifreann aige.<sup>85</sup> Leis na laoidhean seo, bha dòigh ann gus an coitheanal aige an Aifreann a leantainn le bhith a' seinn còmhla sa chànan aca fhèin. Tha feadhainn air a ràdh gur e ceum gu math "adhartach" a bha seo, iomadh bliadhna mun robh cead air a thoirt seachad do shagairt an Aifreann a ràdh ann an cainnt an t-sluaigh.<sup>86</sup> Ach bha oidhirpean gus tuigse an t-sluaigh air an Aifreann a leasachadh a' cumail gu mòr ri luachan Glusad Liotuirgeach na 19mh linn. Chithear nas fhaide air adhart sa chaibideil seo mar a chuir leabhraichean cràbhaidh ris na h-oidhirpean seo.

Cuideachd, le bhith a' coimhead air na bha a' tachairt ann an àitichean eile aig an aon àm, chithear gun robh laoidhean ann an cànan an t-sluaigh a' fàs nas cumanta am measg Chaitligeach. Tha T.E. Muir a' mìneachadh, "there was a vast growth in Catholic vernacular hymnody" ann an Sasainn bho mheadhan gu deireadh na 19mh linn.<sup>87</sup> Bha tòrr dhe na laoidhean seo gan seinn aig seirbheisean agus tachartasan cràbhaidh air taobh a-muigh na h-Aifrinn, ge-tà, agus riaghailtean na h-Eaglaise a thaobh laoidhean ann an cànan an t-sluaigh san Aifreann fhèin gu math teann.<sup>88</sup> Le sin air a ràdh, le cead an easbaig, dh'fhaodadh cothrom a bhith ann laoidhean ann an cànan an t-sluaigh a chleachdadh aig Aifreann "iseal."<sup>89</sup> 'S e seo Aifreann anns am bi an sagart ag ràdh ùrnaighean na h-Aifrinn seach a bhith gan seinn agus bidh clèireach a' toirt seachad nam freagairtean.<sup>90</sup> Tha e a dèanamh ciall gur e seo an seòrsa Aifrinn as cumanta sna h-Eileanan Siar ri linn Mhgr Ailein agus cha robh feum air barrachd na aon shagart air a

---

(1887-1891), 35. Faic "Hebridean Hymns and Popular Lore – I," CWP, 16.08.2010, <http://carmichaelwatson.blogspot.com/2010/08/hebridean-hymns-and-popular-lore-i.html>. Airson tuilleadh air na h-ùrnaighean dùthchasach ann an *Comh-chruinneachadh*, faic Kathleen Reddy, "Ùrnaighean nan Gàidheal," tràchdas MRes, Oilthigh Ghlaschu, 2018.

<sup>85</sup> Tha Stiùbhart air ceangal coltach ri seo a dhèanamh eadar *Carmina Gadelica* (1900) aig Alasdair MacGilleMhìcheil agus an glusad "Tractarian" a thug buaidh air an Eaglais Easbaigich san 19mh linn agus cuideam air a chur air liotuirgidh: "*Carmina Gadelica* can be read as an unexpected late Highland flowering of Tractarian liturgical ideals." "Theology," 4.

<sup>86</sup> Faic Black, *Eilein*, 351 agus Roger Hutchinson, *Father Allan* (2010), 118-119.

<sup>87</sup> T.E. Muir, *Roman Catholic Church Music in England, 1791-1914* (2008), 12.

<sup>88</sup> Muir, *Roman Catholic*, 12.

<sup>89</sup> Muir, *Roman Catholic*, 34.

<sup>90</sup> Faic Adrian Fortescue, "The Liturgy of the Mass," ann an *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 9 (1910), <https://www.newadvent.org/cathen/09790b.htm>.

son, seach Aifreann “àrd.”<sup>91</sup> Nochd *Laoidhean Caitliceach air son Chloinne* “le cead an Easbuig.”<sup>92</sup> Mar sin, bha taic ga thoirt dhan iomairt seo leis an ùghdarras eaglaise ionadail.

Ciamar a fhuair Mgr Ailein am beachd sreath de laoidhean a sgrìobhadh a bheireadh seachad ciall pàirtean na h-Aifrinn? Tha cleachdadh mar seo ri fhaighinn ann an sgìrean Caitligeach ann am meadhan na Roinn Eòrpa bhon 18mh linn air adhart air an robh an *Singmesse*, sreath de laoidhean ann an cànan an t-sluaigh a bha gan seinn aig diofar phàirtean dhen Aifreann.<sup>93</sup> Bhiodh e doirbh a dhearbhadh an robh Mgr Ailein eòlach air an *Singmesse*. Ach bha eisimpleir eile dhen aon t-seòrsa sreath de laoidhean nas fhaisge air làimh san laoidheadair Beurla *Crown of Jesus Music* le Henri F. Hemy a nochd an toiseach ann an 1864.<sup>94</sup> Tha Muir a’ sgrìobhadh gun ceangail an laoidheadair seo “defensive Ultramontane attitudes with... outward-looking populist vernacular approaches.”<sup>95</sup> Gheibhear ann an *Crown of Jesus Music* earrann air a bheil “Mode of Singing and Chanting Mass, For Children.”<sup>96</sup> Coltach ri “Aifreann Mhaighstir Ailein,” ’s e sreath de laoidhean goirid ann an cànan an t-sluaigh a tha seo, a bhios a’ dol le pàirtean na h-Aifrinn. Tha e follaiseach nach do stèidhich Mgr Ailein na laoidhean aigesan air na teagsaichean seo, agus bàrdachd nan laoidhean aigesan aig ìre nas àirde na na laoidhean milis seo, ach ma dh’fhaodte gun robh e eòlach air an laoidheadair seo. Coltach ris an earrann ann an *Crown of Jesus Music*, ’s ann do chloinn a sgrìobh Mgr Ailein na laoidhean Aifrinn aige an toiseach. Ged a tha e a’ tuiteam air taobh a-muigh raon rannsachaidh an tràchdais seo, tha ceangal coltach ann eadar an sreath de laoidhean seo ann an *Crown of Jesus Music* agus an *Singmesse* cuideachd, le Hemy a’ cleachdadh fuinn Michael Haydn (1737-1806) airson cuid de na laoidhean, a bharrachd

---

<sup>91</sup> Tha Muir a’ toirt seachad tuairisgeul air diofar chruthan na h-Aifreann agus a’ mìneachadh gun robh an Aifreann “iseal” an Aifreann as cumanta ann an Sasainn san 19mh linn. *Roman Catholic*, 35.

<sup>92</sup> MacDonald, *Laoidhean*, còmhach.

<sup>93</sup> Marcel A. Bischel et al., “Vernacular Hymnody” ann an *New Catholic Encyclopedia Supplement 2011*, deas. Robert L. Fastiggi (2011), 348. Chaidh an ceangal eadar cleachdaidhean air tìr-mòr na Roinn Eòrpa agus “Aifreann Mhaighstir Ailein” a thogail an toiseach ann an Reddy, “Ùrnaighean,” 31.

<sup>94</sup> Henri F. Hemy, *Crown of Jesus Music* (1864).

<sup>95</sup> Muir, *Roman Catholic*, 53.

<sup>96</sup> Hemy, *Crown*, 22-37.

air Beethoven agus Mozart.<sup>97</sup> Tha an *Singmesse* aig Haydn aithnichte gus an latha an-diugh.<sup>98</sup>

Tha Mgr Mìcheal Dòmhnallach dhen bheachd gu bheil na laoidhean ann an “Aifreann Mhaighstir Ailein” a’ leantainn structar a fhuair e ann an sgrìobhadh an Easbaig Albannach Seòras Hay (1726-1811) air mar a dh’fhaodar pàirtean na h-Aifrinn a leantainn.<sup>99</sup> Mar a chithear nas fhaide air adhart anns a’ chaibideil seo, bha leabhraichean cràbhaidh anns an robh diofar dhòighean gus an Aifreann a leantainn cumanta anns a’ Bheurla agus anns a’ Ghàidhlig san 19mh linn. Tha dà rud a’ toirt neart don phuing seo aig Dòmhnallach – gu bheil fianais ann gun do chleachd Mgr Ailein an sgrìobhadh aig an Easbaig Hay gus ionnsachadh a thoirt don choitheanal aige<sup>100</sup> agus gu bheil earrannan aig Hay coltach gu leòr ri pàirtean de dh’“Aifreann Mhaighstir Ailein” nuair a bheirear sùil orra. Mar eisimpleir, anns a’ mheòrachadh a th’ aig Hay “At the Consecration and Elevation,” gheibhear:

Silence now, O my soul! be closed to all creatures! call all thy faculties and powers together, to adore your blessed Saviour! Behold! the Lamb of God, the Holy One of Israel, descends upon the Altar!<sup>101</sup>

Agus ’s e seo an laoidh ann an “Aifreann Mhaighstir Ailein”, “Nuair a bhuaileas an clag romh àm a’ Choisrigidh”:

Smaointean fuadain cuir air chùl,  
Crom do cheann is lùb do ghlùn;  
Oir tha an Tì a’ tighinn dlùth,  
An Tì a’s mac do Rìgh nan Dùl.<sup>102</sup>

Tha MacIlleDhuibh a’ togail na puing gun robh an laoidh seo na bu ghiorra na mar a chaidh sgrìobhadh sna notaichean aig Mgr Ailein an toiseach, agus gu bheil tionndadh

---

<sup>97</sup> Hemy, *Crown*, 22-37. A rèir choltais, ’s ann às a’ Ghearmailt a bha athair Hemy, a’ dèanamh ceangal eile eadar an obair aig Hemy agus cleachdaidhean air tìr-mòr na Roinn Eòrpa. Faic “Henri Frederick Hemy (1818-1888),” Wikitree, <https://www.wikitree.com/wiki/Hemy-18>.

<sup>98</sup> Marcel A. Bischel et al., “Vernacular Hymnody,” 348.

<sup>99</sup> MacDonald, “Priestly Life,” 3.

<sup>100</sup> Bheir Dòmhnallach iomradh air earrann bho leabhar-latha Mhgr Ailein (CH2/1/1/13/128/2) bhon 12na dhen Dàmhair 1897: “The instruction (on the torments of the damned by Bishop Hay) though scriptural evoked sundry yawns.” MacDonald, “Priestly Life,” 9.

<sup>101</sup> George Hay, *Works of the Right Rev. Bishop Hay of Edinburgh*, Vol. 5, deas. Bishop Strain (1871), 81.

<sup>102</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 6.

eile ann cuideachd.<sup>103</sup> Chan eil an loidhne as coltaiche ris na tha ri fhaighinn anns a' mheòrachadh aig Hay, a' chiad loidhne, "Smuaintean fuadain cuir air chùl," a' nochdadh sna dhà dhiubh seo. Mar sin, ma dh'fhaodte gun robh Mgr Ailein a' tarraing air an obair aig an Easbaig Hay às dèidh dha na ciad dhreachan dhe na laoidhean seo a sgrìobhadh.

Bhon a chaidh na laoidhean fhoillseachadh aig deireadh na naoideamh linn deug, tha mar a bha "Aifreann Mhaighstir Ailein" ga cleachdadh aig Aifreannan sna h-Eileanan Siar air atharrachadh. Tha e coltach gur ann do chòisir chloinne a chaidh na laoidhean a sgrìobhadh an toiseach. A bharrachd air a bhith a' nochdadh ann an laoidheadair airson chloinne an toiseach, tha Caimbeul a' toirt iomradh air litir a sgrìobh Mgr Ailein fhèin dhan Easbaig Aonghas Dòmhnallach mu Aifreann na Nollaig ann an 1884:

He described how at Dalibrog Church choirs of children from Dalibrog and Eriskay had sung hymns alternately throughout Christmas Midnight Mass and afterwards, the Dalibrog children singing in Gaelic only.<sup>104</sup>

Cha tèid againn air a ràdh an e laoidhean "Aifreann Mhaighstir Ailein" a bha a' chlann a' gabhail aig an Aifreann seo. Le cuideam ga chur air laoidhean a theagasg do chloinn, ge-tà, bha Mgr Ailein a-rithist a' gabhail ri beachd a bha cumanta san Eaglais Chaitligich aig an àm. Mar a sgrìobhas Muir mu laoidhean Caitligeach ann an Sasainn san 19mh linn, "Hymns came to be seen as useful adjuncts in children's religious education."<sup>105</sup> Bha ùidh mhòr aig Mgr Ailein ann a bhith a' toirt ionnsachadh mun chreideamh do bhuill nam paraistean aige, agus chithear ann an teagsaichean nan laoidhean seo gun robhar a' toirt seachad fiosrachadh air ciall na h-Aifrinn. Tha Dòmhnallach air cuideam a chur air an dòigh a chleachdas Mgr Ailein meadhanan a tha aithnichte ann an dualchas muinntir nan eilean gus fiosrachadh mun chreideamh a chur an cèill:

As a teacher of the faith, Fr Allan excels. At some stage in his priestly life he began the process of transferring what he had learned in the manner that he had learned it to another medium which was intelligible to his people.<sup>106</sup>

---

<sup>103</sup> Black, *Eilein*, 352, 353, a' tarraing air na tha a' nochdadh san dà leabhar-notaichean aig Mgr Ailein, EUL CW 61, 78r agus CH MS A, 20.

<sup>104</sup> Campbell, "Sources," 101.

<sup>105</sup> Muir, *Roman Catholic*, 145.

<sup>106</sup> Bidh Dòmhnallach cuideachd a' tarraing air earrann bho leabhar-latha Mhgr Ailein (CH2/1/1/13/128/2), 28.09.1897, far a bheil e a' beachdachadh sgeulachdan dùthchasach mar mheadhan teagaisg. MacDonald, "Priestly Life," 9.

Tha soirbheas Mhgr Ailein a thaobh seo ri fhaicinn leis cho maireannach 's a tha na laoidhean seo aig an Aifreann ann an Uibhist is Barraigh on a chaidh am foillseachadh an toiseach. Mus toirear sùil air ciamar a dh'atharraich mar a bha na laoidhean seo gan cleachdadh anns an Aifreann sna h-Eileanan Siar thairis air na bliadhnaichean, 's fhiach e coimhead air structar an t-sreath de laoidhean mar a chaidh fhoillseachadh an toiseach ann an *Laoidhean Caitliceach air son Chloinne*.<sup>107</sup>

Tha ainmean nan laoidhean rin leantainn a' dol le pàirtean na h-Aifrinn:<sup>108</sup>

1. Romh' Aifrinn
2. Aig "Confiteor" is "Kyrie"
3. Aig an t-Soisgeul 's a' Chreud
4. Aig an Tairgse 'a an "Lavabo"
5. Aig an "Sanctus"
6. Aig "Memento" nam beò
7. 'Nuair a bhuaileas an clag romh àm a' Chosrigidh
8. Aig a' Choisrigeadh
9. Eadar àm a' Choisrigidh 's a Phaidir
10. Aig a' Phaidir
11. Eadar a' Phaidir agus "Agnus Dei"
12. Eadar "Agnus Dei" agus "Domine, non sum dignus"
13. Aig àm na Comainne
14. Aig a' Bheannachd
15. Gníomh Buidheachais

Tha cuid de na laoidhean a' leantainn faclan na h-Aifrinn fhèin gu ìre mhòr. Mar eisimpleir, seo 'Aig an an "Sanctus"':

Is naomh, naomh naomh  
 Thu, 'Thighearna Dhia nan slògh  
 Tha neamh is talamh làn  
 De d'mhorachd is de d'ghloir.<sup>109</sup>

Faodar seo a chur mu choinneamh fhaclan Laideann an *Sanctus* san Aifreann fhèin:

Sanctus, Sanctus, Sanctus  
 Dominus Deus Sabaoth  
 Pleni suni coeli et terra gloria tua  
 Hosanna in excelsis  
 Benedictus qui venit in nomine Domini

<sup>107</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 3-9.

<sup>108</sup> San latha an-diugh sna h-Eileanan Siar mu dheas, tha na laoidhean ann an "Aifreann Mhaighstir Ailein" aithnichte air na ciad loidhnichean aca. Mar eisimpleir, tha "Romh' Aifrinn" aithnichte mar "A Dhia thoir dhuinn na gràsan."

<sup>109</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 5.

Hosanna in excelsis<sup>110</sup>

Chithear nach eil an *Sanctus* air fad air eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig, ach gu bheil an laoidh a' leantainn a' chiad dà loidhne dhen *Sanctus* cha mhòr facal air an fhacal. Tha coltas ann gun do rinn Mgr Ailein fhèin an t-eadar-theangachadh seo; chan eil e a' leantainn nan eadar-theangachaidhean Gàidhlig air an *Sanctus* sna leabhraichean ùrnaigh Gàidhlig a bha rim faighinn aig an àm: *Iùl a' Chrìostaidh* (1885) agus an *Ordo Missae* Gàidhlig (1877).<sup>111</sup> Tha an diofar seo furasta gu leòr a mhìneachadh, leis an dà eadar-theangachadh seo rin leughadh agus Mgr Ailein a' cur laoidh ri chèile airson a bhith air a seinn.

Tha Caimbeul agus MacIlleDhuibh a' cumail a-mach gun do sgrìobh Mgr Ailein fhèin a' mhòr-chuid de na laoidhean anns an t-sreath.<sup>112</sup> Tha coltas ann gun tàinig aon laoidh san t-sreath o bheul-aithris: an laoidh "Aig a' Choisrigeadh," a bhios a' tòiseachadh leis na loidhnichean:

Failte dhut, Annlainn uasal!  
Failte dhut, a Chuirp a cheusadh!  
A dh' fhuilig geur dhòruinn gur saoradh  
Chuirp Mhic Dè, di do bheatha!<sup>113</sup>

Tha MacIlleDhuibh a' mìneachadh, le bhith a' cleachdadh notaichean Mhgr Ailein, gun do chuir Mgr Ailein an laoidh seo ri chèile bho dhà ùrnaigh a fhuair e aig Dòmhnall mac Iain Bhàin (Donald Campbell), Taobh a Deas Loch Baghasdail, "who said it used to be recited at the time of the Elevation [...] aloud by a Catechist in olden times."<sup>114</sup> 'S truagh nach eil fiosrachadh a bharrachd ann an notaichean Mhgr Ailein air cò an "Catechist" seo. Faodar a bhith ri tuairmse gur e Eòghann MacLachainn (c.1799-1880)

---

<sup>110</sup> *Iùl a' Chrìostaidh*, 6<sup>mh</sup> eagraan (1885), 103.

<sup>111</sup> 'S e seo an t-eadar theangachadh dhen dà chiad loidhne dhen *Sanctus* ann an *Iùl a' Chrìostaidh* (1885): "Is naomh, naomh, naomh, Tighearna Dia nam feachd./ Tha nèamh agus talamh làn de d'ghlòir," 103. Agus san *Ordo Missae* Gàidhlig (1887): "Is Naomh, Naomh, Naomh, Tighearna Dia nan Sabaoth./ Tha nèamh agus talamh làn de d'ghlòir." 27.

<sup>112</sup> Campbell, "Sources," 105, 111; Black, *Eilein*, 351-356.

<sup>113</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 6.

<sup>114</sup> Black, *Eilein*, 353, a' tarraing air notaichean Mhgr Ailein ann an EUL CW 61, 64r, agus CH MS A, 20. Faic Campbell, "Sources," 56.

a bh' ann, a bha aithnichte mar cheistear ann an Uibhist a Deas.<sup>115</sup> Bheir Mgr Ailein an tuairisgeul seo air:

The Old Catechist the short winded dancing master McLachlan whose religious influence in the country probably equalled if it did not surpass that of any priest in the district was philosopher enough [...], and he flooded the country with tales religious and secular. He did not speak Gaelic elegantly either nor classically.<sup>116</sup>

Gheibhear cuideachd ann an “Aifreann Mhaighstir Ailein” eadar-theangachadh de laoidh Laideann às na meadhan-aoisean. 'S e seo an laoidh “Aig àm na Comainne,” a tha a' tòiseachadh:

'Anma Chrìostaidh, naomhaich mi  
A chuirp Chrìosda, sàbhail mi  
Fhuil Chrìosda, sàthaich mi  
Uisge thaoibh Chrìosda, glan mi.<sup>117</sup>

'S e seo tionndadh Gàidhlig dhen laoidh Laideann “Anima Christi,” a thàinig gu bhith san 14mh linn.<sup>118</sup> Chan e Mgr Ailein a rinn an t-eadar-theangachadh, agus an laoidh a' nochdadh san *Ordo Missae* Gàidhlig (1877)<sup>119</sup> agus anns an t-siathamh eagraan de *Iùl a'*

---

<sup>115</sup> Faic “Ewen MacLachlan – Dance Master, Catechist and Storyteller,” CWP, 24.11.2009, <http://carmichaelwatson.blogspot.com/2009/11/ewen-maclachlan-dance-master-catechist.html> agus “Ewen MacLachlan – Dance Master, Catechist and Storyteller, II,” CWP, 27.11.2009, [http://carmichaelwatson.blogspot.com/2009/11/ewen-maclachlan-dance-master-catechist\\_27.html](http://carmichaelwatson.blogspot.com/2009/11/ewen-maclachlan-dance-master-catechist_27.html). Bhiodh tuilleadh rannsachaidh air an dreuchd aig daoine mar seo anns na coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar cuideachdail, agus coltas ann gun robh iad eòlach air an dà chuid gnothaichean spioradail agus seachas dùthchasach. Cha robh MacLachlainn na aonar, le co-dhiù dithist cheistearan Caitligeach eile ann an Uibhist san 19mh linn a' nochdadh sna notaichean aig Alasdair MacGilleMhicheil. Thug “Doul mac Dhonuil ic Thearlaich” (Donald MacIntyre), Àird, Beinn a' Bhaoghla, laoidhean na Fèinne dha ann an 1867 (Faic EUL, Coll-97/CW 114/15-22, Coll-97/CW122/81). Tha MacGilleMhicheil a' toirt an fhiosrachaidh seo seachad mu dhèidhinn:

A famous reciter and story-teller, with whom many tales and ballads died. Upon one occasion, after teaching him the Catechism to be taught to others, the genial Father James Macgrigor said: “Thugamaid a nis treis air Oisean, a Dhomhuill.” “M'anamsa Dhia is e b'annsa leinn!” — “Let us now give a while at Ossian, Donald.” “Upon my soul, O God, but that were preferable to us,” said Donald, drawing a long sigh of relief. *CG* 2 (1900), 347.

Cuideachd, tha “Donald Maclain, Catechist” à Èirisgeidh san liosta de luchd-fhiosrachaidh a chaidh fhoillseachadh ann an *Carmina Gadelica*. Tha MacGilleMhicheil a' toirt seo seachad mu dhèidhinn: “This extremely interesting man was empowered to administer baptism and perform other rites of the Church in cases of necessity and in the absence of the priest.” *CG* 2, 345. A rèir MhicGilleMhicheil, is esan a thug seachad “An Oigh agus a Leanabh.” *CG* 1 (1900), 144-145.

<sup>116</sup> Earran bho Leabhar-latha Mhgr Ailein (CH2/1/1/13/128/2), 28.09.1897, ann am MacDonald, “Priestly Life,” 9.

<sup>117</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 8.

<sup>118</sup> Samuel Frisbee, “Anima Christi,” ann an *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 1 (1907), <http://www.newadvent.org/cathen/01515a.htm>.

<sup>119</sup> *Ordo Missae*, 10.



*Chrìostaidh* (1885).<sup>120</sup> Gun fhios air cò a dh'eadar-theangaich an laoidh airson an *Ordo Missae*, tha e doirbh a ràdh cò às a thàinig an t-eadar-theangachadh seo. 'S e fianais a th' ann, ge-tà, air mar a chleachd Mgr Ailein eilemaidean "Ròmanach" a tha a' buntainn ris an Eaglais air fad, mar an laoidh seo, an cois eileamaidean dùthchasach, mar an laoidh "Aig àm na Comainne" gus an sreath seo de laoidhean a chur ri chèile. Faodar an aon chàirdeas eadar blas "Ròmanach" agus blas ionadail fhaicinn ann am fuinn laoidhean Mhgr Ailein. Tha e coltach gu bheil a' mhòr-chuid dhe na fuinn aig na laoidhean ann an "Aifreann Mhaighstir Ailein" stèidhichte air fuinn dhùthchasach nan Eilean Siar. Chan e cleachdadh ùr a bh' ann an seo; a rèir Chaimbeul, gheibhear eisimpleirean eile dhen aon chleachdadh am measg nan laoidhean a rinn bàird eile a nochdas ann an *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail*.<sup>121</sup> Tha co-dhiù cuid de na fuinn aig laoidhean eile a sgrìobh Mgr Ailein stèidhichte air "plainchant."<sup>122</sup> Thog an t-eòlaiche ciùil Ghàidhlig Iseabail T. Dhòmhnallach (Iseabail Ruairidh Ròidein, c.1950 - ),<sup>123</sup> air a' chàirdeas seo eadar buaidhean "Ròmanach" agus buaidhean dùthchasach ann an adhradh ann an Uibhist a Deas. Tha MacIlleDhuibh a' sgrìobhadh:

Such use of plainchant certainly caused no problems to the singers of Bornish and Daliburgh, although Ishabel recalls being fascinated by their pronunciation of Latin with a Gaelic *blas*.<sup>124</sup>

Cuideachd, gheibhear laoidhean eile ann an *Laoidhean Caitliceach air son Chloinne* agus *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail* a dh'eadar-theangaich Mgr Ailein bhon Bheurla. 'S e a th' ann an "Reul Àlainn a' Chuain"<sup>125</sup> ach eadar-theangachadh dhen laoidh aig F.W. Faber, "Sweet Star of the Sea."<sup>126</sup> Le bhith a' breithneachadh air na h-eisimpleirean seo uileadh, chithear gun robh buaidhean aig na trì ìrean a tha Ó

<sup>120</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1885), 168-169.

<sup>121</sup> Mar eisimpleir, a thaobh "Mo ghaol, mo ghràdh, is m'fheudail thu," (MacDonald, *Comh-chruinneachadh*, 7) a sgrìobh Mgr Ragnall MacFhraing ann an 1855, tha Caimbeul ag innse: "The tune is said to be 'Cumha Mhic Arois' in all these early printed sources, but the hymn is now sung to an air which appears to be derived from the chorus of an old waulking song." Campbell, "Sources," 108.

<sup>122</sup> Mar eisimpleir, faic na notaichean aig MacIlleDhuibh air "Laoidh mun Nollaig: A Solis Ortus Cardine." *Eilein*, 498.

<sup>123</sup> Is i deasaiche ciùil *Eilein na h-Òige*. Rugadh agus thogadh i ann an Glaschu le pàrantan à Uibhist a Deas. Faic "Ishabel T. MacDonald," Scottish Traditional Music Hall of Fame, <https://projects.handsupfortrad.scot/hall-of-fame/ishabel-t-macdonald/>.

<sup>124</sup> Black, *Eilein*, 498.

<sup>125</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 11-12; *Comh-chruinneachadh*, 141.

<sup>126</sup> Black, *Eilein*, 439.

Ciosáin ag ainmeachadh san fhream sgrùdaidh aigesan -- ìre choitcheann na h-Eaglaise, ìre nàiseanta Bhreatainn, agus ìre ionadail nan Eilean Siar -- a' tighinn còmhla sna laoidhean a dh'fhoillsich Mgr Ailein anns an dà laoidheadair aige. Tha na buaidhean seo air cruth a thoirt air seinn nan laoidhean ann an eaglaisean Caitligeach sna h-Eileanan Siar air feadh na 20mh linn.

### 2.2.2 “Aifreann Mhaighstir Ailein” ann am meadhan na 20mh linn

Tha MacIlleDhuibh a' toirt seachad tuairisgeul mionaideach air ciamar a bha laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” air an cleachdadh air feadh na h-Aifrinn ri linn Mhgr Ailein fhèin.<sup>127</sup> Mar fhianais air mar a bha na laoidhean air an cleachdadh ann am meadhan na 20mh linn, tha clàraidhean againn de na laoidhean a rinn luchd-cruinneachaidh beul-aithris ann an Uibhist a Deas, Èirisgeidh, agus Barraigh. Tha na clàraidhean a' sealltainn gun robh na laoidhean seo gam meas mar phàirt de dhualchas nan Eilean a bha àraid agus airidh air clàradh. Ann an 1950, chlàraich Iain Latharna Caimbeul Mgr Iain MacCarraig (Mgr Iain Nèill Mhòir, 1911-1980), a' gabhail a' chiad laoidh ann an “Aifreann Mhaighstir Ailein,” air a bheil “Romh 'n Aifrinn” mar a bhios i a' nochdadh ann an *Laoidhean Caitliceach air son Chloinne agus Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail* (ach a tha aithnichte air a ciad loidhne, “A Dhia, thoir dhuinn na gràsan.”) 'S ann à Bòrnais a bha Mgr MacCarraig agus bha e na shagart paraiste ann an Èirisgeidh aig an àm.<sup>128</sup> Mun gabh e an laoidh, bidh Mgr MacCarraig a' toirt seachad a' mhìneachaidh seo: “Bha e na chleachdadh aca ann a' seo agus ann am paraistean eile dhen eilean cuideachd, a bhith a' seinn na h-Aifrinn.”<sup>129</sup> Chithear seo mar chomharra gun robh an cleachdadh seo ga fhaicinn aig an àm mar rud àraid a bha a' buntainn gu sònraichte ri coimhearsnachdan Caitligeach nan Eilean Siar. Tha cunntas aig Mgr Mark Dilworth, O.S.B. (1924-2004) a' dol le seo. A rèir MhicIlleDhuibh:

This was the experience of Fr Mark Dilworth when he first said Mass in South Uist in the 1950s – to his astonishment, the congregation behind him broke

---

<sup>127</sup> Black, *Eilein*, 351-356.

<sup>128</sup> *St Michael's, Eriskay* (2003), 10.

<sup>129</sup> Mgr Iain MacCarraig, “A Dhia thoir dhuinn na gràsan,” TanD, CW0102.447, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/26091?l=gd>.

into spontaneous song, and, not having been warned of the custom, he found it (as he has told us) “very distracting.”<sup>130</sup>

Rinn Mgr Iain MacIlleathain (1919-1986)<sup>131</sup> clàraidhean dhen mhòr-chuid de na laoidhean ann an “Aifreann Mhaighstir Ailein” ann am Bòrnais, Uibhist a Deas, ann an 1958-1959.<sup>132</sup> Tha na clàraidhean seo a’ sealltainn gun robh na laoidhean seo rin gabhail aig an àm sin, dìreach mus tàinig atharrachaidhean Dàrna Comhairle a’ Bhatacain a-staigh. Le bhith ag èisteachd ris na clàraidhean seo, tha e coltach gun deach an clàradh a dhèanamh air taobh a-muigh na h-Aifrinn, ma dh’fhaodte ann an taigh an t-sagairt ann am Bòrnais, agus gur e buidheann bheag de bhoireannaich, le fear no dhà ann an cuid de na clàraidhean, a tha a’ gabhail nan laoidhean. Dhèanadh e ciall nan robh iad nam buill de chòisir Eaglais Bhòrnais aig an àm.

Tha laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” cuideachd a’ nochdadh san ochdamh eagan de *Iùl a’ Chrìostaidh* a thàinig a-mach ann an 1963, fon thiotal “Laoidhean na h-Aifrinne.”<sup>133</sup> Tha an sreath air fad ri fhaighinn an seo, fo na h-aon ainmean a nochd anns an dà laoidheadair aig Mgr Ailean. Mar sin, tha coltas ann gun robh an sreath air fad air a mholadh gu h-oifigeil co-dhiù a bha iad air an seinn uile gu lèir aig Aifreannan anns na h-Eileanan anns na 1950an is 1960an gus nach robh.<sup>134</sup>

Tha clàr eile ann bhon an àm, air a dhèanamh le Seumas Ross aig Sgoil Eòlas na h-Alba, de laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” mar a bha iad aig còisir Eaglais Bhatarsaigh

<sup>130</sup> Black, *Eilein*, 488. ‘S e manach ann an Abaid Chille Chuimein a bh’ ann am Mgr Dilworth. Faic John Durkan, *In Memoriam: Mark Dilworth, O.S.B, M.A., Ph.D.* (2004).

<sup>131</sup> Bha Mgr MacIlleathain na shagart ann am Bòrnais eadar 1952 agus 1959 agus is esan a rinn an ùrachadh agus sgeadachadh air an eaglais a tha ri fhaicinn gus an latha an-diugh. Faic “Very Rev. John Canon MacLean,” Cladh Hallan 187, <https://www.hallancemeterysouthuist.co.uk/view-grave.php?num=187>.

<sup>132</sup> Tha na clàraidhean seo uile rim faighinn aig TanD, CannaTape.0050, [https://www.tobarandualchais.co.uk/search?l=gd&search%5Bterm%5D=%2Frepositories%2F2%2Farchival\\_objects%2F117638&search%5Btype%5D=archival\\_object](https://www.tobarandualchais.co.uk/search?l=gd&search%5Bterm%5D=%2Frepositories%2F2%2Farchival_objects%2F117638&search%5Btype%5D=archival_object).

<sup>133</sup> *Iùl a’ Chrìostaidh*, 8<sup>mh</sup> eagan (1963), 113-119.

<sup>134</sup> Chan eil am fiosrachadh aig MacIlleDhuibh air na laoidhean ann an “Aifreann Mhaighstir Ailein” a’ soilleireachadh na ceist an robh iad uileadh gan seinn san Aifreann ann am meadhan na 20mh linn. A thaobh “Eadar a’ Phaidir agus ‘Agnus Dei’”, tha e ag innse, “Ishabel T. MacDonald does not recall this section being sung.” *Eilein*, 354. Chaidh Dhòmhnallach a thogail ann an Glaschu, ach fiù ’s ged a bhiodh i air a togail ann an Uibhist a Deas, bhiodh e neònach nan robh fios aice air ciamar a bha na laoidhean seo gan cleachdadh anns a h-uile eaglais Chaitligeach sna h-Eileanan Siar.

ann an 1958.<sup>135</sup> A-rithist, chan eil a h-uile laoidh san t-sreath air a clàradh – chan eil ann ach Àireamhan 1-5: “Romh’ Aifrinn,” “Aig ‘Confiteor’ is ‘Kyrie,’” “Aig an t-Soisgeul ’s a’ Chreud,” “Aig an Tairgse ’s an ‘Lavabo,’” “Aig an ‘Sanctus,’” agus Àireamhan 7 agus 9: “Nuair a bhuaileas an clag romh àm a’ Chosrigidh,” agus “Eadar àm a’ Choisrigidh ’s a Phaidir.”

Chùm Sgoil Eòlais na h-Alba agallamh le Nan NicFhionghain (Nan Eachainn Fhionnlaigh, 1903-1982) à Bhatarsaigh, ann an 1964, anns an do chuir iad ceistean oirre mu laoidhean san Aifreann.<sup>136</sup> Rugadh NicFhionghain ann an 1903,<sup>137</sup> is mar sin, bhiodh cuimhneachain a h-òige a’ dol air ais gu cha mhòr toiseach na 20mh linn. Tha NicFhionghain ag innse mar a bhithte a’ seinn san eaglais ann am Bhatarsaigh, agus ise a’ seinn roinn de na laoidhean bho “Aifreann Mhaighstir Ailein”: “A Dhia thoir dhuinn na gràsan” (Àireamh 1, “Romh’ Aifrinn”); “The sinn a’ seasamh aig an t-soisgeul” (Àireamh 3, “Aig an t-Soisgeul ’s a’ Chreud”); “Tha mi ag aideachadh mo lochdan” (Àireamh 2, “Aig ‘Confiteor’ is ‘Kyrie’”) agus “Glac a Thighearna an ìobairt” (Àireamh 9, “Eadar àm a’ Choisrigidh ’s a Phaidir”), agus ag innse cuin anns an Aifreann a bhithte gan gabhail. Nuair a bhios i a’ toirt iomradh air “Glac a Thighearna an ìobairt,” canaidh i, “That was the last of the Gaelic.”<sup>138</sup> Tha seo a’ dol leis a’ chlàradh a chaidh a dhèanamh ann am Bhatarsaigh ann an 1958 agus sin an laoidh Ghàidhlig mu dheireadh air a’ chlàr. Chan eil i ag innse an robh laoidhean eile ann ann an Laideann no fiù ’s Beurla às dèidh sin, ge-tà. Ma dh’fhaodte gu bheil seo a’ sealltainn gun tàinig sgaradh ann eadar paraistean a thaobh cò na laoidhean a ghabhadh air feadh na h-Aifrinn, no fiù ’s gun do rinn sagairt na roghainnean aca fhèin a thaobh seo. Mar sin, tha e coltach nach e sreath de laoidhean stèidhichte a bh’ ann an “Aifreann Mhaighstir Ailein” mun tàinig atharrachadh air an Aifreann eadar 1965 agus 1970, ach gum biodh còisean no coitheanalan a’ gabhail cuid de na laoidhean nach gabhadh iad ann an eaglaisean eile sna h-eileanan. Tha an caochladh seo a’ dol leis na tha MacIlleDhuibh ag innse mu

<sup>135</sup> Còisir Eaglais Bhatarsaigh, Laoidhean, TanD, SA1958.155.1-SA1958.155.7: [https://www.tobarandualchais.co.uk/search?l=gd&search%5Bterm%5D=%2Frepositories%2F2%2Farchival\\_objects%2F112987&search%5Btype%5D=archival\\_object](https://www.tobarandualchais.co.uk/search?l=gd&search%5Bterm%5D=%2Frepositories%2F2%2Farchival_objects%2F112987&search%5Btype%5D=archival_object).

<sup>136</sup> Nan NicFhionghain, “Mass Hymns, 1964,” TanD, SA1964.80.B2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/72283?l=gd>.

<sup>137</sup> Airson tuilleadh mu a beatha, faic “Nan MacKinnon,” TanD, <https://www.tobarandualchais.co.uk/person/1864?l=gd>.

<sup>138</sup> NicFhionghain, “Mass Hymns, 1964.”

fhuinn nan laoidhean cuideachd: “Though the same basic melodies were used in Benbecula, South Uist, Eriskay and Barra, each parish community developed its own distinctive style of singing them.”<sup>139</sup>

### 2.2.3 “Aifreann Mhaighstir Ailein” agus Dàrna Comhairle a’ Bhatacain

Bha clàr eile de dh’Aifreann shlàn air a dhèanamh le Sgoil Eòlas na h-Alba ann an Bàgh a’ Chaisteil, Barraigh, san Iuchar 1967.<sup>140</sup> ’S e Mgr Aonghas MacCuithean (1923-2019) an sagart. Tha an clàr seo cudromach air sàilleabh ’s gu bheil e a’ toirt dealbh dhuinn dhen Aifreann mar a bha i sna h-Eileanan Siar as dèidh nan ciad atharrachaidhean a chaidh a dhèanamh oirre eadar 1965 agus 1966, ach mun tàinig an t-atharrachadh as motha oirre eadar 1969 agus 1970. Cuideachd, tha an clàr seo a’ sealltainn mar a chaidh laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” a chur gu feum anns an tràth eadar-amail seo, a bharrachd air a bhith a’ taisbeanadh a’ chiad eadar-theangachadh Gàidhlig a bh’ air ùrnaighean na h-Aifrinn fhèin. Mar sin, gheibhear gu h-ìseal geàrr-chunntas dhen Aifreann seo air fad, le cuideam ga chur air mar a bha laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” gan chleachdadh. ’S e seo a’ chiad turas a thathar a’ cur sùil gheur air clàraidhean dhen Aifreann mar a bha i sna h-Eileanan Siar anns na bliadhnaichean eadar-amail seo.

Tha an Aifreann seo a’ tòiseachadh leis a’ chiad laoidh ann an “Aifreann Mhaighstir Ailein,” “Romh’ Aifrinn,” a bhios a’ tòiseachadh leis an loidhne “A Dhia thoir dhuinn na gràsan.” Tha coltas ann gur e còisir a tha ga gabhail, agus chan eil guthan fireann rin cluinntinn. Tha seo a’ dol leis na tha Nan NicFhionghain ag ràdh mun chòisir ann an Eaglais Bhatarsaigh anns an agallamh air an toirear iomradh gu h-àrd: “The men were too shy to go!”<sup>141</sup> An uair sin, bidh a’ chòisir a’ gabhail na dàrna laoidh ann an “Aifreann

<sup>139</sup> Black, *Eilein*, 488. Tha an diofar seo ri fhaighinn gus an latha an-diugh. Mhothaich mise diofar ann am fonn “Romh ’n Aifrinn” (“A Dhia thoir dhuinn na gràsan”) eadar paraistean Èirisgeidh agus Bòrnais, mar eisimpleir.

<sup>140</sup> Aifreann ann am Bàgh a’ Chaisteil, Iuchar 1967, TanD, SA1967.73, [https://www.tobarandualchais.co.uk/search?l=gd&search%5Bterm%5D=%2Frepositories%2F%2Farchival\\_objects%2F114713&search%5Btype%5D=archival\\_object](https://www.tobarandualchais.co.uk/search?l=gd&search%5Bterm%5D=%2Frepositories%2F%2Farchival_objects%2F114713&search%5Btype%5D=archival_object). Tha am pàirt mu dheireadh dhen Aifreann air a’ chlàr SA1967.74: <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/60575?l=gd>.

<sup>141</sup> Nan NicFhionghain, “Mass Hymns, 1964.” Ged a dh’fhaodadh seo a bhith fìor ann am Bhatarsaigh aig aon àm, bha fìr ann an còisirean ann am paraistean eile sna h-Eileanan Siar ann am meadhan na

Mhaighstir Ailein,” “Aig ‘Confiteor’ is ‘Kyrie,’” a bhios a’ tòiseachadh le “Tha mi ’g aideachadh mo lochdan.” An uair sin, bidh an Aifreann fhèin a’ tòiseachadh le “doxology” bhon t-sagart agus ùrnaighean aideachaidh, an toiseach bhon t-sagart agus an uair sin bhon phoball, a’ leantainn òrdugh na h-Aifrinn mar a bha e san *Ordo Missae* a chaidh fhoillseachadh ann an 1966, *An Aifrionn ann an Gàidhlig*.<sup>142</sup> Tha na h-ùrnaighean seo a’ leantainn gu dlùth an t-eadar-theangachadh Gàidhlig air Laideann na h-Aifrinn a bha san leabhar chràbhaidh *Iùl a’ Chrìostaidh* roimhe seo.<sup>143</sup> Tha e a’ dèanamh ciall gun deach an t-eadar-theangachadh seo a chleachdadh far an robh e freagarrach agus e aithnichte gu ìre mar-thà. Cuideachd, leis gur e Mgr Donnchadh MacIlleathain a rinn obair air an dà chuid an eagraan mu dheireadh de dh’*Iùl a’ Chrìostaidh* (1963) agus an *An Aifrionn ann an Gàidhlig* (1966) chan eil seo na iongnadh.<sup>144</sup>

’S e an diofar as motha a th’ ann leis an Aifreann “ùr” seo gu bheil cuid de na h-ùrnaighean air an giorrachadh,<sup>145</sup> agus an àite clèireach a bhith a’ freagairt na h-Aifrinn, ’s e am poball air fad a bhios a’ toirt seachad nam freagairtean. A bharrachd air seo, ’s ann ann an Gàidhlig a tha na h-ùrnaighean seo a-nist. Anns *An Aifrionn ann an Gàidhlig*, tha stiùireadh ga thoirt seachad an seo: “Aig an am so faodaidh a’ chòisir an laoidh ‘Tha mi ag aideachadh mo lochdan’ a sheinn”.<sup>146</sup> Air a’ chlàradh à Bàgh a’ Chaisteil, tha an laoidh seo air a seinn mar-thà, ach tha e inntinneach gu bheil an stiùireadh seo ann: tha e a’ sealltainn gun robh laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” mar phàirt chudromach dhen Aifreann sna h-Eileanan aig an àm seo, fiù ’s às dèidh atharrachadh a dh’fhàg cuid dhiubh gu ìre gun fheum a thaobh a bhith a’ mìneachadh na h-Aifrinn, le ùrnaighean ann an cànan an t-sluaigh a-nis a’ cur seachad an aon

---

20mh linn, mar Eaglais Bhòrnais ann an Uibhist a Deas. Conaltradh pearsanta le Gillebrìde Mac’IlleMhaoil.

<sup>142</sup> *An Aifrionn ann an Gàidhlig* (1966), 1-2. ’S e seo an leabhran a nochd san Fhaoilleach 1966 a dheasaich Mgr Iain MacCarraig, Mgr Iain MacIlleathain, agus Mgr Donnchadh MacIlleathain. Watts, *Record*, 228, 337.

<sup>143</sup> *Iùl a’ Chrìostaidh* (1885), 89-90; *Iùl a’ Chrìostaidh* (1963), 54-57.

<sup>144</sup> Watts, *Record*, 221, 228, 337.

<sup>145</sup> Mar eisimpleir, san Aifreann ro 1965, bhiodh an sagart a’ toiseachadh leis an 43mh Salm, “Iudica me (Thoir-sa breith orm).” *Iùl a’ Chrìostaidh* (1963), 54-55. Eadar 1965 agus 1969, cha robh ach an ùrnaigh aig deireadh an t-sailm fhathast ann: “Tha ar cobhair ann an ainm an Tighearna...” *An Aifrionn* (1966), 1.

<sup>146</sup> *An Aifrionn* (1966), 3. ’S e seo “Aig ‘Confiteor’ is ‘Kyrie’” (Àireamh 2) ann an “Aifreann Mhaighstir Ailein.” MacDonald, *Laoidhean*, 4.

teachdaireachd a tha annta. Mar seo, feumaidh nach robhar a’ sealltainn air na laoidhean seo mar mhìneachadh air an Aifreann a-mhàin. Nuair a chaidh ùrnaighean na h-Aifrinn a chur do chànan an t-sluaigh ach cha bhiodh dìth thuigse ann tuilleadh, bha iad fhathast air an gabhail ann an dòigh a bhiodh a’ daingneachadh ùrnaighean na h-Aifrinn, seach gam mìneachadh.

Às dèidh seo, tha sreath de dh’ùrnaighean agus de fhreagairtean a’ dol eadar an sagart agus am poball, a bha san Aifreann ro 1965.<sup>147</sup> Chan eil na faclan Gàidhlig a’ leantainn na tha ri fhaighinn ann an *lùl a’ Chrìostaidh*; feumaidh gun robh iad air an eadar-theangachadh às ùr air neo air an tarraing à aite eile. Tha na h-ùrnaighean seo air an leantainn leis an “Introit” no ùrnaigh inntigidh aig an t-sagart ann an Gàidhlig. Tha “Introit” diofraichte ann gach Didòmhnaich agus cha robh iad air am foillseachadh anns *An Aifrionn ann an Gàidhlig* air neo ann an *lùl a’ Chrìostaidh*. Mar sin, feumaidh gun robh iad air an sgrìobhadh an àitegin eile, ’s dòcha air duilleagan a bh’ aig an t-sagart fhèin.<sup>148</sup>

Às dèidh seo, bidh an sagart agus am poball a’ toirt seachad an “Kyrie” (“A Thighearna, dèan tròcair oirnn”) mar ghairm agus freagairt, agus an uair sin, canaidh am poball an “Gloria” (“Gloir do Dhia anns na h-Àrdaibh”).<sup>149</sup> ’S ann ann an Gàidhlig a tha an dà ùrnaigh seo agus chan eil iad gan seinn. ’S e an “Kyrie” an aon eadar-theangachadh a gheibhear ann an *lùl a’ Chrìostaidh*.<sup>150</sup> Tha eadar-theangachadh ùr dhen “Gloria” ann, agus coltas ann gu bheil e nas fhreagarraiche a bhith ga sheinn.<sup>151</sup> Tha seo air a leantainn le ùrnaigh bhon t-sagart a rèir cò an Didòmhnaich dhen bhliadhna a th’ ann. An uair sin, tha leughadh on Sgrìobtair ann, air a bheil “an leasain” anns *An Aifrionn*

---

<sup>147</sup> *An Aifrionn* (1966), 3; *lùl a’ Chrìostaidh* (1963), 57.

<sup>148</sup> Tha fianais rim faighinn a bhios a’ cur taic ris a’ bheachd seo. Ann an oifis paraiste Dhalabroig ann an Uibhist a Deas, gheibhear duilleagan a sgrìobh sagairt le làimh, agus cuid a chaidh a thaidhpeadh, air a bheil ùrnaighean agus pàirtean dhen Aifreann nach do nochd sna bileagan a chaidh a dhèanamh sna 1970an, mar Aifreannan tron t-seachdain no làithean-fèille nan naomhan. Mo thaing do Mhgr Ross Crichton a sheall na duilleagan seo dhomh ann an 2022.

<sup>149</sup> *An Aifrionn* (1966), 3-4.

<sup>150</sup> *lùl a’ Chrìostaidh* (1963), 58.

<sup>151</sup> *An Aifrionn* (1966), 4-5. Chaidh cèol a chur ris an eadar-theangachadh seo dhen “Gloria” am measg phàirtean eile dhen Aifreann le Dòmhnall Caimbeul san laoidheadair *Seinnibh dhan Tighearna* a nochd ann an 1986. Sgìreachd Easbaig Earra-Ghàidheal is nan Eilean, *Seinnibh dhan Tighearna* (1986), Àireamh 44.

*ann an Gàidhlig*, a bheir an sagart seachad.<sup>152</sup> Tha an leughadh on Sgrìobtair ann an Gàidhlig. Aig an àm seo, bhathar a' leantainn mìosachan na h-Eaglaise a bh' ann ro Dhàrna Comhairle a' Bhatacain, nach do dh'atharraich fhathast, agus mar sin, gheibhear leughaidhean an Dòmhnach ann an *Iùl a' Chrìostaidh*.<sup>153</sup> A rèir seo, tha fios againn gur ann air an "deicheamh Dòmhnach an dèidh na Caingis" a chaidh an Aifreann seo a chlàradh, air 23mh dhen Iuchar 1967.

An uair sin, canaidh an sagart an "Gradual," ùrnaigh air a tharraing bhon Sgrìobtair, a rèir an latha.<sup>154</sup> A-rithist, tha na chanas Mgr MacCuithean a' dol leis an deicheamh Dòmhnach às dèidh na Caingis, agus tha e coltach gun robh am pàirt seo dhen Aifreann anns a' Ghàidhlig air duilleag a bhiodh aig an t-sagart fhèin.

Aig a' char seo anns *An Aifrionn ann an Gàidhlig*, tha nota ann: "Aig an àm so faodaidh a' chòisir an laoidh 'Tha sinn 'seasamh aig an t-soisgeul' a sheinn."<sup>155</sup> Tha seo na fhianais a-rithist air cho dlùth-cheangailte 's a bha na laoidhean ann an "Aifreann Mhaighstir Ailein" ceangailte ris an Aifreann sna h-Eileanan Siar. A rèir choltais, ge-tà, chan eil e air a ghabhail aig an Aifreann seo. Leanaidh an sagart òrdugh na h-Aifrinn agus cuiridh esan agus am poball fàilte air an t-Soisgeul, agus an uair sinn, leughaidh an sagart anns a' Ghàidhlig e, an aon eadar-theangachadh a tha ri fhaighinn ann an *Iùl a' Chrìostaidh*.<sup>156</sup>

Às dèidh seo, bheir an sagart seachad fios air amannan nan Aifreannan san t-seachdain ri teachd, agus gum bi an *chiropodist* ann am Barraigh. An uair sin, innsidh e an uair a bhiodh e a' dèanamh cèilidh air na lapaich ann an diofar bhailtean air feadh na seachdain. Tha am fiosrachadh seo uile air a thoirt seachad ann an Gàidhlig, agus i cànan àbhaisteach na coimhearsnachd aig an àm. A bharrachd air sin, tha seo a' sealltainn cho cudromach 's a bha an Aifreann mar thachartas na coimhearsnachd aig an àm seo, far am biodh cothrom ann fiosrachadh feumail a thoirt seachad, co-dhiù an

---

<sup>152</sup> *An Aifrionn* (1966), 5.

<sup>153</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1963), 428-429.

<sup>154</sup> Gheibhear seo anns a' Bheurla ann an *Roman Missal* (1967), 495.

<sup>155</sup> *An Aifrionn* (1966), 5. 'S e seo "Aig an t-Soisgeul 's a' Chreud" (Àireamh 3) ann an Aifreann Mhgr Ailein. MacDonald, *Laoidhean*, 4-5.

<sup>156</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1963), 429.



robh e “saoghalta” neo spioradail. An uair sin, bheir an sagart seachad searmon air Soisgeul an latha ann an Gàidhlig.

Tha an searmon air a leantainn leis a’ Chreud, no “Credo,” a chanas am poball agus an sagart còmhla ann an Gàidhlig. Tha na faclan air am foillseachadh anns *An Aifrionn ann an Gàidhlig* agus bidh iad a’ leantainn an eadar-theangachaidh Gàidhlig ann an *Iùl a’ Chrìostaidh* gu ìre, ach tha beagan atharrachaidh ann. Gu h-ìseal, chithear an dòifar eadar an dà eadar-theangachadh de chiad earrann na Creuda:

<i>Iùl a’ Chrìostaidh</i> <sup>157</sup>	<i>An Aifrionn ann an Gàidhlig</i> <sup>158</sup>
Creideam ann an aon Dia, an t-Athair uile-chumhachdach, Cruthadair nèimh agus talmhainn, a h-uile nì fhaicinnich agus neo-fhaicinnich.	Tha mi a’ creidsinn ann an aon Dia An t-Athair uile-chumhachdach, Cruthadair nèimh agus talmhainn, A h-uile nì follaiseach agus neo-fhollaiseach.

Tha seo na fhianais nach robh an fheadhainn a dheasaich an t-eadar-theangachadh Gàidhlig dhen Aifreann ann an 1965 dìreach a’ cleachdadh eadar-theangachaidhean a bha air an dèanamh roimhe, ach a’ toirt sùil air na h-eadar-theangachaidhean a bh’ ann mar-thà agus a’ dèanamh atharrachaidhean far am biodh iad freagarrach, ma dh’fhaodte a’ taghadh fhaclan is structuran cumanta seach feadhainn a bha na bu litreachail (“Tha mi a’ creidsinn” an àite “Creideam”). Mar sin, tha coltas ann nach robh iomairt ann gus seòrsa de Ghàidhlig uasal a chur gu feum, ach Gàidhlig an t-sluaigh. Mar seo, bha an fheadhainn a dh’eadar-theangaich an Aifreann gu Gàidhlig a’ cumail mar-thà ris an stiùireadh a thigeadh bhon Ròimh ann an 1969: gum biodh cànan cumanta an t-sluaigh ga chleachdadh ann an eadar-theangachaidhean teagsaichean liotuirgeach.<sup>159</sup>

Às dèidh na Creuda, tha pàirt dhen Aifreann ann a tha ùr: ’s e sin “Ùrnaigh nan Creideach.”<sup>160</sup> Bha na h-ùrnaighean seo air am foillseachadh anns *An Aifrionn ann an*

<sup>157</sup> *Iùl a’ Chrìostaidh* (1963), 62.

<sup>158</sup> *An Aifrionn* (1966), 6-7.

<sup>159</sup> Faic Consilium for the Implementation of the Constitution of the Sacred Liturgy, *Comme le Prévoit* (1969), Earrann 15a, <https://www.liturgyoffice.org.uk/Missal/Information/Comme-le-Prevoit.pdf>.

<sup>160</sup> Bhathar a’ moladh ann an *Sacrosanctum Concilium* (1963), Caibideil 3, Earrann 53:

*Gàidhlig*.<sup>161</sup> Tha sia ùrnaighean deug ann, agus tha coltas ann gum faodadh an sagart roghainn dhiubh a ghabhail. Aig an Aifreann seo, gabhaidh Mgr MacCuithean naoi dhiubh, a' tòiseachadh le Àireamh 14:

Gu'm be do thoil na h-easlantaich a bheannachadh is a neartachadh, agus gu h-àraidh easlantaich a' pharaisde seo.<sup>162</sup>

Às dèidh seo, gabhaidh an sagart luinneag na tairgse no an "Offertory Antiphon." Tha seo a rèir an latha, agus a-rithist, tha tionndadh Gàidhlig air na bhiodh ann ann an Laideann roimhe seo, agus feumaidh gun robh seo air duilleag an t-sagairt a-mhàin.<sup>163</sup>

Air a' chlàr, às dèidh seo, gabhaidh am poball tè eile de na laoidhean ann an "Aifreann Mhaighstir Ailein," a' cheathramh tè "Chì mi Aran air an Altair," "Aig an Tairgse 's an 'Lavabo.'"<sup>164</sup> Tha e foilleasach gu bheil seo ga sheinn fhad 's a tha togail an airgid a' dol air adhart: cluinnear gliongadaich nam bonn airgid. Tha seo air a leantainn le ùrnaighean tairgse ann an Gàidhlig bhon t-sagart agus am poball ga fhreagairt a rèir *An Aifrionn ann an Gàidhlig*.<sup>165</sup>

Thig "Reachd na h-Aifrinne" an uair sin, agus 's e sin an "Canon," am pàirt as naoimhe dhen Aifreann.<sup>166</sup> Tha ro-ràdh aig an t-sagart ann an Gàidhlig agus an uair sin, canaidh esan agus am poball an "Sanctus" còmhla. Mar a chithear gu h-iseal, anns a' chiad leth dhen ùrnaigh, tha an t-eadar-theangachadh seo a' leantainn faclan na laoidh "Aig an 'Sanctus'" bho "Aifreann Mhaighstir Ailein" seach na tha ann an *Iùl a' Chrìostaidh*.

---

Especially on Sundays and feasts of obligation there is to be restored, after the Gospel and the homily, "the common prayer" or "the prayer of the faithful." By this prayer, in which the people are to take part, intercession will be made for holy Church, for the civil authorities, for those oppressed by various needs, for all mankind, and for the salvation of the entire world.

<sup>161</sup> *An Aifrionn* (1966), 8-9. Air a chaochladh, chan eil Ùrnaighean nan Creideach air am foillseachadh san leabhar Aifreann Ameireaganach bhon aon àm. Tha nota ann: "Next, according to the local custom, the common prayer or prayer of the faithful takes place." *Roman Missal* (1967), 570.

<sup>162</sup> *An Aifrionn* (1966), 11.

<sup>163</sup> *Roman Missal* (1967), 496.

<sup>164</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 5.

<sup>165</sup> *An Aifrionn* (1966), 12.

<sup>166</sup> *An Aifrionn* (1966), 12.

<i>Iùl a' Chrìostaidh</i> <sup>167</sup>	"Aifreann Mhaighstir Ailein": "Aig an 'Sanctus'" <sup>168</sup>	<i>An Aifrionn ann an Gàidhlig</i> <sup>169</sup>
Is Naomh, naomh, naomh, Tighearna Dia nam feachd. Tha neamh agus talamh làn de d' ghlòir. Hosanna anns na h-àrdaibh Is beannaichte esan a tha a' tighinn an ainm an Tighearna, Hosanna anns na h-àrdaibh	Is naomh, naomh, naomh Thu, 'Tighearna Dhia nan slògh Tha neamh is talamh làn De d'mhòrachd is de d'ghlòir.	Is Naomh, Naomh, Naomh Thu A Thighearna Dhia nan slògh; Tha neamh is talamh làn de D' mhoralachd is de D' Ghloir. Moladh do Dhia anns na h-àrdaibh. Is beannaichte Esan a tha tighinn an ainm an Tighearna. Moladh do Dhia anns na h-àrdaibh.

Ged a tha an sagart agus am poball dìreach air an Sanctus a ràdh, an uair sin, gabhaidh a' chòisir "Aig an 'Sanctus'"<sup>170</sup> agus ga leantainn leis an ath laoidh ann an Aifreann Mhaighstir Ailein, "Aig 'Memento nam Beò.'"<sup>171</sup> Air sàilleabh 's gun robh am pàirt dhen Aifreann sin fhathast ga ghabhail ann an Laideann leis an t-sagart, chan eil e soilleir an robh an sagart a' gabhail na h-ùrnaigh seo os ìseal fhad 's a bha a' chòisir a' seinn air neo an do ghabh e an ùrnaigh às dèidh làimh ach tha seo air a ghearradh a-mach às a' chlàr.

Ged nach eil e air a mholadh anns *An Aifrionn ann an Gàidhlig*, gabhaidh a' chòisir "Smaointean fuadain cuir air chùl," an t-seachdamh laoidh ann an "Aifreann Mhaighstir Ailein," "Nuair a bhuaileas an clag romh àm a' Chosrigidh."<sup>172</sup> An uair sin, air a' chlàr, gabhaidh a' chòisir "Glac a Thighearn' an ìobairt uasal," Àireamh 11 ann an "Aifreann Mhaighstir Ailein," "Eadar àm a' Chosrigidh 's a' Phaidir."<sup>173</sup> Mar sin, tha coltas ann gun robh an coisrigeadh fhèin a' tachairt aig an aon àm, agus an sagart a' gabhail

<sup>167</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1963), 69.

<sup>168</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 5.

<sup>169</sup> *An Aifrionn* (1966), 13.

<sup>170</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 5.

<sup>171</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 5.

<sup>172</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 6.

<sup>173</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 7.

ùrnaighean a' choisrigidh os ìseal fhad 's a bha a' chòisir a' seinn nan laoidhean seo. Tha ùrnaigh ghoirid aig an t-sagart ann an Laideann as dèidh seo agus an uair sin gabhaidh an sagart agus am poball a' Phaidir còmhla, ann an Gàidhlig. Tha ùrnaigh ann an Gàidhlig aig an t-sagart às dèidh seo, a tha anns *An Aifrionn ann an Gàidhlig*.<sup>174</sup>

Tha an ùrnaigh a bhios a' leantainn seo ann an Gàidhlig cuideachd: gabhaidh an sagart agus am poball an "Agnus Dei," "Uan Dhè," còmhla ann an Gàidhlig. Às dèidh seo, gabhaidh a' chòisir "Dh'fhàg thu sìth aig d' ostail dhìleas," Àireamh 12 ann an "Aifreann Mhaighstir Ailein," "Eadar 'Agnus Dei' agus 'Domine Non Sum Dignus.'"<sup>175</sup> Chan eil an laoidh seo air a moladh anns *An Aifrionn ann an Gàidhlig*. Aig deireadh na laoidhe, gabhaidh an sagart agus am poball an ùrnaigh "Domine non sum dignus" ann an Gàidhlig trì thursan mar a gheibhear anns *An Aifrionn ann an Gàidhlig*.<sup>176</sup> Tha e coltach gu bheil an Comanachadh fhèin air a ghearradh a-mach bhon chlàr, ach às a dhèidh, gabhaidh an sagart luinneag na Comain agus ùrnaigh na h-Iarchomain a rèir an latha ann an Gàidhlig,<sup>177</sup> agus bheir e seachad am beannachadh mu dheireadh ann an Gàidhlig.<sup>178</sup> 'S e seo deireadh na h-Aifrinn.

Chaidh Aifreann eile a chlàradh ann am Barraigh air an aon latha leis an aon sgioba aig Sgoil Eòlais na h-Alba: Aifreann ann am Bàgh a Tuath, far an robh Mgr Calum MacIlfhialain (1926-2012) na shagart aig an àm.<sup>179</sup> Chan eil diofar mòr eadar an dà Aifrinn, leis na h-ùrnaighean agus na laoidhean a' leantainn cha mhòr an aon phàtran. A thaobh seinn nan laoidhean, cluinnear fir anns a' chòisir anns a' Bhàgh a Tuath agus

---

<sup>174</sup> *An Aifrionn* (1966), 14.

<sup>175</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 7.

<sup>176</sup> *An Aifrionn* (1966), 15.

<sup>177</sup> *Roman Missal* (1967), 497.

<sup>178</sup> *An Aifrionn* (1966), 16.

<sup>179</sup> Aifreann ann am Bàgh a Tuath, luchar 1967, Pàirt 1, TanD, SA1967.74, [https://www.tobarandualchais.co.uk/search?search%5Bterm%5D=SA1967.74&search%5Btype%5D=archival\\_object&search%5Bpage\\_size%5D=10&search%5Bsort%5D=&search%5Blanguage%5D=&search%5Bgenre%5D=&search%5Bcollection%5D=&search%5Bfrom\\_date%5D=&search%5Bto\\_date%5D=&search%5Bhas\\_transcript%5D=0&commit=Rannsaich](https://www.tobarandualchais.co.uk/search?search%5Bterm%5D=SA1967.74&search%5Btype%5D=archival_object&search%5Bpage_size%5D=10&search%5Bsort%5D=&search%5Blanguage%5D=&search%5Bgenre%5D=&search%5Bcollection%5D=&search%5Bfrom_date%5D=&search%5Bto_date%5D=&search%5Bhas_transcript%5D=0&commit=Rannsaich).

Aifreann ann am Bàgh a Tuath, luchar 1967, Pàirt 2, TanD, SA1967.75, [https://www.tobarandualchais.co.uk/search?search%5Bterm%5D=SA1967.75&search%5Btype%5D=archival\\_object&search%5Bpage\\_size%5D=10&search%5Bsort%5D=&search%5Blanguage%5D=&search%5Bgenre%5D=&search%5Bcollection%5D=&search%5Bfrom\\_date%5D=&search%5Bto\\_date%5D=&search%5Bhas\\_transcript%5D=0&commit=Rannsaich](https://www.tobarandualchais.co.uk/search?search%5Bterm%5D=SA1967.75&search%5Btype%5D=archival_object&search%5Bpage_size%5D=10&search%5Bsort%5D=&search%5Blanguage%5D=&search%5Bgenre%5D=&search%5Bcollection%5D=&search%5Bfrom_date%5D=&search%5Bto_date%5D=&search%5Bhas_transcript%5D=0&commit=Rannsaich).

òrgan ga chluich. Aig an “Domine non sum dignus,” cha ghabh a’ chòisir “Dh’fhàg thu sìth.” ’S ann aig deireadh na h-Aifrinn a thig an diofar as motha: aig àm na Comainne, gabhaidh a’ chòisir an laoidh “Anam Chrìosda,” Àireamh 13 ann an “Aifreann Mhaighstir Ailein,” “Aig àm na Comainne.”<sup>180</sup> Ach, air sàilleabh ’s gun robh a’ Chomain air a ghearradh a-mach à clàr na h-Aifrinne ann am Bàgh a’ Chaisteil, chan urrainnear a bhith cinnteach an robh seo air a ghabhail an sin cuideachd.

Anns a’ Bhàgh a Tuath, às dèidh a’ bheannachaidh mu dheireadh, gabhaidh a’ chòisir dà laoidh: “Cliù don Athair,” Àireamh 15 ann an “Aifreann Mhaighstir Ailein,” “Gnìomh Buidheachais,”<sup>181</sup> agus an uair sin, an laoidh Bheurla, “Holy God We Praise Thy Name.” A-rithist, ma dh’fhaodte gun robh laoidh no dhà eile ann aig deireadh na h-Aifrinne ann am Bàgh a’ Chaisteil, ach gun robh an clàradh air a stad mun robh iad air an seinn. Ged a tha e gu ìre iongantach gum biodh laoidh Bheurla ann aig deireadh Aifrinn anns nach robh facal ann ach ann an Gàidhlig no Laideann, bha laoidheadairean Beurla aig paraistean sna h-Eileanan Siar mun àm seo.<sup>182</sup>

Tha an coltas eadar an dà Aifreann seo a’ sealltainn gun robh cruth na h-Aifrinn gu ìre seasmhach sna bliadhnaichean eadar-mheadhanach 1965 gu 1969 anns na coimhearsnachdan Gàidhlig sna h-Eileanan Siar. Ged a bha cuid dhe na h-ùrnaighean aig an t-sagart ann an Gàidhlig a-nis, bha tòrr de na laoidhean aig “Aifreann Mhaighstir Ailein” fhathast gan cur gu feum, fiù ’s nuair a bhiodh iad a’ cur an cèill fhaclan cuid de dh’ùrnaighean na h-Aifrinn dà thuras. Bhiodh e coltach gun robh bitheantas laoidhean bho “Aifreann Mhaighstir Ailein” air feadh na h-Aifrinn ùire eadar 1965 agus 1969 a’ brosnachadh Caitligich nan Eileanan a bhith a’ gabhail ris na h-atharrachaidhean a thàinig a-staigh aig an àm seo, agus na laoidhean seo mar thaobh dhen adhradh aca a bha stèidhichte.

Nuair a thàinig atharrachadh air an Aifreann eadar 1965 agus 1966, bha barrachd phàirtean dhen Aifreann ann an cànan an t-sluaigh agus barrachd a chanadh am poball

---

<sup>180</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 8.

<sup>181</sup> MacDonald, *Laoidhean*, 9.

<sup>182</sup> Ann an Taigh-Tasgaidh Chill Donnain ann an Uibhist a Deas, gheibhear eagrann dhen *New Catholic Hymn Book* (1954) air a bheil “St. Michael’s, Ardkenneth, Isle of South Uist” air a’ chòmhdach.

còmhla ris an t-sagart agus a bhiodh ga fhreagairt, sa chànan aca fhèin. Bha cuid de dh'ùrnaighean an t-sagairt air an gearradh a-mach, ach a thaobh na bha air fhàgail, cha robh mòran atharrachadh air na teagsaichean fhèin.<sup>183</sup> Nuair a thàinig an dreach ùr dhen Aifreann a-staigh aig deireadh 1969, bha atharrachaidhean na bu mhotha ann. Mar a b' àbhaist, bhiodh a h-uile ùrnaigh ann an cànan an t-sluaigh agus chluinneadh am poball cha mhòr a h-uile facal a chanadh an sagart. Bha dreach ùr ann airson cuid dhe na h-ùrnaighean, an leithid an "Confiteor." An àite aon ùrnaigh choisrigidh, bha taghadh aig an t-sagart eadar ceithir dhiubh. Bha ceithir leughaidhean o Sgriobtair ann gach Didòmhnaich: fear às an t-Seann Tiomnadh, salm, fear às an Tiomnadh Nuadh, agus Soisgeul an latha. Bhiodh na leughaidhean seo a rèir cuairt fad trì bliadhna.<sup>184</sup>

Tha cothrom ann coimeas a dhèanamh eadar cruth na h-Aifrinn mar a bha i sna h-Eileanan Siar ann an 1967 agus ciamar a chaidh a h-atharrachadh a-rithist nuair a thàinig cruth ùr a-staigh aig deireadh 1969. Chlàraich luchd Sgoil Eòlais na h-Alba Aifreann eile aig Mgr Calum MacIllFhialain anns a' Bhàgh a Tuath ann an 1970.<sup>185</sup> Tha coltas ann gun robh microfòn aig an t-sagart a-nist agus mar sin, bhiodh e na b' fhasa dhan phoball a chluinntinn. Ged a tha na h-atharrachaidhean gu h-àrd ann, 's e cho bitheanta 's a tha laoidhean "Aifreann Mhaighstir Ailein" fhathast aon rud a tha sa chumantas eadar an dà Aifreann bho 1967 agus 1970. Air feadh na h-Aifrinn seo, gheibhear còig dhe na laoidhean: aig toiseach na h-Aifrinn, gabhaidh a' chòisir a' chiad dà laoidh, "A Dhia thoir dhuinn na gràsan" ("Romh' Aifrinn") agus "Tha mi 'g aideachadh mo lochdan" ("Aig 'Confiteor' is 'Kyrie"). Ron t-Soisgeul, gabhaidh iad an treas laoidh, "Tha sinn 'seasamh aig an t-Soisgeul" ("Aig an t-Soisgeul 's a' Chreud"), agus aig àm a' Chomanachaidh, gabhaidh a' chòisir Àireamh 13, "'Anma Chrìosda" ("Aig àm na Comainne"). Aig deireadh na h-Aifrinn, gabhaidh iad Àireamh 15, "Cliù do'n Athair" ("Gnìomh Buidheachais"). Ged a tha àireamh nan laoidhean nas lugha na

<sup>183</sup> Airson mìneachadh mionaideach air na h-atharrachaidhean seo, faic Mgr Charles Pope, "A Look at the 'Actual Mass' of Vatican II: The 1965 Missal," *Community in Mission*, 16.01.2015, <http://blog.adw.org/2015/01/a-look-at-the-actual-mass-of-vatican-ii-the-1965-missal/>.

<sup>184</sup> Faic Thomas Kocik, "A Reform of the Reform?" ann an *T&T Clark Companion to Liturgy*, deas. Alcuin Reid (2016), 319-321.

<sup>185</sup> Aifreann ann am Bàgh a Tuath, Lùnastal 1970, TanD, SA1970.157, [https://www.tobarandualchais.co.uk/search?search%5Bterm%5D=SA1970.157&search%5Btype%5D=archival\\_object&search%5Bpage\\_size%5D=10&search%5Bsort%5D=&search%5Blanguage%5D=&search%5Bgenre%5D=&search%5Bcollection%5D=&search%5Bfrom\\_date%5D=&search%5Bto\\_date%5D=&search%5Bhas\\_transcript%5D=0&commit=Rannsaich](https://www.tobarandualchais.co.uk/search?search%5Bterm%5D=SA1970.157&search%5Btype%5D=archival_object&search%5Bpage_size%5D=10&search%5Bsort%5D=&search%5Blanguage%5D=&search%5Bgenre%5D=&search%5Bcollection%5D=&search%5Bfrom_date%5D=&search%5Bto_date%5D=&search%5Bhas_transcript%5D=0&commit=Rannsaich).

bha i ann an 1967, nuair a chaidh naoi dhe na laoidhean aig “Aifreann Mhaighstir Ailein” a ghabhail, tha e cudromach a chuimhneachadh nach robh e na chleachdadh tuilleadh a bhith a’ seinn fhad ’s a bha an sagart a’ gabhail ùrnaighean a’ Choisrigidh agus mar sin, cha bhiodh e freagarrach laoidhean mar “Smuaintean fuadain cuir air chùl” (“Aig a’ Choisrigidh”) agus “Glac, a Thighearna an ìobairt uasal” (“Eadar àm a’ Choisrigidh ’s a Phaidir”) a sheinn aig an àm seo.<sup>186</sup> Mar as àbhaist, às dèidh nan atharrachaidhean ann an 1969, cha bhiodh ach ceithir laoidhean ann aig an Aifreann.<sup>187</sup>

A-rithist, tha an clàradh seo na fhianais air cho cudromach ’s a bha laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” anns an Aifreann sna h-Eileanan Siar, agus cho dlùth ’s a bha iad ceangailte rithe. ’S e eileamaid chunabhalach a bh’ anna nuair a bha na h-atharrachaidhean air cruth na h-Aifrinn a’ tighinn a-staigh às dèidh Dàrna Comhairle a’ Bhatacain. Nuair a dh’fhoillsich Sgìr-Easbaig Earra-Ghaidheal agus nan Eilean laoidheadair Gàidhlig ùr, *Seinnibh dhan Tighearna*, ann an 1986, bha a’ mhòr-chuid de laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” ann,<sup>188</sup> a bharrachd air dòrlach de laoidhean eile a sgrìobh air neo a dh’eadar-theangaich Mgr Ailein. Tha buaidh “Aifreann Mhaighstir Ailein” ri fhaicinn san Aifreann ann am paraistean sna h-Eileanan Siar suas gus an latha an-diugh. Ged nach cluinnear a’ mhòr-chuid de na laoidhean san t-sreath gu tric a-nist, tha a’ chiad laoidh, “Romh’ Aifrinn,” aithnichte mar “A Dhia thoir dhuinn na gràsan,” air a gabhail gu tric mar laoidh inntigidh ann am Bòrnais, Uibhist a Deas, co-dhiù.<sup>189</sup> Mar chomharra eile air an àite aig “A Dhia thoir dhuinn na gràsan” ann an dualchas nan Eilean gus an latha an-diugh, bidh an laoidh seo a’ nochdadh san dealbh-chluich

<sup>186</sup> Chan eil sgeul air an *Sanctus* air a’ chlàr seo, is mar sin, tha coltas ann gun robh e air a ghearradh a-mach às a’ chlàr.

<sup>187</sup> Tha seo air a mhìneachadh le Roseanne T. Sullivan:

Ever since 1969, the vast majority of Masses are celebrated in what is called the Ordinary Form, and a sequence of four hymns is typically sung at the Entrance, the Preparation of the Gifts (Offertory), the Communion, and during the Recessional procession at the end of the Mass. Sacred Music experts often refer to this sequence as the “four-hymn sandwich.” “Propers of the Mass Versus the Four-Hymn Sandwich,” *Homiletic and Pastoral Review*, 15.01.2016, <https://www.hprweb.com/2016/01/propers-of-the-mass-versus-the-four-hymn-sandwich/>.

<sup>188</sup> *Seinnibh dhan Tighearna* (1986), Àireamhan 34-43. ’S e na laoidhean nach eil cho freagarrach do chruth ùr na h-Aifreann, far a bheil an sagart ag ràdh faclan a’ Choisrigidh os àrd nach fhaighear ann (Àireamhan 7-11): “Nuair a bhuaileas an clag romh àm a’ Choisrigidh,” “Aig a’ Choisrigidh,” “Eadar àm a’ Choisrigidh ’s a Phaidir,” “Aig a’ Phaidir,” “Eadar a’ Phaidir agus ‘Agnus Dei.’” Cuideachd, chan fhaighear an dàrna laoidh “Aig àm na Comainne,” “Crochadh fuilteach ri crann-ceusaidh” (Àireamh 13).

<sup>189</sup> Tha am fios seo stèidhichte air an eòlas agam fhìn bhon a bhith a’ seinn ann an còisir eaglais Bhòrnais eadar 2008 agus 2012 agus a bhith a’ cur seachad ùine sa pharaiste bhon àm sin.

*Fuaigh*, a sgrìobh Rona Dhòmhnallach ann an 2016, a bhios a’ togail air teàmannan mar chànan, cultar agus cinneas ann an Uibhist a Deas.<sup>190</sup> Tha fonn na laoidhe a-nist air a dhol gu saoghal a’ chiùil Ghàidhealaich air taobh a-muigh nan eaglaisean Caitligeach sna h-Eileanan Siar agus i a’ nochdadh air a’ chlàr *Sealladh Àrd* (2021) aig an Angus Nicolson Trio.<sup>191</sup>

### 2.3 Laoidhean na h-Aifrinn aig deireadh na 20mh linn

A bharrachd air a’ bhuaidh aig cruth na h-Aifrinn air cho freagarrach ’s tha laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” san Aifreann “ùr,” tha laoidhean Gàidhlig nas ùire ann a tha air fàs cumanta ann am paraistean sna h-Eileanan Siar agus tha coltas ann gu bheil iad gu ìre mhòr air àite laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” a ghabhail. Gu seachd àraidh, tha na laoidhean a sgrìobh am bàrd Uibhisteach Dòmhnall Iain MacDhòmhnail (Dòmhnall Iain Dhonnchaidh, 1918-1986) agus ris an do chuir Iseabail T. Dhòmhnallach ceòl air fàs cumanta.<sup>192</sup> Tha àireamh de na laoidhean seo a’ nochdadh san laoidheadair *Seinnibh dhan Tighearna* (1986)<sup>193</sup> agus tha e coltach gu bheil iad air a bhith cumanta bhon àm sin. Mar eisimpleir, nuair a chaidh Aifreann a chlàradh ann an Eaglais Bhòrnais ann an Uibhist a Deas ann an 2003 mar phàirt dhen t-sreath telebhisein *Ar n-Aran Làitheil*,<sup>194</sup> cha robh ach laoidhean MacDhòmhnail agus Dhòmhnallaich gan gabhail: “Seinnibh dhan Tighearna,”<sup>195</sup> “S e an Tighearna Fhèin Mo Chìobair,”<sup>196</sup>

<sup>190</sup> Faic “Fuaigh – Interweaving,” Bella Caledonia, 12.07.2017, <https://bellacaledonia.org.uk/2017/07/12/fuaigh-interweaving/>.

<sup>191</sup> Faic Gordon Potter, “Angus Nicolson Trio – *Sealladh Àrd*,” The Living Tradition, <https://www.livingtradition.co.uk/webrevs/skyecd56.htm>.

<sup>192</sup> Faic *Chì Mi: Bàrdachd Dhòmhnall Iain Dhonnchaidh*, deas. Bill Innes (2001), 339.

<sup>193</sup> Tha e coltach gun d’ fhuair an dithist seo coimisean bhon sgrìobhaiche an laoidheadair seo a dhèanamh, le Mgr Niall MacCeallaig air cùl a’ ghnòthaich. Conaltradh pearsanta le Gillebrìde Mac’IlleMhaoil.

<sup>194</sup> *Ar n-Aran Làitheil*, Tern Television Productions agus Comataidh Craolaidh Gàidhlig, 2003, <https://learningonscreen.ac.uk/ondemand/index.php/prog/0111D826?bcast=131806361>. Chan fhaighear an ceangal seo no ceanglaichean eile aig Learning on Screen gun chead inntrigidh aig ionad foghlaim clàraichte.

<sup>195</sup> *Seinnibh* (1986), Àireamh 12.

<sup>196</sup> *Seinnibh* (1986), Àireamh 9.



“Ò Ìosa, Bì’n Còmhnaidh,”<sup>197</sup> Do Làmh, a Chrìosda,”<sup>198</sup> agus “Sìn do Làmh, a Mhoire.”<sup>199</sup> Tha ceangal ri fhaicinn ann eadar na laoidhean seo agus na laoidhean aig Mgr Ailein: coltach ris na laoidhean aig Mgr Ailein, tha a’ Ghàidhlig soilleir agus ruigsinneach dhan t-sluagh, agus tha na fuinn stèidhichte air fuinn dhùthchasach.<sup>200</sup> Bhon eòlas agam fhìn, tha na laoidhean seo uile fhathast cumanta aig Aifreannan sna h-Eileanan Siar.

Bhon sgrùdadh mìonaideach seo air an àite aig laoidhean Gàidhlig san Aifreann agus gu h-àraid an àite aig laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” air feadh na 20mh linn, chìthear gu bheil dìleab de laoidhean Aifrinn ann a tha leantainneach agus cudromach do dh’adhradh Caitligich nan Eilean Siar, gu h-àraidh re atharrachaidhean Dàrna Comhairle a’ Bhatacain. Aig an aon àm, faodar aithneachadh gun robh mar a thàinig na laoidhean seo gu bhith agus mar a bha iad gan gabhail rè na h-Aifrinn a’ dol le sruth ghluasadan san Eaglais Chaitligich air fad. Mar sin, faodar na laoidhean seo fhaicinn mar sgàthan an dà chuid air luachan coitcheann na h-Eaglaise agus luachan ionadail Chaitligich nan Eilean.

#### 2.4 *Iùl a’ Chrìostaidh* agus an Aifreann, 1834-1963

Cha b’ e laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” an aon ghoireas a bh’ aig Caitligich nan Eilean Siar a bha a’ soilleireachadh ciall na h-Aifrinn dhaibh fhad ‘s a bha iad ga h-èisteachd. Bha àite cudromach aig leabhraichean cràbhaidh Gàidhlig mun tàinig atharrachaidhean air an Aifreann sna 1960an. B’ e *Iùl a’ Chrìostaidh* an leabhar cràbhaidh as cumanta am measg Chaitligich nan Eilean Siar. Gheibhear beachd air seo leis cho bitheanta ‘s a tha seann leth-bhreacan dheth ann an dachaighean Caitligeach san h-Eileanan, coltach ri seann Bhìoballan Gàidhlig ann an dachaighean Pròstanach

---

<sup>197</sup> *Seinnibh* (1986), Àireamh 21.

<sup>198</sup> *Seinnibh* (1986), Àireamh 16.

<sup>199</sup> *Seinnibh* (1986), Àireamh 78.

<sup>200</sup> Faic *Chì Mi*, 339. Tha Innes a’ toirt iomradh air a’ bhuaidh a bh’ aig na laoidhean Gaeilge Seán Ó Riada ann an Èirinn air na laoidhean a rinn MacDhòmhnail agus Dhòmhnallach. Gu dearbh, tha an coltas eadar fonn agus faclan “Do Làmh a Chrìosta” agus “Ag Crìost an Síol” furasta aithneachadh. Tha ceanglaichean inntinneach rin dèanamh eadar na laoidhean aig Ó Riada agus an fheadhainn aig Mgr Ailein cuideachd, agus cothrom ann tuilleadh rannsachaidh air na ceanglaichean eadar obair Ó Riada agus laoidhean Caitligeach nan Eilean Siar. Faic John O’Keeffe, *The Masses of Seán and Peadar Ó Riada* (2017).

sna h-Eileanan Siar mu thuath.<sup>201</sup> On a nochd e an toiseach, tha ochd eagra dheth air a bhith ann.<sup>202</sup> Thuige seo, chan eil mòran obair sgoileireil air a dèanamh air tùsan agus susbaint an leabhair, na ceanglaichean aige ri leabhraichean cràbhaidh Beurla, agus mar a dh'atharraich e eadar a' chiad eagra agus an t-eagra mu dheireadh a rèir gluasadan san Eaglais Chaitligich air fad. Tha an earrann seo a' toirt seachad fiosrachadh tòisichidh air a' chuspair seo.

Nochd a' chiad eagra de dh'*Iùl a' Chrìostaidh* ann an 1834 le ainm Mgr Raonull MacFhraing<sup>203</sup> air. Tha Alasdair Roberts a' toirt seachad fianais nach e Mgr MacFhraing a sgrìobh an leabhar, ge-tà, ach Mgr Eobhan MacEachainn, mu thimcheall air 1812, ach gur e Mgr MacFhraing a thug seachad an t-airgead airson foillseachadh an leabhair.<sup>204</sup> Anns an ro-ràdh, tha dreuchd an leabhair air a mhìneachadh le bhith a' toirt iomradh air:

A' mhor fheum th' aig moran air leabhar urnaigh gu fiosrachadh is eolas thoirt do 'n oigridh air an doigh is coir dhaibh an deasachadh fhein air-son na sacramaidean a ghlacail le 'm feartan, 's gu sean is og a chuideachadh gu ard iobairt na h-aifrinne eisdeachd le toradh dha 'n anam, agus na grasan lionar a tha ceangailte ris an dà chuid a bhuannachadh le iad fhein chur ann a' staid iomchuidh chum na criche sin.<sup>205</sup>

Chithear an seo gu bheil a' cumail ri luachan Glusad Liotuirgeach na 19mh linn le bhith a' cur cuideam air frithealadh nan sàcramaidean, agus gu h-àraid a bhith a' leantainn na h-Aifrinn. Gus seo a dhèanamh, bha leabhraichean cràbhaidh nan cuideachadh mòr. Ach chan fhaighear eadar-theangachadh dhen Aifreann gu Gàidhlig ann an *Iùl a' Chrìostaidh*, mar a nochd e ann an 1834, ach mìneachadh air an Aifreann

---

<sup>201</sup> Mar eisimpleir, tha mi eòlach air teaglach ann an Uibhist a Deas aig a bheil mu thimcheall air dusan leth-bhreac dheth a thàinig thuca tro na ginealaich.

<sup>202</sup> Airson fiosrachadh air an dàrna gus an t-seachdamh eagra de dh'*Iùl a' Chrìostaidh*, faic Donald MacLean, *Typographica Scoto-Gadelica* (1915), 87-88.

<sup>203</sup> Tha Mgr MacFhraing, a rugadh anns a' Ghearastan ann an 1796, aithnichte air a' Ghàidhealtachd mar an sagart a rinn an laoidh Nollaig "Tàladh Chrìosta." Chuir e a chùl ris a' Ghàidhealtachd ann an 1855 nuair a chaidh e a dh'Astràlia gus a bhith na shagart dha na Gàidheil à Muideart a shuidhich ann an Sgìr-Easbaig Mhelbourne. Watts, *Record*, 104. Airson barrachd air na rinn MacFhraing mar shagart ann am Muideart, faic Alasdair Roberts, "Catholic Chapels of Moidart and Glenfinnan," Comann Eachdraidh Mùideirt, <http://www.moidart.org.uk/datasets/cathchapsaroberts.htm>.

<sup>204</sup> Tha am fiosrachadh seo a' tighinn bho litir a sgrìobh Mgr Uilleam Mac an Tòisich dhan Easbaig Scott san Ògmhios 1841, far a bheil e a' toirt seachad pàirt de litir a sgrìobh Mgr MacEachainn, a' mìneachadh mar a thàinig *Iùl a' Chrìostaidh* gu bhith. Tha an litir ann an Tasglann Caitligeach na h-Alba (Scottish Catholic Archives). Roberts, "Maighstir Eobhan Mac Eachainn," 362, 387.

<sup>205</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), iii-iv.

agus earrannan air uidheamachd na h-Aifrinn<sup>206</sup> agus culaidh na h-Aifrinn.<sup>207</sup> Airson na h-Aifrinn fhèin, bha ùrnaighean ann a dh'fhaodadh am poball a ghabhail ron Aifreann<sup>208</sup> agus aig gach pàirt dhen Aifreann, a rèir na bha a' tachairt aig an altair. Tha an t-eagran seo cuideachd a' toirt dhan leughadair dòigh a bhith a' smaointinn air an Aifreann mar an t-slighe a ghabh ìosa dhan chrann-cheusaidh, le gach earrann den Aifreann a' samhlachadh ceum air an t-slighe.<sup>209</sup> Mar eisimpleir, tha an leabhar a' mìneachadh, "Nuair a tha 'n sagart a' tòiseachadh air an Aifrinn, tha ìosa ri urnaigh anns a' ghàradh."<sup>210</sup>

Ann an *Iùl a' Chrìostaidh* mar a nochd e ann an 1834, chan fhaighear faclan an t-sagairt fhèin aig an Aifreann gu deireadh an leabhair, far a bheil earrann air "Freagairt na h-Aifrinn" airson clèireach a bhiodh a' frithealadh an t-sagairt aig an altair. Chan eil eadar-theangachadh Gàidhlig de dh'fhaclan an t-sagairt ann, ach stiùiridhean ann an Gàidhlig airson a' chlàirich, a thaobh nan gluasadan aige a rèir na tha an sagart a' dèanamh.<sup>211</sup>

Ged a chuireadh e iongnadh air cuid an-diugh nach robh cuideam air a chur air leantainn ùrnaighean an t-sagairt facal air an fhacal ann an leabhar mar *Iùl a' Chrìostaidh*, feumar cuimhneachadh nach cluinnear cuid de na h-ùrnaighean a ghabhadh an sagart air feadh na h-Aifrinn co-dhiù, agus esan gan ràdh os ìseal. A bharrachd air seo, air feadh na 19mh linn, bha na bha an Eaglais Chaitligeach a' moladh gu h-oifigeil a thaobh a bhith a' foillseachadh eadar-theangachadh de dh'ùrnaighean an t-sagairt aig an Aifreann uaireannan caochlaideach agus toinnte.<sup>212</sup> Mar sin, tha a' chiad eagran de dh'*Iùl a' Chrìostaidh* a' moladh gun tuigeadh a' choitheanal ciall na h-

---

<sup>206</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), 79-80.

<sup>207</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), 80-81.

<sup>208</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), 82-83.

<sup>209</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), 83-103.

<sup>210</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), 83.

<sup>211</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), 229-234.

<sup>212</sup> Airson geàrr-chunntas air gluasadan san Eaglais Chaitligich a thaobh a bhith ag eadar-theangachadh ùrnaighean na h-Aifreann gu cànan an t-sluaigh bhon Ath-Leasachadh gu ruige na 20mh linn, faic Jeremy J. Priest, "Forbidden Translations? A Brief History of How the Mass Came to be Rendered in the Vernacular," *Adoremus Bulletin*, 13.01.2019, [https://adoremus.org/2019/01/forbidden-translations-a-brief-history-of-how-the-mass-came-to-be-rendered-in-the-vernacular/#\\_edn19](https://adoremus.org/2019/01/forbidden-translations-a-brief-history-of-how-the-mass-came-to-be-rendered-in-the-vernacular/#_edn19).

Aifrinn ann an dòigh fharsaing. Mar a tha earrann aig toiseach nan ùrnaighean seo ann an *Iùl a' Chrìostaidh* (1834) a' cur an cèill:

Urnuighean na h-Aifrinne chuirte an ordugh air an doigh a tha freagairt do dh' fhuilangas agus do bhas ar Slanair: oir tha e ro-ìomchuidh gu'm biodh fios aig a h-uile Caitliceach ciod a tha h-uile earrann do 'n Aifrinn naoimh a' ciallachadh.<sup>213</sup>

Leis a' chuideam air gnìomhan cràbhaidh agus ciall na h-Aifrinne san fharsaingeachd, tha *Iùl a' Chrìostaidh* a' dol leis na bha ri fhaighinn ann an leabhraichean cràbhaidh Beurla co-aimsireil a bha air am foillseachadh ann an Sasainn agus Èirinn, an leithid *The Key of Heaven* (c.1799),<sup>214</sup> *The Garden of the Soul* (1755) aig an Easbaig Challoner,<sup>215</sup> agus leabhraichean nas anmoiche mar *The Path to Heaven* (1866).<sup>216</sup> Tha an dòigh a tha *Iùl a' Chrìostaidh* a' moladh gus an Aifreann a leantainn le bhith a' meòmhrachadh air Pàis Chrìosda coltach ris na tha ri fhaighinn ann an *The Path to Heaven*,<sup>217</sup> agus leabhar eile nas tràithe na sin, *The Ursuline Manual* (c.1830).<sup>218</sup> Mar eisimpleir, seo a gheibhear anns an *Ursuline Manual* mar phàirt dhen earrann, "A Devout Method of Hearing Mass," fon fo-thiotal "At the Introit":

When the priest bows and kisses the altar, contemplate our divine Lord prostrate before his heavenly Father, loaded with the sins of mankind, and bathed in blood through excess of sorrow. Reflect on the anguish which the treacherous kiss of Judas caused our divine Redeemer.

O Good Jesus! I fervently bless thee, for all thou hast done and suffered for my salvation. Give me the grace to weep over those sins which drew streams of blood from thy sacred veins. I desire to commemorate with the most lively and humble contrition, thy agony in the garden, and I firmly resolve to detest my sins to the latest moment of my life.<sup>219</sup>

Ann an *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), gheibhear pìos coltach ri seo san earrann "Urnaighean an Am na h-Aifrinne" fon fo-thiotal "Aig an Aideachadh":

---

<sup>213</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), 82.

<sup>214</sup> Tha *The Key of Heaven* a' dol air ais co-dhiù gu 1799 nuair a chaidh an t-ochdamh eagan fhoillseachadh. Faic *The Key of Heaven; or a Manual of Prayer*, 1839, 33<sup>mh</sup> eagan (Dublin: Richard Grace, 1839) agus *The Posey of Prayers, or the Key of Heaven*, 8<sup>mh</sup> eagan (London: E. Booker, 1799).

<sup>215</sup> Airson cunntas farsaing air na bha a' nochdadh ann an *The Garden of the Soul* agus na tha na diofar eagrain dheth a' dol le cleachdaidhean agus gluasadan cràbhaidh am measg Chaitligich Shasainneach san 19mh linn, faic Heimann, *Catholic Devotion*, 70-99.

<sup>216</sup> *The Path to Heaven* (1866).

<sup>217</sup> *The Path to Heaven* (1866), 137-144.

<sup>218</sup> *The Ursuline Manual*, 3<sup>mh</sup> eagan (1830).

<sup>219</sup> *Ursuline Manual* (1830), 104-105.

'Nuair tha 'n sagart a' lubadh sìos, agus a'g aideach' a pheacannan an lathair Dhé agus cùirt fhathanas, tha los' a' tuiteam air aghaidh 's a' gharadh; tha peacannan an t-saoghal 'nan sac cho trom air, 's 'ga chur ann a' spairn cho dòruinneach, gu bheil fallus fala a' bruchdadh ro' chorp naomh.

A THIGHEARNA los', a ghiùlain uallach mo pheacannan trom graineil, agus chaidh a lèireadh leo, le spairn chruaidh agus fallus fala 's a' gharadh, deonaich gu 'n tugadh cuimhne do dhòruinne seòmhadh air mo chridhe, agus gal air mo shuilean. O mo Dhia, gabh thusa bhuamsa iobairt mo chridhe, maille ri iobairt naoimh fala is feol' Iosa Crìost a tha sinn a' tairgsinn dhut air an altair.<sup>220</sup>

Chan e eadar-theangachadh facal air an fhacal bhon *Ursuline Manual* a gheibhear ann an *Iùl a' Chrìostaidh*,<sup>221</sup> ach chan eil teagamh ann gu bheil coltas eadar an dà earrainn a thaobh susbaint agus faireachdainn. Tha seo mar sgàthan air na tha Heimann a' mìneachadh mar "the highly emotional approach to religion which became so characteristic of nineteenth-century religiosity" ann am Breatainn.<sup>222</sup> Mar sin, bha an dòigh-smaoineachaidh air an Aifreann a bha air a mholadh ann an *Iùl a' Chrìostaidh a' dol le sruth farsaing fasan cràbhaidh*.

Chithear coltasan eadar *Iùl a' Chrìostaidh* agus *The Key of Heaven* cuideachd. Tha Sheridan Gilley a' toirt seachad tuairisgeul air *The Key of Heaven* am measg leabhraichean cràbhaidh Beurla a bha cumanta ann an Èirinn:

Challoner's *Garden of the soul* was popular in English-speaking Ireland, where the commonest native prayer book was *The key of Heaven; or, A manual or prayer*, with thirty-three Dublin editions by 1839. Much of it is centred on the Mass in relation to the Christian Year, on the rules of the Church for attending it and with prayers for before, during and after it, and with an explanation of its ornaments and ceremonies, including a disquisition on the colours of the seasons.<sup>223</sup>

Le bhith a' breithneachadh air teagsaichean bhon dà leabhar, tha e coltach gun tug tionndadh tràth dhen *The Key of Heaven* buaidh air *Iùl a' Chrìostaidh* fhèin, air neo ma dh'fhaodte gun robh an dà leabhar a' tarraing bho thùs eile nas tràithe. Tha e

<sup>220</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), 83-84.

<sup>221</sup> Nan robh susbaint *Iùl a' Chrìostaidh* air a sgrìobhadh mu 1812, chan eil e coltach gun robh a' chiad eagan dhen *Ursuline Manual* air fhoillseachadh fhathast.

<sup>222</sup> Mary Heimann, "Christian Piety in Britain during the 'Long' Nineteenth Century, c 1780-1920," ann am *Piety and Modernity*, deas. Anders Jarlett (2012), 33.

<sup>223</sup> Sheridan Gilley, "Devotions and the Old Rite," ann an *Devotional Cultures of European Christianity, 1790-1960*, deas. Henning Laugerud and Salvador Ryan (2012), 38.

follaiseach bhon turaisgeul gu h-àrd gu bheil susbaint *The Key of Heaven* agus *Iùl a' Chrìostaidh* glè choltach. Gu dearbh, ann an *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), tha na h-earrannan air uidheamachd na h-Aifrinn agus culaidh na h-Aifrinn<sup>224</sup> gu math coltach ris na h-aon earrannan ann an *The Key of Heaven*<sup>225</sup> agus tha co-dhiù pàirt dhe na h-earrannan seo a' dol air ais gu leabhraichean ùrnaigh na bu tràithe.<sup>226</sup> Tha seo follaiseach san dà earrann gu h-ìseal:

<i>Iùl a' Chrìostaidh</i> (1834) <sup>227</sup>	<i>The Key of Heaven</i> (1839) <sup>228</sup>
Tha 'n Altair a' ciallachadh Beinn Chalbhari air na cheusadh le tàrcuis Iosa Criost, aon Mhac Dhé, 's an darna pearsa dhe' Trionad bheannaichte.	The Altar, signifies Mount Calvary, whereupon Jesus Christ (the only Son of God, and the second person of the most blessed Trinity, our Redeemer,) was crucified upon a reproachful cross

Tha eisimpleirean mar seo a' sealltainn gu bheil e coltach gun robh *Iùl a' Chrìostaidh* a' tarraing air leabhraichean cràbhaidh Beurla a bha cumanta ann am Breatainn agus Èirinn san 19mh linn.

Cuideachd, tha Gilley a' toirt iomradh air na dòighean diofraichte a gheibhear ann an leabhraichean cràbhaidh gus an Aifreann a fhrithealadh, le bhith a' tarraing eisimpleir à leabhar cràbhaidh Beurla eile, *My Path to Heaven*:

*My Path to Heaven* of 1862 recommends that one profitable method of hearing or assisting at Mass "is to follow the Priest in the ordinary of the Mass as contained in the Missal; joining with him, as far as the laity may, in the very words of the service, and uniting our intention with him in what he does as Priest for the people."<sup>229</sup>

Tha Gilley cuideachd a' sealltainn nach b' e seo an aon dòigh a dh'fhaodadh daoine a bhith an sàs san Aifreann, le iomadh dòigh gus an Aifreann a thuigsinn air am moladh

<sup>224</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), 79-81.

<sup>225</sup> *The Key of Heaven* (1839), 14-15.

<sup>226</sup> Tha e follaiseach gun robh earrannan ann an *The Key of Heaven* mar an earrann gu h-ìseal stèidhichte air "manuals" Beurla na bu tràithe, mar *A Manual of Devout Prayers and Other Christian Devotions* (1771). Tha eachdraidh nam "manuals" seo a' dol air ais gu linn Chomhairle Trent (1545-1563). Faic Joannes Maria Blom, "The Post-Tridentine English Primer" (Tràchdas PhD, Radboud University, 1979), 112-136.

<sup>227</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1834), 79.

<sup>228</sup> *The Key of Heaven* (1839), 14.

<sup>229</sup> Gilley, "Devotions," 43.

do Chaitligich sna leabhraichean cràbhaidh san 19mh linn agus san 20mh linn gu ruige Dàrna Comhairle a' Bhatacain: "In short, there was only one way for the clergy to say Mass; but excepting the well-drilled server, the laity at a Low Mass could hear it in any way they chose."<sup>230</sup> Tha ceangal ann an seo leis na gheibhear ann an *lùl a' Chrìostaidh* bhon t-siathamh eagraan (1885) a-mach: *Ordo Missae* dà-chànanach, le eadar-theangachadh Gàidhlig air ùrnaighean na h-Aifrinn. Tha coltas ann gun robh seo stèidhichte facal air an fhacal air an *Ordo Missae* Ghàidhlig agus Laideann a nochd mar leabhar fa-leth ann an 1877. A bharrachd air seo, gheibhear na h-aon "Urnaighean an Am na h-Aifrinne" a nochd ann an 1834 gun mhòran atharrachadh suas gus an eagraan mu dheireadh a nochd ann an 1963.<sup>231</sup> Mar sin, anns na trì eagrain mu dheireadh de dh'*lùl a' Chrìostaidh*, dh'fhaodadh an leughadair tè seach tè dhe na dòighean a thaghadh gus an Aifreann a leantainn. Le gnothaichean mar seo sa chumantas eadar *lùl a' Chrìostaidh* agus leabhraichean cràbhaidh Beurla a bha bitheanta mun aon àm, chithear gu bheil *lùl a' Chrìostaidh* agus leabhraichean cràbhaidh a leithid sa Bheurla a' dol leis na h-aon bheachdan a thaobh mar a bhiodh am poball a' leantainn na h-Aifrinn a bha cumanta san Eaglais Chaitligich ann am Breatainn is Èirinn san 19mh linn.<sup>232</sup>

#### 2.4.1 *lùl a' Chrìostaidh* agus Glusad Liotuirgeach na 20mh linn

Chithear anns na h-eagrain mu dheireadh de dh'*lùl a' Chrìostaidh* anns a bheil eadar-theangachadh Gàidhlig air an Aifreann luachan Glusad Liotuirgeach na 20mh linn. Tha Alcuin Reid a' toirt tuairisgeul air mar a bha leabhraichean cràbhaidh nam pàirt dhen ghluasad seo, gu h-àraidh iadsan a thugadh cothrom don phoball a bhith a' leantainn liotuirgidh oifigeil na h-eaglais, an leithid "missals," leabhraichean anns an robh ùrnaighean na h-Aifrinn:

The very availability of these volumes, and in some cases their prefaces, invited people to that "actual participation" in the Liturgy about which the Liturgical Movement would say a great deal.<sup>233</sup>

---

<sup>230</sup> Gilley, "Devotions," 43.

<sup>231</sup> *lùl a' Chrìostaidh* (1834), 82-105; *lùl a' Chrìostaidh* (1963), 86-107.

<sup>232</sup> Tha e coltach cuideachd gun robh pàirtean de dh'*lùl a' Chrìostaidh* stèidhichte gu ìre air na tha ri fhaighinn san leabhar-cràbhaidh Gaeilge, *The Spiritual Rose*, a nochd an toiseach ann an 1800, mar na h-earrannan meòrachaidh an cois na Conair Mhoire agus Slighe na Croise. Faic Malachy McKenna, *The Spiritual Rose* (2001).

<sup>233</sup> Alcuin Reid, *Organic Development of the Liturgy* (2004), 53.

'S e am *Moto Proprio* a chuir am Pàpa Pius X a-mach ann an 1903, *Tra le sollecitudini*, a bha aig bun Glusad Liotuirgeach na 20mh linn. Ged is ann air ceòl na h-eaglaise a bha an sgrìobainn seo, mhol e gum biodh am poball a' gabhail pàirt gnìomhach san liotuirgidh ("active participation").<sup>234</sup> Bha seo a' ciallachadh gun robh còir aig Caitligich ùrnaighean na h-Aifrinn a thuigsinn agus a leantainn. Tha Reid a' toirt iomradh air ro-ràdh leabhar Aifreann a bha foillsichte ann an 1921 le Aba Abaid Farnborough ann an Sasainn, Fernand Cabrol O.S.B:

The Mass is not a "devotion" reserved to the clergy – it is the Common Sacrifice of all the faithful. The laity have their own part to play in this Holy Sacrifice, and they should be able to follow the prayers and ceremonies and understand their meaning.<sup>235</sup>

The e coltach gun tug Glusad Liotuirgeach na 20mh linn buaidh air na bha ri moladh a thaobh a bhith a' leantainn na h-Aifrinn ann an *Iùl a' Chrìostaidh*. Às dèidh do dh'eadar-theangachadh Gàidhlig na h-Aifrinn a nochdadh san t-siathamh agus san t-seachdamh eagan ann an 1885 agus 1901, tha an t-eagan mu dheireadh bho 1963 a' cumail seo agus a' cur ris. Anns an eagan seo, gheibhear tionndadh Gàidhlig air na leughaidhean bho Sgrìobtair san Aifreann airson gach Didòmhnaich agus nam prìomh làithean naomha air feadh na bliadhna.<sup>236</sup>

Cha do nochd leabhar Gàidhlig anns an robh ùrnaighean na h-Aifrinn eadar 1901 agus 1963, a bharrachd air an leabhar cràbhaidh *Lòchran an Anma*, a nochd ann an 1906, anns an robh *Ordo Missae* le ùrnaighean aig toiseach na h-Aifrinn ann an Gàidhlig agus na h-ùrnaighean bhon t-Soisgeul gu deireadh na h-Aifrinn san dà chànan, taobh ri taobh.<sup>237</sup> Tha Heimann a' mìneachadh na bha a' dol ann an Sasainn a thaobh leabhraichean Aifreann aig toiseach na 20mh linn:

Although the influence of the continental liturgical movement can be detected from the fact that missals began to be published in greater numbers in the 1890s, the notion of greater lay involvement in the liturgy proper does not seem to have begun to take root until about 1910 in England and seems

<sup>234</sup> Pius X, *Tra le Sollecitudini* (1903) [http://w2.vatican.va/content/pius-x/la/motu\\_proprio/documents/hf\\_p-x\\_motu-proprio\\_19031122\\_sollecitudini.html](http://w2.vatican.va/content/pius-x/la/motu_proprio/documents/hf_p-x_motu-proprio_19031122_sollecitudini.html). Airson tionndadh Beurla, faic *Tra le Sollecitudini* (1903), Liturgy Office, Catholic Church in England and Wales, <http://www.liturgyoffice.org.uk/Resources/Music/PiusX-Tra-le-sollecitudini.pdf>. Faic Reid, *Organic Development*, 64.

<sup>235</sup> Reid, *Organic Development*, 80.

<sup>236</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1963), 54-69, 334-463.

<sup>237</sup> *Lòchran an Anma* (1906), 27-70.



unlikely to have filtered down to the majority of Catholics until after the First World War.<sup>238</sup>

Chan eil mòran fianais againn mu atharrachaidhean a thaobh mar a bhiodh am poball a' leantainn na h-Aifrinn bhon àm seo sna h-Eileanan Siar, ged a dh'fhaodar a bhith cuimseach cinnteach gun robh "Aifreann Mhaighstir Ailein" fhathast cumanta. Feumar cuimhneachadh cuideachd, ged a tha e soilleir gun robh *Iùl a' Chrìostaidh* agus *Lòchran an Anma* aig tòrr sna h-Eileanan leis na h-uiread de sheann leth-bhreacan a tha fhathast rim faighinn gus an latha an-diugh, nach eil sin a' ciallachadh gun robhar gan cleachdadh leis a' phoball gus an Aifreann a leantainn gu tric. Mar eisimpleir, tha cuimhne aig Catriona Garbutt (1935-), a bhith a' cluinntinn fuaim grìogagan Conairean Moire a' phobaill ann am Beinn a' Bhaoghla a' bualadh air cùl nan treastaichean nuair a bhiodh iad a' cromadh an cinn aig àm àrdachadh na Sàcramaid.<sup>239</sup>

Chan b' e nach robh an Eaglais a' ceadachadh chleachdaidhean mar seo, ge-tà, fhad 's a bha cuideam air a chur air "active participation" a' phobaill san Aifreann. Thug encyclical bho Phàpa Pius XII, *Mediator Dei*, a thàinig a-mach ann an 1947, buaidh air mar a bha an Aifreann air a thuigsinn san eaglais ann am meadhan na 20mh linn.<sup>240</sup> Ann am *Mediator Dei*, mhol am Pàpa gu easbaigean air feadh an t-saoghail:

Try in every way, with the means and helps that your prudence deems best, that the clergy and people become one in mind and heart, and that the Christian people take such an active part in the liturgy that it becomes a truly sacred action of due worship to the eternal Lord in which the priest, chiefly responsible for the souls of his parish, and the ordinary faithful are united together.<sup>241</sup>

A dh'aindeoin seo, cha robh casg air a chur air dòighean diofraichte gus an Aifreann a leantainn:

Many of the faithful are unable to use the Roman missal even though it is written in the vernacular; nor are all capable of understanding correctly the liturgical rites and formulas. [...] Who, then, would say, on account of such a prejudice, that all these Christians cannot participate in the Mass nor share its

<sup>238</sup> Heimann, *Catholic Devotion*, 71-72.

<sup>239</sup> Conaltradh pearsanta.

<sup>240</sup> Tha Reid a' mìneachadh cho cudromach 's a bha *Mediator Dei* a thaobh a bhith a' daingneachadh gu h-oifeigil amasan a' Ghluasaid Liotuirgeach. *Organic Development*, 126-130.

<sup>241</sup> Pius XII, *Mediator Dei* (1947), Earrann 199. [http://w2.vatican.va/content/pius-xii/en/encyclicals/documents/hf\\_p-xii\\_enc\\_20111947\\_mediator-dei.html](http://w2.vatican.va/content/pius-xii/en/encyclicals/documents/hf_p-xii_enc_20111947_mediator-dei.html).

fruits? On the contrary, they can adopt some other method which proves easier for certain people; for instance, they can lovingly meditate on the mysteries of Jesus Christ or perform other exercises of piety or recite prayers which, though they differ from the sacred rites, are still essentially in harmony with them.<sup>242</sup>

Mar seo, cha robh e toirmisgte a bhith a leantainn na h-Aifrinn anns an dòigh a bha air a moladh sna h-eagrain thràtha de dh'*lùl a Chrìostaidh*, air neo fiù 's a bhith a' gabhail na Conair Mhoire rè h-Aifrinn.<sup>243</sup> Ach leis a' chuideam ga chur air a' phoball a bhith a' gabhail pàirt gnìomhach san Aifreann agus a bhith a' leantainn faclan na h-Aifrinn,<sup>244</sup> bha *Mediator Dei* a' cumail ri luachan Gluasad Liotuirgeach na 20mh linn a thug buaidh air na molaidhean a thàinig gu buil ann an sgrìobhannan Dàrna Comhairle a' Bhatacain. Eadar laoidhean "Aifreann Mhaighstir Ailein," *lùl a' Chrìostaidh*, anns an robh an dà chuid faclan na h-Aifrinn ann an Gàidhlig agus ùrnaighean cràbhach rin gabhail air feadh na h-Aifrinn, agus feadhainn a' gabhail na Conair Mhoire air feadh na h-Aifrinn, tha coltas ann gun robh iomadachd nan dòighean a dh'fhaodadh am poball a bhith a' leantainn na h-Aifrinn sna h-Eileanan Siar sa chiad leth dhen 20mh linn a' dol gu mòr le luachan *Mediator Dei*. Ged a b' e Laideann cànan ùrnaighean na h-Aifrinn, 's ann tro mheadhan na Gàidhlig a bha na cleachdaidhean seo uile, a' sealltainn gun robh a' Ghàidhlig cudromach a thaobh cràbhachd ceangailte ris an Aifreann, fiù 's mus deach ùrnaighean na h-Aifrinn fhèin eadar-theangachadh gu cànan an t-sluaigh.

#### 2.4.2 *lùl a' Chrìostaidh* às dèidh Dàrna Comhairle a' Bhatacain

Nuair a thàinig atharrachaidhean na h-Aifrinn a-staigh às dèidh Dàrna Comhairle a' Bhatacain, cha robh na h-earrannan ann an *lùl a' Chrìostaidh* a bha a' buntainn ris an Aifreann gu feum dhan phoball tuilleadh. Leis an t-sagart a' gabhail ùrnaighean na h-Aifrinn os àrd ann an cànan an t-sluaigh, cha robh na h-ùrnaighean rin gabhail leis a'

<sup>242</sup> Pius XII, *Mediator Dei* (1947), Earrann 108.

<sup>243</sup> Bha rud eile ann a mhol *Mediator Dei* a tha cudromach dhan rannsachadh seo: gum faodadh barrachd de liotuirgidh na h-Eaglaise a bhith ann an cànan an t-sluaigh: "The use of the mother tongue in connection with several of the rites may be of much advantage to the people." Ach dh'fheumadh cead fhaighinn bhon Bhatacain gus eadar-theangachadh a dhèanamh. Earrann 60

<sup>244</sup> Mhol *Mediator Dei*: "They are to be praised who, with the idea of getting the Christian people to take part more easily and more fruitfully in the Mass, strive to make them familiar with the 'Roman Missal,' so that the faithful, united with the priest, may pray together in the very words and sentiments of the Church." Earrann 105.

phoball air feadh na h-Aifrinn freagarrach tuilleadh. Dh'fhaodar a ràdh gur e seo ceann-finid Glusad Liotuirgeach na 20mh linn, agus bha e a' cumail ri bun-reachd Dàrna Comhairle a' Bhatacain, *Sacrosanctum Concilium*, agus e a' moladh "full and active participation by all the people."<sup>245</sup> Bha mòran de na h-ùrnaighean air an gearradh. Cuideachd, chaidh cinn-latha cuid de làithean-fèille atharrachadh agus chaidh an taghadh de leughaidhean bhon Sgrìobtar ann an Aifreannan air feadh na bliadhna liotuirgeach atharrachadh gu mòr. Mar sin, cha robh na leughaidhean bhon Sgrìobtar ann an *Iùl a' Chrìostaidh* (1963) gu feum san Aifreann na bu mhotha. Air sàilleabh 's gun do thachair na h-atharrachaidhean seo cho luath às dèidh don eagan mu dheireadh de dh'*Iùl a' Chrìostaidh* nochdadh, bha co-dhiù aon eaglais sna h-Eileanan Siar air fhàgail le seat de dh'*Iùl a' Chrìostaidh* airson a' choitheanail nach robh gu feum tuilleadh.<sup>246</sup>

Mar a chaidh mìneachadh aig toiseach na chaibideil, nuair a chaidh cruth na h-Aifrinn stèidheachadh a-rithist às dèidh atharrachaidhean nan 1960an, chaidh bileagan a dhèanamh a bheireadh cothrom don phoball ùrnaighean agus leughaidhean Aifreann an Dòmhnach a leantainn sa Ghàidhlig, ach cha deach leabhar Aifreann Gàidhlig ùr a dhèanamh. Fo sgèith Sgìr-Easbaig Earra-Ghàidheal is nan Eilean, tha obair air a bhith a' dol air teagsaichean Gàidhlig ùra airson na h-Aifrinn agus na sàcramaidean eile fad beagan bhliadhnaichan a-nis, agus ceangailte ris seo, tha Mgr Ross Crichton air a bhith ag obair air leabhar cràbhaidh Gàidhlig ùr, coltach ri *Iùl a' Chrìostaidh*.<sup>247</sup> Nuair a bhios na goireasan ùra seo fa chomhair an t-sluaigh, chithear an toir iad buaidh air mar bhios Caitligich nan Eilean a' gabhail ris an Aifreann ann an Gàidhlig. Feumar cuimhneachadh cuideachd gu bheil crìonadh a' chànain agus cion shagart aig a bheil Gàidhlig a' toirt buaidh air eileamaidean Gàidhlig ann an Aifrinnean sna h-Eileanan Siar san àm ri teachd. Mar eisimpleir, ann an 2023, chan eil Aifreann Ghàidhlig ga tairgsinn gu cunabhalach anns na h-Eileanan Siar ach ann an eaglaisean Dhalabroig, Ghearraidh na Mònadh agus Èirisgeidh, far a bheil Mgr Ross Crichton na shagart paraiste.

---

<sup>245</sup> Paul VI, *Sacrosanctum Concilium* (1963), Caibideil 2, Earrann 14.

<sup>246</sup> Anns na 2000an, bha fhathast iomadh leth-bhreas dh'*Iùl a' Chrìostaidh* air fhàgail ann an Eaglais Naomh Moire ann am Beinn a' Bhaoghla, leis gun deach seat a cheannach dhan choitheanail sna 1960an. Conaltradh pearsanta le Mgr Ross Crichton.

<sup>247</sup> Conaltradh pearsanta le Mgr Ross Crichton.

## 2.5 Co-dhùnadh

Faodar coimhead air an dà chuid laoidhean “Aifreann Mhaighstir Ailein” agus na h-earrannan ann an *Iùl a’ Chrìostaidh* a thaobh na h-Aifrinn mar làcasan creideimh ann an coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar bhon 19mh linn gu ruige atharrachaidhean san Aifreann às dèidh Dàrna Comhairle a’ Bhatacain. Ged a tha an dà chuid seo cudromach mar ghoireasan a tha freagarrach do Chaitligich aig an robh mion-chànan agus cultar dùthchasach ann an sgìre ionadail, tha an rannsachadh farsaing iomadh-thùsach anns a’ chaibideil seo a’ sealltainn gu bheil tuigse nas doimhne ri fhaighinn nuair a thèid an cur ann an co-theagsa luachan agus ghluasadan na h-Eaglais Caitligich air fad, gu h-àraid an Glusad Liotuirgeach. Tillidh sinn dhan eadar-obrachadh seo eadar buaidhean dùthchasach ionadail agus buaidh gluasadan uile-eaglaiseil ann an làcasan creideimh eile aig Caitligich nan Eileanan Siar sna caibideilean ri teachd.

### Caibideil 3: Cràbhadh don Òigh Mhoire

*The other glory of Scotland is in the living devotion to Mary in the Western Isles. Mary entered there into the fabric of everyday life. She guided the helmsman over the blue deep waters of Barra. She guarded the cattle on the lands of Uist. She was in the night croons of the Island Mothers. She was there, and there she belonged.*

Nochd an earrann gu h-àrd ann an alt a sgrìobh Mgr Alan Keenan, O.F.M., san *Glasgow Observer and Scottish Catholic Herald* ann an 1958. B' e an ceann-naidheachd "Bright Mary of the Western Isles – The Lady-Lord of the Celtic Paradise."<sup>248</sup> Tha an earrann seo a' cur an cèill a' bheachd chumanta gu bheil dlùth cheangal aig na Gàidheil Chaitligeach ann an Uibhist a Deas, Beinn a' Bhaoghla, Èirisgeigh agus Barraigh ris an Òigh Mhoire, agus gu bheil iad ga faicinn mar neach-tèarmainn.

Bheir a' chaibideil seo sùil air roinn de "lòcasan creideimh" anns an tig cràbhadh don Òigh Mhoire am follais sna h-Eileanan Siar: gnàthasan ainmeachaidh a thaobh lusan, gnàthasan leighis, agus cràbhaidhean a tha cudromach do Chaitligich nan Eilean: a' Chonair Mhoire, cleachdadh "Statue" Baintighearna Fatima agus "Statue" Ruaidheabhail. Chithear gu bheil gluasadan san Eaglais Chaitligich air buaidh a thoirt air na creideamhan seo, a bharrachd air atharrachaidhean ann an dòigh-beatha muinntir nan eilean, ach a dh'aindeoin seo, tha leantainneachd ri faicinn ann. Thèid sealltainn gu bheil an dreuchd aig Moire Mhàthair mar neach-tèarmainn a' tighinn am follais anns na gnàthasan creideimh seo gu tric, gu h-àraid nuair a tha beachd ann gu bheil dòigh-beatha muinntir nan Eilean Siar gu deas fo chunnart. Chithear cuideachd mar a tha luachan bho thaobh a-staigh agus taobh a-muigh na coimhearsnachd a' toirt buaidh air seachas agus cunntasan mu na "lòcasan creideimh" seo.

Tha a' chaibideil seo a' tarraing air tùsan beul-aithriseach, agallamhan ùra a chaidh a dhèanamh airson an tràchdais seo, agus cunntasan co-aimsireil. 'S e seo a' chiad turas

---

<sup>248</sup> Alan Keenan, "Bright Mary of the Western Isles – The Lady-Lord of the Celtic Paradise," *Glasgow Observer and Scottish Catholic Herald*, 3.01.1954, 4. Thèid ainm a' phàipear-naidheachd seo a thoirt seachad mar *Glasgow Observer* anns a' chòrr dhen chaibideil seo. Thàinig cuid de na aithisgean pàipear-naidheachd air an toirear iomradh sa chaibideil, mar an tè gu h-àrd, gu àire an ùghdair tron chaibideil aig Ray Burnett, "'The Long Nineteenth Century': Scotland's Catholic Gaidhealtachd," ann an *Out of the Ghetto? The Catholic Community in Modern Scotland*, deas. Raymond Boyle agus Peter Lynch (1998), 163-192.

a chaidh roinn de thùsan coltach ri seo a chur còmhla gus breithneachadh a dhèanamh air cràbhadh don Òigh Mhoire sna h-Eileanan Siar mu dheas.

### 3.1 Cràbhadh don Òigh Mhoire agus an saoghal nàdarra

Bidh mòran dhen fhios a th' againn air cràbhadh don Òigh Mhoire aig deireadh na 19mh linn a' tighinn thugainn bho na h-ùrnaighean agus seachas a chaidh a chruinneachadh le Mgr Ailein Dòmhnallach agus Alasdair MacGilleMhìcheil. Chruinnich Mgr Ailein roinn de dh'ùrnaighean anns am biodh Moire a' nochdadh sna notaichean a chum e fhad 's a bha e na shagart ann an Uibhist a Deas agus Èirisgeigh, eadar 1884 agus 1905.

Anns na notaichean aig Mgr Ailein, chithear buaidh cràbhadh do Mhoire air cànan ceangailte ris an t-saoghal nàdarra sna h-Eileanan Siar. Tha coltas ann gun robh ainm Moire air roinn de lusan a bhios a' fàs sna h-Eileanan Siar. Ann an notaichean Mhgr Ailein, gheibhear "lus Mhoire" mar lus aig a bheil buaidh leighis: "Is applied to sore & stiff knees" a bhios Mgr Ailein a' sgrìobhadh.<sup>249</sup> Air an aon duilleig, gheibhear dà eisimpleir eile: "maol Moire" mum bheil Mgr Ailein a' sgrìobhadh, "A flattish green plant, which when boiled is used as a plaster or poultice."<sup>250</sup> Cuideachd, bidh e a' toirt iomradh air "Luibh Mhoire" air a bheil an tuairisgeul "Airson sealbh is còir a thoirt as a bhun 's a glèidheadh, agus an àm a bhith 'g a togail 's còir dha ùrnaigh a ghabhail airson na seilbh a tha e 'g iarraidh."<sup>251</sup>

A rèir choltais, 's e "marsh marigold" a' Bheurla a th' air lus Moire.<sup>252</sup> Tha diofar ainmean air anns a' Ghàidhlig, nam measg "lus buidhe Bealltainn."<sup>253</sup> Mar sin, tha na h-ainmean seo a' sealltainn ceangal eadar an Òigh Mhoire agus Là Buidhe Bealltainn. Tha

<sup>249</sup> EUL CW 58A, 76r, Àireamh 332. Mo mhìle taing do Ragnall MacIlleDhuibh airson leth-bhreacan didseatach de na tar-sgrìobhaidhean a rinn esan, Flòraidh Komori agus Andrew Wiseman air notaichean Mhgr Ailein a thoirt dhomh. Tha na h-earranan às na leabhar-notaichean aig Mgr Ailein [EUL CW 58A; EUL CW 58B; GUL 1090 (28); GUL 1090 (29) agus CH2/1/1/13/128/1] a tha a' nochdadh san tràchdas seo uile air an tarraing bho na leth-bhreacan didseatach aig MacIlleDhuibh, ach far a bheil an caochladh comharraichte.

<sup>250</sup> EUL CW 58A, 76r, Àireamh 331.

<sup>251</sup> EUL CW 58A, 76r, Àireamh 333.

<sup>252</sup> Edward Dwelly, *Illustrated Gaelic-English Dictionary*, 10<sup>mh</sup> eagan (1988), 615.

<sup>253</sup> Dwelly, 614.

seo a' dèanamh ciall, air sàilleabh 's gu bheil an Cèitean aithnichte aig Caitligich san fharsaingneachd mar Mios Mhoire.<sup>254</sup> Cuideachd, 's ann mun àm seo dhen bhliadhna a bhios na blàthan a' nochdadh.

Chan eil Mgr Ailein a' toirt tuairisgeul air cò ris a tha Lus Moire agus Luibh Moire coltach. Ach a rèir Ùisdean MhicMhathain (Ùisdean Sheumais Bhàin, 1920-2006) à Baile Sear, Uibhist a Tuath,<sup>255</sup> 's e an aon lus a th' ann. Chruinnich Ailig O'Henley (1965-) liosta de dh'fhaclan ionadail bhuaithe anns na 1980an airson pròiseact *Faclair na Gàidhlig* aig Oilthigh Ghlaschu.<sup>256</sup> Air an liosta, gheibhear 11 ainm lusan is bheothaichean anns a bheil ainm Moire.<sup>257</sup> Tha a' mhòrchuid dhe na faclan seo rim faighinn ann an notaichean Mhgr Ailein.<sup>258</sup> Tha an fhianais seo a' dearbhadh dà rud: nach deach na h-ainmean seo a-mach à bith air feadh na 20mh linn, agus iad fhathast aig co-dhiù cuid dhen t-sluaigh sna 1980an. Cuideachd, tha seo a' sealltainn nach eil ainm Moire ri fhaighinn ann an ainmean Gàidhlig air lusan sna h-Eileanan Siar mu dheas a-mhàin. Chan eil seo na iongnadh: tha ainm Moire a' nochdadh ann an ainmean lusan is beòthaichean Beurla ann am Breatainn ged as ann o chionn còrr is ceithir ceud bliadhna a thug an t-Ath-Leasachadh buaidh air creideamh ann am Breatainn. Tha ainmean mar "marigold" agus "ladybird" ann am Beurla a' dearbhadh gu bheil an gnè ainmean seo leanailteach, a dh'aindeoin atharrachaidhean a thaobh creideimh. Cuideachd, faodar aithneachadh gu bheil freumhan fada aig na h-ainmean seo agus co-dhiù cuid aca a' dol air ais gu na meadhan-aoisean: mar eisimpleir, tha Peter O'Dwyer, a' tarraing air obair a rinn Whitley Stokes air làmh-sgrìobhainnean Èireannach bho na meadhan-aoisean anmoch, a' toirt seachad "lus na meall Mui" agus "bilur Mui" mar

---

<sup>254</sup> Edward Holweck, "Special Devotions for Months," ann an *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 10 (1911), <https://www.newadvent.org/cathen/10542a.htm>.

<sup>255</sup> Faic "Hugh Matheson," TanD, <https://www.tobarandualchais.co.uk/person/1260?l=en>.

<sup>256</sup> Faic "Alex O'Henley," DASG, <https://dasg.ac.uk/fieldwork/people/ohenleya>.

<sup>257</sup> Clach Mhoire/clachan Moire; forsag Mhoire; uiseag Mhoire; lach Mhoire; fliodh Moire; biolaire Moire; luibh Moire; maol Moire; coparran Moire; maorach Moire; cuile Mhoire, a bharrachd air bigean baintighearna. Hugh Matheson, Faclan bhon t-Sluaigh, DASG, <https://dasg.ac.uk/fieldwork/view/QmFsZXNoYXJISE1hdGhlc29ubWl3xtYW9sIE1vaXJlGkDI5ODMyNTZ8fG1vaXJlHlyN3x8fGFsbA==>.

<sup>258</sup> A bharrachd air na tha gu h-àrd, gheibhear ann an notaichean Mhgr Ailein na leanas: coparran Moire; biolaire Moire, maorach Moire; cno Moire; airne Moire; uiseag Mhoire; clach Mhoire; fliodh Moire; bigean baintighearna. EUL CW 58A, 76r, Àireamh 343.

lusan aig an robh buaidh leighis.<sup>259</sup> Mar sin, cha tàinig ainmean lusan mar seo gu bhith sna h-Eileanan Siar o thùs, agus le bhith dèanamh coimeas eadar ainmean mar “marigold” sa Bheurla, agus “lus Moire,” tha coltas ann gu bheil cuid de na h-ainmean seo ceangailte ri gnàthasan-ainmeachaidh ann am Breatainn agus Èirinn air fad.

### 3.2 An Òigh Mhoire agus leigheas: an Àirne Moire

Chithear gu bheil buaidh leighis aig tòrr dhe na lusan air a bheil ainm Moire, ged nach eil e buileach soilleir an robh iad uile gu feum.<sup>260</sup> Tha Tess Darwin a’ sgrìobhadh mun lus Mhoire: “In medieval times marsh marigold was used to treat skin rashes, but the plant is strongly irritant.”<sup>261</sup> A-rithist, tha e a’ dèanamh ciall gum biodh ceangal ann eadar leigheasan agus an Òigh Mhoire ann an dualchas nan Gàidheal: tha e follaiseach gun robhar a’ guidhe oirre gu tric airson feumalachadan sa bheatha làitheil. Mar eisimpleir, tha Mgr Ailein a’ toirt iomradh air an Àirne Moire:

Airne Moire is a kidney-shaped dark chestnut like nut found on the west coast of Uist. There is a cross like depression on the surface, and they are much prized by the people. They used to be blessed by the priest, & thereafter worn round the neck. I have seen one set in a silver band. They were put round the neck of women in travail.<sup>262</sup>

Tha dà rann ceangailte ris an Àirne Moire gan toirt seachad ann an *Carmina Gadelica* 4, ged nach eil fios ann cò bhuaithe a fhuaras iad.<sup>263</sup>

Chan fhaighear sìl is cnòthan rin cleachdadh mar sheuntan breith sna h-Eileanan Siar a-mhàin. Tha Audrey Meaney a’ mìneachadh gun robh sìl is cnòthan a thàinig gu tìr leis a’ mhuir-làn aithnichte ann an tìrean nan Lochlannach mar sheuntan breith (“birthing

---

<sup>259</sup> Peter O’Dwyer, *Mary: A History of Devotion in Ireland* (1988), 310. Faic Sìm Innes, “Cràbhachd do Mhoire Òigh air a’ Ghàidhealtachd sna Meadhan-Aoisean Anmoch,” Tràchdas PhD, Oilthigh Ghlaschu (2010), 40.

<sup>260</sup> Gheibhear fios air roinn de lusan ionadail eile aig an robh buaidh leighis ann am Bateman agus Purser, *Window*, 383-390.

<sup>261</sup> Tess Darwin, *The Scots Herbal*, 1996, 2<sup>na</sup> eagan (2008), 144.

<sup>262</sup> EUL CW 58A, 77r, Àireamh 343.

<sup>263</sup> Alexander Carmichael, *CG* 4 (1941), 191. Faic “Objects in Focus: Sea-beans,” CWP, 26.07.2012, <http://carmichaelwatson.blogspot.com/2012/07/objects-in-focus-sea-beans.html>, agus Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, “The Making of a Charm Collector” ann an *The Power of Words*, deas. James Kapaló, Éva Pócs agus William Ryan (2013), 27-70.



amulets”).<sup>264</sup> Tha Meaney cuideachd a’ sealltainn gun robh sgrìobhadairean a’ nochadh ùidh ann an cleachdaidhean nan Gàidheal a thaobh nan cnòthan seo fada mus do rinn Mgr Ailein agus MacGilleMhìcheil na notaichean orra: thug fear John Morisone iomradh air “Sant Marie’s Nutt” mar sheun breith aig deireadh na 17mh linn, mun aon àm a bha Màrtainn MacGilleMhàrtainn a’ sgrìobhadh mu chnòthan mar seo air an cleachdadh anns na Hearadh mar sheuntan an aghaidh buidseachd.<sup>265</sup> A bharrachd air seo, tha Meaney a’ toirt seachad fianais gun robh na cnòthan seo aithnichte ann an sgìrean Pròstanach aig deireadh na 19mh linn, nuair a bha Mgr Ailein agus MacGilleMhìcheil a’ cruinneachadh sna h-Eileanan Siar. Tha Meaney a’ toirt iomradh air litir do Gharraidhean Kew a nochd san iris *Annals of Botany* ann an 1891, leis an do chuir fear Lieut-Col H. W. Fielden eisimpleir dhen chnò air an tug e “Mary’s Bean” agus a fhuair e o bhoireannach ann an Uibhist a Tuath.<sup>266</sup> Cuideachd, tha Meaney air eisimpleir eile a lorg ann an litir don *Society of Antiquaries of Scotland* a nochd san iris aca fhèin ann an 1893, leis an robh an t-Urramach Alasdair Stiùbhart a’ toirt fear dhan taigh-tasgaidh aca. Tha an t-Urramach Stiùbhart a’ mìneachadh:

I send you the specimen of a kind of amulet very highly prized by the people of the three Uists – North Uist, Benbecula, and South Uist – which is locally known as Airne Moire – (Virgin) Mary’s kidney. [...] It is considered all the more valuable and sacred, if, as in this specimen, there is something like a cross on one side of it. Midwives use it as a charm to alleviate the pains of parturition. Very often a small hole is drilled through either end, and through these holes a string is passed and looped, so that it may be hung round the neck of children when they are teething, or suffering under any infantile ailments. It is in most request amongst Catholics, as its local name implies; but Protestants also sometimes use it. It is oftenest met with in South Uist and the Island of Barra.<sup>267</sup>

Le seo a ràdh, ge-tà, chithear mar a chaidh an cleachdadh ionadail seo a cheangal (ann an dha-rìreabh) le cleachdadh nas fharsaing sa chreideamh Chaitligeach san fhiosrachadh a chaidh a chruinneachadh le Ailig O’Henley aig Iain O’Henley (Iain Dhòmhnail ’ic Iain) à Cill Donnain, Uibhist a Deas ann an 1987/88. Ann an liosta de dh’fhaclan anns a bheil “airne-moire” a’ nochdadh, leughar mu choinneamh: “These

---

<sup>264</sup> Audrey Meaney, “Drift Seeds and the Brisingamen,” *Folklore* 94, No. 1 (1983): 33.

<sup>265</sup> Meaney, “Drift Seeds,” 36.

<sup>266</sup> Meaney, “Drift Seeds,” 34, a’ tarraing air W.H. Hemsley, “A Drift-seed (*Ipomoea tuberosa*, L.),” *Annals of Botany* 6, No. 4 (1891): 371.

<sup>267</sup> Meaney, “Drift Seeds,” 34, a’ tarraing air Alexander Stewart, “Donations to the Museum,” *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 27 (1892-1893): 47-48.

nuts could be shaped into heart or kidney shapes. Carried around as charms. Could be added to a rosary.”<sup>268</sup> Tha an fhianais seo a’ sealltainn gun robh an Àirne Moire fhathast aithnichte ann an Uibhist san 20mh linn, ach chan eil guth air a cleachdadh mar sheun breith. Tha seo air a dhearbhadh ann an liosta eile de dh’fhaclan a chruinnich Ailig O’Henley aig athair, Ruairidh O’Henley, (Ruairidh Alasdair Ruaidh, 1933-2015)<sup>269</sup> airson an aon phròiseact. Tha “airne Móire” air an liosta leis an tuairisgeul seo na chois:

A kidney shaped stone, brown/purple in colour, which was found on the machair. Not sure of the connection with the Virgin Mary. Maybe this was taken from statues, images of the Virgin Mary which depict the heart clearly. However this does not explain the reference to the “airne.”<sup>270</sup>

Tha ceangal an seo a-rithist eadar cleachdadh ionadail agus an creideamh Caitligeach nas fharsaing le iomradh air ìomhaighean na h-Òighe Moire. Bha ìomhaighean Cridhe Moire bitheanta san Eaglais Chaitligich air feadh na 20mh linn.<sup>271</sup>

Mar sin, tha e coltach nach robh an àirne Moire cho aithnichte mar sheun breith san 20mh linn, co-dhiù mar a bha e a rèir luchd-cruinneachaidh na 19mh linn. Sgrìobh Margaret Fay Shaw (1903-2004) ann an 1955 mun chleachdadh ann an Uibhist a Deas:

Another smaller bean ... found in the seaweed ... sometimes has a mark like a cross and is called *Àirne Mhoire* or Mary’s Kidney. Young women used to use it as a charm to guard virtue, and it was also held in the hand during childbirth.<sup>272</sup>

A rèir choltais, ’s e cleachdadh a bha air a mheas mar rud sna làithean a chaidh seachad aig an àm sin. Tha seo a’ dèanamh ciall, agus boireannaich sna h-Eileanan Siar aig meadhan na 20mh linn mar as àbhaist a’ dol do dh’Ospadal a’ Chridhe Uile Naoimh

<sup>268</sup> John O’Henley, Faclan bhon t-Sluagh, DASG, <https://dasg.ac.uk/fieldwork/view/S2lsZG9uYW5KT0hIbmxleW1pc2N8YWlybmUtTW9pcmV8aWRwNjEyMjE2fHxhaXJuZS1tb2lyZXxyMx8fGFsbA==>. Tha coltas ann gur e seo Iain O’Henley a dh’eug ann an 1999 aig aois 90. Faic “Mr Iain O’Henley,” Cladh Hallan 68, <https://www.hallancemeterysouthuist.co.uk/view-grave.php?num=68>.

<sup>269</sup> Faic “Roderick O’Henley,” DASG, <https://dasg.ac.uk/fieldwork/people/ohenleyr>.

<sup>270</sup> Roderick O’Henley, Faclan bhon t-Sluagh, DASG, <https://dasg.ac.uk/fieldwork/view/R2FycnluYW1vbmlUk9lZW5sZXltaXNjM3xhaXJuZSBnw7NpcmV8aWRwMTEwMDA5MzI4fHxhaXJuZXYM3x8fGFsbA==>.

<sup>271</sup> Faic Sarah Jane Boss, “The Immaculate Heart of Mary,” *Studies in Church History* 39 (2004): 319–348.

<sup>272</sup> Margaret Fay Shaw, *Folksongs and Folklore of South Uist* (1955), 13.

ann an Dalabrog gus leanabh a bhreith.<sup>273</sup> Thòisich an Dotair Coinneach Robasdan mar a' chiad *obstetrician* aig an ospadal ann an 1956 agus cha bhiodh e coltach gum biodh e fhèin agus na peathraichean a bha nam mnàthan-altraim ann a' toirt cead do leithid de sheuntan san àrainneachd chlionaigeach aca.<sup>274</sup>

Mura robh seuntan breith mar an Àirne Moire fhathast san fhasan sna h-Eileanan Siar anns an 20mh linn, chan eil e soilleir an do ghabh cràbhadh sònraichte sam bith an àite. Am measg nam boireannach leatromach Caitligeach san 20mh linn ann an Èirinn fhèin agus an fheadhainn aig an robh buntanas ri Èirinn, bha cràbhadh do Naomh Gerard Majella, an Slàighnearach (1726-1755), gu math cumanta.<sup>275</sup> Ach chan eil fianais ann gun robh an cràbhadh seo a-riamh cumanta sna h-Eileanan Siar: ann am Barraigh san 20mh linn air fad, cha robh ach ceathrar ghillean a rugadh air an robh an t-ainm "Gerard."<sup>276</sup> Anns an eagraan de dh' *lùl a' Chrìostaidh* a nochd ann an 1963, bha na h-aon ùrnaighean ann, "Urnuigh Mhnathan Leatromach" agus "Urnuigh an Deaghaidh Aiseadaidh" a bha san eagraan a nochd ann an 1885.<sup>277</sup> Tha an dà ùrnaigh seo a' guidhe air Dia fhèin, seach Moire air neo naomh sam bith eile. Chuir mi fhìn ceist air boireannach no dhà ann an Uibhist an robh iad eòlach air cràbhadh do Naomh Gerard Majella am measg bhoireannaich leatromach. Dh'innis iad dhomh nach do dh'aithnich iad an cràbhadh seo ann an Uibhist, ged a bha aon bhoireannach air cluinntinn mu dhèidhinn agus ise air foghlam fhaighinn aig mnathan-cràbhaidh. 'S fhiach cuimhneachadh cuideachd gu bheil muinntir nan Eilean air ainmeachadh às dèidh cuideigin san teaghlach mar as àbhaist, a rèir nan aon ghnàthasan ainmeachaidh a tha rim faighinn ann an coimhearsnachdan Gàidhealach san fharsaingeachd.<sup>278</sup>

---

<sup>273</sup> Kenneth Robertson, *Dualchas Àraid agus Prìseil* (2009), 42.

<sup>274</sup> Robertson, *Dualchas*, II.

<sup>275</sup> Tha Marion Bowman a' sgrìobhadh air cràbhadh don naomh seo am measg boireannaich leatromach ann an Talamh an Èisg san 20mh linn. "Phenomenology," 6-11. Faic Marion Bowman, "He's My Best Friend," ann an *Canadian Women Shaping Diasporic Religious Identities*, deas. Terry Woo agus Becky Lee (2016), 3-34.

<sup>276</sup> Stèidhichte air rannsachadh air làrach-lìn National Records of Scotland. Eadar 1900 agus 2000, chan eil "Gerard" a' nochdadh sna "statutory registers" airson bhreithean ann am Barraigh. Rugadh an ceathrar air a bheil "Gerard" mar chiad no dàrna ainm eadar 1966 agus 1979. <https://www.scotlandspeople.gov.uk/>.

<sup>277</sup> *lùl a' Chrìostaidh* (1963), 27-29; *lùl a' Chrìostaidh* (1885), 33-34.

<sup>278</sup> Tha Gillebrìde Mac'IlleMhaoil a' comharrachadh gu bheil ainmean naomhan air an cleachdadh mar dàrna ainm anns na h-Eileanan Siar mu dheas. Conaltradh pearsanta.

Mar seo, le bhith a' toirt sùil air cràbhadh don Òigh Mhoire agus ceanglaichean ris an t-saoghal nàdarra agus leigheasan, chithear ged a chaidh ainm Moire air lusan agus an leithid a ghlèidheadh san 20mh linn, tha coltas ann gun deach leigheasan an leithid na h-Àirne Moire mar sheun bhreith a-mach à bith. Chan eil e soilleir an do ghabh cràbhadh eile a h-àite, agus ma dh'fhaodte gun tug eòlas agus cleachdaidhean leighis na 20mh linn buaidh air creideasan mar seo. Cuideachd, tha e coltach nach robh ainmean Moire air lusan agus an Àirne Moire aithnichte ann an coimhearsnachdan Caitligeach a-mhàin, agus fianais ann gun robh muinntir Uibhist a Tuath eòlach orra cuideachd.

### 3.3 Ainm Moire mar ghnàthas-ainmeachaidh

Chuireadh muinntir nan Eilean ainm Moire air iomadach rud seach gnothaichean san t-saoghal nàdarra. A' sgrìobhadh mu mhisean a chum e ann am Barraigh ann an 1895, tha Mgr Gilleasbuig Caimbeul S.J. (1850-1921) ag innse mar a chuireas muinntir an eilein ainmean air na bàtaichean aca:

The boats are as a rule named after some Catholic saint, such as, for instance, "The St. Mary," "The Sancta Maria," "The Maris Stella," "The Saint Columba," "The Saint Agnes," the "Saint Austin," the "Saint Barr," the "Saint Brandan," &c.<sup>279</sup>

Tha dà eaglais Chaitligich air a bheil an t-ainm "Naomh Moire" sna h-Eileanan Siar mu dheas: tè ann am Bòrnais, Uibhist a Deas, a chaidh a thogail ann an 1837 agus an tè ann am Beinn a' Bhaoghla, a chaidh a thogail ann an 1885.<sup>280</sup> A bharrachd air seo, tha Moire air a comharrachadh ann an aimean eaglaisean eile: Màthair na Dòrainne ("Our Lady of Sorrows") ann an Gearraidh na Mònadh, Uibhist a Deas, a chaidh a thogail an toiseach ann an 1921,<sup>281</sup> agus Eaglais Moire, Reul na Mara ("Our Lady, Star of the Sea,"

<sup>279</sup> Archibald Campbell, "Mission at Barra," *Letters and Notices* (January 1896): 335. Gheibhear barrachd air ainmean naomhan air bàtaichean ann an Èirisgeidh ann an Caibideil 8. Tha coltas ann gu bheil an cleachdadh seo a' dol air ais gu deireadh na 19mh linn co-dhiù.

<sup>280</sup> *The Catholic Directory for the Clergy and Laity in Scotland* (1950), 143. Tha ainm an leabhair bliadhna seo air atharrachadh air feadh nam bliadhnaichean. Faic David McRoberts, "The Catholic Directory for Scotland, 1829-1975," *Innes Review* 26, 2 (Autumn 1975): 93-122. Airson soilleireachd san tràchdas seo, thèid an leabhar ainmeachadh anns na bun-nòtaichean mar *Catholic Directory* agus a' bhliadhna ga leantainn. Gheibhear ainm agus fiosrachadh foillsichidh gach eagan, a rèir na bliadhna, anns a' Chlàr Thùsan fon cheann-chuspair *Catholic Directory for Scotland*.

<sup>281</sup> "Our Lady of Sorrows, Garrnamonie, South Uist," Scotland's Churches Trust, <https://scotlandschurcheTrust.org.uk/church/our-lady-of-sorrows-garrnamonie-south-uist/>.

1888) ann am Bàgh a' Chaisteil, Barraigh. Tha Eaglais Moire nan Tonn agus Naomh Eòin, ("Our Lady of the Waves and Saint John") ann am Bhatarsaigh, a chaidh a thogail ann an 1913.<sup>282</sup> Tha Ray Burnett a' cumail a-mach gun robh cuid dhe na h-eaglaisean seo, a chaidh a thogail aig deireadh na 19mh linn agus toiseach na 20mh linn nuair a bha tòrr eaglaisean ùra air an togail ann an Sgìr-Easbaig Earra-Ghàidheal is nan Eilean, air an ainmeachadh a rèir nòs a bha a' dol an aghaidh leantainneachd Chrìostaidheachd air a' Ghàidhealtachd, air sàilleabh 's nach eil ainmean naomhan "Ceilteach" orra, mar Naomh Calum Cille no Naomh Brìghde. Tha Burnett dhen bheachd gun tug "ultramontanist influences and the predilections of diocesan aristocratic benefactors" buaidh air ainmean agus stoidhle nan eaglaisean seo.<sup>283</sup> Gun a bhith a' dol às àicheadh gu bheil brìgh san argamaid seo, tha e cudromach a chuimhneachadh mur eil ainm mar Eaglais Naomh Moire uabhasach diofraichte bho ainm eaglais Chaitligeach a gheibhear ann an àite sam bith eile, chan eil e neo-fhreagarrach air eaglais sna h-Eileanan Siar. Tha eachdraidh fhada aig ainm Moire air eaglaisean sna h-eileanan. Mar a tha Thomas Clancy agus Sofia Evemalm-Graham a' sealltainn, tha cràbhadh don Òigh Mhoire am measg nan Gàidheal a' dol air ais gu na meadhan-aoisean tràtha. Ged a tha e doirbh obrachadh a-mach cuin a chaidh ainm Moire a thoirt air cuid de na h-eaglaisean a bha ann an Uibhist sna meadhan-aoisean, tha na h-ainmean seo co-dhiù a' dol air ais dha na meadhan-aoisean anmoch.<sup>284</sup> Le sin a ràdh, tha e doirbh tomhas cho cudromach 's a tha ainmean eaglaisean do mhuintir nan eilean na 20mh linn, agus iadsan mar as àbhaist a' cur ainm a' bhaile air na h-eaglaisean, mar Eaglais Bhòrnais no Eaglais Ghearraidh na Mònaidh, seach an ainmean fhèin.

### 3.4 A' Chonair Mhoire

Ged as e "Rosarium" a th' air an ùrnaigh seo ann an Laideann, agus coltach ri sin, "Rosary" a th' oirre ann am Beurla, tha a' Ghàidhlig a th' oirre a' tighinn bho fhreumh Laideann eile, le "conair" a' ciallachadh "corona" no "crùn." Tha seo

<sup>282</sup> *Catholic Directory* (1950), 146, 143, 151.

<sup>283</sup> Burnett, "The Long Nineteenth Century," 167. Tillidh sinn chun a' chuspair seo ann an Caib. 5.

<sup>284</sup> Thomas Clancy agus Sofia Evemalm-Graham, "Moire," *Eòlas nan Naomh*, <https://uistsaints.co.uk/saints/moire/>. Faic Innes, "Cràbhachd," 34-39.

follaiseach ann an tionndadh eile dhen ainm a gheibhear ann an Dwelly, “coron Muire” a bhios esan ag eadar-theangachadh mar “a rosary of beads (lit. Mary’s coronet).”<sup>285</sup> Tha seo coltach ris a’ Ghaeilge a th’ oirre, “An Choróin Mhuire.”<sup>286</sup> Anns an leabhar-cheist *An Teagaisg Chrìosd* (1871), ’s e “Psaltair Mhoire” an t-ainm a th’ oirre.<sup>287</sup> Tha an t-ainm seo a’ mìneachadh freumh na Conair Mhoire – a bhith a’ gabhail 150 ùrnaigh mar a ghabhadh manaich agus mnathan-cràbhaidh na 150 salm.<sup>288</sup>

Thàinig a’ Chonair Mhoire gu bhith anns an Eaglais Chaitligich sna meadhan-aoisean, ach mar a sgrìobhas Sarah Jane Boss, “The rosary in its current form is a relatively modern invention, having evolved over many centuries.”<sup>289</sup> Tha an t-atharrachadh thar nan linntean ma dh’fhaodte ri fhaicinn ann an tionndadh dhen Chonair Mhoire a ghabhadh muinntir Uibhist rè na h-Aifrinne san 19mh linn, a tha ri fhaighinn sna notaichean aig Mgr Ailein Dòmhnallach, mar:

Old Uist Rosary or Psalter of Mary probably taught by Irish missionaries. Ri ’n gabhail aig àm na h-ìobairte a tòiseachadh ’nuair a bha ’n sagart ag gabhail na Cailis.

Tha Mgr Ailein a’ sgrìobhadh gun d’ fhuair e am fiosrachadh bho “Mrs Alex. McDonald (piper) Kilpheder (née Steele) on Oct 31st. 1889.”<sup>290</sup> Tha an tionndadh seo coltach ris a’ Chonair Mhoire àbhaisteach, ach ghabhadh còig Paidrichean agus còig Beannachadh Moire air gach rùn-dìomhair, no “mistire” mar a th’ aig Mgr Ailein. Tha a’ mhòr-chuid dhe na còig rùintean-dìomhair àbhaisteach air an ainmeachadh. Tha teans ann gun robh an tè a thug am fiosrachadh seachad do Mhgr Ailein air neo Mgr Ailein fhèin a’ tarraing gu ìre air tuairisgeulan nan rùintean-dìomhar às an leabhar-cheist Ghàidhlig, *An Teagaisg Chrìosd* (1871), agus feadhainn dhe na tuairisgeulan coltach ri chèile. Mar eisimpleir, seo na “coig mistire dhubh bhrònach” mar a sgrìobhas Mgr Ailein iad:

Dh’fhuilig e fallas fala ’chur dheth, ’sgiùrsadh ceangailte ri post, a chrùnadh le crun droighinn, giùlan na croise air na cheangladh e le tàirnean. Cheusadh e

---

<sup>285</sup> Dwelly, 253.

<sup>286</sup> Niall Ó Dónaill, *Foclóir Gaelige-Béarla* (1992), 297.

<sup>287</sup> Iain Domhnullach, *An Teagaisg Chrìosd* (1871), 34.

<sup>288</sup> Sarah Jane Boss, “Telling the Beads,” ann am *Mary: The Complete Resource*, deas. Sarah Jane Boss (2007), 387.

<sup>289</sup> Boss, “Telling,” 387.

<sup>290</sup> EUL CW 58A, 91v, Àireamh 373.

eadar da mhèirleach.<sup>291</sup>

Agus seo iad mar a bhios iad a' nochdadh anns *An Teagaisg Chrìosd*:

*A cheud Mistaira.*

Urnuigh an Tighearna anns a gharadh oidhche roimh 'n na bhàs a dhuilig e, 'n uair a chuir é fallas fola dheth.

*An dara Mistaira.*

'Nuair a sgiursadh ceangailte ri post e.

*An Treas Mistaira.*

'Nuair a chuireadh an crùn droighinn air a cheann.

*An Ceathramh Mistaira.*

'Nuair a ghiulain e chrois gu cnoc chalbhairi.

*An Cuigeamh Mistaira.*

'Nuair a dhuilig e Pais agus Bàs air rath a chinneadh-dhaonna.<sup>292</sup>

Tha e inntinneach gum faighear am fiosrachadh seo ann an ro-ràdh *An Teagaisg*

*Chrìosd*:

The principal part of the material has been taught and handed down from one generation to another among the Roman Catholics of the Highlands and Islands of Scotland, and collected from oral recitations, carefully compared with the teachings of the Church, and found to contain sound doctrine, good and pious counsels, good instructions and admonitions, as well as being more smooth and harmonious than anything at present accessible in the Gaelic language.<sup>293</sup>

A dh'aindeoin na tha Domhnullach a' cumail a-mach an seo, bha co-dhiù 13 eagrain de leabhar-cheist Caitligeach air an robh ainm coltach ri "Teagasg Chrìosda" a nochd eadar 1781 agus 1902, agus cha mhòr an dàrna leth dhiubh foillsichte ann an Alba Nuadh.<sup>294</sup>

Tha an fhianais gu h-àrd a' sealltainn gu bheil e doirbh sgaradh a dhèanamh eadar beul-aithris agus tobraichean sgrìobhte cràbhadh nan h-Eileanan Siar. Bha Mgr Ailein dhen beachd gun robh an tionndadh seo dhen Chonair Mhoire air a mholadh ann an Uibhist le miseanaraidhean Èireannach.<sup>295</sup> Chan eil e soilleir càit an d' fhuair Mgr Ailein

<sup>291</sup> EUL CW 58A, 91r, Àireamh 373.

<sup>292</sup> Domhnullach, *An Teagaisg Chrìosd*, 35-36.

<sup>293</sup> Domhnullach, *An Teagaisg Chrìosd*, "Preface."

<sup>294</sup> Bha a' chiad dhiubh seo sgrìobhte le Mgr Robert Menzies. Tha beachd ann gun robh e an eisimeil ri tùsan Èireannach. MacLean, *Typographica*, 83-86.

<sup>295</sup> EUL CW 58A, 91r.

am beachd seo. Mar a chithear ann an Caibideil 6, chruinnich Mgr Alasdair Caimbeul fiosrachadh o bheul-aithris mu na miseanaraidhean seo agus ma dh'fhaodte gur ann bhuaithe a thàinig am beachd. Feumar cuimhneachadh cuideachd gum faighear am beachd sna h-Eileanan Siar gun tàinig cleachdaidhean creideimh eile à Èirinn an toiseach.<sup>296</sup> Dh'fhaodadh Mgr Ailein a bhith ceart, agus Peter O'Dwyer a' sgrìobhadh, "The years 1560-1600 seem to be the decades when the Rosary became widely practised in Ireland."<sup>297</sup> Tha fios gur ann goirid às dèidh sin a thòisich miseanaraidhean à Èirinn a thighinn chun nan Eileanan Siar, le sagairt Frainseasach ann an Uibhist agus Barraigh sna 1620an agus 30an.<sup>298</sup>

A dh'aindeoin an tionndaidh dhiofraichte a chruinnich Mgr Ailein, tha coltas ann nach robh an dòigh a ghabhadh Gàidheil Chaitligeach a' Chonair Mhoire aig deireadh na 19mh linn uabhasach eadar-dhealaichte bhon dòigh a thathar ga gabhail mar as àbhaist am measg Chaitligeach gus an latha an-diugh. Ann an *Athghearradh Teagaisg Chriosta*, leabhar-cheist a nochd fo ainm Easbaig Antaiginis ann an Alba Nuadh ann an 1886, gheibhear an tuairisgeul seo:

Tha 'n Crabhadh naomh so air a roinn na thri earrannan; tha coig mistirean anns gach earran; aon Phaidir, is deich Failtean-Moire a dunadh le Gloir do 'n Athair &c anns a h-uile mistire; is tha 'n t-iomlan mar sin a tighinn go coig mistirean diag, coig Paidrichean diag, coig-diag Gloir do'n Athair, is ciad gu leth Failtean-Moire. Far am bheileas a deanamh a Chrabhaidh so air thri chuairt, thathas a bheachd-smaoineachadh na coig mistirean eibhinn a h-uile diluain agus diardaoin; na coig mistirean doruinneach a h-uile dimairt 's dihaoine; agus na coig mistirean glormhor a h-uile didomhnuich, diciadain, is disathurna.<sup>299</sup>

'S e seo an aon dòigh a bhithear a' gabhail na Conair Moire ann an Uibhist a Deas fhathast, ach gun deach "Ùrnaigh Fatima" a chur aig deireadh gach deichead. Bha an ùrnaigh seo air a mholadh leis an Òigh Mhoire nuair a nochd i don triùir chòbhairean òga ann am Fatima ann an 1917:<sup>300</sup>

O m' Ìosa, math dhuinn ar peacannan,  
sàbhail sinn bho lasraichean ifrinn;

<sup>296</sup> Faic am beachd nas fhaide air adhart sa chaibideil seo gun d'fhuair Mgr Iain Moireasdan am beachd "shrines" a thogail ann an Uibhist a Deas bho Èirinn.

<sup>297</sup> Peter O'Dwyer, *Mary: A History of Devotion in Ireland* (1988), 294.

<sup>298</sup> Fiona A. MacDonald, *Missions to the Gaels* (2006), 80.

<sup>299</sup> Iain Camshron, *Athghearradh Teagaisg Chriosta* (1886), 43.

<sup>300</sup> Francis Johnston, *Fatima: The Great Sign*, 6<sup>th</sup> eagan (1980), 34.



treòraich uile anman gu flathanas,  
gu sònraichte an fheadhainn as feumaiche air do thròcair.<sup>301</sup>

Chan eil e solleir cuin san 20mh linn a dh'fhàs an ùrnaigh seo cumanta am measg Caitligich nan Eileanan Siar, air neo cuin a chaidh a h-eadar-theangachadh gu Gàidhlig. 'S e an dreach mu dheireadh de dh' *lùl a' Chrìostaidh* (1963) an t-aon leabhar-ùrnaigh Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh às dèidh 1917 agus cha bhi i a' nochdadh ann. Ma dh'fhaodte gu bheil sin a' sealltainn gun do dh'fhàs an ùrnaigh cumanta às dèidh 1963. Gu dearbh, ann an clàradh dhen Chonair Mhoire mar phàirt de dh'adhradh poblach ann am Barraigh ann an 1970, cha robh Ùrnaigh Fatima ga gabhail leis an t-sagart, Mgr Calum MacIllFhialain (1926-2012), a bha aig ceann nan ùrnaighean.<sup>302</sup>

Tha a' Chonair Mhoire gu tric air a h-ainmeachadh ann an cuimhne muinntir nan Eileanan Siar a chaidh a thogail suas gu meadhan na 20mh linn mar phàirt àbhaisteach ann am beatha cràbhaidh làitheil. Seo a' chuimhne a bh' aig Mgr Calum MacGillFhialain agus esan a' sgrìobhadh air fàs suas ann an Èirisgeigh ron Dàrna Cogadh:

Prayer life in the home was as natural as eating and drinking: morning and night prayers, the rosary, blessing at meals, holy water being sprinkled on important occasions like launching the boat, planting the crops and father blessing the family when leaving home. When meeting elderly people walking alone the rosary was very much in evidence.<sup>303</sup>

'S ann gu math coltach ris seo a tha an cuimhne aig a' Chanon Aonghas MacCuithein (1923-2019) air àite na Conair Mhoire ann am beatha muinntir Èirisgeigh agus esan na shagart san eilean eadar 1959 agus 1966:

The Rosary was recited in every home as well as in Church and no sailor would go to sea without the rosary under his pillow. The devotion to Mary the Mother of God was the inspiration of every day in the Island and the children in the school would pray the rosary from their tenderest years.<sup>304</sup>

---

<sup>301</sup> Tha tionndadh eile ann cuideachd, aithnichte ann an Uibhist a Deas:

O òsa, math dhuinn ar peacannan  
sàbhail sinn o thaigh ifrinn  
agus stiùir a h-uile anam gu rìoghachd Fhlathanais,  
gu h-àraid iadsan as motha feum air do thròcair.  
Conaltradh pearsanta le Gillebrìde Mac'IlleMhaoil

<sup>302</sup> Mgr Calum MacIllFhialain, "Rosary and Benediction, August 1970," TanD, SA1970.159.A1, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/65711?l=gd>.

<sup>303</sup> Calum MacLellan, "Eriskay – As It Was," ann an *St Michael's, Eriskay* (2003), 7-8.

<sup>304</sup> Angus MacQueen, "Jottings on Eriskay," ann an *St Michael's, Eriskay* (2003), 17.

Tha fianais ann gun robh a' Chonair Mhoire fhathast cumanta mar ùrnaigh teaghlaich anns a' ghinealach a rugadh mu 1950. Ann an agallamh a rinn mi le Màiri NicAonghais (1951- ), a thogadh san Iochdar, Uibhist a Deas, thug i iomradh gu tric air a' Chonair Mhoire agus cho bitheanta 's a bha i nuair a bha i a' fàs suas:

KR: A bheil cuimhne agaibh air daoine anns an teaghlach agaibh a' gabhail ùrnaighean aig an taigh nuair a bha sibh òg? Dè na h-ùrnaighean a bh' ann?

MN: Ò, tha.

KR: Agus a bheil cuimhn' agaibh cò na h-ùrnaighean a bhiodh iad a' gabhail?

MN: Ò, 's e a' Chonair Mhoire a bu trice a bhiodh iad a' gabhail.<sup>305</sup>

#### 3.4.1 Miseanan agus a' Chonair Mhoire

Thòisich miseanaraidhean Slàighnearach a thiginn chun nan Eileanan Siar sna 1880an<sup>306</sup> agus tha e coltach gun do ghabh na bha a' dol anns na miseananan aca buaidh air cràbhadh don Òigh Mhoire anns na h-Eileanan Siar. Tha Mgr Brendan McConvery, C.Ss.R. a' mìneachadh na tha ann am misean:

A mission was an extended time, usually lasting between two and four weeks, of preaching and instruction in the parish. Its purpose was to re-present to the people the "Great Truths of Salvation" and to encourage them, through a renewed administration of the sacraments, to take their places once more in the mainstream of church life.<sup>307</sup>

Tha e coltach gun robh miseanan nan Slàighnearach sna h-Eileanan Siar anns na 1880an air an toirt seachad ann an Gàidhlig.<sup>308</sup> Thug Mgr Eòghann Dòmhnallach, C.Ss.R. (1841-1898)<sup>309</sup> miseanan seachad sna h-Eileanan anns an deichead seo agus tha fianais

<sup>305</sup> Màiri Nic Aonghais, 20.06.2018. Nuair a chuir mi ceist oirre mun chànan anns am biodh ùrnaighean aig an taigh, thuir i gur ann ann an Gàidhlig a bhiodh iad.

<sup>306</sup> John Sharp, *Reapers of the Harvest* (1989), 234.

<sup>307</sup> Brendan McConvery, "The Redemptorists and the shaping of Irish popular devotion, 1851-1965," ann an *Devotional Cultures of European Christianity, 1790-1960*, deas. Henning Laugerud agus Salvador Ryan (2012), 49.

<sup>308</sup> Sharp, *Reapers*, 234.

<sup>309</sup> 'S e bràthair do dh'Aonghas Dòmhnallach (1844-1900), Easbaig Earra-Ghàidheil agus nan Eilean (1878-1892), a bh' ann am Mgr Eòghann. Chan eilear a bhith cinnteach cho fileanta 's a bha Mgr Eòghann ann an Gàidhlig. Tha aon tùs a' cumail a-mach gun robh agus bha sin na chuideachadh dha

sna litrichean aige air mar a ghabh muinntir nan Eilean ris na miseanan seo. Thug e tuairisgeul air na Caitligich ann am Beinn a' Bhaoghla agus esan a' sgrìobhadh ann an 1881, "Most of the people have beads now."<sup>310</sup> Mar sin, tha an coltas ann nach robh Conairean Moire pailt am measg muinntir Bheinn a' Bhaoghla roimhe sin. Bha a' Chonair Mhoire na pàirt cudromach dhe na miseanan Slàighnearach aig an àm seo, le mìneachadh air a' Chonair Mhoire air a thoirt seachad cha mhòr gach oidhche air feadh mhiseanan a mhaireadh fad dà, trì, no ceithir seachdain.<sup>311</sup> A rèir McConvery, bhiodh a' pharaiste air a coisrighidh don Òigh Mhoire fhad 's a bha am misean a' dol air adhart cuideachd.<sup>312</sup>

A dh'aindeoin na fianais gun robh miseanaraidhean Slàighnearach ag àrdachadh inbhe na Conair Mhoire sna h-Eileanan aig deireadh na 19mh linn, chan eil aithne air seo follaiseach ann an seachas muinntir nan Eilean, ged a tha cuimhne aig daoine gun robh na Slàighnearaich ann san 20mh linn.<sup>313</sup> Mar a sgrìobhas Mgr Calum MacIllFhialain: "Other priest influences in my own life were the Irish Redemptorist Missionaries with their fire and brimstone preaching."<sup>314</sup>

Chithear a' bhèarn a thaobh aithneachadh a' bhuaidh aig sagairt air cràbhadh don Òigh Mhoire ann an agallamh a chum Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach agus Aonghas Iain Dòmhnallach bho Sgoil Eòlais na h-Alba le Dòmhnall Alasdair Johnson (Dòmhnall Alasdair mac Iain Mhòir 'ic Dhòmhnail 'ic Iain 'ic Ragnall, 1889-1978) ann an 1971.<sup>315</sup> Rugadh Johnson goirid as dèidh do na miseanan Slàighnearach tòiseachadh sna h-

---

sna miseanan anns na h-Eileanan. A. MacDonald agus A. MacDonald, *The Clan Donald* Vol. 3 (1904), 274-276. Ach tha Watts a' toirt iomradh air leabhar-latha Mhgr Ailein a bhios ag innse nach robh Mgr Eòghann cho comasach sa chànan. *Record*, 145, 325.

<sup>310</sup> Sharp, *Reapers*, 278. Litir bho Mhgr Eòghann gu Mgr Robert Coffin, Am Màrt 1881. Archives of the London Province of Redemptorists, Àireamh Db42.

<sup>311</sup> Sharp, *Reapers*, 279-284.

<sup>312</sup> McConvery, "Redemptorists," 52.

<sup>313</sup> Chùm Slàighnearaich Èireannach miseanan ann an Uibhist a Deas, Beinn a' Bhaoghla agus Barraigh ann an 1925 agus 1926, agus cràbhadh don Òigh Mhoire mar phàirt dhuibh. Faic Clement MacMánuis, C.Ss.R, *Cuimhneachan Air na Miseanan Chun nan Eilean* (1997), 8-9, 10-11.

<sup>314</sup> MacLellan, "Eriskay – As It Was," 7.

<sup>315</sup> Dòmhnall Alasdair Johnson, "Cleachdaidhean Chaitligeach: Ùrnaighean is èile," TanD, SA1971.102.B2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/31125?l=gd>. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air an agallamh seo an toiseach ann an Reddy, "Ùrnaighean," 49-55.

Eileanan Siar. Ach bidh esan a' cumail a-mach gur ann air taobh a-staigh an taighe a dh'ionnsaich e ùrnaighean na Conair Moire, seach bho shagart sam bith:

DED: Ach tha na h-ùrnaighean sin cho math am measg an t-sluaigh agus nach leig thu leas an sagart a bhith gan ionnsachadh do dhuine sam bith.

DAJ: Ò, tha, tha – cha leig, cha leig. Ò, cha leig.

DED: Agus tha fhios mar sin gur e seann ùrnaigh a thàinig a-nuas bhur sinnsearachd.

DAJ: Sin a th' ann, o shinnsarachd, thàinig iad bho shinnsarachd gu sinnsearachd. 'S e seann ùrnaigh a bhiodh ann. 'S e, cha leig. Chan eil na sagairt ag ionnsachadh ùrnaighean do dhaoine dhen taobh againne. Bhiodh iad fhèin gan ionnsachadh, na daoine fhèin.

Ged a tha Johnson a' cur cuideam air ùrnaighean na Conair Moire ionnsachadh bho ghlùin gu glùin, seach bho shagairt, bidh e cuideachd ag ràdh gun gabhadh teaghlachan còmhla i, mar a bhiodh na miseanaraidhean Slàighnearach a' moladh.<sup>316</sup>

DED: A-nist, nuair a tha teaghlach ann -- a bheil a h-uile duine anns an teaghlach a' dèanamh seo còmhladh?

DAJ: Tha iad *supposed* a bhith a dhèanamh.

DED: Ga dhèanamh còmhladh, mar gum bitheadh.

DAJ: A-staigh. Agus tha iad *supposed* a dhèanamh a h-uile h-oidhche, nam biodh iad a rèir nan riaghailtean dòigheil. Aig an teaghlach. A bhith a-staigh, a' gabhail na Conair Mhoire mun rachadh iad a chadal.

DED: Seadh. A h-uile h-oidhche.

DAJ: Seadh. Le ceartas.

DED: Agus am bi sibh fhèin a' gabhail na h-ùrnaigh a h-uile h-oidhche, am bi, mar seo?

DAJ: Ò, chan eil feasgar nach bi mise ga gabhail. Bidh mise a' gabhail na Conair Mhoire ann a' sheo a h-uile feasgar.<sup>317</sup>

Chan eil Johnson a' mìneachadh carson a tha fios aige gu bheil còir aig daoine a bhith a' gabhail na Conair Moire a h-uile oidhche, ach bhiodh e coltach gun d' fhuair e am

---

<sup>316</sup> Sharp, *Reapers*, 202.

<sup>317</sup> Johnson, "Cleachdaidhean."

beachd seo bho ùghdarras h-Eaglaise ann an dòigh air choreigin, fiù 's dòcha mar thoradh air miseanan nan Slàighnearach.

### 3.4.2 A' Chonair Mhoire anns na h-eaglaisean

Nas tràithe na toiseach nam miseanan Slàighnearach, tha fianais ann gun robh a' Chonair Mhoire air a gabhail ann an Eaglais Naoimh Bhàrr ann am Barraigh cho tràth ri 1859. Air a' bhliadhna sin, san *Catholic Directory*, tha fiosrachadh ann mu na seirbhisean anns an eaglais seo: "Divine Service, on Sundays and Holidays, at half-past eleven o' clock, with Rosary and Catechetical Instruction in the evening during the summer months."<sup>318</sup> Tha e furasta fhaicinn nach e co-thachartas gun do thòisich a' Chonair Mhoire anns na h-eaglaisean sna h-Eileanan mun àm seo. 'S e seo an deichead a chaidh Dogma a' Ghinidh gun Smal fhoillseachadh<sup>319</sup> agus bha cràbhadh don Òigh Mhoire a' fàs nas cudromaiche san Eaglais Chaitligich san fharsaingeachd. Chithear ann an Caibideil 5 gun robh seirbheisean mar seo cumanta ann an eaglaisean Caitligeach sna h-Eileanan Siar suas gu na 1980an. San latha an-diugh, cluinnear a' Chonair Mhoire ann an co-dhiù cuid dhe na h-eaglaisean sna h-Eileanan Siar ro gach Aifreann, anns a' Ghàidhlig, agus nuair a thig corp dhan eaglais an oidhche ron tiodhlachadh. Mar as àbhaist san t-suidheachadh seo, 's e an sagart a tha aig a' cheann, agus mar sin, mur eil Gàidhlig aig an t-sagart, 's ann anns a' Bheurla a bhios na h-ùrnaighean.

### 3.5 An "Statue": Baintighearna Fatima

Bheir an earrann seo sùil air cleachdadh na "Statue" ann am paraistean Bhòrnais agus Àird Choinnich ann an Uibhist a Deas. Gu ruige seo, cha deach sgrìobhadh sgoileireil a dhèanamh air a' chleachdadh seo, agus cha deach rannsachadh a dhèanamh air tùsan a' chleachdaidh seo. Chithear anns an earrann seo gu bheil ceanglaichean dlùth eadar cleachdadh an "Statue" agus cleachdaidhean a bhathar a' moladh san Eaglais Chaitligich air fad aig an àm a thòisich an cleachdadh ann an Uibhist mu thimcheall air

<sup>318</sup> *Catholic Directory* (1859), 107.

<sup>319</sup> Edward Holweck, "Immaculate Conception," ann an *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 7 (1910), <https://www.newadvent.org/cathen/07674d.htm>.

a' bhliadhna 1950, agus gu bheil an cleachdadh a' dol leis a' chuideam a bhathar a' cur air cràbhadh don Òigh Mhoire san Eaglais air fad aig an àm seo.

Fhuair mise eòlas air a' chleachdadh seo as t-Earrach 2003, nuair a chuir mi seachad sia seachdainean air greis-sgoile aig Sgoil Lìonacleit ann am Beinn a' Bhaoghla. Thug tè de na tidsearan eile fiathachadh dhomh tighinn dhan taigh aice nuair a thigeadh an "Statue," agus ise a' fuireach ann am paraiste Bhòrnais ann an Uibhist a Deas. Nuair a ràinig mi an taigh, chunnaic mi gun robh ìomhaigh Baintighearna Fatima ann, mu dhà through a dh'airde, na seasamh air cuibhrig gheal air bòrd beag san rùm-shuidhe. Bha coinneal air an dà thaobh dhith agus flùraichean ann cuideachd. Aig an uair a bha comharraichte, thàinig cuid de mhuintir a' bhaile dhan taigh – boireannaich airson a' mhòr-chuid. Bha mu ochd taighean anns a' bhaile anns an robh daoine a' fuireach aig an àm agus thàinig daoine bho co-dhiù an dàrna leth dhe na taighean sin. Bha còmhradh àbhaisteach ann an toiseach, anns a' Ghàidhlig, fad beagan mhionaidean, ach an uair sin, thog tè de na boireannaich as sine an leabhar beag ùrnaigh, *Iùl a' Chrìostaidh*, agus thòisich ise air ùrnaighean na Conair Mhoire a leughadh a-mach anns a' Ghàidhlig.<sup>320</sup> Ghabh a h-uile duine air an glùinean, an tacsas ri seithrichean agus ris an t-sòfa. Bha ùrnaighean na Conair Moire àbhaisteach ann, a bharrachd air meòrachadh goirid ro gach rùn-dìomhair, agus aig an deireadh, bha leadan agus tuilleadh ùrnaighean ann.<sup>321</sup> Nuair a bha na h-ùrnaighean seachad, bha srùbag is còmhradh ann. Cha do mhair a' chèilidh cho fada agus bha an gnothach air fad seachad an ceann uair no beagan a bharrachd. Ged nach robh mi ann ach airson na h-aon oidhche, chaidh innse dhomh gum biodh an aon rud a' tachairt ann an taighean eile a' bhaile gus an robh oidhche mar seo air a bhith aig a h-uile teaghlach a bha iad iarraidh an "Statue." An uair sin, thigeadh an "Statue" chun an ath bhaile anns a' pharaiste.

Bhon àm sin, tha mi air a bhith aig an "Statue" iomadach turas agus tha tuigse nas fhèarr agam air na tha a' dol. Bidh turas an "Statue" mu thimcheall bhailtean paraiste Bhòrnais a' tòiseachadh gach Cèitean agus gach Dàmhair, air sàilleabh 's gu bheil an

---

<sup>320</sup> Gheibhear na h-ùrnaighean ann an *Iùl a' Chrìostaidh* (1963), 220-221.

<sup>321</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1963): "Leadann Moire" (Leadann Loreto), 216-219; "Sub tuum praesidium," 219-220; "Salve Regina," 8-9; "Memorare," 10.

Cèitean coisrigte don Òigh Mhoire agus an Dàmhair don Chonair Mhoire.<sup>322</sup> Gheibh baile Bhòrnais fhèin an “Statue” an toiseach air sàilleabh ’s gu bheil an eaglais anns a’ bhaile seo. Tha òrdugh ann anns a bheil an “Statue” a’ dol mun cuairt nan taighean, mar as àbhaist, a’ toiseachadh le seann taigh mòr na h-oighreachd, taigh àireamh a h-aon anns a’ bhaile. Dh’fhaodadh an t-òrdugh seo atharrachadh, ge-tà, ma tha teaghlach no bean an taighe air falbh fad oidhche no dhà. Ma dh’fhaodte aig aon àm, bha an t-ullachadh seo air a dhèanamh às dèidh na h-Aifrinn air an Didòmhnaich, nuair a bhiodh gach teaghlach anns an eaglais, ach san latha an-diugh, ann am Bòrnais, tha òrdugh nan taighean air a chur air dòigh air a’ fòn air neo mar as trice, le teagsaichean eadar boireannaich a’ bhaile. Tha corra atharrachaidhean air tighinn a-staigh on a bha mise aig an “Statue” a’ chiad turas: tha duine a chaidh a thogail sa bhaile air pòsadh agus air taigh a thogail ri taobh taigh a mhàthar agus a-nist, bidh a’ bhean, à baile eile sa pharaiste, a’ tighinn chun an “Statue” agus tha an taigh ùr air a chur a-staigh dhan òrdugh. Nuair a bhàsaich a’ mhàthair, a bha na bantrach, cha robh an taigh sin san òrdugh tuilleadh. Tha dithist bhoireannach eile air bàsachadh, ach tha cothrom aig na daoine aca an “Statue” fhaighinn ma thogras iad. Nuair a bha mise a’ fuireach ann an taigh anns an aon bhaile fad bliadhna no dhà, chaidh an taigh anns an robh mise a chur a-staigh dhan òrdugh. Tha diofar dhaoine eile air a bhith a’ fuireach san taigh sin air feadh nam bliadhnaichean, agus cha bhiodh an “Statue” a’ tighinn chun an taighe ach nuair a bhiodh Caitligich ann a bha ga h-iarraidh. Nuair a bhiodh an “Statue” air a dhol timcheall air na taighean uile anns a’ bhaile, gu tric ’s e neach a’ phuist a bheireadh dhan ath bhaile i.<sup>323</sup>

Gheibhear fios air mar a thòisich an cleachdadh seo ann an cuimhne muinntir Uibhist a Deas. Ann an cuimhne chuid, ’s e an Canon Iain Moireasdan (1912-1992) a thòisich e, mu thimcheall air a’ bhliadhna 1952.<sup>324</sup> Bha Mgr Iain, mar a bh’ aig na h-Uibhistich air,

---

<sup>322</sup> Holweck, “Special Devotions.”

<sup>323</sup> Chan eil e soilleir a bheil fios aig Am Post Rìoghail gu bheil iad a’ toirt seachad an seirbheis seo do mhuinntir Uibhist.

<sup>324</sup> ’S e seo am fiosrachadh aig Màiri NicRuairidh às a’ Chaolas, Loch a’ Chàrnan, Uibhist a Deas. Tha ise a’ toirt seachad cunntas air cleachdadh an “Statue” ann am paraiste Àrd Choinnich a tha coltach ris a’ chleachdadh ann am paraiste Bhòrnais, ach gu bheil cuimhne aice air an neach a bha a’ gabhail na Conair Mhoire a’ beannachadh na bha an làthair le uisge choisrigte. “Cleachdadh Sònraichte a bh’ aca ann an Uibhist,” *Facal Oirbh*, BBC Radio nan Gàidheal, 20.10.2019, [https://www.bbc.co.uk/radionangaidheal/facaloirbh/features/20091020/page\\_2.shtml](https://www.bbc.co.uk/radionangaidheal/facaloirbh/features/20091020/page_2.shtml).

na shagart ann an Àird Choinnich eadar 1946 agus 1962.<sup>325</sup> Mar a chithear anns a' chaibideil seo fhathast, thug Mgr Iain buaidh mhòr air beatha chràbhaidh muinntir Uibhist a Deas aig meadhan na 20mh linn ann an dòigh gu math follaiseach, agus esan cuideachd air cùl togail Statue Ruaidheabhail agus na "shrines" ri taobh an rathaid ann an ceann a tuath an eilein. Ach ann an cuimhne muinntir pharaiste Bhòrnais, 's ann anns a' pharaiste acasan a thòisich an cleachdadh an toiseach. Bhon fhiosrachadh a fhuair e fhèin bho muinntir a' pharaiste, tha Mgr Mìcheal Dòmhnallach dhen bheachd gur e Mgr Iain MacIlleathain a thòisich an cleachdadh ann am paraiste Bhòrnais tràth sna bliadhnaichean a bh' aige anns a' pharaiste (1952-1959). Mar a sgrìobhas Dòmhnallach, "The devotion was designed to honour the Blessed Virgin Mary but also to bring families together in prayer." A rèir na chuala e, thòisich an cleachdadh ann am paraiste Àird Choinnich goirid às dèidh seo agus bhiodh an "Statue" ga ghiùlain bho thaigh gu taigh agus muinntir an ìochdair a' seinn laoidhean.<sup>326</sup>

Nuair a bhruidhinn mi air cleachdadh an "Statue" mar phàirt de dh'òraid a thug mi seachad air an rannsachadh agam ann an Uibhist a Deas sa Chèitean 2022, dh'innis boireannach a chaidh a thogail ann am paraiste Bhòrnais ron Dàrna Cogadh dhomh gur e Mgr Alasdair MacCeallaig (1913-1963) a bha na shagart ann am Bòrnais eadar 1948 agus 1952 a thòisich cleachdadh na "Statue" ann an 1949. Tha coltas ann gun do thòisich e club-òigridh agus sgioba ball-coise ann am Bòrnais cuideachd.<sup>327</sup>

Ged a tha ceistean rim freagairt mu thimcheall air toiseach cleachdadh na "Statue" ann an Uibhist a Deas, tha coltas follaiseach ann eadar an cleachdadh seo agus gluasad aig Caitligich air feadh an t-saoghail air a bheil am "Pilgrim Virgin." Ann an 1942, chaidh ìomhaigh Baintighearna Fatima a thoirt bho Fatima fhèin gu Lisbon airson cruinneachadh òigridh Chaitligeach. Air sàilleabh 's gun robh a' chiad turas cho soirbheachail, chaidh an ìomhaigh dhan aon bhaile a-rithist ann an 1946, agus thàinig trì calmain a shuidhe aig casan na h-ìomhaigh, far an do dh'fhuirich iad fad trì latha.<sup>328</sup>

---

<sup>325</sup> Faic "Very Rev. John Canon Morrison," Cladh Hallan 188, <https://www.hallancemeterysouthuist.co.uk/view-grave.php?num=188>.

<sup>326</sup> Fr Michael MacDonald, post-dealain dhan ùghdar, 02.06.2019.

<sup>327</sup> Mary Alex Beaton, nota sgrìobhte dhan ùghdar, Ceitean 2022.

<sup>328</sup> Johnston, *Fatima*, 124.



Air an aon bhliadhna, chaidh an ìomhaigh a chrùnadh le riochdaire a' Phàpa Pius XII. Bha an crùn seo air a dhèanamh le seudraich boireannaich Phortagail. Aig deireadh nan 1940an agus toiseach nan 1950an, chaidh an ìomhaigh seo agus mac-samhail eile air feadh an t-saoghail. Tha coltas ann gun robh tadhal na h-ìomhaigh coltach ri miseanan mòra anns na bailtean don tig i, agus tòrr a' tilleadh dha na sacramaidean.<sup>329</sup>

Tha an ìomhaigh air a bheil an "Statue" ann am paraiste Bhòrnais san latha an-diugh stèidhichte air an ìomhaigh "Pilgrim Virgin." Tha trì calmain aig a casan agus crùn air a ceann. Chithear gu bheil siubhal a' toirt buaidh air an ìomhaigh ann an Uibhist: tha fear na dhà dhe na calmain air tuiteam dhith agus air an càradh agus tha muinntir na paraiste air diofar dhòighean fheuchainn gus an crùn a chumail air a ceann. Air sàilleabh seo, tha ciste air a dhèanamh dhi, a tha coltach ri seann bhogsa na pìoba. Nuair a dh'fhalbhas i bho thaigh gu taigh, thèid a pasgadh am measg phlaideachan anns a' bhogsa. Tha mi a' tuigsinn nach e seo a' chiad "Statue" a rachadh bho thaigh gu taigh, ach gun do dh'fhàs a' chiad tè cho ropach 's gun do cheannaich teaghlach "Statue" ùr nuair a bha iad air taistealachd ann am Fatima fhèin.

Tha ceangal eile ann eadar cleachdaidhean mu thimcheall a' "Statue" agus am "Pilgrim Virgin." Chaidh tuilleadh leth-bhreacan dhen Pilgrim Virgin a dhèanamh gus an robh cothrom ann gun tadhaladh Baintighearna Fatima air iomadach àite, le mu cheud ìomhaigh ann an roinn de dhùthchannan air feadh an t-saoghail aig toiseach nan 1970an. 'S e An t-Arm Gorm (*The Blue Army*) a bha mar as àbhaist an sàs le sgaoileadh nan ìomhaighean seo agus e na bhuideann eadar-naiseanta abstolach a thòisich ann an 1946.<sup>330</sup> Chithear fhathast gu bheil a' bhuidheann, air a bheil cuideachd *The World Apostolate of Fatima* san latha an-diugh, a' cur air dòigh iomairtean gus leth-bhreacan dhen ìomhaigh a thoirt a-staigh do dhachannan dhaoine sna Stàitean Aonaichte agus ann am Breatainn fhèin.<sup>331</sup> Tha buidheann eadar-naiseanta eile, Lèigiun Moire (*The*

---

<sup>329</sup> Johnston, *Fatima*, 124-125.

<sup>330</sup> Johnston, *Fatima*, 124-125, 133.

<sup>331</sup> Faic "Pilgrim Virgin Home Visitation Program," The World Apostolate of Fatima, Cleveland Division, <https://bluearmycleveland.com/pilgrim-virgin-home-visitation-program/> agus "Home Visitation Statues of Our Lady of Fatima," World Apostolate of Fatima England & Wales, <https://worldfatima-englandwales.org.uk/home-visitation-statues-of-our-lady-of-fatima/>.

*Legion of Mary*) air a bhith an sàs ann an ìomairtean gus ìomhaigh Baintighearna Fatima a thoirt do dhachannan nan creidmheach cuideachd.<sup>332</sup>

Co-dhiù an e an t-Arm Gorm air neo Lèigiun Moire a tha a' cur air dòigh tadhal ìomhaigh Baintighearna Fatima, 's e gun gabh an teaghlach a' Chonair Mhoire còmhla a h-uile latha a bhios an ìomhaigh san taigh an rud as follasaiche a bhios a' tachairt fhad 's a tha an ìomhaigh anns an taigh.<sup>333</sup> Tha òrdugh nan ùrnaighean a bhios Lèigiun Moire ann an aon pharaiste sna Stàitean Aonaichte a' moladh gu math coltach ris an dòigh a bhios a' Chonair Mhoire ga gabhail nuair a thig an "Statue" mu thimcheall ann an Uibhist a Deas, le Leadan Loreto ga leantainn.<sup>334</sup>

A dh'aindeoin nan coltasan seo, chan eil fianais ann gun robh buidhnean Lèigiun Moire air neo an t-Arm Gorm a-riamh stèidhichte sna h-Eileanan Siar, gu h-àraidh aig an àm a thòisich an "Statue" a dhol mun cuairt. Ann an 1950, a rèir an *Catholic Directory*, bha Lèigiun Moire ann an ceithir sgìrean-easbaig ann an Alba: Dùn Èideann, Glaschu, Tobar na Màthar, agus ann am Pàislig.<sup>335</sup> Tha coltas ann gur e gluasad stèidhichte sna bailtean mòra a bh' ann, seach air an dùthaich. Chan eil sgeul air an Arm Ghorm ann an àite sam bith ann an Alba san *Directory*. A dh'aindeoin seo, tha fianais ann gun robh Caitligich na h-Alba eòlach air "The Pilgrim Virgin" sna 1950an. Anns an *Glasgow Observer* anns a' Ghearran 1957, tha sanas ann airson "Pilgrim Virgin Studio" ann am Portagal far am faighear "'Our Lady of Fatima' and every type of religious statue."<sup>336</sup> Tha e inntinneach gu bheil sanas eile san aon phàipear, a' sìreadh thabhartasan gus crìoch a chur air Statue Ruaidheabhail.<sup>337</sup>

---

<sup>332</sup> Faic "Pilgrim Virgin Statue," The Legion of Mary, St Josephine Bakhita Parish, Mississauga, Ontario, Canada, <https://bakhitalegionofmary.wordpress.com/pilgrim-virgin-statue/>.

<sup>333</sup> Faic "Pilgrim Virgin," St Mary Help of Christians Parish, <https://saintmaryshelby.org/pilgrim-virgin> agus "Pilgrim Virgin Statue," The Legion of Mary, St Josephine Bakhita Parish, Mississauga, Ontario, Canada, <https://bakhitalegionofmary.wordpress.com/pilgrim-virgin-statue/>.

<sup>334</sup> "Prayers to Be Recited Before the Pilgrim Virgin," Legion of Mary – Tidewater, VA USA, <http://www.legionofmarytidewater.com/resources/forms/PilgrimVirgin.pdf>.

<sup>335</sup> *Catholic Directory* (1950), 353.

<sup>336</sup> "Pilgrim Virgin Statue," *Glasgow Observer*, 01.02.1957, 5.

<sup>337</sup> "Our Lady of the Isles," *Glasgow Observer*, 01.02.1957, 3. Tha earrann air Statue Ruaidheabhail gu h-iseal.

Tha fios ann cuideachd nach b' ann dìreach ann an Uibhist a bha ìomhaigh Moire a' dol mu thimcheall nan taighean ann am paraistean mun àm seo. Anns an *Glasgow Observer* anns a' Ghearran 1958, am measg nan "Scottish Snippets," tha am fios seo ann:

A statue of Our Lady of Fatima is being taken around the homes of St. Anne's parish Corpech, Fort William, during Lent, and the Rosary is recited by the members of the household in whose possession the statue is for the night. A procession of parishoners, accompanied the statue from the church to the first house in the parish to the strains of appropriate hymns.<sup>338</sup>

Tha an aithris seo a' toirt seachad dealbh a tha gu math coltach ri cleachdadh an Statue san latha an-diugh ann an Uibhist, ged as ann air feadh a' Charghais a bha seo agus cha bhithear a' cumail "procession" san latha an-diugh, air neo a' gabhail laoidhean. 'S e Mgr Seumas Mac a' Bhreatnaich a bha na shagart paraiste anns a' Chorpaich aig an àm seo.<sup>339</sup> Bha ceangal làidir aig Mgr Mac a' Bhreatnaich ris na h-Eileanan Siar: rugadh e ann am Barraigh agus bha e na shagairt pharaiste ann an Eaglais Àird Choinnich eadar 1925 agus 1941. Tha sgrìobhadair an t-sanais-bhàis aige a' comharrachadh cho dìleas 's a bha e dhan a' Chonair Mhoire fad a bheatha mar shagart.<sup>340</sup>

Chithear ann an cleachdadh na "Statue" gu bheil cràbhadh don Òigh Mhoire beò ann an Uibhist a Deas ann an dòigh shònraichte gus an latha an-diugh, ged a tha cleachdaidhean coltach ri seo ri fhaighinn am measg Caitligich ann an ceàrnaidhean eile dhen t-saoghal. Cuideachd, chithear buaidh ghluasadan a bha a' daingneachadh cràbhadh don Òigh Mhoire aig meadhan na 20mh linn air a' chleachdadh seo.

### 3.6 1954: Bliadhna Mhoire

B' e 1954 "Bliadhna Mhoire," ("Marian Year"), air a ghairm leis a' Phàpa Pius XII anns an *encyclical Fulgens Corona* (1953).<sup>341</sup> Bha seo ann mar chomharra dhen cheud bliadhna on a chaidh dogma a' Ghinidh gun Smal a ghairm leis a' Phàpa Pius IX ann an

<sup>338</sup> "Scottish Snippets," *Glasgow Observer*, 14.02.1958, 3.

<sup>339</sup> *Catholic Directory* (1958), 126.

<sup>340</sup> *Catholic Directory* (1981), 381-383.

<sup>341</sup> Pius XII, *Fulgens Corona* (1953), [https://www.vatican.va/content/pius-xii/en/encyclicals/documents/hf\\_p-xii\\_enc\\_08091953\\_fulgens-corona.html](https://www.vatican.va/content/pius-xii/en/encyclicals/documents/hf_p-xii_enc_08091953_fulgens-corona.html).

1854. Ann am *Fulgens Corona*, molaidh am Pàpa gun cumadh Caitligich air feadh an t-saoghail a’ bhliadhna le bhith a’ tighinn còmhla aig “shrines” don Òigh Mhoire:

And since in all cities, towns and villages, wherever the Christian religion thrives, there is a sanctuary, or at least an altar, in which the sacred image of the Blessed Virgin Mary is enshrined for the devotion of the Christian people, We desire, Venerable Brethren, that the faithful should throng thither in great numbers and should offer to our Most Sweet Mother not only private but also public supplications with one voice and with one mind.<sup>342</sup>

Aig deireadh Bliadhna Mhoire, dh’fhoillsich am Pàpa Pius XII *encyclical* eile, *Ad Caeli Reginam*, gus latha fèille ùr a chur ris a’ mhiosachan liotuirgeach: Là Fhèill na Banrìghinn Moire, air an latha mu dheireadh dhen Chèitean.<sup>343</sup> Anns an teachdaireachd seo, cuiridh am Pàpa cuideam air a’ Chonair Mhoire agus cràbhadh dhi an dà chuid air taobh a-staigh agus taobh a-muigh nan eaglaisean:

Let her churches be thronged by the faithful, her feast-days honored; may the beads of the Rosary be in the hands of all; may Christians gather, in small numbers and large, to sing her praises in churches, in homes, in hospitals, in prisons.<sup>344</sup>

Fo stiùir Mhgr Iain Mhoireasdain, ghabh Caitligich ann an sgìr-eaglais Àird Choinnich ann an Uibhist a Deas ris a’ mholadh seo ann an dà dhòigh: a’ togail “shrines”<sup>345</sup> dhan Òigh Mhoire agus iomairt Baintighearna nan Eilean air neo “Statue” Ruaidheabhail. Tha toraidhean an dà iomairt seo rim facinn gus an latha an-diugh.

### 3.7 “Wayside Shrines”

Air 27mh dhen t-Sultain 1954, bha aithisg anns a’ phàipear-naidheachd Caitligeach *The Glasgow Observer and Scottish Catholic Herald* gun robh dùil ann gus 12 “shrines” a thogail aig ceann rathaid gach baile ann an sgìre Àird Choinnich aig taobh a tuath

<sup>342</sup> Pius XII, *Fulgens Corona* (1953), Earrann 32.

<sup>343</sup> Pius XII, *Ad Caeli Reginam* (1954), [http://w2.vatican.va/content/pius-xii/en/encyclicals/documents/hf\\_p-xii\\_enc\\_11101954\\_ad-caeli-reginam.html](http://w2.vatican.va/content/pius-xii/en/encyclicals/documents/hf_p-xii_enc_11101954_ad-caeli-reginam.html). Às dèidh nan atharrachaidhean a lean Dàrna Comhairle a’ Bhatacain, chaidh an latha fèille a ghluasad gus an 22mh dhen Lùnastal.

<sup>344</sup> Pius XII, *Ad Caeli Reginam* (1954), Earrann 48.

<sup>345</sup> Ged a tha am facal “sgrìn” ann sa Ghàidhlig, cha chleachd muinntir Uibhist a Deas ach am facal Beurla “shrine” gus an latha an-diugh, coltach ri “statue” airson ìomhaigh Baintighearna Fatima agus ìomhaigh Baintighearna nan Eilean air Ruaidheabhail.

Uibhist a Deas. Bha coisrigeadh na ciad tè dhiubh air Là Mhoire, an 15mh dhen Lùnastal, air a chomharrachadh le laoidhean, Leadan Loreto, a' Chonair Mhoire, agus beannachadh fhùraichean. A rèir na h-aithisg, thuirt an sagart aig ceann na fèille, Mgr Ninian MacDonald (1887-1972) à Abaid Chille Chuimein:

Devotion to Our Lady has always been a feature of the Catholic life of these islands. Hitherto it has been confined to our churches and our homes. Now, however, it is felt that the time has come to fall in line with the Catholic countries in Europe – for example, the Rhineland of Germany, Bavaria, the Austrian Tyrol, Poland, Carinthia, Belgium, France, and Italy, where wayside shrines are a striking characteristic in the Catholic life of the people.<sup>346</sup>

Mar sin, chomharraich Mgr Ninian gun robh cràbhadh dhan Òigh Mhoire air a bhith stèidhichte sna h-Eileanan roimhe seo, mar phàrt de bheatha làitheil an t-sluaigh. Ach an àite a bhith ga chomharrachadh mar rud a tha sònraichte mu na h-Eileanan Caitligeach, rinn e coimeas eadar dùthchannan san Roinn Eòrpa a mhair nan sgìrean Caitligeach ri linn an Ath-Leasachaidh, agus far a bheil cràbhadh don Òigh Mhoire nas poblaiche.

Ged a bha Mgr Ninian a' dèanamh ceangal eadar na "shrines" ann an Uibhist agus cleachdaidhean ann an dùthchannan mòr-thìreach na Roinn Eòrpa, cha robh Uibhist a Deas na h-aonar ann an Alba le bhith a' comharrachadh Bliadhna Mhoire le bhith a' togail "shrines." Seachdain às dèidh na naideachd san *Glasgow Observer* mun "shrine" ann an Uibhist, 's e an ceann naidheachd air a' chiad duilleig dhen aon phàipear gun robh cruinneachadh mòr ann an Coatbridge, an "Rosary Rally" dhan deach 40 000 duine. B' e an dealbh as motha, air an robh an ceann naidheachd "Marian Shrines in the Tenement Homes," tè caran ropach le ìomhaigh Moire agus "an ordinary household standard lamp."<sup>347</sup>

Bha Màiri NicAonghais, na nighinn òig ann am paraiste Àird Choinnich nuair a chaidh na "shrines" a thogail, dhen bheachd gum b' e buaidh chleachdaidhean cràbhaidh ann an Èirinn, seach mòr-thìr na h-Eòrpa, a bha aig cùl nan "shrines." Nuair a dh'fhaighnich mi dhi mu chleachdadh na "Statue" a' dol bho thaigh gu taigh, thuirt i:

---

<sup>346</sup> "First Wayside Shrine in Isles is Dedicated," *Glasgow Observer and Scottish Catholic Herald*, 27.08.1954, 5.

<sup>347</sup> "Marian Shrines in the Tenement Homes," *Glasgow Observer and Scottish Catholic Herald*, 10.09.1954, 1.

Tha mi a' smaointinn gur ann a's an ìochdar a thòisich e. 'S e cleachdadh Èireannach a bh' ann... a thug Maigstir Iain Moireasdan – 's ann à Èirinn a thug e an cleachdadh a bha sin. Agus cuideachd 's ann às a thàinig an cleachdadh, na “wayside shrines,” na *statue*-an, fhios agad.<sup>348</sup>

Tha an aon bheachd aig Mgr Mìcheal Dòmhnallach agus esan a' sgrìobhadh, “I think that Canon Morrison’s inspiration for the wayside statues came from the practice in Ireland and, to an extent, throughout Catholic Europe.”<sup>349</sup> Mar sin, tha beachd aig cuid gu bheil cleachdaidhean cràbhaidh à Èirinn air a bhith a' toirt buaidh air na cleachdaidhean cràbhaidh as follasaiche don Òigh Mhoire ann an Uibhist. Tha seo a' dol leis a' chuideam a tha ga chur, gu h-ìre co-dhiù, air tùsan Èireannach a' chreideimh Chaitligich ann an Alba.<sup>350</sup>

### 3.8 Statue Ruaidheabhail agus an raon rocaidean

Tha an ìomhaigh mhòr de Mhoire air gualainn Beinn Ruaidheabhail ann an ceann a tuath Uibhist a Deas, a chaidh a thogail fo stiùir Mhgr Iain Mhoireasdain mun aon àm a chaidh na “shrines” a thogail ann am paraiste Àird Choinnich, na dheagh eisimpleir de “lieu de mémoire” do Chaitligich Uibhist a Deas. Bidh “Statue Ruaidheabhail” a' comharrachadh fèin-aithne muinntir Uibhist mar Chaitligich, an dreuchd a th' aig Moire mar neach-tèarmainn, agus an strì a dh'èirich nuair a bha muinntir an eilein a' faireachdainn gun robh an dòigh-beatha dhùthchasach aca ann an cunnart.

San t-Samhain 1953, bha alt anns a' phàipear-naidheachd nàiseanta Breatainneach *The Catholic Herald* ag innse gun robh ainm ùr air a thoirt air Moire sna h-Eileanan Siar:

“The long-standing devotion of the Catholic Hebrides to the Mother of God is to be

<sup>348</sup> Màiri NicAonghais, 20.06.2018.

<sup>349</sup> MacDonald, 02.06.2019.

<sup>350</sup> Mar fhianais air seo, tha Burnett a' tarraing air aithisg naidheachd le Nabhla Ní Dubhcean, “Columcille and the Isles,” a nochd san *Scottish Catholic Observer* air 03.05.1957: “The Catholic Gaidhealtachd may be Scotland’s Catholic past, but it owes its presence entirely to Ireland, its continuity and the perpetuation of the memory of Columba and Bride to Irish Vincentians and Franciscans.” Chithear eisimpleirean dhe seo cuideachd anns a' phrògram telebhisean a sgrìobh Mgr Desmond Forristal mu Uibhist a Deas ann an 1971 mar phàirt dhen t-sreath *Radharc* aig RTÉ: “The Island Where God Speaks Gaelic.” Anns a' phrògram seo, cluinnear mu na “Irish touches” aig creideamh muinntir Uibhist, agus tha cuideam ga chur air na ceanglaichean eadar na h-Eileanan Siar mu dheas agus Èirinn agus na th' aca sa chumantas. *Radharc: The Island Where God Speaks Gaelic*, BBC Alba, 13.11.2016, <https://learningonscreen.ac.uk/ondemand/index.php/prog/ODBDE41F?bcast=122895840>.

expressed in a new title – Our Lady, Queen of the Isles.” A rèir an aon uilt, bha planaichean ann “shrine” a thogail gus seo a chomharrachadh ann an Àird Choinnich, Uibhist a Deas, agus gur e an snaidheadair Hew Lorimer (1907-1993) a dhèanadh e.<sup>351</sup> Bha dùil ann gum biodh e deiseil rè Bliadhna Mhoire.<sup>352</sup> An ath sheachdain, bha alt eile san aon phàipear ag innse gum biodh 12 “shrines” “in the style of those seen on the Continent” ann am bailtean sgìre Àird Choinnich gus Bliadhna Mhoire a chomharrachadh. Bha facal ann cuideachd bho Mhgr Iain Moireasdan air na planaichean airson “a large permanent shrine” le Hew Lorimer:

This shrine will be the first in the Hebrides since the Reformation, and the honour is long overdue to Our Lady in the islands which have held fast to the Faith, despite cruel persecution through the centuries.<sup>353</sup>

Ann an alt air cuspair nan “shrines” a nochd san *Glasgow Observer and Scottish Catholic Herald*, bha fiosrachadh a bharrachd aig Mgr Iain air carson a bha iad cudromach, na bheachd:

It is my view that we shall see Scotland Catholic sooner by acting outwardly as if she were already Catholic. We still keep our religion too much in airtight compartments. It would be inspiring to see small wayside shrines to the Madonna throughout the country – in cities like Glasgow and Edinburgh, for instance.<sup>354</sup>

Ann an t-Samhain 1954, nochd alt san *Glasgow Observer* air an robh an ceann- naidheachd “Father Allan’s Island is in the Jet-Age News.” ’S ann mu dhèidhinn eachdraidh Mhgr Ailein Dhòmhnallaich ann an Uibhist a bha an t-alt, ach bha ro-ràdh ann: “It is no surprise that service chiefs surveying the Western Isles in connection with a reported new defence project have sought the advice of Fr. John Morrison, South Uist pastor.”<sup>355</sup> ’S e seo a’ chiad iomradh air na planaichean airson raon rocaidean ann an Uibhist anns a’ phàipear-naidheachd seo agus tha an t-alt gun urra. ’S ann air an aon bhliadhna a dh’fhoillsich Iain Latharna Caimbeul an leabhran *Fr Allan McDonald of*

---

<sup>351</sup> Faic “Hew Martin Lorimer CBE, RSA, FRBS,” Mapping the Practice and Profession of Sculpture in Britain and Ireland 1851-1951, [https://sculpture.gla.ac.uk/mapping/public/view/person.php?id=msib6\\_1211380135&search=Lorimer](https://sculpture.gla.ac.uk/mapping/public/view/person.php?id=msib6_1211380135&search=Lorimer).

<sup>352</sup> “Queen of the Isles,” *Catholic Herald*, 06.11.1953, 1.

<sup>353</sup> “In the Hebrides,” *Catholic Herald*, 13.11.1953, 5.

<sup>354</sup> “Island Will Have Chain of Marian Wayside Shrines,” *Glasgow Observer*, 06.09.1953, 1.

<sup>355</sup> “Father Allan’s Island is in the Jet-Age News,” *Glasgow Observer*, 12.11.1954, 3.

*Eriskay* agus mar sin, ma dh'fhaodte gun robh an t-ùghdar a' tarraing air an leabhran seo air neo gun do sgrìobh Caimbeul fhèin an t-alt. Tha coltas ann, ge-tà, gun robh fios aig Mgr Iain roimhe seo gun robh an raon rocaidean a' tighinn agus gur ann air sàilleabh sin a chaidh na "shrines" a thogail far an robh iad, agus an "statue" mòr. Tha Mgr Mìcheal Dòmhnallach a' sgrìobhadh mu na "shrines":

These are not just expressions of the devotion of the people but they were deliberately placed alongside the intended military roads to remind "strangers" that they were in a "different" place.<sup>356</sup>

Tha Miranda Forrest dhen bheachd nach eil seo buileach fìor agus gu bheil e doirbh a dhearbhadh gun robh na "shrines" air rathaidhean a dh'ionnsaigh an raon rocaidean.<sup>357</sup> An taca ri seo, tha na tha Dòmhnallach a' cumail a-mach mun fhiosrachadh ro-làimh aig Mgr Iain air an raon rocaidean a' dol leis an fhianais a tha Fraser MacDonald a' tarraing bho fhaidhlichean "declassified" an airm: gun robh beachd aig an luchd-planaidh an airm ann an 1953 gun robh e coltach gum biodh an raon rocaidean ann an Uibhist, agus gun deach sgrùdadh dìomhair a dhèanamh ann an Uibhist san Lùnastal agus san t-Sultain 1954.<sup>358</sup> Tha coltas ann gur e an sgrùdadh seo air a bheilear a' toirt iomradh san alt "Father Allan's Island is in the Jet-Age News" agus ma dh'fhaodte gur ann aig an àm sin a chaidh suidheachaidhean nan "shrines" a thaghadh. Le seo air a ràdh, le bhith coimhead air an fhianais a tha ri fhaotainn, tha mise a' dol leis a' cho-dhùnadh aig Miranda Forrest:

The chronological evidence, for both the statue and the MoD Range, shows that the conception of the idea for *Our Lady of the Isles* was to honour the Marian Year, and not as a reaction to the announcement of the MoD Range.<sup>359</sup>

Ann an Lùnastal 1955, bha na pàipearan-naidheachd a-mach air plana gus raon rocaidean mòr a thogail ann an Uibhist a Deas. 'S e an ceann-naidheachd anns an

---

<sup>356</sup> Michael MacDonald, "Our Lady of the Isles," <http://www.uist-rc.org.uk/our-lady-of-the-isles.html>. Ceangal a-nis marbh (2023).

<sup>357</sup> Miranda Forrest, *A Guide to Hew Lormier, the MoD Rocket Range and Our Lady of the Isles* (2020), 87.

<sup>358</sup> Fraser MacDonald, "Paul Strand and the Atlanticist Cold War," *History of Photography* 28, No. 4 (Winter 2004), 370. Tha am fianais aig MacDonald a' tighinn bho PRO AIR 19/723, Air Ministry file no. c. 46706/51 agus PRO DEFE 51/116, report on the Hebrides Range, 1953-1959. Tha Forrest air tòrr thùsan co-aimsireil a sgrùdadh cuideachd gus sgeulachd Statue Ruaideabhail agus an raon rocaidean a chur ri chèile. Faic Forrest, *Guide*.

<sup>359</sup> Forrest, *Guide*, 29. Ged a tha Forrest a' toirt iomradh air mar a tha am fios ro-làimh aig Mgr Iain mu shuideachadh an raon rocaidean air a chuimhneachadh ann an seachas Uibhist a Deas, chan eil Forrest a' dol leis agus ise dhen bheachd gur e co-thachartas a th' ann gu bheil Statue Ruaideabhail cho faisg air. Forrest, *Guide*, 29-30.



*Glasgow Observer*, “Rocket Range Close by Queen of the Isles Headland.” Bha an t-àite air a thaghadh, a rèir Rùnaire na Stàite airson Alba, James Stewart, “after months of exhaustive research.” Anns an alt seo, tha fios bho Mhgr Iain Moireasdan agus esan a’ cur air adhart adhbharan an aghaidh a’ phlan: nach eil feum aig muinntir an eilein air tuilleadh teachd-a-steach; gu bheil eagal ann gun tèid croitearan a chur far an fhearann aca; agus gun robh cunnart ann gun cailleadh muinntir an eilein an cultar dùthchasach aca.<sup>360</sup> Tha fios neo-chòrdail san alt a thaobh am feumar làrach ìomhaigh Bhantighearna nan Eilean atharrachadh. Chan eil e soilleir càit an robh an làrach a bha am beachd co-dhiù, agus an *Glasgow Observer* mun àm seo a-mach air “headland” no “promontory” agus “a tongue of land stretching into the sea at Ruival.”<sup>361</sup> Chan eil seo a’ dol le alt mun ìomhaigh san *Catholic Herald* san Lùnastal 1954 anns a bheil am fios “The foundation stone will be laid on Rhueval Hill, near the village of Gerinish, later on this year.”<sup>362</sup> Seo far an robh an ìomhaigh air a togail, air Beinn Ruaidheabhail.

Bha an strì an aghaidh an raon rocaidean a’ dol fad còrr is dà bhliadhna, agus i a’ nochdadh ann an ceann-naidheachdan phàipearan Caitligeach agus nàiseanta air feadh an ama sin. Bha mì-chinnt ann a thaobh na h-uiread de dh’fhearann a bhiodh air a ghabhail leis an arm agus bha faireachdainn ann gun robh croitearan air an cumail san dorchadas.<sup>363</sup> Fo cheannardas Mhgr Iain Mhoireasdain, bha iomairt làidir ann an aghaidh phlanaichean an riaghaltais agus a’ bhuidhe a dh’fhaodadh a bhith air dualchas Gàidhlig Uibhist. A rèir alt anns a’ *Manchester Guardian*, “Their main objection is to the impending invasion of up to five or six thousand English-speaking people and the effect this will have on the life of the Gaelic-speaking community.” Thathar ag aithris san aon alt gun tuirt Mgr Iain gun dèanadh muinntir Uibhist rud sam bith gus am biodh na guthan aca air an cluinntinn le Ministreachd an Adhair “even if we have to march to Westminster – assuming we get beyond Derby.”<sup>364</sup> Bhiodh e soilleir do dh’fheadhainn a bha eòlach air eachdraidh nan Gàidheal gun robh e a’ toirt

---

<sup>360</sup> “Rocket Range Close By Queen of Isles Headland,” *Glasgow Observer*, 19.08.1955, 1. Bha guthan Albannach cliùteach air an togail an aghaidh raon nan rocaidean san aon phàipear-naidheachd agus faclan ann bho Chompton MacKenzie agus Hugh MacDiarmid.

<sup>361</sup> “In the Hebrides,” *The Catholic Herald*, 13.11.1953, 5.

<sup>362</sup> “Hebridean Madonna,” *The Catholic Herald*, 06.08.1954, 5.

<sup>363</sup> “Put the South Uist Crofters in the Picture,” *Glasgow Observer*, 08.03.1957, 1.

<sup>364</sup> Staff Reporter, “Rocket Range Rebellion: Islanders’ Protest,” *Manchester Guardian*, 28.02.1957, 8.

luaidh air iomairt nan Seumasach ann an 1745, a thàinig gu ceann aig Blàr Chùl Lodair. Mar sin, tha coltas ann gun robh e a' tarraing air tròpaichean eachdraidheil connsaideach: Gàidheil an aghaidh Shasannaich agus Caitligich an aghaidh Phròstanaich.

Bha na frionasan seo follaiseach cuideachd nuair a nochd e sna naidheachdan gun robhar a' beachdachadh air Gàidheil Èireannach à Ulaidh a thrusadh gus a bhith ag obair aig raon nan rocaidean. Bha seo air a mhìneachadh mar "a scheme to preserve the Catholic character of the social life of South Uist in the face of the rocket range 'invasion.'" Anns an aon alt, tha Mgr Iain ag ràdh gur e Caitligich a bh' anns a' mhòrchuid dhe na daoine a tha ag obair airson Ministreachd an Adhair ann an Uibhist mar-thà. Ma dh'fhaodte gu bheil coltas annasach air an tairgse seo, ach tha aithris san alt seo gun robh ùidh aig a' Mhorair Mancroft, Ministear an Dùn, ann.<sup>365</sup> A dh'aindeoin seo, cha tàinig e gu buil agus Patrick Byrne, am prìomh dhuine a bha ga phutadh, a' faighinn bàs goirid às dèidh don alt nochdadh anns a' phàipear.<sup>366</sup>

Aig deireadh 1957, chaidh na planaichean airson raon nan rocaidean a lùghdachadh gu mòr<sup>367</sup> agus ann an Uibhist, shocraich an iomairt na aghaidh.<sup>368</sup> Airson leabhar air an ìochdar san t-sreath *Croft History* aig Bill Lawson, chaidh agallamhan a chumail le Aonghas Iain Mac a' Phì à Baile Gharbhaidh leis a nighean, Màiri NicAonghais. Seo a' chuimhne aig Mac a' Phì air mar a thachair a thaobh raon nan rocaidean:

There were protests when we heard that the army was coming, and we went to the Land Court because they wanted to resume 500 acres. They only paid £10 for the 500 acres, and they resumed more after that too. The land doesn't belong to the army entirely, as the crofters have permission to plough and put cattle on it, at their own risk. [...] A road was planned, built out of lochdar to Loch Bee, but it was all stopped in one week – some said because a rocket was launched before the proper date. Anyway the plans that went ahead were much smaller than what they wanted at first.

Canon Morrison – 'Father Rocket' – was in favour of the Range at first, but when he realised the size of the original scheme, he went against it, and it was

<sup>365</sup> Gaelic-speaking Ulstermen for South Uist?" *Glasgow Observer*, 06.09.1957, 1.

<sup>366</sup> "Sponsor of S. Uist Scheme Dies," *Glasgow Observer*, 13.09.1957, 2.

<sup>367</sup> Parliamentary Staff, "£15M. Saving on Rocket Range in Hebrides," *The Manchester Guardian*, 05.12.1957, 1.

<sup>368</sup> Special Correspondent, "Crofters' Struggle Against the Rocket Ranges," *The Manchester Guardian*, 01.09.1958, 3.

partly him that got the size of it cut down. [...] It was Canon Morrison that got the statue put on Ruaval – Our Lady of the Isles – and in the end it was the army that put it there for him!<sup>369</sup>

Nuair a chomharraich *The Catholic Herald* coisrigeadh Statue Ruaidheabhail, b' e a chiad loidhne dhen alt air an duilleig chòmhdach, "Our Lady has beaten the rocket range."<sup>370</sup> 'S e an ciall a bh' ann gun robh coisrigeadh na h-ìomhaigh ann latha às dèidh dhan deach ainmean a chur ris a' chùmhnannt airson an raon rocaidean. Anns an aon alt, tha mìneachadh ann bho Mhgr Iain Moireasdan air dè bha an ìomhaigh a' ciallachadh don t-sluagh: "The statue, says Fr. Morrison, stands in confirmation of the spiritual integrity of the island people and their ancient gaelic civilisation at the heart of which is a love of the Old Faith and of Our Lady."<sup>371</sup> Bha ceangal air a dhèanamh eadar an raon rocaidean agus Statue Ruaidheabhail anns na bha san *Glasgow Observer* cuideachd: b' e "Our Lady was one step ahead of the rocket range" fear de na cinn-aidheachd a bh' air an duilleig-chomhdaich air an 22na dhen Lùnastal 1958. Agus anns an alt fhèin, leughar "The Rocket Island was transformed into the Isle of the Mother of God."<sup>372</sup> Air feadh na tha sgrìobhte mun tachartas anns a' phàipear, tha cuideam air a chur air eachdraidh Caitligeach Uibhist agus dualchas nan Gàidheal:

The little choir girls ... sang the words of the Mass in Gaelic [...] Speaking, too, in the ancient language of the Gael, in the dramatic setting of the barren hillside, in gathering mist and under menacing clouds, Bishop Grant discoursed on the Church's Marian theology and the pre-eminence of Our Lady's status as the Mother of God.<sup>373</sup>

Tha an ceangal eadar Statue Ruaidheabhail, Mgr Iain, air a chuimneachadh mar "Father Rocket," agus raon nan rocaidean beò ann an cuimhne muinntir Uibhist gus an latha an-diugh.<sup>374</sup> Tha an ìomhaigh fhathast a' riochdachadh cràbhadh muinntir Uibhist don Òigh Mhoire cuideachd. Mar a chanas Màiri NicAonghais:

Tha daoine tuigseach cuideachd [mar] a chaidh a chur ann airson nuair a bha atharraichean mòra a' tighinn timcheall ann an Uibhist, anns an dòigh-beatha 's anns a h-uile rud, agus gun robh an sagart a' faireachdainn gun robh e airson

<sup>369</sup> Bill Lawson, *Croft History: Isle of South Uist* (1991), 15-16.

<sup>370</sup> "Statue Dedicated on Rocket Range Isle," *The Catholic Herald*, 22.08.1958, 1.

<sup>371</sup> "Statue Dedicated," 5.

<sup>372</sup> "Our Lady was one step ahead of the rocket range," *Glasgow Observer*, 22.08.1958, 1.

<sup>373</sup> Robert McGinn agus staff reporters, "Moire Ro-naomh nan Eilean," *Glasgow Observer*, 22.08.1958, 1.

<sup>374</sup> Mar eisimpleir, faic MacDonald, "Our Lady of the Isles."

am pìos ud dhan eilean a chur fo chùram Moire Mhàthar. Is chuir e suas an ìomhaigh mar sin air guaileann Ruaidheabhail, 's tha mi a' smaoinich gu bheil sin gu math snog.<sup>375</sup>

Chithear anns na chanas Màiri MacAonghais an seo gu bheil dreuchd Statue Ruaidheabhail a' dol leis an dreuchd dhùthchasach a th' aig Moire sna h-Eileanan Siar mar neach-tèarmainn, a' gabhail cùram ri muinntir Uibhist agus a' dìon na dòigh-beatha dùthchasaich aca.

### 3.9 Co-dhùnadh

Anns a' chaibideil seo, chunnacas gu bheil cràbhadh don Òigh Mhoire air a bhith na phàirt de bheatha làitheil nan Caitligeach sna h-Eileanan Siar mu dheas bho dheireadh na 19mh linn gus an latha an-diugh. Tha cuid de na cleachdaidhean cràbhaidh, agus iad mar "lòcasan creideimh" aig muinntir nan Eilean air atharrachadh, mar a bhith a' cleachdadh sheuntan breith coisrigte don Òigh Mhoire, ach tha cleachdaidhean mar gabhail na Conair Mhoire fhathast làidir. Tha cleachdaidhean ann mar an "Statue" a' dol timcheall nan taighean sònraichte, ach chithear buaidh ghluasadan san Eaglais air fad air seo agus tha cleachdaidhean coltach ri seo ri fhaighinn ann an àitichean eile. A dh'aindeoin atharrachadh sam bith, tha Moire air a faicinn mar neach-tèarmainn do Chaitligich nan Eilean Siar. Uaireannan tha buaidh shagairt air cràbhadh don Òigh Mhoire sna h-Eileanan aithnichte ann an seachas, mar Mhgr Iain agus na h-ìomairtean aigesan ach chan eil mòran ri fhaighinn ann am beul-aithris mu na miseanan Slàighnearach. Tha muinntir nan Eilean deònach gabhail ris gu bheil buaidh Èireannach air na cleachdaidhean creideamh aca, ge-tà. Tha Gàidhlig air a bhith aig cridhe cràbhadh don Òigh Mhoire air feadh na 20mh linn, agus tha seo fhathast ri fhaicinn a thaobh cleachdadh "Statue" Banrigh Fatima agus gabhail na Conair Mhoire.

Le bhith a' coimhead air eachdraidh togail Statue Ruaidheabhail agus na "shrines" ann an paraiste Àird Choinnich ann an Uibhist a Deas agus a' coimhead air na nithean seo mar "lieux de mémoire," chithear an ceangal a th' ann eadar fèin-aithne Caitligich nan Eilean Siar agus an cràbhadh aca don Òigh Mhoire. Chithear cuideachd mar a tha

---

<sup>375</sup> Màiri NicAonghais, 20.06.2018.

gluasan san Eaglais Chaitligich air fad a thaobh cràbhadh don Òigh Mhoire, beachdan a thaobh fèin-aithne muinntir nan Eilean agus cleachdaidhean creideimh ionadail a' tighinn còmhla ann an eachdraidh agus seachas mu na h-iomairtean seo agus gu dè a tha iad a' ciallachadh do mhuinntir Uibhist. Mu dheireadh thall, faodar coimhead air na "shrines" agus Statue Ruidheabhail mar eisimpleirean air an dòigh a bhios an ceangal eadar creideamh agus fèin-aithne air a dhaigheachdadh nuair a thig dòigh-beatha dhùthchasach muinntir nan Eilean fo bhagairt.

## Caibideil 4: Ùrnaighean Dùthchasach

Bheir a’ chaibideil seo sùil air ùrnaighean dùthchasach a bha rim faighinn am measg Chaitligeach nan Eilean Siar mu dheas eadar deireadh na 19mh linn agus toiseach na 21mh linn. Às dèidh gearr-chunntas air na seòrsaichean ùrnaighean dùthchasach a bha rim faighinn air feadh an ama seo, bheirear sùil mhionaideach air aon ùrnaigh a bha cumanta am measg muinntir an àite bho dheireadh na 19mh linn gu meadhan na 20mh linn: “Am Pears’-Anma.” Chaidh tionndaidhean dhen ùrnaigh seo a thogail bho roinn de thasglainn is thùsan agus ’s e seo a’ chiad turas a chaidh breithneachadh air caochladh thionndaidhean dhen ùrnaigh seo le bhith gan toirt còmhla.

Le bhith a’ coimhead air na diofar thionndaidhean sgrìobhte agus clàraichte dhen ùrnaigh seo a chaidh a chruinneachadh sna h-Eileanan Siar agus am measg sliochd nan Eilean a thuinich ann an Albainn Nuaidh, a bharrachd air cleachdaidhean mu thimcheall agus co-theagsa na h-ùrnaigh, bidh a’ chaibideil seo a’ sealltainn gun innis ùrnaighean an leithid “Am Pears’-Anma” mòran dhuinn mu chleachdaidhean cràbhaidh nan Gàidheal Caitligeach sna h-Eileanan Siar, agus aig an aon àm, a’ taisbeanadh dhùbhlain an luib rannsachadh ùrnaighean dùthchasach mar bheul-aithris.

### 4.1 A' cruinneachadh ùrnaighean dùthchasach san 19mh linn

Thòisich Alasdair MacGilleMhìcheil agus Mgr Ailein Dòmhnallach a bhith a’ cruinneachadh beul-aithris sna h-Eileanan Siar san dàrna leth dhen 19mh linn, agus chruinnich an dithis aca iomadh ùrnaigh dhùthchasach a ghabhadh muinntir nan Eilean. Gus beachd fhaighinn air an fharsaingneachd de dh’ùrnaighean dùthchasach a bh’ ann am beul an t-sluaigh aig an àm seo, tha e feumail a bhith a’ coimhead air na dh’fhàg MacGilleMhìcheil agus Mgr Ailein de notaichean fhad ’s a bha iad ris an obair chruinneachaidh aca.

Bha MacGilleMhìcheil a' cruinneachadh beul-aithris ann an Uibhist fhad 's a bha e a' fuireach sna h-Eileanan Siar agus ag obair mar ghèidsear, eadar 1864 agus 1882.<sup>376</sup> Chùm e notaichean lìonmhor agus tha 26 bogsaichean dhiubh rim faighinn ann an Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhathair ann an Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann.<sup>377</sup> Am measg nan notaichean seo, gheibhear iomadh eisimpleir de dh'ùrnaighean dùthchasach, am measg theagsaichean cràbhaidh eile. Mar a tha Dòmhnall Uilleam Stiùbhart a' mìneachadh:

During his posting to the Hebrides, Alexander Carmichael... managed to collect at least sixty specific charm texts, as well as numerous other prayers and blessings: a remarkable store.<sup>378</sup>

Is iad na teagsaichean seo air a bheil *Carmina Gadelica* (1900) aig MacGilleMhìcheil stèidhichte, mar a chithear nas fhaide air adhart sa chaibideil seo.

Ann an dà dheichead às dèidh do MhacGilleMhìcheil a bhith ag obair ann an Uibhist, bha Mgr Ailein ri cruinneachadh ann an Uibhist a Deas agus Èirisgeidh. Thàinig Mgr Ailein a dh'Uibhist a Deas mar shagart Dhalabroig ann an 1884. Bha seann shagart às an eilean, Mgr Alasdair Caimbeul (1818-1893) a' fuireach ann an taigh an t-sagairt ann an Dalabrog còmhla ris agus tha coltas ann gur e Mgr Alasdair a thug air Mgr Ailein a bhith a' tòiseachadh air cruinneachadh beul-aithris dùthchasach.<sup>379</sup> Mun bhliadhna 1887, thòisich Mgr Ailein air leabhraichean-notaichean a chumail<sup>380</sup> anns a bheil measgachadh de dh'fhiosrachadh a thaobh seanchas agus briathrachas ionadail, ainmean-àite, sgeulachdan na Fèinne agus sgeulachdan apocraphach, òrain, agus

---

<sup>376</sup> Airson cunntas air obair-cruinnichidh MhicGilleMhìcheil ann an Uibhist, faic Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, "Alexander Carmichael and *Carmina Gadelica*," ann an *The Life and Legacy of Alexander Carmichael*, deas. Dòmhnall Uilleam Stiùbhart (2008), 5-15.

<sup>377</sup> Stiùbhart, "Alexander Carmichael and *Carmina Gadelica*," 22-23. Gheibhear fios air Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhathair aig "Carmichael Watson: A Research Guide to the Carmichael Watson Collection," The University of Edinburgh, <https://www.ed.ac.uk/information-services/library-museum-gallery/crc/research-resources/gaelic/carmichael-watson>. 'S ann à Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhathair a tha gach prìomh thùs làmh-sgrìobhainne a tha a' nochdadh anns an tràchdas seo agus "CW" anns an àireamh-cruinneachaidh aige. Nochdaidh Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhathair mar thùs ann an clàr thùsan an tràchdais mar "University of Edinburgh Archives: The Carmichael-Watson Collection." Nochdaidh fiosrachadh air nithean fa-leth às a' Chrùinneachadh anns na bun-nòtaichean, ach na leabhar-notaichean aig Mgr Ailein, a bhios a' nochdadh mar nithean fa-leth sa clàr thùsan cuideachd.

<sup>378</sup> Stiùbhart, "Theology," 8.

<sup>379</sup> Faic Campbell, *Fr Allan*, 10, 15; Black, *Eilein*, 9; agus Hutchinson, *Father Allan*, 96. Cuideachd, faic Reddy, "Ùrnaighean," 26-27.

<sup>380</sup> Campbell, *Fr Allan*, 15.

ùrnaighean agus cleachdaidhean cràbhaidh dùthchasach.<sup>381</sup> Lìon Mgr Ailein seachd leabhraichean-notaichean leis an stòras de bheul-aithris seo. Tha Ragnall MacIlleDhuibh agus Flòraidh Komori air tar-sgrìobhadh a dhèanamh air an dà leabhar-notaichean aig Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann ann an Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhathair, EUL CW 58A, “Folklore MS I” agus EUL CW 58B, “Folklore MS II,” a bharrachd air tar-sgrìobhaidhean dhen dà leabhar-notaichean aig Leabharlann Oilthigh Ghlaschu, GUL 1090 (28), “Folklore MS V,” agus GUL 1090 (29), “Folklore MS VI.” Cuideachd, tha MacIlleDhuibh agus Andrew Wiseman air tar-sgrìobhadh a dhèanamh air fear dhe na leabhar-notaichean a tha ri fhaighinn ann an Taigh Chanaidh, CH2/1/1/13/128/1, air a bheil “Strange Things.”<sup>382</sup> Chaidh a’ mhòr-chuid de na tar-sgrìobhaidhean seo fhoillseachadh ann am pàipear-naidheachd ionadail Uibhist, *Am Pàipear*, eadar 2002 agus 2013. A rèir choltais, bha dà leabhar-notaichean eile de bheul-aithris aig Mgr Ailein a tha air chall.<sup>383</sup> Cuideachd, tha ùrnaighean dùthchasach agus fiosrachadh mu chleachdaidhean cràbhaidh ionadail rim faighinn ann an notaichean eile a chùm Mgr Ailein. Mar eisimpleir, am measg nan laoidhean san leabhar-notaichean a chùm Mgr Ailein eadar 1882 agus 1893,<sup>384</sup> EUL CW 61 ann an Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhathair, gheibhear tionndadh dhen “Phears’-Anma” gu h-iseal agus an laoidh “Failte dhut, Annlain Uasal” air an tugadh iomradh ann an Caibideil 2, a bharrachd air dòrlach de dh’ùrnaighean dùthchasach eile.<sup>385</sup>

Tha roinn de dh’ùrnaighean dùthchasach ann a bhios a’ nochdadh san fharsaingneachd sna notaichean aig Mgr Ailein agus MacGilleMhìcheil. Uaireannan, chan eil crìochan stèidhichte ann eadar ùrnaighean, laoidhean, agus orthachan. Mar a sgrìobhas

---

<sup>381</sup> Faic Reddy, “Ùrnaighean,” 27. Tha liosta slàn de na sgrìobhainnean aig Mgr Ailein ann am Black, *Eilein*, 451-480.

<sup>382</sup> Gheibhear tar-sgrìobhadh de chuid de na notaichean seo, a bharrachd air fiosrachadh bho cuid de na leabhraichean-notaichean eile aig Mgr Ailein ann an J.L. Campbell agus Trevor Hall, *Strange Things* (1968), 249-325.

<sup>383</sup> Black, *Eilein*, 452.

<sup>384</sup> Black, *Eilein*, 471.

<sup>385</sup> Mar eisimpleir eile de dh’ùrnaighean dùthchasach eile sna leabhar-notaichean seo, gheibhear sreath de dh’ùrnaighean mum bi Mgr Ailein a’ sgrìobhadh, “The following fragments were picked up from oral recitation in Uist.” EUL CW 61, 90v. Anns an t-sreath seo, gheibhear ùrnaighean maidne agus oidhche (EUL CW 61, 91r), sloinntireachd Naoimh Brìghde (EUL CW 61, 91r) agus tionndadh dhen laoidh “Duan an Dòmhaich” (EUL CW 61, 91v-92r). Black, *Eilein*, 474. Airson liosta de na th’ ann an EUL CW 61, faic Black, *Eilein*, 467-476.



Stiùbhart, “the putative boundaries separating charms proper from prayers, blessings, curses, hymns and indeed work songs are ill-defined and distinctly porous.”<sup>386</sup> Mar fhianais air an uiread de dh’ùrnaighean dùthchasach a chruinnich MacGilleMhìcheil, gheibhear ann an clàr-innse Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhathair co-dhiù 38 teagsaichean air a bheil “Prayer” mar cheann-fhacal, 11 air a bheil “Charm,” 10 air a bheil “Hymn” no “Song” le cuspair cràbhaidh, agus còig air a bheil “Blessing.”<sup>387</sup> Bhiodh a’ mhòr-chuid de na h-ùrnaighean gan gabhail gus beannachd Dhè a ghuidhe aig amannan sònraichte, an leithid aig àm laighe. A-mach às na 64 teagsaichean gu h-àrd, ’s e a th’ ann ann an 12 dhiubh ach tionndaidhean dhen ùrnaigh “An t-Altachadh Laighe.”<sup>388</sup> Tha cuideachd ceithir tionndaidhean aige dhen ùrnaigh “Smàladh an Teine.”<sup>389</sup> Tha orthachan ann a ghabhadh daoine gus fàbhar sònraichte, leigheas, mar eisimpleir, iarraidh o Dhia. Tha Stiùbhart a’ cumail a-mach gur e MacGilleMhìcheil a dh’ath-bheothaich orthachan mar ghnè beul-aithris nan Gàidheal, agus co-dhiù 63 tionndaidhean de dh’orthachan anns na notaichean a chùim e bhon ùine aige sna h-Eileanan Siar.<sup>390</sup>

Tha an roinn de dh’ùrnaighean dùthchasach notaichean aig Mgr Ailein a’ cumail gu mòr ris na chruinnich MacGilleMhìcheil. Tha Caimbeul a’ sealltainn gu bheil freumhan dùthchasach aig còig laoidhean a nochdas ann an *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail*.<sup>391</sup> Tha ceithir dhiubh rim faighinn ann an notaichean Mhgr Ailein mar

---

<sup>386</sup> Stiùbhart, “Making,” 32.

<sup>387</sup> “The Carmichael-Watson Collection,” University of Edinburgh Archives Online, <https://archives.collections.ed.ac.uk/repositories/2/resources/86763>.

<sup>388</sup> Prayer entitled “An t Alt[achadh] Leapa,” Coll-97/CW1/14; Prayer beginning “Lai mi an noc,” Coll-97/CW1/27; Prayer entitled “An Urnaigh Chadail,” Coll-97/CW87/52; Prayer entitled “Altachadh Leapa,” Coll-97/CW87/53; Prayer entitled “Altachadh Leapa,” Coll-97/CW87/55; Prayer beginning “Guidheam Peadar gui’eam Pol,” Coll-97/CW87/69; Prayer entitled “An t altacha Leaba,” Coll-97/CW106/99; Charm entitled “An t-Altacha Leapa,” Coll-97/CW108/44; Prayer for protection while sleeping, Coll-97/CW110/11; Song beginning “Lai mise le Moire ’s le Mac,” Coll-97/CW110/101; Prayer beginning “Lai mi noc le Moire ’s le Mac,” Coll-97/CW119; Prayer entitled “Altacha[dh] Leapa,” Coll-97/CW120/205. Gheibhear fios a bharrachd air an “Altachadh Laighe” ann an Reddy, “Ùrnaighean,” 59-74.

<sup>389</sup> Prayer entitled “Smal” [Beannachd Smàlaidh], Coll-97/CW1/4; Prayer entitled “Ur[naigh] Smal[adh] an Teine,” Coll-97/CW1/33; Prayer entitled “Smaladh an Teine,” Coll-97/CW87/52; Prayer entitled “Urni smal an Teine,” Coll-97/CW106/98. Gheibhear fios a bharrachd air “Smàladh an Teine” ann an Reddy, “Ùrnaighean,” 29, 67.

<sup>390</sup> Stiùbhart, “Making,” 29, 32.

<sup>391</sup> Campbell, “Sources,” 105-107.

ùrnaighean a chruinnich e am measg muinntir nan Eilean<sup>392</sup>: “An t-Altachadh Laidhe,”<sup>393</sup> “Am Pears’-Anmanna,”<sup>394</sup> “An t-Aingeal Coimhideach,”<sup>395</sup> agus “Smaladh an Teine.”<sup>396</sup>

Tha am fiosrachadh gu h-àrd a’ sealltainn gun robh beartas de dh’ùrnaighean dùthchasach ri fhaighinn sna h-Eileanan Siar aig deireadh na 19mh linn, a rèir na chruinnich Alasdair MacGilleMhìcheil agus Mgr Ailein Dòmhnallach. Bhon a bhith a’ coimhead air an roinn de dh’ùrnaighean a chruinnich iad, gheibhear beachd gun robh ùrnaighean a bha gan gabhail aig amannan sònraichte air feadh an latha, gu h-àraid aig àm laighe, aon seòrsa ùrnaigh dùthchasach a bha cumanta am measg an t-sluaigh aig an àm.

## 4.2 Ùrnaighean dùthchasach san 20mh linn

Le bhith a’ coimhead air na h-ùrnaighean a chaidh a chruinneachadh sna h-Eileanan Siar le luchd-cruinneachaidh na 20mh linn, chithear gu bheil leantail eachd ann eadar na chaidh a chruinneachadh na bu tràithe le Mgr Ailein agus MacGilleMhìcheil. Anns an leabhar *Folksongs and Folklore of South Uist* aig Margaret Fay Shaw (1903-2004), am measg sreath de dh’ùrnaighean goirid, gheibhear tionndaidhean de “Smàladh an Teine”<sup>397</sup> agus “Fàilt’ an Aingeil.”<sup>398</sup> Tha an leabhar seo stèidhichte air cruinneachadh beul-aithris a rinn Shaw san ùine a chuir i seachad a’ fuireach ann an Gleann Dail,

<sup>392</sup> Tha coltas ann gun robh an còigeamh laoidh, “Moire an Du-Bhroin,” (MacDonald, *Comh-chruinneachadh*, 47-50), a tha coltach gu ìre ris an laoidh àrsaidh Laideann, *Stabat Mater*, a’ tighinn à Srath Ghlais. Faic Reddy, “Ùrnaighean,” 29.

<sup>393</sup> MacDonald, *Comh-chruinneachadh*, 26-27. Tha còig tionndaidhean dhen ùrnaigh seo rim faighinn san leabhar-notaichean a chum Mgr Ailein eadar c.1887-1890, EUL CW 58A. Gheibhear iad air na duilleagan a leanas: 24r-24v; 89v; 92r; 100r; 100v. Faic Reddy, “Ùrnaighean,” 62.

<sup>394</sup> MacDonald, *Comh-chruinneachadh*, 52. Gheibhear barrachd air tionndaidhean dhen ùrnaigh seo ann nas fhaide air adhart sa chaibideil seo.

<sup>395</sup> MacDonald, *Comh-chruinneachadh*, 66. Tha dà thionndaidh de dh’ùrnaighean don aingeal choimhideach ann an EUL CW 58A, ged nach eil iad uabhasach fhèin coltach ris an tionndadh foillsichte aig Mgr Ailein. Faic EUL CW 58A, 28r, 92r.

<sup>396</sup> MacDonald, *Comh-chruinneachadh*, 107. Ann an EUL CW 58A, gheibhear i mar ùrnaigh fon cheann-cuspair, “Old prayers in use among the people over 150 years at least” còmhla ri ùrnaighean rin gabhail “when waking & rising,” “Before Morning Evening & Mass prayers,” “Night Prayer” agus “A prayer to the Angel Guardian” (EUL CW 58A, 27v-28r). ‘S e “When covering up the embers of fire” a th’ air an ùrnaigh seo (EUL CW 58A, 28r).

<sup>397</sup> Shaw, *Folksongs and Folklore*, 19.

<sup>398</sup> Shaw, *Folksongs and Folklore*, 20.

Uibhist a Deas, eadar 1929 agus 1935.<sup>399</sup> Chan eil e na iongnadh gu bheil na tionndaidhean dhen dà ùrnaigh seo coltach gu ìre ri tionndaidhean a chruinnich Mgr Ailein, a gheibhear san leabhar-notaichean EUL CW 58A.<sup>400</sup> Rinn Mgr Ailein cruinneachadh anns an aon choimhearsnachd mu thimcheall air 40 bliadhna mus tàinig Shaw a dh'fhuireach ann.<sup>401</sup> Cuideachd, nochd an alt "Sources of the Gaelic Hymnal" aig Iain Latharna Caimbeul, an duine aig Margaret Fay Shaw, mun aon àm a nochd *Folksongs and Folklore of South Uist*. Anns an earrann mu ùrnaighean dùthchasach ann am *Folksongs and Folklore of South Uist*, tha Shaw a' toirt iomradh air pàipearan Mhgr Ailein.<sup>402</sup> Mar sin, cha bhiodh e neònach gun robh Shaw a' cleachdadh an leabhar-notaichean aig Mgr Ailein, EUL CW 58A, mar thùs airson *Folksongs and Folklore of South Uist*. Chithear gu h-ìseal barrachd air a' chàirdeas thoinnte eadar tionndaidhean sgrìobhte de dh'ùrnaighean dùthchasach agus na gheibhear am beul an t-sluaigh.<sup>403</sup> A bharrachd air an obair sgrìobhte aca, bha Shaw agus Caimbeul an sàs ann an clàradh beul-aithris le teicneòlas claisneach bho na 1930an a-mach, agus laoidhean muinntir nan eilean am measg a' chruinneachaidh seo.<sup>404</sup>

Tha cruinneachaidhean cudromach de bheul-aithris às na h-Eileanan Siar rim faighinn aig Sgoil Eòlais na h-Alba, mar na sgrìobhainnean aig Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill (Dòmhnall Iain Dhonnchaidh), a bhios a' dol seachad air 6500 duilleag<sup>405</sup> agus anns a

---

<sup>399</sup> Shaw, *Folksongs and Folklore*, 1.

<sup>400</sup> Faic "When covering up the embers of fire," EUL CW 58A, 28r, agus "Prayer of Angel Guardian," EUL CW 58A, 92r.

<sup>401</sup> Mar eisimpleir, faic EUL CW 58A, 63r-26v far am faighear trì eisimpleirean de sheanchas apocraphach agus fios air "Teine Bhealltainn" aig "D Campbell SLBoisdale." Ma dh'fhaodte gur e seo athair a' bhàird Seonaidh Caimbeul (Seonaidh Mac Dhòmhnaill 'ic Iain Bhàin) agus a bràthair Iain (Iain Clachair) à Taobh a Deas Loch Baghasdail, a bhios a' nochdadh ann am *Folksongs and Folklore of South Uist*. Faic Shaw, *Folksongs and Folklore*, 71 agus "Portrait of a Bard: John Campbell of South Uist," The Calum MacLean Project, 27.02.2014, <http://calumimaclean.blogspot.com/2014/02/portrait-of-bard-john-campbell-of-south.html>.

<sup>402</sup> Shaw, *Folksongs and Folklore*, 21.

<sup>403</sup> Airson breithneachadh air seo a thaobh "An Altachadh Laighe," faic Reddy, "Ùrnaighean," 66-72.

<sup>404</sup> Faic "The Collections: National Trust for Scotland's Canna Collection," TanD, <https://www.tobarandualchais.co.uk/the-collections>. A bharrachd air na laoidhean a chlàraich Caimbeul ann an Uibhist a Deas a nochd ann an Caib. 2, faic Mrs John Currie, "Duan na Càisg," TanD, CannaWirek.1954.1, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/43789?l=gd>. Tha seo na eisimpleir de laoidh a chlàraich Caimbeul agus a bhios a' nochdadh ann an Shaw, *Folksongs and Folklore*, 26. Tha cothrom ann barrachd rannsachaidh a dhèanamh air mar a bha Shaw agus Caimbeul ag obrachadh ri chèile air cruinneachadh agus foillseachadh beul-aithris muinntir nan eilean.

<sup>405</sup> Cathlin MacAulay, "Uist in the School of Scottish Studies Archive," ann an *The Life and Legacy of Alexander Carmichael*, deas. Dòmhnall Uilleam Stiùbhart (2008), 160.

bheil eisimpleirean de dh'ùrnaighean dùthchasach à Uibhist a Deas, mar a chithear nas fhaide air adhart anns a' chaibideil seo. Tha tasglannan dhe na sgrìobhainnean aig an neach-cruinneachaidh beul-aithris Calum MacGilleathain (1915-1960),<sup>406</sup> anns a bheil tar-sgrìobhainnean a rinn MacGilleathain fhèin dhe na chlàraich e mar neach-obrach aig Coimisiún Béaloideas Éireann agus aig Sgoil Eòlas na h-Alba, rim faighinn aig An Coláiste Ollscoile ann am Baile Atha Cliath aig Oilthigh Dhùn Èideann, agus clàr-innse a' chruinneachaidh ri fhaighinn air-loidhne.<sup>407</sup> Coltach ris na cruinneachaidhean gu h-àrd, gheibhear eisimpleirean de dh'ùrnaighean dùthchasach às na h-Eileanan Siar ann, le eisimpleirean bhon chruinneachadh seo a' nochdadh sa chaibideil seo.

Eadar na 1950an agus na 1970an, bha luchd-cruinneachaidh Sgoil Eòlais na h-Alba trang ann an Uibhist, agus iadsan a' dèanamh chlàraidhean de bheul-aithris muinntir nan eilean. Tha Cathlin MacAulay a' taisbeanadh cho bitheanta 's a tha beul-aithris Uibhist sa chruinneachadh seo: am measg nan 1600 tèipichean ann an tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, tha muinntir Uibhist a Deas air 642 dhiubh, muinntir Bheinn a' Bhaoghla air 111 dhiubh agus muinntir Èirisgeidh air 25 dhiubh.<sup>408</sup> Bha cruinneachadh gu leòr a' dol ann am Barraigh aig an aon àm cuideachd. Mar eisimpleir, chlàraich luchd-cruinneachaidh Sgoil Eòlas na h-Alba stòras mòr de sheanchas Bharraigh is Bhatarsaigh bhon bhana-sheanchaidh Nan NicFhionghain (1903-1982) bho na 1950an gus an do dh'eug NicFhionghain sna 1980an.<sup>409</sup>

Tha iomadh eisimpleir de bheul-aithris ceangailte ri creideamh aig muinntir nan Eilean Siar ri fhaighinn ann an tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba. A thaobh ùrnaighean dùthchasach, tha an fheadhainn a chruinnich MacGilleMhìcheil agus Mgr Ailein fhathast a' nochdadh ann an clàraidhean bhon dàrna leth dhen 20mh linn. Tha grunn

---

<sup>406</sup> Airson fiosrachadh air beatha Chalum MhicGilleathain, faic Hamish Henderson, "Calum MacLean 1915-1960," *Tocher* 39 (1985): 81-88.

<sup>407</sup> "Fiosrachadh mun Phròiseact," Pròiseact Chalum MhicGilleathain, <https://www.calum-maclean-project.celtscot.ed.ac.uk/mu-phroiseact-chaluim-mhicgilleathain/fiosrachadh-mun-phroiseact/>.

<sup>408</sup> MacAulay, "Uist," 161.

<sup>409</sup> Gheibhear fiosrachadh air beatha NicFhionghain agus eisimpleirean de sheanachas a chaidh a chlàradh bhuaiphe ann am Barbara McDermitt, "Nan MacKinnon," *Tocher* 6 (1982): 3-47. Chaidh am pìos seo fhoillseachadh ann an leabhran: *Nan MacKinnon, Tales, Songs Tradition from Barra and Vatersay* (1993). Mar fhianais air an uiread de sheanachas a chaidh a chlàradh aig NicFhionghain, gheibhear còrr agus 1000 clàr fa leth air an làrach-lìn Tobar an Dualchais: "Nan MacKinnon," TanD, <https://www.tobarandualchais.co.uk/person/1864?l=gd>.

thionndaidhean dhen “Altachadh Laighe” ann à Uibhist a Deas agus Barraigh. Nam measg, gheibhear tionndadh a chlàraich MacGilleathain ann an 1959 bho Aonghas MacAoidh à Cille Pheadair, Uibhist a Deas (Aonghas mac Aonghais ’ic Iain Mhòir, 1889-1965),<sup>410</sup> tionndadh aig Màiri Mhoireasdan, (Màiri Eòghainn Mhòir), à Earsaraidh, Barraigh, a chlàraich Mary MacDonald ann an 1970,<sup>411</sup> agus tionndaidh aig Peanaidh Mhoireasdan (Peanaidh Bheag, c.1910 -1991) às an Ìochdar, Uibhist a Deas, a chlàraich Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach ann an 1981.<sup>412</sup> Tha “Smàladh an Teine” ann cuideachd: san aon sreath de dh’ùrnaighean is laoidhean aithnichte a chlàraich MacGilleathain le Aonghas MacAoidh ann an 1959,<sup>413</sup> aig clàradh bho 1962 aig Màiri Chaimbeul (Màiri Aonghais Nèill Bhig) à Bhatarsaigh<sup>414</sup> agus clàradh bho 1974 aig Màiri NicLeòid (Bean Aonghais Bhàin), à Àird Mhèanaidh, Barraigh,<sup>415</sup> agus clàraidhean bho dhithist bhoireannach às an Ìochdar, Uibhist a Deas: Ceit NicNeacail (Ceit Phàdraig Mhòir, 1901-1976) ann an 1970<sup>416</sup> agus Peanaidh Mhoireasdan ann an 1981<sup>417</sup> agus 1983.<sup>418</sup>

---

<sup>410</sup> Aonghas MacAoidh, “Laighidh mise a-nochd le Moire le Mac,” TanD, SA1960.14.B4, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/37299?l=gd>. Faic Reddy, “Ùrnaighean,” 66-67, 76.

<sup>411</sup> Màiri Mhoireasdan, “Tha am fiosraiche ag aithris seann ùrnaighean bhon Eaglais Chaitligich,” TanD, SA1970.163.A1, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/66709?l=gd>.

<sup>412</sup> Peanaidh Mhoireasdan, “Laighidh mi a-nochd,” TanD, SA1981.098, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/109368?l=gd>.

<sup>413</sup> A bharrachd air na tionndaidhean de “Smàladh an Teine,” aig MacAoidh, “Smàlaidh mise a-nochd an t-aingeal” (TanD, SA1960.14.B3, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/37298?l=gd>), agus “An t-Althachadh Leapa,” “Laighidh mise a-nochd le Moire le Mac” (TanD, SA1960.14.B4, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/37299?l=gd>), ’s iad na h-ùrnaighean eile aig MacAoidh: “Cuiream an sprèidh seo romham” (TanD, SA1960.14.B2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/37297?l=gd>), “Altachadh Maidne” (TanD, SA1960.14.B5, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/37300?l=gd>), “Laoidh an Spioraid Naoimh” (TanD, SA1960.14.B6, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/37302?l=gd>) agus “Laoidh Ainm Ìosa” (TanD, SA1960.14.B7, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/37303?l=gd>). Faic Reddy, “Ùrnaighean,” 67.

<sup>414</sup> Màiri Chaimbeul, “Smàlaidh Mise Nochd an Teine,” TanD, SA1962.06.B3, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/19808?l=gd>.

<sup>415</sup> Màiri NicLeòid, “Ùrnaigh Smàladh an Teine,” TanD, SA1974.100.B5, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/42207?l=gd>.

<sup>416</sup> Ceit NicNeacail, “Ùrnaigh Smàladh an Teine,” TanD, SA1970.136, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/105383?l=gd>.

<sup>417</sup> Peanaidh Mhoireasdan, “Smàladh an Teine,” TanD, SA1981.098, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/109370?l=gd>.

<sup>418</sup> Peanaidh Mhoireasdan, “Ùrnaigh Smàladh an Teine,” TanD, SA1983.138, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/128484?l=gd>.

### 4.3 Ùrnaighean dùthchasach san latha an-diugh

Bhon fhianais gu h-àrd, tha e follaiseach gun robh leanailteachd ann a thaobh ùrnaighean dùthchasach a bha am beul an t-sluaigh sna h-Eileanan Siar mu dheas eadar deireadh na 19mh linn suas dhan dàrna leth dhen 20mh linn.

Le sin air a ràdh, tha coltas ann gur e “An t-Altachadh Laighe” cha mhòr an aon ùrnaigh dhùthchasach a thathar a’ cuimhneachadh sna h-Eileanan Siar gu deas gus an latha an-diugh. Ann an 2018, thug Catriona Garbutt tionndadh dhith seachad bho na notaichean aice fhèin air seann chleachdaidhean, gnàthasan-cainnte agus seanfhaclan:

Tha mise laighe a-nochd  
 Le Moire 's le mac  
 Le màthair mo Rìgh  
 Tha gam dhìon o gach olc  
 Cha laigh mi leis an olc  
 'S cha laigh an t-olc leam  
 Ach laighidh mi le Dia  
 Is laighidh Dia leam  
 Amen.<sup>419</sup>

Ged as ann à Beinn a’ Bhaoghla a tha Garbutt, tha i a’ mineachadh san agallamh gur ann bho a piuthar-chèile, à ceann a tuath Uibhist a Deas, a bha an tionndadh seo, agus gun robh barrachd dhith ann nach do sgrìobh i. Bhruidhinn mi ri nighean piuthar-chèile Catriona mun “Altachadh Laighe” agus bha deagh chuimhne aice air a bhith ag ionnsachadh na h-ùrnaigh seo bho a màthair nuair a bha i beag. Tha ise a’ creidsinn gur e tionndadh dhen ùrnaigh nas sìmplidh do chloinn a th’ anns an tionndadh gu h-àrd.<sup>420</sup>

Tha adhbharan follaiseach ann carson a chaidh cuid dhe na h-ùrnaighean a bha cumanta san 19mh linn agus nas tràithe san 20mh linn a-mach à fasan: cha bhi muinntir nan Eilean a’ cur teine mòine fosgailte gu feum gus na taighean aca a theasachadh, is mar sin, cha bhiodh ùrnaigh mar “Smàladh an Teine” cho feumail tuilleadh. Tha fianais ann cuideachd gun tug na chaidh fhoillseachadh ann an laoidheadairean agus leabhraichean cràbhaidh mar *Chomh-Chruinneachadh de Laoidhean Spioradail* (1893) agus *Lòchran an Anma* (1906) buaidh air na chaidh a ghlèidheadh de dh’ùrnaighean dùthchasach ann an coimhearsnachdan Caitligeach sna

---

<sup>419</sup> Catriona Garbutt, 12.06.2018.

<sup>420</sup> Conaltradh pearsanta.

h-Eileanan Siar anns an 20mh linn agus ma dh'fhaodte gus an latha an-diugh. Anns a' chlàr a rinn Aonghas MacAoidh le Calum MacGilleathain ann an 1959, tha e a' toirt seachad na h-ùrnaigh dùthchasaich "Am Beannachadh Buachailleachd" agus le rud beag de bhrosnachadh bho fhear eile a tha an làthair, ag aideachadh gun do thog e an ùrnaigh à "*manual* beag laghach," *Lòchran an Anma*.<sup>421</sup> Chunnaic mi fhìn fianais dhen chuideam a bhios muinntir nan Eilean a' cur air dreachan sgrìobhte agus foillsichte de dh'ùrnaighean dùthchasach san rannsachadh agam fhìn ann an Uibhist. Beagan làithean às dèidh dhomh taisbeanadh mun rannsachadh agam a thoirt seachad ann an Uibhist a Deas anns a' Chèitean 2022, anns an tug mi iomradh air an ùrnaigh "Am Pears'-Anma," thug aon bhoireannach a bha san èisteachd dreach dhen ùrnaigh dhomh a bha i fhèin air sgrìobhadh, mar fhianais gun robh cuimhn' aice oirre. Dh'iarr i orm cuideachd leth-bhreacan dhe na h-ùrnaighean dùthchasach a bha san taisbeanadh agam, bho na leabhraichean-ùrnaigh às an tàinig iad. Nuair a thill mi a dh'Uibhist a-rithist as t-Samhradh 2022, thug mi foto-lethbhreacan de *Chomh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail* bho làrach-lìn Leabharlann Nàiseanta na h-Alba do thriùir a bha aig an taisbeanadh sa Chèitean agus a nochd ùidh ann an dreachan foillsichte de na h-ùrnaighean seo. Mar a chunnacas ann an Caibideil 2, tha leth-bhreacan de leabhraichean cràbhaidh Gàidhlig air a bhith gan glèidheadh thairis air na ginealaichean sna h-Eileanan Siar, agus tha e coltach gu bheil an ùidh ann an dreachan sgrìobhte agus foillsichte de dh'ùrnaighean dùthchasach a' leantainn gus an latha an-diugh am measg cuid anns na coimhearsnachdan seo.

#### 4.4 Ùrnaigh cadail agus bàis: "Am Pears'-Anma"

Anns an earrann seo, bheirear sùil air diofar thionndaidhean de dh'ùrnaigh a bha bitheanta am measg Chaitligeach sna h-Eileanan Siar aig deireadh na 19mh linn agus san 20mh linn, air a bheil "Am Pears'-Anma." Le bhith a' dèanamh sgrùdadh air an ùrnaigh seo, nochdaidh tèamannan a tha cudromach do thuigse chleachdaidhean cràbhaidh am measg Chaitligeach sna h-Eileanan Siar: an t-eadar-obrachadh eadar tùsan sgrìobhte agus na bha am beul an t-sluaigh; an càirdeas eadar ùrnaighean coitcheann na h-Eaglaise agus ùrnaighean dùthchasach; agus mar a bheir obair luchd-

<sup>421</sup> MacAoidh, "Cuiream." Faic Reddy, "Ùrnaighean," 46-50.

cruinneachaidh buaidh air ùrnaighean dùthchasach mar seo. Cuideachd, chithear gu bheil tionndaidhean dhen “Phears’-Anma” a chaidh a chruinneachadh am measg Ghàidheal ann an Alba Nuadh san 20mh linn a’ toirt soilleireachadh air mar a tha tionndaidhean dhen ùrnaigh seo ceangailte ri chèile, a bharrachd air cleachdaidhean ceangailte ris an ùrnaigh. Mu dheireadh thall, chithear gu bheil ùrnaighean mar “Am Pears’-Anma” a’ toirt fiosrachadh do luchd-rannsachaidh a thaobh cràbhadh do na naomhan am measg nan Gàidheal agus na beachdan a bh’ aca mu choltas anam mhic-an-duine. Chithear an ceangal eadar creideamhan is cràbhaidhean nan Gàidheal agus creideamhan coitcheann san Eaglais Chaitligich air fad.

A rèir fianais a tha ri faighinn bho notaichean a rinn luchd-cruinneachaidh beul-aithris agus clàraidhean ann an tasglannan air an toirear sùil anns a’ chaibideil seo, sna h-Eileanan Siar san 19mh linn agus an 20mh linn, tha coltas ann gum biodh tionndaidhean dhen “Phears’-Anma” rim faighinn am measg ùrnaighean oidhche eile, gu h-àraid “An t-Altachadh Laighe.” Mar a chithear gu h-ìseal, bhiodh cuid a’ cur an dà ùrnaigh còmhla. A dh’aindeoin seo, chan eil fianais ann gun rachadh “An t-Altachadh Laighe” a ghabhail aig uair a’ bhàis, ach a-mhàin aig àm cadail. Mar sin, ged a tha càirdeas ann eadar an dà ùrnaigh, cha robh ann ach aon adhbhar aig “An t-Altachadh Laighe” seach dà adhbhar aig a’ “Phears’-Anma.”

#### 4.4.1 Mgr Ailein agus “Am Pears’-Anma”

’S e seo an dreach dhen “Phears’-Anma” a dh’fhoillsich Mgr Ailein ann an *Comh-Chruinneachadh de Laoidhean Spioradail*:

Criosta ’nochd,  
 ’Athair nam bochd,  
 ’Cheusadh gu goirt  
 Fo bhinn gach olc,  
 Dion an nochd bho lùdas mi,  
 A liuthad lochd  
 A rinn mo chorp,  
 Nach urrainn dhomh nochd a chuimhneachadh.  
 A Dhia na Fala firinnich  
 Na dìobair mi bho d’ mhuinntireachd  
 Cuir Micheil geal a chòmhail m’ anmanna  
 An nochd agus gu siorruith



Amen.<sup>422</sup>

Feumaidh gun robh Mgr Ailein a' meas a' "Phears'-Anma" a bhith cumanta air neo cudromach gu leòr a bhith ga cur ann an *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail*. Ged a tha e a' nochdadh san laoidheadair seo, chan eil fianais ann gun robhar ga seinn. Mar a chunnacas gu h-àrd, am measg nan 63 laoidhean a bhios a' nochdadh anns an laoidheadair seo, chan eil ann ach còig dhiubh a thig o bheul-aithris agus "Am Pears'-Anma" nam measg. 'S e "Am Pears'-anmanna" a th' air san laoidheadair agus chan eil mìneachadh ri fhaighinn a thaobh an robh Mgr Ailein ga meas mar ùrnaigh oidhche no ùrnaigh bàis. Chan eil fiu 's co-dhùnadh ri tharraing a rèir far a bheil e a' nochdadh san leabhar: mar a sgrìobhas Caimbeul mun chruinneachadh, "The hymns are not arranged according to subject."<sup>423</sup>

Gheibhear beachd air cò às a thàinig an tionndadh dhen ùrnaigh ann an *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail* le bhith a' coimhead air notaichean Mhgr Ailein.<sup>424</sup> Anns an leabhar-notaichean a chum e eadar 1888 agus 1889, nuair a bha e na shagart ann an Dalabrog, Uibhist a Deas, gheibhear tionndaidhean dhen "Phears'-Anma" agus fiosrachadh mu cho-theagsa na h-ùrnaigh a chruinnich e aig muinntir an àite. 'S e a tha anns na leanas ach tionndadh dhen ùrnaigh a fhuair e aig "Mrs D. MacCormack," à Taobh Tuath Loch Baghasdail agus fiosrachadh air mar a bhithte ga cleachdadh:

The subjoined rhythmical prayer is recited by a person applying the sign of the cross as formed by crossing the thumb on forefinger to the lips of a person dying. It is called the "Pears'-anmanna"  
 Criost', an nochd,  
 Athair nam bochd,  
 'Cheusadh gu goirt  
 Fo bhinn gach olc,  
 Dion an nochd  
           Bho Iudas e.  
 A liuthad lochd  
 A rinn a chorp  
 Nach urrainn da 'nochd  
           A chuimhneachadh

<sup>422</sup> MacDonald, *Comh-chruinneachadh*, 54.

<sup>423</sup> Campbell, "Sources," 101.

<sup>424</sup> Ged a gheibhear iomraidhean air notaichean Mgr Ailein fhèin anns a' chaibideil seo, tha na tionndaidhean dhen "Phears'-Anma" a bhios a' nochdadh ann an EUL CW 58A agus EUL CW 58B cuideachd rim faighinn ann an Campbell, *Gaelic Words*, 193-194.

X X X X

A Dhia na Fala Firinnich na diobair an t-anamsa nochd bho d’mhuintir oir ’s Tu ’cheannaich e le d’ Fhuil phrìseil. Cuir Micheil geal ’na chomhail (sic) anmanna a nis agus gu siorruith.<sup>425</sup>

Chithear gu bheil an tionndadh seo gu math coltach ris an tionndadh a dh’fhoillsich Mgr Ailein ann an *Comh-Chruinneachadh de Laoidhean Spioradail*, agus tha e glè choltach gur ann air an tionndadh seo a tha an dreach foillsichte stèidhichte.

Le seo air a ràdh, bha Mgr Ailein mothachail gun robh diofar thionndaidhean dhen ùrnaigh ann. Fhuair e pàirt dhen “Phears’-Anma” an luib an “Altachadh Laighe” aig fear John Steele, às an aon àite, Taobh Tuath Loch Baghasdail, a bha 84 bliadhna a dh’aois:

Many versions of the following are given.

Laidhidh mi nochd,  
 Le Moire le Mac,  
 Le Mathair mo Rìgh,  
 G’am dhion bho gach cron.  
 Laidhidh mi le gràsan Dè  
 Laidhidh grasan Dè leam,  
 Dia agus Moire agus Mìcheil leam.  
 Crois nan naomh Aingeal fionn  
 Bho mhullach mo chinn  
 Gu troighean mo bhonn.  
 Cha laidh mi leis an olc  
 Cha laidh an t-olc leam.  
 Dia agus mil agus glòir,  
 Mhic na h-Oighe cùr  
 Saor mi bho na miannan.  
 Guidheam Peadar, guidheam Pòl  
 Guidheam Moire Òigh,  
 Guidheam a Mac  
 Guidheam an da Osta deug  
 Na leigibh mi ’n eucoir le’r cead.  
 A Rìgh na Fala firinnich  
 Na diobair mi bhod’ mhuintir  
 A liuthad lochd

---

<sup>425</sup> EUL CW 58A, 11r, Àireamh 48. Tha MacIlleDhuibh a’ toirt iomradh air tionndadh eile dhen “Phears’-Anma” a tha a’ nochdadh ann an leabhar-notaichean eile aig Mgr Ailein, EUL CW 61, 61v1. Tha coltas ann gur e seo an aon ùrnaigh a fhuair e aig an aon bhoireannach, “Mrs McCormack” à Taobh a Deas Loch Baghasdail, agus ’s dòcha gun deach a sgrìobhadh ann an aon leabhar-notaichean an toiseach. Faic Black, *Eilein*, 471. Tha eisimpleirean mar seo a’ sealltainn cho feumail ’s a bhiodh dreach deasaichte dhe na notaichean aig Mgr Ailein air fad. A’ togail air an obair ionmholta aig MacIlleDhuibh, chuireadh seo gu mòr ris an fhios a th’ againn air na dòighean cruinneachaidh agus tar-sgrìobhaidh aig Mgr Ailein, agus ri fios mun luchd-fhiosrachaidh aige.

A rinn mo chorp  
 Nach urrainn domh nochd a chuimhneachadh.  
 Gur robh m' anam aig deas làimh an Athar a nis agus aig uair a bhàis. Amen.<sup>426</sup>

Tha giorrachadh dhen phàirt mu dheireadh dhen ùrnaigh, le fiosrachadh air a co-theagsa, ga leantainn:

“Pears Anmanna” a death prayer said by a person applying Sign of Cross to lips of dying Christian. In one version a great part of the foregoing prayer is inserted. My informant John Steele 84 N. LBoisdale says that all he was accustomed to hear as the Pears’ anmanna was

A Thighearna losa, a cheannaich an t-anamsa,  
 Gabh a stigh air do chùram e.  
 'S gun robh Micheil geal na chòmhair.<sup>427</sup>

Mar sin, tha e coltach gun robh cleachdadh ann a bhith a’ cur a’ chiad phàirt dhen “Phears’-Anma” còmhla ris an “Altachadh Laighe” mar ùrnaigh oidhche agus a’ gabhail an dàrna pàirt mar ùrnaigh bhàis. Mar a chaidh sealltainn ann an rannsachadh eile a rinn mi, gheibhear eisimpleir eile à Uibhist a Deas san 20mh linn far a bheil “An t-Altachadh Laighe” a’ togail pìos de dh’ùrnaigh eile aig a deireadh.<sup>428</sup> Cuideachd, mar a thèid sealltainn nas fhaide air adhart sa chaibideil seo, dh’fhoillsich MacGilleMhìcheil eisimpleir dhen “Altachadh Laighe” agus “Am Pears’-Anma” còmhla mar aon ùrnaigh. Gheibhear dà eisimpleir eile dhen “Phears’-Anma” bho na notaichean aig Mgr Ailein san Èarr-ràdh.

Bho bhith a’ coimhead air na h-eisimpleirean anns na notaichean aig Mgr Ailein, chithear nach robh tionndadh stèidhichte dhen “Phears’-Anma” ri fhaighinn anns na coimhearsnachdan ann an Uibhist a Deas agus Èirisgeidh anns an robh Mgr Ailein a’ cruinneachadh aig deireadh na 19mh linn. Gu tric, bha earrann dhen “Phears’-Anma” ri fhaighinn an cois an “Altachadh Laighe” mar ùrnaigh oidhche. A bharrachd a bhith a’ sealltainn gun robh Mgr Ailein ga meas airidh air àite san laoidheadair aige, ma dh’fhaodte gun tug an tionndadh foillsichte dhen “Phears’-Anma” aig Mgr Ailein buaidh air mar a bha an ùrnaigh aithnichte sna h-Eileanan Siar san 20mh linn, mar a chithear fhathast sa chaibideil seo.

<sup>426</sup> EUL CW 58A, 24r-24v, Àireamh 92.

<sup>427</sup> EUL CW 58A, 24v, Àireamh 93.

<sup>428</sup> Reddy, “Ùrnaighean,” 68, 76.

#### 4.4.2 Alasdair MacGilleMhìcheil agus “Am Pears’-Anma”

Ged a tha an ùrnaigh gu h-àrd a’ nochdadh anns an laoidheadair aig Mgr Ailein agus an t-ainm “Am Pears’- anmanna” oirre, tha eileamaidean dhen ùrnaigh a’ nochdadh ann an àireamh de dh’ùrnaighean a dh’fhoillsich MacGilleMhìcheil le ainmean eile orra. Le bhith a’ coimhead air na h-ùrnaighean seo, gheibhear fiosrachadh a bharrachd air co-theagsa na h-ùrnaigh, agus beachd air cho bitheanta ’s a bha tionndaidhean dhen ùrnaigh seo agus ùrnaighean bàis agus ùrnaighean oidhche a tha coltach rithe am measg muinntir nan Eilean Siar san dàrna leth dhen 19mh linn.

Mar a tha Hamish Roberston agus eòlaichean eile air sgrìobhadh, chan urrainnear làn earbsa a bhith ann gu bheil na h-ùrnaighean a dh’fhoillsich MacGilleMhìcheil facal air an fhacal mar a chruinnich e iad sa chiad dol a-mach.<sup>429</sup> Tha e doirbh a bhith cinnteach a thaobh na h-ìre de “leasachadh” a rinn MacGilleMhìcheil air na h-ùrnaighean anns na notaichean cruinnichidh aige e mus deach na h-ùrnaighean fhoillseachadh.<sup>430</sup> Tha coltas ann gu bheil seo fìor mu na h-ùrnaighean a tha coltach ris a’ “Phears’-Anma” a dh’fhoillsich MacGilleMhìcheil.

Dh’fhoillsich MacGilleMhìcheil tionndadh dhen “Altachadh Leapa” ann an eàrr-ràdh de dh’Aithisg Napier, “Grazing and Agrestic Customs of the Outer Hebrides” (1884), anns an robh earrannan bhon “Phears’-Anma”:

I.

Tha mise laidhith noc, le Moire ’s le’ Mac,  
Le Mathair mo Rìgh, tha ga-m’ dhion o gach lochd;  
Cha laidh mi lois [sic]an olc, cha laidh an t-olc leam,  
Ach la’idh mi le Dia, ’us la’idh Dia leam.

II.

Lamh dheas De fo m’ cheann,  
Soillse an Spioraid os mo chionn;  
Crois nan naogh aingeal tharam sìos,

<sup>429</sup> Hamish Roberston, “Studies in Carmichael's *Carmina Gadelica*.” *Scottish Gaelic Studies* 12 (1976): 220-265. Faic Stiùbhart, “Alexander Carmichael and *Carmina Gadelica*,” 1-39, agus Ronald Black, “I Thought He Made It All Up: Context and Controversy,” ann an *The Life and Legacy of Alexander Carmichael*, deas. Dòmhnall Uilleam Stiùbhart (Isle of Lewis: Islands Book Trust, 2008), 57-81.

<sup>430</sup> Airson fios a bharrachd air na notaichean aig MacGilleMhìcheil, faic: “Carmichael Watson: A Research Guide to the Carmichael Watson Collection,” The University of Edinburgh, <https://www.ed.ac.uk/information-services/library-museum-gallery/crc/research-resources/gaelic/carmichael-watson>.

O mhullach mo chinn gu iocar mo bhonn.

III.

.....

.....

Crois Mhoire 's Mhicheil, ma-rium ann an sith,  
M' anam a bhi 'm fhirinn, gu'n mhi-rum am chom.

IV.

O los gu'n lochd, a cheusadh goirt.  
Fo bhinn nan olc a sgiursadh Thu;  
A liuthad lochd a rinn mo chorp,  
Nach faod mi nochd a chunntachadh

V.

A Rìgh na fola firinnich,  
Na dibir mi o d' mhuinntireas;  
Na tasgair orm mo mhi-cheartas;  
Na di-chuimhnuich ad' chunntadh mi

VI.

Guidheam Peadair, guidheam Paul,  
Guidheam Moir Oigh agus a Mac,  
Guidheam an da ostal deug,  
Gu'n mise dhol eug a noc.

VII.

A Dhia agus a Mhoire na glorach,  
Los a Mhic na h-Oighe cubhraidh,  
Cumaidh sinne o na piantaibh;  
{S o'n teine dhorcha dhuinte.  
{S o'n teine shiorraidh mhuchta.

VIII.

.....

.....

M' anam aig fear shorchar na frithe (2)  
Micheil Geal an codhail mo anama.<sup>431</sup>

Tha an ceathramh agus an còigeamh rann, a bharrachd air an dà rann mu dheireadh, a' cumail ri earrannan de thionndaidhean dhen "Phears'-Anma" a chruinnich Mgr Ailein

---

<sup>431</sup> Carmichael, "Grazing and Agrestic Customs," 474-475. Nochd an ùrnaigh seo san aon bhliadhna, 1884, ann am pìos a sgrìobh MacGilleMhìcheil airson pàipear-naidheachd. Alexander Carmichael, "Hebridean Hymns and Popular Lore," *The Northern Chronicle*, 21.05.1884, 3. Ri fhaighinn ann an "Hebridean Hymns and Popular Lore – II," CWP, 17.08.2010, <http://carmichaelwatson.blogspot.com/2010/08/hebridean-hymns-and-popular-lore-ii.html>. Airson sgrùdadh air na diofar thionndaidhean dhen "Altachadh Leapa" a dh'fhoillsich MacGilleMhìcheil agus luchd-cruinnichidh eile, faic Reddy, "Ùrnaighean," 59-66.

mun àm seo. Tha MacGilleMhìcheil ag aideachadh anns na notaichean an cois na h-ùrnaigh seo,

The IV and V verses were not in the first version I obtained of this beautiful hymn. I am not sure they originally formed part of it. This, however, can only be a matter of conjecture. Not infrequently in old Gaelic poetry, sacred and profane, the measure, rhyme, assonance, and even subject, change in the same poem.<sup>432</sup>

Mar a chaidh sealltainn ann an rannsachadh eile, le bhith a' dol air ais dha na notaichean tùsail aig MacGilleMhìcheil, chithear nach robh an ceathramh agus an còigeamh rann, a tha a' buntainn ris a' "Phears'-Anma," san tionndadh dhen ùrnaigh air a bheil an tionndadh foillsichte seo stèidhichte, a fhuair MacGilleMhìcheil aig Archibald Currie à Àird na Monaidh, Uibhist a Deas.<sup>433</sup> Ach a rèir nan notaichean aig MacGilleMhìcheil, bha an rann mu dheireadh aig Currie. Tha an loidhne mu dheireadh dhen ùrnaigh, "Micheil Geal an codhail mo anama" gu math coltach ri deireadh an dà thionndadh dhen "Phears'-Anma" a fhuair Mgr Ailein aig muinntir Taobh Tuath Loch Baghasdail sna 1880an. Tha seo mar fhianais air an dearbh chuspair a thogas MacGilleMhìcheil fhèin: gun robh "bàrdachd" mar seo gu math caochlaideach. Tha coltas ann nach robh "An t-Altachadh Leapa" agus "Am Pears'-Anma" cho seasmhach idir mar dà ùrnaigh fa leth aig an àm seo, agus loidhnichean a' dol air seachran eadar an dà ùrnaigh gu tric.

Chithear barrachd eileamaidean dhen "Phears'-Anma" ann an ùrnaighean a dh'fhoillisch MacGilleMhìcheil ann an *Carmina Gadelica*. Anns an ùrnaigh air a bheil "An Treoraich Anama" ann an *Carmina Gadelica* 1, gheibhear eileamaidean de thionndaidhean dhen "Phears'-Anma" mar a dh'aithnichear e bho na notaichean aig Mgr Ailein:

An t-anam-s' air do laimh, a Chriosda,  
A Rìgh na Cathrach Neomh.

Amen.

Bho is tus, a Chriosd, a cheannaich an t-anam-s',  
Biodh a shith air do theannal fein.

Amen.

Is biodh Michael mil, ard rìgh nan aingeal,

<sup>432</sup> Carmichael, "Grazing and Agrestic Customs," 475.

<sup>433</sup> CW 106/99, 31v. Faic Reddy, "Ùrnaighean," 64-65.

A reiteach an rathaid romh 'n anam-s' a Dhe

Amen.

O Mhicheal mil an sith riut, anaim

Is a reiteach dhuit rathaid gu flathas Mhic De.

Amen.<sup>434</sup>

Tha a' chiad dà rann dhen ùrnaigh seo glè choltach ris an tionndadh dhen "Phears'-Anma" a bhios a' nochdadh anns na notaichean aig Mgr Ailein gun urra:

An t-anamsa air do làimh, a Thighearna

A Rìgh na cathrach neamh

Bhona 's Tusa 'cheannaich e

Mìcheil an coinneamh anmanna<sup>435</sup>

A rèir an liosta de dhaoine bhon d' fhuair MacGilleMhìcheil fiosrachadh a chaidh fhoillseachadh ann an *Carmina Gadelica 2*, 's ann bho "Soracha MacPhie, Tailor's wife, Staonabrig, South Uist" a fhuair e an ùrnaigh seo.<sup>436</sup> Chan eil sgeul air a' bhoireannach seo anns na notaichean aig MacGilleMhìcheil a chaidh a thar-sgrìobhadh thuige seo.<sup>437</sup> Ach tha pàirt de thionndadh dhen "Phears'-Anma" a fhuair MacGilleMhìcheil ann an 1901<sup>438</sup> aig boireannach às a' Ghleann, Barraigh, Peigi NicNèill (Peggie MacNeil)<sup>439</sup> gu math coltach ri toiseach "An Treoraich Anama":

M anamsa an a laimhs a Rìgh

A Rìgh na carach nēo

Is a tu bheir a cheann e

Micheal geal am comh m anams

A D na fala fir.

Na diabar mi o mhuint

A liud loc a rinn mo chorp

Nach fhad mi noc a chunntuchach

Tha nis a lai noc anns a bhas chadail

<sup>434</sup> Carmichael, *CG 1*, Àireamh 51, 116-117.

<sup>435</sup> EUL CW 58A, 27r, Àireamh 103.

<sup>436</sup> Carmichael, *CG 2*, 345.

<sup>437</sup> Chan eil tar-sgrìobhaidhean dhe notaichean MhicGilleMhìcheil ann an Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhatair ri fhaighinn air-loidhne fhathast (2023). Mo mhìle taing do Dhòmhnall Uilleam Stiùbhart a thug leth-bhreacan didseatach dhomh dhe na tar-sgrìobhaidhean a rinn e fhèin air na notaichean aig MacGilleMhìcheil.

<sup>438</sup> Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhatair, GB-237-Col-97-CW 110, <http://129.215.17.128/cwatson/en/catalogueentry/4208/14/67/anam/anam/ALL>. Ceangal a-nis marbh (2023).

<sup>439</sup> Fhuair MacGilleMhìcheil tionndadh dhen "Altachadh Laighe" aig an aon boireannach agus tha seo ri fhaighinn sna notaichean aige dìreach ron ùrnaigh gu h-àrd. Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhatair, GB-237-Col-97-CW 110-11, <http://129.215.17.128/cwatson/en/fulltexttranscription/4208/0>. Ceangal a-nis marbh (2023).

Leis a bas cadail dhomh la  
 Me u mar a dheis lamhs  
 A dhuisgeas mi  
 losa nan aingeal dean troc orm  
 Le mhor throcair  
 O'n naidean dian mi o Rìgh.  
 O mo Dhia tha ìmi gam luart  
 Dhut m anams mo cholán  
 Gu ro thu nad mhaigh agus nad  
 cheannard orm.<sup>440</sup>

Ged a chaidh seo a chruinneachadh às dèidh do *Charmina Gadelica* nochdadh, tha e a' cur ris na h-eisimpleirean gu h-àrd a chruinnich Mgr Ailein agus MacGilleMhìcheil gus sealltainn gun robh tionndaidhean de dh'ùrnaighean coltach ris "A' Phears'-Anma" aithnichte am measg muinntir nan Eilean Siar mun aon àm a bha MacGilleMhìcheil ri cruinneachadh. Chan eil ainm clàraichte air an ùrnaigh seo aig Peigi NicNèill, ach tha fiosrachadh ann mu dèidhinn anns na notaichean aig MacGilleMhìcheil:

Heard this from her father John Macneill and another when a child and she has taught to her own children of ten – many of whom are dead now. Both had many many old hymns now lost and never heard – not even the name of them.<sup>441</sup>

Tha am fiosrachadh seo a' sealltainn mar a bha ùrnaighean mar seo air an togail bho ghlùin gu glùin ann an teaghlaichean, agus a' comharrachadh gun rachadh gnothaichean a chall anns gach ginealach cuideachd.

Ann an *Carmina Gadelica*, bidh MacGilleMhìcheil a' toirt seachad sreath de 15 ùrnaighean<sup>442</sup> a bhios e a' comharrachadh mar ùrnaighean oidhche. Mar ro-ràdh air an t-sreath seo, bidh e a' mìneachadh, "The night prayers of the people are numerous [...] Many of these prayers are becoming mere fragments and phrases."<sup>443</sup> Anns an t-sreath fhèin, gheibhear dòrlach de dh'ùrnaighean eile a dh'fhaodadh a bhith air an cunntais mar thionndaidhean dhen "Phears'-Anma" air neo a bhios a' toirt a-steach eileamaidean dhith. Cuideachd, tha ùrnaigh bàis no dhà eile ann a tha coltach rithe.

<sup>440</sup> Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhatair, GB-237-Col-97-CW 110-12, <http://129.215.17.128/cwatson/en/fulltexttranscription/4208/0>. Ceangal a-nis marbh (2023).

<sup>441</sup> Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhatair, GB-237-Col-97-CW 110-12, <http://129.215.17.128/cwatson/en/fulltexttranscription/4208/0>. Ceangal a-nis marbh (2023).

<sup>442</sup> Carmichael, *CG* 1, 66-94, Àireamhan 26-40.

<sup>443</sup> Carmichael, *CG* 1, 66.



Cha do chuir MacGilleMhìcheil an t-ainm “Am Pears’-Anma” air gin de na h-ùrnaighean seo, ge-tà. Tha coltas ann gun d’ fhuair e a’ mhòr-chuid dhiubh bho dhaoine san aon bhaile: Staoinebrig, Uibhist a Deas. Ma dh’fhaodte gu bheil seo a’ sealltainn gun robh tionndaidhean diofraichte dhen ùrnaigh rim faighinn air taobh a-staigh aon choimhearsnachd bheag aig deireadh na 19mh linn, coltach ris na diofar thionndaidhean a chruinnich Mgr Ailein mun aon àm mu thimcheall air Taobh a Deas Loch Baghasdail. Bhiodh an fhianais seo a’ dearbhadh a-rithist dìreach cho caochlaideach ’s a dh’fhaodadh an ùrnaigh seo a bhith am measg an t-sluaigh, co-dhiù gus an deach a foillseachadh. Ach a-rithist, feumar a bhith faiceallach a thaobh mionaideachd an fhiosrachaidh a bhios a’ nochdadh ann an *Carmina Gadelica*.

’S e “Am Beannachadh Bàis”<sup>444</sup> aig “Donald MacDonald, Crofter, Staonabrig, South Uist,”<sup>445</sup> “Fois Anama”<sup>446</sup> aig “Mary Maclosaig, Crofter’s wife, Staonabrig, South Uist,”<sup>447</sup> “Urnuigh Chaidil”<sup>448</sup> aig “Mor Maclosaig, Crofter’s wife, Staonabrig, South Uist”<sup>449</sup> agus “An Achanaich Anama”<sup>450</sup> aig “John MacDonald, Shepherd, Keapach, Lochaber”<sup>451</sup> na h-ùrnaighean ann an *Carmina Gadelica* as coltaiche ris na tionndaidhean dhen “Phears’-Anma” mar a tha e a’ nochdadh anns na notaichean aig Mgr Ailein. Mar eisimpleir, seo an “Urnuigh Chaidil” aig “Mor Maclosaig”:

Is gun lochd  
A Rìgh nam bochd  
A chiosadh gort  
Fo bhinn nan olc  
Dìon-s, an nochd,  
Bho ludas mi.

M’ anam air do laimh, a Chrìosda,  
A Rìgh na Cathrach Neomh,  
Is tu cheannaich m’ anam, losa,  
Is tu dh’ iobar beatha dhomh.

---

<sup>444</sup> Carmichael, *CG* 1, 118-119, Àireamh 52.

<sup>445</sup> Carmichael, *CG* 2, 345.

<sup>446</sup> Carmichael, *CG* 1, 120-121, Àireamh 53.

<sup>447</sup> Carmichael, *CG* 2, 345.

<sup>448</sup> Carmichael, *CG* 1, 76-77, Àireamh 31.

<sup>449</sup> Carmichael, *CG* 2, 345.

<sup>450</sup> Carmichael, *CG* 1, 70-71, Àireamh 28.

<sup>451</sup> Carmichael, *CG* 2, 345.

Teasruig mi air sgath mo sprochd,  
 Air sgath do phais, do lot is t' fhala fein,  
 Is tabhair tearuint mi an nochd  
 Am fochar Cathair De<sup>452</sup>

Tha a' chiad rann dhen ùrnaigh seo coltach ri toiseach a' "Phears'-Anma" mar a fhuair Mgr Ailein aig "Mrs D. MacCormack" i:

Criost', an nochd,  
 Athair nam bochd,  
 'Cheusadh gu goirt  
 Fo bhinn gach olc,  
 Dion an nochd  
 Bho Iudas e.<sup>453</sup>

Cuideachd, tha an dàrna rann glè choltach ris an tionndadh dhen "Phears'-Anma" ann an notaichean Mgr Ailein gun urra, a bha cuideachd coltach ri earrann dhen "Treoraich Anama" ann an *Carmina Gadelica* gu h-àrd.

Tha "An Achanaich Anama" aig John MacDonald às a' Cheapaich ann an Loch Abar,<sup>454</sup> a bhios a' nochdadh san t-sreath de dh'ùrnaighean oidhche ann an *Carmina Gadelica*, glè choltach ris an "Urnuigh Chaidil" seo cuideachd:

Ios, a nochd  
 Aghair nam bochd  
 Cholann gun lochd  
 Dh' fhuilin gu gort  
 Fo bhinn nan olc  
 'S a cheusadh.

Saor mi bho olc  
 Saor mi bho lochd  
 Caomhain mo chorp  
 Naomhaich mi nochd  
 O Ios, a nochd  
 'S na treig mi.  
 Bairig domh neart  
 Aghair nam feart

---

<sup>452</sup> Carmichael, *CG* 1, Àireamh 31, 76-77.

<sup>453</sup> EUL CW 58A, 11r, Àireamh 4.

<sup>454</sup> Chan eil fiosrachadh a bharrachd air an fhear seo ann an *Carmina Gadelica*. Thèid ainmeachadh, ma dh'fhaodte, sna notaichean aig MacGilleMhìcheil, ann an 1889, mar "John MacDonald, shepherd" à "Guaillean-Lorcach, Feàrnaid, Lochaber." CW 124, 32v. "Alexander Carmichael, Dates and People" ann an "Carmichael Watson: A Research Guide to the Carmichael Watson Collection," University of Edinburgh Information Services, <https://www.ed.ac.uk/sites/default/files/atoms/files/alexandercarmichaeldatesandpeople.pdf>.

Stiuir mi 'na d' cheart,  
 Stiuir mi 'na d' cheart,  
 O los, 'na d' neart  
 Gleidh mi.<sup>455</sup>

'S fhiach e sònrachadh gu bheil an dà ùrnaigh ann an *Carmina Gadelica* as coltaiche ris na tionndaidhean dhen “Phears’-Anma” a chruinnich Mgr Ailein air an cunntais mar ùrnaighean cadail aig MacGilleMhìcheil, a’ sealltainn a-rithist gun robh dà dhreuchd aig an ùrnaigh seo. Tha e inntinneach cuideachd gu bheil an tè dhiubh ann a fhuair e, a rèir choltais, bho thaobh a-muigh nan Eilean Siar. Mar sin, tha e coltach gun robh co-dhiù aon tionndadh dhen “Phears’-Anma” aithnichte air tìr-mòr na Gàidhealtachd san 19mh linn.<sup>456</sup>

#### 4.4.3 “Am Pears’-Anma” anns an 20mh linn gus an latha an-diugh

Tha tionndaidhean dhen “Phears’-Anma” ann a chaidh a chlàradh san 20mh linn. Le bhith a’ toirt sùil orra, faodar breithneachadh air a’ cheist an tug an tionndadh dhen ùrnaigh fhoillsichte anns an laoidheadair aig Mgr Ailein buaidh orra. Cuideachd, tha cothrom ann faicinn mar a dh’fhàs cruth na h-ùrnaigh nas cunbhalach anns na chaidh a chruinneachadh san 20mh linn an taca ri tionndaidhean a chruinnich Mgr Ailein agus MacGilleMhìcheil san 19mh linn.

Tha tionndadh dhen ùrnaigh bho 1954 san sgrìobhainn beul-aithris Uibhist a Deas aig Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill (Dòmhnall Iain Dhonnchaidh, 1919-1986),<sup>457</sup> air a bheil

---

<sup>455</sup> Carmichael, *CG* 1, Àireamh 28, 70-71.

<sup>456</sup> Bha “An t-Altachadh Laighe,” ùrnaigh oidhche a tha gu tric ceangailte ris a’ “Phears’-Anma” aithnichte ann an co-dhiù corra choimhearsnachd Chaitligeach air tìr-mòr na Gàidhealtachd san 19mh linn. Tha e a’ nochdadh ann an sreath de dh’ùrnaighean ann an “Old Gaelic Songs” aig Cailean Siosail (Colin Chisholm) agus esan a’ sgrìobhadh, “In my young days in Strathglass the words of this *altachadh* were invariably the last words the people used after going to bed and before sleeping.” *TGS* 11 (1884-1885): 239. Faic Reddy, “Ùrnaighean,” 59-66, 75.

<sup>457</sup> 'S e bàrd, seanchaidh, sgrìobhaiche agus neach-cruinnichidh beul-aithris à Peighinn nan Aoireann, Uibhist a Deas a bh' ann an Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill. Mar a chunnacas ann an Caibideil 2, sgrìobh e àireamh de laoidhean a bhios a’ nochdadh san laoidheadair *Seinnibh Dhan Tighearna* (1987). Faic “Introduction” ann an *Chì Mi*, vii-xxiv. Eadar 1953 agus 1958, rinn MacDhòmhnaill 26 leabhraichean sgrìobhte de bheul-aithris a chruinnich e ann an Uibhist a Deas airson Sgoil Eòlais na h-Alba. William Lamb, “The Storyteller, the Scribe, and a Missing Man,” *Oral Tradition* 27, No. 1 (March 2012): 122.

“Death Blessing (A’ Phears’ Anamna).”<sup>458</sup> Tha an tionndadh seo gu math coltach ris an tionndadh dhen ùrnaigh a nochd anns an laoidheadair aig Mgr Ailein, mar a chìthear gu h-ìseal. Faodaidh sinn cuideachd coimhead air tionndadh eile dhen ùrnaigh a chaidh a chruinneachadh aig athair MhicDhòmhnaill, Donnchadh MacDhòmhnaill, le Calum MacGilleathain ann an 1949, a tha a-rithist glè choltach ris an tionndadh san laoidheadair.<sup>459</sup> Tha ceistean ann rim faighneachd mu dhèidhinn nan tionndaidhean seo aig Dòmhnall Iain agus Donnchadh MacDhòmhnaill. Tha fios ann gun robh laoidhean bhon laoidheadair aig Mgr Ailein cumanta ann an Uibhist a Deas ann am meadhan na 20mh linn.<sup>460</sup> Ach tha e doirbh obrachadh a-mach dè cho bitheanta ’s a bha *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail* am measg Ghàidheil Chaitligeach aig deireadh na naoideamh linn deug agus san 20mh linn, agus ceangailte ri seo, gu dè an ìre a thug na bha foillsichte san laoidheadair fhèin buaidh air dè na h-ùrnaighean agus laoidhean a bha aithnichte sna h-Eileanan Siar san 20mh linn.<sup>461</sup>

A dh’aindeoin sin, cha bhiodh e neònach nan tugadh an tionndadh dhen “Phears-Anma” a bha foillsichte anns an laoidheadair buaidh air tionndaidhean dhen ùrnaigh a bha am beul an t-sluaigh sna h-Eileanan Siar san 20mh linn. Tha seo air a bhith ri fhaicinn a thaobh ùrnaighean dùthchasach is beul-aithris eile a chaidh a chruinneachadh sna h-Eileanan mu mheadhan na 20mh linn.<sup>462</sup> Cuideachd, tha Uilleam Lamb air sealltainn gu bheil coltas ann do chleachd Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill tùsan beul-aithris sgrìobhte ann an àitichean sna sgrìobhainnean aige.<sup>463</sup> Tha e

---

<sup>458</sup> Donald John MacDonald MS 12, 1078, 8/3/54, Sgoil Eòlais na h-Alba. Aig deireadh na h-ùrnaigh, tha nota ann an làmh-sgrìobhaidh diofraichte: “cf CG Vol I, pg 118 and note on pg 116 / 117.” Tha seo a’ toirt tarraing air CG 1, anns a bheil ùrnaigh a tha coltach ri seo, mar a chunnacas gu h-àrd.

<sup>459</sup> Pròiseact Chalum MhicGilleathain, Ei 1171-17-15: <https://www.calum-maclean.celtscot.ed.ac.uk/calmac/searchdetails.htm?story=e1171-17-15>. Feumar facal-faire gus inntrigeadh fhaighinn dhan tasglann seo.

<sup>460</sup> Mar eisimpleir, mar a chunnacas ann an Caibideil 2, bha còrr is dusan dhe na laoidhean a rinn Mgr Ailein a bhith gan gabhail air feadh na h-Aifrinn air an clàradh le Mgr Iain MacIlleathain ann am Bòrnais, Uibhist a Deas c. 1958-1959.

<sup>461</sup> Tha e soilleir gun do dh’fhàs na laoidhean air feadh na h-Aifrinn gu math bitheanta sna h-Eileanan, mar a chunnacas ann an Caibideil 2. Ach chan eil mòran fianais ann an robh leth-breacan de *Chomh-Chruinneachadh de Laoidhean Spioradail* anns na h-eaglaisean Caitligeach sna h-Eileanan ann am meadhan na 20mh linn, mar eisimpleir. Ma dh’fhaodte gun do dh’ionnsaich munntir nan eilean na laoidhean ann air cluais, gu h-àraid mura robh comas leughadh na Gàidhlig aca.

<sup>462</sup> Mar eisimpleir, faic am fiosrachadh anns a’ chaibideil seo air “A’ Bheannachadh Buachailleachd” aig Aonghas MacAoidh.

<sup>463</sup> Lamb, “The Storyteller,” *passim*.

cudromach aithneachadh, ge-tà, gu bheil diofraichean beaga ann eadar an dà thionndadh seo, agus gu bheil an tionndadh san laoidheadair aig Mgr Ailein stèidhichte, a rèir choltais, air tionndadh dhen ùrnaigh a fhuair e aig “Mrs D. MacCormack,” à Taobh Tuath Loch Baghasdail. Chithear an coltas eadar na ceithir tionndaidhean nuair a chuirear iad taobh ri taobh:<sup>464</sup>

<b>Mrs D. MacCormack, 1889</b>	<b><i>Comh-Chruinneachadh de Laoidhean Spioradail, 1893</i></b>	<b>Donnchadh MacDhòmhnail, 1949</b>	<b>Dòmhnall Iain MacDhòmhnail, 1954</b>
Criost', an nochd, Athair nam bochd, 'Cheusadh gu goirt Fo bhinn gach olc, Dion an nochd Bho Iudas e. A liuthad lochd A rinn a chorp Nach urrainn da 'nochd A chuimhneachadh x x x x A Dhia na Fala Firinnich na diobair an t-anamsa nochd bho d'mhuinntir oir 's Tu 'cheannaich e le d' Fhuil phrìseil. Cuir Micheil geal 'na chomhail (sic) anmanna a nis agus gu siorruith.	Criosta 'nochd, 'Athair nam bochd, 'Cheusadh gu goirt Fo bhinn gach olc, Dion an nochd bho Iudas mi, A liuthad lochd A rinn mo chorp, Nach urrainn dhomh nochd a chuimhneachadh. A Dhia na Fala firinnich Na diobair mi bho d' mhuinntireachd Cuir Micheil geal a chòmhail m' anmanna An nochd agus gu siorruith Amen	A Chrìosda a nochd, athair nam bochd, Cum a nochd o Iudas mi: A liuthad lochd a rinn mo chorp, Nach urra mi a nochd a chuimhneachadh A Dhia na fala firinnich Na diobair as do mhuinntir mi, Cuir Micheal Geal, àrd-aingeal An coinneamh m'anamann a nochd: A nis agus gu siorraidh, Amen	Chrìosda nochd, athair nam bochd A cheusadh gu goirt fo bhinn gach olc Dion a nochd air Iudas mi. Nach iomadh olc a rinn mo chorp Nach leir dhomh nochd a chuimhneachadh A Dhia nam fala firinnich Na dibir as do mhuinntir mi Cuir Micheal geal an comhdhail m' anamna Nochd is gu siorruith. Amen

Le bhith a' breithneachadh air na ceithir tionndaidhean dhen ùrnaigh gu h-àrd, faodar tighinn gu diofar cho-dhùnaidhean: gun robh buaidh aig an tionndadh dhen “Phears-Anma” anns an laoidheadair aig Mgr Ailein air na tionndaidhean aig Donnchadh MacDhòmhnail agus Dòmhnall Iain MacDhòmhnail, air neo gun robh freumhan cumanta aig na tionndaidhean acasan agus an tionndaidh aig “Mrs D MacCormick” a chleachd Mgr Ailein airson an tionndaidh fhoillsichte seo dhen “Phears’-Anma” sa chiad dol a-mach. Tha e soilleir co-dhiù, bhon eisimpleir seo, gun robh càirdeas toinnte eadar tionndaidhean sgrìobhte agus beul-aithriseach dhen “Phears’-Anma” sna h-Eileanan Siar san 20mh linn.

Tha eisimpleir eile dhen “Phears’-Anma” bho nas anmoiche san 20mh linn a’ sealltainn gun robh cuid de thionndaidhean ann anns an robh loidhnichean bhon “Altachadh

<sup>464</sup> Tha loidhnichean san tionndadh aig Dòmhnall Iain MacDhòmhnail air am briseadh an seo gus am bidh an co-fhreasgarrachd eadar na trì tionndaidhean nas soilleire.

Leapa” fhathast a’ tighinn a-staigh. Chaidh an tionndadh gu h-iseal a chlàradh aig Màiri Mhoireasdan (Màiri Eòghainn Mhòir) ann am Barraigh ann an 1970 le Sgoil Eòlais na h-Alba agus gheibhear san Eàrr-ràdh e. Bho na h-eisimpleirean gu h-àrd, chithear gum faodadh e a bhith fìor gun robh an tionndadh foillsichte dhen “Phears’-Anma” san laoidheadair aig Mgr Ailein a’ toirt buaidh air mar a bha co-dhiù cuid a’ gabhail na h-ùrnaigh seo, ach gun robh tionndaidhean diofraichte dhen ùrnaigh, nach robh cho faisg air an tionndadh fhoillsichte, fhathast ri fhaighinn sna h-Eileanan Siar suas dhan dàrna leth dhen 20mh linn.

Nuair a thòisich mi air an rannsachadh seo, bha beachd agam gun robh “Am Pears’-Anma” air a dhol a-mach à bith am measg Chaitligeach nan Eilean Siar san latha an-diugh. Ach mar a chunnacas gu h-àrd, bha cuimhne air an ùrnaigh aig co-dhiù aon neach a thàinig dhan taisbeanadh a thug mi seachad ann an Uibhist a Deas ann an 2022. Thug am boireannach seo, à Uibhist a Deas, dreach sgrìobhte dhen ùrnaigh thugam goirid às dèidh an taisbeanaidh. Rugadh am boireannach seo ri linn an Dàrna Cogaidh is mar sin, cha bhiodh e neònach gun cuala i an ùrnaigh san dachaigh nuair a bha i òg. Seo na thug i dhomh:

Iosa a nochd, Athair nam bochd, a chaidh a cheusadh gu goirt bho bhinn gach olc, is iomadh lochd a rinn mo chorp nach urainn dhomh a nochd a chuimhneachadh. O’ Dhia nam falainn fireannach, na dibir mi bho d’ mhuinntearas, cuir Michael geal a choinneamh m’ anam, a’ nochd agus gu siorraidh Amen.<sup>465</sup>

Bha fios aig a’ bhoireannach seo gu bheil an ùrnaigh a’ nochdadh ann an *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail*, agus ged a tha an tionndadh seo glè fhaisg air an tionndadh sin, tha diofraichean ann cuideachd, agus coltas ann gun do sgrìobh i a-mach às a cuimhne i, seach a bhith a’ cleachdadh tùs foillsichte. Chan e fianais a th’ ann gu bheil muinntir nan Eileanan Siar a’ gabhail na h-ùrnaigh seo gus an latha an-diugh ma dh’fhaodte, ach nach deach i a-mach à cuimhne uile gu lèir fhathast.

---

<sup>465</sup> Conaltradh pearsanta.

#### 4.4.4 Co-theagsa na h-ùrnaigh

Nuair a bha “Am Pears’-Anma” air a ghabhail mar ùrnaigh bhàis, bha cleachdaidhean sònraichte ceangailte rithe. Ron tionndadh gu h-àrd a fhuair Calum MacGilleathain bho Dhonnchadh MacDhòmhnaill à Peighinn nan Aoirean, Uibhist a Deas, ann an 1949, tha MacGilleathain a’ cur an cèill fiosrachadh cudromach mu cho-theagsa na h-ùrnaigh:

Bha e a dh’fhasan aig Criostaidhnean uair eigin an t-saoghal agus tha fhathast gu h-àraidh ann an dùthchannan Caitliceach, ’n uair a tha neach a’ fàgail an t-saoghail, a’ phearsa anamann a chuir ’na bhial. ’S e ùrnaigh a th’ ann a sin agus mar is tric(he)e ’s e boireannach a bhathar a’ faic(ch)inn freagarrach a cur ann am bial firinneach, agus ’s e fireannach a bhathar a’ faic(ch)inn freagarrach a gabhail do bhoireannach ’n uair a bhiodh i a’ fàgail an t-saoghail. Gle bheag tha mi a’ smaointinn aig a bheil i an diugh: Ach an fheadhainn aig a bheil i tha iad a’ cleachdadh ’n uair a bhios duine a’ fàgail an t-saoghail an ùrnaigh seo a ghabhail agus an ceusadh ac(h)c a ri beul an duine agus canaidh iad:

*[Tha an tionndadh dhen ùrnaigh mar a tha i sa chlàr gu h-àrd a’ nochdadh an seo]*

Agus ma nìthear sin an am duine a bhith a fàgail an t-saoghail agus an ceusadh aig neach ri bhial, bidh iad fuathasach toilite ’n uair a gheibh iad sin a dhèanamh agus greim fhaighinn air an duine a dh’ fhaodas sin a chantail.<sup>466</sup>

Tha coltas ann eadar an cleachdadh air a bheil MacGilleathain a’ toirt tuairsgeul agus na dh’innseas Eòs Nill MacNill (Eòs Nill Bhig, 1908-1996) às an Rubha Mheadhanach, Ceap Breatainn, mun tionndadh aigesan dhen “Phears’-Anma,” a chaidh a chlàradh le Iain Seathach ann an 1978. Tha MacNill a’ mineachadh gur ann aig Mìcheal MacIlleathain, Mìcheal Iain Chaluum, a chuala e i. Tha e a’ cur ri seo, “Bha i mar an ceudna aig Fionnlagh Dòmhnallach... agus bha e aig Gilleasbuig MacGuair.”

Bha ùrnaigh aige a bhiodh iad a’ gabhail nuair a bhiodh duine a’ fàgail an t-saoghail [...] Bhiodh iad a’ cur comharradh na croiseadh fairis air aodann an neach a bha a’ fàgail an t-saoghail. Agus os cionn anail an duine, bhiodh iad a’ cur comharradh na croiseadh, agus aig an àm, bhiodh iad ag ràdh:

An t-anam-sa orra làimh, a Thighearna.  
Bho ’n ’s tu fhèin a cheannaich an t-anam seo.

Agus chanadh iad:

Mhìcheil geal, an t-Àird Aingeal  
A bhith an coinneamh, a thighinn an coinneamh agus an còmhdhail  
An anam a tha seo.

<sup>466</sup> Pròiseact Chaluum MhicGilleathain, Ei 1171-17-15.

Agus bhiodh iad a’ crìochnachadh na h-ùrnaigh aig a’ sin. Agus bhathar a’ cur sin tric, ga cantail gus am fàgadh an duine an saoghal. Agus ’s e “A’ Phears’ Anamanna” a bheireadh iad ris an ùrnaigh a bha sin. Agus chuala mi a bhith ga h-aithris corra uair nuair a bha duine, mar a thuirt iad, ann an spàirn a’ bhàis.<sup>467</sup>

Tha an tionndadh seo gu math coltach ris an tionndadh a fhuair Mgr Ailein Dòmhnallach aig John Steele à Taobh Tuath Loch Baghasdail,<sup>468</sup> agus coltach ris an tionndadh eile a fhuair e, gun urra, gu h-àrd.<sup>469</sup>

A rèir MhicNìll, ’s ann à Barraigh a bha cuideachd Mhìcheil MhicGilleathain, agus bha e eòlach air eachdraidh a shinnsèaran san t-Seann Dùthaich.<sup>470</sup> Chan eil e soilleir cò às a bha sinnsearan Fhionnlaigh Dhòmhnallaich agus Ghilleasbuig MhicGuaire, ach ’s ann à Uibhist a Deas agus Barraigh a bha a’ mhor-chuid a thuinich air bruaichean taobh an ear Loch Bhras d’Or, ann an sgìre an Rubha Mheadhanaich.<sup>471</sup> Mar sin, tha e coltach gun robh MacNìll a’ tarraing air cleachdadh a thàinig gu Ceap Breatainn an cois muinntir Uibhist a Deas agus Bharraigh. Thàinig iad a dh’fhuireach anns an sgìre sin mun aon àm a rugadh John Steele ann an Uibhist, a bha 84 nuair a thug e seachad an ùrnaigh do Mhgr Ailein sna 1880an. ’S e ceist a th’ ann an do mhair an tionndadh seo dhen “Phears’-Anma” na b’ fhaide ann an Ceap Breatainn na sna h-Eileanan Siar, agus an t-eilean seo aithnichte mar àite a ghlèidh dualchas nan Gàidheal gu ìre mhòr.<sup>472</sup>

Tha na notaichean a th’ aig MacGilleMhìcheil mu na h-ùrnaighean a bhios e a’ cunntais mar ùrnaighean bàis a’ sealltainn mar a tha esan airson ’s gun tuig an luchd-leughaidh aige na h-ùrnaighean seo. Chithear gu bheil e a’ tarraing air na h-aon chleachdaidhean

---

<sup>467</sup> Joe Neil MacNeil, “An t-anam-s’ orro làimh a Thighearna,” *Sruth nan Gàidheal*, StFX Digital Collections, [https://stfx.cairnrepo.org/islandora/object/stfx%3A4831?solr\\_nav%5Bid%5D=e0b7e20e286a832ea9ab&solr\\_nav%5Bpage%5D=0&solr\\_nav%5Boffset%5D=0](https://stfx.cairnrepo.org/islandora/object/stfx%3A4831?solr_nav%5Bid%5D=e0b7e20e286a832ea9ab&solr_nav%5Bpage%5D=0&solr_nav%5Boffset%5D=0). Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

<sup>468</sup> EUL CW 58A, 24v, Àireamh 93.

<sup>469</sup> EUL CW 58A, 27r, Àireamh 103.

<sup>470</sup> Joe Neil MacNeil, *Sgeul gu Latha*, deas. John Shaw (1987), 118-121.

<sup>471</sup> John Shaw, *The Blue Mountains* (2007), 200-201.

<sup>472</sup> Bidh Shaw a’ sgrìobhadh, “The striking degree of cultural conservatism among Cape Breton Gaels is certainly a result of geographical isolation. [...] Cape Breton is the most recent and far-flung outpost of the Scottish *Gàidhealtachd* (Gaelic-speaking region) and it is a well-documented phenomenon that archaic survivals of social and cultural institutions are to be found at the periphery of a given cultural area.” “Introduction,” ann an *Sgeul gu Latha*, xix.



sna tuairisgeulan aig Mgr Ailein agus MacNìll. Seo na th' ann an *Carmina Gadelica* 1 mun ùrnaigh “An Treoraich Anama”:

Death blessings vary in words but not in spirit. These death blessings are known by various names, as: ‘Beannachadh Bais,’ Death Blessing, ‘Treoraich Anama,’ Soul Leading, ‘Fois Anama,’ Soul Peace, and other names familiar to the people. The soul peace is intoned, not necessarily by a cleric, over the dying, and the man or the woman who says it is called ‘anama-chara,’ soul-friend. He or she is held in special affection by the friends of the dying person ever after. The soul peace is slowly sung – all present earnestly joining the soul-friend in beseeching the Three Persons of the Godhead and all the saints of heaven to receive the departing soul of earth. During the prayer the soul-friend makes the sign of the cross with the right thumb over the lips of the dying.<sup>473</sup>

Faodar ceistean fhaighneachd mun uiread de dh’earbsa a dh’fhaodar a chur san tuairisgeul seo aig MacGilleMhìcheil. Ma nithear coimeas eadar seo agus na tha luchd-cruinneachaidh eile air sgrìobhadh agus na tha an luchd-fiosrachaidh fhèin air a ràdh mu chleachdaidhean mu thimcheall a’ “Phears’-Anma,” chithear gu bheil pàirtean dhen tuairisgeul seo a’ dol leis na tha sna tuairisgeulan aig MacGilleathain agus MacNìll. Ach chan eil fios cinnteach ann air càit an d’ fhuair MacGilleMhìcheil an t-ainm “anama-chara” air neo am beachd gun robh an leithid de chàirdeas ann am measg muinntir nan Eilean san 19mh linn. Tha am facal fhèin a’ tighinn bhon fhacal “anmcharae” san t-Seann Ghàidhlig, ainm airson sagart-faoisid.<sup>474</sup> Gheibhear an dà fhacal “anam-chara” agus “anam-charaid” san fhaclair aig Armstrong (1825) air a bheil am mìneachadh: “bosom friend.”<sup>475</sup> Bidh MacGilleMhìcheil ga chur gu feum a-rithist ann an cunntas air beul-aithris mu naomhan nan Eilean:

Malcolm MacLean, smith, Ceanntangval, Barra, said that Brendan asked to be buried beside his beloved ‘anam-chara,’ soul friend, Moluag in Lismore, and that this was done.<sup>476</sup>

A bharrachd air na h-eisimpleirean seo, tha e doirbh fianais eile fhaighinn air an ainm seo ann an Gàidhlig, agus ciamar a bhiodh Gàidheil ga thuigsinn mun àm a bha

---

<sup>473</sup> Carmichael, *CG* 1, 116.

<sup>474</sup> A rèir EDil, tha “anmchare” a’ nochdadh ann an teagsaichean Èireannach bho na meadhan-aoisean, an leithid *Félire Óengusso Céili Dé*, (c.800) agus Lebar na Núachongbála (LL), c.1150-1250. “Anmcharae,” EDil, [http://www.dil.ie/search?search\\_in=headword&q=anmcharae](http://www.dil.ie/search?search_in=headword&q=anmcharae).

<sup>475</sup> R.A. Armstrong, *A Gaelic Dictionary in Two Parts* (1825), 24. Tha am facal a’ nochdadh san fhaclair aig Dwelly cuideachd, ach ‘s ann bho MhacGilleMhìcheil a thig am mìneachadh, “Soul-friend. A man or woman who says the death-blessing over a dying person.” 32.

<sup>476</sup> Carmichael, *CG* 2, 232.

MacGilleMhìcheil ri cruinneachadh sna h-Eileanan Siar. Tha e glè choltach gun tàinig MacGilleMhìcheil tarsaing air beachdan mun dreuchd a bh' aig "anamcharae" bho sgrìobhaidhean mu na Céli Dé, no "Culdees," a bha fasanta am measg eòlaichean Ceilteach na 19mh linn, agus beachd ann gun robh iad nan luchd-clèire san "Eaglais Cheiltich."<sup>477</sup> Tha Meek ag aithneachadh a' bhuaidh aig na sgrìobh an t-Urramach Tòmas MacLachlainn (1815-1886), na mhinistear san Eaglais Shaoir, a chuireas taic ris a' bheachd seo, san leabhar aige *The Early Scottish Church*.<sup>478</sup> Tha e inntinneach gu bheil MacLachlainn fhèin, anns an aon leabhar, a' toirt iomradh air Adhamhnan, a sgrìobh eachdraidh-bheatha Chalum Chille, mar "anam-chara" Fhiannacht, Rìgh Èireann, agus a' mìneachadh seo mar "soul-friend, that is spiritual guide."<sup>479</sup> Cha mhòr nach eil sgeul air an fhacal "confessor" san leabhar aig MacLachlainn ach nuair a thig e gu pearsaichean ceangailte ri "Eaglais na Roimhe" mar a' Bhanrigh Mairead.<sup>480</sup> Chan eil seo na iongnadh agus sgrìobhadairean mar MacLachlainn a' feuchainn ri astar a chur eadar cleachdaidhean nan naomhan tràtha seo agus cleachdaidhean "Ròmanach."<sup>481</sup>

Cha bu shuarach am fiosrachadh seo nuair a thig e gu bhith a' breithneachadh air an dealbh a bhios MacGilleMhìcheil a' toirt seachad air cleachdaidhean ceangailte ris "A' Phears'-Anma" ann an *Carmina Gadelica*. Dh'fhaodar faicinn mar eisimpleir dhen ghluasad a bh' ann am measg eòlaichean Pròstanach na 19mh linn gus gleans "Ceilteach" a chur air cleachdaidhean aig an robh freumhan Caitligeach.<sup>482</sup>

Dh'fhaodadh e a bhith, a thaobh an ainm "anam-chara," gun robh MacGilleMhìcheil a' gabhail ris na tùsan a bha rim faotainn aig an àm, ach tha e coltach gum biodh e eòlach air an sgrìobhadh aig an Urramach Uilleam Reeves (1815-1892), na neach-clèire ann an Eaglais na h-Èireann, a rinn eadar-theangachadh de "Prose Rule of the Céli Dé"<sup>483</sup> a nochd ann an 1873. Tha Reeves glè shoilleir a thaobh ciamar a tha "anam-chara" ga

---

<sup>477</sup> Airson fios a bharrachd air mar a chaidh an "Eaglais Cheilteach" no "Celtic Church" a chruthachadh ann an sgoilearachd na 19mh linn, faic Craig Haggart, "The Céli Dé and the Early Medieval Irish Church: A Reassessment," *Studia Hibernica* 34 (2006-2007): 17.

<sup>478</sup> Meek, *Quest*, 115-116.

<sup>479</sup> Thomas McLauchlan, *The Early Scottish Church* (1865), 230.

<sup>480</sup> McLauchlan, *Early*, 323.

<sup>481</sup> Meek, *Quest*, 116.

<sup>482</sup> Faic Meek, "Alexander Carmichael and 'Celtic Christianity,'" passim.

<sup>483</sup> Tha an riaghailt seo a' nochdadh san *Lebor Brecc* agus chaidh a chur ri chèile eadar an 9mh agus an 12mh linn. Uinseann Ó Maidín OCR, *The Celtic Monk* (1996), 81. Faic Haggart, "Céli Dé," 21.

tuigsinn san riaghailt seo:

Anamchara is a compound loan word from *animae carus*, and is that which is commonly used to denote a “confessor.”<sup>484</sup>

Ma ’s ann agus gun robh MacGilleMhicheil eòlach air an fhiosrachadh seo, ma dh’fhaodte gun do rinn e an co-dhùnadh gun robh “soul-friend” na bu fhreagarraiche dhan ìomhaigh de mhuinntir nan Eilean Siar a bha e a’ feuchainn ri toirt seachad na “confessor.” Tillidh sinn chun na h-ìomhaigh seo ann an Caibideil 5.

Anns an ath earrann dhen chaibideil seo, bheirear sùil air mar a bha cleachdaidhean Caitligeach ceangailte ri ùrnaighean bàis mar “A’ Phears’-Anma.” Ach mus dèanar sin, ’s fhiach iomradh a thoirt air mar a tha an tuairisgeul ann an *Carmina Gadelica* air “A’ Phears’-Anma” ga thoirt seachad le “anam-chara” air a gabhail gun mhòran ceasnachaidh suas gu deireadh na 20mh linn, fiù ’s le eòlaichean Caitligeach. Bidh Diarmuid Ó Laoghaire (1915-2001), eòlaiche air creideamh nan Gàidheal Èireannach agus e fhèin na shagart,<sup>485</sup> a’ sgrìobhadh mun tuairisgeul:

It may well be that the lack of a priest to anoint a sick or dying person was the occasion of such a ceremony. It is significant that the priest performed the anointing by making the sign of the cross with the right thumb. It is interesting too, that the ancient term, *anam-chara* or spiritual guide, should be used in this singular and beautiful way.<sup>486</sup>

Ma dh’fhaodte gu bheil Ó Laoghaire glè cheart leis a’ mhìneachadh seo, ach tha ceist ann fhathast an robh buaidh aig eòlaichean Pròstanach na naoideamh linn deug air mar a bha MacGilleMhicheil a’ cur cuideam air dreuchd “anam-chara” neo-chlàireachail san tuairisgeul aige air beannachadh bàis, seach sagart a bheir seachad na sàcramaidean mu dheireadh. Chan eil de dh’àite anns a’ chaibideil seo a bhith a’ toirt sùil mhionaideach air mura bi sagairt a’ nochdadh gu tric sna tuairisgeulan de

<sup>484</sup> William Reeves, “On the Céli-Dé, Commonly Called Culdees,” *Transactions of the Royal Irish Academy* 24 (1873), 206. Ma dh’fhaodte gun tilg barrachd rannsachaidh solas air fianais an robh MacGilleMhicheil air a’ phàipear seo a leughadh. Tha notaichean air ann an Cruinneachadh MhicGilleMhicheil MhicBhatair ach ’s ann aig an Urramach Tearlach Robasdan (Rev. Charles Robertson, 1864-1927) a tha iad seach aig MacGilleMhicheil fhèin. EUL Coll-97 CW 14.

<sup>485</sup> Faic Brian MacCuarta, “Diarmuid Ó Laoghaire,” *Dictionary of Irish Biography*, <https://doi.org/10.3318/dib.006389.v1>.

<sup>486</sup> Diarmuid Ó Laoghaire, “Prayers and Hymns in the Vernacular” ann an *An Introduction to Celtic Christianity*, deas. J. P. Mackey (1989), 280.

chleachdaidhean mar seo aig MacGilleMhìcheil,<sup>487</sup> ach chithear gu h-ìseal gu bheil tobraichean fianais eile ann a chuireas cleachdaidhean bàis dualchasach nan Eileanan Siar ann an co-theagsa cleachdaidhean na h-Eaglais Chaitligich.

#### 4.5 Cleachdaidhean bàis Caitligeach agus ùrnaighean bàis dùthchasach

Gus “Am Pears’-Anma” agus cleachdaidhean ceangailte ris a chur ann an co-theagsa chleachdaidhean agus ùrnaighean bàis san Eaglais Chaitligich san fharsaingneachd, mar a nì Ó Laoghaire gu h-àrd, tha e feumail a bhith a’ coimhead air deas-ghnàthan bàis oifigeil na h-Eaglaise Chaitligich agus ùrnaighean bàis dùthchasach a bhios a’ tarraing air seo. ’S e tè de sheachd sàcramaidean na h-Eaglaise Chaitligich a th’ anns an unghadh dheireannach, a bhios sagart a’ toirt seachad nuair a bhios cuideigin ann an cunnart bàis. Tha an t-sàcramaid seo air a mhìneachadh ann an *Athghearradh Teagaisg Chriosta* (1886):

Tha ’n t-Ungadh Deireonnach gar neartachadh an aghaidh ann-dochais an cath-spairn a bhais, a glanadh an anma bho na peacannan sola, ’s bho fhuigleach nam peacannan bàis, a’ toirt misneach do n’anam ’an am treigsinn na coluinn, ’s a toirt slainte do’n choluinn fhein nuair a chi Dia sin iomchuidh do n-anam.<sup>488</sup>

Mar sin, coltach ri Caitligich san fharsaingneachd, dhèanadh e ciall gum b’ fheàrr le Caitligeach nan Eilean Siar sagart a bhith aca airson unghadh deireannach a thoirt dhaibh, seach an “t-anam-chara” a th’ aig MacGilleMhìcheil. Tha seo ri fhaicinn anns a’ mhallachd: “Bàs gun sagart ort” no “Bàs gun sagart dhut.” Tha e coltach gun robh a’ mhallachd seo ri fhaighinn ann an sgìrean Pròstanach agus Caitligeach air a’ Ghàidhealtachd suas dhan 20mh linn.<sup>489</sup> Tha seo na phuing inntinneach innte fhèin, a’

<sup>487</sup> Bidh MacGilleMhìcheil a’ toirt seachad eisimpleir de bhaisteadh neo-chlèireachail ann an CG 1 cuideachd (114, 115). Tha seo ceadaichte san Eaglais Chaitligich ann an staid èiginn. Faic *Athghearradh Teagaisg Chriosta* (1886), 25.

<sup>488</sup> *Athghearradh Teagaisg Chriosta* (1886), 32.

<sup>489</sup> Mar eisimpleir, gheibhear “Bàs gun sagart air” ann an liosta de sheanfhaclan clàraichte ann an 1974 aig an Urramach Tormod Dòmhnallach (1904-1978), à Bhaltos san Eilean Sgitheanach. “Fichead seanfhacal, le mìneachadh air corra fear dhiubh,” TanD, SA1975.080.B41-B59, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/74420?l=gd>. Tha “Bàs gun Sagart duit!” a’ nochdadh ann an liosta de dh’fhaclan agus de dh’abairtean “From the late Rev. Angus MacDonald D.D., of Killearn’s unpublished history of South Uist,” DASG, <https://dasg.ac.uk/fieldwork/view/S2lsbGVhcm5BTWFjRG9uYWxkbWlzY3xbc2FkXXxpZHAxMTk5NjI3MjB8fHNhZHxyMnx8fGFsbA==>.

sealltainn gum faodadh a’ mhallachd a dhol air ais dhan àm ron Ath-Leasachadh, agus gun do mhair i am measg Ghàidheal ann an sgìrean a bha “gun shagart” fad còrr agus 300 bliadhna.

Thathar a’ dèanamh iomradh air dà ùrnaigh a bhios a’ tarraing air cudromachd an ungaidh dheireannaich san treas leabhar de *Charmina Gadelica*, a nochd ann an 1940 fo stiùir ogha Alasdair MhicGilleMhìcheil, Seumas MacIlleMhìcheil MacBhàtair (1910-1942).<sup>490</sup> Tha aon ùrnaigh, air a bheil “Bàs Ola,” a’ tòiseachadh:

Bàs ola agus aithreachais  
Bàs sonais agus maitheanais<sup>491</sup>

Tha an tè eile, air a bheil “Bàs Sona” a’ tòiseachadh ann an dòigh choltach:

Bàs ola,  
Bàs sona,  
Bàs solais  
Bàs solais.<sup>492</sup>

Chan eil sgeul air cò às a thàinig na h-ùrnaighean ann an *Carmina Gadelica* 3, agus chan eil an dà ùrnaigh seo a’ nochdadh anns na chaidh a thar-sgrìobhadh de na notaichean aig MacGilleMhìcheil thuige seo. Tha dà thionndadh dhen ùrnaigh “Bàs ola agus aithreachais” anns na notaichean aig Mgr Ailein, ach chan eil esan ag innse cò às a fhuair e iad nas motha.<sup>493</sup>

Tha e cudromach a chuimhneachadh gu bheil e air a bhith cumanta am measg Chaitligeach san fharsaingeachd a bhith ag ùrnaigh gum faigheadh iad cothrom na sàcramaidean mu dheireadh fhaighinn bho shagart. Fhad ’s a bha Mgr Ailein agus MacGilleMhìcheil a’ cruinneachadh ùrnaighean sna h-Eileanan Siar, gheibheadh ùrnaighean airson “bàs sona” sna leabhraichean cràbhaidh Beurla a bha cumanta san àm. Mar eisimpleir, gheibhear ann an eagan de *The Key of Heaven*, a nochd ann an 1874, an ùrnaigh seo fo thiotal, “Prayers for a Happy Death”:

---

<sup>490</sup> Faic Carmichael, *CG* 3 (1940), vii-viii.

<sup>491</sup> Carmichael, *CG* 3, 376-377.

<sup>492</sup> Carmichael, *CG* 3, 392.

<sup>493</sup> EUL CW 58B, 27v, Àireamh 67; EUL CW 58B, 45v, Àireamh 72. Tha fios gun do chruinnich Mgr Ailein na stuthan seo eadar 1890 agus 1893 agus gun robh e stèidhichte ann an Èirisgeidh aig an àm. Black, *Eilein*, 462.

Most merciful Lord Jesus, by thy agony and bloody sweat, and by thy death, deliver me, I beseech thee, from sudden unprepared death. [...] I humbly pray thee, let me not die unprepared, and pass from this life without the Holy Sacraments.<sup>494</sup>

Gheibhear ùrnaighean mar seo ann an *lùl a' Chrìostaidh*, a bhios a' cur cuideam air an ungadh dheireannach. Mar eisimpleir, seo "Urnaigh air son Bas Sona" mar a tha e a' nochdadh san t-siathamh eagraan de dh'*lùl a' Chrìostaidh* (1885):

O Mhoire, 'ghineadh gun smal, guidh air ar sonn-ne 'tha ruith fo d' dhìon. A Dhìdein nam peacach, a Mhàthair na feadhach a tha 's an tarrainn, na tréig sinn aig uair ar bàis, ach gléidh dhuinn làn bhròn-chridhe, fìor-aithreachas, mathanas ar peacannan, deagh chomanachadh deireannach, neartachadh sàcramaid na h-Ola-romh'n-bhàs, air dhòigh 's gu'm faod sinn gu tiarainnte dol air bialaobh a' bhrithimh cheart, ach thròcairich, ar Dia agus ar Slànair. Amen.<sup>495</sup>

'S e eadar-theangachadh a tha seo de dh'ùrnaigh a tha a' nochdadh anns a' chruinneachadh de dh'ùrnaighean aig a bheil laghadh-eaglaise ceadaichte leis a' Phàpa, an *Raccolta*, a chaidh fhoillseachadh le ball de Choitheanal nan Laghadh (*Congregation of Indulgences*), a' chiad uair ann an 1807.<sup>496</sup> Gheibhear an aon ùrnaigh ann an Laideann agus anns a' Bheurla anns a' chòigeamh eagraan (1880) dhen eadar-theangachadh Beurla a rinn Mgr Ambrose St John, a nochd an toiseach ann an 1857.<sup>497</sup> 'S e seo a' chiad uair a chaidh tùs na h-ùrnaigh Ghàidhlig seo aithneachadh ann an obair sgoileireil agus an eisimpleir seo a' sealltainn gu bheil rannsachadh ri dhèanamh air tùsan nan ùrnaighean eadar-theangaichte ann an *lùl a' Chrìostaidh*. Coltach ris na h-eadar-theangachaidhean de laoidhean Beurla aig Mgr Faber a rinn Mgr Ailein air an tugadh sùil ann an Caibideil 2, chithear an seo mar an Eaglais Chaitligeach aig ìre eadar-nàiseanta a' toirt buaidh air na cleachdaidhean agus air na h-ùrnaighean a bha gam moladh do Chaitligich nan Eileanan Siar ann an leabhraichean cràbhaidh Gàidhlig. 'S e ceist eile a th' ann an do ghabh ùrnaighean bàis foillsichte mar seo àite ùrnaighean dùthchasach mar "Am Pears'-Anma." Tha tuilleadh rannsachaidh a dhìth gus a' cheist seo a fhreagairt gu h-iomlaine, ach le bhith a' breithneachadh air an fhianais a tha anns a' chaibideil seo, tha e nas coltaichte gur e tionndaidhean foillsichte

<sup>494</sup> *The Key of Heaven* (1874), 382-383.

<sup>495</sup> *lùl a' Chrìostaidh* (1885), 317. Faic *lùl a' Chrìostaidh* (1963), 275.

<sup>496</sup> "Raccolta," ann an *New Catholic Encyclopedia*, 2na eagraan, Vol. 11 (2003), 886.

<sup>497</sup> *The Raccolta*, 5mh eagraan (1880), 323-324. Faic "Raccolta," *New Catholic Encyclopedia*, 886.

de dh'ùrnaighean a bha co-dhiù am beul an t-sluaigh a fhuair làmh an uachdair suas dhan 20mh linn seach ùrnaighean anns nach robh freumhan beul-aithriseach sam bith.

#### 4.6 “Am Pears’-Anma” agus an t-anam

Anns a’ “Phears’-Anma” fhèin agus ann am fiosrachadh a thaobh chleachdaidhean mu thimcheall air, gheibhear beachd air ciamar a bhiodh Gàidheil Chaitligeach a’ faicinn anam mhic an duine. Tha ainm na h-ùrnaigh gu ìre doilleir, ach tha coltas ann gu bheil e a’ comharrachadh a’ bheachd gum biodh anam duine a’ fagail a’ chuirp aig uair a’ bhàis, agus sin far am faighear pearsa an duine. Bidh *Athghearradh Teagaisg Chriosta* (1886) a’ mìneachadh mar a tha Caitligich a’ tuigsinn a’ chàirdeis eadar corp agus anam duine mar fhreagairt air a’ cheist “Ciod e duine?": “Se ’n duine creutair le colunn, agus le anam reusanta, air a chruthachadh ri iomhaidh Dhe.”<sup>498</sup> Tha mìneachadh ann cuideachd air mar as e an t-anam a tha coltach ri Dia, “oir se ’n t-anam spiorad aig am bheil tuigse, meadhair, agus toil, mar tha aig Dia fhein.”<sup>499</sup>

Tha beachd air ciamar a bhios an t-anam a’ fàgail a’ chuirp air a chur an cèill le Peigi NicNèill, a rèir nan notaichean aig Alasdair MacGilleMhìcheil. Mar bha ri fhaicinn gu h-àrd, thug NicNèill tionndaidhean dhen “Phears’-Anma” agus dhen “Althachadh Laighe” do MhacGilleMhìcheil ann an 1901. Eadar na tar-sgrìobhaidhean dhen dà ùrnaigh seo, gheibhear am fios: “The man parts with the soul in glumags like a person a tilgeol.”<sup>500</sup> Tha coltas ann gu bheil seo a’ ciallachadh gum biodh neach a’ cur a-mach anam aig uair a’ bhàis, mar leanabh a’ dèanamh glumag. Ma dh’fhaodte gum faighear an tuairseul seo annasach san latha an-diugh, ach ’s e beachd cumanta a bh’ ann san Roinn Eòrpa sna meadhan-aoisean gum fàgadh an t-anam corp duine troimh a bheul.<sup>501</sup> Chithear cuideachd ceangal eadar an creideamh seo agus mar a ghabhadh “Am Pears’-Anma”

<sup>498</sup> *Athghearradh Teagaisg Chriosta* (1886), 5.

<sup>499</sup> *Athghearradh Teagaisg Chriosta* (1886), 5.

<sup>500</sup> Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhatair, GB-237-Col-97-CW 110/12, 5v, <http://129.215.17.128/cwatson/en/fulltexttranscription/4207/0>. Ceangal a-nis marbh (2023).

<sup>501</sup> Faic Nancy Mandeville Caciola, “The Wicked and the Damned,” *Terrain: anthropologie & sciences humaines* 69 (April 2018): <https://journals.openedition.org/terrain/16630#text>; Beata Wojciechowska, “The Remembrance of the Deceased in the Traditional Polish Culture of the Middle Ages,” ann an *Cultures of Death in Medieval and Early Modern Europe*, deas. Mia Korpiola agus Anu Lahtinen (2015), 44.

air beulaibh duine aig uair a' bhàis ann an tòrr dhe na tuairisgeulan gu h-àrd. Chan ann dìreach air sàilleabh 's gun robh anail mu dheireadh an duine a' tighinn a-mach à bheul. Mar a sgrìobhas Nancy Caciola:

At death the spirit or soul was exhaled with the final breath, a tradition that was represented in medieval iconography by showing a small person emanating from the corpse's mouth.<sup>502</sup>

Mar sin, chithear leantainneachd eadar creideamhan a' dol air ais fad linntean san Roinn Eòrpa agus cleachdaidhean mu thimcheall air a' "Phears'-Anma."

#### 4.7 An dreuchd aig Naomh Mìcheal anns a' "Phears'-Anma"

Chithear anns na diofar thionndaidhean dhen "Phears'-Anma" gu h-àrd gu bheil Naomh Mìcheal air ainmeachadh gu tric, gu h-àraid san earrann mu dheireadh dhen ùrnaigh. Tha coltas ann gun robh àite cudromach ann an creideamh nan Gàidheal Caitligeach aig an naomh seo, co-dhiù suas ri meadhan na 20mh linn, agus àite cudromach air a bhith aig Là Fhèill Mhìcheil sna h-Eileanan Siar fad linntean.<sup>503</sup>

Sgrìobhaidh Mgr Ailein san leabhar-notaichean a chum e eadar 1887 agus 1890:

St Michael is the Saint who is most invoked in S. Uist after our Blessed Lady. The epithet "mìn" is applied to him. A bannock is prepared for St Michael's called "Strùdhan na h-'eill Mìcheil." Wild carrots are presented on St. Michael's day by the girls in a house to male visitors. An effort is made to have a bottle of whisky in the house also on St Michael's. Even yet the people regularly ask if St Michael's is not a holiday of obligation.<sup>504</sup>

Ann an *Carmina Gadelica* 1, tha MacGilleMhìcheil a' toirt seachad tuairisgeul nas sgeadaiche dhen naomh:

St. Michael is the Neptune of the Gael. He is the patron saint of the sea, and of maritime lands, of boats and boatmen, of horses and horsemen throughout the West.<sup>505</sup>

<sup>502</sup> Nancy Caciola, "Breath, Heart, Guts: The Body and Spirits in the Middle Ages," ann an *Communicating with the Spirits*, deas. Gábor Klaniczay agus Éva Pócs (2005), 31.

<sup>503</sup> Tha fiosrachadh mionaideach air mar a bha Là Fhèill Mìcheil air a chomharrachadh sna h-Eileanan Siar san 18mh linn agus san 19mh linn aig Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, "Leisure and Recreation in an Age of Clearance," ann an *Celtic Cosmology*, deas. Jacqueline Borsje, Ann Dooley, Séamus MacMathúna agus Gregory Toner (2014), 207-248.

<sup>504</sup> EUL CW 58A, 3r, Àireamh 13.

<sup>505</sup> Carmichael, *CG* 1, 200. Tha Stiùbhart a' cur sùil sgrùdach air an tuairisgeul ainmeil aig MacGilleMhìcheil air Là Fhèill Mìcheil ann an *CG* 1 (200-217) ann an "Leisure and Recreation," 251-265. Faic Reddy, "Ùrnaighean," 12-16.



Tha Rubh' Àird Mhìcheil ann an Uibhist a Deas air a bhith na àite cudromach a thaobh chleachdaidhean creideamh an t-sluaigh fad linntean. Tha e coltach gun robh eaglais an sin sna meadhan-aoisean, agus tha cladh ann a bhios ga chleachdadh gus an latha an-diugh.<sup>506</sup> Tha dà eaglais Chaitligeach air a bheil ainm Naoimh Mhìcheil ann an Uibhist a Deas: an eaglais aig Àird Choinnich ann an ceann a tuath Uibhist a Deas a chaidh a thogail ann an 1829<sup>507</sup> agus an eaglais a thog Mgr Ailein Dòmhnallach ann an Èirisgeidh ann an 1903.<sup>508</sup> Tha Clancy agus Evemalm-Graham a' toirt seachad fianais chudromach air mar a sgaoil cràbhadh do Naomh Mìcheal air feadh na Roinn Eòrpa sna meadhan-aoisean agus a' cur chleachdaidhean ceangailte ri Là Fhèill Mìcheil ann an Uibhist anns a' cho-theagsa seo:

However deeply embedded in Hebridean life these customs were, they belong to a European, rather than simply Gaelic or Celtic, spectrum of Michaelmas traditions, which can be seen running from the Middle Ages to the present.<sup>509</sup>

Dh'fhaodar an dreuchd aig Naomh Mìcheal anns a' "Phears'-Anma" a chur san aon cho-theagsa eachdraidheil agus Eòrpach agus esan a' toirt anamannan gu Flathanas. Mar as àbhaist, gheibhear loidhne san ùrnaigh a leithid "cuir Mìcheil geal a chòmhill m' anmanna." Chan e creideamh sònraichte am measg nan Gàidheal a bh' ann gum biodh Naomh Mìcheal a' treòrachadh anman dhaoine gu ruige na siorraidheachd, ach san Eaglais Chaitligich air fad.<sup>510</sup> Anns an *Catholic Encyclopedia* (1911), gheibhear na ceithir dreuchdan a th' aig Naomh Mìcheal a rèir traidisean na h-Eaglaise. Is iad a bhith a' sabaid an aghaidh Sàtan; a bhith a' dìon poball Dhè; a bhith a' teasraigeadh nan creidmheach bho chumachd Sàtain, gu h-àraid aig uair a' bhàis; agus a bhith a' còmhdhail anman dhaoine gu breitheanas Dhè.<sup>511</sup> Ged a chaidh a dhèanamh fada ron àm air a bheilear a' toirt sùil san tràchdas seo, tha ìomhaigh Naoimh Mhìcheil air uaigh

<sup>506</sup> Faic Clancy agus Evemalm-Graham, "Àird Mhìcheil," Eòlas nan Naomh, <https://uistsaints.co.uk/south-uist/aird-mhicheil/>.

<sup>507</sup> Faic Michael MacDonald, "St Michael's Ardkenneth," <http://www.uist-rc.org.uk/st-michaels-ardkenneth.html>. Ceangal a-nis marbh (2023).

<sup>508</sup> Tha Stiùbhart a' toirt iomradh air litrichean eadar Mgr Ailein agus MacGilleMhìcheil anns an do bhrosnaich MacGilleMhìcheil Mgr Ailein gus ainm Naoimh Mhìcheil a chur air an eaglais ùir. "Leisure and Recreation," 256.

<sup>509</sup> Clancy agus Evemalm-Graham, "Mìcheal," Eòlas nan Naomh, <https://uistsaints.co.uk/saints/micheal/>.

<sup>510</sup> Faic Richard F. Johnson, *Saint Michael the Archangel in Medieval English Legend* (2005), 71-86.

<sup>511</sup> Frederick Holweck, "St. Michael the Archangel," ann an *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 10 (1910), <https://www.newadvent.org/cathen/10275b.htm>.

Alasdair Chrotaich (1528) ann an Eaglais Chliamhain, Roghadail, na Hearadh<sup>512</sup> gu math freagarrach anns an dòigh a tha e a' glacadh nan dreuchdan seo agus tuairisgeul anam mhic an duine a fhuaras gu h-àrd. Anns an ìomhaigh, a tha os cionn na h-uaigne far an robh corp Alasdair Chrotaich na laighe, tha Naomh Mìcheal a' sabaid le Sàtan airson anam ann an cruth duine bhig eatarra.<sup>513</sup>

Bidh ùrnaighean do Naomh Mìcheal ag iarraidh air a chobhair aig uair a' bhàis a' nochdadh ann an leabhraichean cràbhaidh Caitligeach, an dà chuid ann am Beurla agus ann an Gàidhlig, a bha cumanta aig deireadh na 19mh linn agus san 20mh linn suas gu Dàrna Comhairle a' Bhatacain. Anns na trì eagrain mu dheireadh de *Iùl a' Chrìostaidh* (1885, 1901 agus 1963) gheibhear an ùrnaigh seo fo ainm "Urnaigh ri N. Mìcheil an t-Ardaingean":

O Phrionnsa armailt nèamh, a Naomh Mìcheil, a thilg sìos an t-aingean uaibhreach agus a ghasraidh uile do ghrund ifrinn! O dhìon 's a thiarmainn na h-Eaglaise! O Dhìdinn nan anmannan a tha 'fagail an t-saoghail so! Cuidich m'anam-sa 'an spàirn a' bhais, 's mi 's an uair gu dùrachdach ga 'earbsa riut. Dìon e bho uile ionnsaidhean nàmhaid; gabh a chùram ort a' fàgail an t-saoghail so, agus a dhìon 'an aghaidh uile cheilg nan deomhan, agus leig a stigh e do ghlor fhlathanais far am bi e, maille ris na h-ainglean uile, a' moladh Dhè le cliù sìorruidh. Amen.<sup>514</sup>

Tha e coltach gur e eadar-theangachadh a tha ann an seo, ach cha d' fhuaras tùs dhan ùrnaigh seo thuige seo. Chan e tionndadh dhen ùrnaigh do Naomh Mìcheal a chaidh a mholadh leis a' Phàpa Leo XIII ann an 1886 ri gabhail às dèidh na h-Aifrinn, ged a tha eileamaidean sa chumantas.<sup>515</sup> Dh'fhaodadh i a bhith stèidhichte air ùrnaighean a tha a' nochdadh aig deireadh "Angelical Crown in Honour of St. Michael the Archangel" mar a tha iad a' nochdadh anns an *Raccolta* (1880).<sup>516</sup>

Anns na trì eagrain mu dheireadh de dh'*Iùl a' Chrìostaidh*, agus ann an *Lòchran an*

<sup>512</sup> "Harris, Rodel, St Clement's Church," Àrainneachd Eachdraidheil Alba, Canmore, <https://canmore.org.uk/site/10521/harris-rodel-st-clements-church>.

<sup>513</sup> Clancy agus Evemalm-Graham, "Mìcheal," Eòlas nan Naomh, <https://uistsaints.co.uk/saints/micheal/>.

<sup>514</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1885) 288-289. Faic *Iùl a' Chrìostaidh* (1901), 299-300; agus *Iùl a' Chrìostaidh* (1963) 251.

<sup>515</sup> Faic "Leonine Prayers," ann an *New Catholic Encyclopedia*, 2na eagan, Vol. 8 (2003), 500. Tha an ùrnaigh seo a' nochdadh san eagan mu dheireadh de dh'*Iùl a' Chrìostaidh* (1963) mar phàirt de dh'"Urnaigh an deidh na h-Aifrinne," 85.

<sup>516</sup> *Raccolta* (1880), 262-263.

*Anma* (1906), mar phàirt de “Urnaigh ’an Spairn a’ Bhais” gheibhear an t-iarrtas seo às leth an neach a tha a’ bàsachadh: “Gabhadh Naomh Micheil Ardaingeil Dhè aig am beil ceann-feadhnas air feachd fhathanas, greim dheth (*dhi*).”<sup>517</sup> Tha coltas ann gu bheil an ùrnaigh seo ann an *lùl a’ Chrìostaidh* mar phàirt de dh’eadar-theangachadh de shreath dh’ùrnaighean a rachadh a ghabhail aig uair a’ bhàis, a bhios a’ nochdadh ann an *The Key of Heaven* sa Bheurla.<sup>518</sup> ’S e seo an dreach Beurla dhen aon loidhne a gheibhear ann: “Let the archangel, St. Michael, the chief of the heavenly host, conduct him [*her*].”<sup>519</sup> Tha na h-ùrnaighean seo gu h-àrd uile nan eisimpleirean de chràbhadh prìobhaideach air neo cràbhadh san dachaigh. Coltach ris an ùrnaigh bàis eadar-theangaichte eile ann an *lùl a’ Chrìostaidh* air an tugadh sùil na bu tràithe sa chaibideil seo, chan eil fianais ann an robh Caitligich nan Eilean Siar a’ gabhail na h-ùrnaigh seo mar phàirt dhen chràbhadh prìobhaideach aca.

A bharrachd air an ùrnaigh do Naomh Mìcheal a mhol am Pàpa Leo XII agus a bha ga gabhail aig deireadh na h-Aifrinn bho 1886 gu ruige atharrachaidhean Dàrna Comhairle a’ Bhatacain, bha Naomh Mìcheal cuideachd air ainmeachadh ann an ùrnaigh an tabhartais anns an Aifreann tòrraidh:

Dómine Iesu Christe, Rex glóriae, líbera ánimas óminum fidélium defunctótum de poenis inféri et de profúndo lacu: líbera eas de ore leonis, ne absórbeat eas tártarus, ne cadant in obscúrum: sed sígnifer sanctus Mícheal repraeséntet eas in lucem sanctam: Quam oblim Abrahae promísísti et sémini ejus.<sup>520</sup>

Tha an fhianais seo a’ sealltainn gun robh a bhith a’ gairm air Naomh Mìcheal aig uair a’ bhàis mar phàirt de chreideamh is cràbhadh coitcheann san Eaglais Chaitligich air fad, an dà chuid ann an cràbhadh na dachaigh agus cràbhadh poblach, seach aig na Gàidheil gu sònraichte. Mar sin, nuair a thèid Naomh Mìcheal ainmeachadh anns an dà thionndadh dhen “Phears’-Anma,” dh’fhaodadh seo a bhith na shamhla air an àite chudromach a bh’ aig an naomh seo ann an cràbhadh nan Gàidheal, gu h-àraid

<sup>517</sup> *lùl a’ Chrìostaidh*, (1885), 344. Faic *lùl a’ Chrìostaidh* (1901), 355; *lùl a’ Chrìostaidh* (1963), 305; agus *Lòchran an Anma* (1906), 156.

<sup>518</sup> Faic *The Key of Heaven* (1874), 392-409, an taca ri *lùl a’ Chrìostaidh* (1885), 332-344.

<sup>519</sup> *The Key of Heaven* (1874), 408.

<sup>520</sup> O Thighearna Ìosa Chrìosta, rìgh na glòrach, saor anamman nam marbh-chreideach uile o phiantan Ifrinn agus on shloc gun bhonn. Saor iad o bheul an leòmhan; na leig iad a bhith air an sluicadh ann an Ifrinn no a bhith a’ tuiteam ann an dorchadas. Gun toireadh Naomh Mìcheal am fear-brataich iad dhan t-solas naomh a gheall thu o chionn fhada do dh’Abraham agus a shliochd. *The Missal in Latin and English* (1962), 234. Eadar-theangachadh leis an ùghdar.

muintir nan Eileanan Siar mu dheas, ach chan ann agus nach robh an cràbhadh seo na phàirt dhen chreideamh aig Caitligich air fad aig an àm.

#### 4.8 Ùrnaighean oidhche agus ùrnaighean bàis

Tha e air a bhith cumanta do Chaitligich a bhith ag ùrnaigh aig àm cadail, a' guidhe do Dhia a bhith gan glèidheadh air feadh na h-oidhche agus a' dèanamh aithreachais airson nam peacannan a rinn iad. Tha seo ri fhaicinn san uair chananach (*canonical*) air a bheil *Compline* a bhios sagairt, agus a h-uile neach ann am bòidean cràbhaidh, a' gabhail mun tèid iad a laighe. Tha ceangal eadar deireadh an latha agus deireadh beatha, cadal agus bàs air a bhith cumanta cuideachd anns a' chreideamh Chaitligeach.<sup>521</sup> Gheibhear an aon cheangal san ùrnaigh oidhche do chloinn ann am beul-aithris Beurla:

Now I lay me down to sleep  
I pray the Lord my soul to keep  
If I should die before I wake  
I pray the Lord my soul to take.<sup>522</sup>

Ann an sreath de dh' ùrnaighean cumanta Caitligeach a chaidh a chlàradh ann an 1972 aig Anna NicDhòmhnaill, à Allt an Dotair ann an Siorramachd Antaignis, le Gòrdan MacIllFhialain à Taigh-tasgaidh Siobhantas Chanada, bidh NicDhòmhnaill an toiseach a' toirt seachad feadhainn dhe na h-ùrnaighean Caitligeach as cumanta: A' Chreud, Ar n-Athair, Fàilte dhut a Mhoire, agus Glòir dhan Athair. An uair sin, bidh ise a' gabhail a' "Phears'-Anma":

Ìosa a-nochd  
Bhith ceusadh gu goirt  
A' fallainn gu nochd  
M' anam-sa a-nochd  
Ò Iudas  
Ìosa mhic na fal' firinneach  
Na dìobar mi bho taigh do dhireadh  
Nach iomadh olc  
'S a rinn mo chorp  
Nach urrainn dhomh nochd  
A chuimhneachadh

<sup>521</sup> Faic Charles Pope, "The Night Prayer of the Church as a Rehearsal for Death," *Community in Mission*, Archdiocese of Washington, 05.03.2015, <http://blog.adw.org/2015/03/the-night-prayer-of-the-church-as-a-rehearsal-for-death/>.

<sup>522</sup> 'S e seo a' chiad ùrnaigh oidhche a dh'ionnsaich mi fhìn bho mo mhàthair agus mise nam phàiste ann an Ceap Breatainn sna 1980an.

An ainm an Athar, 's a Mhic, 's a Spiorad Naomh. Amen.<sup>523</sup>

Leis a' "Phears'-Anma" ann aig deireadh na sreath de dh'ùrnaighean aig NicDhòmhnaill, gheibhear beachd gur e ùrnaigh chumanta a bh' ann dhise, agus gun robhar ga gabhail mar ùrnaigh chumanta a h-uile latha, coltach ris na h-ùrnaighean eile san t-sreath. Mar sin, tha coltas ann gur e ùrnaigh oidhche a th' innte san t-suidheachadh seo, seach ùrnaigh aig àm a' bhàis.

An taca ri seo, anns an leabhar *To the Edge of the Sea* (1999), bidh an t-ughdar, Christina Hall, ag innse mar a theab a h-athair bàthadh air turas dhan t-soitheach bhriste, *Am Politician*, eadar Uibhist a Deas agus Èirisgeidh, gus uisge beatha fhaighinn. Nuair a smaoinicheas companaich athair gun deach a bhàthadh, sgrìobhaidh Hall:

When he made it to the deck, the entire raiding party were on their knees praying, the Protestants reciting a psalm and the Catholics chanting the prayer for the dying, "Dia 'nochd athair nam bochd."<sup>524</sup>

A rèir Hall, a rugadh 's a thogadh ann an Uibhist a Deas ri linn an dàrna cogaidh, 's e ùrnaigh bàis a th' ann an seo.

Tha an ceangal eadar ùrnaighean oidhche agus bàs ri fhaicinn aig ùrnaigh dhùthchasach eile a chaidh a clàradh aig Dòmhnall Ailein MacCuithein, às an Ìochdar, Uibhist a Deas, ann an 1965. Bidh MacCuithein a' toirt seachad na h-ùrnaigh, air a bheil "Na Ceithir Chrìocha Deireannach":

Am bàs, am breitheanas, Ifhrinn is Flathanas  
Ma gheobh sinn bàs ann am peacadh trom,  
Tha sinn caillt' gu sìorraidh  
O Dhia iochdmhor, dèan trocair oirne.

An uair sin, bidh MacCuithein a' mìneachadh:

---

<sup>523</sup> Anna NicDhòmhnaill, "Ùrnaighean," An Drochaid Eadarainn, <http://www.androchaid.com/%C3%B9rnaighean-0>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar. Chan eil fios ann cò às a bha sinnsearan NicDhòmhnaill, ach tha ceanglaichean aig a' mhor-chuid de na Gàidheil a thuinich san sgìre anns a bheil Allt an Dotair ri tìrean Chloinn Raghnaill, rud a tha follaiseach bho ainmean-àite na sgìre: Arasaig, Mòrar, Cnuideart is eile. Thuinich muinntir Bharraigh nam measg cuideachd, agus mar sin, ma dh'fhaodte gun robh ceangal aig NicDhòmhnaill ris na h-Eileanan Siar mu dheas. Faic Raymond A. MacLean, *History of Antigonish* (1976), 62.

<sup>524</sup> Christina Hall, *To the Edge of the Sea* (1999), 23.

Chan eil e sgrìobhte ann an leabhraichean eaglais taobh air thaobh. Chaidh a bàs còmhla ris na seann seanchasan a bh' aig na seann daoine, ach bha e aca daonnan na ùrnaigh mhadainne is oidhche.<sup>525</sup>

Ma dh'fhaodte gu bheil MacCuithein ceart nach eil an ùrnaigh seo air a bhith sgrìobhte thuige seo. Tha a' phuing a tha e a' dèanamh glè choltach ris na bha aig Dòmhnall Alasdair Johnson ri ràdh mun Chonair Mhoire ann an Caibideil 3, agus esan a' cur cuideam air mar a tha ùrnaighean mar seo mar phàirt de sheanchas muinntir nan Eilean, air taobh a-muigh structaran oifigeil na h-Eaglaise. Ach coltach ri suideachadh na Conair Mhoire, chan eil gnothaichean cho dìreach sin. Tha liosta dhe na "ceithir chrìocha deireannach" ri fhaighinn ann an leabhraichean cràbhaidh Gàidhlig bhon 18mh linn gus an 20mh linn.<sup>526</sup> A bharrachd air seo, tha an ùrnaigh seo glè choltach ris a' cheathramh mu dheireadh ann an laoidh le Sileas na Ceapaich (c.1660-1729) a tha a' nochdadh anns an laoidheadair aig Mgr Ailean mar "An Eaglais":

Na ceithir nitheanan mu dheireadh  
 'N am deileachadh ris an t-saoghal –  
 Bàs, breitheanas agus flathanas,  
 lutharna an rathad nach caomh leinn;  
 'S bho nach caomh leinn do na rathad  
 Bitheamaid air ar faicill daondan  
 Is fhios againn nach fhaod sinn fuireach  
 'Nuair thig sumanadh an aoig oirnn.<sup>527</sup>

Tha an coltas eadar an ceathramh seo agus an ùrnaigh aig MacCuithein nas fhaisge san tionndadh a gheibhear ann an "Unpublished Old Gaelic Songs" aig Cailean Siosal:

Na ceithir crìochan mu dheireadh  
 'N am dealachadh ris an t-saoghal;  
 Bas, Breitheanas, a's Flathanas,  
 'S Ifrinn an rathad nach caomh lein,  
 'S bho nach caomh leinn dol g'a fhaicinn  
 Biomaid air ar faicill daonnan,  
 Is cinnteach mi nach fhaod sinn fuireach  
 'N uair thig sumanadh o'n aog oirnn.<sup>528</sup>

<sup>525</sup> Dòmhnall Ailein MacCuithein, "Na Ceithir Chrìocha Deireannach," TanD, SA1965.83.B4, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/108570?l=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

<sup>526</sup> Mar eisimpleir, faic "Na Ceithair nithe deirionach air am minuchadh" ann *Aithghearradh na Teagaisg Chrìosduidh* (1781), 479; agus *Aithghearradh Teagasg Chrìosta* (1886), 41. Faic *lùl a' Chrìostaidh* (1834), 9; *lùl a' Chrìostaidh* (1885), 7; *lùl a' Chrìostaidh* (1901), 7.

<sup>527</sup> MacDonald, *Comh-chruinneachadh*, 26.

<sup>528</sup> Colin Chisholm, "Unpublished Old Gaelic Songs," *TGSI* 12 (1885-1886): 118-166. Faic Colm Ó Baoill, *Bàrdachd Shilis na Ceapaich* (1972), 217-218.

A rèir Shiosail, “Every song on my list for this evening I used to hear, and could recite parts of them before I left Strathglass, over fifty years ago.”<sup>529</sup> Mar sin, tha coltas ann gun robh an laoidh aig Sìleas na Ceapaich am beul an t-sluaigh ann an co-dhiù aon choimhearsnachd Chaitligeach air a’ Ghàidhealtachd san 19mh linn. Tha diofraichean gu leòr eadar an dà thionndadh seo: ’s e ùrnaigh ghoirid oideachail a th’ aig MacCuithean, seach an tuairisgeul smuaineachail air eilemaidean dhen chreideamh Chaitligeach a th’ anns an laoidh air fad aig Sìleas na Ceapaich. Dh’fhaodadh a bhith gu bheil freumhan sa chumantas san dà rann, ’s dòcha san “rhythmical Catechism once in vogue among the Catholics of Uist” air a bheil Mgr Ailein a’ toirt iomradh.<sup>530</sup> Co-dhiù no co dheth, tha an tuairisgeul aig MacCuithean a’ sealltainn gun robh ùrnaighean a bhiodh a’ toirt air daoine a bhith a’ smaoinichadh mu bhàs air an gabhail gu làitheil aig Caitligich nan Eileanan Siar san 20mh linn, a bharrachd air a’ “Phears’-Anma.” Cuideachd, chithear anns an eisimpleir seo, coltach ris a’ “Phears’-Anma,” gum faodadh freumhan toinnte a bhith aig ùrnaighean dualchasach dha leithid, a’ gabhail a-steach thùsan air taobh a-muigh na coimhearsnachd dùthchasaich agus a’ tarraing air teagsaichean oifigeil na h-Eaglaise.

#### 4.9 Co-dhùnadh

Anns a’ chaibideil seo, chaidh sùil a thoirt air a’ “Phears-Anma” mar eisimpleir de dh’ùrnaigh a bha ri fhaighinn am measg Chaitligeach sna h-Eileanan Siar bho dheireadh na 19mh linn suas gus an latha an-diugh. Chunnacas gun robh caochladh thionndaidhean dhen ùrnaigh seo ann air taobh a-staigh nan coimhearsnachdan seo, a bharrachd air tionndaidhean a bha rim faighinn ann an coimhearsnachdan ann an Alba Nuadh far an do thuinich Gàidheil Chaitligeach aig toiseach na 19mh linn. Le bhith a’ dèanamh sgrùdadh air na tionndaidhean seo, fhuaras cothrom a bhith a’ breithneachadh mar a nochdas an ùrnaigh seo ann an cruinneachaidhean beul-aithris agus ann an clò, agus mar a dh’fhaodadh dreachan foillsichte dhen ùrnaigh seo buaidh a thoirt air tionndaidhean dhen ùrnaigh am beul an t-sluaigh. Chunnacas cuideachd gu bheil “Am Pears’-Anma” agus ùrnaighean bàis eile a’ cur an cèill chreideamhan agus

<sup>529</sup> Chisholm, “Unpublished Old Gaelic Songs,” 118.

<sup>530</sup> EUL CW 58A, 10r, Àireamh 45.

chleachdaidhean dùthachasach aig Caitligich nan Eilean Siar agus mar a tha na creideamhan seo ceangailte ri cleachdaidhean coitcheann na h-Eaglais Caitligich, ged nach eil seo daonnan soilleir sa cho-theagsa san tèid am foillseachadh.

Tha an sgrùdadh seo a’ dearbhadh nach robh na Gàidheil Chaitligeach sna h-Eileanan Siar a’ tighinn beò le creideamh air nach tug an saoghal mòr buaidh. Tha ùrnaighean mar a’ “Phears’-Anma” freumhaichte ann an creideamhan agus cleachdaidhean san Eaglais Chaitligich, ged a tha seo air a chleith gu ìre sna dreachan a nochd ann an *Carmina Gadelica* aig Alasdair MacGilleMhìcheil. Mar a sgrìobhas Stiùbhart mu ùrnaighean an leithid a’ “Phears’-Anma”:

Far from offering fading echoes of an early Celtic church, a substantial portion of *Carmina Gadelica* shares much in common with vernacular Christianity across Europe: that is, it represents secular appropriations, translations, and elaborations of benedictions, exorcisms, supplications, and blessings most likely derived from late medieval Catholicism, from early modern Catholic missionary endeavours, and maybe even from more recently printed tracts and prayer books.<sup>531</sup>

Tha a’ chaibideil seo air sealltainn gu bheil an tuairisgeul seo freagarrach don “Phears-Anma” agus ùrnaighean eile ceangailte ris à coimhearnsachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar.

---

<sup>531</sup> Stiùbhart, “Theology,” 3.



## Caibideil 5: Seallaidhean air Creideamh agus Cràbhadh Poblach

Bheir a’ chaibideil seo sùil air mar a tha creideamh nan Caitligeach sna h-Eileanan Siar air a bhith ga chur an cèill agus ga thaisbeanadh an dà chuid le daoine air taobh a-staigh agus taobh a-muigh nan coimhearsnachdan seo san 19mh linn agus an 20mh linn. Thèid breithneachadh air ìomhaighean nan Eilean an dà chuid mar thèarmann Caitligeach agus mar àitichean a tha gu sònraichte “spioradail” agus “Ceilteach” far a bheil Caitligeachd muinntir nan Eilean air a dhol am falach. Bheirear sùil air mar a thug an càirdeas eadar Caitligich agus Pròstanaich buaidh air mar a tha creideamh Caitligich nan Eilean ga thaisbeanadh, a bharrachd air buaidh ghluasadan ann an cultar Eòrpach mar “Celticism” agus an Glusad Liotuirgeach san Eaglais Chaitligich air ainmean agus dreach nan eaglaisean Caitligeach sna h-Eileanan Siar. Mu dheireadh, thèid sealltainn air trì cleachdaidhean cràbhaidh poblach, Slighe na Croise, cràbhadh don Chridhe Naomh agus Beannachadh na Sàcramaid, mar làcasan creideimh far am faicear an t-eadar-obrachadh eadar gluasadan san Eaglais Chaitligich air fad agus cleachdaidhean creideimh ionadail.

### 5.1 Na h-Eileanan Siar mu dheas mar thèarmann Caitligeach no thèarmann “Ceilteach”

Le bhith sgrùdadh grunn thuaisgeulan air Barraigh a nochd sna meadhanan Beurla ann am Breatainn san 19mh linn agus an 20mh linn, chithear tèama cumanta: gur e seòrsa de thèarmann Caitligeach a th’ ann am Barraigh, agus gu bheil cànan, cultar agus creideamh muinntir an eilein ga fhàgail mar àite air leth, co-dhiù a bheil seo na adhbhar molaidh no adhbhar càinidh. Mar sin, bha na tuairisgeulan seo a’ cleachdadh an eilein mar phailmseist air an cuirear beachdan cumanta mu na Gàidheil agus mu Chaitligich a rèir an ama a chaidh an sgrìobhadh agus an luchd-leughaidh air a bheil iad ag amas. Thèid na tuairisgeulan seo a chur ann an co-theagsa sgrìobhadh mu na h-Eileanan Siar mu dheas far a bheil Caitligeachd muinntir nan Eilean ga taisbeanadh air neo ga cleith a rèir adhbharan an sgrìobhadair, gu h-àraid a rèir an luchd-leughaidh a bha fa-near dha.

Nochd alt anns a’ phàipear-naidheachd *The Dundee Evening Telegraph* ann an 1877 air an robh an ceann-naidheachd, “The Effect of the Gaelic Language on the Barra Islanders,” agus e na earrann à pìos a sgrìobh William Chambers (1800-1883) ann an *Chambers’s Journal of Popular Literature, Science and Art* san aon bhliadhna.

Gheibhear anns an alt seo an sealladh gu h-ìseal:

Some years ago, it was our fortune to pay a visit to Barra, one of the Outer Hebrides, and the feeling which rose in our mind was that what we beheld was a specimen of Scotland as it existed in the sixth century, when St Columba spread a knowledge of Christianity in the western Caledonian regions. We seemed to step back twelve hundred years. It was a marvellous kind of look into antiquity. In their language, in their rude dwellings of stone and turf, in their religious forms, and in their dress, the people belonged to a far-back age. Their existence was an anachronism.<sup>532</sup>

Leis an tuairisgeul seo, tha Chambers, a’ sgrìobhadh do luchd-leughaidh choitcheann ann an iris mhòr-chòrdte,<sup>533</sup> a’ dèanamh a-mach gu bheil cànan, dòigh-beatha agus creideamh muinntir Bharraigh fada air ais an taca ris a’ chòrr dhen dùthaich, agus gur e cùis maslachaidh a th’ ann. Tha am beachd nach robh Caitligich cho “adhartach” ’s a bha Pròstanaich cumanta ann am Breatainn san 19mh linn agus tha seo a’ tighinn tarsainn anns a’ chiad eagan dhen iris *Chambers’s Journal of Popular Literature, Science and Art* a nochd ann an 1832. Tha Chambers a’ sgrìobhadh gu bheil e an dùil gun tèid an iris a leughadh “with as much avidity at the cheerless firesides of the Irish Catholic peasantry, as at those of the more highly cultivated Presbyterian cottars of my native land.”<sup>534</sup> Ged a tha fianais mar seo ann a thaobh bheachdan mu Chaitligich Èireannach, chan eil sgoilearachd air ìomhaighean Gàidheil Chaitligeach na h-Alba san 19mh linn cho pailt. Tha Krisztina Fenyő air sealltainn gun robh an dealbh dhe na Gàidheil mar shluagh a bha leisg agus borb cumanta ann am pàipearan-naidheachd agus irisean ann an meadhan na 19mh linn, ach chan eil i a’ dèanamh coimeas eadar ìomhaighean de na Gàidheil ann an sgìrean Caitligeach an taca ri Gàidheil ann an

---

<sup>532</sup> “The Effect of the Gaelic Language on the Barra Islanders,” *Dundee Evening Telegraph*, 4.12.1877, 4, ann an “Iomairtean Gàidhlig,” Buidheann Facebook, post le Lachlan McKay, 18.08.19: <https://www.facebook.com/groups/412967692082332/permalink/2428205590558522/>. Faic William Chambers, “The Gaelic Nuisance,” *Chambers’s Journal of Popular Literature, Science and Art*, 723 (3.11.1877): 689-691.

<sup>533</sup> Anns na 1840an co-dhù, b’ e an iris seo tè de na h-irisean as motha ann am Breatainn. Robert J. Scholnick, “The Fiery Cross of Knowledge,” *Victorian Periodicals Review* 32, No. 4 (Winter 1999): 324.

<sup>534</sup> Faic Scholnick, “Fiery Cross,” 327.

sgìrean Pròstanach.<sup>535</sup> Tha tùsan sgoileireil gu leòr ann air gràin-chreideimh (*sectarianism*) ann an Alba bhon 19mh linn air adhart a bhios a' sealltainn gun robh beachdan mu Chaitligich mar shluagh a bha leisg agus fada air ais cumanta gu leòr, ach mar as àbhaist, tha an sgoilearachd seo a' cumail ri bailtean na Galltachd far a bheil "Caitligeach" agus "Èireannach" co-chiallach.<sup>536</sup> Mar sin, ged nach fhaighear ach iomradh air beachdan claon-bhàidheil mu Ghàidheil Chaitligeach nan Eilean Siar san tràchdas seo, tha e soilleir gu bheil beàrn rannsachaidh ann ri lìonadh a thaobh a' chuspair seo.

Nochd an t-alt aig Chambers aig an aon àm a bha Alasdair MacGilleMhìcheil a' fuireach ann am Beinn a' Bhaoghla, a' cruinneachadh beul-aithris bho mhuinntir nan Eilean.<sup>537</sup> Nuair a thòisich esan a bhith a' taisbeanadh an t-seanachais a fhuair e, chuir e air adhart ìomhaigh dhen "Ghàidheal spioradail." Ged a bha MacGilleMhìcheil a' feuchainn ri ìomhaigh nan Gàidheal àrdachadh ann an sùilean an t-saoghail mhòir,<sup>538</sup> bha e a' tarraing air an aon seòrsa bheachd a bha aig Chambers gu h-àrd, le Gàidheil nan Eilean a' tighinn beò ann an saoghal leotha fhèin, ris nach do bhean truailleadh an t-saoghail a-muigh. 'S e an diofar a bh' ann gum faca MacGilleMhìcheil seo mar bhuannachd. Mar a chunnacas ann an Caibideil 4, bha an gleans "Ceilteach" a chuir MacGilleMhìcheil air na dh'fhoillsich e a' ciallachadh nach robh Caitligeachd muinntir nan Eilean anns an do rinn e a' mhòr-chuid dhen chruinneachadh aige cho faicsinneach. Mar a bhios Meek a' cur air adhart, 's ann a dh'aona-ghnothach a chaidh seo a dhèanamh, mar phàirt de dh'iomairt "to find a broadly-based form of Christian spirituality which embraced Roman Catholicism and Protestantism."<sup>539</sup> Ach mar a tha Meek ag aithneachadh, bha tòrr a bha an sàs san iomairt seo nam ministearan

---

<sup>535</sup> Faic Krisztina Fenyő, *Contempt, Sympathy and Romance* (2000), gu h-àraidh a' chaibideil "Contempt," 46-96.

<sup>536</sup> Mar eisimpleir, faic Joseph Bradley, "Images, Perceptions and the Ghetto," ann an *Out of the Ghetto? The Catholic Community in Modern Scotland*, deas. Raymond Boyle agus Peter Lynch (1998), 95-117.

<sup>537</sup> Stiùbhart, "Alexander Carmichael and *Carmina Gadelica*," 6-7.

<sup>538</sup> Tha seo follaiseach ann an litir a sgrìobh MacGilleMhìcheil gu Mgr Ailein ann an 1905: "Everything Highland is becoming of interest. Let us try to meet this interest and to show the world that our dearly beloved people were not the rude, barbarous, creedless, godless, ignorant men and women that prejudiced writers have represented them." J.L. Campbell, "Notes on Hamish Robertson's 'Studies in Carmichael's *Carmina Gadelica*.'" *Scottish Gaelic Studies* 13 (1978): 1; John MacInnes, *Carmina Gadelica*, "Preface," (1992), 12.

<sup>539</sup> Meek, "Alexander Carmichael and 'Celtic Christianity,'" 87.

Clèireach. Mar eisimpleir, nuair a thug MacGilleMhìcheil seachad òraid air a bheil “Uist Old Hymns” aig Comann Gàidhlig Ghlaschu ann an 1888, leughaidh sinn san dreach fhoillsichte dhen òraid:

Mr. Carmichael concluded a most interesting and valuable lecture by quoting a beautiful Hymn used before retiring to rest. It would be observed, he said, that all these Hymns belonged to the Roman Catholic times, but they had been admired and considered of great value by such Protestant Divines as the late Rev. Dr. MacLauchlan, Edinburgh; the late Rev. Dr. A. Clerk, Kilmallie; and the late Rev. Dr. Cameron, Brodick, and many others.<sup>540</sup>

Tha rud no dhà ri aithneachadh sa chunntas seo: gur e “the late Rev. Dr. MacLauchlan, Edinburgh” an t-Urramach Tòmas MacLachainn, a chaidh ainmeachadh ann an Caibideil 4, a sgrìobh an leabhar buadh-mhor *The Early Scottish Church* (1865) anns an deach coimeas a dhèanamh eadar Eaglais “Cheilteach” no “Albannach” nam meadhan-aoisean a bha, mas fhìor, glè choltach ris an Eaglais Chlèireach, an taca ris an Eaglais “Ròmanach.”<sup>541</sup> A bharrachd air seo, thèid innse gu bheil na laoidhean aig MacGilleMhìcheil a’ buntainn ri “Roman Catholic times,” ma dh’fhaodte a’ tarraing air a’ bheachd gun robh freumhan meadhan-aoiseach aig na laoidhean, seach a bhith a’ comharrachadh gur ann bho Chaitligich na linn fhèin a fhuair MacGilleMhìcheil iad. Chan eil MacGilleMhìcheil a’ dol às àicheadh gu buileach gur ann bho Chaitligich na latha fhèin a thig an seachas a tha e a’ toirt seachad, ach chan eil fèill mhòr ga dhèanamh air nas motha. Tha iomradh air “the Catholic Celts of Uist” san dreach fhoillsichte de “Uist Old Hymns,” ach ’s ann ann an co-theagsa moladh a bheir “Dr. MacNicoll” à Dàil Mailidh seachad a thaobh nan sgilean cruinneachaidh aig MacGilleMhìcheil, agus esan air na laoidhean fhaighinn bho mhuinntir aig a bheil creideamh eadar-dhealaichte.<sup>542</sup>

Nuair a thig e gu *Carmina Gadelica* fhèin, chithear a-rithist nach eil cuideam ga chur air Caitligeachd sna h-Eileanan Siar mu dheas. Ann an *Carmina Gadelica* 1, leughaidh sinn: “Roman Catholicism prevails in Benbecula, South Uist and Barra,” ach ’s ann ann am

---

<sup>540</sup> Carmichael, “Uist Old Hymns,” 41, ainmichte ann am Meek, “Alexander Carmichael and ‘Celtic Christianity,’” 86.

<sup>541</sup> Meek, *Quest*, 115-116.

<sup>542</sup> Carmichael, “Uist Old Hymns,” 45.

fiosrachradh co-theagsail air laoidh, letheach-slighe tron leabhar, a gheibhear seo.<sup>543</sup>

Ann an ro-ràdh *Carmina Gadelica* 1, tha MacGilleMhìcheil a' sgrìobhadh:

Although these compositions have been rescued chiefly among Roman Catholics and in the islands, they have been equally common among Protestants and on the mainland.<sup>544</sup>

Mar sin, anns an aon sheantans, tha MacGilleMhìcheil ag aideachadh gu bheil e an comain Chaitligich nan Eilean Siar mu dheas airson cha mhòr a h-uile rud a th' anns a' chruinneachadh aige, agus aig an aon àm, a' cumail a-mach nach eil seo cho cudromach agus an seachas seo a' buntainn ris na Gàidheil air fad.

Chan eil na puingean seo gan togail gus MacGilleMhìcheil a chur fo chasaid, ach gus sealltainn gun robh esan an sàs ann an cruthachadh ìomhaigh Ghàidheil nan Eilean Siar agus na cleachdaidhean creideimh aca nach do chuir cus cuideim air Caitligeachd. Bha adhbharan aige airson seo a ghabhas tuigsinn. Bidh Meek a' cumail a-mach gur e a th' ann ann an *Carmina Gadelica* 1 agus 2 ach:

A benign and well-intentioned scholarly conspiracy, involving numerous participants (most obviously Presbyterian clergymen) and aimed at vindicating the Gaels ("Hebridean Celts," no less) and their "spirituality," as well as their "education" in the eyes of outsiders.<sup>545</sup>

Ma 's e sin a bha fa-near dha, cha bhiodh e ciallach dha an teachdaireachd seo a dhèanamh nas toinnte, agus ma dh'fhaodte, ga fàgail gun a bhith cho tarraingeach do dh'urracha mòra Albannach, le bhith a' cur Caitligeachd muinntir nan Eilean Siar fa chomhair a luchd-leughaidh. Chan eil seo ri ràdh nach toireadh MacGilleMhìcheil spèis do luchd-leughaidh Chatiligeach. Mar a sgrìobhas e gu Mgr Ailein Dòmhnallach ann an 1901, as dèidh do *Charmina Gadelica* nochdadh:

It is to me a great gratification that Catholics and Protestants alike are equally generous in praise of the old Hymns and of my own share in the work. A Catholic gentleman in London writes – "I cannot make out if you are a Catholic but I can be under no mistake of your warm admiration of the poems and of your warm love for our people."<sup>546</sup>

---

<sup>543</sup> Carmichael, *CG* 1, 191.

<sup>544</sup> Carmichael, *CG* 1, xxx.

<sup>545</sup> Meek, "Alexander Carmichael and 'Celtic Christianity,'" 93-94.

<sup>546</sup> Alasdair MacGilleMhìcheil gu Mgr Ailein Dòmhnallach, 22.03.1901, Taigh Chanaigh. Mo thaing do Dhòmhnall Uilleim Stiùbhart a thug seachad tar-sgrìobhaidhean de na litrichean a sgrìobh MacGilleMhìcheil gu Mgr Ailean dhomh.

A dh'aindeoin 's gun robh e soilleir gun robh spèis aig MacGilleMhìcheil do Chaitligich, thathar an dòchas gu bheil an rannsachadh seo a' fosgladh chothroman a bhith a' coimhead air seachas muinntir nan Eilean Siar a-rithist tro shealladh Chaitligeach, agus a bhith ga dhèanamh soilleir gur ann ann an co-theagsa Caitligeach a thàinig an seachas seo gu bhith.

An taca ris an dà shuidheachadh gu h-àrd, Chambers a' cur sìos air Caitligeachd muinntir nan Eilean Siar mar fhuigheall seann-fhasanta, agus MacGilleMhìcheil ga lùghdachadh gus ìomhaigh a' "Ghàidheil spioradail" a chruthachadh, faodar coimhead air sgrìobhadh mu na h-Eileanan Siar airson luchd-leughaidh Chaitligeach aig deireadh na 19mh linn gus sealladh fhaighinn a tha coltach agus eu-choltach ris na tuairisgeulan aig Chambers agus MacGilleMhìcheil. Sgrìobh Mgr Gilleasbuig Caimbeul (1850-1921),<sup>547</sup> Ìosanach a bha stèidhichte ann an Glaschu, pìos ann an iris an òrduigh aige ann an 1896 mu a bheachdan air Barraigh às dèidh dha trì seachdainean a chur seachad ann a' toirt misean seachad. Anns a' phìos aig Caimbeul, gheibhear an aon ìomhaigh de Bharraigh mar thèarmann spioradail a bhios Chambers a' cur seachad, ach 's e moladh seach càineadh a tha Caimbeul ris.

I may safely say that I never came across, in all my experience, a more thoroughly Catholic community – everything is Catholic—the very air is Catholic – almost every word that is uttered is Catholic. A more Catholic atmosphere could hardly be found anywhere.<sup>548</sup>

Mar Chambers, tha Caimbeul dhen bheachd gu bheil taighean Bharraigh coltach ri taighean às na linntean a dh'fhalbh, agus seo mar shamhla air dòigh-beatha àrsaidh nam Barrach: "In their primitive construction and modesty of design, they remind one of what ancient history tells us of the dwelling-places of the ancient Britons."<sup>549</sup> Ach an àite a bhith na cùis-nàire, tha Caimbeul a' dèanamh ceangal ri dòigh-beatha shìmplidh muinntir Bharraigh agus cho "glan" 's a tha an creideamh aca:

---

<sup>547</sup> 'S e Gàidheal à Baile a' Chaolais a bh' ann an Caimbeul. Faic Lesley Higgins, *The Collected Works of Gerard Manley Hopkins*, Vol. 3 (2015), 546. Bha Caimbeul fhèin an sàs ann an sgrìobhadh cràbhaidh Gàidhlig agus esan eadar-theangaire an leabhran *Crabhadh do'n Tighearna Iosa ann an Sacramaid Naomh na h-Altairach* (1879).

<sup>548</sup> Archibald Campbell, "Mission at Barra," *Letters and Notices* CXXII (Jan 1896): 333-338.

<sup>549</sup> Campbell, "Mission," 334.

I can strongly endorse the words of Professor Blackie when he said, "Out of these humble peat cottages come forth faith, purity, and piety, and all else that is fruitful in the works of Heaven."<sup>550</sup>

Bidh Caimbeul a' cur crìoch air a' chunntas aige le ìomhaighean a tha gu math coltach ris an fheadhainn aig Chambers, ach a-rithist, 's e moladh seach càineadh cultar is creideamh muinntir Bharraigh a tha e ris:

There is still in the Highlands and islands of Scotland a spark of the ancient faith, notwithstanding three hundred years of Protestant rule, and that in these remote corners the faith is as green and bright as it was in the days of St. Columba, the great Apostle of Caledonia.<sup>551</sup>

Chithear anns an sgrìobhadh aig Caimbeul gun robh faileasan romansach na "Celtic Twilight" nan laighe gu trom air ìomhaigh nan Caitligeach sna h-Eileanan Siar, fiù 's mas e sagart Caitligeach a bha ga cruthachadh. Mar a bhios Fenyõ a' breithneachadh air sgrìobhadh na "Celtic Twilight," "Harsh realities were now swathed in romantic mist."<sup>552</sup> Tha Dòmhnall Meek a' toirt seachad tuairisgeul soilleir air mar a thàinig feartan a bha fasanta ann an an cultar innleachdail na Roinn Eòrpa -- "Ossianism" "Romanticism" agus "Orientalism" na h-18mh linn agus "Celticism," "Peripheralism," "Twilightism" agus "Primitivism" na 19mh linn còmhla gus ìomhaigh "Cheilteach" a chruthachadh do na Gàidheil.<sup>553</sup> Chithear ann an sgrìobhadh Chaimbeul gun robh an ìomhaigh seo a' toirt buaidh air mar a bha cuid san Eaglais Chaitligich, fiù 's Gàidheil fhèin, a' faicinn muinntir nan Eilean Siar mu dheas.

Bha an ìomhaigh romansach air na h-Eileanan Siar fhathast ri fhaicinn ann an foillseachain Chaitligeach san 20mh linn, ged a dh'adhbharaich e gearan o sgrìobhadair às na h-Eileanan fhèin. Ann an 1935, sgrìobh Geddes MacGriogair (1909-1998)<sup>554</sup> pìos san iris Chaitligeach Bhreatainneach *The Tablet* mun ùine a chuir e seachad ann am Barraigh, air an do chuir e "The Holy Scottish Isle."<sup>555</sup> Anns a' phìos seo, tha e a'

---

<sup>550</sup> Campbell, "Mission," 334.

<sup>551</sup> Campbell, "Mission," 338.

<sup>552</sup> Fenyõ, *Contempt*, 182.

<sup>553</sup> Meek, *Quest*, 38-59.

<sup>554</sup> Bha MacGriogair na Chaitligeach fad greis na òige. Ann an 1936, thill e dhan chreideamh Chlàireach, anns an deach a thogail. Ann an 1968, bha e air òrdachadh na shagart Easbaigeach sna Stàitean Aonaichte. Faic Allan W. Campbell, "Professor Geddes MacGregor" *The Scotsman*, 29.10.1998, 22.

<sup>555</sup> Geddes MacGregor, "The Holy Scottish Isle," *The Tablet*, 31.08.1935, 264.

dèanamh dealbh de Bharraigh mar “incarnate Utopia” anns nach robh uachdaran no tighearna, air neo Pròstanach. Mar a sgrìobhas e, “Protestants in Barra elicit as much wonderment as a Cistercian monk at a seaside pavilion.” Mar Chaimbeul, tha MacGriogair a’ dèanamh dealbh air na Barraich mar shluagh air nach do rinn Pròstanachd na Galltachd cron:

To a visitor from the cities, the peace of this Catholic isle is rapturous enough. The clear, pale blue eyes, the dark hair, the kind, rich lips – strangers to the puritan contortions of the lowland Scots.<sup>556</sup>

Cha b’ ann fada bhon a nochd am pìos seo gun tàinig freagairt bho thaobh a-staigh an t-saoghail Chaitligich nach robh ag aontachadh ris. Trì seachdainean às dèidh don alt aig MacGriogair nochdadh san iris, dh’fhoillsich *The Tablet* litir bho Dhòmhnall Bhocanan a bha a’ fuireach ann am Barraigh. Tha Bocanan a’ tòiseachadh:

After reading such articles as that on Barra by Mr. Geddes MacGregor, one deplores the attempts made on occasions by well-meaning observers to make lightning diagnoses, from the spiritual symptoms, on the life of the Catholic Highlands.<sup>557</sup>

Ged a tha e ag aideachadh gu bheil an creideamh Caitligeach air a bhith beò ann am Barraigh ma dh’fhaodte o linn Chaluim Chille gus an an latha an-diugh, tha e a’ dol gu dubh an aghaidh na sgrìobhas MacGregor mu làthaireachd nam Pròstanach san eilean, a’ sgrìobhadh gun robh iad air a bhith “imported from adjacent islands for the very political purpose which Mr. MacGregor finds conspicuous by its absence.”<sup>558</sup> A rèir Bhocanain, cha robh gnothaichean a thaobh creideamh cho rèidh ann am Barraigh ’s a bha feadhainn eile an dùil. Gheibhear barrachd air an t-suidheachadh seo ann an Uibhist nas fhaide air adhart sa chaibideil seo.

Sgrìobh Buchanan leabhar air an eilean, a nochd ann an 1942: *Reflections on the Isle of Barra*.<sup>559</sup> Chaidh an leabhar seo fhoillseachadh ann le club leabhar Caitligeach stèidhichte ann an Lunnainn, a’ sealltainn gun robh ùidh aig Caitligich ann am

---

<sup>556</sup> MacGregor, “Holy Scottish Isle,” 264.

<sup>557</sup> Donald Buchanan, “Barra – The Holy Isle,” ann an “Letters to the Editor” *The Tablet*, 21.09.1935, 367.

<sup>558</sup> Buchanan, “Barra,” 367.

<sup>559</sup> Donald Buchanan, *Reflections on the Isle of Barra* (1942).



Breatainn ann am beatha an cuid co-chreidmhidh sna h-Eileanan Siar. Anns an leabhar seo, tha Bochanan a' cumail a-mach:

I am not aware that a single sentence has ever been written about Barra by anyone who can claim kinship to its soil [...] The depth of religious feeling, the tendency to contemplation, the bonds of filial attachments are things which do not parade themselves; they are qualities which become almost alloyed with personality.<sup>560</sup>

A' togail air a' bheachd seo, gu bheil e doirbh do chuideigin aig nach eil ceangal ris an eilean creideamh nam Barrach a thuigsinn, air sàilleabh 's nach e feart cho follaiseach a th' ann, tha Bochanan a' dèanamh iomradh air na seòrsa ìomhaighean dhen eilean a bha air an cur air adhart le sgrìobhadairean mar Chambers agus MacGriogair, air neo fiù 's MacGilleMhìcheil:

Barra is usually portrayed either as a camp of priest-ridden servitude, or as a nursery of saints and a haven of rare sanctity.<sup>561</sup>

Ged a tha Bochanan a' dol an aghaidh bheachdan mar seo, bidh e fhathast a' cumail a-mach gur e seòrsa de thèarmann Chaitligeach a th' ann am Barraigh:

Barra, for a long period of history, was a sort of religious enclosure, isolated from the outer world. There has been a small mixture of dissenting strangers which varied in quantity with the times, for an uncertain number of years, but these had no influence upon the indigenous religion, except perhaps to fortify it.<sup>562</sup>

Tha an sgrìobhadair Albannach George Scott-Moncrieff (1910-1974), a dh'iompaich a bhith na Chaitligeach,<sup>563</sup> cuideachd a' dèanamh coimeas eadar Caitligich Bharraigh agus muinntir nan eileanan eile san leabhar *The Scottish Islands* a nochd ann an 1952:

Barra remains extraordinarily unspoilt. No doubt many things have changed in recent years, by no means all for the better, but the island life has the vigour to maintain its essential qualities and its Gaelic tongue. In this, of course, Catholicism has been the great bulwark, with its universality, its roots in essentials and its ability to touch life at so many points. Many of the people in other islands belong to those narrow schismatic Churches for whom so much is sin, or savours of sin. Their beliefs at their best are by no means despicable, but

---

<sup>560</sup> Buchanan, *Reflections*, 13-14.

<sup>561</sup> Buchanan, *Reflections*, 75.

<sup>562</sup> Buchanan, *Reflections*, 107.

<sup>563</sup> Chuir Scott-Moncrieff còig bliadhna seachad ann an Eige agus chuir e seachad ùine ann am Barraigh còmhla ri a charaid Calum MacGilleathain ann an 1947, a' tachairt ri seanchaidhean an àite agus a' togail dhealbhan dhiubh. "Scomo: George Scott-Moncrieff," The Calum MacLean Project, 10.02.2014, <http://calumimaclean.blogspot.com/2014/02/scomo-george-scott-moncrieff.html>.

they are fatally vulnerable. They have no terms on which to meet modern values.<sup>564</sup>

Cha mhòr 80 bliadhna às dèidh don alt aig Chambers nochdadh, tha Scott-Moncrieff fhathast a’ dèanamh dealbh air Barraigh mar àite air leth, far a bheil cànan agus creideamh muinntir an eilein a’ dol làmh ri làimh gus dòigh-beatha an eilein a ghlèidheadh. Coltach ri MacGregor agus Bochanan, tha e a’ dol ris an ìomhaigh dhen eilean mar thèarmann Caitligeach. Ach tha e cuideachd a’ cur bun os cionn na tha Chambers a’ cumail a-mach mu chreideamh muinntir Bharraigh gan cumail air ais le bhith ag innse gu bheil Caitligeachd muinntir an eilein gam fàgail ann an suideachadh nas fheàrr na an nàbaidhean Pròstanach gus fàilte a chur air atharrachaidhean an latha anns a bheil iad beò.

Chan eil e na iongnadh gu bheil na sgrìobhadairean gu h-àrd uileadh a’ cur cuideam air creideamh muinntir nan Eilean Siar ann an dòigh a bhios a’ freagairt ris na h-adhbharan aca fhèin agus a rèir a’ chreideimh aca fhèin agus dùilean an cuid luchd-leughaidh. Ach tha e glè inntinneach gu bheil iad a’ tarraing air an aon ìomhaigh dhe na h-eileanan, Barraigh gu sònraichte, mar sheòrsa de thèarmann spioradail gun thruaillleadh bhon t-saoghal mhòr. Mar a chaidh sealltainn ann an Caibideil 3, bha beachdan mar seo gu mòr air cùlaibh iomairtean gus bacadh a chur air raon nan rocaidean ann an Uibhist a Deas sna 1950an.

Bha seo comharraichte cuideachd anns a’ phrògram telebhisean mu Uibhist a Deas “The Island Where God Speaks Gaelic,” a bha air a dhèanamh mar phàirt dhen t-sreath Èireannach, *Radharc*, ann an 1971.<sup>565</sup> Bha prògraman *Radharc* air an dèanamh le sagairt à Èirinn, agus ’s e fear dhuibh, Mgr Desmond Forristal, a sgrìobh agus a stiùirich am prògram.<sup>566</sup> Anns a’ phrògram, thèid agallamh a chumail le Iain MacAonghais (Iain Pheadair ’ic Sheumais, 1907-1991), a bha na chlàireach sgìreil (*district clerk*) ann an

<sup>564</sup> George Scott-Moncrieff, *The Scottish Islands* (1952), 98.

<sup>565</sup> *Radharc: The Island Where God Speaks Gaelic*, BBC Alba, 13.11.2016, <https://learningonscreen.ac.uk/ondemand/index.php/prog/ODBDE41F?bcast=122895840>.

<sup>566</sup> “The Island Where God Speaks Gaelic, 1971,” RTE Archives, <https://www.rte.ie/archives/2016/0218/769156-gaelic-the-language-of-god/>.

Uibhist a Deas aig an àm.<sup>567</sup> Bidh MacAonghais a’ bruidhinn air ar-a-mach nan Seumasach, a rèir choltais, air sàilleabh ’s gun do chuir an t-agallamhaiche ceist air mu dhèidhinn. Mar phàirt dhen fhreagairt aige, canaidh e:

The people who live here now are not all descended from the old people who were here [...] There is plenty of traditional stories about these times, but they are of no great interest to a lot of the younger people growing up. As a Catholic island, of course it has been Catholic, mainly, all through the years, and by good fortune the people of this island were able to hold on to the faith when those round about them and beside them were losing it. [...] However, as it is, we have the faith just now, we have the Gaelic language, we have a lot of things that the people of the Forty-Five Rebellion were fighting for, and I, we all hope that we will keep them and maintain them.<sup>568</sup>

Co-dhiù is e freagairt a tha a’ tighinn bho cheist thaobhach gus nach e, tha e coltach gu bheil MacAonghais cofhurtail gu leòr an ceangal a dhèanamh eadar a’ Ghàidhlig agus an creideamh Caitligeach agus gam faicinn mar nithean luachmhor a bha aig cridhe iomairt nan Seumasach san 18mh linn. Chithear ann an Caibideil 6 mar a bha sgeulachdan mu na dh’fhulaing Caitligich nan Eilean ris an linn seo beò ann am beul-aithris ionadail. A bharrachd air seo, tha na chanas MacAonghais gu h-àrd a’ sealltainn mar a chuireadh muinntir nan Eilean fhèin, gu h-àraid iad aig an robh foghlam gu ìre àrd, beachdan mu chreideamh nan Eilean ann an co-theagsa seanchais nàiseanta. Mar sin, tha e air an aon ràmh ’s a tha Chambers agus Caimbeul gu h-àrd, agus iadsan a’ tarraing air linn Chaluim Chille gus dealbh de Bharraigh a tharraing, co-dhiù an e moladh no càineadh a tha iad ris. Tha seo gu math coltach ris mar a ghabh luchd-clèire Caitligeach ris an Ath-Bheothachadh Cheilteach (*Celtic Revival*) ann an Èirinn agus iadsan a’ faicinn bliadhnaichean tràtha na h-Eaglaise ann an Èirinn mar “linn an òir” far an robh cultar dùthchasach na h-Èireann agus an creideamh Caitligeach fo bhlàth, mus do rinn an cuid nàimhdean sgrios oirre.<sup>569</sup> A bharrachd air seo, tha na h-ìrean de chuimhne anns an fhrèam sgrùdaidh aig Ó Ciosáin a’ dol an lùib a chèile anns na h-eisimpleirean seo. Tha seo follaiseach anns na tha MacAonghais ag ràdh gu h-àrd, agus

---

<sup>567</sup> 'S e seinneadair Gàidhlig a bh' ann am MacAonghais agus tha clàraidhean dheth fhèin agus clàraidhean a rinn e de sheinneadairean Uibhisteach eile rim faighinn air làrach-lìn Tobar an Dualchais. Chuidich e Calum MacGilleathain agus Iain Latharna Caimbeul leis a’ chruinneachadh aca ann an Uibhist. Bha M.B.E. aige. Faic “Mr. John MacInnes,” Cladh Hallan 29, <https://www.hallancemeterysouthuist.co.uk/view-grave.php?num=29>, agus “Portrait of a Bard,” Calum Maclean Project.

<sup>568</sup> Radharc: *The Island Where God Speaks Gaelic*, BBC Alba.

<sup>569</sup> Faic Kevin Collins, *Catholic Churchmen and the Celtic Revival in Ireland, 1848-1916* (2002), 27-34.

esan a’ toirt iomradh air sgeulachdan ionadail a bhiodh ann an cuimhne ionadail an t-sluaigh agus gan cur ann an co-theagsa seachas mu na Seumasaich a tha ann an cuimhne chumanta na h-Alba.

## 5.2 An càirdeas eadar Caitligich agus Pròstanaich

Tha an aon mheasgachadh de dh’irean de chuimhne anns na thathar a’ sgrìobhadh agus ag ràdh mun chàirdeas eadar Pròstanaich agus Caitligich sna h-Eileanan Siar aig deireadh nan 19mh linn agus san 20mh linn. Tha e doirbh a dhearbhadh na tha Bochanan a’ cur air adhart a thaobh a’ chàirdeis eadar Caitligich agus Pròstanaich ann am Barraigh, nach tug an “small mixture of dissenting strangers” buaidh air Caitligeachd muinntir an eilein ach a bhith ga neartachadh. Cuideachd, dh’fhaodadh seo gun a bhith cho fìor sna h-Eileanan Siar air fad. Ann an alt a sgrìobh e airson na h-iris *Fortnight*, à Beul Feirste, tha an neach-naidheachd Jamie Delargy a’ toirt tuairseal air a’ chàirdeas seo ann an Uibhist a Deas tràth sna 1980an, nuair a bha na Trioblaidean ann an Èirinn a Tuath aig a’ char as àirde:

Historically there has been resentment against Protestants in South Uist partly because of crude proselytising. In the eighteenth century the local laird Colin MacDonald of Boisdale used to beat his tenants into [Protestant] church with a cane – earning Presbyterianism the nickname “Creideamh a’ bhata bhuidhe” or the Religion of the Yellow Stick. A further source of antipathy dates back to the time when some of the Protestants brought into the area by landlords formed a merchant class in the community, a cut above the poorer Catholics. According to Fr Wright<sup>570</sup> the superior attitude they adopted to the locals still remains but is dying out among the children.<sup>571</sup>

Tha e soilleir gun robh sgeulachdan mu “chreideamh a’ mhaide bhuidhe” ann am beul an t-sluaigh sna h-Eileanan Siar san 20mh linn.<sup>572</sup> Mar an luaidh a rinn Iain

<sup>570</sup> Bha Mgr Ruairidh Wright (1940-2005) na shagart pharaisteach ann an Àird Choinnich, Uibhist a Deas, eadar 1980 agus 1986. ’S e Easbaig Earra-Ghàidheil agus nan Eilean a bh’ ann eadar 1991 agus 1996. Faic Lorn MacIntyre, “Obituary: Roderick Wright Former Bishop of Argyll and the Isles,” *The Glasgow Herald*, 25.05.2005, 18.

<sup>571</sup> Jamie Delargy, “A Gaelic-speaking Harmony in the Western Isles,” *Fortnight*, June 1983, 13.

<sup>572</sup> Gheibhear tuairseal air an sgeulachd seo ann an Reddy, “Ùrnaighean,” 13. Tha cunntas mionaideach air co-theagsa eachdraidheil na sgeulachd ann an Stiùbhart, “Leisure and Recreation,” 266-276. Cluinnear mar a bha an sgeulachd am beul an t-sluaigh ann an Uibhist a Deas san 20mh linn anns a’ phrògram telebhisein *Na h-Eilthirich*, anns a bheil Niall Mac’IlleMhaoil ag innse mu Fhear Bhaghasdail agus “Am Maide Buidhe.” *Na h-Eilthirich*, Episode 4 (BBC Scotland, 1999) [https://learngaelic.scot/watch/index.jsp?v=na\\_h\\_eilthirich\\_ep4\\_2](https://learngaelic.scot/watch/index.jsp?v=na_h_eilthirich_ep4_2).

MacAonghais air ar-a-mach nan Seumasach gu h-àrd, dh'fhaodadh na tachartasan eachdraidheil seo agus an seachas mu thimcheall orra a bhith gam faicinn mar "lieux de mémoire" aig Caitligich nan Eilean, a' samhlachadh frionais eadar iadsan agus Pròstanaich chumachdach an dà chuid san àm a dh'fhalbh agus nan latha fhèin, agus gan daingneachadh san fhèin-aithne aca mar Chaitligich. Chithear ann an Caibideil 6 mar a bhios sgeulachdan mar seo mu shagairt, gu h-àraid mar a sheasas iad an aghaidh Pròstanaich chumachdach, a' toirt buaidh air fèin-aithne nan Gàidheal Caitligeach sna h-Eileanan Siar.

Chan eil e cho soilleir, ge-tà, an robh buaidh aig a' chàirdeas eadar Pròstanaich agus Caitligich sna h-Eileanan Siar air cràbhadh poblach nan Caitligeach san 20mh linn. Ged nach robh an aon chumhachd aig uachdarain Phròstanach san 20mh linn 's bha aig Fear Bhaghasdail san 18mh linn, dh'fhaodadh gum biodh argamaid ann gun tug cion-misneachd am measg nan Caitligeach air sàilleabh cumhachd nam Pròstanach aig ìre ionadail agus san dùthaich air fad buaidh air cho follaiseach 's a bha iad leis a' chràbhadh phoblach aca. Tha Watts a' sgrìobhadh gun robh liotuirgidh na h-Eaglaise Caitligich "necessarily and deliberately muted" ann an Alba às dèidh an Ath-Leasachaidh.<sup>573</sup> A' sgrìobhadh air gràin-creideamh an aghaidh Caitligich ann an Alba, tha T.M. Devine agus Michael Rosie ag aithneachadh: "Anti-Catholicism has had a long and deeply ingrained history in Scotland."<sup>574</sup> Sna h-Eileanan Siar, tha eisimpleir dhe seo ri fhaicinn bho dheireadh na 19mh linn. Ann an ro-ràdh *A School in South Uist*, tha Iain Latharna Caimbeul a' cur co-theagsa mu thimcheall air teachd F.G. Rea a dh'Uibhist a Deas ann an 1889 mar a' chiad mhaigstir-sgoile Caitligeach on Ath-Leasachadh.<sup>575</sup> Aig an àm seo, bha structaran oifigeil mar Bòrd na Sgoile ann an Uibhist a Deas an eisimeil "a kind of Protestant ascendancy oligarchy": am bàillidh, am ministear agus an fheadhainn aig an robh na tuathanasan mòra.<sup>576</sup> Tha Caimbeul, a' sgrìobhadh ann an 1964, a' cumail a-mach, "Sectarianism is happily no longer an issue in the politics of

---

<sup>573</sup> Watts, *Record*, 136.

<sup>574</sup> T.M. Devine agus Michael Rosie, "The Rise and Fall of Anti-Catholicism in Scotland," ann an *Anti-Catholicism in Britain and Ireland, 1600-2000*, deas. Clare Gheeraert-Graffeuille agus Geraldine Vaughan (2020), 275.

<sup>575</sup> J.L. Campbell, "Introduction," ann an F.G. Rea, *A School in South Uist*, deas. J.L. Campbell (1964), xiii.

<sup>576</sup> Campbell, "Introduction," xv.

South Uist.”<sup>577</sup> Ma dh’fhaodte nach biodh muinntir an eilein air fad ag aontachadh ris. Anns an agallamh a rinn mi còmhla ri Màiri NicAonghais, thug ise iomradh air an aon shuidheachadh a thaobh cò a bha a’ rialadh an fhearainn ann an Uibhist nuair a bha an t-eilean ann an làmhan uachdarain phrìobhaideach:

Ò, tha daoine gu math mothachail dha sin. ’S bha an eachdraidh sin riamh, leis an oighreachd, ’s bha na bàillidhean, is na maoir, ’s e Pròstanaich a bh’ annta. Na geamairean -- a h-uile duine a fhuair dreuchd anns an robh beagan cumhachd -- ’s e na Pròstanaich a bhiodh a’ faighinn sin. Gus an tàinig Stòras Uibhist.<sup>578</sup>

Thàinig Stòras Uibhist gu bhith ann an 2006 nuair a cheannaich muinntir an àite an oighreachd anns a bheil Uibhist a Deas, Èirisgeidh, agus pàirtean de Bheinn a’ Bhaoghla.<sup>579</sup> Mar sin, ma dh’fhaodte gun robh adhbharan ann airson cion-misneachd am measg Caitligich nan Eilean seo suas gu toiseach na linne seo. Tha seo a’ dol leis na tha Devine agus Rosie a’ cumail a-mach mu Chaitligich ann an Alba: “By such social exclusion, a deep wound was opened up within Scottish Catholicism which even to this day has not entirely healed.”<sup>580</sup>

### 5.3 Cruth eaglaisean Caitligeach

Nan robh cion-misneachd ann, a bheil seo ri fhaicinn ann an cruth nan eaglaisean Caitligeach sna h-Eileanan Siar? Gu dearbh, ann an Uibhist a Deas, chan eil diofar mòr eadar coltas taobh a-muigh nan eaglaisean Caitligeach agus Pròstanach a chaidh a thogail anns an 19mh linn agus a tha gan cleachdadh gus an latha an-diugh: eaglaisean loma agus arladh orra, gun stìoballan air neo glainne dhathte annta. Tha Robert Proctor, na eòlaiche eachdraidh ailtireil, a’ cur an cèill a’ cheangail eadar creideamh ionadail agus cruth ailtireil eaglaisean mar seo:

The church building presents an image of the institutional Church, and, at the same time, when a congregation gathers within it for worship, it also constitutes the reality and local manifestation of that institution.<sup>581</sup>

<sup>577</sup> Campbell, “Introduction,” xiv.

<sup>578</sup> Màiri NicAonghais, 20.06.2018.

<sup>579</sup> “Who Are We?” Stòras Uibhist, <https://storasuibhist.com/>.

<sup>580</sup> Devine agus Rosie, “Rise and Fall,” 278.

<sup>581</sup> Robert Proctor, *Building the Modern Church* (2014), 1.

Mar sin, ma dh'fhaodte gur ann air sàilleabh bheachdan eisteachaigeach ionadail a tha coltas lom air eaglaisean nan Eilean Siar, seach gun robh na Caitligich a' feuchainn ris an diofar eadar an dà chreideamh a chleith. Tha togalaichean sna h-Eileanan Siar lom air taobh a-muigh mar as àbhaist, agus bhiodh sgeadachadh sam bith an eisimeil na sìde, a tha gu tric fiadhaich sna h-Eileanan. Tha bochdainn cuideachd air buaidh a thoirt air cruth nan eaglaisean Caitligeach sna h-Eileanan Siar. Mar eisimpleir, nuair a chaidh eaglais a thogail ann am Baile na Creige, Barraigh, ann an 1859, chaidh sgrìobhadh mu dèidhinn san *Catholic Directory*:

Altogether, the Barra Chapel is well suited to a country place, a strong plain building outside, and sufficiently adorned inside, without being too costly for a poor Congregation.<sup>582</sup>

Tha Dòmhnall Buchanan ag innse gur e muinntir an àite fhèin a thog an eaglais seo, fiù 's le bhith a' cruinneachadh fiodh-cladaich ri chur innte agus sligean srùbain airson aol.<sup>583</sup> Tha an aon sheòrsa chainnt air a chur gu feum san *Directory* nuair a chaidh ùrachadh a dhèanamh air taobh a-staigh Eaglais Bhòrnais ann an Uibhist a Deas ann an 1868: "This chapel, in the course of last summer, received all the repairs and improvements the building was susceptible of without being extravagant."<sup>584</sup>

A' cur ris an fhianais seo, tha fios san *Catholic Directory* a dhearbhas nach robh eaglaisean nas sgeadaichte air a' Ghàidhealtachd air am meas mar stoidhle chumanta nan Gàidheal. Nuair a chaidh eaglais ùr fhosgladh ann am Beoraid, Mòrar ann an 1889, chaidh sgrìobhadh oirre: "It is a substantial edifice in the Early English style."<sup>585</sup> Chan ann le airgead muinntir an àite a chaidh an eaglais seo a thogail; phàigh a' Bhaintighearna NicShimidh air a son mar chuimhneachdain dhan duine aice, agus mar sin, ma dh'fhaodte gun tug a beachdan fhèin buaidh air coltas na h-eaglaise; b' e An Tighearna MacShimidh a bha airson eaglais a thogail ann am Beoraid sa chiad dol a-mach.<sup>586</sup> Tha cunntas coltach ri seo san aon eagraan dhen *Directory* mu fhosgladh na h-

---

<sup>582</sup> *Catholic Directory* (1859), 108. Ged as e "Saint Barr's" a bh' air an eaglais seo nuair a chaidh a togail, 's e Eaglais Naoimh Brianain (Saint Brendan's) a th' oirre san latha an-diugh. Faic Mary Ceit MacKinnon, "St. Brendan's Church, Craigston," Barra Catholic Church, <https://barracatholic.co.uk/craigston>.

<sup>583</sup> Buchanan, *Reflections*, 100.

<sup>584</sup> *Catholic Directory* (1869), 110.

<sup>585</sup> *Catholic Directory* (1890), 115.

<sup>586</sup> Alasdair Roberts, *The People and Gentry of Morar* (2017), 134.

eaglaise ùire ann am Bàgh a' Chaisteil, Barraigh air Oidhche na Nollaig 1888: "The lofty clock-tower is Norman in style, and recalls the tower of the old church of Iona."<sup>587</sup> Ged nach eil an eaglais seo coltach ris na h-eaglaisean eile san eilean, tha an sgrìobhadair a' mìneachadh gur ann a thaobh stoidhle na bu tràithe na sin a chaidh a togail. Chan e co-thuiteamas a th' ann gur ann aig deireadh na 19mh linn a chaidh na faclan seo a sgrìobhadh, nuair a bha beachdan romansach an "Celtic Twilight" fasanta. Mar a chaidh sealltainn gu h-àrd anns na sgrìobh Chambers agus Caimbeul mu Bharraigh aig deireadh na 19mh linn, bha e cumanta do sgrìobhadairean Albannach bhith a' tarraing air ìomhaigh Chaluim Chille, nach gabh sgaradh bho Eilean Idhe fhèin, gus "linn an òir" Chrìostaidheachd air a' Ghàidhealtachd a shamhlachadh. 'S e ceist eile a th' ann an dèanadh muinntir an àite fhèin coimeas ris an eaglais ùr acasan agus Abaid Idhe, air neo an robh an coltas seo cudromach dhaibh.

### 5.3.1 Eaglaisean na 20mh linn

Ged a chaidh eaglais no dhà a thogail aig deireadh na 19mh linn a bha nas sgeadaichte na an àbhaist, mar a chithear gu h-àrd, bha na h-eaglaisean a chaidh a thogail sna h-Eileanan Siar mu dheas san 20mh linn a' cumail gu mòr ris an aon ìomhaigh lom a bha ri faicinn roimhe seo. Chaidh eaglais a thogail ann am Bhatarsaigh ann an 1913, agus ged a phàigh bantrach an treas Marcais Bhòid air a son,<sup>588</sup> b' ann le iarann preasach a bha na ballaichean air an togail.<sup>589</sup>

Bha tòrr smaoinichidh an sàs ann an dreach Eaglais Naoimh Mhìcheil ann an Èirisgeidh, a chaidh a thogail fo stiùir Mhgr Ailein Dhòmhnallaich ann an 1903,<sup>590</sup> mar a bha air aithris anns an *Catholic Directory*:

The building is plain but substantial, and can accommodate a congregation of 350. Under the foundation stone is laid earth taken from beneath the great round flagstone in Gartan, the spot where St. Columba was born. Surmounting

<sup>587</sup> *Catholic Directory* (1890), 117-118.

<sup>588</sup> *Catholic Directory* (1915), 245-246.

<sup>589</sup> Mary Ceit MacKinnon, "Our Lady of the Waves and St John, Vatersay," Barra Catholic Church, <https://barracatholic.co.uk/vatersay>. Gheibhear fiosrachadh a bharrachd air mar a chaidh an eaglais a thogail an seo, mar gur ann bho long briste a thàinig doras an t-seòmair-èisteachd.

<sup>590</sup> Gheibhear cunntas air eachdraidh togail na h-eaglaise seo aig Alasdair Roberts, "John Gray, André Raffalovich and Father Allan MacDonald of Eriskay," *Innes Review* 61, 2 (2010): 207-231.



the southern gable of the church is a handsomely-designed cross. Sunk into five cavities in the braces and centre of this cross are small stones from Nazareth, Bethlehem, Gethsemane, Mount Calvary and Emmaus. The keystone of the arch above the doorway is shaped like a shield, and bears upon it the inscription *Quis ud Deus*, the battlecry of the Archangel St. Michael, who is the Patron of the Hebrides, and to whom the church is dedicated.<sup>591</sup>

Ged a tha tòrr rudan ann mar phàirt dhen togalach a bhiodh cudromach do Chaitligich, mar chlachan às an Tìr Naomh, snàidh sgrìobhadh ceangailte ris an Naomh Mìcheal agus ùir bho àite-brèith Chaluim Chille, chan eil gin de na feartan seo uabhasach follaiseach don neach-amhairc. Chithear gu h-àrd cuideachd gur e “plain” a’ chiad bhuadhair a bheir an sgrìobhaiche seachad air coltas na h-eaglaise.

Thàinig atharrachaidhean mòra air coltas eaglaisean Caitligeach ann am meadhan na 20mh linn. Fiù ’s mun deach Dàrna Comhairle a’ Bhatacain a ghairm ann an 1961, bha beachdan ùra a thaobh ailtireachd, gu h-àraidh ùr-nòsachas (*modernism*) a’ toirt buaidh air cruth eaglaisean ann an iomadach àite san Roinn Eòrpa, thall thairis, agus ann am Breatainn fhèin. A rèir Robert Proctor, thòsich ùr-nòsachas ann an ailtireachd neo-eaglaiseil agus b’ e an gluasad as motha ann an ailtireachd an iar mu 1955. Bha foincseanas (*functionalism*) na bheachd bunaiteach aig ùr-nòsachas: gun rachadh togalaichean a dhealbhadh a rèir na dòigh a bhiodh iad air an cleachdadh, seach a thaobh bheachdan traidiseanta.<sup>592</sup> Mar a bhios Proctor a’ mìneachadh, thàinig foincseanas a thaobh ailtireachd agus Gluasad Liotuirgeach na h-Eaglaise Chaitligich còmhla sna 1960an leis a’ bheachd gum bu chòir eaglaisean a bhith air an dealbhadh gus com-pàirteachadh a’ choitheadail anns an liotuirgidh a bhrosnachadh.<sup>593</sup> Anns na h-Eileanan Siar, ’s e Eaglais Màthair na Dòrainne, ann an Gearraidh na Mònadh, Uibhist a Deas, an eisimpleir as soilleire dhen ghluasad seo. Chaidh eaglais ùr a thogail ann an 1964 an àite seann eaglais fhiodha a chaidh a thogail sna 1920an.<sup>594</sup> Ann am pìos anns a’ *Clergy Review* mu bhith togail na h-eaglaise seo, tha an t-aitire, Richard McCarron, a’ toirt seachad tuairisgeul na h-eaglaise a bhios a’

---

<sup>591</sup> *Catholic Directory* (1904), 243.

<sup>592</sup> Proctor, *Building*, 47-48.

<sup>593</sup> Tha Proctor ag ainmeachadh leabhar Peter Hammond, *Liturgy and Architecture* (1960) mar theagsa air leth chudromach a thaobh a’ chairdeis eadar foincseanas ann an liotuirgidh agus ailtireachd. *Building*, 133, 344.

<sup>594</sup> Watts, *Record*, 223.

cur cuideam air cho faisg 's a tha an coitheanal agus an sagart, gun sgaradh eatarra: mar a tha cruth ceàrnagach na h-eaglaise a' fàgail na treastaichean as fhaide air falbh bhon t-sagart 50 troigh bhuaithe a-mhàin,<sup>595</sup> agus nach eil sgaradh ann ach ceum eadar an t-ionad-altarach (*sanctuary*), an t-àite anns am bi na an sagart agus na clèirich air feadh na h-Aifrinn, agus corp na h-eaglaise (*nave*) far am bi an coitheanal nan suidhe.<sup>596</sup> Tha na h-eisimpleirean seo a' sealltainn gun robh na beachdan liotuirgeach a thàinig am bàrr ri linn Dàrna Comhairle a' Bhatacain a thaobh com-pàirteachadh a' choitheanail air an cur an gnìomh ann an cruth taobh a-staigh Eaglais Ghearraidh na Mònadh, ged a tha McCarron ag aideachadh nach robh tuigse iomlan aige fhèin mar ailtire air cho cudromach 's a bha "the new liturgical movement."<sup>597</sup>

Chan eil e na iongnadh gum biodh gluasadan san Eaglais Chaitligich air fad a' toirt buaidh air cruth na h-eaglaise seo. Mar a chunnacas anns a' bhreithneachadh air an Aifreann ann an Caibideil 2 agus air cràbhadh don Òigh Mhoire ann an Caibideil 3, bha liotuirgidh oifigeil na h-Eaglaise agus cleachdaidhean cràbhaidh cumanta sna h-Eileanan Siar ag atharrachadh a rèir ghluasadan san Eaglais air fad. Ma dh'fhaodte gun robh misneachd ùr aig Caitligich Uibhist ri linn atharrachaidhean Dàrna Comhairle a' Bhatacain a bhith a' gabhail ri gluasadan ailtireil ùr-nòsach a bha san fhasan aig an àm. Air an làimh eile, bhon a chaidh an eaglais a thogail, tha muinntir Uibhist air a bhith a' gearrain nach eil i freagarrach do àrainneachd nan Eilean agus tha trioblaidean air a bhith ann le uisge a' tighinn a-steach tron mhullach.<sup>598</sup>

#### 5.4 Ainmean eaglaisean

Chan e a-mhàin stoidhle nan eaglaisean a chaidh a thogail san 19mh linn agus an 20mh linn a bhios a' toirt fianais mar a ghabh Caitligich nan Eilean Siar ri gluasadan san Eaglais air fad agus an ìomhaigh phoblach a bha ga chur air adhart ri linn seo. Tha ainmean nan eaglaisean fhèin cuideachd a' cur air adhart teachdaireachd mu fhèin-

---

<sup>595</sup> Richard McCarron, "The Experience of Building a New Church," *Clergy Review* 51, No. 5 (May 1966): 413.

<sup>596</sup> McCarron, "Experience," 416.

<sup>597</sup> McCarron, "Experience," 415.

<sup>598</sup> Conaltradh pearsanta le Mgr Ross Crichton agus Gillebrìde Mac'IlleMhaoil.

aithne Chaitligich nan eilean. Tha e cudromach a chuimhneachadh, ge-tà, gu bheil na h-eaglaisean aithnichte am measg muinntir nan Eilean air an àite anns a bheil iad, mar “Eaglais Bhòrnais” air neo “Eaglais Àird Choinnich.”

Tha freumhan ainmean cuid de na h-eaglaisean san latha an-diugh a’ dol air ais do na meadhan-aoisean, mar Eaglais Naoimh Pheadair ann an Dalabrog, Uibhist a Deas,<sup>599</sup> agus Eaglais Naoimh Mìcheil ann an Àird Choinnich, Uibhist a Deas.<sup>600</sup> Ged a tha Ray Burnett a’ caoidh gur e buaidhean “ultramontanist” a chuir bacadh air Caitligich air a’ Ghàidhealtachd bhon a bhith a’ cur ainmean naomhan “Celtic” air eaglaisean a chaidh a thogail san 19mh linn,<sup>601</sup> dh’fhaodar seo fhaicinn bho thaobh eile: nach do ghabh Caitligich nan Eilean ris an “Celticism” a bha cumanta ann an saoghal nan urracha aig an àm. Chithear cuideachd ann an litir bho Alasdair MacGilleMhìcheil gu Mgr Ailein Dòmhnallach gum faodar ainmean cuid de na h-eaglaisean seo a “leughadh” air taobh seach taobh dhiubh seo, agus MacGilleMhìcheil a’ sgrìobhadh:

I am glad that you are building a new church and dedicating the thoughts of your mind and the work of your hands to Naomh Mìcheil, and calling the church Cille Mìcheil. It riles me how St. George has ousted St. Michael and St. Andrew St. Columba. It is all due to snobbery and foreign influence, and pandering and bowing the knee to those who are good enough to patronise us and look down upon us.<sup>602</sup>

Dh’fhaodadh gu bheil na tha MacGilleMhìcheil a’ cumail a-mach an seo a bhith fìor, ach chan eil e ag aithneachadh gun robh seann eaglais Èirisgeidh air a h-ainmeachadh air Naomh Mìcheal,<sup>603</sup> is mar sin, cha b’ ann ri seasamh an aghaidh “snobbery and foreign influence” a bha Mgr Ailein agus esan a’ cur ainm Naoimh Mìcheil air an eaglais ùir, ach a’ cumail ri gnàthas-ainmichidh a bha stèidhichte sa choimhearsnachd ionadail mar-thà.

<sup>599</sup> Clancy agus Evemalm-Graham, “Cille Pheadair,” Eòlas nan Naomh, <https://uistsaints.co.uk/south-uist/cille-pheadair/>.

<sup>600</sup> Clancy agus Evemalm-Graham, “Àird Mhìcheil,” Eòlas nan Naomh, <https://uistsaints.co.uk/south-uist/aird-mhicheil/>.

<sup>601</sup> Burnett, “Long Nineteenth Century,” 167.

<sup>602</sup> Alasdair MacGilleMhìcheil gu Mgr Ailein Dòmhnallach, 29.03.1902, Taigh Chanaigh. ‘S e seo tè de na litrichean a tha Stiùbhart a’ toirt iomradh ann an “Leisure and Recreation,” 256.

<sup>603</sup> Chaidh an eaglais seo a thogail ann an 1852 às dèidh do phàirt de mhuintir Uibhist a Deas fhuadach a dh’Èirisgeigh. *St. Michael’s, Eriskay*, 5. A rèir Àrainneachd Eachdraidheil Alba, “The St Michael’s Church forms part of the settlement of Balla, and is marked on a map of 1876.” “Balla, Church (Post-Medieval),” Canmore, <https://canmore.org.uk/site/335513/balla>.

Chithear iomadh eisimpleir eile far a bheil ainmean nan eaglaisean Caitligeach sna h-Eileanan Siar gan cumail ri cràbhadh muinntir an àite, agus an dà chuid dualchas ionadail agus gluasadan cràbhaidh san Eaglais air fad a bha a' toirt buaidh air a' chràbhadh seo. Tha a' mhòrchuid dhe na naomhan ann an ainmean nan eaglaisean a' nochdadh ann an ùrnaighean ionadail agus ùrnaighean Caitligeach cumanta a bha am beul an t-sluaigh san 19mh linn agus am 20mh linn. Mar a chunnacas ann an Caibideil 3, coltach ri Caitligich san fharsaingeachd, bha Caitligich nan Eilean Siar dìleas do Mhoire Mhàthair san 19mh linn agus san 20mh linn, is mar sin, tha e a' dèanamh ciall gur i an naomh as trice bhios a' nochdadh ann an ainm nan eaglaisean.

'S e Naomh Eòsaph a chaidh a thaghadh mar phàtran-naomh eaglais Thogh Big ann an Uibhist a Deas, togte ann an 1902.<sup>604</sup> Tha coltas ann gun robh buaidh ghluasadan san Eaglais air fad air an taghadh seo, agus am Pàpa Leo XIII ann an 1886 ag òrduchadh gun gabhadh na creidmhich na h-ùrnaighean a leanas aig deireadh na h-Aifrinn: an *Ave Maria*, an *Salve Regina*, ùrnaigh do Naomh Mhìcheal, agus ùrnaigh eile do Mhoire a bha ag ainmeachadh Naomh Eòsaph.<sup>605</sup> Mun aon àm, bha na creidmhich gam brosnachadh ùrnaighean do Naomh Eòsaph a ghabhail san Dàmhair agus bha laghaidhean-eaglaise ceangailte riutha seo.<sup>606</sup>

An coimeas ri seo, nuair a chaidh eaglais a thogail ann an Gèirinis, Uibhist a Deas ann an 1966 mar chaibeal faochaidh (*chapel of ease*) do dh'Eaglais Àird Choinnich, 's e Naomh Brìghde a bha air a thaghadh mar phàtran-naomh.<sup>607</sup> Ged a tha ainmean Naoimh Bhàrr agus Naoimh Brianain air a bhith air eaglaisean ann am Barraigh agus ainm Chaluum Chille air eaglais ann am Miùghlaigh,<sup>608</sup> 's e seo an aon eaglais a chaidh a thogail às dèidh an Ath-Leasachaidh air a bheil ainm naoimh a tha gu sònraichte

---

<sup>604</sup> *Catholic Directory* (1927), 142.

<sup>605</sup> *Catholic Directory* (1897), 87.

<sup>606</sup> *Catholic Directory* (1892), 85-86.

<sup>607</sup> Michael MacDonald, "St. Bride's, Gerinish," <http://www.uist-rc.org.uk/st-brides-gerinish.html>. Ceangal a-nis marbh (2023).

<sup>608</sup> Faic G. Geddes, *A Very Pretty Little Chapel in the Isle of Mingulay* (2012), <https://i.rcahms.gov.uk/canmore-pdf/WP00003814.pdf>.

Gàidhealach ann an Uibhist a Deas, Èirisgeidh, agus Beinn a' Bhaoghla.<sup>609</sup> Tha e doirbh a ràdh an robh gluasadan ri linn Dàrna Comhairle a' Bhatacain agus an tionndadh Gàidhlig dhen Aifreann a thàinig a-mach air an aon bhliadhna a chaidh an eaglais a thogail a' piobrachadh muinntir nan Eilean a bhith nas misneachaile a thaobh am fèin-aithne mar Ghàidheil agus ainm eaglais Ghàidhealach a thaghadh. Feumar cuimhneachadh cuideachd gun deach an eaglais seo a thogail beagan bhliadhnaichean às dèidh comhstrì an raon rocaidean ann an Uibhist a Deas, air an tugadh tuairisgeul ann an Caibideil 3, agus tha an eaglais seo na seasamh air an rathad gu raon nan rocaidean. Dhèanadh e ciall gun robh ainm na h-eaglaise air a thaghadh mar chomharrachadh do mhuintir raon nan rocaidean gur e àite Ghàidhealach anns an robh iad. Mar a chunnacas ann an Caibideil 3, bha comharrachadh fèin-aithne muinntir Uibhist a Deas mar Chaitligich is mar Ghàidheil gu math cudromach do Mhgr Iain Moireasdan, a bha na shagart paraiste ann an Àird Choinnich eadar 1946 agus 1962. Bha e air a leantainn le Mgr Iain MacIlleathain, a bha na shagart paraiste eadar 1962 agus 1974.<sup>610</sup> Mar a chunnacas ann an Caibideil 2, bha Mgr MacIlleathain an sàs ann an eadar-theangachadh na h-Aifrinn gu Gàidhlig. Cuideachd, mar a chithear gu h-ìseal, 's e Mgr Iain MacIlleathain a bha os cionn sgeadachadh Eaglais Bhòrnais ann an Uibhist a Deas sna 1950an, nuair a chaidh Gàidhlig a chur ri Slighe na Croise san eaglais. Mar sin, tha e coltach gun robh e glè bhàidheil do dh'iomairtean gus dualchas muinntir na sgìre fhighhe a-staigh do dh'adhradh poblach ann an Uibhist a Deas, agus bhiodh e freagarrach gur e seo an t-ainm a thagh e airson na h-eaglaise seo.

## 5.5 Gàidhlig ann an sgeadachadh eaglaisean

A thaobh sgeadachadh air taobh a-staigh eaglaisean Caitligeach sna Eileanan Siar, tha coltas ann nach robh Gàidhlig sgrìobhte ri fhaicinn gu tric ro na 1950an.<sup>611</sup> Ma

<sup>609</sup> Bha eaglais coisrigte do Naomh Brìghde ann an ceann a deas Uibhist a Deas sna meadhan-aoisean, agus an t-ainm Cille Bhrìghde fhathast a' nochdadh ann an ceann a deas an eilein. Faic Faic Clancy agus Evemalm-Graham, "Bride" agus "Cille Bhrìde," Eòlas nan Naomh, <https://uistsaints.co.uk/saints/bride/>; <https://uistsaints.co.uk/south-uist/cille-bhrìde/>.

<sup>610</sup> Michael MacDonald, "Priests of South Uist," <http://www.uist-rc.org.uk/fr-michael-talks.html>. Ceangal a-nis marbh (2023).

<sup>611</sup> Tha Gàidhlig ri fhaicinn ann an sgeadachadh Àrd-Eaglais Naoimh Ninian ann an Antaiginis, Alba Nuadh, a chaidh a togail eadar 1867 agus 1888. Tha na faclan "Tigh Dhe" snaidhte air a' bhàrr-bhalla os cionn dòras mòr na h-eaglaise. Faic "Saint Ninian's Cathedral," Canada's Historic Places, <https://www.historicplaces.ca/en/rep-reg/place-lieu.aspx?id=4600>. Air taobh a-staigh na h-eaglaise,

dh'fhaodte gum biodh beachd aig cuid gun tàinig Gàidhlig a-staigh ann an sgeadachadh eaglaisean ri linn atharrachaidhean cànan na h-Aifrinn an cois Dàrna Comhairle a' Bhatacain. Gu dearbh, ann an Eaglais Dhalabroig, chithear fhathast sgròlaichean air an airse os cionn na h-altarach air a bheil na faclan Laideann, "Ecce Panis Angelorum / Factus Cibus Viatorum."<sup>612</sup> Is iad pàirt dhen laoidh, "Lauda Sion" a bhios gan gabhail san Aifreann air Fèill Corp Chrìosda.<sup>613</sup> Tha na faclan seo, mar chomharra gun robh an Aifreann air a ràdh ann an Laideann, ri fhacinn ann an dealbh a chaidh a thogail ro atharrachaidhean taobh a-staigh na h-eaglaise ri linn Dàrna Comhairle a' Bhatacain.<sup>614</sup> Ach fiù 's mus tàinig an tionndadh Gàidhlig dhen Aifreann gu bhith ann an 1965, bha Gàidhlig ri fhaicinn ann an sgeadachadh Eaglais Bhòrnais ann an Uibhist a Deas. Ann an 1955, chaidh ùrachadh a dhèanamh air an eaglais fo stiùir Mhgr Iain MhicIlleathain.<sup>615</sup> A bharrachd air coltas tòrr nas luime a chur air taobh a-staigh na h-eaglaise, mar ro-bhlasad air na h-atharraichean is fàsan an ùra a bha air faire, an àite dhealbhan air na ballaichean gus Slighe na Croise a chomharrachadh, mar a gheibhear ann an eaglaisean Chaitligeach mar as àbhaist, cha robh ann aig gach stad ach crois umha lom agus ainm an stada ann an Gàidhlig, ann an corra-litrichean air a dhèanamh le umha ann an stòidhle gu ìre Gàidhealach. 'S ann à Barraigh a bha Mgr MacIlleathain agus mar a thugadh iomradh ann an Caibideil 2, is esan a bha aig ceann an eadar-theangachaidh Gàidhlig dhen Aifreann. A rèir an t-sanais-bàis aige, rinn e saothair gus dualchas creideamh nan Gàidheal a ghlèidheadh.<sup>616</sup> Mar sgoilear Gàidhlig, tha coltas ann gun do dh'aithnich e àite a' chànain ann an creideamh na treubha aige. A rèir Watts, 's e "Fairlie the architects" a rinn an obair air Eaglais Bhòrnais<sup>617</sup> ach tha e coltach gur e Alexander Ritchie Conlon, a bha na neach-pàirtichidh anns a' gnìomhachas aig Reginald Fairlie a rinn an obair, agus esan an t-aitire a chuir crìoch air Leabharlann Nàiseanta na

---

tha na h-aon fhaclan air am peantadh air an airse os cionn na h-altarach, mar phàirt de sgeadachadh a rinn am fear-ealain Ozias Leduc ann an 1902. Chaidh na faclan seo ùrachadh ann an 2020. Faic "Restoration Project," Saint Ninian Cathedral Parish, <https://www.saintninian.ca/restoration-project>.

<sup>612</sup> "Feuch, aran nan ainglean / air a dhèanamh biadh do thaistealaichean."

<sup>613</sup> *The Daily Missal and Liturgical Manual* (2004), 751-753.

<sup>614</sup> Michael MacDonald, "St Mary's Bornish, St Peter's, Daliburgh and St Mary's, Fort William," Roman Catholic Diocese of Argyll and the Isles, 19.08.2020, <https://www.rcdai.org.uk/st-marys-bornish-st-peters-daliburgh-and-st-marys-fort-william/>.

<sup>615</sup> Watts, *Record*, 212-213.

<sup>616</sup> "He preserved many ancient prayers, runes and hymns from oblivion." *Catholic Directory* (1988), 381-382.

<sup>617</sup> Watts, *Record*, 212.

h-Alba às dèidh bàs Fairlie ann an 1952.<sup>618</sup> Ged a bhiodh tuilleadh rannsachaidh feumail gus dealbh nas soilleire a dhèanamh air mar a dh'obraich Mgr MacIlleathain agus Conlon còmhla gus na h-atharrachaidhean a dhèanamh, tha e coltach gun tug fasanan ùr-nòsach mu dhealbhachadh eaglaisean a bha a' tighinn am bàrr sna 1950an buaidh air a' cho-dhùnadh Gàidhlig a chur an lùib sgeadachadh na h-eaglaise.

## 5.6 Slighe na Croise

Chan eil e na iongnadh gun deach faclan Gàidhlig a chur ri Slighe na Croise ann an Eaglais Bhòrnais mar phàirt dhen sgeadachadh a rinn Mgr MacIlleathain, leis gur e bhith a' dèanamh Slighe na Croise aon àite air taobh a-muigh na h-Aifrinn anns an cluinnear Gàidhlig mar phàirt de chràbhadh poblach Chaitligich nan Eileanan Siar. Leis gur e cràbhadh cumanta a bh' ann, san 19mh linn agus an 20mh linn, b' fhiach e breithneachadh air Slighe na Croise mar a bha Caitligich nan Eilean Siar eòlach air, agus na laoidhean is na cleachdaidhean a thigeadh na cois.

Bha ùrnaighean Slighe na Croise a' nochdadh ann an *Iùl a' Chrìostaidh*, an toiseach san t-siathamh eagan ann an 1885.<sup>619</sup> An lùib nan ùrnaighean, gheibhear stiùiridhean gus an lean na creidmich an sagart. Mar sin, dh'fhaodadh Slighe na Croise a bhith ann mar chràbhadh poblach tro mheadhan na Gàidhlig air taobh a-staigh na h-eaglaise, leis an t-sagart aig a' cheann, a bharrachd air cràbhadh pearsanta a dh'fhaodadh neach a dhèanamh uair sam bith leis fhèin. Tha coltas ann gun robh Slighe na Croise poblach cumanta ann an cuid de dh'eaglaisean sna h-Eileanan mun aon àm seo. Ann an 1900, bha fios san *Catholic Directory* gun robh Slighe na Croise ga dhèanamh ann an Eaglais Naomh Moire ann am Beinn a' Bhaoghla mar phàirt dhe na cràbhaidhean a bhiodh ann air Oidhche Dhòmhnach.<sup>620</sup> Ann an 1912, bha Slighe na Croise ann mar chràbhadh poblach ann am Baile na Creige, Barraigh, aig Aidmheinn agus a' Charghas.<sup>621</sup> Dhèanadh e ciall gur ann anns a' Ghàidhlig a bha Slighe na Croise sna paraistean seo,

---

<sup>618</sup> "Alexander Richie Conlon, Architect," SCRAN, <https://www.scran.ac.uk/database/record.php?usi=005-000-005-925-C>.

<sup>619</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1885), 216-228.

<sup>620</sup> *Catholic Directory* (1900), 148-149.

<sup>621</sup> *Catholic Directory* (1912), 107.

agus mar a sgrìobh Watts mu na laoidhean ceangailte ri cràbhaidhean poblach a bha rim faighinn ann an *Comh-cruinneachadh de Laoidhean Spioradail* (1893) aig Mgr Ailein: “Clearly such devotions as the Lenten Stations of the Cross, Benediction and the May Devotions were already very much a part of island spiritual life at this date.”<sup>622</sup> Dh’fhaodadh Slighe na Croise agus na cràbhaidhean poblach eile seo a bhith gam faicinn mar phàirt dhen “Devotional Revolution” a thàinig gu bhith anns an 19mh linn ann am Breatainn agus Èirinn, far an robh cuideam ga chur air “experiential spirituality” tro chràbhaidhean choitcheann mar seo.<sup>623</sup> Tha cuid a’ càineadh a’ ghluasaid seo leis gun do ghabh “French and Italian forms of devotion, and the hymns of Father Faber and the more sentimental side of the Oxford Movement” àite “the somewhat austere practice of traditional native piety.”<sup>624</sup> Dh’fhaodadh seo a bhith fìor, ach chan eil e ag aithneachadh gun tug cràbhaidhean poblach air taobh a-muigh na h-Aifrinn cothrom do Ghàidheil Chaitligeach a bhith ag adhradh gu poblach anns a’ chànan aca fhèin. Mar sin, gheibhear ann an cràbhaidhean mar Slighe na Croise eisimpleir eile far a bheil blas ionadail air tighinn air cràbhaidh coitcheann, a thaobh a’ chànan fhèin agus a thaobh nan laoidhean a bhiodh gan seinn an cois a’ chràbhaidh.

### 5.6.1 Laoidh Slighe na Croise: An *Stabat Mater* sa Ghàidhlig

Chan eil laoidh ri fhaighinn ann an *Comh-cruinneachadh de Laoidhean Spioradail* a tha air ainmeachadh mar laoidh a bhithear a’ gabhail an lùib Slighe na Croise, ach tha coltas ann gur e sin dreuchd na laoidh “Tha Moire fo Bhròn.”<sup>625</sup> Bidh Ragnall MacIlleDhuibh agus Iain Latharna Caimbeul ag aontachadh gur e seo eadar-theangachadh dhen laoidh Laideann meadhan-aoiseach *Stabat Mater*.<sup>626</sup> Mar a bhios MacIlleDhuibh a’ mìneachadh, mar as àbhaist, bidh rann dhen *Stabat Mater* air a sheinn eadar gach stad air Slighe na Croise.<sup>627</sup> Ma dh’fhaodte gum biodh e na b’ fheàrr

---

<sup>622</sup> Watts, *Record*, 148.

<sup>623</sup> Gerald Parsons, “Victorian Roman Catholicism,” ann an *Religion in Victorian Britain*, Vol. 1, deas. Gerald Parsons (1988), 173.

<sup>624</sup> Anthony Ross, “The Development of the Scottish Catholic Community 1878-1978,” ann am *Modern Scottish Catholicism, 1878-1978*, deas. David McRoberts (1979), 41.

<sup>625</sup> MacDonald, *Comh-Chruinneachadh*, 121-124.

<sup>626</sup> Campbell, “Sources,” 111; Black, *Eilein*, 50.

<sup>627</sup> Black, *Eilein*, 50.



a chumail a-mach gur e dreach Gàidhlig dhen *Stabat Mater* a th' ann an "Tha Moire fo Bhròn", seach eadar-theangachadh dìreach, air sàilleabh 's nach eil e a' dol leis an fhonn chumanta a th' air *Stabat Mater* ach fonn air a dhèanamh dha fhèin.<sup>628</sup>

Nochd eadar-theangachadh dhen *Stabat Mater* ann an *Iùl a' Chrìostaidh* (1885) a tha a' freagairt an fhuinn àbhaistich, a bhios a' tòiseachadh "Sheas a Mhàthair am bròn bàite."<sup>629</sup> Tha mìneachadh ann san aon leabhar fo na stiùiridhean airson Slighe na Croise: "Is tric gu'n seinnear ceithreamh de'n 'Stabat Mater' a' dol eadar gach Stad."<sup>630</sup> Nochd an tionndadh seo dhen *Stabat Mater* anns an dà eagan de dh'*Iùl a' Chrìostaidh* a bha ri leantainn<sup>631</sup> agus san leabhar-ùrnaigh *Lochran an Anma* (1906).<sup>632</sup> Tha an dà thionndaidh dhen laoidh, "Sheas a' Mhàthair" agus "Tha Moire fo Bhròn" a' nochdadh anns aon laoidheadair Caitligeach Gàidhlig a nochd às dèidh Dàrna Comhairle a' Bhatacain, *Seinnibh dhan Tighearna* (1986).<sup>633</sup> A rèir an leabhair seo, 's e Mgr Ailein a rinn an dà thionndadh dhen laoidh.<sup>634</sup> Chan eil fianais ann, ge-tà, a bhios a' sealltainn gur e Mgr Ailein a rinn "Sheas a' Mhàthair." Nochd an t-eagan de dh' *Iùl a' Chrìostaidh* (1885) tràth ann am beatha shagairteil Mhgr Ailein agus chan eil e soilleir carson a dhèanadh e dà thionndadh Gàidhlig dhen aon laoidh.

### 5.6.2 An Laoidh "Slighe na Croise"

Rinn Mgr Ailein laoidh eile, "Slighe na Croise" nach do nochd ann an *Comh-cruinneachadh de Laoidhean Spioradail*, air sàilleabh 's gun do rinn e e às dèidh dhan leabhar nochdadh.<sup>635</sup> Tha gach rann dhen laoidh a' comharrachadh stad air Slighe na Croise, ged a tha e aithnichte mar laoidh a bhiodh ga ghabhail ann an lioturgidh Dihaoine na Ceusta, seach mar phàirt de chràbhhadh Slighe na Croise. Chaidh an laoidh

---

<sup>628</sup> Airson fonn "Tha Moire fo Bhròn," faic Black, *Eilein*, 499.

<sup>629</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1885), 278-280.

<sup>630</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1885), 217.

<sup>631</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1901), 289-291; *Iùl a' Chrìostaidh* (1963), 244-246.

<sup>632</sup> *Lòchran an Anma* (1906), 131-134.

<sup>633</sup> *Seinnibh* (1986), Àireamhan 74 agus 75.

<sup>634</sup> *Seinnibh* (1986), Àireamhan 74 agus 75. Ghabh mi fhìn ris a' cho-dhùnadh seo ann an Reddy, "Ùrnaighean", 39.

<sup>635</sup> Black, *Eilein*, 424.

fhoillseachadh ann an *Seinnibh dhan Tighearna* (1986) agus mar sin, tha e a-nist ann an stòr nan laoidhean a tha aithnichte am measg Chaitligeach nan Eilean.<sup>636</sup> Mus deach an laoidh fhoillseachadh, ge-tà, tha mar a bha e ga ghabhail ag innse mòran mu chràbhadh poblach nan Gàidheal agus an càirdeas eadar beul-aithris agus tùsan sgrìobhte, agus mar a bha laoidhean mar seo aithnichte anns na coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan.

Tha MacIlleDhuibh a' sgrìobhadh gun deach an laoidh a chlàradh aig Ceit NicNeacail (Ceit Phàdraig Mhòir, 1901-1976), às an Ìochdar, Uibhist a Deas, le Iseabail T. Dòmhnallach ann an 1971,<sup>637</sup> agus gum biodh ise ga ghabhail aig seirbhisean eaglaise air Dihaoine na Ceusta.<sup>638</sup> Chaidh NicNeacail a clàradh a-rithist le Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach aig Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1975 agus às dhèidh dhi an laoidh a ghabhail, bidh i a' toirt seachad fiosrachadh mu eachdraidh agus co-theagsa an laoidh:

DED: Glè mhath dha-rìribh, is bha sibh ag radh, 's e Maighstir Ailein a rinn e—

CN: Maighstir Ailein, a tha tiodhlaicht' ann an Èirisgeigh.

DED: Agus bha sibh fhèin ag ràdh gun do ghabh sibh am fear a bha seo, an laoidh a bha seo, anns an eaglais.

CN: Ghabh, ghabh, ghabh, ghabh, ghabh.<sup>639</sup>

Tha fiosrachadh a bharrachd ri fhaighinn mu cho-theagsa na laoidh bho tè eile às an aon pharaiste, Penny Mhoireasdan (Peanaidh Bheag, a dh'eug ann an 1991). Chaidh a clàradh le Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach ann an 1981, a' gabhail "Slighe na Croise." A-rithist, aig an deireadh, bidh i a' toirt fiosrachadh seachad:

PM: Tha e *lovely*.

DED: Nach eil e snog. Nis, 's ann aig Bean Lachlainn Mhòir a dh'ionnsaich thu sin?

<sup>636</sup> *Seinnibh* (1986), Àireamh 19. Tha "Slighe na Croise" air a bhith ga ghabhail sna bliadhnaichean mu dheireadh sna meadhanan Gàidhlig, co-dhiù aon turas air a' phrògram BBC Alba *Alleluia!* Sreath 2, Prògram 26, 20.04.2011, <https://www.bbc.co.uk/programmes/p00ggqrc>.

<sup>637</sup> Rinn Iseabail T. Dòmhnallach tòrr dhen obair deasachaidh air an laoidheadair *Seinnibh dhan Tighearna* agus mar sin, ma dh'fhaodte gun tug an dreach seo dhen laoidh buaidh ar mar a tha e a' nochdadh san laoidheadair. Faic *Seinnibh* (1986), "Facal-Toisich," n.p.

<sup>638</sup> Black, *Eilein*, 424.

<sup>639</sup> Ceit NicNeacail, "An Crann-Ceusaidh," TanD, SA1975.36.A1, <http://tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/109005>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

- PM: 'S ann aig Bean Lachlainn Mhòir – 's i a thug tarraing an toiseach air, is a thòisich air an ionnsachadh. Agus am fear nach maireann, Iain Ruadh, a sgrìobh iad.
- DED: 'S e a sgrìobh sìos na faclan.
- PM: 'S e a sgrìobh sìos na faclan uileadh agus a thug dhuinn iad.
- DED: Agus an robh an laoidh a tha sineach aig duine sam bith eile?
- PM: Cha robh. Cha robh. Uell, ma bha, cha chuala sinn.
- DED: Agus a bheil fios cà' an d' fhuair esan grèim orra?
- PM: Chan eil fhios a'm, a m' eudail, o Dhia. Fhios agaibh, mar as lugha na chunnaic e ann an leabhar i. Ann an leabhar ùrnaigh. Na ann an leabhar rudeigin. Leabhar laoidheadh.
- DED: Ach bha sibh fhèin ag ràdh rium sheinneadh seo, tha i anns na seirbhisean –
- PM: Cha bhi seo ann an seirbheis ach Dihaoine na Ceusta, nam biodh i aca.
- DED: Chan eil i aca.
- PM: Chan eil i aca ann. Agus ghabh ise aon Dòmhnach i – cha b' e, ach aon Dihaoine na Ceusta, ghabh i san eaglais leatha fhèin i. Agus cha chuala iad an leithid riamh. Ghabh.
- DED: Agus tha sibhse air a h-ionnsachadh a-nist.
- PM: Tha mise air a h-ionnsachadh, ach gu bheil i agam air a' phàipear.
- DED: Agus a bheil sibh fhèin dol a bhith ga gabhail Dihaoine?
- PM: Chan eil, chan eil. Chan fhaighinn-sa de mhisneachd na thòiseachadh.
- DED: Ach tha iad ag obair oirbh airson na Càisge.
- PM: Tha.
- DED: Agus chan eil i aig duine eile, a bheil?
- PM: Chan eil. Chan eil aig duine san dùthaich! No anns na dùthchannan, cho fad 's mo bharrail-sa. Cha robh i am Barraigh aca nuair a chuireadh ga h-iarraidh.
- DED: 'S e gu dearbh. Bha ga chur ga h-iarraidh oirbhse à Barraigh.

PM: Chuir, chuir, chuir.

DED: Agus chan eil fhios air an t-saoghal cò rinn an laoidh a bha sin.

PM: Cò aig, a m' eudail, a tha brath. Laoidh dìreach a rinneadh don Chrann-cheusaidh, dìreach mar a cheusadh Crìosda aig trì uairean.<sup>640</sup>

Tha na tha Ceit NicNeacail agus Peanaidh Mhoireasdan a' toirt seachad air an laoidh seo a' togail air iomadh snàth a tha a' ruith tron tràchdas seo, gu h-àraid a thaobh a' chàirdeis eadar tùsan cràbhaidh sgrìobhte agus beul-aithris. Tha e coltach, bho cho-theagsa an dà chlàradh gu h-àrd, gun robh Mhoireasdan ag ionnsachadh na laoidh airson a gabhail san eaglais air Dihaoine na Ceusta às dèidh do boireannaich eile a bhiodh ga gabhail air bàsachadh. Tha NicNeacail a' toirt seachad an fhiosrachaidh gur e Mgr Ailein a rinn an laoidh, ach chan eil am fiosrachadh seo aig Mhoireasdan, a rèir choltais, ged a tha i ag aithneachadh gun robh dreach sgrìobhte ann an toiseach agus chan ann tro bheul-aithris a thàinig i thuice. Chithear cuideachd fianais air co-fharpais eadar nan eilean a thaobh laoidhean ionadail agus aithneachadh air an laoidh mar rud sònraichte a bha a' buntainn don sgìre ionadail, le Mhoireasdan a-mach air muinntir Bharraigh "ga chur ga h-iarraidh."

Tha e inntinneach cuideachd, ged a rinn Mgr Ailein an laoidh agus gun robh dreach sgrìobhte aig fear sa pharaiste, Iain Ruadh, gur e laoidh a bh' ann a ghabhadh boireannaich mar "solo" san eaglais, anns an ìochdar co-dhiù. Ma dh'fhaodte gun rachadh seo fhaicinn ann an solas na bha aig Nan NicFhionghain ri ràdh mu chòisirean ann an eaglaisean Bharraigh ann an Caibideil 2: gur e boireannaich a bhiodh a' seinn annta mar as àbhaist. Ach a bharrachd air sin, dh'fhaodar ceangal a dhèanamh eadar seo agus susbaint na laoidhe a bhios a' toirt seachad sealladh gu math pearsanta air pàis Chrìosda, mar a gheibhear anns an *Stabat Mater*. Ged nach eil sealladh gu sònraichte boireannta san laoidh, tha MacIlleDhuibh a' comharrachadh gu bheil Ceit NicNeacail a' gabhail nan ceathramhan a bhios a' toirt iomradh air boireannach anns a' chlàradh a rinn Iseabail T. Dhòmhnallach ann an 1971.<sup>641</sup> Gheibhear an aon rud sna

---

<sup>640</sup> Peanaidh Mhoireasdan, "An Crann-Ceusaidh," TanD, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/109359?l=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar, le taic bho Ghillebrìde Mac'IlleMhaoil.

<sup>641</sup> Black, *Eilein*, 424.

clàraidhean aig NicNeacail ann an 1975 agus aig Peanaidh Mhoireasdan ann an 1981. Gheibhear teagsa nan ceathramhan seo anns an Eàrr-ràdh.

Tha an aon doimhneachd de dh'fhaireachdainn phearsanta mu chràbhadh timcheall air a' Cheusadh ri fhaicinn anns na chanas Catrìona Garbutt air mar a bhiodh Slighe na Croise ann an Gàidhlig ga gluasad:

Tha a' Ghàidhlig – an Aifreann no an ùrnaigh – *Stations of the Cross*, no rud sam bith mar sin, tha iad barrachd umam air choireigin leotha, na tha iad sa Bheurla. Tha iad snog sa Bheurla cuideachd, is tha na faclan ceart cho tiamhaidh. Ach tha ruideigin a's – nuair a chluinneas tu a' Ghàidhlig – *Stations of the Cross* – bidh iad a' toirt ormsa caoineadh. “Bhuaileadh na buaillean,” “Bhrùchd an fhuil a-mach,” tha iad ag ràdh aig na *Stations*. Is tha sin cho *sad*. Tha e nas fhìorail, air choireigin. Tha rudeigin annad – do chànil fhèin annad. Agus chan eil càil eile ach dìreach *secondary*. Ach cho math 's gum bi thu orra, tha thu air a ghabhail *Higher English, English at university, English literature* – na leabhraichean is a h-uile sìon againn – ach fhathast, 's e a' Ghàidhlig a tha dìreach annad, air choreigin.<sup>642</sup>

Tha Garbutt a' togail phuingean smaoinichail mu àite na Gàidhlig ann an cràbhadh poblach am measg Chaitligich nan Eilean. Mas ann anns a' Ghàidhlig a bha Slighe na Croise ri linn Mhgr Ailein aig deireadh na 19mh linn, mar a tha e coltach, 's ann airson adhbharan prataigeach a bhiodh seo, gu ìre, co-dhiù. Aig an àm sin sna h-Eileanan Siar, bha deagh chuid dhen t-sluagh ann nach tuigeadh ach a' Ghàidhlig. A rèir fiosrachaidh bho chunntas-sluaigh 1901, a-mach às na 5514 daoine ann an Uibhist a Deas agus Beinn a' Bhaoghla, cha robh ach Gàidhlig aig 2500 dhiubh.<sup>643</sup> Ach mun àm air a bheil Garbutt a' bruidhinn – an dàrna leth dhen 20mh linn gus an latha an-diugh -- bha eòlas air Beurla aig cha mhòr a h-uile duine sna h-Eileanan. A rèir cunntas-sluaigh 1971, cha robh ann ach 30 neach ann an Uibhist a Deas agus Beinn a' Bhaoghla aig nach robh ach Gàidhlig.<sup>644</sup> Mar a tha Garbutt a' mìneachadh, tha foghlam aice ann an litreachas na Beurla gu ìre nach biodh aig mòran eile anns na h-Eileanan, ach fhathast, tha Slighe na Croise anns a' Ghàidhlig a' dèanamh ceangal nas pearsanta dhi. Tha a' Ghàidhlig bualadh air an fhèin-aithne aice mar Ghàidheal: “Tha rudeigin annad – do chànil fhèin annad.”

<sup>642</sup> Catrìona Garbutt, 12.06.2018.

<sup>643</sup> Kurt C. Duwe, *Gàidhlig (Scottish Gaelic) Local Studies, Vol. 3* (2005), 21.

<sup>644</sup> Duwe, *Gàidhlig*, 22.

Tha blas ionadail eile air Slighe na Croise a’ nochdadh ann an Acarsaid, Èirisgeidh, far an do pheant an sagart Mgr Calum MacNèill (1921-2003) Slighe na Croise air seann sglèatan bho mhullach Eaglais Èirisgeigh agus iad gan cur air bearradh ri taobh an rathaid ann an 1970.<sup>645</sup> Tha sagart paraiste Èirisgeigh, Mgr Ross Crichton, a’ cumail suas cleachdadh a bhith a’ dèanamh Slighe na Croise sa Ghàidhlig an seo mar pharaiste gach Carghas.<sup>646</sup> Tha Slighe na Croise a pheant Mgr MacNèill air sglèatan ri fhaicinn ann an Eaglais Ghearraidh na Mònadh cuideachd.<sup>647</sup>

## 5.7 Cràbhadh don Chridhe Naomh

Mar chleachdaidhean cràbhaidh ceangailte ri Slighe na Croise, chithear cràbhadh don Chridhe Naomh mar eisimpleir de mhuintir nan Eilean Siar a’ cur blas ionadail air cràbhadh eadar-nàiseanta. Ma dh’fhaodte gun robh mic-talla dhen chràbhadh seo bho linntean na bu tràithe rim faighinn sna h-Eileanan Siar, le MacGilleMhìcheil a’ toirt iomradh air dà thobar-slàinte ann an Uibhist air a bheil “Cro Naomh”:

A well at Drimmore, in South Uist, is called “Tobar Cro Naomh,” Well of the Holy Heart. All who drank of its refreshing and curative waters placed a votive offering in the cairn beside the well. Another well of the same name is in Sannd, in North Uist. This one, however, cannot be located, the extensive and once populous district being now almost uninhabited.<sup>648</sup>

Ged a tha MacGilleMhìcheil a’ cur “Holy Heart” air “Cro Naomh,” tha e ag aithneachadh ann an *Carmina Gadelica* gu bheil ciall nas fharsaing air an fhacal seo, leis a’ mhìneachadh seo:

Cro, heart, death, occasionally and mistakenly used for “cra,” blood; “cro-leapa,” bier, death-bed; “cro-leine,” shroud; “Cro Naomh,” Sacred Heart.<sup>649</sup>

<sup>645</sup> “Eriskay Walking Route,” Visit Outer Hebrides, [https://www.visitouterhebrides.co.uk/dbimgs/1640%20BB%20OH%20EriskayWalking%20Leaflet\\_Update\\_SCREEN%20FINAL.pdf](https://www.visitouterhebrides.co.uk/dbimgs/1640%20BB%20OH%20EriskayWalking%20Leaflet_Update_SCREEN%20FINAL.pdf).

<sup>646</sup> Conaltradh pearsanta. Faic “Eriskay’s Outdoor Stations of the Cross,” Roman Catholic Diocese of Argyll and the Isles, 10.04.2017, <https://www.rcdai.org.uk/eriskays-outdoor-stations-of-the-cross/>.

<sup>647</sup> “Garrynamonie, Our Lady of Sorrows RC Church,” Àrainneachd Eachdraidheil Alba, <http://portal.historicenvironment.scot/designation/LB51401>.

<sup>648</sup> Carmichael, *CG* 2, 252.

<sup>649</sup> Carmichael, *CG* 2, 252.

Mar sin, ma dh'fhaodte nach eil an ceangal ris na tobraichean seo agus an Cridhe Naomh cho soilleir. Tha MacGilleMhìcheil cuideachd a' toirt seachad fiosrachaidh air “a ruin at Gauslan, in Lews” “called ‘Teampull Cro Naomh,’ ‘Temple of the Holy Heart.’”<sup>650</sup> Ach anns an tuairisgeul air an eaglais seo ann an *The Chapels of the Western Isles*, tha Fionnlagh MacLeòid a' mìneachadh “Martin Martin refers to it as ‘Holy-Cross church in Galan.’”<sup>651</sup> Anns an obair aice air seann eaglaisean ann an Leòdhas, tha Rachel Barrowman ag aithneachadh gu bheil e doirbh dèanamh a-mach cò às a thàinig ainm na h-eaglaise seo, ach a' toirt iomradh air “Crò” mar “crois” air a ghiorrachadh air neo “crò” mar bhuaile no “enclosure” no “crò” mar a gheibhear ann an abairt a bhios a' nochdadh ann an Dwelly, “A Chrìosda Chrò-naoimhe,” “O Christ of the Holy Blood.”<sup>652</sup> Ann an inntigeadh anns an *Ordnance Survey Name Book* bho 1852, tha ainm na h-eaglaise air a thoirt seachad mar “Teampull na Cro Naomh” agus am fiosrachadh seo na chois:

Tradition Says nothing about it but that it was very much resorted to by Catholics in former times So much So that they used to come from all the adjacent Islands for the purpose of performing a pilgrimage at it.<sup>653</sup>

Ged a tha e doirbh dearbhadh a bheil ceangal ann eadar ainm na h-eaglaise seo agus an dà thobar ann an Uibhist, ma dh'fhaodte gu bheil an t-ainm “Crò Naomh” a' dol air ais gu cràbhadh do dh'fhuil agus lotan Chrìosda a bha cumanta sna meadhan-aoisean.<sup>654</sup>

Co-dhiù an robh cràbhadh don Chridhe Naomh mar phàirt de chleachdaidhean dùthchasach na bu tràithe sna h-Eileanan Siar gus nach robh, 's ann aig deireadh na 19mh linn a bha cràbhadh don Chridhe Naomh a' fàs cumanta sna h-Eileanan Siar, agus le seo, cha robh Caitligich nan Eilean ach a' leantainn ghluasadan san Eaglais Chaitligich air fad. Ged a bha cràbhadh don Chridhe Naomh ann mar phàirt de chràbhaidhean na

---

<sup>650</sup> Carmichael, *CG* 2, 252.

<sup>651</sup> Finlay MacLeod, *The Chapels in the Western Isles* (1997), 16.

<sup>652</sup> Rachel C. Barrowman, “Chapel-sites on the Isle of Lewis,” *Scottish Archaeological Internet Reports* 88 (2020): 32, <https://doi.org/10.9750/issn.2056-7421.2020.88>.

<sup>653</sup> “Teampull na Cro Naomh,” Ross and Cromarty (insular), Volume 5, *Ordnance Survey Name Books*, OS1/27/5/53, <https://scotlandspplaces.gov.uk/digital-volumes/ordnance-survey-name-books/ross-and-cromarty-os-name-books-1848-1876/ross-and-cromarty-insular-volume-05/51>. Taing do Thomas Clancy airson an iomraidh seo.

<sup>654</sup> Faic J.P. Bruni / Editors, “Wounds of Our Lord, Devotion to” ann an *New Catholic Encyclopedia*, 2na eagan, Vol. 14 (2003), 860.

h-Eaglais Caitligich o chionn nam meadhan-aoisean, bha e air ath-bheòthachadh leis na teachdaireachdan a bh' air am buileachadh air bean-chràbhaidh Fhrangach, Margaret Mary Alacoque (1647-1690) san t-17mh linn. Ach 's ann aig deireadh na 19mh linn a bha am Pàpa a' moladh a' chràbhaidh seo gu mòr: dh'àrdaich Pius IX ìre Fèill a' Chridhe Naomh anns a' mhìosachan Chaitligeach dà thuras, mar latha-fèill choitcheann ann an 1859 agus gu ìre a' chiad chlas ann an 1889.<sup>655</sup> Ann an 1899, choisrig Leo XIII an saoghal air fad do Chridhe Naomh Ìosa.<sup>656</sup> Anns an Eaglais Chaitligich san fharsaingeachd, bha cràbhadh don Chridhe Naomh cumanta san 20mh linn cuideachd.<sup>657</sup>

Anns na h-Eileanan Siar, chithear fianais air cràbhadh don Chridhe Naomh san 19mh linn agus san 20mh linn ann an sgeadachadh eaglaisean, ann an leabhraichean cràbhaidh agus laoidhean, agus ann am buidhnean cràbhaidh. Tha ceanglaichean ri fhaicinn eatarra uile. Coltach ri Slighe na Croise ann an eaglais Bhòrnais, tha a' Ghàidhlig ri faicinn air taobh a-staigh Eaglais Ghearraidh na Mònadh, air mosàig ur-nòsach a rinn an neach-ealain David Harding. Fo dhealbh de Chrìosda, leughar na faclan, "A Chridhe Ìosa fhuirneis laiste na carrantachd" agus air pàirt eile dhen mhosàig: "Dèan tròcair oirnn."<sup>658</sup> Tha na faclan seo a' tighinn bhon "Leadain Chridhe Uilenaomh Ìosa" mar a tha e ri fhaighinn anns an dà eagraan mu dheireadh de dh' *Ìul a' Chrìostaidh*.<sup>659</sup> Mar seo, tha coltas ann gum biodh coitheanal Ghearraidh na Mònadh ag aithneachadh an leadain seo anns a' Ghàidhlig. Aig deireadh na 19mh linn agus anns a' chiad leth dhen 20mh linn bha buidhnean ann am paraistean nan Eilean air an robh "Confraternity of the Sacred Heart," mar phàirt de ghluasad a bha air a mholadh aig na h-ìrean as àirde san Eaglais ann am Breatainn, leis a' Chàirdineal Henry Edward Manning (1808-1892), Àrd-Easbaig Westminster, a' sgrìobhadh ann an *The Glories of the Sacred Heart* (1877): "You that are not members of the Confraternity of the Sacred

<sup>655</sup> Jean Banivel, "Devotion to the Sacred Heart of Jesus," ann an *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 7 (1910), <http://www.newadvent.org/cathen/07163a.htm>.

<sup>656</sup> Leo XIII, *Annum Sacrum* (1899), [http://www.vatican.va/content/leo-xiii/en/encyclicals/documents/hf\\_l-xiii\\_enc\\_25051899\\_annum-sacrum.html](http://www.vatican.va/content/leo-xiii/en/encyclicals/documents/hf_l-xiii_enc_25051899_annum-sacrum.html).

<sup>657</sup> "The 19th century has been called 'the century of the Sacred Heart,' but this devotion still retained its popularity in the 20th century." J.F. Broderick agus F.J. Coppa, "Church, History of, IV (Late Modern, 1789-2002)," ann an *New Catholic Encyclopedia*, 2na eagraan, Vol. 3 (2003), 623.

<sup>658</sup> Dealbh ann an Watts, *Record*, clàr 39, n.p.

<sup>659</sup> *Ìul a' Chrìostaidh* (1901), 200-202; *Ìul a' Chrìostaidh* (1963), 176-179.



Heart, lose no time to enrol yourselves.”<sup>660</sup> Air an aon bhliadhna a nochd an leabhar aig a’ Chàirdineal, nochd an *Ordo Missae* Laideann le eadar-theangachadh Gàidhlig agus earran ann air a bheil “Crabhadh do Cridhe Naomh Ìosa,” anns a bheil “Leadadh Cridhe Uilenaomh Ìosa.”<sup>661</sup> Tha mìneachadh air a’ chràbhaidh ann mar ro-ràdh air an leadadh, a bhios ag innse eachdraidh a’ chràbhaidh, agus an dleastanas aig buill Chomuinn Chridhe Naomh Ìosa a bhith a’ gabhail na h-ùrnaigh seo a h-uile latha: “A Chridhe Uilenaomh Ìosa thoir orm gaol a thoirt dut na ’s mó ’s na ’s mó.”<sup>662</sup> Bha “Confraternity of the Sacred Heart” ann an eaglais Dhalabroig mu 1886 gu 1900,<sup>663</sup> ann am Beinn a’ Bhaoghla agus ann an Àird Choinnich sna 1920an,<sup>664</sup> agus ann an eaglais Bhòrnais aig deireadh nan 1930an.<sup>665</sup>

Ma dh’fhaodte gu bheil ceangal ri dhèanamh eadar na buidhnean seo, cràbhaidh don Chridhe Naomh, agus na mnathan-cràbhaidh a bha a’ ruith an aon ospadal sna h-Eileanan Siar mu dheas fad iomadh bliadhna, a chaidh a thogail ann an Dalabrog ann an 1893.<sup>666</sup> Mar a tha ri leughadh san *Catholic Directory* ann an 1900:

There is a Cottage Hospital maintained by the Marchioness of Bute, under the charge of the “Servants of the Sacred Heart”; average of patients, 10. The Sisters also visit the sick and dying.<sup>667</sup>

Bha na mnathan-cràbhaidh seo ann an Uibhist fad còrr agus ceud bliadhna. Dhealaich na mnathan-cràbhaidh ann am Breatainn bhon choitheanal eadar-nàiseanta “Servants of the Sacred Heart” ann an 1902 agus ghabh iad ri ainm ùr, “Sisters of the Sacred Hearts of Jesus and Mary.”<sup>668</sup> Tha ciad cheannard an ospadail, agus ciad àrd-mhàthair nam mnathan-cràbhaidh ann an Uibhist, A’ Mhàthair Casimir (Harriett Davidson), a bha

---

<sup>660</sup> Henry Edward Manning, *The Glories of the Sacred Heart* (1877), 161.

<sup>661</sup> *Ordo Missae* (1877), 45-48.

<sup>662</sup> *Ordo Missae* (1877), 45.

<sup>663</sup> *Catholic Directory* (1886), 131; *Catholic Directory* (1889), 118; *Catholic Directory* (1900), 148.

<sup>664</sup> *Catholic Directory* (1920), 134; *Catholic Directory* (1927), 141, 142.

<sup>665</sup> *Catholic Directory* (1939), 184.

<sup>666</sup> Tasglann nan Eilean Siar, “Daliburgh Hospital,” <http://ica-atom.tasglann.org.uk/index.php/nhs-western-isles-daliburgh-hospital;isaar>.

<sup>667</sup> *Catholic Directory* (1900), 148.

<sup>668</sup> “Our History,” Sisters of the Sacred Hearts of Jesus and Mary, <http://www.sacredheartsjm.org/who-we-are/our-history>.

na dreuchd bho 1893 gus an do bhàsaich i ann an 1919<sup>669</sup> air a cuimhneachadh ann an ainm sràide ann an Dalabrog, Casimir Place. Fiù 's nuair a thàinig an t-ospadal a bhith na dhachaigh airson seann daoine ann an 2007, 's e "Taigh a' Chridhe Uile Naomh" a chaidh a bhuileachadh air<sup>670</sup> agus tha ìomhaigh don Chridhe Naomh fhathast mu choinneimh an togalaich.<sup>671</sup> A bharrachd air an dìleab fhaicsinneach seo, tha buaidh nam mnathan-cràbhaidh a' nochdadh ann an cuimhneachaidhean muinntir Uibhist a Deas, agus ma dh'fhaodte fiù 's ann an gnàthasan ainmeachaidh Chaitligich an eilein. Dh'innis aon bhoireannach a rugadh san ospadal sna 1960an dhomh gun robh na mnathan-cràbhaidh airson 's gun cuireadh a pàrantan ainm naoimh ris an ainm teaghlaich a thagh iad fhèin dhi.<sup>672</sup>

Tha buaidh cràbhaidh don Chridhe Naomh na naoideamh linn deug soilleir ann an laoidhean a sgrìobh agus a dh'eadar-theangaich Mgr Ailein Dòmhnallach. Ann an *Comh-Chruinneachadh de Laoidhean Spioradail*, tha "Laoidh Crìdhe Naomh Ìosa" ann.<sup>673</sup> Ma dh'fhaodte gun do rinn e an laoidh agus Comunn a' Chridhe Naoimh ann an Dalabrog fa-near dhà; bha esan na shagart paraiste ann aig àm a' chiad iomradh air a' bhuidheann sa *Catholic Directory* ann an 1886.<sup>674</sup> Rinn Mgr Ailein laoidh eile dhan Chridhe Naomh, "Gu Urram Chridhe Naomh Ìosa Chrìosda"<sup>675</sup> eadar 1895 agus 1901<sup>676</sup> agus "Laoidh dhan Chridhe Naomh," eadar-theangachadh Gàidhlig dhen laoidh Beurla, "O Sacred Heart" mun aon àm.<sup>677</sup>

<sup>669</sup> "Rev Mother Casimir," Cladh Hallan 168, <https://www.hallancemeterysouthuist.co.uk/view-grave.php?num=168>.

<sup>670</sup> "Uist Care Homes," Comhairle nan Eilean Siar, <https://cne-siar.gov.uk/home/health-and-social-care/care-homes/north-uist-care-homes/>.

<sup>671</sup> Bha an ìomhaigh seo ann cho fada air ais ris na 1940an co-dhiù. Faic "Sacred Heart Hospital, Daliburgh, South Uist," dealbh le Donnchadh Mac a' Phearsain (Duncan MacPherson), 1940an. Tha an dealbh tùsail ann an Tasglann an Eilein Sgitheanaich agus Loch Aillse. Am Baile, <https://www.ambaile.org.uk/asset/12301/1/>.

<sup>672</sup> Conaltradh pearsanta. Tha coltas ann gun do dh'fhàs na h-ainmean "Francis" agus "Frances" cumanta mun àm seo leis gun robh a' bhean-cràbhaidh Sister Frances a bha ag obair san ospadal glè aithnichte. Conaltradh pearsanta le Gillebrìde Mac'IlleMhaoil.

<sup>673</sup> *Comh-Chruinneachadh* (1893), 110-113.

<sup>674</sup> *Catholic Directory* (1886), 131.

<sup>675</sup> Black, *Eilein*, 252-255.

<sup>676</sup> Black, *Eilein*, 409.

<sup>677</sup> Black, *Eilein*, 324-325 (laoidh); 441 (notaichean). A rèir Mhic'IlleDhuibh, 's e Mgr F. Stanfield (1835-1914) a rinn an laoidh Beurla "O Sacred Heart." *Eilein*, 441.

Tha fianais ann gun do lean cràbhadh don Chridhe Naomh sna h-Eileanan Siar tron 20mh linn. A bharrachd air na h-ìomhaighean dhen Chrìdhe Naomh ann an Eaglais Ghearraidh na Mònadh agus aig Taigh a' Chridhe Uile Naomh, tha ìomhaigh ann an Eaglais Dhalabroig gus an latha an-diugh a bha ri fhaicinn ann an dealbh a chaidh a thogail ro Dhàrna Comhairle a' Bhatacain.<sup>678</sup> Tha ìomhaighean coltach ri seo ann an eaglaisean Gheàrraidh na Mònadh agus Èirisgeigh cuideachd. Bha tuilleadh laoidhean dhan Chrìdhe Naomh air an eadar-theangachadh san 20mh linn cuideachd. Rinn an sagart Barrach, Mgr Iain MacIlleMhaoil (1880-1951), eadar-theangachadh Gàidhlig air dòrlach de laoidhean Beurla anns a' chiad leth dhen 20mh linn.<sup>679</sup> Nam measg tha eadar-theangachadh air an laoidh "O Take Me To Thy Sacred Heart," "O Thoir Mi Null Do Chrìdhe Naomh,"<sup>680</sup> a bharrachd air eadar-theangachadh eile dhen laoidh "O Sacred Heart," air a bheil "O Chrìdh' Mhic Dhe,"<sup>681</sup> agus "Chrìdhe Ghaolaich Ìosa," eadar-theangachadh air "Sweet Heart of Jesus."<sup>682</sup> Tha na trì laoidhean seo a' nochdadh san laoidheadair *Seinnibh dhan Tighearna* (1986).<sup>683</sup> Dh'fhaodar seo fhaicinn mar fhianais gun robh cràbhadh don Chrìdhe Naomh ga mheas cudromach fhathast am measg Chaitligeach sna h-Eileanan Siar aig deireadh na 20mh linn. A' cur ri seo, tha clàr dhen laoidh "[O Thoir Mi] Null Gud Chrìdhe Naomh" le Còisir Eaglais Naomh Bàrr ri fhaighinn air làraich-lìn a' BhBC<sup>684</sup> agus clàr de Pheigi Boyd Buchanan (1904-1993) à Barraigh a' gabhail "O Chrìdhe Mhic Dhè" ann an 1970 aig Sgoil Eòlais na h-Alba.<sup>685</sup>

Tha snàth a' ruith tron fhianais seo uile mun chràbhadh don Chrìdhe Naomh sna h-Eileanan Siar: gun robh iadsan a bha a' stiùireadh na bha a' tachairt san Eaglais

---

<sup>678</sup> Michael MacDonald, "St Mary's Bornish, St Peter's, Daliburgh and St Mary's, Fort William," <https://www.rcdai.org.uk/st-marys-bornish-st-peters-daliburgh-and-st-marys-fort-william/>.

<sup>679</sup> Faic An t-Athair Iain MacIlleMhaoil, *Seòlaidh Mise Null: Bàrdachd is Rosg le Mgr Iain Dhonnchaidh* (2018), 128-140.

<sup>680</sup> MacIlleMhaoil, *Seòlaidh Mise Null* (2018), 130-131.

<sup>681</sup> MacIlleMhaoil, *Seòlaidh*, 132-133.

<sup>682</sup> MacIlleMhaoil, *Seòlaidh*, 134-135. Gheibhear nota gu bheil "feadhainn ag ràdh gun do rinneadh i le Sister Mary Josephine."

<sup>683</sup> *Seinnibh* (1986) Àireamhan 24, 25, agus 26.

<sup>684</sup> "Null Gud Chrìdhe Naomh," Bliadhna nan Òran, BBC, 2015, [https://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/null\\_gud\\_chridhe\\_naomh/](https://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/null_gud_chridhe_naomh/). Chan eil ceann-bliadhna air a' chlàr.

<sup>685</sup> Peigi Boyd Buchanan, "O Chrìdhe Mhic Dhè," TanD, SA1970.159.A2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/65716?l=gd>.

Chaitligich aig ìre ionadail, na sagairt pharaisteach sa mhorchuid, a' gabhail ri gluasadan san Eaglais Chaitligich air fad agus gan eadar-theangachadh, gu tric gu litireil, gus an gabhadh muinntir nan Eilean riutha, co-dhiù a bha seo a rèir sgeadachadh eaglaisean, laoidhean air neo buidhnean cràbhaidh. Tha a' bhuidhean aig sagairt ionadail air mar a sgaoil an cràbhadh mu dheireadh air an toirear sùil an seo, Beannachadh na Sàcramaid, gu sònraichte follaiseach.

## 5.8 Beannachadh na Sàcramaid

Gu ruige Dàrna Comhairle a' Bhatacain, cha robh e ceadichte Aifreann Dòmhnach a bhith ann ach anns a' mhadainn. Bha cràbhaidhean eile cumanta ann an eaglaisean air feasgar Didòmhnaich, gu h-àraid Beannachadh na Sàcramaid. Bidh an *Catholic Encyclopedia* a' toirt tuairisgeul air a' chràbhadh seo:

It is ordinarily an afternoon or evening devotion and consists of the singing of certain hymns, or litanies, or canticles before the Blessed Sacrament, which is exposed upon the altar and surrounded with lights. At the end, the priest, his shoulders enveloped in a humeral veil, takes the monstrance into his hands and with it makes the sign of the cross (hence the name Benediction) in silence over the kneeling congregation.<sup>686</sup>

Nochd an cràbhadh seo san *Ordo Missae* Laideann is Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh ann an 1877,<sup>687</sup> agus san eagan de dh' *lùl a' Chrìostaidh* a nochd ann an 1885.<sup>688</sup> B' ann ann an Laideann a bhiodh ùrnaighean an t-sagairt, ach tha eadar-theangachadh Gàidhlig anns an dà leabhar gus an leanadh an coitheanal iad, a bharrachd air stiùireadh agus mìneachadh sa Ghàidhlig. A rèir an fhiosrachaidh san *Catholic Directory*, 's ann mun aon àm seo a thòisich an cràbhadh seo a' nochdadh air a' Ghàidhealtachd. Nuair a chaidh eaglais ùr fhosgladh anns an Dòirlinn ann am Mùideart ann an 1862, bha Beannachadh na Sàcramaid ann as dèidh Aifreann anns an tug Mgr Uilleam Mac an Tòisich searmon seachad sa Ghàidhlig.<sup>689</sup> Chan eil sgeul air a' chràbhadh seo mar phàirt dhen bheatha chràbhaidh àbhaisteach sna h-Eileanan Siar

<sup>686</sup> Herbert Thurston, "Benediction of the Blessed Sacrament," ann an *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 2 (1907), <http://www.newadvent.org/cathen/02465b.htm>.

<sup>687</sup> *Ordo Missae* (1877), 42-44.

<sup>688</sup> *lùl a' Chrìostaidh* (1885), 184-189.

<sup>689</sup> *Catholic Directory* (1863), 111.

gu ruige nan 1880an. Ann an 1884, bha Beannachadh na Sàcramaid ann gach Didòmhnaich san aon eaglais Chaitligeach a bha am Barraigh aig an àm, còmhla ri teagasg (“instruction”) agus a’ Chonair Mhoire. B’ e Mgr Seumas Siosal (1854-1948) an sagart paraisteach aig an àm.<sup>690</sup> Ann an 1885, bha Mgr Ailein Dòmhnallach na shagart ann an Dalabrog, far an robh teagasg, (an dà chuid “Catechism” agus “Instruction,”) a’ Chonair Mhoire agus Beannachadh na Sàcramaid ann gach feasgar Didòmhnaich.<sup>691</sup> Ann an 1895, bha Beannachadh na Sàcramaid ann gach Didòmhnaich aig seachd uairean ann an Eaglais Naomh Moire ann an Beinn a’ Bhaoghla, còmhla ris a’ Chonair Mhoire agus teagasg. B’ e Mgr Alasdair Dùghallach (1859-1944) sagart na paraiste. Air an aon bhliadhna, bha Beannachadh na Sàcramaid ann an Àird Choinnich air feasgar Didòmhnaich “when circumstances permit” an cois teagasg agus na Conair Mhoire, far an robh Mgr Aonghas MacRath (1858-1923) na shagart. Bha Mgr Ailein a-nis ann an Èirisgeigh, far an robh Beannachadh agus a’ Chonair Mhoire ann gach feasgar Didòmhnaich às dèidh sgoil na Sàbaid. Bha Mgr Seòras Rigg (1860-1897) a-nis ann an Dalabrog, ach bha Beannachadh na Sàcramaid fhathast ann gach feasgar Didòmhnaich, còmhla ri teagasg agus a’ Chonair Mhoire.<sup>692</sup>

Aig an àm seo, deireadh na 19mh linn, anns an robh Beannachadh na Sàcramaid anns cha mhòr gach paraiste sna h-Eileanan Siar, bha aon rud sa chumantas eadar na paraistean uile: bha na sagairt a bha ga chumail uile cuimseach òg, a rugadh eadar 1854 agus 1860, agus chaidh an òrdachadh nan sagairt mun aon àm, eadar 1882 agus 1891.<sup>693</sup> Bha àireamh nan sagart san sgìr-easbaig air fad air a dhol suas aig deireadh na 19mh linn. Sgrìobh Mgr Roderick MacDonald mu na h-atharrachaidhean a thàinig gu bhith fo stiùir an Easbaig Aonghais Dhòmhnallaich (1844-1900), a bha aig ceann na sgìr-easbaig eadar 1878 agus 1892:

Where he had found only sixteen priests, of whom several were useless, he left in 1892 a band of twenty three priests, all good men without exception.<sup>694</sup>

---

<sup>690</sup> *Catholic Directory* (1884), 128.

<sup>691</sup> *Catholic Directory* (1885), 129.

<sup>692</sup> *Catholic Directory* (1895), 144-145.

<sup>693</sup> Faic Christine Johnson, *Scottish Catholic Secular Clergy* (1991): Chisholm, James (122); McDonald, Allan (126); MacDougall, Alexander (127); MacRae, Angus (133); Rigg, George (134).

<sup>694</sup> Roderick MacDonald, *Outline History of the Diocese of Argyll and the Isles* (1958), 19, <http://www.uist-rc.org.uk/fr-michael-talks.html>. Ceangal a-nis marbh (2023).

Tha MacDonald cuideachd ag innse gun do chùm an t-Easbaig Dòmhnallach ceithir seanaidhean gus dearbhadh gun robh na sagairt aige a' cleachdadh uidheamachd Aifrinn freagarrach agus gun robh iad a' cumail teagasg mun chreideamh ris an t-sluagh.<sup>695</sup> Is coltach gun tug na h-atharrachaidhean seo uile buaidh air sgapadh chràbhaidhean mar Beannachadh na Sàcramaid sna h-Eileanan Siar aig deireadh na 19mh linn: bha barrachd shagart òga ann aig an robh spionnadh gus cràbhaidhean a bha mar phàirt dhen “devotional revolution” air fad a chur fa chomhair nan coitheanalan aca agus bha easbaig òg ann a bha airson 's gum biodh gnothaichean nas riaghaltaiche air taobh a-staigh nan eaglaisean aige. Rinn na sagairt òga seo uile co-dhiù pàirt dhen trèanadh aca air tìr-mòr na h-Eòrpa,<sup>696</sup> is mar sin, bhiodh iad air gluasadan ùra a thaobh cràbhaidhean poblach air tìr-mòr na Roinn Eòrpa fhaicinn: na “French and Italian forms of devotion” air an tugadh iomradh na bu tràithe sa chaibideil seo. Mar sin, tha e soilleir gun robh cràbhadh poblach sna h-Eileanan Siar aig deireadh na 19mh linn a' leantainn ghluasadan san Eaglais Chaitligich air fad.

Bha Beannachadh na Sàcramaid agus cràbhaidhean eile air feasgar Didòmhnaich fhathast cumanta anns na paraistean sna h-Eileanan Siar ann am meadhan na 20mh linn. A rèir an *Catholic Directory* (1957), bha “devotions” air neo “Rosary and Benediction” feasgar Didòmhnaich anns gach paraiste anns an robh sagart a' fuireach: Àird Choinnich; Beinn a' Bhaoghla; Bòrnais; Bàgh a' Chaisteil; Dalabrog; Èirisgeigh; agus am Bàgh a Tuath.<sup>697</sup> Bha fiù 's seiribheisean feasgar Didòmhnaich aig a' mhòrchuid dhe na h-eaglaisean beaga ceangailte ris na h-eaglaisean seo co-dhiù uaireannan. Mar eisimpleir, bha Eaglais Ghearraidh na Mònadh air a frithealadh leis an dithist shagart ann an Dalabrog. Chithear gun robh seirbheis san eaglais seo gach dàrna feasgar Didòmhnaich agus seirbheis ann gach feasgar Dimàirt san Dàmhair, sa Chèitean, agus rè a' Charghais.<sup>698</sup>

---

<sup>695</sup> MacDonald, Outline, 20.

<sup>696</sup> Faic na duilleagan ann an Johnson gu h-àrd.

<sup>697</sup> *Catholic Directory* (1957), 124-132.

<sup>698</sup> *Catholic Directory* (1957), 127-128.

Ann an 1953, thug am Pàpa Pius XII seachad cead airson Aifreann air an fheasgar, nan robh feum ann, anns a’ bhun-reachd abstolach aige, *Christus Dominus*.<sup>699</sup> Chan eil coltas ann gun robh an t-atharrachadh seo air a chur an gnìomh a thaobh Aifreann Didòmhnaich air a’ Ghàidhealtachd, ge-tà. Ann an 1957, a rèir an *Catholic Directory*, cha robh aon eaglais ann an Sgìr-Easbaig Earra-Ghàidheil is nan Eilean far am faighear Aifreann Didòmhnaich a thòisich às dèidh meadhan-latha. Bha Aifreannan ann air an fheasgar air làithean-fèille aig an robh dleastanas aig Caitligich a dhol dhan Aifreann ann an corra eaglais air tìr-mòr agus ann am Baile Bhòid,<sup>700</sup> ach bha na h-Aifreannan air làithean fèille uile anns a’ mhadainn sna h-Eileanan Siar. Ma dh’fhaodte gu bheil seo a’ sealltainn nach robh càil aig sagairt nan Eilean Siar gabhail ris a’ chothrom seo, air neo nach fhaiceadh iad gun dèanadh e diofar sna paraistean aca.

Leis na h-atharrachaidhean a thàinig a-staigh ri linn Dàrna Comhairle a’ Bhatacain, thòisich crìonadh air Beannachadh na Sàcramaid agus cràbhaidhean eile air feasgar Didòmhnaich fhad ’s a dh’fhàs e na bu chumanta Aifreann a bhith ann air feasgar Didòmhnaich ann am Breatainn is Èirinn. Tha Gary Carville a’ toirt iomradh air sgrìobhadh Àrd-Easbaig Bhaile Àtha Cliath, Dermot Ryan, bho 1982, far a bheil e a’ caoidh crìonadh “popular devotions” on a thàinig Aifreann air an fheasgar gu bhith.<sup>701</sup> An taca ri seo, cha robh na h-eaglaisean sna h-Eileanan Siar cho luath gus na cràbhaidhean seo a leigeil seachad. Ann an 1982, bha “evening service,” seach Aifreann, fhathast aig a’ mhòr-chuid de na h-eaglaisean sna h-Eileanan Siar gach Didòmhnaich. A-mach às na dusan eaglais sna h-Eileanan Siar mu dheas air an ainmeachadh san *Catholic Directory* ann an 1982, bha “evening service” no “evening devotions” aig ochd dhiubh.<sup>702</sup> Fiù ’s ann an 2000, a rèir an *Directory*, bha “evening service” aig còig dhe na dusan eaglaisean sna h-Eileanan Siar, co-dhiù gach dàrna Didòmhnaich.<sup>703</sup> Mun àm seo, cha robh cràbhaidhean feasgar Didòmhnaich idir cumanta. Mun bhliadhna 2002, cha robh ach corra eaglais ann an Sgìr-Easbaig Earra-

<sup>699</sup> Pius XII, *Christus Dominus* (1953), <https://www.papalencyclicals.net/pius12/p12chdom.htm>.

<sup>700</sup> Faic *Catholic Directory* (1957): Àrd-eaglais an Òbain (124) agus eaglaisean ann an Cnòideart (130); Ceann Loch Gilp (130-131); Mòrar (131); Baile Bhòid (131) agus An Drochaid Ruaidh (133).

<sup>701</sup> Gary Carville, “Scrupulous and Timid Conformism” *Religions* 12 (2021): 545, <https://www.mdpi.com/2077-1444/12/7/545>.

<sup>702</sup> *Catholic Directory* (1982), 156-169.

<sup>703</sup> *Catholic Directory* (2000), 175-188.

Ghàidheal is nan Eilean a' tabhann "evening services" "as announced," le Eaglaisean Dhalabroig agus Ghearraidh na Mònadh gan cumail uair sa mhìos.<sup>704</sup> Coltach ris mar a thàinig Beannachadh na Sàcramaid gu bhith aig deireadh na 19mh linn, dhèanadh e ciall gun robh dà phrìomh adhbhar ann airson seo: an gluasad san Eaglais Chaitligich aig ìrean nàiseanta agus eadar-nàiseanta air falbh bho chràbhaidhean mar seo, seach a bhith gam moladh, agus crìonadh ann an àireamh nan sagart, seach àireamh nan sagart a' fàs.

## 5.9 Co-dhùnadh

Tha a' chabideil seo air breithneachadh air mar a tha beachdan agus gluasadan bho thaobh a-muigh agus taobh a-staigh na h-Eaglais Chaitligich air buaidh a thoirt air mar a tha creideamh nan coimhearsachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar ga thaisbeanadh. Chunnacas cuideachd mar a dh'fhaodar cràbhaidhean poblach ionadail mar Slighe na Croise, cràbhadh don Chridhe Naomh agus Beannachadh na Sàcramaid fhaicinn mar "lòcasan creideimh" far an tèid blas ionadail a chur air cràbhadh coitcheann, agus mar a tha cleachdaidhean cràbhaidh Caitligeach sna h-Eileanan Siar an urra ri buaidhean bho thaobh a-muigh nan coimhearsnachdan fhèin, seach a bhith mar fhianais air creideamh glèidhte air nach tig buaidh an t-saoghail mhòir, a dh'aindeoin 's gur ann mar seo a bha creideamh muinntir nan Eilean gu tric ga thaisbeanadh aig ìre nàiseanta san 19mh linn agus san 20mh linn. Ged a tha cothroman gu leòr ann tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air a' chuspair seo, thathar an dòchas gum faod an rannsachadh seo a bhith mar thoiseach-tòiseachadh a dh'ionnsaigh cleachdaidhean creideimh Caitligich nan Eilean Siar fhaicinn tron t-sealladh seo agus gun cuir e ruaig air fàileasan an "Celtic Twilight" a tha a' laighe air mar a tha creideamh nan Caitligeach sna h-Eileanan Siar mu dheas ga riochdachadh.

---

<sup>704</sup> *Catholic Directory* (2000), 177-190.



## Caibideil 6: Ìomhaigh an t-Sagairt ann an Seanchas<sup>705</sup>

Ann an a' chaibideil seo, bithear a' toirt sùil air mar a tha sagairt air an riochdachadh ann an seanchas Caitligich nan Eileanan Siar bho dheireadh na 19mh linn gus an latha an-diugh. Tha an seanchas fhèin stèidhichte thairis air 400 bliadhna de dh'eachdraidh nan Eilean bho àm an Ath-Leasachaidh gus an 20mh linn. Bithear a' sealltainn gu bheil ìomhaigh leantainneach aig an t-sagart ann an sgeulachdan mu na h-amannan peanasail agus cuimhneachain nas ùire air sagairt iomraiteach. Faodar dà adhbhar fhaicinn airson seo. A' togail air an obair aig Niall Ó Ciosáin, chithear gu bheil seanchas mu shagairt sna h-Eileanan Siar a' toirt seachad ìomhaigh an t-sagairt ann an sgeulachdan bhios a' cumail ri agus a' daingneachadh luachan a tha stèidhichte gu domhainn sa choimhearsnachd, agus iad a' riochdachadh sealladh a tha an dà chuid Caitligeach agus Gàidhealach. Mar sin, dh'fhaodadh an seanachas seo a bhith gam faicinn mar "aspects of local experience which best conform to an existing repertoire of narrative, which are most tellable." Mar sin, thèid cuideam a chur orra ann an seanchas ionadail.<sup>706</sup> Ceangailte ri seo, faodar seanchas mu shagairt fhaicinn mar "lieux de mémoire" mar a chuireas Pierre Nora an cèill, a bhios a' riochdachadh luachan na coimhearsnachd ann an cruth aithriseach. Bidh a' chaibideil seo a' tarraing air roinn de thùsan, an leithid làmh-sgrìobhainnean, clàraidhean Sgoil Eòlais na h-Alba air an tar-sgrìobhadh airson a' chiad uair, agus agallamhan ùra.

Mar a chunnacas na bu tràithe san tràchdas seo, tha am frèam-sgrùdaidh aig Ó Ciosáin, a bhios a' sealltainn mar a tha ìrean de chuimhne ag obrachadh ri chèile ann an seanchas, feumail a thaobh a bhith a' breithneachadh air seanchas ceangailte ri creideamh sna h-Eileanan Siar. Mar sin, far a bheil e freagarrach a thaobh seanchas mu shagairt, cuirear am frèam-sgrùdaidh seo gu feum sa chaibideil seo. Gu ìre, bidh a' chaibideil seo cuideachd an comain an sgrùdaidh a rinn Hilary Joyce Bishop air seanchas mu na h-amannan peanasail ann an Èireann tron fhrèam seo.<sup>707</sup> Tha Bishop a' togail air na tha Ó Ciosáin a' cumail a-mach: gu bheil am frèam-sgrùdaidh seo a' cur ris

<sup>705</sup> Nochd cuid de na beachdan agus eisimpleirean seo ann an aiste a sgrìobh an t-ùghdar airson a' chùrsa CELTCIV5012 mar phàirt dhe cheum MRes aig Oilthigh Ghlaschu ann an 2017.

<sup>706</sup> Ó Ciosáin, "Famine Memory," 107.

<sup>707</sup> Bishop, "Memory," 18-38.

an tuigse a th' againn air mar a tha buill choimhearsnachdan ionadail a' riochdachadh ìomhaighean dhaoine agus thachartasan sna làithean a dh'fhalbh.<sup>708</sup>

Tha e cudromach ìomhaigh an t-sagairt ann am beul-aithris nan Eilean a chur ann an co-theagsa a thaobh na tha Caitligich a' creidsinn mu dhreuchd an t-sagairt san fharsaingneachd. Chithear anns na h-eisimpleirean sa chaibideil seo mar a tha ìomhaigh choitcheann an t-sagairt san Eaglais Chaitligich air fad a' toirt buaidh air mar a tha sagairt air an cuimhneachadh gu h-ionadail sna h-Eileanan Siar. Tha an t-eadar-obrachadh seo a' dol leis an fhrèam-sgrùdaidh aig Ó Ciosáin, le “cuimhne choitcheann” san Eaglais air fad mu dhreuchd an t-sagairt a' toirt buaidh air mar a tha sagairt air an cuimhneachadh aig ìre ionadail.

### 6.1 Dreuchd an t-sagairt san Eaglais Chaitligich

Tha an Eaglais Chaitligeach a' teagasg gu bheil Crìosda fhèin ag obair tron t-sagart, “in persona Christi Capitis” mar a chanar ann an Laideann.<sup>709</sup> Tha an tuigse seo ri fhaicinn san leabhar-ùrnaigh *Iùl a' Chrìostaidh* a tha air a bhith cumanta am measg nan Gàidheal Caitligeach sna h-Eileanan on a nochd e an toiseach ann am meadhan an 19mh linn.<sup>710</sup> Anns a' mhìneachadh a th' air an Aifreann a gheibhear anns an eagraan a nochd ann an 1885, tha pìos ann mu “uaisle sagairt” a bhios a' dèanamh na h-Aifrinn:

Tha uaisle sagairt aice, 's gur e Crìosda fhéin an t-àrd-shagart 'am flathanas a tha ga 'togail suas 'am fianuis Athar an uair a tha 'fhear-ionaid an sagart air talamh ga 'tairge suas.<sup>711</sup>

A' cur ri seo, tha an ceathramh eagraan dhen leabhar-cheist Caitligeach *Athghearradh Teagasg Chrìosd* (1869) a' mìneachadh dleastanasan an t-sagairt:

Aran agus fion a thionndadh do Chorp Crìosd, peacannan a mhathadh, na sàcramaidean eile a riarachadh, is facal Dhè a theagasg.<sup>712</sup>

<sup>708</sup> Ó Ciosáin, “Approaching,” 231; Bishop, “Memory,” 21.

<sup>709</sup> *Catechism* (2000), Earrann 1548.

<sup>710</sup> Faic Caibideil 2 airson tuilleadh air *Iùl a' Chrìostaidh*.

<sup>711</sup> *Iùl a' Chrìostaidh* (1885), 53.

<sup>712</sup> *Athghearradh Teagasg Chrìosd*, 4mh eagraan (1869), 39.

Mar sin, le bhith a’ riarachadh nan sàcramaidean “in persona Christi capitis” tha cumhachdan spioradail aig gach sagart. San t-sealladh Chaitligeach, ’s e soitheach spioradail a th’ anns an t-sagart, agus na cumhachdan aige a’ tighinn o Dhia. Thig an dreuchd seo troimhe ann an tòrr de na h-eisimpleirean bho sheanchas aig Caitligich nan Eilean Siar gu h-ìseal.

## 6.2 Ìomhaigh an t-sagairt ann an seanchas nan Gàidheal

Tha obair air a dhèanamh air ìomhaigh an t-sagairt ann an seanchas Gàidhlig agus Gaeilge roimhe seo: gu h-àraidh an t-alt “The Priest in Gaelic Folklore of Nova Scotia” aig Kenneth Nilsen<sup>713</sup> agus “Scéalta Cráibhtheacha” aig Seán Ó Suilleabháin<sup>714</sup> nas tràithe san 20mh linn. Tha rannsachadh air a dhèanamh cuideachd air seanchas Gàidhlig mu naomhan, mar an obair aig Duncan Sneddon air Calum Cille agus “folkloric hagiography.”<sup>715</sup>

Tha Nilsen a’ toirt iomradh air roinn de mhoitifean cumanta ann an sgeulachdan mu shagairt ann am beul-aithris nan Gàidheal ann an Alba, Èirinn agus ann an Alba Nuadh bho àm an Ath-Leasachaidh gus an 20mh linn. Nam measg, gheibhear roinn de chumhachdan a th’ aig sagairt anns na sgeulachdan seo. Is iad: fàisneachd; cumhachd beannachd agus mallachd; mìorbhailean; làmh an uachdair fhaighinn air an donas; neart fiosagach; agus eirmseachd.<sup>716</sup>

Chithear dà shnàth a’ ruith tron liosta seo. Tha a’ mhòrchuid de na cumhachdan seo gu math coltach ris na cumhachdan aig Crìosda fhèin a rèir nan cunntasan air a bheatha ann an Sgrìobtar agus na cumhachdan a th’ aig naomhan sna sgeulachdan-beatha aca. Tha iomadh eisimpleir de na cumhachdan gu h-àrd rim faighinn ann am beatha Chrìosda. Dh’fhaodar smaointinn air Crìosda ag innse mar a thuiteas an Teampall ann

---

<sup>713</sup> Kenneth Nilsen, “The Priest in the Gaelic Folklore of Nova Scotia,” *Béaloideas* 64/65 (1996/1997): 171-194.

<sup>714</sup> Seán Ó Suilleabháin, “Scéalta Cráibhtheacha,” *Béaloideas* 21 (1951): i – 337.

<sup>715</sup> Duncan Sneddon, “Folkloric hagiography in Gaelic Scotland,” *Scottish Gaelic Studies* 31 (2018): 206-228.

<sup>716</sup> Nilsen, “Priest,” 171-194.

an Ierusalem<sup>717</sup> a' mallachadh na craoibhe-figise;<sup>718</sup> a' coiseachd air uisge;<sup>719</sup> agus a' cur ruaig air deamhain.<sup>720</sup> Leis gu bheil naomhan air am faicinn mar dhaoine a tha gu sònraichte dlùth ri Crìosda, dhèanadh e ciall gum biodh cumhachdan coltach ri Crìosda acasan.<sup>721</sup> Leis an tuigse fharsaing san Eaglais Chaitligich gur ann mar “Crìosda eile” a tha an sagart, chan eil e na iongnadh gum bi seachas mu shagairt agus mìorbhailean ann coltach ris na mìorbhailean ann am beatha Chrìosda. Ach a thaobh neart fiosaigeach agus eirmseachd, tha coltas ann gu bheil an seachas mu shagairt a' tarraing a bharrachd air dualchas ionadail agus luachan Gàidhealach seach creideamhan Caitligeach san fharsaingeachd.<sup>722</sup> Tillidh sinn gu na puingeann seo a-rithist sna h-eisimpleirean gu h-ìseal.

### 6.3 An cunntas aig Mgr Alasdair Caimbeul air miseanaraidhean Èireannach

A thaobh sgeulachdan mu shagairt a chaidh a chruinneachadh sna h-Eileanan Siar aig deireadh na 19mh linn, tha dà phrìomh thùs ann: cunntas a sgrìobh Mgr Alasdair Caimbeul (1818-1893) ann an 1891<sup>723</sup> agus na leabhraichean-nota a chum Mgr Ailein Dòmhnallach sna 1880an agus 1890an nuair a bha e na shagart ann an Uibhist a Deas agus Èirisgeidh.<sup>724</sup>

Rugadh Mgr Alasdair ann am Bòrnais, Uibhist a Deas ann an 1818 agus chuir e seachad còrr is fichead bliadhna mar shagart ann am Bàideanach. Thill e a dh'Uibhist ann an

---

<sup>717</sup> Lùcas 21: 5-6.

<sup>718</sup> Marcas 11: 12-14, 20-21.

<sup>719</sup> Mata 14: 22-34; Marcas 6: 45-53; Eòin 6: 15-21.

<sup>720</sup> Marcas 5: 1-20, mar eisimpleir.

<sup>721</sup> Tha an creideamh seo fìchte gu dlùth san dòigh a bhios Caitligeachd a' tuigsinn a' chàirdeis eadar Crìosda agus Crìosdaidhean, agus e stèidhichte air faclan Chrìosda fhèin ann an sgrìobtair. Mar eisimpleir, faic Eòin 14:12 agus Eòin 15:5.

<sup>722</sup> Faic Laurie Stanley-Blackwell agus Shamus Y. MacDonald, “Going Strong,” *Material Culture Review* 82-83 (Fall 2015 – Spring 2016): 26-42. Tha Nilsen fhèin a' toirt seachad eisimpleirean de dh'eirmseachd sagairt ann an seachas nan Gàidheal bho na chruinnich e fhèin agus tùsan eile. Faic “Priest,” 175-177.

<sup>723</sup> Alexander Campbell, “The Mission of South Uist: 1891,” Dùn Èideann: Scottish Catholic Archives, DA9/45.

<sup>724</sup> EUL CW 58A; GUL 1090 (29); CH /1/1/13/128/1.

1870 agus bha e ann gus an do bhàsaich e ann an 1893.<sup>725</sup> Nuair a bha Mgr Ailein na shagart ann an Dalabrog, bha Mgr Alasdair a' fuireach còmhla ris.<sup>726</sup>

Sgrìobh Mgr Alasdair cunntas "The Mission of South Uist" ann an 1891, a tha a-nist ann an Tasglann Caitligeach na h-Alba. 'S e làmh-sgrìobhainn neo-fhoillsichte a th' ann. Tha tòrr anns a' chunntas seo air na miseanaraidhean Caitligeach a thàinig a dh'Uibhist às dèidh an Ath-Leasachaidh agus bidh Mgr Alasdair gu tric ag innse gun d' fhuair e seachas anns a' choimhearsnachd air neo gun cuala e bhith bruidhinn air na h-amannan seo nuair a bha e a' fàs suas ann an Uibhist. 'S e seo an tuairisgeul a bhios Mgr Alasdair a' dèanamh air na miseanaraidhean seo agus mar a bha iad air an cuimhneachadh ann an Uibhist:

But in the middle of this desolation, which spread around in other parts of the Highlands, happily the islands of South Uist, Barra, Canna and Eigg escaped, and tenaciously clung to the Religion of the Cross. To these last mentioned places, as well to other parts of the Highlands, there came a band of devoted missionaries, who did their utmost to keep the lamp of pure faith burnished brightly. And their laudable efforts and holy zeal were crowned with success, for we have still in these islands amongst us, the Religion which St Columba spread and taught. From Ireland, that glorious land of Faith and Martyrs, came every now and then a band of valiant soldiers of the Cross and of Apostolic labourers who zealously cultivated this portion of the vineyard. In my younger years, it was the delight of the old people to speak of, and record the labour and travels of these holy Apostles.<sup>727</sup>

Tha e inntinneach gu bheil Mgr Alasdair a' tarraing air linn Chaluim Chille mar "linn an òir" aig a' chreideamh Chaitligeach sna h-Eileanan Siar, mar a bha sgrìobhadairean eile a' dèanamh anns na cunntasan air Barraigh ann an Caibideil 5. Mar sin, tha e a' cur nam miseanaraidhean Èireannach a thàinig dha na h-Eileanan còrr agus mìle bliadhna às a dhèidh fo bhratach Chaluim Chille, a bharrachd air an ainmeachadh mar "holy Apostles," an luchd-leanmhainn as fhaisge air Crìosda nuair a bha e air an talamh. Chithear na diofar ìrean aig frèam-sgrùdadh Ó Ciosáin ag eadar-obrachadh an seo gus ìomhaigh nam miseanaraidhean seo a chur an cèill: fiù 's mus sgrìobh Mgr Alasdair cunntas air na sgeulachdan ionadail a chuala e mu na sagairt seo, tha e gan cur ann an

<sup>725</sup> MacDonald, "Priests of South Uist."

<sup>726</sup> Black, *Eilein*, 9.

<sup>727</sup> Campbell, "Mission," 18.

dreuchd phearsaichean urramach do Chaitligich aig ìre choitcheann -- na h-Abstolan -- agus aig ìre chumanta am measg nan Gàidheal le luaidh air Calum Cille.

### 6.3.1 Mgr Diarmad Dùgan

Am measg nam miseanaraidhean a thàinig à Èirinn, 's e Mgr Diarmad Dùgan a tha as trice air a chuimhneachadh ann an seachas. Bha esan ag obair ann an Uibhist agus Barraigh eadar 1651 agus 1657.<sup>728</sup> Bha Mgr Diarmad fo stiùir an Naoimh Vincent de Paul (1581-1660) agus sgrìobh e litrichean thuige a bheir seachad dealbh dhe na cruaidh-chàsan a bha mu choinneamh nam miseanaraidhean sna h-Eileanan, agus iad gun mhòran biadh air no fàrachd. Fiù 's anns na h-iomraidhean a bha na miseanaraidhean fhèin a' cur gu Naomh Vincent de Paul, tha fios ann gun robh Mgr Diarmad aithnichte mar shagart aig an robh cumhachd shònraichte. A rèir iomradh sgrìobhte ann an 1655, nuair a bha muinntir Bharraigh gann de dh'fheamainn a chleachdadh iad mar thodhar air an fhearann aca, chrath Mgr Diarmad uisge coisrigte air a' mhuir agus air taobh a-staigh latha, fhuair muinntir an eilein feamainn gu leòr airson bliadhna.<sup>729</sup> Cuideachd, anns na litrichean aige fhèin, bidh Mgr Diarmad a' toirt iomradh air tachartasan mìorbhaileach ceangailte ris na sàcramaidean a bhuilich e air muinntir nan Eilean. A' sgrìobhadh mun ullachadh a bheireadh e air daoine dèanamh mun gabhadh iad an t-Sàcramaid Naomh, innsidh e mu chòignear ann am Barraigh nach robh comasach an t-Sàcramaid a ghabhail air an teanga air sàilleabh 's nach robh iad air èisteachd cheart a dhèanamh an toiseach.<sup>730</sup> Bidh e cuideachd a' sgrìobhadh mu chumhachd uisgeachan Sàcramaid a' Bhaistidh, agus nach cuireadh droch spioradan

---

<sup>728</sup> Odo Blundell, *The Catholic Highlands of Scotland* (1917), 1; Nilsen, "Priest," 173.

<sup>729</sup> Blundell, *Catholic Highlands*, 6.

<sup>730</sup> "Amongst the communicants were five whom God showed to be wanting in the proper dispositions, for when they put forth their tongue to receive the Sacred Host they could not draw it back. Three of them remained in this condition until the Sacred Host was removed. When, however, they had made their Confession with better dispositions, they received the Bread of Life without any difficulty. The two others have not yet returned to us. God has willed to allow these extraordinary happenings to give the other Christians of this country a greater reverence when they approach the Divine Sacrament." Compton MacKenzie, "Catholic Barra" ann an *The Book of Barra*, deas. J. L. Campbell (1936), 10. A rèir MacKenzie, tha am fiosrachadh seo a' tighinn bho *Ireland and the Catholic Hebrides* le Mgr Seán MacGuair, C.S.S.R, agus MacGuair ag aithris na tha ann an Abelly, *Vie de St Vincent de Paul*, Vol. 5, 202-205.

dragh air muinntir Bharraigh às dèidh dhaibh baisteadh fhaighinn.<sup>731</sup> Chan eil fianais ann gun deach iomradh air na tachartasan mìorbhaileach seo do bheul-aithris an eilein, ged a tha creideamhan mu chumhachd uisge coisrisgte rim faighinn sna h-Eileanan suas gus an latha an-diugh, mar a chithear ann an Caibideil 8. San fharsaingneachd, tha na tachartasan mìorbhaileach seo a' dol le creideamh muinntir nan Eilean mu chumhachd an t-sagairt agus cumhachd nan sàcramaidean, air an toirear sùil anns a' chaibideil seo a-rithist.

Anns a' chunntas aig Mgr Alasdair, 's e Mgr Diarmad Grey a th' air a' mhiseanaraidh Èireannach iomraiteach, ach 's cinnteach gu bheil e a-mach Mgr Dùgan.<sup>732</sup> Innsidh esan sgeulachd a chuala e a bhios a' togail air tèamannan a gheibhear ann am beul-aithris mu shagairt eile. A rèir Mhgr Alasdair, air a rathad gu Uibhist mar mhiseanaraidh, bha Mgr Diarmad air a chumail ann an Canaigh fad sia seachdain le fear de Chloinn Raghnaill a bha air tionndadh na Phròstanach. Cha d' fhuair e air falbh gus an do thuit ceò iongantach air an eilean agus a nochd soitheach air a shlighe dh'Uibhist gun fhiosta don uachdaran. Air an aon oidhche a dh'fhalbh an sagart, dh'fhàs an t-uachdaran tinn agus dh'eug e. Cha b' urrainnear a chorp a thoirt a dh'Uibhist airson a thìodhlacadh, mar bu dual do Chloinn Raghnaill, fad sia seachdain ri linn droch shìde. Mu dheireadh thall, chaidh mionach an uachdarain a thoirt às agus a chorp a shailleadh gus an robh cothrom a thìodhlacadh san aon chladh anns an robh Mgr Diarmad fhèin, a rèir Mgr Alasdair, ann an Tobha Mòr ann an Uibhist a Deas.<sup>733</sup> Tha am motif san sgeulachd seo – sagart a' ceannsachadh Pròstanach cumhachdach saoghalta – a' nochdadh gu tric ann an seachas mu shagairt sna h-Eileanan Siar. Chithear barrachd eisimpleirean dhen motif seo sa chaibideil seo fhathast.

---

<sup>731</sup> “We baptized a great number of children and even adults of 30, 40, 60, 80 years and over, for we were sure that they had never been baptized. Amongst these were some troubled and annoyed by ghosts or evil spirits, who were completely delivered from them after Baptism and never saw them again.” MacKenzie, “Catholic Barra,” 10-11. Fiosrachadh bho MacGuaire, Abelly *ut supra*.

<sup>732</sup> A rèir Blundell, “He appears in Gordon’s ‘Catholic Church in Scotland’ pp. xv and 627, as Dermot Grey, but his own letters to Propaganda, of which several are extant, give his name as Dugan.” *Catholic Highlands*, 26. Ma dh'fhaodte gun do dh'èirich “Grey” mar eadar-theangachadh air a' chinneadh Gaeilge às a bheil “Duggan” a' tighinn, Ó Dubhagáin, agus an ceangal ri “dubh.” Faic Kay Muhr agus Liam Ó hAisbéil, “Duggan,” ann an *The Oxford Dictionary of Family Names of Ireland* (2021), 751.

<sup>733</sup> Campbell, “Mission,” 56-57.

Tha an sgeulachd seo cuideachd a' beantainn ris mar a tha Mgr Diarmad air a chuimhneachadh san 20mh linn, a thaobh nan àitichean sna h-Eileanan a tha air an ainmeachadh às a dhèidh. Faodar na h-àitichean seo fhaicinn mar fhìor "lieux de mémoire" agus iadsan a' cumail cuimhne Mhgr Dhiarmaid beò ann an cuimhne muinntir nan Eilean Siar. Tha ceist ann a thaobh càit a bheil Mgr Diarmad air a thìodhlachadh ann an da-rìribh, air sàilleabh 's gu bheil còrr agus aon àite ann an Uibhist a Deas air a bheil ainm. Anns a' chunntas aig Mgr Alasdair, bha e air a thìodhlacadh ann an Tobha Mòr. Tha cruinneachadh de thogalaichean eaglaiseil ann an sin, agus an t-ainm Caibeil Dhiarmaid air fear dhiubh. A' tarraing air an rannsachadh a rinn John Raven,<sup>734</sup> tha Clancy agus Evemalm-Graham dhen bheachd gun robh an togalach sin air ainmeachadh às dèidh Mhgr Dhiarmaid Dhùgain.<sup>735</sup>

A bharrachd air Caibeil Dhiarmaid ann an Tobha Mòr, tha rubha ann an Loch na Muilne, eadar Cill Donnain agus Airigh-Mhuilinn ann an Uibhist a Deas, air a bheil Cladh Àird an Dùgain<sup>736</sup> a tha cuideachd ceangailte ri Mgr Diarmad ann am beul-aithris.<sup>737</sup> Ann am Barraigh, tha Fionnlagh MacLeòid ag ainmeachadh Bealach a' Dhùgain, far am faighear Tobar a' Dhùgain. A rèir MhicLeòid, "Chaidh an tobar a bheannachadh leis an Ath. Dermot Duggan, dhòigh 's gum biodh i aig muinntir Barraigh airson òl aiste, agus taic is eadar-ghuidhe iarraidh buaithe-san."<sup>738</sup>

Ann an clàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba bho 1964, air am bi Nan NicFhionghain a' bruidhinn ri sagart nach eil ainmichte, bidh i ag a' bruidhinn air Glaic Dhùgain far an robh an altair aig Mgr Diarmaid:

---

<sup>734</sup> John Raven, "Medieval Landscapes and Lordship in South Uist" (Tràchdas PhD, Oilthigh Ghlaschu, 2005), 168.

<sup>735</sup> Clancy agus Evemalm-Graham, "Diarmaid," Eòlas nan Naomh, <https://uistsaints.co.uk/saints/diarmaid/>.

<sup>736</sup> Àrainneachd Eachdraidheil Alba, Canmore, "South Uist, Cladh Ard an Dugain," <https://canmore.org.uk/site/9845/south-uist-cladh-ard-an-dugain>.

<sup>737</sup> Mar eisimpleir, bha Mgr Aonghas MacCuitheinn a' cumail a-mach gun robh Mgr Diarmad air a thìodhlacadh ann. "Taisbeanadh Chomann Eachdraidh Uibhist a Deas, Dealan-Dè," TanD, DealanDe1990.06.14, [http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/95478?backURL=/gd/search%3Fpage%3D3%23track\\_95478](http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/95478?backURL=/gd/search%3Fpage%3D3%23track_95478).

<sup>738</sup> MacLeòid, *Tobraichean Slàinte*, 67. Tha Buchanan a' toirt seachad iomradh air "Bealach Dhugain" ann an Reflections, 93. Nì MacKenzie iomradh air "Bealach a' Ghugain." "Catholic Barra," 11. Gheibhear "Bealach Uí Dhúgáin" ann an John MacPherson, *Tales from Barra Told by the Cuddy* (1961), 111. Chan eil guth air "Tobar a' Dhùgain" sna trì cunntasan seo.



NN: The first priest that I heard that went to Barra after the Reformation was a Father Dougan.

Sagart: Oh, yes, Father Dermot Dougan.

NN: Was it? It might have been. And the altar that he used is still there, in a place called Gearraidh Gadhal.

Sagart: Gearraidh Gadhal? What sort of altar is it?

NN: Well, it was a stone altar, I think. And there's a hollow right up beside Beinn Heaval, you know – you've heard of Beinn Heaval--

Sagart: Oh, yes, yes.

NN: And it's still called Glaic Dhugain.

Sagart: Glaic Dhugain?

NN: Dougan's hollow. Where he used to hide.

Sagart: Is the stone still there that he used as an altar?

NN: Yes, I think it is.

Sagart: That would be a stone in the earth?

NN: Yes.<sup>739</sup>

Còrr agus leth-cheud bliadhna às dèidh seo, bha cha mhòr an aon fhiosrachadh ri fhaighinn aig Barrach eile, Calum MacNèill, ris an do bruidhinn Ailig O'Henley mar phàirt de phrògram telebhisean air an Ath-Leasachadh, ann an 2017:

Fear as ainmeil a bh' ann a thàinig an seo, agus dh'fhaodte nach robh e cho fad sin a' seothach, chuir e seachad gu leòr dhan ùine ann an Uibhist a Deas, 's e Diarmad Dùgan. Tha bealach air taobh Beinn Heaval ris an can iad Bealach a' Dhùgain. Agus tha clach altarach a' sineach. Dh'fhaodte aig aon àm gun robh e na seasamh air a ceann, ach aig àm Dùgan co-dhiù, Diarmad Dùgan, tha i na sìneadh. Sin an altair a bha e a' cleachdadh.<sup>740</sup>

<sup>739</sup> Nan NicFhionghain, "Leab' an t-Sagairt," TanD, SA1964.80.A9, [http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/72270?backURL=/gd/search%3Fpage%3D1%23track\\_72270](http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/72270?backURL=/gd/search%3Fpage%3D1%23track_72270).

<sup>740</sup> Calum MacNèill, agallamh le Ailig O'Henley, *Luther 500: An t-Stri Spioradail/The Battle for Souls*, BBC Alba, 05.11.17, <https://learningonscreen.ac.uk/ondemand/index.php/prog/OFFCDFB8?bcast=125469378>. Mo thaing do dh'Ailig O'Henley a thug an agallamh seo dham aire agus a thug seachad tar-sgrìobhadh Beurla air.

Anns na cunntasan seo, chithear gu bheil cuid de na h-àitichean seo air ainmeachadh às dèidh Mhgr Dhiarmaid a' cumail beò am beachd gun robh aig sagairt ri bhith am falach agus Aifreann a ghabhail air an taobh a-muigh aig aon àm. Tha bun-stèidh eachdraidheil air seo: bha adhradh Caitligeach poblach toirmisgte ann an Alba bho 1560 gu 1793,<sup>741</sup> agus bha an cruadal a dh'fhuiling sagairt agus an sluagh Caitligeach sna h-Eileanan Siar rè nan amannan peanasail seo fhathast beò ann am beul-aithris gus an 20mh linn co-dhiù. Dhèanadh e ciall gun robh seanchas mu na h-ainmean-àite seo a' cur ri cuimhne ionadail air na h-amannan seo.

#### 6.4 Mgr Alasdair Forrester

A' tilleadh chun a' chunntais a sgrìobh Mgr Alasdair Caimbeul ann an 1891, tha àireamh de sgeulachdan aige mu shagart a bha ann an Uibhist ri linn ar-a-mach nan Seumasach san 18mh linn. Gu h-àraidh, tha iomadh sgeulachd aige mu Mhgr Alasdair Forrester, a bha na shagart ann an Uibhist a Deas eadar 1732 agus 1781, ged a chaidh a ghlacadh agus a thoirt far an eilein fad ùine mhòr.<sup>742</sup> Eu-coltach ri Mgr Diarmad Dùgan, ge-tà, chan eil mòran seanchais ri fhaighinn air Mgr Forrester ann an Uibhist san 20mh linn. Rugadh Mgr Forrester ann Siorrachd Rois ann an 1701 agus dh'iompaich e a bhith na Chaitligeach nuair a bha e ag ionnsachadh a bhith na fhear-lagha ann an Dùn Èideann.<sup>743</sup> A rèir Mhgr Alasdair, bha mìorbhail ceangailte ri seo: chaidh Forrester gu cruinneachadh dìomhair nan Caitligeach agus rè na h-Aifrinn, aig àm an tabhartais, cha tigeadh am fion às an t-searraig. Dh'fhaighnich an sagart an robh strainnsear nam measg agus rinn Forrester air an doras. Cho luath 's gun do ràinig e an stàirsnich, thàinig am fion a-mach. Coltach ris a' chunntas cho-aimsireil air an fheadhainn a dh'fheuch a bhith a' gabhail Comainn bho làmhan Mhgr Dhiarmaid gun ullachadh ceart a dhèanamh, bha buaidh spioradail air an neach a dh'adhbharaich an tachartas os-

---

<sup>741</sup> Christine Johnson, *Developments in the Roman Catholic Church in Scotland, 1789-1829* (1983), 245-246.

<sup>742</sup> Bha Mgr Forrester air falbh bho Uibhist bho 1746 gu ruige mu thimcheall 1760. Chaidh e fhèin agus sagart eile, Mgr Ailein Dòmhnallach, a ghlacadh agus a fhuadachadh à Alba gu tìr mòr na Roinn Eòrpa. Till Mgr Forrester gu Alba ann an 1748. Michael MacDonald, "Priests of South Uist, Alexander Forrester to John MacKintosh, 1732-1900," 4-5, <http://www.uist-rc.org.uk/fr-michael-talks.html>. Ceangal a-nis marbh (2023).

<sup>743</sup> MacDonald, "Priests of South Uist," 3.

nàdarra seo: mar thoradh air na chunnaic e, dh'iompaich Forrester na Chaitligeach agus chuir e roimhe a bhith na shagart.<sup>744</sup>

Tha Mgr Alasdair ag innse cuideachd gun cuala e bho sheann duine à Tobha Beag ann an Uibhist a Deas gun robh manadh ann a chomharraich teachd Mhgr Forrester a dh'Uibhist. Beagan làithean mus do ràinig e Uibhist, nochd dreag, solas òs-nadarr, a thàinig a-nall air a' Chuan Sgìth agus a chaidh a-mach à sealladh air cùlaibh cnuic faisg air Tobha Beag. B' e seo an dearbh rathad a ghabh Mgr Forrester nuair a thàinig e.<sup>745</sup> Tha seo na dheagh eisimpleir air mar a gheibhear moitifean Crìosdail agus Gàidhealach san t-seanchas ionadail seo mu shagairt. Tha an sgeulachd seo mu Mhgr Forrester a' toirt breith Chrìosda agus Reul Bhetlehem gu cuimhne, ach aig an aon àm, tha an "dreag" no solas os-nàdarra a' nochdadh ann an seanchas Gàidhealach gu tric, le sgeulachdan mu a dèidhinn pailt sna h-Eileanan Siar gus an latha an-diugh, ged a tha e a' nochdadh mar chomharra-bàis mar as àbhaist.<sup>746</sup> Gheibhear an tuairisgeul seo air "dreag" ann an *Gaelic Words and Expressions from South Uist and Eriskay*: "A light like star following the course a coffin was to take or the course of a body."<sup>747</sup>

Tha coltas ann gun robh cumhachd Mhgr Forrester ri fhaicinn ann an Uibhist fiù 's nuair a bha e air falbh bhon eilean. Tha Mgr Alasdair a' sgrìobhadh gun cuala e sgeulachd nuair a bha e na ghille òg aig fear Alasdair Ross, mun àm a bha Mgr Forrester air fhuadachadh bhon eilean. Bha na creidmhich còmhla ann an taigh anns an robh culaidh-Aifrinn an t-sagairt air a cumail. Bha feadhainn ann gun dòchas gum biodh sagart aca a-rithist, ach chùm seann bhodach a-mach nach fhàgadh Dia iad nan aonar. Fhad 's a bha an còmhradh seo a' dol, sheirm glag an t-sagairt a bha air falach leis a' chulaidh-Aifrinn. Nuair a chualas sin, thuirt am bodach, "Cha bhi e fada gus am bi

---

<sup>744</sup> Campbell, "Mission," 53-54.

<sup>745</sup> Campbell, "Mission," 54.

<sup>746</sup> Nuair a thug mi seachad òraid air an rannsachadh agam ann an Cill Donnain, Uibhist a Deas, ann an 2022, bha còmhradh eadar cuid san èisteachd air dè bha ann an dreag agus carson nach eil iad gam faicinn cho tric san latha an-diugh. Bha sgeulachd no dhà mun dreag aig cuid a bha an làthair cuideachd.

<sup>747</sup> Campbell, *Gaelic Words*, 104.

Aifreann againn.” Gun fhiosta dhaibh, bha Mairtior Forrester air tighinn gu tìr air an eilean aig an dearbh àm.<sup>748</sup>

Tha Mgr Mìcheal Dòmhnallach, na shagart ann an Uibhist a Deas san latha an-diugh air tòrr rannsachaidh a dhèanamh air eachdraidh na h-Eaglaise san eilean. Tha esan a’ sgrìobhadh:

Alexander Forrester was one of the heroic figures in the history of the development of the Catholic community on South Uist and yet he has “slipped” from even the popular memory.<sup>749</sup>

Mar a thugadh iomradh aig toiseach na h-earrann seo, ma dh’fhaodte nach eil seo na iongnadh. An taca ri Mgr Diarmad Dùgan, chan eil cuimhne Mhgr Forrester beò ann an cruth-tìre nan Eilean Siar. Cuideachd, leis gur e iompachan Pròstanach às a’ Ghàidhealtachd a bh’ ann, seach à Èirinn, “that glorious land of Faith and Martyrs” mar a sgrìobhas Mgr Alasdair Caimbeul, chan eil e cho furasta dealbh a dhèanamh air a bhios a’ cumail ri seachas mu na “miseanaraidhean Èireannach.” Tha seo gar toirt air ais dhan phuuing aig Ó Ciosain, gur e an seachas ionadail a tha a’ dol leis na sgeulachdan a thèid innse mar-thà a thèid a chuimhneachadh sa choimhearsnachd ionadail.<sup>750</sup>

Ged nach tèid Mgr Forrester ainmeachadh ann, bha an sgeulachd mun ghlag a’ seirm air innse ann an Uibhist suas gu meadhan na 20mh linn. Ann an 1958, chlàraich Calum MacGilleathain Mòrag Mhoireasdan à Uibhist a Deas<sup>751</sup> ag innse mu ghlac an t-sagairt ged nach bi ise ag ainmeachadh an t-sagairt anns an tionndadh aiceise. Bidh ise a’ suidheachadh na sgeulachd ri linn na h-aimhreit eadar Fear Bhaghasdal, agus Caitligich ann an ceann a deas an eilein mu 1770 agus esan a’ feuchainn ri toirt orra an

---

<sup>748</sup> Campbell, “Mission,” 55. Bha e dhen bheachd nach robh Mgr Forrester air falbh o Uibhist ach fad sia mìosan.

<sup>749</sup> Michael MacDonald, “A Forgotten Hero,” Roman Catholic Diocese of Argyll and the Isles, 21.07.2010, <https://www.rcdai.org.uk/a-forgotten-hero/>.

<sup>750</sup> Ó Ciosáin, “Famine Memory,” 107.

<sup>751</sup> Chan eil fiosrachadh a bharrachd air Mòrag Mhoireasdain ri fhaighinn air Tobar an Dualchais. Chluich mi an clàradh seo aig an taisbeanadh a rinn mi ann an Cill Donnain, Uibhist a Deas ann an 2022 feuch an robh fiosrachadh a bharrachd air gin dhen luchd-èisteachd. Bha beachd aig duine no dithist gur i piuthar Mhgr Iain Mhoireasdain (“Father Rocket”) a bha na tidsear san Òban.

creideamh aca a thrèigsinn. 'S e sagart eile, Mgr Mattias Wynne, Dominiceach Èireannach, a bha an sàs anns a' chonnsaid seo.<sup>752</sup>

Is e seo an sgeulachd aig Mòrag Mhoireasdan:

CM: Nisde, bha sibh ag ràdh nuair a bha Fear Bhaghasdail ann an Uibhist, agus thòisich e – bha e ag iarraidh air na daoine an creideamh atharrachadh, agus gun a bhith a' dol dhan eaglais Chaitligeach tuilleadh. An e sin a bh' ann?

MM: 'S e.

CM: Agus bha na daoine sin, bha iad a' cruinneachadh ann an taigh ann an Gearraidh Sheilidh.<sup>753</sup>

MM: Bha.

CM: Agus dhan taigh a bha seo, bhiodh an sagart ann, a dhèanadh an Aifreann gun fhiosta do dhaoine.

MM: Bhiodh e a' tighinn aig amannan, bhiodh sagart a' tighinn à Èirinn a-nall, le bàta beag, agus bhiodh e a' dèanamh Aifreann gun fhiosta ann an àiteigin an Cùl na Beinne; uaireannan ann an Loch Aoineart, neo ann an taigh air choireigin anns a' bhaile, agus 's ann gun fhiosta a bhiodh e a' tighinn. Agus bha ciste anns an t-seann taigh dhubh a bha seo, agus 's anns a' chistidh a bhiodhte a' glèidheadh ghnothaichean na h-ìobairt – na *bells*, an leabhar, agus a' chulaidh. Agus 's ann a's an taigh a bha seo a chruinnich an tuath airson an inntinn a dhèanamh suas dè bha iad a' dol a dhèanamh ma bha Fear Bhaghasdail a' dol a chumail bhuapa am biadh a bha iad a' faighinn mar thuarastal. 'S ann le gràn, is le siol, is le buntàta, is le min a bhiodhte gam pàigheadh. Agus rinn mòran dha na daoine suas an inntinn gu b' fheàrr dhaibh cùl a chur ris an eaglais mas *steàrbhadh* iad. Agus an oidhche a bha seo, co-dhiù, bhruidhinn aon duine òg a bh' ann, agus teaghlach òg, lag aige, agus thuirt e, "'S fheàrr leam mi fhìn is mo theaghlach *steàrbhadh* na bheir mi suas mo chreideamh. Agus cha robh e ach air na faclan a chantail nuair a *ring* am *bell* a bha sa chistidh. Agus thuirt a h-uile duine a bha air beul a chèile gur e comharra a bha seo; nach gèilleadh iad idir. Agus cha do rinn iad sin."<sup>754</sup>

<sup>752</sup> Gheibhear cunntas air an aimhreit air fad ann an Stiùbhart, "Leisure and Recreation," 246-306.

<sup>753</sup> Tha e inntinneach gu bheil Mòrag Mhoireasdan a' ceangal na sgeulachd seo ri Gearraidh Sheilidh far a am faighear "Clach an t-Sagairt," an aon eisimpleir aithnichte ann an Uibhist a Deas gus an latha an-diugh mar "chlach Aifrinn" far an tachradh Aifreannan diomhair rè nan amannan peanasail, ged nach eil i ga h-ainmeachadh sa chunntas aice. Faic "South Uist, Loch an Duin, Clach an t-Sagairt," Àrainneachd Eachdraidheil Alba, Canmore, <https://canmore.org.uk/site/363605/south-uisst-loch-an-duin-clach-an-t-sagairt>, a bharrachd air "Clach an t-Sagairt, Gearraidh Sheilidh," ann an *Oighreachd Coimhearsnachd Uibhist a Deas* (2019), 34.

<sup>754</sup> Mòrag Mhoireasdan, "Glag a' bualadh mar chomharra do na Caitligich," TanD, SA1958.90.B1, [http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/36038?backURL=/gd/search%3Fpage%3D1%23track\\_36038](http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/36038?backURL=/gd/search%3Fpage%3D1%23track_36038). Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar, a nochd an toiseach ann an aiste mar phàirt dhen chùrsa

Cluinnear san sgeulachd seo na trì diofar ìrean aig frèam-sgrùdaidh Ó Ciosáin a' tighinn còmhla. Anns an sgeulachd ionadail seo, tha mac-talla air creideamhan ann an cuimhne chumanta nan Gàidheal mu chumhachd th' aig glag a tha a' buntainn ri naomhan, creideamh a bha cumanta sna meadhan-aoisean. A bharrachd air sin, tha an sgeulachd a' dol leis a' chreideamh choitcheann a th' aig Caitligich san fharsaingneachd gum bi cumhachd Dhè ag obair tro rudan a bhios a' buntainn ri daoine agus gnothaichean naomha mar taisean (*relics*) agus sàcramaidichean (*sacramentals*).<sup>755</sup> Mar sin tha an sgeulachd seo na h-eisimpleir eile air leantainneachd moitifean a tha ri fhaiginn ann ann seachas mu shagairt, "aspects of local experience which best conform to an existing repertoire of narrative," mar a sgrìobhas Ó Ciosáin.<sup>756</sup>

## 6.5 Sagairt agus cumhachdan an aghaidh ùghdarrasan saoghalta

Coltach ri Mgr Ailein Dòmhnallach, a bharrachd air a bhith iomraiteach mar shagart a chruinnich beul-aithris, tha sgeulachdan mu Mhgr Alasdair Caimbeul rim faighinn ann am beul-aithris nan Eilean, co-dhiù san stòr de sheachas aig Iain Caimbeul (Iain Sheumas Aonghais) à Tìobartan, Uibhist a Deas. Chaidh Caimbeul a chlàradh le Calum MacGilleathain ann an 1960 agus sgeulachd aige air ciamar a chuir Mgr Alasdair stad air tuathanach ann an Uibhist an làrach nam bonn agus an tuathanach gun chead a thoirt dha a bhith a' siubhal tarsainn air an fhearann aige. Thug cumhachd an t-sagairt buaidh cho mòr air 's gun do thionndaidh e fhèin, a theaghlach, agus gille a bha ag obair dha a bhith nan Caitligich agus thug e ceud not do Mhgr Alasdair.<sup>757</sup>

---

CELTIV5012, Oilthigh Ghlaschu, 2017. Tha tar-sgrìobhadh a-nist air làrach-lìn TanD aig an aon sheòladh gu h-àrd.

<sup>755</sup> "The religious sense of the Christian people has always found expression in various forms of piety surrounding the Church's sacramental life, such as the veneration of relics." *Catechism* (2000), Earrann 1674.

<sup>756</sup> Ó Ciosáin, "Famine Memory," 107.

<sup>757</sup> Iain Caimbeul, "Mar a chaidh tuathanach 's a theaghlach a thionndadh a bhith nan Caitligich," TanD, SA1960.8.B4, [http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/38568?backURL=/gd/search%3Fpage%3D1%23track\\_38568](http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/38568?backURL=/gd/search%3Fpage%3D1%23track_38568).

A bharrachd air a bhith na h-eisimpleir de sheanchas mu chumhachdan os-nàdarra aig sagart, tha an sgeulachd seo a' sealltainn gu bheil beachdan a' tighinn tarsainn ann am beul-aithris nan Eilean a thaobh a' cheangail eadar cumhachd spioradail nan sagart agus cumhachd saoghalta nan uachdaran. Ma thig còmhstri eatarra, 's e an sagart a gheibh làmh an uachdair air an uachdaran aig a' cheann thall. Mar a chuireas Dáithí Ó hÓgáin air adhart mu bheul-aithris mu shagairt ann an Èirinn, bidh an sagart a' cur a chuid chumhachdan os-nàdarra gu feum an aghaidh cumhachd shaoghalta a cuid nàimhdean.<sup>758</sup> Mar a bhithte an dùil, anns na sgeulachdan a dh'inneas Caitligich nan Eileanan Siar, 's e an sagart a gheibh làmh an uachdair.

Tha an aon seòrsa motif ri fhaighinn san t-seanchas a bhios Aonghas MacAoidh (Aonghas mac Aonghais 'ic Iain Mhòir, 1889-1965) à Cille Pheadair, Uibhist a Deas, a' toirt seachad ann an clàradh le Calum MacGilleathain air mar a tha na Fuadaichean air an cuimhneachadh san eilean.<sup>759</sup> Tha esan ag innse gun robh daoine air an glacadh, air an ceangal ri chèile agus air an cur air bàtaichean a bheireadh iad a Chanada. 'S ann air an Didòmhnaich a bha seo, agus chunnaic sagart na bha a' tachairt.

Agus bha sagart air choireigin, thàinig e e far an robh e.

"An-dà, cha toil leam," ars' an sagart, "an rud a tha thu ris idir."

Dh'èigh e a-nall air an fhear a bha ga cheangal.

"Falbhaidh tusa le beannachd Dhia," thuirt esan. "Agus gheobh thusa agus do shinnsearachd," ars' esan, "air n-aghaidh, far a bheil thu a dol a Chanada. Ach mo thruaighe," ars' esan, "...fhir mhòir a tha ga cheangal."<sup>760</sup>

Tha an sgeulachd aig MacAoidh coltach ri pàirt de chunntas air na fuadaichean ann an Uibhist a Deas a bhios a' nochdadh ann an *Carmina Gadelica* 3, a fhuaras aig "Catrìona Nic-a-Phì, coitear, Aird Mhór, Ìochdar, Uibhist":

Chunna mi na fir mhóra làidir, diùlnaich na dùthcha, ceatharnaich an t-saoghail, dh'an ceangal air ceidhe Loch Baghasdail agus dh'an tilgeil anns an luing [...] Aig Dia nan dùl agus aige-san a mhàin tha fios air obair ghràineil dhaoine an là ud.<sup>761</sup>

<sup>758</sup> Dáithí Ó hÓgáin, *The Hero in Irish Folklore History* (1985), 205. Faic Bishop, "Recollections," 25.

<sup>759</sup> Faic James A. Stewart Jr., "The Jaws of Sheep: The 1851 Hebridean Clearances of Gordon of Cluny," *Proceedings of the Harvard Celtic Colloquium* 18/19 (1998/1999): 205-226.

<sup>760</sup> Aonghas MacAoidh, "Fuadaichean èiginneach à Uibhist a Deas," TanD, SA1960.33.A3b+B1, [http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/45932?backURL=/gd/searchByTrackId%3Fid%3DS A1960.033%26page%3DNone%23track\\_45932](http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/45932?backURL=/gd/searchByTrackId%3Fid%3DS A1960.033%26page%3DNone%23track_45932).

<sup>761</sup> Carmichael, *CG* 3, 337.

Cuideachd, tha an cunntas seo aig MacAoidh a' cumail ri fianais-sùil bho 1851 air na fuadaichean ann am Barraigh agus Uibhist a Deas a chaidh fhoillseachadh ann an *Gloomy Memories* le Dòmhnall MacLeòid agus anns a bheil sagart a' nochdadh:

The poor people were commanded to attend a public meeting at Loch Boisdale where the transports lay, and according to the intimation, any one absenting himself from the meeting was to be fined Two Pounds. At this meeting, some of the natives were seized and in spite of their entreaties sent on board the transports. One stout Highlander, named Angus Johnstone, resisted with such pith that they had to hand cuff him before he could be mastered; but in consequence of the priest's interference, his manacles were taken off and marched between four officers on board the emigrant vessel.<sup>762</sup>

Mar a chunnacas ann an Caibideil 4, bha MacAoidh eòlach air tùsan sgrìobhte airson beul-aithris ionadail, agus esan a' toirt iomradh air ùrnaigh dhùthchasach a bha a' nochdadh san leabhar-cràbhaidh *Lòchran an Anma*. 'S e ceist eile an robh esan eòlach air na cunntasan gu h-àrd ann an *Carmina Gadelica* agus *Gloomy Memories*. Tha coltas ann co-dhiù gun robh an ìomhaigh de mhuintir an àite, gu h-àraid na fir, air an crodhadh agus air an ceangal mar bheòthaichean ri fhaighinn ann an seachas mu na fuadaichean ann an 1851 ann an Uibhist a Deas agus Barraigh,<sup>763</sup> ged as e an cunntas aig MacAoidh an aon fhear a thàinig am follais thuige seo far a bheil sagart gam mallachadh-san a bha ris an obair seo. Le sin air a ràdh, tha e inntinneach gu bheil cuideachd a' tarraing air breitheanas Dhè anns a' chunntas ann an *Carmina Gadelica*.

## 6.6 Cumhachdan mallachd aig sagairt

A' dèanamh coimeas eadar an cunntas ann an *Gloomy Memories* agus an sgeulachd aig Aonghas MacAoidh, chì sinn gu bheil ùghdarras saoghalta aig an t-sagart ann an *Gloomy Memories*, le iomradh air an "interference" a rinn e, ach a rèir choltais, cumhachdan os-nàdarra a thaobh beannachd agus mallachd aig an t-sagairt mar a tha MacAoidh ag innse na sgeulachd. Mar sin, tha e a' freagairt ri ìomhaigh a bha ri fhaighinn ann am beul-aithris Ghàidheil na h-Èireann agus na h-Alba: an naomh

<sup>762</sup> Donald McLeod, *Gloomy Memories in the Highlands of Scotland* (1857), 138. Faic Stewart, "The Jaws of Sheep," 218.

<sup>763</sup> Faic cunntasan sgrìobhte ann an Dòmhnall Iain MacDhòmhnail, *Uibhist a Deas* (1981), 14; agus Catriona NicNèill, *Mo Bhrògan Ùra* (1992), 11. Cuideachd, faic cunntas beul-aithriseach aig Annag NicFhionghain, "Fuadaichean ann am Barraigh," TanD, SA1972.30.2b, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/96973?l=gd>.



ionadail aig a bheil cumhachd mallachd, ìomhaigh a tha a' dol air ais do chunntasan sgrìobhte bho na meadhan-aoisean fhèin.<sup>764</sup> Ann an seachas nan Eileanan Siar, ma dh'fhaodte gur e sgeulachd Chalum Chille a' cur car ann am beul na làbaig sgeulachd as cumanta dhen t-seòrsa seo. Bha seo air sàilleabh 's gun do rinn an làbag magadh air Calum Cille.<sup>765</sup>

Tha sgeulachd mu shagart às na h-Eileanan Siar a bhios a' sealltainn na cumhachd seo gu soilleir aig Uisdean MacFhionghain, à Eilean Eige, a bhàsaich ann an 1972,<sup>766</sup> mu Aonghas Lathaig, fear-taca an eilein agus ogha do dh'Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair agus Mgr Antanaidh Dòmhnallach (1770-1843) sagart an eilein aig toiseach na 19mh linn.<sup>767</sup> A rèir MhicFhionghain, 's ann à Uibhist a Deas a bha Mgr Antanaidh o thùs.<sup>768</sup> Ann an clàradh le Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach à Sgoil Eòlais na h-Alba, tha MacFhionghain ag innse gun robh Aonghas Lathaig agus Mgr Antanaidh aig tìodhlachadh agus thòisich argamaid eatarra. "A-mach à broilleach Chloinn Raghnaill, 's an fhuil cho uaibhreach teth" tha MacFhionghain ag ràdh mu Aonghas Lathaig. Mar sin, dh'fhàs e cho feargach 's gun do bhuail e an sagart.

Agus thionndaidh an sagart mun cuairt ris an t-sluagh a bha cruinn, agus thuirt e riu: "Gabh beachd air mo bhriathran," ars' esan. "Agus 's e an làmh a bhuail mise an-diugh a dhealaicheas an t-anam ris a' cholainn aige."

<sup>764</sup> Mar a tha Ó hÓgáin a' sgrìobhadh, "the putting of curses is a favourite subject in Irish hagiography. As one writer has remarked concerning this: 'It seems to be regarded as extraordinary self-restraint if a saint does not exercise his maledictory powers on the slightest provocation.'" *Hero*, 13. 'S e Charles Plummer an sgrìobhadair air a bheil Ó hÓgáin a' tarraing. Bidh Plummer a' toirt seachad mòran eisimpleirean de mhallachdan nan naomhan Èireannach bho làmh-sgrìobhannan meadhan aoiseach ann am *Vitae Sanctorum Hiberniae* (1910), clxxii-clxxiv.

<sup>765</sup> Tha Sneddon a' toirt seachad eisimpleir dhen sgeulachd seo bho CG 4, a bharrachd air iomradh air clàraidhean ann an tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba: SA1953.38.A1: SA1958.151.8,9; SA1968.026.B. "Folkloric Hagiography in Gaelic Scotland," 220-222. Gheibhear tuilleadh eisimpleirean bho sheachas Nan NicFhionghain: "Calum Cille 's mar a tha beul na làbaig gu aon taobh," TanD, SA1964.78.B16, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/23731?l=gd> agus "Mar a rinn Calum Cille an làbag cam-bheulach," TanD, SA1965.18.B7, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/53997?l=gd>.

<sup>766</sup> "Hugh MacKinnon," TanD, <http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/searchperson?id=5679>.

<sup>767</sup> Bha Mgr Antanaidh na shagart ann an Eileanan Eige agus Canaigh fad còrr agus 30 bliadhna. A rèir Blundell: "Mr Antony MacDonald died in Eigg, 6<sup>th</sup> January 1843, in the forty-ninth year of his ministry and the seventy-third of his age." *Catholic Highlands*, 154, 195. A rèir aon cheann-seachais, 's e "An Sagart Mòr" a bh' air. Allan J. Gillis, "Father Anthony MacDonald," Electric Scotland, [https://www.electricscotland.com/webclans/minibios/mc/macdonald\\_anthony.htm](https://www.electricscotland.com/webclans/minibios/mc/macdonald_anthony.htm).

<sup>768</sup> "Antanaidh mac Antanaidh mac Ailein Bhàin 'ic Antanaidh, sin mar a bhathas ga shloinneadh" a rèir MhicFhionghain. "Aonghas Lathaig agus an Sagart," TanD, SA1964.6.B2, <http://tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/44244>.

Tha MacFhionghain a' mìneachadh an uair sin gun tàinig faclan an t-sagairt gu buil aig deireadh beatha Aonghais Lathaig "o chionn gun do chuir e urchar ann fhèin agus gura h-e an làmh a bhuail an sagart, gura h-i a dhealaich an t-anam ris a' cholainn aige."<sup>769</sup>

A-rithist, tha an sgeulachd seo a' dol le ìomhaigh an t-sagairt ann an seachas Caitligeach na Gàidhealtachd agus na h-Èireann agus Mgr Antanaidh a' faighinn làmh an uachdair ann an dòigh os-nàdarra air uachdaran a bheir ionnsaigh air. Mar a sgrìobhas Ó hÓgáin: "Accounts abounded of how cruel magistrates and wicked landlords were laid low by the well-deserved curse of a priest."<sup>770</sup> A bharrachd air sin, 's cinnteach gum biodh sgeulachdan mar seo a' samhlachadh cumhachd Dhè agus na h-Eaglaise agus iad cuideachd mar rabhadh don choimhearsnachd a thaobh dè a thachradh mura sealladh iad ùmhlachd don t-sagart ionadail.

## 6.7 Eirmseachd ann an seachas mu shagairt

Chùm Mgr Ailein Dòmhnallach notaichean air seanachas mu shagairt a chuala e fhèin bho mhuinntir Uibhist, a bhios a' cur gu mòr ris an tuigse a th' againn air ìomhaigh an t-sagairt ann an seachas nan Eilean aig deireadh na 19mh linn. Tha e follaiseach bho na notaichean aige gun d' fhuair esan roinn de sheachas mu shagairt bho Mhgr Alasdair Caimbeul, agus na h-aon sgeulachdan a' nochdadh anns na notaichean aig an dithist aca. Chan eil seo na iongnadh agus iadsan a' fuireach còmhla fad ùine. Chithear anns na notaichean aig Mgr Ailein cuideachd iomadh eisimpleir de dh'eirmseachd nan sagart a chaidh roimhe. Mu Mhgr Ragnall MacEachainn, a bha na shagart ann am Beinn a' Bhaoghla eadar 1782 agus 1803,<sup>771</sup> sgrìobhaidh Mgr Ailein: "He was a poet & especially given to facetious pieces."<sup>772</sup>

Bidh Mgr Ailein cuideachd a' toirt iomradh air geur-sheanachas shagart eile, mar Mhgr Ailein MacIleathain, (Sagart Beag na Spàinne, 1804–1877) a bha ann an Uibhist eadar

<sup>769</sup> Hugh MacKinnon, "Aonghas Lathaig."

<sup>770</sup> Dáithí Ó hÓgáin. *Myth, Legend and Romance*, (1991), 388.

<sup>771</sup> MacDonald, "Priests of Uist."

<sup>772</sup> EUL CW 58A, 16v, Àireamh 12. Tha Mgr Ailein a' sgrìobhadh gun robh MacEachainn na shagart san ìochdar.

1839 agus 1850, an uair sin a chaidh a Cheap Breatainn.<sup>773</sup> Mar a sgrìobhas Mgr Ailein mu dhèidhinn, “Rev. Allan McLean curate to Revd. John Chisholm priest of Bornish was fond of music & poetry and often sang a song & nearly as often made one.”<sup>774</sup> Tha dhà no trì eisimpleirean dhen gheur-chainnt agus àbhachdas aig Mgr MacIlleathain anns na notaichean aig Mgr Ailein.<sup>775</sup> Anns an eisimpleir gu h-ìseal, chithear gur e moladh seach càineadh a gheibheadh feadhainn a bheireadh freagairt dheas-bhriathrach dhan t-sagart:

Fr McLean had been called to a sick-call to a man who had quite a reputation for going into fainting fits.

After the priest had gone to see him & found him not at all moribund he was coming home & passing some reapers who enquired how he found the man.

“Ciod e a th’ agaibh air,” os Mr Ailein “Ach gun deach an duine bochd tromh sia nial diag an diugh mu’n d’ràinig mi.”

“Cha chreid mi,” os nighean a bha ’sa chuideachd, “gur gann a chaidh a ghrian fhein tromh na bha sin a neoil an diugh fhathast, ged is moch a dh’èirich i.”

Nach math a fhreagair i mi, os Mr Ailein ’s e ga innse a rithisd.<sup>776</sup>

Tha coltas ann gun robh seachas mu fhreagairtean dàna a bheir muinntir an àite gu sagairt pailt sna h-Eileanan gu uaireigin san 20mh linn co-dhiù, agus iomadh eisimpleir eile aig Dòmhnall Iain MacDhòmhnail ann an *Uibhist a Deas* (1981).<sup>777</sup> Bha seachas mar seo, agus sgeulachdan mu shagairt san fharsaingeachd, fhathast cumanta am measg sliochd nan Gàidheal Caitligeach ann an Ceap Breatainn agus Siorrachd Antaiginis san 20mh linn cuideachd. Mar eisimpleir, a’ tarraing air an t-seachas a chlàraich e aig Dòmhnall Camshron (Danny Cameron, 1898- c.1996) à Beaver Meadow, Siorrachd Antaiginis, tha Nilsen ag innse gu bheil sagairt a’ nochdadh ann an cha mhòr 100 dhe na 250 sgeulachdan seo.<sup>778</sup> Tha obair luachmhor ri dhèanamh air na tha sa chumantas eadar an seachas mu shagairt a gheibhear sna coimhearsnachdan

<sup>773</sup> MacDonald, “Priests of Uist.” Airson fios air beatha Mhgr MhicIlleathain, faic John G. Gibson, *Gaelic Cape Breton Step-Dancing* (2017), 44-45.

<sup>774</sup> EUL CW 58A, 20v, Àireamh 77. Gheibhear clàradh de Chalum agus Annie Johnston a’ gabhail òran èibhinn a rinn Mgr MacIlleathain mu phòsadh ann am Barraigh: “Nighean Òg a’ Chòtain Duibh,” TanD, CW0099.431, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/25930?l=gd>. Gheibhear pàirt de dh’òran eile a rinn e, “Oran Molaidh do Mhairi Nic-Rath an Aird-an-t-sabhail air dhi lein’-aifrinn a thoirt do’n bhàrd” ann an Gibson, *Gaelic Cape Breton*, 165-166. A rèir Gibson, gheibhear an t-òran seo anns a’ chruinneachadh *Na Bàird Leathanach*.

<sup>775</sup> Faic EUL CW 58A, 20v-21r, Àireamh 77; EUL CW 58A, 31r, Àireamh 114; EUL CW 58A, 35v-36r, Àireamh 137.

<sup>776</sup> EUL CW 58A, 108v-108r, Àireamh 443.

<sup>777</sup> MacDhòmhnail, *Uibhist a Deas*, 54-55.

<sup>778</sup> Nilsen, “Priest,” 181.

Caitligeach Gàidhealach air dà thaobh a’ chuain.

## 6.8 Sgeulachdan mu Mhgr Ailein

'S beag an t-iongnadh gun do ghabh Mgr Ailein ùidh anns na sagairt a thàinig roimhe a bha ri bàrdachd agus ri geur-sheanchas agus e fhèin na bhàrd. 'S e duine air leth ann an seanchas nan Eilean Siar a th' ann am Mgr Ailein fhèin, air sàilleabh 's gun do chruinnich e beul-aithris, gun do rinn e òrain is laoidhean a tha a-nist mar phàirt de bheul-aithris nan Eilean, agus gu bheil sgeulachdan ann mu a dhèidhinn fhèin ann an seanchas nan Eilean. Anns an 20mh linn, bha Mgr Ailein air a chuimhneachadh ann an seanchas ionadail ann an dòigh a tha gu math coltach ris na sagairt iomraiteach a chaidh roimhe. Bha Mgr Ailein air a chuimhneachadh mar dhuine àrd, tapaidh, ged a bhris a shlàinte nuair a bha e fhathast òg. Chaidh Iain Caimbeul a chlàradh le Calum MacGilleathain ann an 1960 a' bruidhinn air a' chuimhne a bh' aige air Mgr Ailein, a dh'aithnich e nuair a bha e òg. "Bha e sgràthail gu coiseachd" canaidh e, agus "bha e seachad air sia troighean."<sup>779</sup> Mar choimeas, seo a sgrìobh Mgr Alasdair Caimbeul air a' chladh ann an Tobha Mòr anns a bheil Mgr Diarmad Dùgan agus sagairt eile air an tìodhlacadh:

There is a large cemetery and a portion of it was walled in by Father Dermit Gray, exclusively for the use of the priests, and which has ever since afforded a place of rest for the bones of many priests -- I heard some people saying that when they were consigning the bodies of priests to the graves in this spot, that they were very much astonished at the large specimen of bones which were dug up from the graves of these departed priests, so that many of them, at any rate, were men of great size, if not indeed bordering on the gigantic.<sup>780</sup>

<sup>779</sup> Iain Caimbeul, "Sgeulachd is Iomradh air Mgr Ailean," TanD, SA1960.1.A2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/34448?l=gd>. Tha an tuairisgeul seo ga dhaingneachadh anns a' chunntas aig F.G. Rea, a bha na mhaighstir-sgoile ann an Gearraidh na Mònadh eadar 1890 agus 1894 agus 1904 agus 1913. Tha Rea a' sgrìobhadh gun do thachair Mgr Ailein ris aig cidhe Loch Baghasdail nuair a ràinig e Uibhist a Deas agus ged a bha dùil aige an oidhche a chur seachad san taigh-òsta an sin, gun do chòisich iad còmhla san uisge gu taigh Mhgr Ailein, trì mìle air falbh. A *School in South Uist*, deas. J.L. Campbell (1964), 6-7.

<sup>780</sup> Campbell, "Mission," 26. Tha fianais ann gun robh seanchas mu luchd-clèire àrda beò ann an dualchas Gàidhealach ath-leasaichte cuideachd. Bha an t-Easbaig Seón Carsuel (c.1522-1572), aithnichte mar "Carsualach Mór Chàrn-Àsaraidh." Rinn esan *Foirm na n-Urrnuidhean* (1567), a tha na eadar-theangachadh dhen *Book of Common Order* aig John Knox, agus na chiad leabhar fhoillsichte ann an Gàidhlig. Nuair a chaidh uaigh fhosgladh san 19mh linn, tha coltas ann gun robh a chnàmhlach còrr agus seachd troighean de dh'fhaid. Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, "John Carswell [Seón Carsuel]," *Oxford Dictionary of National Biography*, 2004, <https://www.oxforddnb.com/display/10.1093/ref:odnb/9780198614128.001.0001/odnb-9780198614128-e-4773>. Mo thaing do Dhonnchadh Sneddon airson an fhiosrachaidh seo.

Faodar an tuairisgeul aig Mgr Ailein aig Iain Caimbeul fhaicinn ann an solas ìomhaigh chumanta ann an cultar nan Gàidheal: an duine neartmhor. A' tilleadh chun a' chàirdeis eadar "cuimhne chumanta" agus "cuimhne ionadail" air a bheil Ó Ciosáin a-mach, tha Stanley-Blackwell agus MacDonald a' tarraing air an aon ràmh agus iadsan a' sgrìobhadh air mar a tha sgeulachdan mu neart ghaisgich ionadail a' togail air "Gaelic hero stories and wonder tales of the past."<sup>781</sup> Tha iad cuideachd a' toirt iomradh air sgeulachdan mu choiseachd air adhbharan cràbhaidh mar "exempla of courage, stoicism and devotion."<sup>782</sup> A' sealltainn gun robh ìomhaigh an t-sagairt neartmhoir ri fhaighinn ann an seachas Chaitligich na h-Alba Nuadh, tha Nilsen a' toirt seachad eisimpleirean de sgeulachdan mu neart an Easbaig Uilleim Fhriseil (1778-1851) a bha aithnichte fhathast san 20mh linn.<sup>783</sup> A bharrachd air seo, cha robh Mgr Ailein na aonar mar shagart sna h-Eileanan Siar a bha aithnichte mar dhuine mòr neartmhor: bha a dheagh charaid Mgr Iain Mac an Tòisich (1859-1903) aithnichte mar "Sagart Mòr nan Each."<sup>784</sup> Ann an dàn a rinn Mgr Ailein fhèin dha nuair a dh'fhàg Mgr Iain Uibhist ann an 1900,<sup>785</sup> tha e a' toirt tuairisgeul air mar seo:

Is do nochd e 'n-sin dhan t-saoghal  
Nach bu duine faoin fear Bhòrnais  
Ach gaisgeach a mhìre na cruadhach  
Choisneadh buaidh às gach còmhraig.<sup>786</sup>

A bharrachd air tuairisgeul air Mgr Ailein a bhios a' cumail ris an luach a chuireas cultar dùthchasach nan Gàidheal air "an duine làidir," bha sgeulachd eile aig Iain Caimbeul a bhios a' sealltainn gun robh de chumhachd spioradail aig Mgr Ailein gus an gnothach a dhèanamh air an donas. Tha Caimbeul ag innse mar a neartaich Mgr Ailein nighean òg à Uibhist a Deas, a bha a' faighinn ionnsachadh bhuaithe, seasamh ris an donas, a thàinig thuice mar "dhuine snog, dreasta" ag obair oirre gus Mgr Ailein a thrèigsinn. Ma dh'fhaodte nach e co-thuiteamas a th' ann gum faca an nighean an donas an

---

<sup>781</sup> Stanley-Blackwell agus MacDonald, "Going Strong," 26.

<sup>782</sup> Stanley-Blackwell agus MacDonald, "Going Strong," 28.

<sup>783</sup> Nilsen, "Priest," 181-182.

<sup>784</sup> J.L. Campbell, *Bàrdachd Mhgr Ailein* (1965), 74.

<sup>785</sup> Black, *Eilein*, 405.

<sup>786</sup> Black, *Eilein*, 250.

toiseach air Cnoc Shoilleir, far a bheil eaglais Phròstanach.<sup>787</sup> Anns an aon sheisean chlàraidh, tha Caimbeul ag aontachadh ri MacGilleathain gum facas dreag mun do dh'eug Mgr Ailein, agus e a' mìneachadh gur e “manadh bàis” a th' ann an solas dhen leithid seo.<sup>788</sup> Tha an cunntas seo an dà chuid a' suidheachadh ìomhaigh Mhgr Ailein ann an seachas ionadail, far a bheil sgeulachdan mun dreag gu ìre cumanta, agus, coltach ris an sgeulachd mun dreag aig Mgr Forrester gu h-àrd, a' toirt ìomhaighean Crìosdail mar Reul Bhetleheim gu cuimhne. Tha Nilsen a' toirt seachad cunntasan air sgeulachdan mu shagairt ann an Alba Nuadh agus solais os-nàdarra, agus gan ceangal ri moitifean Crìosdail mu thimcheall air naomhan.<sup>789</sup> Sgrìobh Mgr Ailein fhèin cunntasan air an turas no dhà a chunnaic e fhèin solas os-nàdarra mar mhanadh bàis.<sup>790</sup>

Tha seachas mu Mhgr Ailein ri chluinntinn sna h-Eileanan Siar gus an latha an-diugh. Fhuair Pòl MacCaluim à Taobh Tuath Ghleann Dàil (1963-) seachas mu Mhgr Ailein bho chàirdean aig an robh cuimhne air. Tha MacCaluim a' comharrachadh an urraim a bh' aig muinntir Uibhist a Deas agus Èirisgeigh air agus na “gibhtean” aige, gan ceangal ri sgeulachd air mar a chuir Mgr Ailein ruaig air taibhse a' bhàird Alasdair Mhac Mhaighstir Alasdair:

Bha an creideas a bha sin aig na daoine, gun robh gibhtean aig Maighstir Ailein. Bha urram mòr aca dha. Agus fhios agad, tha mi cinnteach gun robh iad a' coimhead air mar gur e rud a chanadh iad ann am Beurla, ri *demigod*. Ach chan eil sin ag ràdh nach robh gibhtean aig Maighstir Ailein – bha. Bha an t-uabhas ghibhtean aige. Bha, mar eisimpleir, bha bràithrean athair mo sheanmhar, 's ann aca a bha an t-aiseag eadar Èirisgeidh agus Pol a' Charra. Agus an latha a bha seo, fhuair iad brath gum feumadh iad tighinn a-nall a dh'iarraidh Maighstir Ailein. Agus bha e na ruith sìos, agus an ad aige na làimh agus leum e a-staigh dhan a' sgothaidh agus thuirt e, “Iomraibh gu làidir, 'illean.” Agus ghabh iad comhairle an t-sagairt. Agus nuair a ràinig iad Sgùrr Leòdaig, thuirt e riutha, “Faodaidh sibh gabhail air ur socair a-nist. Cha chuir Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair dragh oirbh tuilleadh.” [...] Ach bha Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, bàrd ainmeil, tha fhios agaibh air fad, agus bha e na bhàrd de Chloinn Raghnaill. Agus bha e ann an Uibhist. Ach bha a bhràthair na bu trice ann an Uibhist, Lachlann. Agus bha e a' coiseachd a' rathaid mhòir an seo – gun an latha an-diugh, tha iad ag ràdh – g' eil e a' coiseachd – g' eil a spiorad aige coiseachd. Bha eachdraidh aig mo sheanmhair a bha ag ràdh gun do dh'iarr e sagart air

<sup>787</sup> Iain Caimbeul, “Maighstir Ailein, an nighean agus an droch spioraid,” TanD, SA1960.19.A1, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/38613?l=gd>.

<sup>788</sup> Iain Caimbeul, “Nuair a chunnacas dreag,” TanD, SA1960.19.A2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/38615?l=gd>.

<sup>789</sup> Nilsen, “Priest,” 188-191.

<sup>790</sup> Faic Campbell agus Hall, *Strange Things*, 257-258, 304-305.

leab' a bhàis – cha tug a theaghlach idir e dha. A-nist, tha iad ag ràdh, agus thachair mi ri feadhainn a chunnaic e, agus a bhruidhinn e riutha.

(KR: Bhruidhinn Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair riutha?)

Bhruidhinn Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair riutha. Ach, agus tha mi ag ràdh, rud a bh' aig mo sheanair mu dhèidhinn Maighstir Ailein, ag ràdh nach cuireadh iad dragh orra tuilleadh. Cha chuala mi riamh gun robh e ann an Èirisgeidh, no gun robh iad ga fhaicinn ann an Èirisgeidh. Rian ris gun do chuir Maighstir Ailein bacadh air bhon a dhol a-null, dh'fhaodadh e a bhith – chan eil mi cinnteach.<sup>791</sup>

Tha seachas cuideachd aig MacCaluim a' bhios a' ceangal nan "gibhtean" aig Mgr Ailein ri cumhachdan Chrìosda a gheibhear ann an sgrìobtar:

Agus an uair sin, nuair a thòisich e air togail – Bha an eaglais far a bheil an statue aig Fatima. Tha làrach an eaglais ann a' shin. Agus bha i ag aoidion; bha i sgràthail, tha e coltach, cha robh an tritheamh (?) stad idir innte. Agus chuir e roimhe gun togadh e eaglais air Cnoc na Sgrath. Agus aig an àm sin, fhios a'd, cha robh mòran airgead ann – cha robh airgead ann. Ach dh'iarr e air na h-iasgairean a dhol a-mach aon latha, agus ge bith dè na gheobhadh iad de dh'iasg, gun toireadh iad seachad an t-airgead airson an eaglais a phàigheadh. Agus chaidh iad a-mach, agus cha mhòr nach robh na sgothan a' dol fodha leis na fhuair iad. Gabhaidh sin creidsinn, a-rithist, ma tha creideamh agad. Bha Maighstir Ailein a' tuigsinn am Bìoball, bha e a' tuigsinn an eachdraidh a bha sa Bhìoball, an t-aran agus an t-iasg. Agus tha mi cinnteach gur ann às a' sin a thug e am beachd-smuain a tha sin. Agus mar sin, fhuair iad na phàigheadh an eaglais dheth, chanainn. Chan e na phàigheadh an eaglais air fad idir o chionn 's bha uaislean air feadh an t-saoghail a' toirt seachad airgead airson an eaglais a bha sin, ach na phàigh an eaglais dheth.<sup>792</sup>

Tha ceangal ri Sgrìobtar cuideachd ri fhaicinn ann an sgeulachd eile aig MacCaluim mu Mhgr Ailein agus mar a fhuair e tobar ann an Uibhist a Deas:

Bha, turas, e tighinn a-nall tarsainn na beinne os cionn Smeircleith air neo Gearraidh na Mònadh ann a' shin. Agus bha e a' coiseachd. Agus na daoine a' talach nach robh uisge gu leòr aig a' chrodh. Agus bha bat' aige agus bhuaile e

<sup>791</sup> Pòl MacCaluim, 16.07.21. Tha MacCaluim air ùidh a ghabhail ann an seachas nan Eilean fad a bheatha agus bhithte an dùil gum biodh seachas aige nach eil aig mòran eile san latha an-diugh. Le sin air a ràdh, tha mise air seachas mu thaibhse Mhic Mhaighstir Alasdair a chluinntinn aig grunn daoine ann an Uibhist a Deas. Tha Mgr Ailein a' toirt seachad seachas a fhuair e aig Mgr Alasdair Caimbeul mu thaibhse Lachlainn Mhic Mhaighstir Alasdair, fear-taca Dhreumasdail ann an Uibhist a Deas, agus nach d' fhuair e na sàcramaidean mu dheireadh leis gun do chùm an teaghlach aige an sagart air falbh. EUL CW 58A, 11r-11v, Àireamh 49. Tha sgeulachd mu thaibhse Mhic Mhaighstir Alasdair ga fhaicinn ann an Geirinis, Uibhist a Deas ann am MacPherson, *Tales*, 199-200. Tha Caimbeul a' comharrachadh gum facas taibhse Alasdair Mhic Mhaighstir Alasdair ann an Uibhist "in recent years." Campbell agus Hall, *Strange Things*, 251-252.

<sup>792</sup> Pòl MacCaluim, 16.07.21. Gheibhear cunntas air mar a chaidh an t-airgead a thogail airson Eaglais Èirisgeidh agus air an t-seachas mu thimcheall air ann an Roberts, "John Gray, André Raffalovich and Father Allan MacDonald," 207-231.

am bat' ris an talamh. Agus thàinig – dh'fhosgail tobar. Tobar an t-Sagairt. Chan eil mi buileach cinnteach cà' bheil e. Ach tha e ann. Agus bhiodh sin na uabhas aig na daoine – chanadh iad, ò 's e mìorbhailt a bha sin – rinn e mìorbhailt eile, fhios agad. Ach 's e duine ionnsaichte a bh' ann agus bhiodh fios aige cà' robh e. Bhiodh e ag uisneachadh an ionnsachadh aige fhèin, agus a thuigse fhèin le nàdar is gnothaichean gus na daoine a chuideachadh. So sin an seòrsa duine a bh' ann.<sup>793</sup>

A bharrachd air iomradh eile air Mgr Ailein agus e buailteach a bhith a' falbh air chois, tha mac-talla soilleir san sgeulachd seo air a' cunntas sa Bhìoball air na h-Eabhraich a' gearan gu bheil iad gun uisge san fhàsach, agus Maois a' bualadh creig le a bhata gus uisge fhaighinn dhaibh.<sup>794</sup> Tha an sgeulachd seo a' cur Mhgr Ailein ann an dreuchd ceannard spioradail na coimhearsnachd, coltach ri Maois, agus a' cur cuideam air mar a bhiodh sagart a' cuideachadh a thred le gnothaichean saoghalta cuideachd. Tillidh sinn chun na dàrna puing sa chaibideil seo fhathast. Tha e inntinneach nach fhaic MacCaluim gnìomh Mhgr Ailein mar mhìorbhailt, ach esan a' cur a chuid ionnsachaidh shaoghalta gu feum gus muinntir an eilein a chuideachadh, ged a tha e a' creidsinn gum faicear an gnìomh mar mhìorbhailt san àm. Dh'fhaodar seo fhaicinn mar eisimpleir de fhrionas eadar cuimhne ionadail mu shagart a' dèanamh mìorbhailt agus tuigse choitcheann na ciad linn fichead a tha buailteach ri bhith a' cur ciall nàdarra air tachartasan annasach. Chithear neach-innse eile a' cur astar eadar a bheachdan fhèin agus seanchas dùthchasach ann an Caibideil 7.

Cha dh'fhuaras seanchas eile air Mgr Ailein a' fosgladh tobar thuige seo, ach gheibhear cunntas aig Iain Caimbeul air Tobar Thiobartain,<sup>795</sup> tobar slàinte iomraiteach “eadar Smeircleith agus Gearraidh na Mònadh”<sup>796</sup> Tha Iain Caimbeul ag innse mun tobar, a bha “dìreach cho math ri Lourdes a th' aca an-diugh,” ach mar a mhill seann bhoireannach an tobar le bhith a' leigeil leis an each aice òl às. A rèir Chaimbeul, bha Mgr Ailein airson an tobar fhaighinn a-rithist, agus gun d' fhuair Caimbeul fhèin e:

Agus cò thàinig a's an àm a bha ann a' sheo gu ruige Uibhist na shagart, ach Maighstir Ailein a bh' ann a' sheo, ille. Agus bha fios aigesan mun tobar. Agus

---

<sup>793</sup> Pòl MacCaluim, 16.07.21.

<sup>794</sup> Faic Escodus 17:1-6.

<sup>795</sup> Gheibhear gearr-chunntas air seanchas mu Tobar Thiobartain ann am MacLeòid, *Tobraichean Slàinte*, 64.

<sup>796</sup> Calum MacRath, “Tobar Thiobartain nam Buadh,” TanD, SA1965.113.A12, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/106823?!=gd>.



ràinig e Tiobartan co-dhiù. Thòisich e a' forfhaiseachadh a' seo feuch an robh duine sam bith ann dham b' aithnte far an robh e. Ò, cha robh duine. Cha toireadh iad sgibht dhòigheil sam bith, an-dà, san robh an tobar, idir. Co-dhiù, a laochain, uell, bha mi fhìn a' treabhadh, bha mi ann mu dheireadh, a dhà, thachair na clachan ris an crann-treabhaidh iad. Agus dh'innis mi dha.

“Iain,” ars' esan, “An do ghabh thu *mark* sam bith?”

“An-dà,” ars' mise, “Cha do ghabh.”

“Nam biodh tu air *mark* a ghabhail,” ars' esan, “gheibheamaid air fhosgladh,” ars' esan, “agus bhiodh an tobar cho math 's a bha e riamh.”

Ach co-dhiù, dh'fhalbh an gnothach mar sin. Cha robh Maighstir Ailein riamh, riamh ach a' gearan, “nach d' fhuair thu an tobar a bha seo.” Is cha d' fhuair e riamh gun an latha an-diugh is chan fhaigh. Sin a bh' ann.<sup>797</sup>

Tha an sgeulachd aig Caimbeul a' tilgeil solais eile air a' chunntas aig MacCaluim, le eilemaidean sa chumantas eadar an dà thionndadh ach brìgh na sgeòil agus an ìomhaigh de Mhgr Ailein innte cha mhòr na caochladh: an àite Mhgr Ailein, mar fhàidh Bìoballach, a' faighinn tobar mar ghnìomh throcaireach a bhios a' freagairt ri gearan bhon treud aige, tha Mgr Ailein, ma dh'fhaodte le bonaid an neach-cruinneachaidh beul-aithris air, a' gearan gun do chaill gille òg ionadail sgeul air tobar slàinte aithnichte.

## 6.9 Mgr Seumas MacGriogair agus leigheasan mìorbhaileach

Am measg nan cumhachdan a th' aig sagairt san t-seanchas a gheibhear sna h-Eileanan Siar, tha sgeulachdan gu leòr ann mu leigheasan mìorbhaileach. Gu h-àraidh, bha Mgr Seumas MacGriogair (1790-1867) a bha na shagart anns an Ìochdar, Uibhist a Deas eadar 1828 agus 1867, ainmeil airson leigheasan a dhèanamh.<sup>798</sup> Tha coltas ann gun do chruinnich Mgr Ailein fhèin roinn de na sgeulachdan seo, agus tionndaidhean dhiubh a'

<sup>797</sup> Iain Caimbeul, “Tobar Thiobartain,” TanD, SA1960.8.A3, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/38560?l=gd>. Tha tar-sgrìobhadh a-nist ri fhaighinn air làrach-lìn Tobar an Dualchais, ach tha an tar-sgrìobhadh gu h-àrd stèidhichte sa mhorchuid air tar-sgrìobhadh a rinn an ùghdar le taic bho Ghillebrìde Mac'IlleMhaoil ann an 2017 mar phàirt dhen chùrsa CELTCIV5012, Oilthigh Ghlaschu.

<sup>798</sup> Gheibhear fianais gun robh Mgr Seumas aithnichte airson nan leigheasan aige na bheò fhèin san t-sanas-bàis aige bho *Inverness Courier*, 25.04.1867, 7. Faic “Highland newspapers online – and an obituary of Father James MacGregor,” CWP, 22.05.2014, <http://carmichaelwatson.blogspot.com/2014/05/highland-newspapers-online-and-obituary.html>.

nochdadh san leabhar *Father Allan's Island* aig Amy Murray<sup>799</sup> am measg sgeulachdan a bhios a' nochdadh anns na notaichean aig Mgr Ailein.<sup>800</sup> Bha sreath de sgeulachdan mu na leigheasan a rinn Mgr Seumas aig Iain Caimbeul a chaidh a clàradh le Calum MacGilleathain,<sup>801</sup> agus grunn dhiubh eile aig an t-seanchaidh chliùteach Aonghas MacIllFhialain (Aonghas Beag, 1869-1966) à Loch Aoineart, Uibhist a Deas, a chaidh a chlàradh le Iain Latharna Caimbeul agus Calum MacGilleathain.<sup>802</sup> Cuideachd, chlàraich Calum MacGilleathain sgeulachdan bho Cheit Mhoireasdan (Ceit Iain Bharraich) à Dalabrog mu shagart a dhèanadh leigheasan air an robh "Maighstir Iain."<sup>803</sup> Tha na sgeulachdan aice gu math coltach ris na sgeulachdan mu Mhgr Seumas, is mar sin, tha coltas ann gun deach ainm an t-sagairt atharrachadh.

Anns na sgeulachdan seo, bidh an sagart a' cleachdadh diofar dhòighean gus leigheasan a dhèanamh: a' seinn na fidhleadh gus an gabh cailleach air a bheil an grèim-lòinidh danns; a' toirt air gille òg pìob tombaca a smocadh, agus a' toirt ìocshlaint gu gille no nighean bhochd gus an cuir iad easgann a-mach. Gu tric sna sgeulachdan seo, tha cuideigin air tighinn bho eilean eile air neo a' toirt air an t-sagart a' tighinn gu tìr-mòr, gus an dèanadh e leigheas, agus ann an cuid dhiubh, air sàilleabh 's gun leighis e gille no nighean aig cuideigin beartach, gheibh e airgead mar thìodhlac a chleachdas e gus eaglais a thogail. 'S e an fhìrinn a th' ann gun do thog Mgr Seumas MacGriogair eaglais Àird Choinnich ann an 1828, agus a rèir Mhgr Mhicheil Dhòmhnallaich, a tha a-nist na shagart san aon eaglais, rinn e turas a dh'Èirinn agus a

<sup>799</sup> Airson cunntas air an ùine aig Amy Murray ann an Èirisgeidh, faic Hutchinson, *Father Allan*, 180-188.

<sup>800</sup> Amy Murray, *Father Allan's Island* (1936), 205-208. Faic EUL CW 58A, 35v-36r, Àireamh 137.

<sup>801</sup> Iain Caimbeul, "Chuir Maigstir Seumas easgann a-mach à stamag boireannach òg," TanD, SA1960.34.B2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/46169?l=gd>; "Dh'iarr Mgr Seumas air gille bochd tombaca a smocadh à pìob," TanD, SA1960.34.B3, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/46171?l=gd>; "Maighstir Seumas agus an duine-ualas," TanD, SA1960.34.B4, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/46172?l=gd>.

<sup>802</sup> Aonghas MacIllFhialain, "Maighstir Seumas agus a' bhan-tuathach," TanD, CannaOT.8, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/48201?l=gd>; "Mgr Seumas MacGriogar a' leigheas nighean," TanD, SA1960.029.B5, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/44560?l=gd>; "Chaidh athair an fhiosraiche gu Mgr Seumas MacGriogair airson leigheas dha mhac," TanD, SA1960.030.A2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/45417?l=gd>.

<sup>803</sup> Ceit Mhoireasdan, "Maighstir Iain a' leigheas gille aig fear beartach, a tha a' toirt airgead dha gus eaglais a thogail," TanD, SA1953.37.B4, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/20108?l=gd>; "Maighstir Iain a' leigheas fear le grèim-lòinidh," TanD, SA1953.37.B5, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/20112?l=gd>.

Shasainn sna 1830an feuch an togadh e airgead a phàigheadh airson na h-eaglaise.<sup>804</sup> Ged a thathar ag ràdh ann gun robh eòlas meadaigeach aig Mgr Seumas, tha e follaiseach gu bheil feadhainn dhe na sgeulachdan mu na leigheasan a rinn e a' tarraing air seachas cumanta nan Gàidheal: tha an sgeulachd mu easgann no beòthach coltach ris am broinn duine bochd aithnichte air feadh na Gàidhealtachd agus ann an Ceap Breatainn<sup>805</sup> agus tha a fhreumhan ri fhaighinn ann an litreachas Gàidhlig bho na meadhan-aoisean.<sup>806</sup> Fhad 's a thathar ag aithneachadh an taobh Ghàidhealaich dhen t-seachas seo mu Mhgr Seumas, chan urrainn a dhol às àicheadh gu bheil taobh Crìosdail ann cuideachd. Ged a tha e soilleir gu bheil eilemaidean ròlaisteach de sheachas mar seo, tha e a-rithist a' cur an t-sagairt ann an dreuchd Chrìosda agus na naomhan, a dhèanadh leigheasan mìorbhaileach, agus ag aithneachadh dreuchd an t-sagairt ann an Caitligeachd mar neach a bhios a' riarachadh nan sàcramaidean a bhios a' slànachadh na tha gam faighinn.<sup>807</sup>

### 6.10 Mgr Seòras Rigg

Coltach ri Mgr Ailein Dòmhnallach, tha cuimhne Mhgr Seòras Rigg (1860-1897) beò ann an seachas ionadail nan Eilean Siar gus an latha an-diugh.

Ged nach ann às a' Ghàidhealtachd a bha a phàrantan, thogadh Seòras Rigg ann an Leòdhas agus anns a' Mhorbhairne. Às dèidh dha trì bliadhna a chur seachad na shagart ann an Cnòideart, thàinig e a dh'Uibhist mar shagart Dhalabroig ann an 1894.<sup>808</sup> Ann an 1897, bha am fiabhras-dubh (*typhus*) san eilean agus bha aig Mgr Seòras ri cobhair a thoirt do a threud. Thàinig am fiabhras air agus bha e marbh air an taobh

---

<sup>804</sup> MacDonald, "Priests of South Uist," 9.

<sup>805</sup> Mar eisimpleir, tha sgeulachd aig Eòs Nìll MacNìll à Ceap Breatainn mun "Dotar Bhàn" a bhios a' leigheas boireannach òg le bhith a' faighinn losgann às a beul. Chuala Eòs Nìll Bhig an sgeulachd aig Aonghas Mac'Illemhaoil, agus esan a' cumail a-mach gur ann à Uibhist a Tuath a bha sinnsearan Mhic'Illemhaoil. Tha Iain Seathach dhen bheachd gu bheil an sgeulachd seo a' tighinn bho sheachas às na h-Eileanan Siar mun "Ollamh Muileach." MacNeil, *Sgeul gu Latha*, 248-251 (an sgeulachd), 232-232 (sinnsearachd Mhic'Illemhaoil), 466 (notaichean aig Shaw).

<sup>806</sup> Mo thaing don Dr Sìm Innes, a thug dham aire gu bheil am motif seo ri fhaighinn ann an *Aislinge Meic Conn Glinne*. Faic Henry A. Jefferies, "The Visions of Mac Conglinne, and Their Authors," *Studia Hibernica* 29 (1995-1997): 7-30.

<sup>807</sup> Tha seo gu sònraichte fìor mun ungradh dheireannach a bheir an sagart seachad mar "ola ro bhàis." Mar a gheibhear ann an *Athghearradh Teagaisg Chriosta* (1886), tha an "t-Ungadh Deireonnach" "[a'] toirt slàinte do'n cholunn fhèin 'nuair a chì Dia sin iomchuidh do n-anam." 32.

<sup>808</sup> Hutchinson, *Father Allan*, 133-134.

a-staigh seachdain, aig aois 37. Chaidh naidheachd a bhàis a sgaoileadh ann am pàipearan-naidheachd Albannach aig an àm mar eisimpleir de charthannas Chrìosdail.<sup>809</sup> Ach ann an Uibhist fhèin, chaidh moladh a thoirt dha a rèir dualchas nan Gàidheal agus chaidh co-dhiù ceithir chumhachan a dhèanamh dha, nam measg fear le Mgr Ailein fhèin,<sup>810</sup> a bha na dheagh charaid dha, agus fear eile le Pròstanach Uibhisteach, Coinneach MacPhàdraig.<sup>811</sup> Dh'fhaodar seo fhaicinn mar chomharra dhen spèis a bh' aig muinntir Uibhist air Mgr Seòras san fharsaingneachd.<sup>812</sup> Bha a' chumha a rinn MacPhàdraig aithnichte ann an Uibhist suas gu meadhan na 20mh linn.<sup>813</sup> Cuideachd, chaidh an t-ainm Seòras a thoirt air gillean ann an Uibhist mar urram do Mhgr Seòras. Bha an cleachdadh seo beò gu co-dhiù deireadh na 20mh linn. Mar a leughar air panal fiosrachaidh mu Mhgr Seòras ann an Taigh-Tasgaidh Chill Donnain ann an Uibhist a Deas, "Bhiodh pàrantan a' toirt ainm Mhgr Sheòrais air clann mar aithneachadh air cho dìcheallach, cho ciùin agus cho naomh 's a bha e."<sup>814</sup>

Chaidh Peigi NicRath (Peigi Anndra, 1874-1969) à Taobh Tuath Ghleann Dàil, Uibhist a Deas, a chlàradh le Iain Latharna Caimbeul ann an 1951 ag innse mar a fhuair Mgr Seòras bàs, le bhith a' frithealadh tè air an tàinig an fiabhras, a dh'aindeoin a' chunnairt dha fhèin. 'S e bana-Phròstanach a bh' ann an NicRath agus mar sin, 's e fianais eile a th' ann an seo a thaobh cho urramach 's a bha Mgr Seòras ann an cuimhne ionadail Uibhist a Deas. Trì fichead 's a deich bliadhna às dèidh don chlàradh seo a dhèanamh, bha an cunntas aig Pòl MacCaluim, às an aon bhaile, air bàs Mhgr Sheòrais uabhasach fhèin coltach. Gheibhear an dà chunntas anns an Eàrr-ràdh. Anns

---

<sup>809</sup> Gheibhear earrainn às *The Oban Times, Glasgow Herald and Northern Chronicle* ann am Black, *Eilein*, 396-398.

<sup>810</sup> Black, *Eilein*, 228-235

<sup>811</sup> "Cumha do Mhaighstir Seòras (2)," Black, *Eilein*, 336-341.

<sup>812</sup> Tha MacIlleDhuibh cuideachd a' toirt seachad cumha le Dòmhnall MacCarraig agus cumha eile, gun urra, a tha a' nochdadh sna notaichean aig Mgr Ailein. *Eilein*, 340-349, 447.

<sup>813</sup> Mar eisimpleir, faic clàradh bho 1959 anns a bheil Màiri Mhoireasdan (Màiri Eòghainn Mhòir) à Earsaraidh, Barraigh, a' gabhail "Bàs Maighstir Seòras Rigg," TanD, SA1959.69.A5, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/106663?l=gd>; clàradh bho 1950 agus Ceit NicNeacail (Ceit Phàdraig Mhòir) às an Ìochdar, Uibhist a Deas, a' gabhail "Òran Mhaighstir Seòras," TanD, CW0111A.511, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/26582?l=gd>; agus clàradh bho 1958 dhen bhàrd Dòmhnall Ailein Dòmhnall na Bàinich a' gabhail "Òran do Mhaighstir Rigg," TanD, CannaOT.6, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/45211?l=gd>.

<sup>814</sup> "Seòras Rigg 1860-1897," pannal fiosrachaidh dà-chànanach, Taigh-Tasgaidh Chill Donnain, Uibhist a Deas.

an t-seanchas seo, gheibhear ìomhaigh de Mhgr Seòras mar shagart ghaisgeil a bhios a' leantainn eisimpleir Chrìosda le bhith a' leigeil sìos a bheatha don treud aige. Tha Ó hÓgáin cuideachd a' toirt eisimpleirean seachad bho sheanchas Èireannach far a bheil naomhan ionadail a' cumail ghalairean air falbh bho na coimhearsnachdan aca.<sup>815</sup> Ma dh'fhaodte nach eil sin fada air falbh bhon fhìrinn le bhith a' cumail a-mach gu bheil Mgr Seòras Rigg ri fhaicinn gu ìre mar sheòrsa de naomh ionadail ann an Uibhist a Deas.

### 6.11 Sagairt na 20mh linn

Chunnacas mar-thà gu bheil na sgeulachdan mu chumhachdan nan sagart bhon t-17mh linn suas gu toiseach na 20mh linn a' cumail ri dreuchd an t-sagairt san Eaglais Chaitligich air fad, agus cuideachd le ìomhaigh naomhach, gu h-àraidh a thaobh mhìorbhailean a dhèanadh iad. Cuiridh seanachas sagairt na 20mh linn sna h-Eileanan Siar ris an dealbh seo, ged a tha diofaran ann rim faicinn cuideachd.

Mar a chunnacas sa chaibideil seo thuige seo, tha sgeulachdan aig muinntir nan Eilean gus an latha an-diugh mu chumachdan sònraichte aig sagairt. Ach ma 's e sagart a dh'eug o choinn ghoirid air neo aig a bheil càirdean sa choimhearsnachd fhathast, chan eil e ga fhaicinn iomchaidh gum biodh na sgeulachdan seo air an innse air taobh a-muigh na coimhearsnachd. Mar as àbhaist, tha coltas ann, tha daoine nas deònaiche sgeulachd a thoirt do neach-rannsachaidh ma tha an fheadhainn a bhios a' nochdadh san sgeulachd uile air a bhith marbh o chionn fhada. Ann an agallamh a chùm mi ri Catriona Garbutt, thug i seachad sgeulachd anns an robh eileamaidean os-nàdarra agus dh'innis i dhomh, "Cha robh sinn a' bruidhinn air, *ever*, outside the family."<sup>816</sup> Ach air sàilleabh 's gun do thachair e cho fada air ais, shaoil leatha gun robh e ceart gu leòr innse dhomh. Bha sgeulachd eile aig Garbutt mun Easbaig Cailean Mac a' Phearsain (1917-1990), à Uibhist a Deas, a bha na shagart ann am Beinn a' Bhaoghla eadar 1955 agus 1966 mun robh e na easbaig.<sup>817</sup> Nuair a bha nàbaidh teaghlach Catrìona a'

---

<sup>815</sup> Ó hÓgáin, *Hero*, 57-58.

<sup>816</sup> Catriona Garbutt, 12.06.2018.

<sup>817</sup> Johnson, *Scottish Catholic Secular Clergy*, 132.

bàsachadh, dh'fhuirich Mgr Cailean còmhla ris fad uairean a thìde, a' caithris na h-oidhche aig an taigh. Tràth sa mhadainn, thuir e gum faodadh e falbh. "Mun do ràinig e an rathad, bha Alec air bàsachadh," dh'innis i dhomh. Nuair a dh'fhaighnich mi carson a dh'fhuirich e cho fada, 's e an fhreagairt a bh' aice, "Bha e a' sabaid le rudeigin."<sup>818</sup> Tha am motif seo, gu bheil aig sagart ri strì an aghaidh chumhachdan os-nàdarra gus na sàcramaidean mu dheireadh a thoirt do neach, cumanta ann am beul-aithris ann an Èirinn agus ann an seanchas Gàidhealach.<sup>819</sup>

Bha an aon seòrsa fiosrachaidh aig Pòl MacCaluim, a dh'innis dhomh gun robh a sheanmhair ag iarraidh Mgr Niall MacCeallaig (1907-1982), bha na shagart ann an Uibhist a Deas fad dà fhichead bhliadhna ann am meadhan na 20mh linn,<sup>820</sup> a bhith còmhla rithe nuair a bha i a' bàsachadh, air sàilleabh 's gun robh beachd aice gun robh na h-aon chumhachdan aige 's a bha aig Mgr Ailein Dòmhnallach:

Ach bha mo sheanmhair riamh riamh ag ràdh gun robh i ag ùrnaigh gum faigheadh i Maighstir Niall MacCeallaig air leab' a bàis. Agus dh'fhaighnich mi dhi, "Carson a bha sin?" "Ò," ars' ise, "tha gibhtean Maighstir Ailein aige."<sup>821</sup>

Chan ann a-mhàin an aghaidh nàimhdean òs-nadarr a bhiodh sagairt nan Eilean san 20mh linn a' strì, ach nàimhdean saoghalta cuideachd. Chan e beachd ùr-nòsach a tha seo: gheibhear mac-talla an seo air dreuchd naomhan ionadail ann am beul-aithris. Mar a sgrìobhas Ó hÓgáin mu sheanchas mu naomhan ann an Èirinn:

The saint is cast in his most dramatic role when he plays the part of protector of his community from miscellaneous misfortunes and destructive forces.<sup>822</sup>

Ma dh'fhaodte gur e Mgr Iain Moireasdan a th' air seo a dhèanamh anns an dòigh as fhollaisiche.<sup>823</sup> Mar a chunnacas ann an Caibideil 3, thug Mgr Iain buaidh mhòr air beatha chràbhaidh muinntir Uibhist a Deas aig meadhan na 20mh linn ann an dòigh gu

---

<sup>818</sup> Catriona Garbutt, 12.06.2018.

<sup>819</sup> Airson eisimpleirean Èirinneach, faic Salvador Ryan, "The Sick Call and the Drama of Extreme Unction in Irish Folklore," *Studies in Church History* 59 (2023): 419-422. Tha seanchas mar seo ri fhaighinn ann am beul-aithris Ghàidheil na h-Alba Nuadh, leis an sgeulachd "Am Muileann Dubh" mar eisimpleir aithnichte. Faic Shaw, *Na Beanntaichean Gorma*, 184-187.

<sup>820</sup> Johnson, *Scottish Catholic Secular Clergy*, 129.

<sup>821</sup> Pòl MacCaluim, 16.07.2021.

<sup>822</sup> Ó hÓgáin, *Hero*, 51.

<sup>823</sup> 'S ann à Uibhist a Deas a bha Mgr Iain agus bha e na shagart an ann Àird Choinnich eadar 1946 agus 1962. Johnson, *Scottish Catholic Secular Clergy*, 133.

math follaiseach, agus esan air cùl togail Statue Ruaidheabhail agus na “shrines” ri taobh an rathaid ann an ceann a tuath an eilein. Sheas e gu poblach an aghaidh phlanaichean gus raon rocaidean mòr a thogail ann an Uibhist, leis an eagal gun toireadh e droch bhuidh air cànan, cultar agus creideamh muinntir nan Eilean. Fhuair e am far-ainm “Father Rocket” air sgàth seo agus tha a chuimhne fhathast beò am beul an t-sluaigh sna h-Eileanan. Rinn am bàrd Uibhisteach Domhnall Iain MacDhòmhnaill luaidh air ann an “Laoidh Statue Ruaidheabhail,” laoidh a tha aithnichte san eilean:

’S an Criosdaidh còir a fhuair ann i,  
 Gun b’ anrach bha gach ceum  
 Thug e gus a fàgail  
 Aig na h-Eileanan na dhèidh:  
 Gun ghabh e iomadh saothair  
 ’S dha chuid nàimhdean cha do ghèill –  
 Bha tacs a fìor ri ghualainn-sa  
 A dh’fhàg gach sligh’ dha rèidh.<sup>824</sup>

’S e dìreach aon eisimpleir an seo: bha sagairt a’ strì airson còraichean muinntir nan eilean ann an iomadach suidheachd thairis air na bliadhnaichean. Anns a’ chunntas aige air fèin-ìobairt Mhgr Sheòrais Rigg, chuir Pòl MacCaluim mar seo e:

Bha na sagairt an uair sin, bha iad nan dotairean, bha iad nan dotairean – lighichean. Bha iad nan sgoilearan, neach-teagaisg, *social workers*, poileas, bha iad a h-uile sìon. Agus bha na daoine – bha modh aca air na sagairt air sàilleabh ’s gun robh iad a’ dèanamh rudan dhaibh. Fhios agad – bha iad a’ seasamh dha na daoine. Chan e, chan e mar a – aig a’ bhaile mhòr idir. Bha na sagairt a’ seasamh suas dha na daoine agus a’ dol an aghaidh ana-cheartas sam bith a bha a’ dol.<sup>825</sup>

Tha seo a’ fosgladh na ceist a bheil cuideam a bharrachd air an dreuchd aig sagairt nan eilean a bhith a’ seasamh ri nàimhdean saoghalta na coimhearsnachd air fàs nas cudromaiche fhad ’s nach eil an aon cuideam ga chur air cumhachdan os-nàdarra ann an cultar coitcheann na 20mh linn agus na 21mh linn. A bharrachd air seo, tha ceistean rim faighneachd a bheil ìomhaigh sagart nan Eilean air atharrachadh ann an sùilean muinntir nan Eilean fhad ’s a tha cothroman foghlaim air fàs agus iad fhèin nan sgoilearan, dotairean agus nan luchd-teagaisg.<sup>826</sup>

<sup>824</sup> “Laoidh Statue Ruaidheabhail,” *Chì Mi*, 354-359.

<sup>825</sup> Pòl MacCaluim, 16.07.2021.

<sup>826</sup> Tha sagairt nan Eilean air a bhith gu mòr an sàs ann an iomairtean gus seirbheasan poblach agus inbhe bheatha nan Eilean a leasachadh san 50 bliadhna mu dheireadh agus b’ fhiach an obair luachmhor seo a chomharrachadh air taobh a-muigh chrìochan an tràchdais seo. Mar eisimpleir, bha

## 6.12 Co-dhùnadh

Chunnacas anns a' chaibideil seo mar a tha ìomhaigh an t-sagairt ann an seanchas nan Eileanan Siar a' taisbeanadh luachan na h-Eaglaise Chaitligich san fharsaingeachd le bhith a' sealltainn mar a tha na cumhachdan aig sagairt coltach ris na cumhachdan aig Crìosda agus na naomhan, agus luachan ionadail le bhith a' cur cuideam air sagairt eachdraidheil mar daoine neartmhor is eirmseach. Tha coltas ann gum mair seanchas air sagairt ionadail nuair a tha an seanchas sin a' freagairt ri seanchas a tha aithniche sa choimhearsnachd mar-thà, agus nuair a tha an seanchas seo ceangailte ri "lieux de mémoire" mar àitichean aithnichte ann an cruth-tìre nan Eilean. Tha seanchas air cuid de shagairt glè sheasmhach agus beò ann an cuimhne cuid sa choimhearsnachd gus an latha an-diugh.



## Caibideil 7: Seanchas Apocraphach<sup>827</sup>

Tha roinn de sgeulachdan ann an seanchas nan Gàidheal a tha a’ buntainn ris a’ chreideamh Chrìosdail, stèidhichte air pearsachan agus tachartasan às a’ Bhìoball. Tha seanchas dhen t-seòrsa seo air a bhith pailt sna h-Eileanan Siar mu dheas agus na fheart de chràbhachd ionadail anns na coimhearsnachdan Caitligeach seo.

Nì a’ chaibideil seo sgrùdadh air seanchas apocraphach ann am beul-aithris nan Eilean Siar le bhith a’ toirt sùil air corra eisimpleir de sgeulachdan a chaidh a chlàradh aig deireadh na 19mh linn agus san 20mh linn. ’S e sgeulachdan eiteòlach a th’ anns na sgeulachdan seo anns am bi beòthaichean a’ nochdadh, a bhios ag innse mar a thàinig beòthaichean gu bhith, air neo mar a fhuair iad feart sònraichte. Gheibhear iomadh sgeulachd mar seo a chaidh a chruinneachadh ann an Alba san fhiceadamh linn. Mar eisimpleir, gheibhear an sgeulachd “Mar a Chruthaichheadh an Cat” le Crìosda na ghille òg ann an taigh-saorsainneachd Naoimh Eòsaiph aig Annag Niclain à Barraigh (Anna Aonghais Chaluim, 1890-1963);<sup>828</sup> agus seanchas à Sealtainn a chruinnich Calum MacGilleathain aig Brucie Henderson (1891-1977) air mar a fhuair am fitheach am fios aige le bhith ag itealaich os cionn uaigh Chrìosda.<sup>829</sup> Tha cuideachd sgeulachdan eiteòlach anns a bheil naomhan a’ nochdadh. Ann an Caibideil 6, chaidh iomradh a dhèanamh air sgeulachdan mu Chalum Cille a’ mallachadh na leòbaige, ga fàgail le beul cam.

Tha an seanchas seo cudromach dhan dealbh a tha an tràchdas seo a’ dèanamh air creideamh agus dualchas nan Gàidheal sna h-Eileanan Siar mu dheas air sàilleabh ’s gu bheilear a’ creidsinn gum faighear an seòrsa seanchais seo cha mhòr ann an coimhearsnachdan Caitligeach a-mhàin. ’S e am beachd cumanta gun gabhadh buill nan coimhearsnachdan Caitligeach ris na sgeulachdan seo mar phàirt dhen tuigse aca air an t-saoghal mu thimcheall orra ann an solas a’ chreideimh aca. An taca ri seo,

---

<sup>827</sup> Nochd dreach dhen chaibideil seo ann an clò mar Kathleen Reddy, “Betraying Beetles and Guarding Geese: Animal Apocrypha in Scottish and Nova Scotian Gaelic Folklore,” ann an *North American Gaels*, deas. Natasha Sumner agus Aidan Doyle (2020), 400-423. Nochd cuid de na h-eisimpleirean agus beachdan seo an toiseach ann an aiste a sgrìobh an t-ùghdar mar phàirt dhen phrògram MRes ann an Ceiltis is Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu, airson a’ chursa GAELIC4041.

<sup>828</sup> Annag Niclain, “Mar a Chruthaichheadh an Cat,” *Béaloideas* 2, No. 2 (1929): 210.

<sup>829</sup> Brucie Henderson, “Legend of how the raven gained its knowledge,” TanD, SA1955.99.4, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/31909?l=gd>.

thathar a’ creidsinn nach robh sgeulachdan dhen t-seòrsa seo air an cumail ann an coimhearsnachdan Pròstanach, far nach cuirear luach air gnothaichean ceangailte ri creideamh nach tàinig bho Sgrìobtair fhèin. Anns a’ chaibideil seo, chithear gu bheil beachdan mu chreideamh ann an coimhearsnachdan nan Eilean air buaidh a thoirt air mar a bhiodh an dà chuid luchd-cruinneachaidh agus na seanchaidhean fhèin a’ dèiligeadh ris na sgeulachdan seo. Cuideachd, cuiridh a’ chaibideil seo gu deuchainn am beachd gur e seanchas a bhios a’ buntainn ri coimhearsnachdan Caitligeach a-mhàin a tha anns na sgeulachdan seo. Tron sgrùdadh seo, chithear gu bheil an dòigh anns am bithear a’ dèiligeadh ri seanchas apocraphach ann an coimhearsnachdan Caitligeach agus Pròstanach iomadh-fhillte, gu h-àraid a thaobh ciamar a bhios buill nan coimhearsnachdan agus na seanchaidhean fhèin a’ coimhead air an t-seanchas seo. Coltach ris na cuspairean eile air an tugar sùil san tràchdas seo mar-thà, dh’fhaodar an seanchas seo fhaicinn mar làcas no “lieu de mémoire” eile far a bheil luachan na coimhearsnachd air an taisbeanadh, agus far a bheil cumhachdan bho thaobh a-muigh agus taobh a-staigh na coimhearsnachd ionadail air buaidh a thoirt air an t-seanchas fhèin. A bharrachd air seo, chì sinn sa chaibideil seo mar a chuireas muinntir nan Eilean Siar beachdan mun chreideamh aca fhèin an cèill tron t-seanchas seo bhon 19mh linn gus an latha an-diugh.

### 7.1 Sgeulachdan eiteòlach

Gu tric, gheibhear eilemaidean eiteòlach ann an seanchas apocraphach. Mar a bhios an t-eòlaiche foghlaim chreideimh, Marion Bowman a’ mìneachadh, “Their attraction lies in using a biblical setting ingeniously and explaining familiar aspects of human behaviour or the natural world.” Mar as àbhaist, tha breitheanas moralta an sàs ann an seo.<sup>830</sup> Mar seo, chan eil an seanchas apocraphach a chaidh a chruinneachadh anns na h-Eileanan san 19mh linn gus an latha an-diugh às an àbhaist. Gheibhear ann am mòran de na sgeulachdan seo beòthaichean a bhios a’ toirt cobhair do Chrìosda, air neo a’ cur chnapan-starra na rathad nuair a bhios e a’ teicheadh bho na h-ùghdarrasan. Tha taobh moralta dha na tachartasan seo agus tha buaidh fhaicsinneach annta a bhios a’ leantainn fad ùine mhòir. Mar a chithear anns na sgeulachdan gu h-ìseal, tha an dòigh

---

<sup>830</sup> Marion Bowman, “Folk Religion in Newfoundland,” *London Journal of Canadian Studies* 9 (1993): 91, 93. Faic Francis Lee Utley, “The Bible of the Folk,” *California Folklore Quarterly* 4, no. 1 (1945): 12.

a bhios na beòthaichean a' cuideachdadh air neo a' cur bacadh air Crìosda a' toirt buaidh air coltas an cuid sliochd gus an latha an-diugh.

Tha Dáithí Ó hÓgáin a' cur cuideam air a' chàirdeas eadar Crìosda agus an saoghal nàdarra ann an seanchas apocraphach:

Folklore tends to reflect philosophical ideas in its own physical way. Thus the Christian theory of history, which has the birth of Jesus ushering in a new era, gives rise in European folklore generally to the notion that the physical and cultural environment was reshaped in many ways during the life of the Saviour.<sup>831</sup>

Gheibhear an t-aon cheangal ris an t-saoghal nàdarra ann an *exempla* bho na meadhan-aoisean. Bha na sgeulachdan seo air an cleachdadh ann an searmonan, agus bha iad air an sgaoileadh air feadh na Roinn Eòrpa le òrdan cràbhaidh rè nam meadhan-aoisean. Tha Iain Seathach a' sgrìobhadh air a' cheangal eadar na sgeulachdan moralta seo, a bhiodh a' tarraing air creideamh, agus beul-aithris apocraphach san latha an-diugh.<sup>832</sup> Tha esan a' cumail a-mach gun tàinig cuid de sheanachas apocraphach nan Gàidheal bho Èirinn dhan Ghàidhealtachd as dèidh àm an Ath-Leasachaidh.<sup>833</sup> A bharrachd air sin, bha *exempla* air an cleachdadh leis na bàird chlasaigeach ann an Èirinn agus Alba ron Ath-Leasachadh. Mar eisimpleir, tha Sim Innes a' dearbhadh gun robh an t-iomradh air a' bhuain aithghearr (*instantaneous harvest*) anns an dàn Ghàidhlig Chlasaigeach "Fuigheall beannacht brú Mhuire" bho Leabhar Dheadhan Lios Mhòir a' dol air ais co-dhiù dhan treas linn deug.<sup>834</sup> Tha an aon mhìorbhailt ri fhaighinn ann an iomadh tionndadh dhen sgeulachd apocraphach mu Chrìosda agus na meanbh-bhiastagan air an toirear sùil gu h-ìseal. Mar sin, tha an fhianais seo, a bhios a' cur air adhart gun robh seanchas apocraphach dhen leithid seo ri fhaighinn air a' Ghàidhealtachd ron Ath-Leasachadh agus às a

---

<sup>831</sup> Dáithí Ó hÓgáin, *The Lore of Ireland* (2006), 299-300.

<sup>832</sup> John Shaw, "Dà Exempla à Ceap Breatainn," ann an *Atlantic Currents*, deas. B. Almqvist, L. MacMathuna, S. MacMathuna, S. Watson, C. MacCarthaigh (2012), 115.

<sup>833</sup> John Shaw, "Sgeulachd a' Chait Bhig 's a Chait Mhóir," *Scottish Studies* 30 (1991): 101-3; Shaw, "Dà Exempla," 116.

<sup>834</sup> Innes, "Cràbhachd," 139-47. Lambert McKenna S.J., *Aithdioghluim Dána*, Vol. 2 (1940), 112.

dhèidh, a' cur mu ar sùilean gu bheil seachas apocraphach air a bhith stèidhichte ann am beul-aithris nan Gàidheal Albannach fad ùine mhòir.

## 7.2 “Chaidh Mac Dè seachad an-dè”

Chan eil e doirbh seachas apocraphach a lorg am measg beul-aithris a chaidh a chlàradh sna h-Eileanan Siar san 19mh linn agus san 20mh linn. Chlàraich an neach-cruinneachaidh Ealasaid Nic na Ceàrdaich (Lisa Storey, 1935- ) co-dhiù dà thionndadh de sgeulachd apocraphach ann am Barraigh agus Bhatarsaigh ann am meadhan na 20mh linn mu dhà sheòrsa daolaig agus mar a thachair iad ri Crìosda agus esan a' teicheadh bho na h-ùghdarrasan. Fhuair i an tionndadh gu h-iseal aig a' bhana-sheanchaidh aithichte, Nan NicFhionghain:

Bhiodh iad ag ràdh, uaireigin dhen t-saoghal, gun robh bruidhinn aig a h-uile creutair. Agus nuair a bhathar an tòir air Crìosda, an fheadhainn a bha a' falbh, chan fhaiceadh iad e, thachair iad air daol a' seo, agus ceàrr-dubhan. Agus dh'fhaighneachd iad am faca iad Mac Dè.

'S thuirt an daol, “An-dè, dè,” ars' e fhèin. “Chaidh Mac Dè seachad.”

'S thuirt an ceàrr-dubhan, is e a' freagairt, “Fhichead latha gus an-dè, chaidh Mac Dè seachad.”

Is bha iad ag ràdh, ged a gheibheadh duine ceàrr-dubhan, nach eil còir aige ri mharbhadh idir. Ach air an... cur air a dhruim dìreach, air tàilleabh 's nach do bhrath e Crìosda. Ach air tàilleabh 's gun do bhrath an daol Crìosda, tha iad ag ràdh gum bu chòir dhut a marbhadh.<sup>835</sup>

Chlàraich Nic na Ceàrdaich tionndadh eile dhen aon sgeulachd aig Ceit NicIllòsa (Ceit Mhìcheil Fhionnlaigh, 1891-1979) ann an 1962. Coltach ri NicFhionghain, rugadh i ann am Barraigh ach chaidh a togail ann am Bhatarsaigh.<sup>836</sup> Tha diofar ann anns an tionndadh seo: 's e an ceàrr-dubhan a bhios a' brath Chrìosda agus 's e a' chaille-chòsag a tha dìleas dha. Anns an tionndadh seo, gheibhear cuideachd bàrr a' fàs gu h-aithghearr gus Crìosda fhalach, motif a tha ri fhaighinn san dàn Ghàidhlig Chlasaigeach, “Fuigheall beannacht brú Mhoire” agus ann an tionndaidean eile dhen sgeulachd seo, mar a chithear nas fhaide air adhart. Seo an sgeulachd mar a bha i aig NicIllòsa:

<sup>835</sup> Nan NicFhionghain, “Mar a Ghèidh an Ceàrr-Dubhan Crìosta Nuair a Bhrath Daol E,” TanD, SA1965.18.B4, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/53992?!=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

<sup>836</sup> “Kate Gillies,” TanD, <https://www.tobarandualchais.co.uk/person/3135?!=ga>.

Cha toil le duine sam bith an ceàrr-dubhan, agus gu h-àraid airson dè bhathar a ràdh ris nuair a bha cainnt aig a h-uile creutair. Nuair a bha iad an tòir air Crìosda, bha e a' falbh an latha a bha seo, agus bha e a' dol seachad air feadhainn a bha a' cur talmhann aig taobh an rathaid.

Agus thuirt e riutha, "Ma chì sibh duine a' tighinn air mo thòir-sa," ors' esan, "Canaidh sibh riutha, gum faca sibh mo choltas a' dol seachad an latha a bha sibh a' cur an talmhann-sa. Agus a-màireach, nuair a thig sibh," ors' esan, "Bidh fochann air."

Seo mar a bha. Thàinig iad an làrna-mhàireach agus bha fochann air an talamh. Agus thàinig an luchd-brath. 'S dh'fhaighneachd iad dha na daoine a bh' aig an talamh, am faca iad coltas Chrìosda a' dol seachad. Agus thuirt na daoine gum faca, an latha a bha sinn a' cur an talmhann-sa.

Is fhreagair an ceàrr-dubhan, is thuirt e, "An-dè, an-dè," thuirt esan, "a chaidh Mac Dè seachad."

Is thuirt a' chaille-chòsag, "Trì Dihaoine an deoghaidh a chèile, cuimhnich ort fhèin an-dè, a bhradag."

Is an uair sin, cha toil le daoine an ceàrr-dubhan.<sup>837</sup>

A bharrachd air a bhith ri cluinntinn ann am Barraigh agus Bhatarsaigh san 20mh linn, tha coltas gun robh an sgeulachd mu Chrìosda agus na daolagan aithnichte ann an Uibhist aig deireadh na 19mh linn. Fhuair Mgr Ailein Dòmhnallach an tionndadh seo, 's dòcha ann am paraiste Dhalabroig, Uibhist a Deas, ann an 1887.<sup>838</sup>

It is said that the beetle (daol) tried to betray our Lord in his flight to Egypt. Herod's men were in pursuit of him and came to Egypt and were enquiring of the people if they had observed the Holy Family pass by that way. The person particularly addressed said he observed a group pass that would correspond to the description given. Being further asked when they had passed. He replied that they passed when the corn which was now yellow in his field had been sown. The seed had been sown only the previous day, but a miracle had been wrought in favour of the owner of the field on account of some kindness shown to the Holy family. As the soldiers were departing on the furtherance of their search a black beetle crept across the path & said "An dè, an dè, chaidh Mac Dhè seachad." The sharded beetle called "Ceardobhan" with less regard for truth than for charity said "Briag, Briag, a bhradaig! Seachd bliadhna thun an dè chaidh Mac De seachad."<sup>839</sup> The daol is universally detested and trampled to death when seen, but the "ceardobhan" is a favourite.<sup>840</sup>

<sup>837</sup> Kate Gillies, "Ìosa Crìosda agus an ceàrd-dubhan," TanD, SA1962.06.A18b, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/19803?l=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

<sup>838</sup> Nithear tomhas air cuin agus càit an deach an sgeulachd a chruinneachadh bho na stuthan a tha mu thimcheall oirre ann an leabhar-notaichean Mhgr Ailein. Air an dà dhuilleag roimhe, gheibhear an dàn spioradail "Duan an Dòmhnach," a chaidh a chruinneachadh ann an 1887 bho "Mrs McCormack" à Taobh Tuath Loch Bhaghasdail. EUL CW 58A, 18v-19r, Àireamh 70. Às deidh na sgeulachd mu Chrìosda agus na daolagan, gheibhear beannachdan a chaidh a chruinneachadh ann an Smeircleith, Uibhist a Deas ann an 1887. EUL CW 58A, 20r, Àireamh 74.

<sup>839</sup> Tha Mgr Ailein a' cur tionndadh eile dhen loidhne seo ann cuideachd: "Tri di-haoine an deigh cheile, cuimhnich an de a bhradag." EUL CW 58A, 19v, Àireamh 73.

<sup>840</sup> EUL CW 58A, 19v, Àireamh 73.

Tha an tionndadh seo a chruinnich Mgr Ailein a’ sealltainn nach do dh’atharraich dreach na sgeulachd seo am measg muinntir nan Eilean eadar deireadh na naoidheimh linn deug agus meadhan na 20mh linn, nuair a chaidh na tionndaidhean aig NicFhionghain agus NicIllòsa a chlàradh.

Fhuair Alasdair MacGilleMhìcheil seachas ceangailte ris an sgeulachd seo sna h-Eileanan Siar. Ann an *Carmina Gadelica* 2, gheibhear tionndadh dhen sgeulachd agus am fiosrachadh: “there are many curious legends and beliefs current in the Isles about the ‘ceàrr-dubhan,’ or sacred beetle.” Ma dh’fhaodte gur e fianais a tha seo gun tàinig an tionndadh aigesan dhen sgeulachd bho roinn de thobraichean.<sup>841</sup> Bidh e an uair sin a’ toirt seachad dàn air a bheil “Duan na Daol.” Anns an dàn seo, bidh an ceàrr-dubhan a’ glèidheadh Chrìosda agus ’s e an daol (“black beetle” sa Bheurla, a rèir MhicGilleMhìcheil) a bhios ga brath.<sup>842</sup> Gheibhear beachd eile air a’ cheàrr-dubhan, ge-tà, anns na notaichean san aon leabhar. Tha MacGilleMhìcheil a’ toirt seachad seanfhacal: “Co ard ’s gu’n seol an ceàrr-dubhan, / Is ann ’s a ghlar a thuiteas e.”<sup>843</sup>

Anns an liosta aig MacGilleMhìcheil dhe na tobraichean aige, gheibhear fios gur e “Aonas Iain MacRury, Calf-herd, Scolpaig, North Uist” a thug seachad “Duan nan Daol.”<sup>844</sup> Tha dà dhàn eile rim faighinn às dèidh a’ chiad “Duan nan Daol” cuideachd:

<sup>841</sup> Carmichael, *CG* 2, 188. Mar a chaidh a thogail ann an Caibideil 4, tha ceistean ann mun uiread de dh’earbsa a dh’fhaodar a chur anns an t-seachas ann an *CG*. Faic Black, “I Thought He Made It All Up,” 57-81.

<sup>842</sup> Carmichael, *CG* 2, 188-91. Fhuair MacGilleMhìcheil fianais a thaobh creideimh ann am Barraigh air a’ bhuaidh a dh’fhaodadh a bhith aig marbhadh dhaolagan air ceann-uidhe mhaireannach dhaoine. Ann an nota bho 1901, sgrìobh MacGilleMhìcheil, “boys from the Isle of Barra/Barraigh believe that if they take ‘nine nines of heads’ off a beetle then they will not go to ‘the aite s miosa [the worst place, i.e. Hell] with teeth.’” Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhatair, EUL Coll-97/CW110/35, 14r, [https://archives.collections.ed.ac.uk/repositories/2/archival\\_objects/142663](https://archives.collections.ed.ac.uk/repositories/2/archival_objects/142663).

<sup>843</sup> Carmichael, *CG* 2, 243. Gheibhear an seanfhacal seo ann an Uibhist a Deas gus an latha an-diugh agus e aig Pòl MacCaluim: “Cho àrd ’s gun seòl an ceàrr-dubhan, ’s ann anns a’ chac a thuiteas e.” ’S e an t-eadar-theangachadh a th’ aig MacCaluim, “No matter how high the horsefly flies, it will fall in the dung.” 18.07.2021.

<sup>844</sup> Carmichael, *CG* 2, 349. Ged as ann à Uibhist a Tuath a bha am fear seo, a rèir choltais, chan e cinneadh Pròstanach air neo Caitligeach a th’ ann an MacRury / MacRuairidh. Ann an clàraidhean paraiste bho 1820-1855 ann an Uibhist a Tuath, Beinn a’ Bhaoghla agus Uibhist a Deas, ’s ann ann an eaglaisean Pròstanach a bha a’ mhòrchuid de phòsaidean agus MacRury / MacRuairidh air fear no bean na bainne. Ach bha triùir air an robh MacRury / MacRuairidh bho Thorlum, Beinn a’ Bhaoghla a phòs ann an Àrd Choinnich, paraiste Chaitligeach ann an Uibhist a Deas, rè na h-ùine seo. Bill Lawson, *Index to the Marriages in the Parish of South Uist 1820-1855* (1995), 32; *Index to the Marriages in the Parish of North Uist 1820-1855* (1998), 19.

dreach eile dhen aon dàn air a bheil an t-aon ainm agus fear air a bheil “Duan an Daoil.”<sup>845</sup> ‘S ann bho “Mòr Mackay, Cottar, Isl. of Heisgeir nan Cailleach, North Uist” a fhuair MacGilleMhìcheil an dàrna “Duan nan Daol”<sup>846</sup> agus bho “Annie Mackay, Crofter’s Daughter, Melness, Sutherland” a fhuair e “Duan an Daoil.”<sup>847</sup> Mas urrainnear earbsa a chur anns an fhiosrachadh seo,<sup>848</sup> chaidh a h-uile gin de na dàin seo a chruinneachadh bho dhaoine a bha a’ fuireach ann an sgìrean Pròstanach agus mar sin, coltas ann gur e Pròstanaich a bh’ annta. Tha an fhianais seo a’ seasamh an aghaidh na bha MacGilleMhìcheil a’ cumail a-mach mun duilgheadas a thaobh a bhith a’ cruinneachadh seachas ann an sgìrean Pròstanach, air sàilleabh ’s nach cuirear luach air an leithid anns na sgìrean seo.<sup>849</sup> Mar sin, tha coltas ann nach robh an sgaradh eadar sgìrean Caitligeach agus sgìrean Pròstanach a thaobh seachas apocraphach cho comharraichte ’s a bha dùil.

A bharrachd air a bhith ri fhaighinn ann an diofar sgìrean dhen Ghàidhealtachd, tha an sgeulachd mu Chrìosda agus na daolagan na sgeulachd eadar-nàiseanta, le ceanglaichean gu sònraichte teann ri Èirinn.<sup>850</sup> A thuilleadh air a’ bhuain aithghearr mar mhoitif ann am bàrdachd Èireannach às na meadhan-aoisean agus tùs eaglaiseil Èireannach a dh’fhaodadh a bhith aice, mar a tha Iain Seathach a’ cumail a-mach, tha an sgeulachd mu Chrìosda agus na daolagan air a bhith ga cruinneachadh, cha mhòr facal air an fhacal, le eòlaichean beul-aithris ann an Èirinn.<sup>851</sup>

---

<sup>845</sup> Carmichael, *CG* 2, 192-193.

<sup>846</sup> Carmichael, *CG* 2, 349.

<sup>847</sup> Carmichael, *CG* 2, 349.

<sup>848</sup> Cha robh sgeul air na dàin no na daoine seo sna pàipearan aig MacGilleMhìcheil a bha rim faighinn air làrach-lìn Oilthigh Dhùn Èideann, Pròiseact MhicGilleMhìcheil MhicBhatair, <http://lac-cw-dev.is.ed.ac.uk/cwatson/gd>. Ceangal a-nist marbh. (2023)

<sup>849</sup> Gheibhear eisimpleir dhen bheachd seo aig MacGilleMhìcheil ann an cunntas mu na dùbhlain a bh’ aige nuair a bha e a’ cruinneachadh beul-aithris ann an sgìre Nis ann an ceann a tuath Leòdhais: “It was with extreme difficulty that I could obtain any information on the subject of my inquiry, because it related to the foolish past rather than to the sedate present, to the secular affairs rather than to the religious life of the people.” *CG* 1, xxxiii.

<sup>850</sup> Faic ATU 750E, “The Flight into Egypt,” a tha a’ tighinn fon t-seòrsa sgeulachd “God Rewards and Punishes.” Gheibhear iomradh air an daolag mar bhrathadair an Teaghlaich Naoimh, agus iomraidhean air tionndaidhean eile dhen sgeulachd a fhuaras ann an sgìrean air feadh na Roinn Eòrpa agus diofar sheorsaichean creutairean agus dhaoine mar cuidichearan agus brathadairean. Hans-Jörg Uther, *The Types of International Folktales*, Vol. 1 (2004), 399-400.

<sup>851</sup> Faic Letitia M’Clintock, “Beasts, Birds, and Insects in Irish Folk-lore,” *The Eclectic Magazine of Foreign Literature, Science and Art* 31, No. 1 (1880): 78-89. Tha cha mhòr an aon sgeulachd apocraphach aig Seán Ó Súilleabháin, air a chruinneachadh ann an Acaill, Maigh Eò, anns a bheil meabh-bhiastagan agus fàs arbhair mhiobhaileach. ‘S e am *priompallán* a bhios a’ cuideachadh

Ma dh'fhaodte gu bheil na ceanglaichean seo ag adhbharachadh cho cumanta 's a tha an sgeulachd seo ann an coimhearsnachdan nan Gàidheal Caitligeach, far a bheil ceangal comharraichte ann ri *exempla* bho na meadhan-aoisean agus seachas cràbhaidh bho Èirinn. A dh'aindeoin seo, fhuaras sgeulachd coltach ri seo am measg nam Pròstanach ann an Uibhist a Tuath, agus tha seo a' sealltainn gun robh co-dhiù faileasan dhen t-seòrsa sgeulachdan seo maireannach ann an aon choimhearsnachd Ghàidhealach Phròstanach, co-dhiù a bha seachas mar seo ga mheasadh "Caitligeach" gus nach eil.

### 7.3 Crìosda agus na cearcan

Fhuaras sgeulachd apocraphach eiteòlach mu chreutairean (eòin-taighe an seo) a' dèanamh cobhair air agus a' brath Chrìosda bho sheanchaidhean Caitligeach agus Pròstanach ann an Ceap Breatainn agus ann an Uibhist a Tuath san 20mh linn. Bho bhith a' coimhead air na tionndaidean seo, tha e follaiseach gum feumar teagamh a chur anns na thathas a' creidsinn mun diofar eadar coimhearsnachdan Caitligeach is Pròstanach nuair a thig e gu sgeulachdan apocraphach.

Fhuair neach-cruinneachaidh Sgoil Eòlais na h-Alba Aonghas Iain Dòmhnallach tionndadh dhen sgeulachd seo aig Ruaraidh Dòmhnallach (Ruairidh na Càrnaich, 1883-1970), bhon Chàrnach, Uibhist a Tuath, na choimhearsnachd Phròstanach.<sup>852</sup> 'S e bàrd

---

Chrìosda san tionndadh seo agus an *ciaróg* agus an *deargdaol* a bhios ga brath. "Scealta Cràibhtheacha," *Béaloideas* 21 (1951-1952), 21-22, 285. Tha Ó Súilleabháin cuideachd a' cumail amach gu bheil an sgeulachd seo cumanta ann an Èirinn agus ann an dùthchannan eile san Roinn Eòrpa. *Miraculous Plenty* (2011), 255. A rèir Anthony Swindell, tha cleachdadh ionadail à Sasainn ceangailte ris an t-seòrsa sgeulachd seo: "In Derbyshire, the killing of the devil's-head beetle is adjured, as it was the creature that betrayed Jesus' whereabouts in the garden to Judas." "British and Irish," ann an *The Bible in Folklore Worldwide*, deas. Eric Ziolkowski (2017), 190. Fhuair Swindell am fiosrachadh seo bho R.C. Hope, "Some Derbyshire Proverbs and Sayings," *Folk-Lore Journal* 2, No. 9 (1884): 280. Tha an ceangal eadar Crìosda agus ann ceàrr-dubhan no *scarab beetle* ann an sgrìobhaidhean bho linntean tràtha Chrìostaidheachd a' sealltainn gum faodadh freuman sgeulachd Chrìosda agus nan daolagan a bhith ann an seachas Chrìostaidheachd tràth. A rèir Yves Cambefort, bha sgrìobhadairean mar Naomh Ambrose (c.340-397) agus Naomh Augustine (354-430) a' cur air adhart gur e ìomhaigh Chrìosda a bh' anns an ceàrr-dubhan fhèin, stèidhichte air Habacuc 2:11 san t-Seann Tiomnadh Ghreugais (Septuagint): "For the stone shall cry out of the wall, and the beetle out of the timber shall answer it." "Beetles as Religious Symbols," *Cultural Entomology Digest* 2 (Feb 1994).

<sup>852</sup> Angus John MacDonald, "Crìosda 's na Cearcan 's na Tunnagan," *Tocher* 1 (Spring 1971): 14-15.



ionadail a bh' ann an athair Ruairidh, Aonghas Dòmhnallach (Aonghas na Càrnaich). 'S e taigh-cèilidh aithnichte a bh' ann an taigh Aonghais agus thigeadh nàbaidhean a chèilidh air gu tric.<sup>853</sup> Mar a sgrìobhas Linda NicLeòid mu Ruairidh Dòmhnallach: “Bho aois uabhasach òg, fhuair e oideachadh prìseil ann an Gàidhlig gu làitheil tro bheul-aithris, ann an iomadach sgìl agus cuspair, eadar an dachaigh, an cèilidh agus a' chroit sa Càrnaich.” Ged nach robh làn chomas leughadh agus sgrìobhadh na Gàidhlig aig Dòmhnallach, rachadh aige air am Bioball Gàidhlig a leughadh. Coltach ri athair, 's e bàrd a bh' ann, a rinn iomadh òran. 'S e seanchaidh cliùteach a bh' ann cuideachd. Bha roinn de sgeulachdan os-nàdarra aige agus tha coltas ann gun robh e a' creidsinn anns an droch shùil agus an dà shealladh.<sup>854</sup>

Anns an tionndadh dhen sgeulachd mu Chrìosda agus na cearcan aig Ruairidh Dòmhnallach, tha Crìosda na inbheach agus saighdearan Ròmanach air a thòir:

Chuala sibh mu dhèidhinn sgeulachdan faoine seanna bhan agus seo té dhiùbh dhuibh. Bha na saighdeirein Ròmanach air tòir Chrìosda aig an ám a bha seo agus a h-uile h-àite thigeadh iad air cha robh ach – “An fhaca sibh colas Mac Dhé a' dol seachad ann a sheo?” Cha robh duine ann a dh'innseadh an fhirinn dhaibh agus chanadh a chuid bu mhutha nach fhaca no 's dòcha gu faca bha chionn seachduinn ged a bhiodh E air a bhi ann an dé. Ràinig Crìosd an latha bha seo daoine a bha càthadh shìl agus dh'innis e dhiùbh gu robh na saighdeirein Ròmanach air a thòir 's gun iad fad air deireadh air. “O gu ta,” ars àsan, “cha'n fhaigh iad thu air an turus seo idir,” agus chuir iad e 'na shìneadh air a bheul fodha agus thòisich iad air càthadh an t-sìl air uachdar.

Bha tòrr mór bireach de shìol air a mhullach ar a thàinig na saighdeirein 'sa dh'fhaighneachd iad, “Am faca sibh Mac Dhé a' dol seachad ann a sheo?” “Chunnaic,” ars àsan, “tha trì Diar-daoine as déigh a chéile bho chaidh Mac Dhé seachad.” Thàinig a seo na tunnagan is thòisich iad air ith' an t-sìl aig iomall an tòir ach thàinig an uair-sean na cearcan is ghabh iad dìreach a mhuallach an tòir is thòisich iad ri sgapadh le'n casan. Bha iad a sìor sgapadh is eagal mòr air na daoine gu nochdadh iad Crìosda fo shùilean na saighdeirein ach mu dheireadh dh'fhalbh iad agus shàbhail Crìosda 's cha robh an còrr ann. Tha e coltach gu d' thàinig peanaist air na cearcan airson cho faisg 's a chaidh iad air Crìosda a chuir an làmhan a dhearg nàmhaid an lath' ud. 'S e 'n pheanaiste sean gun drùdhadh gach meal a thigeadh as an adhar orra, ach chon

<sup>853</sup> Linda NicLeòid, “Ruairidh na Càrnaich (1883-1970),” Seanchas Gaelic Jukebox Blog, DASG, 26.04.2016, <https://dasg.ac.uk/seanchas/ruairidh-na-carnaich-1883-1970-seanchaidh-seinneadair-agus-eolaiche-spreidh-ainmeil-a-uibhist-a-tuath-le-linda-nicleoid-uibhist-a-tuathglaschu/>. Ceangal anis marbh (2023). Tha 40 clàraidhean bho Ruairidh na Càrnaich air-loidhne aig Tobar an Dualchais, a' toirt a-steach sgeulachdan, òrain, agus leigheasan. Chaidh na clàraidhean a dhèanamh sna 1950an agus 1960an le Iain MacAonghais gaus Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach aig Sgoil Eòlais na h-Alba. “Roderick MacDonald,” TanD, <https://www.tobarandualchais.co.uk/person/7846?l=gd>.

<sup>854</sup> NicLeòid, “Ruairidh na Càrnaich.”

an latha diugh cha dean na meallan ach sleamhnachadh far itean nan tunnagan 's cha dhrùdh iad idir orra.

Chaidh an sgeulachd seo fhoillseachadh ann an iris Sgoil Eòlais na h-Alba, *Tocher*, le nota nach deach an clàr tùsail a chumail às dèidh dhan tàr-sgrìobhadh a bhith air a dhèanamh.<sup>855</sup>

Ach tha clàr eile de Dhòmhnallach ag innse na h-aon sgeulachd ann an 1958, far a bheil e a' cur na sgeulachd ann an co-theagsa a tha gu math fiosrachail a thaobh bheachdan agus creideamh na coimhearsnachd aige. Anns a' chlàr bho 1958, mun innis e an sgeulachd, bidh Dhòmhnallach ag innse don neach-cruinneachaidh, Iain MacAonghais, ciamar a fhuair e fhèin an sgeulachd an toiseach:

Tha cuimhn' agam, nuair a bha mi na mo ghille bheag, mo sheanmhair, bha i na seann bhoireannach, a-staigh – bha i ma cheithir fichead bliadhna agus a seachd-deug nuair a dh'eug i. Agus bhiodh i a' dèanamh – ag innse cus de stòraidhnean dhuinn, gu h-àraid air feasgar Sàbaid. Bhiodh stòraidhnean beaga aice, agus stòraidhnean a bh' air an toirmeasg leinn, às a' Bhiobla, sgeulachdan faoine sheana-bhean, nach bu chòir a bhith ag èisteachd riutha. Agus chan eil dùil a'm nach innis mi tè dhuibh.<sup>856</sup>

Bidh Dhòmhnallach an uair sin ag innse na sgeulachd, gun diofar mòr ann bhon tionndadh a chaidh a chlàradh ann an 1967, agus cuiridh e crìoch oirre le, “agus sin agad tè dha na sgeulachdan faoine sheana-bhan.”

Chan e rud suarach a th' ann gu bheil Dhòmhnallach a' cur ceann is casan air an sgeulachd le bhith a' cur “sgeulachd faoine sheana-bhean” oirre, an aon rud a chanas e rithe anns a' chlàr bho 1967. Ann an aon sheadh, 's e an fhirinn a th' aige: chuala e an sgeulachd aig a sheanmhair agus ise na seann bhoireannach aig an àm. Ach 's e measadh tàireil air an sgeulachd a th' ann cuideachd, agus faodar faicinn mar dòigh gus astar a chur eadar e fhèin agus an sgeulachd. Chan eil seo na iongnadh agus Dhòmhnallach a' tighinn bho choimhearsnachd Phròstanach. Ach air an dàrna làimh, thug e an sgeulachd seachad do dhithis neach-chruinnichidh aig dà cheann deichead

<sup>855</sup> MacDonald, “Criosda 's na Cearcan 's na Tunnagan,” 14-15.

<sup>856</sup> Roderick MacDonald, “Sgeulachd mu Chrìosda a' falach ann an tòrr sìl,” TanD, SA1958.171.A3, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/79082?l=gd>.

agus tha seo a' sealltainn gum feumadh gun robh e a' cur meas air choireigin san sgeulachd, ged a chanas e, “nach bu chòir a bhith ag èisteachd [rithe].”

Mar a bhithear an dùil, chan eil càirdeas cho toinnte eadar an sgeulachd agus an sgeulaiche nuair a thig e gu tionndadh eile dhen aon sgeulachd a chaidh a chlàradh aig seanchaidh bho choimhearsnachd Ghàidhealach Chaitligeach ann an Ceap Breatainn, Mìcheal MacNìll (Migi Bean Nìlleig Ruairidh Eòin a' Phlant, 1917-1995). Chaidh tionndadh dhen sgeulachd mu Chrìosda agus na cearcan a chruinneachadh bhuaithe le Seumas Watson (1949-2018), agus fhoillseachadh san iris bho Cheap Breatainn *Am Bràighe*.<sup>857</sup> Bha an sgeulachd mar phàirt de sreath de sgeulachdan apocraphach mu bheatha Chrìosda, agus an dà eile, “Uan Dé / Lamb of God” agus “Why the Cow Sighs When It Lays Down” air an innse le Pàdraig MacEacharna (Pàdraig Aonghais Sìne) à Bràigh na h-Aibhne, Cape Breatainn.<sup>858</sup>

Ged as ann à dà thaobh a' Chuain Shiar a bha iad, bho tòrr sa chumantas eadar Dòmhnallach agus MacNìll a thaobh mar a chaidh an oideachadh ann an seachas Gàidhealach agus mar a bha iad air am faicinn mar sheanchaidhean sna coimhearsnachdan aca. 'S ann às a' Chùl Mhòr a bha MacNìll, goirid do chladaichean Loch Bhras d' Or ann am meadhan Eilean Cheap Breatainn. 'S ann à Barraigh a bha a shinnsearan, coltach ris a' mhòr-chuid de na Gàidheil a thùinich san sgìre.<sup>859</sup> Anns an sgìre dhùthchail seo, bha a' mhòr-chuid nan Caitligich, agus iad aithneachail air na freumhan Barrach aca. Mar a sgrìobhas Mìcheal Ceanadach, “These old world regional and religious affiliations were strongly maintained in Cape Breton.”<sup>860</sup> Mar sin, tha e a' dèanamh ciall gun robh seachas nan Eilean Siar mu dheas cumanta ann an sgìre MhicNìll. Tha e cudromach a chomharrachadh gur e Caitligich a bh' anns a' mhòr-chuid dhe na Gàidheil a thuinich ann an Ceap Breatainn bho dheireadh na h-18mh linn gu

<sup>857</sup> Jim Watson, “How the Geese Saved Jesus,” *Am Bràighe* 3, No. 4 (Spring 1996): 25. Chan eil Watson ag innse cuin a chaidh an sgeulachd seo a chlàradh, ach dhèanadh e ciall gur ann sna 1980an no 1990an a bha seo.

<sup>858</sup> Jim Watson, “Three Traditional Gaelic stories about Jesus,” *Am Bràighe* 3, No. 4 (Spring 1996): 24-25.

<sup>859</sup> Jim Watson, “Migi Bean Nìlleig: Mar Chuimhneachan 1917-1995,” *Am Bràighe* 2, No. 4 (Spring 1995): 14-16. Faic Charles Dunn, *Highland Settler* (2003), 25.

<sup>860</sup> Michael Kennedy, *Gaelic Nova Scotia* (2002), 25. Tha Kennedy a' toirt seachad sgeulachd bheag bho Rod C. MacNìll (Ruairidh Mac Iain Sheumais Dhòmhnail Òig Iain Ruairidh) às a' Ghleann Mhòr, faisg air a' Chùl Mhòr. Nuair a thadhail MacNìll air Barraigh a' chiad turas, chaidh fhaighneachd dheth dè cho fad 's a bha e air a bhith air falbh on eilean. Fhreagair e, “Dà cheud bhliadhna.” 131.

meadhan na 19mh linn. 'S ann à Barraigh, Uibhist a Deas, agus fearann Chloinn Raghnaill air tìr-mòr na Gàidhealtachd a bha iad. Thug iad blas Caitligeach air dualchas nan Gàidheal ann an Ceap Breatainn, gu h-àraidh ann an sgìrean mar Shanndraigh, às an robh MacNìll. Ann an 1932, nuair a bha MacNìll 15 agus an ceann a chosnaidh mar-thà, rinn Iain Latharna Caimbeul cruinneachadh beul-aithris agus rannsachadh a thaobh ìre na Gàidhlig ann an sgìre Shanndraigh. Sgrìobh esan gur e Caitligich a bh' ann am muinntir an àite uile agus cha mhòr nach robh Gàidhlig aig a h-uile duine.<sup>861</sup>

Coltach ri Ruairidh Dòmhnallach ann an Uibhist a Tuath, bha MacNìll air aithneachadh mar shàr sheanchaidh a bha mion-eòlach air seachas san sgìre aige fhèin.<sup>862</sup> 'S e an tionnsachadh òg a fhuair MacNìll, agus esan an ceann a chosnaidh às dèidh bàs athar agus a theaghlach an urrachd ris. 'S e fear a' phuist a bh' ann, is mar sin, an àite foghlam sgoile, fhuair e ionnsachadh ann an dualchas Gàidhealach agus esan a' cur seachad ùine còmhla ri seanchaidhean na sgìre agus esan a' cèilidh orra air a rathad.<sup>863</sup> Tha Watson a' mineachadh ciamar a chuireadh MacNìll seanachas ann an co-theagsa feallsanachdail:

For Mickey, all subject matter was connected. Songs couldn't be sung without understanding their stories: dreams, forerunners, spirits, the evil-eye and divination were all based in philosophical explanations and reported on with examples of their significance to everyday life.<sup>864</sup>

A bharrachd air seo, cha b' e an sgeulachd mu Chrìosda agus na geòidh an aon sgeulachd apocraphach aig MacNìll: nochd dhà dhiubh eile, san iris *Am Bràighe* ann an 1998, agus iad fhèin airidh air an tuilleadh rannsachaidh: “An duais a thug Crìosda dha 'n bhoireannach bhoichd” agus “Nuair a rinn Iosa céilidh air Calum Cille.”<sup>865</sup> 'S e seo an tionndadh dhen sgeulachd mu Chrìosda agus na cearcan a chaidh a chlàradh bho MhacNìll:

---

<sup>861</sup> J. L. Campbell, *Songs Remembered in Exile* (1990), 29.

<sup>862</sup> Watson, “Migi Bean Nilleig,” 14. Tha sia pìosan clàraichte aig MacNìll ann an Cruinneachadh Beul-aithris Cheap Breatainn aig Oilthigh Naoimh Fransaigh Xavier, air an clàradh le Iain Seathach. 'S e sgeulachdan agus òrain a th' anna. Is iad clàran 331.3/A, 332/A02, 332/A03, 332.3/A, 333/A02, agus 342/A03. Mo thaing do Natasha Sumner airson an fhiosrachaidh seo.

<sup>863</sup> Watson, “Migi Bean Nilleig,” 14.

<sup>864</sup> Watson, “Migi Bean Nilleig,” 14.

<sup>865</sup> Jim Watson, “Bloigheagan de Sheachas o Migi Bean Nilleig,” *Am Bràighe* 5, no. 3 (Winter 1997): 11, 13.

Mar bu trice, bhiodh ise (Muire) a’ toirt leathse Crìosda, bha e ’na phàisde, ann am bascaid mar gum biodh ’tighinn o ’n stòr. Ach anisd, chuir i (Muire) triop a’ falach e ann an coirce, ’s thàinig na cearcan ’s sgrìob ’iad far a’ robh an coirce ’s leig iad faicinn. Ach dè rinn na geòidh, thàinig ’ad sin anuas ’s sgaoil ’ad an ìtean amach ’s chuir ’ad a’ sin mu chuairt. An fheadhainn a bha lagh aca ’son marbhadh a dhianamh, uell, cha rachadh aca air fhaicinn ’s cha deach Crìosda bho na geòidh.

Uell anisd, a’ rud a chaidh a dhianamh... Dh’fhàg Crìosda seo mar shùileachan. Ged nach tigeadh ach a’ fras a bu shuaraich’ agus a’ chearc – bi i muigh – toisichidh i ruith, ach nuair a bhuaileas beagan dheth oirre, tha i ’stad. ’S ma tha i ’dol a stad an àite sam bith, stadaidh i far am bi an t-uist’ a’ doirteadh oirre. Stadaidh i aig ceann an taighe no fo ’n t-sruth far am bi an t-uiste. Bi i na gioban truagh gu siorraidh nuair a shileas i. Ach gun dug e seo dha na geòidh, ged a bhiodh e air a’ chuan geamhradh no samhradh nach biodh e fluich no fuar.<sup>866</sup>

Ged a tha susbaint na sgeulachd glè choltach ris an tionndadh aig Dòmhnallach, tha eadar-dhealachadh anns a’ cho-theagsa anns am bi an dà sheanchaidh ga cur. Cuiridh Dòmhnallach astar eadar e fhèin agus a choimhearsnachd agus an sgeulachd le bhith a’ cur “sgeulachd fhaoin sheana-bhean” oirre, agus a’ mìneachadh gun robh sgeulachdan dha leithid “toirimisgte” sa choimhearsnachd. An taca ri seo, tha MacNìll a’ dèanamh ceangal eadar cleachdaidhean làitheil sa choimhearsnachd aigesan agus saoghal na sgeulachd le bhith ag innse mar a bha Crìosda mar phàiste ga ghiùlain ann am basgaid “mar gum biodh ’tighinn o ’n stòr.”<sup>867</sup>

Tha an t-eadar-dhealachadh seo, a bharrachd air an t-sealladh a bh’ aig MacNìll air luach dualchas nan Gàidheal, a’ dol leis mar a thathar a’ tuigsinn an diofar eadar seallaidhean coimhearsnachdan Caitligeach agus Pròstanach air seachas Gàidhealach san 19mh linn agus an 20mh linn. Mar chuireas Kennedy seo an cèill:

Where the two churches differed most significantly from the early 19th century on was in the treatment of Gaelic secular culture – the songs, stories, folk beliefs, and most especially, the music and dance pastimes of the Gaels. Regrettably, a vast array of Gaelic tradition was identified as sinful in this era of heightened religious sentiment and very actively discouraged, especially in Protestant communities.<sup>868</sup>

<sup>866</sup> Watson, “How the Geese Saved Jesus,” 25.

<sup>867</sup> Tha cleachdadh seanachais ann an dòigh dà-bharaileach comarraichte ann an àitichean eile. Mar eisimpleir, faic an sgrùdadh aig Joan Radner air an sgeulachd “The Woman who went to Hell” mar a chaidh a h-innse leis a’ bhana-sheanchaidh chliùteach, Peig Sayers agus a mhac Michael, a bhios a’ sealltainn gum faodadh dà theachdaireachd an ceart-aghaidh a chèile fhaighinn às an aon sgeulachd, a rèir cò tha ga h-innse. “The Woman Who Went to Hell,” *Midwestern Folklore* 15 (1989): 112.

<sup>868</sup> Kennedy, *Gaelic Nova Scotia*, 126.

A dh'aindeoin seo, tha tionndadh eile dhen sgeulachd mu Chrìosda agus na daolagan a' sealltainn nach gabhadh Gàidheil Chaitligeach is Phròstanach daonnan ris an sgaradh seo anns na beachdan aca air sgeulachdan apocraphach. Ann an clàradh de Dhòmhnall MacAonghais (1880-1956)<sup>869</sup> à Ceann a Deas Ghleann Dail, Uibhist a Deas, air a dhèanamh le Calum MacGilleathain aig Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1953, thathar a' bruidhinn air an sgeulachd mu Chrìosda agus na daolagan. Tha MacGilleathain a' cur na sgeulachd an cuimhne MhicAonghais le geàrr-chunntais anns am bi an daolag a' brath Chrìosda fhad 's a tha an dealan-dè dìleas dha. Bidh MacAonghais a' freagairt gun cuala e i reimhid, ach an àite a bhith ga h-innse bho thoiseach gu crìch, bidh e a' toirt seachad beachd air sgeulachdan dhen leithid seo:

Ò, chuala mi an stòiridh a bha sin, math gu leòr. Agus 's ann aig seann daoine a chuala mi i cuideachd. Tha iad cho *stupid* 's cho *nonsenical* [sic] ged a dh'innseadh iad na stòiridhean a bha sin, tà, co-dhiù. Ach na dhèoidh sin, bha fios aca gun robh Crìosda ann.<sup>870</sup>

Tha coltas ann gun robh MacAonghais a' cumail a-mach gun robh na sgeulachdan *stupid* seach an luchd-innse. Ma dh'fhaodte gur e beachd iongantach a th' ann, gun a bhith a' cumail ris na thathar a' tuigsinn mu bheachdan ann an coimhearsnachdan Caitligeach mu sgeulachdan apocraphach. Bidh e a' sealltainn nach robh seanchaidhean Caitligeach daonnan a' gabhail ris an cuid sgeulachdan ann an dòigh dhìreach, chreidmheach. Le sin air a ràdh, bha roinn de sgeulachdan dhen t-seòrsa seo aig MacAonghais, nam measg sgeulachd air mar a bheannaich Dia an adag agus stòras na mara le bhith ga tilgeil dhan mhuir, agus mar a dh'fhàg làrach a chorrigan comharra oirre.<sup>871</sup> Cuideachd, tha dreach dhen sgeulachd mu Chrìosda agus na cearcan aig MacAonghais:

Cearcan is beòthaichean dhen t-seòrsa sin, bha iad ag ràdh – gun robh a' chearc cho mollaichte, ma bha i anns an [...] Nuair a chaidh Crìosda, nuair a bha e a' teicheadh dhan Èipheit, a' falach anns an tòrradh ghràin, gun robh a' chearc ga sgrìob. Sgrìobadh a' ghràin dheth. Agus gum b' ann aig an uair seo -- b' ann 's

<sup>869</sup> Faic "Mr. Donald MacInnes," Cladh Hallan 738, <https://www.hallancemeterysouthuist.co.uk/view-grave.php?num=738>. Rugadh MacAonghais ann an Èirisgeidh. "Dòmhnall MacAonghais," TanD, <https://www.tobarandualchais.co.uk/person/11?!=gd>.

<sup>870</sup> Dhòmhnall MacAonghais, "Coirce a dh'fhàs cho àrd tron oidhche," TanD, SA1953.38.A4, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/127?!=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

<sup>871</sup> Dhòmhnall MacAonghais, "Naidheachd a tha ag innse gu bheil an adag beannaichte," TanD, SA1953.38.A2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/21?!=gd>. Tha sgeulachdan apocraphach air mar a fhuair an adag na làraich dhonna oirre aithnichte ann an roinn de dh'aitichean. Mar eisimpleir, bidh Bowman a' toirt seachad ceithir thionndaidhean dhen sgeulachd seo bho Thalamh an Èisg ann am "Vernacular Religion," 291.

gun robh e air a fheannadh, 's gun do chuir e air falbh i, air neo cho dona 's gun do rinn i, ma chuir e air falbh, a' chearc. Air chor 's nach fhaic, ma bheò 's a bhios e air falach fon a' ghràin.<sup>872</sup>

Ann an aon sreath de chlàraidhean, bidh Calum MacGilleathain a' cur na ceist an robh MacAonghais eòlach air an sgeulachd air mar a fhuair a' bhrù-dhearg uchd dearg, ach tha MacAonghais ag ràdh nach cuala e an sgeulachd sin a-riamh:

CM: Chuala sibh iad ag innse carson a bha uchd dearg air a' bhrùnein – a bheil fhios agad, air an *robin*.

DM: Seadh, seadh, cha chuala gu dearbh, gu dè – ach cha chuala mi sin idir.

CM: Bha naidheachd aca ga h-innse gun tug – nuair a bha, fhios agad, an crùn de dhroighinn air Dia, gun tàinig an *robin* a bhith a' toir' na spìcean às, mar sin gun tàinig, gun deach, boinne faladh air a h-uchd agus sin an dath dearg air, o Dhia gun d' fhuair e e.

DM: Cha chuala mi siud a-riamh mu dhèidhinn an eòin bheag tha sineach, cha chuala mi.<sup>873</sup>

Chan eil MacGilleathain ag innse càit an cuala e fhèin an sgeulachd, ach tha coltas ann gun robh e an dùil gum biodh e aig MacAonghais. Bha an sgeulachd seo aithnichte ann an litreachas agus beul-aithris san Roinn Eòrpa aig deireadh na naoideamh linn deug.<sup>874</sup> Tha Bowman a' cumail a-mach gu bheil an sgeulachd seo glè aithnichte agus a' toirt seachad eisimpleir bho Thalamh an Èisg, gun a bhith ag innse an ann bho Chaitligeach no Pròstanach a fhuaras an sgeulachd.<sup>875</sup> Cuideachd, chaidh an sgeulachd a chruinneachadh aig Allan Walker (1894-1975), à Cill Fhinn, Siorrachd Pheairt le Anne Ross bho Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1964. Bidh Walker a' toirt seachad na sgeulachd anns a' Bheurla ach innsidh e gur e “brù-dearg” a bh' air an eun sa Ghàidhlig. Bidh

<sup>872</sup> Dòmhnall MacAonghais, “Mar a tha a' chearc air a mallachadh,” TanD, SA1953.38.A3, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/125?!=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

<sup>873</sup> Dòmhnall MacAonghais, “Mar a fhuair am brù-dhearg uchd dearg,” TanD, SA1953.38.A2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/46?!=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

<sup>874</sup> M.R., “All About the Robin,” *The Irish Monthly* 26, No. 302 (August 1898): 393-406.

<sup>875</sup> Bowman, “Vernacular Religion,” 292. Bha an sgeulachd air am bi Bowman a' toirt iomradh air a cruinneachadh ann am baile beag air a bheil Branch, ann an ear-dheas an eilein. A rèir a' chunntas-sluaigh mu dheireadh, bha sinnsearachd Èirinneach aig a' mhor-chuid dhe na daoine sa bhaile. Mar sin, tha e coltach gur ann bho sheanachas Chaitligeach na h-Èireann a tha an sgeulachd seo. “Census Profile, 2021 Census of Population: Branch (Town), Newfoundland and Labrador,” Statistics Canada, <https://www12.statcan.gc.ca/census-recensement/2021/dp-pd/prof/details/page.cfm?Lang=E&GENDERlist=1,2,3&STATISTIClist=1,4&HEADERlist=0&DGUIDlist=2021A00051001219&SearchText=Branch>.

Walker cuideachd a' cumail a-mach gun robh an sgeulachd cumanta air feadh na Gàidhealtachd.<sup>876</sup>

Ged nach robh Dòmhnall MacAonghais eòlach air an sgeulachd mun bhrù-dhearg, a rèir choltais, tha e aig Pòl MacCaluim (1963-) a chaidh a thogail ann an Taobh Tuath Ghleann Dail, Uibhist a Deas, gu math faisg air baile MhicAonghais. Tha cuimhne aige air a bhith a' cluinntinn na sgeulachd nuair a bha e fhèin òg:

Nuair a bha mi beag, bha meas mòr againn air a' bhrù – rud a chanamaid ris, a' bhrù-dearg. Oir 's e àm a' gheamhraidh a bh' ann, nuair a bha mi beag, bha sneachd air an talamh, agus bha tòrr deigh ann – rud nach eil ann an-diugh. Agus nuair a chitheadh tu brù-dearg, bha thu tighinn faisg air an Nollaig. Sin an ceangal a bh' againn ris a' bhrù-dearg. Ach tha cuimhn' a'm mo sheanmhair ag innse dhomh, "Tha ainm eile air cuideachd." Agus thuirt e, "'S e dreathan-donn a t-ainm a th' air." Agus nuair a shuidh e air ceann Chrìosda, thàinig fuil a-nuas air a' bhrù aige, ann an cruth droigheann a bh' air Crìosda. Sin mar a fhuair e an t-ainm an dreathan-donn. Agus tha mi a' smaointinn gu bheil e uabhasach brèagha an ceangal a tha sin le eòin an achaidh, agus Crìosda, agus bàs Chrìosda.

Agus cuideachd mar an bha an adag, sa mhuir – aithnichidh tu an adag air an làr' dubh air gach taobh. Tha sin far an do rug Crìosda air an t-iasg agus dh'fhàg e lorg a mheòirean a's an t-iasg.

Bha an t-uabhas dheth sin aig na seann daoine. Eisimpleir eile, bana-[?]: bana-bhuidseach. Bha iad ag atharrachadh an cruth. Cha b' urrainn dhaibh iad fhèin a thionndadh gu uan, gu aiseal, na gu – dè 'n t-ainm a th' air an eun? Calman. An calman, son ann an calman a thàinig a-nuas aig baisteadh Chrìosda an Spiorad Naomh. An aiseal a tharraing Crìosda gu leusalem – agus tha crois air druim an aiseil far an do shuidh Crìosda. Agus an t-uan: comharra Mac Dhè, Uan Dhè. So mar sin, bha ceangal mòr aig creideas agus creideamh muinntir na h-eileanan an seo, ri biastan na talmhainn, agus Dia.<sup>877</sup>

Bidh MacCaluim cuideachd a' toirt seachad beachd air carson a tha na sgeulachdan seo cudromach – gu bheil iad a' toirt seachad dealbh air an t-saoghal nàdarra mar àite neochiontach, an àite saoghal mac an duine:

A' chaille-chòsag, sin rud eile a bha ceangailte ri Crìosda. Tha rudeigin nam cheann ach chan eil cuimhn' a'm dè bh' ann. Cha do bhrath iad Crìosda, nuair a chunnaic iad e a' dol seachad – cha do bhrath iad idir e. Ach bha leasan eile a' sin, tha fhios agad. Bhrath mac an duine Crìosda, ach na biastan neochiontach,

<sup>876</sup> Allan Walker, "How the robin got its red breast," TanD, SA1964.028.B25, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/50960?l=gd>.

<sup>877</sup> Pòl MacCaluim, 16.07.2021.



cha do rinn iad idir e. Bha modh aca de Dhia. Sin an ceangal. Sin as coireach gu bheil na stòraidhean a’ sin ann. Tha iad a’ toirt sàmhla seachad.<sup>878</sup>

Tha na chanas MacCaluim an seo mu na “biastan neochiontach” inntinneach, agus e a’ cur cuideam mar a tha creutairean ann an àrainneachd nan Eilean a’ toirt samhla seachad air mar bu chòir mac an duine a bhith modhail do Dhia. Nuair a rinn mi taisbeanadh air an rannsachadh agam ann an Taigh-Tasgaidh Chill Donnain sa Chèitean 2022, chuir mi a’ cheist air an luchd-èisteachd, “A bheil rudeigin sònraichte mun chreideamh a th’ aig Caitligich anns na h-Eileanan?” Bha co-dhiù dithist san èisteachd a thug iomradh air a’ cheangal a th’ aig muinntir nan Eilean ris an talamh agus ri ràithean na bliadhna, leis gu bheil tòrr dhaoine fhathast ag obrachadh na talmhainn. Coltach ris na beachdan a bh’ aig sgrìobhadairean na 19mh linn mu na h-Eileanan Siar mu dheas mar thèarmann neo-thruaillte Caitligeach, tha beachdan mun Ghàidhealtachd mar àite “tana” far a bheil an àrainneachd a’ fàgail dhaoine a’ faireachdainn gu bheil iad faisg air Dia a’ dol air ais gu beachdan a’ Ghluasaid Ròmanasach san 19mh linn. Tha an ìomhaigh seo fhathast cumanta sa chultar choitcheann san latha an-diugh<sup>879</sup> agus e aig cridhe “Celtic Christianity” na 20mh linn.<sup>880</sup>

Tha e cudromach a bhith ag aithneachadh gun robh roinn de na sgeulachdan seo rim faighinn am measg nan Gàidheal Caitligeach sna h-Eileanan Siar air feadh na 20mh linn, suas gus an latha an-diugh. Bhiodh tuilleadh rannsachaidh feumail a bhith a’ dearbhadh an robh na h-aon sgeulachdan aithnichte cho fada sin ann an coimhearsnachdan Pròstanach nan Eileanan Siar mun aon àm. Ach le sin air a ràdh, tha

---

<sup>878</sup> Pòl MacCaluim, 16.07.2021.

<sup>879</sup> Tha an sreath BBC “Scotland’s Sacred Islands with Ben Fogle” (2021) a’ sàmhlachadh na h-ìomhaigh seo bho bhun gu bàrr. Anns an tuairisgeul airson a’ phrògram “Southern Outer Hebrides” air làrach-lìn a’ BhBC, leughar: “Ben Fogle explores Catholic Island life and whether the physical aspect of the landscape makes it easier to make spiritual connections.” “Scotland’s Sacred Islands with Ben Fogle, Series 1, Episode 2 of 4: Southern Outer Hebrides,” BBC Scotland, 12.10.2021, <https://www.bbc.co.uk/programmes/m0010m3n>. Anns a’ phrògram fhèin, tha Fogle a’ bruidhinn ri Pòl MacCaluim, a bhios ag innse dha mar a thug an t-eòlas aige air àrainneachd an eilein air laoidh a dhèanamh. Tha MacCaluim a’ toirt seachad tuairisgeul air na h-Eileanan mar “God’s tapestry” agus ag innse do Fogle: “These islands have been steeped in faith. It’s in their blood. It’s in the rocks. That’s how deep it is.”

<sup>880</sup> Mar a sgrìobhas Thomas O’Loughlin air “contemporary Celtic spirituality”: “For some people, Celtic Christianity was also able to accommodate the wisdom of the Celtic pagan past and preserve its ‘earthly’ knowledge of the seasons, the power in nature, and an ability to interact with spiritual powers in the universe which have been ignored to the detriment of human beings and the environment.” “Celtic Spirituality,” ann an *The New SCM Dictionary of Spirituality*, deas. Philip Sheldrake (2005), 182, 183.

rannsachadh bho choimhearsnachdan eile a' sealltainn gun robh eisimpleirean dhe na h-aon sgeulachdan gu h-àrd rim faighinn air taobh a-muigh choimhearsnachdan Caitligeach ann an Alba, agus nas fhaide air falbh, air feadh na 20mh linn. A bharrachd air an sgeulachd mun bhrù-dhearg bho Allan Walker gu h-àrd, bha tionndadh dhen sgeulachd mu Chrìosda agus na daolagan aig an t-seanchaidh Duncan Williamson (1928-2007), na fhear-shiubhail à Earra-Ghàidheal.<sup>881</sup> Tha Marion Bowman, a rinn rannsachadh air sgeulachdan apocraphach ann an Talamh an Èisg sna 1970an, a' dearbhadh nach do bhuin na sgeulachdan seo do choimhearsnachdan Chaitligeach a-mhàin:

Such lore was not the exclusive preserve of any particular Christian denomination and, indeed, the similarity of material found in communities of Irish Catholic and West Country English descent in Newfoundland is striking.<sup>882</sup>

Leis an seo, feumar aithneachadh nach eil na sgeulachdan apocraphach seo a' buntainn ri aon bhuidhinn chreideimh a-mhàin, agus bhiodh gach sgeulaiche a' coimhead air na sgeulachdan na dhòigh fhèin, nach robh daonnan a' dol le beachdan cumanta a thaobh a' chreideimh aca. Mar sin, 's e a bhiodh feumail ach tuigse mhionaideach air a' chàirdeas eadar an sgeulaiche, an sgeulachd, an luchd-èisteachd agus a' choimhearsnachd anns a bheil an sgeulaiche freumaichte. Mar a bhios Margaret Read MacDonald a' sgrìobhadh, "the story format provides a vehicle for talking without owning one's words" agus gur e seo tè dhe na prìomh dhreuchdan aig sgeulachdan.<sup>883</sup> Mar a chunnacas gu h-àrd, bidh Dòmhnall MacAonghais a' cur astar eadar e fhèin agus an sgeulachd mu Chrìosda agus na daolagan le bhith a' dèanamh dìmeas air an sgeulachd, coltach ris an aon rud a nì Ruairidh Dòmhnallach nuair a dh'innseas e an aon tionndadh dhen sgeulachd. Ach tha MacDonald a' cur cuideam air adhbharan eile an lùib innse sgeulachd: gun cuir an sgeulachd sealladh an t-saoghail an cèill, agus gu bheil mar a ghabhas an luchd-èisteachd ris an sgeulachd a' toirt buaidh air ciamar a bhithear ga h-innse.<sup>884</sup> Dh'fhaodadh e a bhith gun robh e ag innse na

---

<sup>881</sup> Duncan Williamson, "Why the Beetle is Blind," ann an *Scottish Traditional Tales*, deas. A.J. Bruford agus D.A. MacDonald (Edinburgh: Polygon, 1994), 274-275, 464. Faic Raghnaill MacilleDhuibh, "The Two Easter Beetles," *The Quern-Dust Calendar*, 22.03.2002, <https://www.querndust.co.uk/PDFs/408Beetles.pdf>.

<sup>882</sup> Bowman, "Vernacular Religion," 288.

<sup>883</sup> Margaret Read MacDonald, "Fifty Functions of Storytelling," ann an *Traditional Storytelling Today*, deas. Margaret Read MacDonald (1999), 409.

<sup>884</sup> MacDonald, "Fifty Functions," 413, 414.

sgeulachd do fhear aig an robh foghlam oilthighe agus aig a bheil freumhan Pròstanach, a bha ga clàradh airson luchd-èisteachd fhoghlamaichte bho thaobh a-muigh an eilein, fa-near do MhacAonghais nuair a thuirt e gun robh an t-seòrsa sgeulachd seo “stupid,” agus esan a’ feuchainn ri astar a chumail eadar esan agus sealladh an t-saoghail a bhios ri fhaighinn san sgeulachd fhèin. Nan robh MacAonghais ag innse na h-aon sgeulachd ann an taigh-cèilidh sa choimhearsnachd aige fhèin, far am biodh tuigse chumanta air an sgeulachd, ma dh’fhaodte nach dèanadh e dìmeas oirre san aon dòigh. Cha ghabh seo a ràdh le cinnt, ach bhiodh e neònach mura biodh Gàidheal sam bith san 20mh linn eòlach air mar a chuireadh na h-urracha mòra foghlamaichte sìos air dualchas nan Gàidheal. Dh’fhaodadh seo buaidh a thoirt air na thuirt MacAonghais mun sgeulachd, agus gun do chleachd e Beurla gus a cur sìos, fiù ’s nuair a bhruidhinn e ri fear-cruinneachaidh taiceil a leithid MhicGilleathain. An taca ri seo, tha e inntinneach gun robh fear às an aon sgìre, Pòl MacCaluim, a’ bruidhinn air an aon seòrsa sgeulachdan cha mhòr 70 bliadhna às dèidh sin, misneachdail gu leòr gus an tuigse aige fhèin air na bha na sgeulachdan a’ ciallachadh a chur an cèill. Tha a’ bheàrn fhada seo cuideachd a’ sealltainn cho leantainneach ’s a tha seanchas apocraphach mar seo.

#### **7.4 A’ cruinneachadh ann an coimhearsnachdan Caitligeach agus Pròstanach**

Tha an sgaradh eadar beachdan mu sheanchas nan Gàidheal sna sgìrean Pròstanach agus Caitligeach a bhithear a’ gabhail ris san fharsaingeachd air buaidh a thoirt air far an do rinn sgoilearan obair chruinneachaidh. Mar thoradh air sin, chaidh a’ mhòr-chuid de sgeulachdan apocraphach a chruinneachadh ann an coimhearsnachdan Caitligeach. Bidh Maighread Challan a’ soillseachadh a’ phàtrain seo san 20mh linn sna h-Eileanan Siar. Nuair a fhuair luchd-cruinneachaidh beul-aithris sàr-fhiosraichean ann an Uibhist a Deas agus ann am Barraigh, bhiodh an luchd-cruinneachaidh a’ fuireach sna coimhearsnachdan seo gu tric, agus mar thoradh air seo, cha deach mòran cruinneachaidh a dhèanamh ann an Uibhist a Tuath. Tha Challan cuideachd a’ cur air adhart gu bheil an creideamh gun do chuir soisgeulachd às do bheul-aithris sna h-eileanan Pròstanach a’ toirt buaidh air a’ phàtran seo.<sup>885</sup>

---

<sup>885</sup> Challan, *Air Bilean*, 5-6.

Bidh Challan a’ toirt iomradh air clàr a rinn Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach (1928-1999), à Uibhist a Tuath agus na chruinniche airson Sgoil Eòlas na h-Alba:

We had been more or less fed by the doctrine that tradition had survived in the Catholic islands and not on the Presbyterian islands and here was all that stuff lying, not as immediately accessible on the surface, but just below the surface from the Presbyterian communities.<sup>886</sup>

Chithear gu bheil an fhianais gu h-àrd a’ dol leis a’ bheachd seo. Tha coltas ann gun robh seanchas apocraphach nas cumanta ann an coimhearsnachdan Caitligeach san 19mh linn agus san 20mh linn. Ach, bha an seanchas seo ri fhaighinn ann an coimhearsnachdan Pròstanach aig an aon àm, ged a tha e nas duilghe a lorg. Ma dh’fhaodte gun deach na th’ ann de sheanachas apocraphach ann an coimhearsnachdan Caitligeach a chur am meud an taca ri coimhearsnachdan Pròstanach air sàilleabh bheachdan cumanta air càit am faighear fiosraichean agus pàtran an a chaidh a stèidheachadh air feadh an àma seo. Chan eil seo a’ ciallachadh nach eil luach anns na tha ri fhaighinn sna coimhearsnachdan seo, ge-tà. Fiù ’s anns an rannsachadh seo, far a bheilear a’ cur sùil air coimhearsnachdan Caitligeach, tha eisimpleirean bho choimhearsnachdan Pròstanach sna h-Eileanan Siar agus nas fhaide air falbh a’ cur ris an tuigse a th’ againn air an t-seanchas seo san fharsaingeachd.

## 7.5 Co-dhùnadh

Tro bhith a’ toirt sùil air roinn de sgeulachdan eiteòlach apocraphach anns a bheil creutairean an leithid daolagan, brùthan-dearga, cearcan, agus èisg air an cruinneachadh aig seanchaidhean à Uibhist a Tuath, Uibhist a Deas, Èirisgeidh, Barraigh, agus Ceap Breatainn bhon 19mh linn gus an latha an-diugh mar làcas no “lieu de mémoire” far a bheil luachdan na coimhearsnachd air an cur an cèill, chaidh dearbhadh cho cudromach ’s a tha e a bhith a’ breithneachadh air an dà chuid brìgh na sgeulachd agus na chanas an sgeulaiche mu dhèidhinn. Tha am fiosrachadh seo a’ toirt

---

<sup>886</sup> Challan, *Air Bilean*, 6. Airson tuilleadh fiosrachaidh air Dòmhnallach, faic Ian A. Fraser, “Donald Archie MacDonald,” *The Herald* (Glasgow), 27 July 1999, 16. Tha Dòmhnall Meek cuideachd a’ sgrìobhadh, “the collection of oral traditional material was more actively pursued in the Catholic communities than the Protestant ones in the earlier part of this [the twentieth] century” agus gun do chuir am mì-chothrom seo ris a’ bheachd gu bheil seanachas nas pailte ann an sgìrean Caitligeach. *The Scottish Highlands: The Churches and Gaelic Culture* (1996), 53.

am follais bheachdan mu chreideamh agus seanchas anns a' choimhearsnachd agus cha bhi na beachdan seo daonnan a' leantainn na thathar an dùil mun choimhearsnachd anns a bheil an sgeulaiche suidhichte. Dìreach mar a tha ro-bheachdan bhon taobh a-muigh air buaidh a thoirt air mar a thèid Caitligeachd nan Eilean Siar a thaisbeanadh, tha sinn air faicinn gu bheil an aon rud fìor a thaobh mar a thèid dèiligeadh ri seanchas ceangailte ri creideamh bhon choimhearsnachd Phròstanach faisg air làimh. Tha an càirdeas eadar an sgeulaiche, an sgeulachd, creideamh na coimhearsnachd, an luchd-èisteachd agus cleachdaidhean cruinneachadh seanchais toinnte, ach le bhith a' sgrùdadh gach pàirt dhen chàirdeas seo, gheibhear lèirsinn luachmhor mu sheanchas muinntir nan Eilean Siar agus an àite sa choimhearsnachd. A bharrachd air seo, chìthear mar a tha sgeulachdan apocraphach nan làcas creideimh eile do mhuinntir nan Eilean far a bheil pearsachan diadhaidh agus creutairean bhon àrainneachd mu thimcheall orra a' tighinn còmhla ann an dòigh a bhios a' taisbeanadh an dà chuid luachan creideimh agus luachan na coimhearsnachd ann an dòigh ruigsinneach agus beanailteach.

## Caibideil 8: Cleachdaidhean Dùthchasach agus Uisge Coisrigte

Bheir a’ chaibideil seo sùil air cuid de na cleachdaidhean dùthchasach ceangailte ri uisge a bha cumanta ann an coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar bhon 19mh linn gus an latha an-diugh. Coltach ri iomadh làcas creideimh air an tugadh sùil san tràchdas seo, chithear mar a tha creideamhan agus cleachdaidhean coitcheann na h-Eaglais Chaitligich air fad agus creideamhan agus cleachdaidhean cumanta am measg nan Gàidheal a’ toirt buaidh air na cleachdaidhean ionadail seo. Mar sin, seallaidh a’ chaibideil seo nach eil cuid de na cleachdaidhean seo uile gu lèir “Caitligeach” air neo “Gàidhealach” air neo fiù ’s cho sònraichte don choimhearsnachd ionadail ’s a tha cuid a’ cumail a-mach, le bhith ag aithneachadh aig an aon àm gu bheil àite cudromach aig na cleachdaidhean seo do mhuinntir nan Eilean.

### 8.1 Uisge coisrigte

’S e uisge air a bheannachadh le sagart a th’ ann an uisge coisrigte.<sup>887</sup> Tha Crìosdaidhean air a bhith a’ cur uisge coisrigte gu feum bho linntean tràth na h-Eaglaise, agus tha fianais ann gun robhar a’ moladh gun cleachd na creidmhidh uisge coisrigte gus an cuid thaighean, bàrr, agus sprèidh fhèin a bheannachadh co-dhiù bhon naoidheamh linn.<sup>888</sup> Mar sin, cha bhiodh e buileach ceart a chumail a-mach gur e cleachdadh ionadail a-mhàin a th’ anns na dòighean a chuireadh Caitligich nan Eilean Siar uisge coisrigte gu feum bho dheireadh na 19mh linn gus an latha an-diugh. Gheibhear fios gun robh na h-aon chleachdaidhean rim faighinn, mar eisimpleir, ann

---

<sup>887</sup> Tha seo air a mhìneachadh gu sgiobalta anns a’ *Bhaltimore Catechism*: “Holy water is water blessed by the priest by solemn prayer to beg God’s blessing on those who use it, and protection from the powers of darkness.” Third Plenary Council of Baltimore, *Baltimore Catechism Two* (2010), 91, Ceist 301.

<sup>888</sup> Tha an *Catholic Encyclopedia* a’ toirt iomradh air an stiùireadh aig Àrd-Easbaig Reims, Hincmar (806-882): “Every Sunday, before the celebration of Mass, the priest shall bless water in his church, and, for this holy purpose, he shall use a clean and suitable vessel. The people, when entering the church, are to be sprinkled with this water, and those who so desire may carry some away in clean vessels so as to sprinkle their houses, fields, vineyards, and cattle, and the provender with which these last are fed, as also to throw over their own food.” (“Capitula synodalia”, cap. v, in P.L., CXXV, col, 774). Henri Leclercq, “Holy Water,” ann an *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 7 (1910), <http://www.newadvent.org/cathen/07432a.htm>.

an Èirinn aig an aon àm.<sup>889</sup> Ach coltach ri cleachdaidhean eile air an tugar sùil san tràchdas seo, ma dh'fhaodte gur e cho bitheanta agus uile-sgaoilte 's a bha cleachdadh uisge coisrigte sna h-Eileanan Siar, agus mar a mhair tòrr dhe na cleachdaidhean seo gus an latha an-diugh nuair a bha iad a' seargadh às ann an àitichean eile, a bhios a' fàgail àite sònraichte aig uisge coisrigte anns na gnàthasan creideimh aig Caitligich sna Eileanan.

## 8.2 Cleachdaidhean “pàganach”

Tha cleachdadh uisge coisrigte a' nochdadh ann an sgrìobhadh mu na h-Eileanan Siar san 19mh linn, agus gheibhear beachd gu bheil rudeigin “pàganach” mu na cleachdaidhean seo. Tha seo soilleir anns a' chunntas aig an sgrìobhadair siubhail Albannach, Constance Gordon-Cumming (1837-1924), *In The Hebrides*. Mar a sgrìobhas Gordon-Cumming air na h-Eileanan Siar:

The new Christian Faith retained so many of the practices of the old Paganism that at times it was hard to tell which had gained the upper hand.<sup>890</sup>

Tha Gordon-Cumming an uair sin ag innse:

At a later date, they used to induce the priests to sprinkle the sea with holy water, as an infallible means of procuring plenty of herring!<sup>891</sup>

Tha Gordon-Cumming a' ceangal a' chleachdaidh seo le cunntas air muinntir nan Eilean a' toirt ìobairt lionna do dhia na mara, “Shony,” gus todhar gu leòr fhaighinn, a bha a' tachairt “at least until the year 1660.”<sup>892</sup> Tha e follaiseach gu bheil Gordon-Cumming a'

---

<sup>889</sup> Mar eisimpleir, faic Cara Delay, “Holy Water and a Twig,” *Journal of Family History* 43, No. 3 (2018): 302-319. Gheibhear ann iomraidean air màthraichean san 20mh linn a' beannachadh an taighe le uisge coisrigte. Tha Síle de Cléir cuideachd a' toirt seachad iomadh eisimpleir bho agallamhan le muinntir Luimnigh a' cur uisge coisrigte gu feum aig an taigh san 20mh linn, gu h-àraid nuair a bhithte a' fàgail an taigh air neo a' dol dhan leabaidh. *Popular Catholicism*, 131-134. Bha cleachdaidhean dùthchasach glè choltach ris na gheibhear am measg Chaitligich sna h-Eileanan Siar air an clàradh ann an “Bailiúchán na Scol” (“Schools’ Collection”) a chuir Cnuasach Bheáloideas Éireann air dòigh eadar 1937-1939. Mar eisimpleir, gheibhear ann cunntas air tuathanaich Chontae Thiobraid Árann a' beannachadh an cuid cruith is bàrr le uisge coisrigte na Caisge air Oidhche Buidhe Bealltainn, gus an cumail bho chron. “May Eve (Oíche Bhealtaine),” *Duchas.ie*, Bailiúchán na Scol, Vol. 0541, 11, <https://www.duchas.ie/en/cbes/4922164/4857512/5016467>.

<sup>890</sup> Constance Gordon-Cumming, *In the Hebrides* (1883), 238.

<sup>891</sup> Gordon-Cumming, *In the Hebrides*, 238.

<sup>892</sup> Gordon-Cumming, *In the Hebrides*, 238-239.

tarraing air an tuairisgeul air cleachdadh ann an Leòdhas aig Màrtainn MacGilleMhàrtainn ann an *A Description of the Western Isles of Scotland* (1703).<sup>893</sup> Tha an dithist Raghnaill MacIlleDhuibh agus Dòmhnall Uilleam Stiùbhart air rannsachadh a dhèanamh air freumhan a' chleachdaidh seo agus cunntasan sgrìobhte air.<sup>894</sup> Tha an cunntas aig Gordon-Cumming a' sealltainn dà rud: gun robh cunntasan air cleachdaidhean ceangailte ri uisge coisrigte gan cur gu feum le cuid de sgrìobhadairean gus tuairisgeul a dhèanamh dhe na h-Eileanan Siar mar àite "air leth" far a bheil buaidh "pàganachd" ri lorg ann an creideamh an t-sluaigh, agus nach robh cleachdadh uisge coisrigte ga fhaicinn mar chleachdadh uile gu leir Crìosdail. Tha e inntinneach gu bheil Gordon-Cumming a' sònrachadh 1660 mar cheann-bhliadhna a' chleachdaidh "phàganach" sa chunntas aicese, agus gheibhear cunntas bho 1655 air Mgr Diarmad Dùgan a' crathadh uisge coisrigte air a' mhuir gus dèanamh cinnteach gum biodh todhar gu leòr aig muinntir Bharraigh. Mar a sgrìobhas Blundell mun chunntas seo, "The islanders had a great devotion to holy water, and their requests for it are often mentioned at this period."<sup>895</sup> Chan eil sgeul air "pàganachd" san sgrìobhadh aig Blundell air a' chunntas seo, agus e fhèin na mhanach Caitligeach.<sup>896</sup> Le bhith sealltainn mar a chaidh cuid de chleachdaidean ionadail nan Gàidheal a thaisbeanadh mar chleachdaidhean "pàganach," tha e soilleir bhon eisimpleir gu h-àrd gu bheil measaidhean mar seo gu tric ag innse barrachd mu shealladh an sgrìobhadair seach an cleachdadh fhèin.

### 8.3 Uisge coisrigte agus beannachadh

Tha cunntasan air cleachdadh uisge choisrigte gus toradh na mara agus an fhearainn a bheannachadh ri fhaighinn sna h-Eileanan Siar mu dheas suas dhan 20mh linn. Tha iomraidhean rim faighinn air mar a bhithear a' beannachadh sìol le uisge coisrigte sna

---

<sup>893</sup> Martin Martin, *A Description* (2018), 36.

<sup>894</sup> Faic John Gregorson Campbell, *The Gaelic Otherworld*, deas. Ronald Black (2005), 590-591, agus Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, "Some Heathenish and Superstitious Rites," *Scottish Studies* 34 (2006): 215-216. Tha MacIlleDhuibh a' cur air adhart gur e "Shony" no "Seónaidh" Naomh Eòin Baistidh. *The Gaelic Otherworld*, 590.

<sup>895</sup> Blundell, *Catholic Highlands*, 6.

<sup>896</sup> Faic Br Paschal Downs, OSB agus Alasdair Roberts, "Dom Odo Blundell, OSB (1868-1943)," *Innes Review* 56, No. 1 (Spring 2005): 14-45.



h-Eileanan Siar. Fhuair Calum MacGilleathain fiosrachadh air an aon chleachdadh aig Ceit Mhoireasdan (Ceit Iain Bharraich) à Dalabrog, Uibhist a Deas, ann an 1959:

Chrathadh an uisge coisrigt' air an t-sìol, nuair a bha iad a' dol a chur, am buntàta a bha iad a' dol a chur, bhiodh iad a' crathadh an uisge choisrigte nuair a dh'fhalbhadh iad a chur. Agus beothach eich agus cairt a bhiodh tu a' falbh leis. Bhiodh iad a' cur an uisge coisrigt' timcheall casan an eich.<sup>897</sup>

Chlàraich Alasdair MacGilleMhìcheil an aon chleachdadh anns na notaichean aige fhèin mu bheatha ann am Miughalaidh aig deireadh na naoidheimh linn deug: “the first corn sown is consecrated with holy water.”<sup>898</sup> Bha an cleachdadh seo ri fhaighinn ann an Uibhist a Deas suas gu meadhan na 20mh linn co-dhiù, agus Màiri NicAonghais a' cuimhneachadh: “ Ach tha cuimhn' a'm o chionn fhada gum biodh iad a' beannachadh a' bhuntàta, agus rudan a bha – cur a' bhuntàta, cur uisge choisrigte air a' bhuntàta.”<sup>899</sup>

#### 8.4 Uisge choisrigte mar dhìon

Tha tòrr dhe na cleachdaidhean ceangailte ri uisge choisrigte sna h-Eileanan ceangailte ri bhith a' dìon ghnòthaichean is dhaoine bho chron is bho olc. Gheibhear fios ann an roinn de thùsan gun robhar a' cumail uisge choisrigte ann am bàtaichean iasgaich sna h-Eileanan, gu sònraichte ann an Èirisgeidh. Sgrìobh Mgr Ailein Dòmhnallach ann an nota bho 1887: “The boats of course are always blessed, and holy water is kept in each boat as a rule.”<sup>900</sup>

Ged a tha e coltach gu bheil an cleachdadh seo a' dol air ais nas tràithe na linn Mhgr Ailein ann an Èirisgeidh, tha coltas ann gun tug Mgr Ailein buaidh air cleachdaidhean creideimh ceangailte ri iasgach san eilean. Mar a sgrìobhas Iain Latharna Caimbeul:

Fr Allan obtained special permission from the appropriate department in Rome to say Mass on one of the Eriskay fishing boats every year in the month of May

<sup>897</sup> Kate Morrison, “Cleachdaidhean Àiteachail,” TanD, SA1960.3.B3, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/34498?l=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

<sup>898</sup> CW110/58, folio 18r.

<sup>899</sup> Màiri NicAonghais, 20.06.2018.

<sup>900</sup> EUL CW 58A, 7r, Àireamh 37. Tha Mgr Ailein a' toirt seachad “Mc Leod Eriskay 1887” aig deireadh an nota is mar sin, tha coltas ann gu bheil e a' sgrìobhadh mu na bàtaichean ann an Èirisgeidh. Mar seo, tha e coltach gun robh an cleachdadh seo stèidhichte ann an Èirisgeidh mun tàinig esan ann mar shagart.

for five years. The fishermen at his request thoroughly cleansed out their boats and gave them the names of Saints.<sup>901</sup>

Lean an dà chleachdadh seo gus an latha an-diugh, leis an t-sagart ann an Èirisgeidh bho 2015, Mgr Ross Crichton, a' beannachadh nam bàtaichean a h-uile bliadhna,<sup>902</sup> agus ainmean naomha air a bhith air tòrr dhe na bàtaichean iasgaich san eilean san 20mh linn. Mar eisimpleir, bidh Aonghas Eideart MacAonghais, a' sgrìobhadh air beatha ann an Èirisgeidh anns a' chiad leth dhen 20mh linn, a' toirt iomradh air iomadh ainm mar seo: "Mystical Rose;"<sup>903</sup> "Virgin;"<sup>904</sup> "Lady of Fatima;"<sup>905</sup> "St Patrick," "Ocean Star;"<sup>906</sup> "Margaret Sinclair," "Stella Martina;"<sup>907</sup> "Immaculate;"<sup>908</sup> "St Theresa," "St Bride;"<sup>909</sup> "Reul na Maidne;"<sup>910</sup> "Reul e Chuan" [sic];<sup>911</sup> "St Vincent;"<sup>912</sup> "St Columba."<sup>913</sup> Coltach ri iomadh cleachdadh ceangailte ri creideamh sna h-Eileanan Siar, tha buaidh cràbhadh ionadail agus gluasadan cràbhaidh san eaglais san fharsaingeachd ri fhaicinn anns na h-ainmean seo.

Mar phàirt de mhìneachadh air a' phàirt de bhàta air a bheil "aparan" a thug Dòmhnall Johnstone à Èirisgeidh seachad do dh'Ailig O'Henley anns na 1980an, tha an nota seo ann:

---

<sup>901</sup> Campbell, *Fr Allan McDonald*, 20-21.

<sup>902</sup> Tha cuid dhen bheachd gu bheil eachdraidh nas cunbhalaiche aig a' chleachdadh seo ann am Barraigh, far a bheil e a' dol fhathast cuideachd. Faic "Photos: Hundreds attend Fishermen's Mass and blessing of the boats," Hebrides News, 10.07.2017, <http://www.hebrides-news.com/fisherman-mass-10717.html>.

<sup>903</sup> Angus Edward MacInnes, *Eriskay Where I was Born* (1997), 11.

<sup>904</sup> MacInnes, *Eriskay*, 28.

<sup>905</sup> MacInnes, *Eriskay*, 29.

<sup>906</sup> MacInnes, *Eriskay*, 68.

<sup>907</sup> MacInnes, *Eriskay*, 72.

<sup>908</sup> MacInnes, *Eriskay*, 76.

<sup>909</sup> MacInnes, *Eriskay*, 95.

<sup>910</sup> MacInnes, *Eriskay*, 113.

<sup>911</sup> MacInnes, *Eriskay*, 123.

<sup>912</sup> MacInnes, *Eriskay*, 142.

<sup>913</sup> MacInnes, *Eriskay*, 143.

In Eriskay a bottle of holy water would be attached to this bit of wood as it was thought this kept supernatural forces at bay and generally kept the boat and crew safe.<sup>914</sup>

Bha an cleachdadh seo ri fhaighinn ann an eileanan eile anns an robh bàtaichean iasgaich, agus fianais bhon 19mh linn air seo. Ann an aithisg a sgrìobh Mgr Gilleasbaig Caimbeul airson iris Ìosanach Bhreatainn mun mhisean a rinn e ann am Barraigh ann an 1895, innsidh e:

The men are, if possible, more pious than the women. They never go to sea without having a bottle of holy water in the prow of the vessel.<sup>915</sup>

Tha Caimbeul cuideachd ag innse gun rachadh a h-uile bàta ùr a bheannachadh agus gun robh ainmean naomha air a' mhòr-chuid dhiubh. Mar sin, tha coltas ann gun robh cleachdaidhean creideimh a thaobh iasgach glè choltach ris na stèidhich Mgr Ailein ann an Èirisgeidh san aon àm.

Sgrìobh Alasdair MacGilleMhicheil anns na notaichean a rinn e mu bheatha ann am Miughalaigh mu thimcheall na bliadhna 1870 gun robh uisge coisrigte ann an dà bhàta a-mach as a' chòig dhiubh san eilean. Mar sin, ma dh'fhaodte gun do dh'fhàs an cleachdadh seo na bu chumanta sna h-Eileanan aig deireadh na linne.<sup>916</sup> Anns an sgeulachd a chruinnich Mgr Ailein fhèin air dithist thaibhsean a nochd air bàta Dhùghaill Chaimbeil, à Taobh a Deas Loch Baghasdail, Uibhist a Deas, agus i a' siubhal mu thimcheall Mhaoil Chinn Tìre, thèid uisge coisrigte a chrathadh orra. Thèid am botal a bhriseadh agus 's e fianais a th' ann gu bheil na taibhsean nan deagh chomharra agus iad gun a bhith a' seachnadh àite anns an deach an t-uisge a dhòrtadh.<sup>917</sup>

Chan ann air a' mhuir a-mhàin a tha uisge coisrigte air a chleachdadh gus daoine, àitichean agus beòthaichean a chumail bho olc is bho chunnart. Thug Màiri

---

<sup>914</sup> Donald Johnstone, Faclan bhon t-Sluagh, DASG, <https://dasg.ac.uk/fieldwork/view/RXJpc2theURKb2huc3RvbmVtaXNjGfWYXJhbnpZHAyNTE5NzlwfHxob2x5IHdhdGVyfHI0fHx8YWxs>.

<sup>915</sup> Campbell, "Mission," 335.

<sup>916</sup> "Of 5 boats 2 had this in ~~stone~~ small stone bottles fixed by a string to the stem stem [sic] inside." Cruinneachadh MhicGilleMhicheil MhicBhatair, EUL Coll-97/CW 114/32, 63v, [https://archives.collections.ed.ac.uk/repositories/2/archival\\_objects/142980](https://archives.collections.ed.ac.uk/repositories/2/archival_objects/142980).

<sup>917</sup> EUL CW 58B, 6r, Àireamh 22.

NicAonghais iomradh air beannachadh an taighe le uisge coisrigte “gu h-àraidh nuair a tha droch shìde ann.”<sup>918</sup> Bha an cleachdadh seo aithnichte am measg Chaitligeach ann an iomadh àite san fhicheadamh linn: ann an Èirinn, far a bheil roinn de dh’eisimpleirean rim faighinn am measg “Bailiúchán na Scol” aig Cnuasach Bheáloideas Éireann.<sup>919</sup> Cuideachd, tha sagart ann an Dakota a Tuath sna Stàitean Aonaichte a’ cuimhneachadh a phàrantan “a’ beannachadh an stoirm” (“blessing the storm”) gus nach dèanadh i cron air am bàrr, agus a mhàthair a’ cur clach-meallain ann am botal uisge choisrigte, cleachdadh a fhuair i bho a màthair, air an robh sloinneadh Gearmailteach.<sup>920</sup> Chan e cleachdadh ùr a th’ ann an crathadh uisge coisrigte nuair a thigeadh stoirm, agus coltas ann gun robh e aithnichte ann an Canterbury, Sasainn mar chleachdadh nach robh feadhainn airson a thoirt seachad aig àm an Ath-Leasachaidh.<sup>921</sup>

Tha cothrom ann sgeulachdan èibhinn innse mun chleachdadh seo, mar a dh’inneas Ciorstaidh Dhòmhnallach (Ciorstaidh Alasdair, 1906-1992) à Buaille nam Bodach, Barraigh, mun àm a choisrig a h-athair an taigh le uisge coisrigte nuair a bha stoirm ann agus gun do chuir e a chas ann am mùn a’ choin.<sup>922</sup> Rinn MacGilleMhìcheil notaichean air sgeulachd a chuala e mu fhear air an robh “Calum Ghobha” a bha ann am Beàrnaraigh, gu deas air Barraigh, aig àm stoirm ainmeil san Dàmhair 1860. Chuir muinntir an taighe e a dh’fhaighinn a’ bhotail uisge coisrigte agus lorg e botal uisge-bheatha na àite. Fhad ’s bha a h-uile duine ris an cuid ùrnaighean, chrath e an t-uisge-beatha mun cuairt agus tha coltas ann gun do ghabh e gu leòr dheth cuideachd. Nuair

<sup>918</sup> Màiri NicAonghais, 20.06.2018.

<sup>919</sup> Faic cunntas bho Drakestown, Contae Lú: “Sprinkling holy water in the house during thunderstorm to protect the home from lightning.” “Strange Customs,” Dúchas.ie, Bailiúchán na Scol, Vol 0668, 369, <https://www.duchas.ie/en/cbes/5008848/4960942/5077810>, agus cunntas bho Ballymakenny, Contae Lú: “Holy water is sprinkled in the house during a thunder storm.” “Holy Water,” Dúchas.ie, Bailiúchán na Scol, Vol 0678, 233, <https://www.duchas.ie/en/cbes/5008881/4963366/5087121>. Cuideachd, faic sgeulachd bho Nancy O Sullivan, Leithead, Contae Chiarraí, far nach bris dealanach botal uisge choisrigte nuair a bhuaileas e taigh. “A Story about Thunder and Lightning,” Dúchas.ie, Bailiúchán na Scol, Vol 0463, 238, <https://www.duchas.ie/en/cbes/4742082/4734040/4785658?ChapterID=4742082&LangID=en>.

<sup>920</sup> Fr Joseph Evinger, “What is the Significance and Proper Usage of Holy Water?” Diocese of Bismark, 01.08.18, <https://bismarckdiocese.com/news/what-is-the-significance-and-proper-usage-of-holy-water>.

<sup>921</sup> Faic Eamon Duffy, *The Stripping of the Altars* (2005), 437-438.

<sup>922</sup> Christine MacDonald, “The contributor’s father had a mishap while blessing the house,” TanD, SA1970.169.A12, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/67220?l=gd>. Rinn athair an fhiosraiche ùrnaighean fhad ’s a bha e a’ beannachadh an taighe ach cha tèid innse dè bh’ anna.

a chaidh bean an taighe thuige sa mhadainn, bha an t-uisge coisrigte fhathast ann, bha an t-uisge beatha air falbh, agus bha ceann goirt air Calum.<sup>923</sup> Cha do nochd an sgeulachd seo ann an *Carmina Gadelica*. Chan e cùis iongnaidh a th' ann an seo; chan eil i a' freagairt ri tòna àrd a' chruinneachaidh agus ìomhaigh a' "Ghàidheil spioradail" a bha MacGilleMhìcheil a' cur air adhart.<sup>924</sup>

Tha Aonghas Eideart MacAonghais a' toirt sgeulachd gu ìre coltach ri seo seachad, ged a bhios e a' toirt uiread nas motha de spèis air a' chumhachd a th' aig uisge coisrigte. Bidh e a' sgrìobhadh mu sheann nàbaidh dha ann an Èirisgeidh, a bha ag iasgach còmhlra ri a bràthair, agus a chuir seachad ùine ann am bothan air Eilean Fùideigh eadar Èirisgeidh is Barraigh. Nuair a chuala na bràithrean fuaimean os-nàdarra air an eilean aon oidhche, chrath fear dhiubh uisge coisrigte mu thimcheall a' bhothain, gun fhiosta gur e ola a' ghunna a bh' ann. Nuair a fhuair iad am botal ceart, agus a chrath iad an t-uisge coisrigte, dh'fhalbh na fuaimean.<sup>925</sup>

## 8.5 Uisge coisrigte agus na sìthichean

Gheibhear an t-uabhas de sheanchas mar seo ann am beul-aithris às na h-Eileanan Siar, far a bheil uisge coisrigte a' dèanamh a' ghnòthaich air olc a chumail air falbh. Tha e furasta a thuigsinn gun cuireadh seanchas mar seo ris a' chreideimh a bh' aig muinntir nan Eilean air cumhachd uisge choisrigte. A rèir na dh'innis boireannach à Uibhist a Deas do Mhgr Ailein, chleachd an t-Àrd-Aingal Mìcheal fhèin uisge coisrigte gus stad a chur air ainglean eile bhon a bhith a' leantainn Lucifer a dh'Ifrinn:

St Michael is believed to have saved many of the Angelic hosts from being drawn into the vortex of Lucifer's rebellion and from the punishment consequent thereon. As Lucifer was leading his army out of the court of heaven and they were thronging after him St Michael sprinkled holy water around and

<sup>923</sup> EUL CW 90 145, 60v, 61r. Faic "Don't Mix Your Drinks!" CWP, 25.03.10, <http://carmichaelwatson.blogspot.com/2010/03/dont-mix-your-drinks.html> agus "Story about Calum Gobha and the Storm, September 1872," Cruinneachadh MhicGilleMhìcheil MhicBhatair, Coll-97/CW90/145, [https://archives.collections.ed.ac.uk/repositories/2/archival\\_objects/142133](https://archives.collections.ed.ac.uk/repositories/2/archival_objects/142133).

<sup>924</sup> Airson eisimpleirean eile de sheanchas "amh" às na h-Eileanan Siar nach do nochd ann an CG, faic John Shaw, "What Alexander Carmichael Did Not Print," *Béaloideas* 70 (2002): 99-126.

<sup>925</sup> MacInnes, *Eriskay*, 58.

all who were touched staid where they were and were saved from Lucifer's destruction.<sup>926</sup>

Tha coltas ann gun do chruinnich Mgr Ailein am fiosrachadh seo aig deireadh nan 1880an, nuair a bha e na shagart ann an Dalabrog. Bha an sgeulachd mun Àrd-Aingeal Mìcheal agus Lucifer aithnichte ann an Uibhist agus Barraigh ach mar as àbhaist, bhiodh pàirt ann air mar a thàinig na sìthichean gu bhith: cha do thill iad a Fhlathas agus cha deach iad a dh'ifrinn. Gheibhear tionndadh sgrìobhte eile dhen sgeulachd aig Dòmhnall Iain MacDhòmhnail ann an *Uibhist a Deas*.<sup>927</sup> Tha coltas ann gu bheil an tionndadh seo stèidhichte air mar nochd an sgeulachd ann am Beurla ann an *Carmina Gadelica*.<sup>928</sup> Bha an sgeulachd seo beò ann am beul an t-sluaigh sna h-Eileanan co-dhiù gu meadhan na 20mh linn, le Nan NicFhionghain ag innse na sgeulachd do mhuinntir Sgoil Eòlas na h-Alba an ann ann 1960 agus ann an 1964.<sup>929</sup> Chan eil sgeul air uisge coisrigte ann an gin de na tionndaidhean seo, ge-tà. Bha an aon sgeulachd seo ri fhaighinn cuideachd ann am beul-aithis na h-Èireann san 20mh linn.<sup>930</sup>

## 8.6 An sluagh

Mar a bhios MacIlleDhuibh a' sealltainn, bha creideamhan ann am measg nan Gàidheal gun robh na sìthichean nan ainglean tuiteamach ach cuideachd gur iad anman nam marbh.<sup>931</sup> Tha mic-talla dhen chreideamh seo rin cluinntinn ann an sgeulachdan mun "t-sluaigh" sna h-Eileanan Siar. Gheibhear beachd air mar a thàinig am facal "sluagh" an cois nan sìthichean agus air beachdan mu nàdar nan sìthichean anns an obair aig Raibeart Kirk (1644-1692), am ministear à Obair Phuill a sgrìobh *The Secret Commonwealth of Elves, Fauns and Fairies* ann an 1691. Mar a mhìnich Kirk: "These

<sup>926</sup> "Mrs N Campbell. NB," EUL CW 58A, 7r, Àireamh 35. Tha MacIlleDhuibh dhen bheachd gur e "North Boisdale" a th' ann an "NB."

<sup>927</sup> MacDhòmhnail, *Uibhist a Deas*, 44-45.

<sup>928</sup> CG 2, 326-327.

<sup>929</sup> Nan NicFhionghain, "Mar a thàinig na sìthichean," TanD, SA1960.119.A12, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/101101?!=gd>; "Mar a thàinig na sìthichean dhan t-saoghal," TanD, SA1964.77.B11, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/21489?!=gd>.

<sup>930</sup> Faic dà eisimpleir ann an Seán Ó Súilleabháin, "Scealta Cráibhtheacha," 164-166.

<sup>931</sup> Black, "Introduction," *The Gaelic Otherworld*, xxv, xxx, xxxii.

*siths* or fairies they call *sleagh maith* or the good people. [...] It is said they are of a middle nature betwixt man and angel.”<sup>932</sup>

Tha an sluagh air a mhìneachadh ann an *Gaelic Words and Expressions from South Uist and Eriskay*:

Another belief among the people is that the dead come at night and take a living person away in their company often a great distance and return with him before morning. This is called *falbh air an t-sluagh*.<sup>933</sup>

Tha seachas mun t-sluagh fhathast ri chluinntinn ann an Uibhist a Deas agus Beinn a’ Bhaoghla gus an latha an-diugh.<sup>934</sup> Bha Catrìona Garbutt a’ cuimheachadh gur e cuspair còmhraidh cumanta a bh’ ann nuair a bha i na b’ òige. Mar a dh’innis i dhomh, “Bha iad daonnan a’ bruidhinn mun t-sluagh.” Tha i cuideachd ag aithneachadh gu bheil diofar bheachdan ann a thaobh gu dè a th’ anns an t-sluagh, le cuid dhen bheachd gur e sìthichean a bh’ annta agus feadhainn eile a’ cumail a-mach gur iad anman leanabhan nach deach a bhaisteadh.<sup>935</sup>

Dh’innis Garbutt sgeulachd dhomh bhon teaghlach aice fhèin ann am Beinn a’ Bhaoghla, a thachair nuair a bha ise air falbh aig an àrd-sgoil air tìr-mòr. Chaidh boireannach às an aon sgìre a dhìth air oidhche gheamhraidh agus chaidh a lorg air eilean ann am meadhan locha, dhan robh drochaid bheag de chlachan, mìltean air falbh bhon taigh. Fhad ’s bha càirdean Chatrìona ga siubhal, chuala iad “bruidhinn chloinneadh” os an cionn. An ath latha, thàinig an sagart, Mgr Eòsaph Caimbeul (1904-1967) a choimhead air a’ bhoireannach: “Duine beag down-to-earth a bh’ ann,” a rèir Catrìona. Mar a dh’innseas Catrìona e:

Thuirt e rithe, “Chuala mi gun robh sibh a’ siubhal.”

“Ò, cha robh mi ach a’ *glide*-adh.”<sup>936</sup>

<sup>932</sup> Robert Kirk, *The Secret Commonwealth of Elves, Fauns and Fairies* (1933), 67.

<sup>933</sup> Campbell, *Gaelic Words*, 222.

<sup>934</sup> Nuair a thàinig mise a dh’fhuireach ann am Bòrnais, Uibhist a Deas ann an 2008, chaidh innse dhomh le cuid às a’ bhaile gun robh fear às an àite air a thogail leis an t-sluagh aig crois-rathaid Bhòrnais uaireigin. Cha b’ ann ro-chreidmheach a bha a h-uile duine, ge-tà, le aon boireannach ag innse dhomh, “It’s likely there were spirits of another kind involved.”

<sup>935</sup> Catrìona Garbutt, 12.06.2018.

<sup>936</sup> Catrìona Garbutt, 12.06.2018.

Tha Dòmhnall Alasdair Johnson ag innse ann an clàradh bho 1970 gun “coisrigeadh” athair an uinneag air taobh an iar an taighe “an ainm an Athair ’s a Mhic ’s an Spiorad Naoimh” a h-uile oidhche gus nach tigeadh an sluagh a-staigh an rathad sin.<sup>937</sup> Tha cuid ann an Uibhist a Deas fhathast a’ cuimhneachadh gum biodh an sluagh a’ tighinn a-staigh dhan taigh bhon taobh an iar agus chuala mise nach robh uinneagan anns an taobh sin anns na seann taighean. ’S ann bhon taobh an iar a thig gèilltean mar as àbhaist, is mar sin, dh’fhaodadh gun robh adhbhar saoghalta airson sin cuideachd.

A’ tarraing air rannsachadh a chaidh a dhèanamh air seachas mu na sìthichean à Èirinn, tha Ragnall MacIlleDhuibh a’ mìneachadh mar a dh’fhaodar sgeulachdan mu na sìthichean fhaicinn mar dòigh gus dèiligeadh ri cuspairean doirbh ann an coimhearsnachdan dùthchasach agus gus leasan a chur air adhart gu buill na coimhearsnachd.<sup>938</sup> Faodar an seachas seo fhaicinn cuideachd anns an t-solas seo agus na tha Ó Ciosáin a’ dèanamh a-mach mu sgeulachdan a thèid cuimhneachadh leis gu bheil iad a’ cumail ri dòigh-smaoineachaidh na coimhearsnachd: tha e fada nas inntinniche a bhith a’ brosnachadh buill na coimhearsnachd a bhith a’ cumail ri dòighean-togail dùthchasach a bhios gad dhìon bhon t-sluagh, seach gad dhìon bhon ghaoith.

## 8.7 Uisge coisrigte agus cleachdaidhean bàis

Chìthear càirdeas eadar cuid de na cleachdaidhean gu h-àrd agus cleachdadh uisge coisrigte nuair a bha cuideigin air bàsachadh agus corp san taigh. Ann an clàradh a rinn Ealasaid Nic na Ceàrdaich aig Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1960 le Mòrag NicCoinnich (1894-1966) le buntanas do Mhiughalaidh, agus Sarah NicCoinnich (1896-1963) à Bhatarsaigh, cluinnear:

<sup>937</sup> Dòmhnall Alasdair Johnson, “Dìon bhon t-sluagh,” TanD, SA1970.189.A2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/59376?l=gd>.

<sup>938</sup> Ronald Black, “Introduction,” ann an John Gregorson Campbell, *The Gaelic Otherworld*, deas. Ronald Black (2005), xxxiv- xxxvi.



[Gum] biodh iad a' cur bobhla beag de dh'uisge coisrigte air taobh a-staigh an dorais a h-uile oidhche, agus nan robh uisge coisrigte ann, cha tigeadh iad [an sluagh] na chomhair.<sup>939</sup>

Tha creideamh ceangailte ri seo a' tighinn am follais ann an clàradh a rinn Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach aig Sgoil Eòlas na h-Alba ann an 1975 le Curstaidh NicAoidh (Curstaidh Dhòmhnail Sheumais, 1898-1984) à Geirinis, Uibhist a Deas, mu ghille beag a chaidh a dh'iarraidh uisge bhon tobar aig beul na h-oidhche:

Dh'eigh cailleach ris, "Chan fhalbh thu, a ghràidhein, gus an cuir mise druthag de dh'uisge coisrigte ort." Leig an gille na chraiceann nuair a chuala e an cunnart a bha seo!<sup>940</sup>

Bha an "cunnart" ann air sàilleabh 's gun robh corp san taigh. Cha tèid a mhìneachadh carson a bha seo cunnartach, ach ma dh'fhaodte gun robh spioradan nam marbh nas buailtiche a bhith a' dol air seachran mun deach an corp a thiodhlacadh. Bha uisge coisrigte air a chur gu feum ann an cleachdaidhean ionadail a thaobh bàs cuideachd. A rèir Alasdair Boyd (1889-1970) à Àird na Mònadh, Uibhist a Deas, ann an clàradh le Calum MacGilleathain bho 1958, nuair a bha corp anns an taigh eadar bàs agus an tiodhlacadh, bha uisge coisrigte aig ceann a' chuirp, an cois dà choinneil agus crann-ceusaidh.

Agus a h-uile duine a rachadh a-staigh bha seann chleachdadh aca, mun gabhadh e ùrnaigh bha e a' cur an uisge-choisrigte air a' chorp, 's bha e an uair sin a' gabhail ùrnaigh agus a' suidhe còmhla ri càch. Bha na dòigheannan eireachdail a bha sin againn.<sup>941</sup>

Rinn Mgr Ailein iomradh air cleachdadh coltach ri seo anns na notaichean aige fhèin:

A bowl of water is sometimes placed in the bed from which a corpse has been carried away to the graveyard. The idea is that the deceased may be thirsty on the way! In the South End of Uist & in Eriskay. The corpse is not laid out in a bed but on two boards or planks in the kitchen as a rule & the wall along side is draped with a white sheet & holy pictures & Rosary beads & Holy water is left at the side of the corpse.<sup>942</sup>

<sup>939</sup> Mòrag NicCoinnich agus Sarah NicCoinnich, "Naidheachd air fear a thachair ris an t-sluagh," TanD, SA1960.087.B8; B9, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/48853?l=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

<sup>940</sup> Curstaidh NicAoidh, "Cleachdadh a thaobh corp ann an taigh," TanD, SA1975.24.A4, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/52724?l=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

<sup>941</sup> Alasdair Boyd, "Cleachdaidhean bàis agus tiodhlacaidh ann an Uibhist a Deas," TanD, SA1958.86.A1, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/39795?l=gd>, tar-sgrìobhadh le Tobar an Dualchais.

<sup>942</sup> GUL 1090 (28), 98, àireamh 162.

Cha robh mòran atharrachaidh sam bith ri fhaicinn eadar seo agus an tuairisgeul air mar a thèid dèiligeadh ri corp ann am Barraigh sna 1950an:

Among all Catholics a bowl of holy water is placed on the bier alongside the body; Catholic mourners dip the fingers of the right hand in this and make the sign of the cross before kneeling to pray. On the chest of the corpse is placed a small dish of salt, around which one or two sets of Rosary beads are entwined. Tall candles in stands are placed around the bier; these are kept alight while the body is in the house.<sup>943</sup>

## 8.8 Uisge coisrigte agus mallachd

Dh'fhaodadh uisge coisrigte mallachd a chumail air falbh cuideachd, mar ann an sgeulachd a chlàraich Calum MacGilleathain aig Iain Caimbeul à Tiobartan, Uibhist a Deas ann an 1959, far an tèid taigh chaillich faisg air Rubha Ùisinis ann an Uibhist a Deas na theine le meall-teine as dèidh do chaithean soithich a tha aig acair faisg air làimh manadh dhe seo fhaicinn fad trì oidhcheannan. Nuair a chailleas a' chailleach an taigh, togaidh sgioba an t-soithich taigh ùr dhi.

“Ò, a leabhra,” ars' am bodach, “Cha ruig thu leas eagal a bhith ort tuilleadh,” ars' esan, “Cha chuir sìon dragh ort. Ach bheir do cheart aire, do cheart aire,” ars' esan, “gum faigh thu dhachaigh,” ars' esan, “botal de dh'uisge choisrigt’” ars' esan, “a bhios tu a' crathadh mu thimcheall an taighe. Feumaidh,” ars' esan, “gun e àite mollaichte, mollaichte, mollaichte a bha seo.”<sup>944</sup>

Tha an sgeulachd gu h-àrd na dheagh eisimpleir de bheul-aithris ionadail coimhearsnachdan Caitligeach nan Eileanan Siar, far a bheil measgachadh ann de chreideamhan choitcheann Chaitligeach a thaobh cumhachd uisge coisrigte, agus creideamhan ionadail mu mhanaidhean agus mallachd.

<sup>943</sup> Vallee, “Burial and Mourning Customs,” 126. Tha Shamus Y. MacDonald a' toirt seachad tuairisgeul gu math coltach air cleachdaidhean bàis ann an coimhearsnachdan Gàidhealach ann an Ceap Breatainn, ged nach eil e a' cur cus cuideam air mar a thèid uisge coisrigte a chleachdadh. “With Respect to the Dead,” 4/22.

<sup>944</sup> Iain Caimbeul, “Mar a chuidich sgiobair bàta cailleach nuair a chaidh a dachaigh na theine le meall-teine,” TanD, SA1960.7.B6, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/38556?l=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

## 8.9 Uisge coisrigte mar leigheas

Bha uisge coisrigte air a chleachdadh anns na coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar mar leigheas air daoine agus air beòthaichean. Tha Màiri NicAonghais às an Ìochdar, Uibhist a Deas, a' toirt iomradh air seo ann an clàradh a rinn i air leigheasan dùthchasach còmhla ri Seonag Nic a' Ghobhainn (Seonag Aonghais Iain Eòghainn) à Hàcleit, Beinn a' Bhaoghla, airson Ceòlas Uibhist ann an 2021:

MN: Agus an rud eile a bha thu ag innse dhomh cuideachd, nuair a dh'fhailigeadh a h-uile duin' eile, gun robhar a toirt dh'fhaodte balgam no deoch uisge coisrigte, dìreach a' cur làn earbsa ann an Dia nuair a bha a h-uile rud eile air a' fàiligeadh, an e sin a bha a' tachairt?

SN: Uell, chan e uisge coisrigte fhèin ach *Lourdes water*.

MN: 'S e uisge air a bheannachadh ann an Lourdes.

SN: Sin am fear. Bha am fear sin sònraichte, air leth, seach am fear eile.<sup>945</sup>

Tha na creideasan air am bi an dithist bhoireannach a' toirt iomradh an seo a' sealltainn mar a thug atharrachaidhean teicneòlais na 20mh linn buaidh air mar a bhiodh muinntir nan Eilean a' cleachdadh uisge coisrigte. Tha NicAonghais a' cur air adhart gun cleachdadh daoine uisge coisrigte mar leigheas mura h-obraicheadh rud sam bith eile, mar innleachd mu dheireadh. Fillte a-staigh an seo, tha beachd ann gun robh leigheasan "saoghalta" rim faighinn sna h-Eileanan san dàrna leth dhen 20mh linn agus gum bithear gam feuchainn an toiseach mus cuirear earbsa ann an cumhachdan uisge coisrigte.

A bharrachd air seo, tha na bhios Nic a' Ghobhainn ag ràdh, gun robh uisge à Lourdes nas fheàrr mar leighis na uisge coisrigte "àbhaisteach," a' sealltainn gun robh an cothrom a bh' aig muinntir nan Eilean a bhith a' siubhal gu àitichean naomha thall thairis a' toirt buaidh air na gnàthasan cràbhaidh aca aig an taigh. Tha coltas ann gun robh buill de choimhearsnachdan Caitligeach nan Eilean Siar a' dèanamh taistealachd

<sup>945</sup> "Seonag Nic a' Ghobhainn agus Màiri NicAonghais – Cungaidhean-Leighis," Ceòlas Uibhist, Youtube, 28.04.2021, [https://www.youtube.com/watch?v=q7lDouRaP9w&list=PLlOoC\\_-dn2BnmgauzXV7UD1ppa47BPdTx&index=6](https://www.youtube.com/watch?v=q7lDouRaP9w&list=PLlOoC_-dn2BnmgauzXV7UD1ppa47BPdTx&index=6). Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar. Airson fiosrachadh a bharrachd air beatha Seonag Nic a' Ghobhainn, faic Stòras Beò nan Gàidheal, "Seònaigh Smith (1)," "Seònaigh Smith (2)" agus "Seònaigh Smith (3)," Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, <https://www.uhi.ac.uk/en/research-enterprise/res-themes/humanities-and-arts/language-sciences-institute/projects/storas-beo-nan-gaidheal/>.

gu Lourdes bho mheadhan na 20mh linn, nuair a dh'fhàs siubhal air itealan nas cumanta, gus an latha an-diugh.<sup>946</sup> Ma dh'fhaodte gun tug cràbhadh pearsanta air cuid de na sagairt sna h-Eileanan buaidh air seo. Mar eisimpleir, bhiodh an Canon Aonghas MacCuithein (1923-2019) a bha na shagart ann an iomadh paraiste sna h-Eileanan, a' siubhal gu Lourdes gu tric.<sup>947</sup> Tha coltas ann gum bi cuid de Chaitligich sna h-Eileanan fhathast a' toirt uisge Lourdes dhan ospadal leotha agus ga òl mar leigheas fhad 's a tha iad ann.<sup>948</sup>

Tha sgeulachd Baintighearna Lourdes na deagh eisimpleir dhen dòigh a bhios cleachdaidhean ionadail agus cleachdaidhean coitcheann na h-Eaglaise ag obair còmhla. An dàrna turas a chunnaic Bernadette Soubirous, nighean òg à baile beag dùthchail anns na Pyrenees, boireannach os-nàdarra ann an uaimh faisg air baile Lourdes ann an 1858, thilg i uisge coisrigte oirre a bhith cinnteach nach e droch spioraid a bha i a' faicinn. Goirid às dèidh sin, dh'iarr am boireannach oirre cladhach san talamh agus fhuair i am fuaran mìorbhailteach às am bi uisge Lourdes a' tighinn.<sup>949</sup>

## 8.10 Pròstanaich agus uisge coisrigte

Coltach ris na sgeulachdan apocraphach ann an Caibideil 7, bhithear an dùil nach biodh muinntir nan Eilean Siar a' gabhail gnothaich ri uisge coisrigte air taobh a-muigh sgìrean Caitligeach, air sàilleabh 's nach eil àite ann do dh'uisge coisrigte sna siostaman creideimh Pròstanach a bha cumanta am measg nan Gàidheal bhon 19mh linn gus an latha an-diugh.<sup>950</sup> Ach tha fianais ann mu chleachdaidhean ionadail ann an sgìrean

<sup>946</sup> Mar fhianais air seo, gheibhear dealbh ann an tasglann Taigh-Tasgaigh Chill Donnainn bho 1963, a' sealltainn buidheann de mu 40 duine nan seasamh air stairsneach Bàislig Lourdes, agus ceathrar shagart nam measg. Tha bratach aca air a bheil dealbh de Bhaintighearna nan Eilean agus na faclan "Diocese of Argyll and the Isles – A Mhoire Ro-Naomh nan Eileanan Guidh Air ar Son" oirre.

<sup>947</sup> "Highly esteemed and 'legendary' Western Isles Priest Canon Angus MacQueen has died," *Press and Journal*, 02.11.2019, <https://www.pressandjournal.co.uk/fp/news/1674433/highly-esteemed-and-legendary-western-isles-priest-has-died/>.

<sup>948</sup> Conaltradh pearsanta le Mgr Ross Crichton.

<sup>949</sup> Ruth Harris, *Lourdes* (1999), 4, 6-7.

<sup>950</sup> Ged nach eil buidhnean Chrìostaidh ath-leasaichte a' cleachdadh uisge coisrigte mar a bhios Caitligich, tha na buidhnean Clèireach ann an Alba, mar Eaglais na h-Alba agus An Eaglais Shaor, a' gabhail ris a' *Westminster Confession of Faith* a bhios a' cumail a-mach gur e sàcramaid a th' ann am baisteadh, far a bheil uisge ga chleachdadh. Faic "Statements of the Church's faith," The Church of Scotland, <https://www.churchofscotland.org.uk/about-us/our-faith/statements-of-the-churchs-faith/>; "Core Beliefs and Ethos," Free Church of Scotland, <https://freechurch.org/beliefs/>; "Westminster

Gàidhealach Pròstanach a bha glè choltach ris na cleachdaidhean Caitligeach gu h-àrd. Sgrìobh t-Urramach Calum MacPhàil (1837-1906), Leòdhasach a bha na mhinistear san Eaglais Shaor, air beul-aithris a chruinnich e air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan san 19mh linn ann an sreath de dh'aithisgean san iris *Folklore*:<sup>951</sup>

Baptismal water sipped immediately after the performance of the rite, was supposed to act as a charm to avert evil and insure [sic] good. A clergyman, from Sutherlandshire, told me quite recently that he himself had seen - within the last forty years - each of the members of a family, in which he had performed a baptismal service, take a sip from the baptismal font. He said he reproved them for their belief in such a silly superstition, and there and then put an end to the custom.<sup>952</sup>

Mar fhianais air cleachdadh uisge choisrigte ann an coimhearsnachdan Pròstanach nan Eilean Siar às a' chiad leth dhen 20mh linn, Tha Dòmhnall Meek a' toirt seachad eisimpleir de sgeulachd à Tiriodh, far an tug fear a bha aithnichte mar lighiche uisge coisrigte seachad mar leigheas do bhò a bha air a dhol tioram.<sup>953</sup> An taca ri seo, tha Mgr Ross Crichton ag innse sgeulachd bhon latha an-diugh far a bheil e coltach gum faod mar a chleachdas Caitligich nan Eilean uisge coisrigte iongnadh air na nàbaidhean Pròstanach aca:

Chuala mi stòraidh mu dhèidhinn fear Pròstanach a bha seo ag obair aig an ambaileans. Agus bha e sìos an seo – agus chaidh cuideigin a thogail sìos aig an Acairseid airson a thoirt suas dhan ospadal. Agus bha fear eile còmhla ris a bha na Chaitligeach. So thuig esan dè bha tachairt. Ach thuir am fear Pròstanach seo, nuair a thàinig am boireannach seo a-mach le botal na làimh agus thòisich i crathadh uisge coisrigte air an euslainteach mus do dh'fhalbh e san ambaileans. Agus bha e car eagallach mu dhèidhinn. Cha robh fhios aige dè bha tachairt. So 's e am fear Caitligeach a bha ag innse dha dè bha i a' dèanamh.<sup>954</sup>

---

Confession of Faith," Free Church of Scotland, [https://freechurch.org/wp-content/uploads/2021/05/Westminster\\_Confession\\_of\\_Faith.pdf](https://freechurch.org/wp-content/uploads/2021/05/Westminster_Confession_of_Faith.pdf).

<sup>951</sup> A rèir John Abercromby, 's e maighstir-sgoile ann an Leòdhas a bh' ann am MacPhàil mun tàinig e a-mach na mhinistear ann an Cille Mhàrtain, Earra-Ghàidheal, agus rinn e cruinneachadh airson Iain Òg Ìle sna 1860an. Faic "Traditions, Customs and Superstitions of the Lewis," *Folklore* 6, No. 2 (June 1895): 162. Tha coltas ann gun do dh'obraich e còmhla ri Alasdair MacGilleMhìcheil a thaobh cruinneachadh beul-aithris cuideachd. Faic "MacPhail, Malcolm, Rev, 1837-1906," University of Edinburgh Archives, <https://archives.collections.ed.ac.uk/agents/people/3665>.

<sup>952</sup> Malcolm MacPhail, "Folklore from the Hebrides IV (continued)," *Folklore* 11, No. 4 (Dec 1900): 444-445.

<sup>953</sup> Meek, "Alexander Carmichael and 'Celtic Christianity,'" 83.

<sup>954</sup> Mgr Ross Crichton, 22.06.2018.

### 8.11 A' mhuir bheannaichte

Tha seachas ann a chaidh a chruinneachadh bho Chaitligich sna h-Eileanan Siar a bhios a' sealltainn gun bheil creideamh cumanta ann mun mhuir mar àite beannaichte.

Mar a bh' aig Mgr Ailein:

The sea is considered much more blessed than the land. A man will stay all night alone in a boat a few yards from the shore without fear, yet he would not stay an hour in the darkness alone on the shore so near him. [...] On one occasion going to Eriskay after nightfall I was made aware of this idea of the sea's blessedness. I asked the man who came for me what place on shore would his companion be in, who was awaiting us. "He won't be on the shore at all, by the book. He will be in the boat itself. The sea is holier to live on than the shore."<sup>955</sup>

Tha beachd ceangailte ri seo aig Pòl MacCaluim, à Taobh Tuath Ghleann Dàil, Uibhist a Deas, agus aig a bheil ceanglaichean teaghlaich ri Èirisgeidh:

Bha creideas mòr aca gur e a' mhuir a' chiad chladh a chaidh a choisrigeadh agus gur e Crìosda fhèin a choisrig e. Bha an creideas a' sin aig muinntir Èirisgeidh. 'S ann à Èirisgeidh a thàinig sinn. Agus tha mi cinnteach nuair a choimheadas tu air a' Bhìoball agus bha e a' coiseachd air bàrr na mara. Bha e ga coisrigeadh.<sup>956</sup>

Tha e furasta fhaicinn gum biodh am beachd gun robh a' mhuir beannaichte na fhurtachd don fheadhainn a bha a' faighinn teachd an tìr às a' mhuir mar iasgairean, agus a chuireadh ùine mhòr seachad air a' mhuir. Chithear taobh prataigeach dhen chreideamh seo: nam faigheadh iasgair bàs agus chan fhaighteadh a chorp, bhiodh an creideamh seo a' dearbhadh gun deach a "thiodhlacadh" ann an àite coisrigte, rud a tha cudromach do Chaitligich san fharsaingneachd. Le sin air a ràdh, tha seachas mu cheanglaichean diadhaidh agus uisgeachan nàdarra pailt. Fhuair Mgr Ailein am fios seo bho Dhòmhnall Caimbeul à Taobh a Deas Loch Baghasdail: "It is said that on the night that Our Lord was to be born all the water in the streams would be warm."<sup>957</sup>

Tha ceangal ri fhaicinn eadar an creideamh seo agus an sgeulachd a chlàraich Calum laMacGilleathain ann an 1959 aig Dòmhnall Mac an t-Saoir (Dòmhnall mac Alasdair 'ic Iain 'ic Iain 'ic Iain 'ic Nèill, 1892-1962) à Loch Aoineart, Uibhist a Deas, air mar a bha

<sup>955</sup> "McLeod. Eriskay. 1887," EUL CW 58A, 7r-8v, Àireamh 37.

<sup>956</sup> Pòl MacCaluim, 16.07.2021.

<sup>957</sup> EUL CW 58A, 63r, Àireamh 274.

Naomh Brìghde na muime aig breith Ìosa. Nuair a thig Moire is Eòsaph dha taigh, bidh i a' diùltadh deoch uisge dhaibh. Ach air an oidhche, tha ise agus a h-athair air an dùsgadh le fuaim "gàth aibhne" a tha ann mar chomharra air breith Chrìosda.<sup>958</sup>

Tha creideamh coltach ri seo ri fhaighinn am measg sliochd nam Barrach ri taobh Loch Bhras d'Or ann an Ceap Breatainn san 20mh linn. Ann an clàradh a chaidh a dhèanamh mu 2010, tha Mìcheal MacNìll (Mìcheal Eòin Chaluim Sheumais Mhòir, c.1930 - ) à Baile Sheumais, Ceap Breatainn, ag innse mu chleachdadh ionadail air Fèill Moire na Buana:

Bha là eile ann an July – August, the Assumption of Mary. Bha iad ag ràdh gun na chuir i làmh a's an uisge a's ar léig. Bhiodh iad a' dol gu *beaches*, bhiodh iad a' toirt botul do dh'uisge a's a' léig – uiste saillte. Bha 'ad ag ràdh gum biodh leigheas ann. Bha iad a' creidsinn ann a' sin.<sup>959</sup>

## 8.12 Tobraichean slàinte

Ceangailte ri creideamhan mun mhuir mar àite beannaichte, gheibhear creideamhan mu thobraichean slàinte mar àitichean naomha sna h-Eileanan Siar cuideachd. Gu sònraichte, bha an creideamh gun robh buaidh slànachaidh aig uisge bho na tobraichean seo cudromach. Tha feadhainn dhe na tobraichean slàinte sna h-Eileanan Siar mu dheas air an ainmeachadh às dèidh naomhan. Bha Calum Cille glè chumanta mar phàtran-naomh thobraichean sna h-Eileanan Siar mu dheas agus "Tobar Chaluim Chille" air tobraichean ann am Beinn a' Bhaoghla<sup>960</sup>, Barraigh, Miughalaigh, agus 's dòcha ann an Ceann Bharraigh cuideachd.<sup>961</sup> Chan eil seo na iongnadh, ge-tà, agus tobraichean air a bheil ainm an naoimh seo rim faighinn air feadh nan eileanan Gàidhealach.<sup>962</sup> Mar a chunnacas ann an Caibideil 6, tha feadhainn dhe na tobraichean

<sup>958</sup> Dòmhnall Mac an t-Saoir, "Brìghde agus Mac Dè ga breith," TanD, SA1960.12.A2, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/42045?l=gd>. Tar-sgrìobhadh le Tobar an Dualchais. Faic "Bride, Muime Mhic Dè," *Tocher* 39 (1985): 110-113.

<sup>959</sup> Mìcheal MacNìll, "Féill Moire na Buana," An Drochaid Eadarainn, <http://www.androchaid.com/node/65>. Tar-sgrìobhadh le Frangag NicEachainn.

<sup>960</sup> Clancy agus Evemalm-Graham, "Tobar Chaluim Chille," Eòlas nan Naomh, <https://uistsaints.co.uk/benbecula/tobar-chaluim-chille/>.

<sup>961</sup> MacLeòid, *Tobraichean Slàinte*, 75-76.

<sup>962</sup> Faic "Columb Cille M. Feidlimid," *Saints in Scottish Place-Names*, <https://saintsplaces.gla.ac.uk/saint.php?id=64>. Gheibhear tobraichean air a bheil ainm Chaluim

sna h-Eileanan ceangailte ri sgeulachdan mu shagairt iomraiteach às dèidh àm an Ath-Leasachaidh: gu sònraichte Mgr Diarmad Dùgan (Tobar a’ Dhùgain ann am Barraigh) agus Mgr Ailein Dòmhnallach. Tha Tobar Easbaig Eòghainn ann an Uibhist a Deas cuideachd. Dh’innis Flòraidh Dhòmhnallach (Flòraidh Dhòmhnail Iain Bhig, 1902-1980)<sup>963</sup> do Dhòmhnall Eairdsidh Dhòmhnallach aig Sgoil Eòlais na h-Alba mu dhèidhinn ann an an 1978:

Uell, tha tobar a-muigh aig bonn Beinn an Tairbeirt. ’S e Tobar Easbaig Eòghainn a th’ air. Agus bha iad ag ràdh, duine sam bith a bhiodh ag òl deoch às, gun robh leigheas ann, às an tobar. Tha e ri fhaicinn fhathast.<sup>964</sup>

Tha coltas ann gur e an t-Easbaig Eòghann seo sagart air an robh John MacDonald (1727-1779) sa Bheurla.<sup>965</sup> A rèir John Watts, chaidh a chur a dh’Uibhist a Deas mar shagart ann an 1754 nuair a chaidh Mgr Alasdair Forrester fhuadachadh às an eilean,<sup>966</sup> tachartas air an tugar sùil ann an Caibideil 6. Chaidh ainmeachadh easbaig Bhiocairid na Gàidhealtachd ann an 1761 ach bha aige ri fuireach sna h-Eileanan, a’ frithealadh Bharraigh agus Uibhist a Deas ri linn gainnead nan sagart air a’ Ghàidhealtachd.<sup>967</sup> Nuair a thàinig Mgr Mattias Wynne a dh’Uibhist agus Mgr Alasdair Dòmhnallach a Bharraigh ann ann 1765, chaidh e a dh’fhuireach air tìr-mòr.<sup>968</sup> Tha coltas ann gur e seo an t-aon àm a bha easbaig suidhichte sna h-Eileanan Siar.

Cha b’ e Caitligich a-mhàin a bha a’ creidsinn ann am buaidh uisge tobraichean slàinte. Chithear ann an suirbhidhean de thobraichean slàinte gu bheil iad a cheart cho cumanta ann an sgìrean Pròstanach ’s a tha iad ann an sgìrean Caitligeach sna h-

---

Chille ann an Eige, Diùra, Colobhsa, Muile, Uibhist a Tuath, agus ann an àitichean air tìr-mòr na Gàidhealtachd.

<sup>963</sup> Rugadh Dhòmhnallach ann an Aisgeirnis, thogadh i ann an Stadhlaigearraigh agus chuir i seachad a beatha phòsta ann an Gèirinis. Faic “Flora MacDonald,” TanD, <https://www.tobarandualchais.co.uk/person/6907?!=gd>.

<sup>964</sup> Flora MacDonald, “Iomradh air Tobar Easbaig Eòghainn,” TanD, SA1977.188.B3, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/65939?!=gd>. Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.

<sup>965</sup> Mo thaing do Mhgr Ross Crichton airson a’ bheachd seo, agus am beachd gum faodadh “Eòghann” tighinn bho “Eòin” mar “John” sa Bheurla. Tha seans ann cuideachd gur e seo am “Maighstir Iain” sna sgeulachdan aig Ceit Mhoireasdain ann an Caibideil 6, agus bheil ainm an sagairt seo agus Mgr Seumas MacGriogair air a dhol an lùib a chèile ann an seachas.

<sup>966</sup> John Watts, *Hugh MacDonald* (2002), 146-147.

<sup>967</sup> Watts, *Record*, 90.

<sup>968</sup> Watts, *Hugh MacDonald*, 175-176.



Eileanan Siar agus air feadh Alba.<sup>969</sup> Aig deireadh na 20mh linn agus toiseach na linne seo, chan eil tòrr dhiubh aithnichte fhathast sna h-Eileanan. Mar a chunnacas gu h-àrd, tha coltas ann gun do ghabh uisge Lourdes àite uisge nan tobraichean seo co-dhiù gu ìre ann an creideamh cuid sna coimhearsnachdan Caitligeach. Ma dh'fhaodte gu bheil an ceangal eadar an creideamh ionadail seo agus creideamh coitcheann na h-Eaglaise mu bhuidh uisge Lourdes ri fhaicinn aig tobar air cùlaibh na h-eaglaise ann an Dalabrog far an deach *shrine* le ìomhaigh Baintighearna Lourdes a thogail ann an 2008 gus an ceud gu leth bhliadhna on a nochd an Òigh Mhoire ann an Lourdes a chomharrachadh.

Tha Mgr Ross Crichton, a tha a-nist na shagart paraiste ann an Dalabrog, dhen bheachd gu bheil Caitligich nan Eilean tòrr nas buailtiche a bhith a' cleachdadh uisge coisrigte a gheibh iad san eaglais seach a bhith a' dol gu tobraichean slàinte san latha an-diugh, agus esan a' mothachadh gum feum esan an togsaid tha ga cumail ann am poirdse na h-eaglaise a lionadh gu tric. Tha seo a' dèanamh ciall agus an t-uisge coisrigte tòrr nas fhasa faighinn thuige na tobar slàinte air a' mhointich no air a' mhachaire.<sup>970</sup> A' dol leis a' bheachd seo, gheibhear cunntas air fear dhe na daoine mu dheireadh, a bha aithnichte sa choimhearsnachd co-dhiù, a chaidh gu Tobar Donnain ann an Cill Donnain, Uibhist a Deas gus leigheas fhaighinn – fear Pròstanach à Uibhist a Tuath air an robh aillse.<sup>971</sup>

### 8.13 Uisge coisrigte agus peanasan

Mura biodh daoine a' gabhail ris na creideamhan a bh' ann mu uisge coisrigte, dh'fhaodadh iad a bhith air am peanasachadh. Tha sgeulachd a bhios a' sealltainn seo aig Pòl MacCaluim:

Seadh –'s e pòsadh – rud a chanas iad ri *mixed marriage*. Bha ise na Pròstanach agus bha an duine na Chaitligeach. Agus aig an àm sin agus chun an latha an-diugh, far a bheil sin a' tachairt, chì thu, gu bith cò e na Phròstanach, gun tig iad dhan Aifreann Oidhche Nollaig, oidhcheannan mar sin, air latha sònraichte. Agus bha i leatromach. Agus nuair a thàinig iad gu doras na h-eaglais, thuir an

<sup>969</sup> Mar eisimpleir, faic MacLeod, *Tobraichean Slàinte*, agus Ruth agus Frank Morris, *Scottish Healing Wells* (1982).

<sup>970</sup> Agallamh le Mgr Ross Crichton, 22.07.2018 agus conaltradh pearsanta.

<sup>971</sup> "Tobar an Donnain," clàradh le Ceòlas Uibhist.

duine aice rithe, “Cuir do làmh dhan uisge choisrig.” “Ò, cha chuir,” ars’ ise.”  
 “Cuir do làmh ann,” “Cha chuir,” ars’ ise. Is cha deach an còrr a ràdh agus cha  
 do rinn i idir e. Ach nuair a rugadh am pàiste, bha leth-làimh air. Nist, bha sin  
 ann an cuimhne nan daoine seo. Bha e ann an cuimhne mo sheanmhar agus  
 bha e ann an cuimhne mo mhàthar ’s na daoine a bha sin. Tha cuimhn’ aca air  
 sin a’ tachairt.<sup>972</sup>

Nuair a chuir mise ceist air, bha MacCaluim deimhinn nach e an t-uisge fhèin a bu  
 choireach dha seo ach cumhachd Dhè ag obair tron uisge:

(KR: Agus an robh sin dìreach a’ sealltainn cho cumhachdach ’s a bha uisge  
 coisrigte? No gu dè--)

Chan e. Tha mi a’ smaointinn an rud a tha e a’ sealltainn gum feum sinn urram  
 agus a bhith umhail do Dhia. Chan e an t-uisge coisrig fhèin idir, fhios agad. Tha  
 an t-uisge coisrig cumhachdach mar a tha fios againn. Tha a h-uile taigh, bha  
 còir uisge coisrig a bhith ann airson an droch fhear a chumail air falbh, agus an  
 droch spioraid, an droch shùil, na bith dè a chumail air falbh. Ach – agus aig  
 doras na h-eaglais. Tha mi a’ smaointinn an leasan a bha sin, gu bheil còir aig  
 duine, gu bith cò thu, chan eil e gu diofar cò thu, a bhith umhail do Dhia. Agus  
 urram a shealltainn dha. ’S cha do rinn i sin.<sup>973</sup>

Tha an sgeulachd seo coltach ris na sgeulachdan à coimhearsnachdan Caitligeach air a’  
 Ghàidhealtachd agus ann an Èirinn. Thèid boireannaich a pheanasachadh le Dia le  
 leanabhan gam breith agus rudeigin ceàrr orra a bhios a’ freagairt ri peacadh na  
 màthar.<sup>974</sup> Tha an aon fheallsanachd a thaobh a bhith umhail de chumachd Dhè ri  
 fhaighinn anns a’ chunntas a thug Dòmhnall Caimbeul à Taobh a Deas Loch Baghasdail  
 seachad do Mhgr Ailein Dòmhnallach mu uisgeachan na talmhainn gam blàthachadh  
 air Oidhche Nollaig:

It is said that on the night that Our Lord was to be born all the water in the  
 streams would be warm. One incredulous woman would not believe this and  
 on the night of Our Lord’s birth she went out in her incredulity to prove her  
 opinion but not returning her friends went out for her & found her dead at the  
 side of the stream, & they attributed her fate to her want of faith in the power  
 of God.<sup>975</sup>

---

<sup>972</sup> Pòl MacCaluim, 16.07.2021.

<sup>973</sup> Pòl MacCaluim, 16.07.2021.

<sup>974</sup> Faic Kenneth Jackson, “The Baby without a Mouth,” *Béaloides* 39/41 (1971-1973): 157-164, agus  
 Séan Ó Suilleabháin, “Díoltas i nDroch-Bhirt,” *Béaloides* 39/41 (1971-1973): 251-265.

<sup>975</sup> “Donald Campbell, SLBoisdale,” EUL CW 58A, 63r, Àireamh 274.

Ceangailte ris an dreuchd oideachaidh aig sgeulachdan mu na sìthichean a bhios MacIlleDhuibh a' cur an cèill gu h-àrd, tha e furasta fhaicinn gu bheil leasan ri fhaighinn san t-seanchas chràbhaidh seo. Mar a sgrìobhas William R. Bascom, "Folklore fulfills the important but often overlooked function of maintaining conformity to the accepted patterns of behaviour."<sup>976</sup>

#### 8.14 Uisge coisrigte mar leigheas air an droch shùil

Tha ceangal ann eadar cleachdadh uisge coisrigte agus creideamhan mun droch shùil ann an coimhearsnachdan Caitligeach sna h-Eileanan Siar ri fhaicinn ann an cunntasan bhon 19mh linn gus an latha an-diugh. 'S e seo eisimpleir eile air mar a chleachdadh daoine uisge coisrigte gus daoine, beòthaichean agus àitichean a dhìon bho olc.

Tha creideamh ann an droch shùil cumanta ann an iomadh cultar. Tha Alan Dundes a' mìneachadh seo:

The evil eye is a widespread but by no means universal folk belief complex according to which the gaze or praise of one individual at or for another may cause illness or even death to the second individual or an object belonging to that individual, e.g., a fruit tree or cow.<sup>977</sup>

Tha pailteas de sheanchas mun droch shùil ann am beul-aithris nan Gàidheal.

Gheibhear sealladh farsaing air na creideamhan is cleachdaidhean mu thimcheall oirre am measg nan Gàidheal san 19mh linn anns an leabhar *Evil Eye in the Western Highlands* a sgrìobh R.C. MacLagan (1839-1919).<sup>978</sup>

Bha creideamh san droch shùil beò sna h-Eileanan Siar san 20mh linn agus suas gus an latha an-diugh. Tha Pòl MacCaluim a' mìneachadh gur e farmad a tha aig cùl a'

---

<sup>976</sup> William R. Bascom, "Four Functions of Folklore," *The Journal of American Folklore* 67, No. 266 (Oct – Dec 1954): 346.

<sup>977</sup> Alan Dundes, "Preface," ann an *The Evil Eye: a Casebook*, deas. Alan Dundes (1992), vii.

<sup>978</sup> R.C. Maclagan, *Evil Eye in the Western Highlands* (1902). Chruinnich MacLagan agus an sgioba aige an t-uabhas de bheul-aithris air a' Ghàidhealtachd aig deireadh na naoideamh linn deug. Tha na pàipearan aige rim faighinn ann an leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann. "The Maclagan Manuscripts," University of Edinburgh Information Services, <https://www.ed.ac.uk/information-services/library-museum-gallery/cultural-heritage-collections/school-scottish-studies-archives/manuscripts-collections/macclagan>.

ghnothaich le bhith a’ toirt seachad sgeulachd mun t-sean-fhacal, “Sgàinidh farmad na clachan glasa”:

Bha, ann an linn mo sheanmhar a-rèist, air an Lùdag, nuair a thàinig iad a-nall, ann 1910, a-nall à Èirisgeidh, an t-uabhas dhiubh. Agus bha an duine a bha seo, bha fhios aige gun robh aige air a dhol seachad air an taigh a bha seo, agus bha deagh amharas aige gun robh an taigh sin, no an duine anns an taigh, farmadach, na am bean farmadach ris. Chuir e molagan dhan phòc aige, agus choisich e seachad, agus nuair a chaidh e seachad air an taigh chuir e a làmhan na phòca agus bha a’ mholag na dà leth.

(KR: ‘S e an droch shùil a rinn sin.)

An droch shùil a rinn – farmad. Tha an droch shùil a’ tighinn às an fharmad.

Agus “sgàinidh farmad na clachan glasa.” Agus ‘s e an fhirinn a th’ ann. Thachair sin. Thachair e.<sup>979</sup>

Ann an agallamh a rinn Tracy Chipman le Màiri NicRuairidh à Geirinis an Ear, Uibhist a Deas ann an 2004, bidh NicRuairidh ag innse mar a tha ise a’ tuigsinn na droch sùla:

The evil eye can be done. The evil eye is something that has happened, and I suppose will still happen. But it comes from the heart. But it’s not through badness, but it’s something that, see if you see something that, see if you see something, you see something good, like, for example, you, I’ve seen a beautiful cow and a calf on somebody else’s place. Or I’ve seen a woman after milking her cow and she had a lovely pail of milk. And I say, “That’s beautiful. I wish I had a cow that would give me that.” Or, “I wish I had a cow and a calf like that.” Well, if you’ve got this thing in your heart, not everyone has it, but some people have, you can cast a spell unknown to yourself. But still it’s the greed there – it’s attached to a bit of greed.<sup>980</sup>

Anns an aon chlàradh, bidh NicRuairidh a’ toirt seachad chunntasan air mar a chuireadh boireannach a bha a’ fuireach faisg oirre an droch shùil air beòthaichean gun fhiosta dhi, agus mar a bhiodh seann bhoireannach eile san aon choimhearsnachd ga stiùireadh fhèin gus an droch shùil a thogail. Bidh i ag innse mar a chuir an aon bhoireannach droch shùil air bò agus laogh a bh’ aice agus mar thug an t-seann bhoireannach comhairle dhi air mar a dhèanadh i leigheas:

So we had to go for ru – take a clean pail, gather running water, water that was running, and –

(TC: Running from a tap or in a stream?)

<sup>979</sup> Pòl MacCaluim, 18.07.2021. Bidh Duncan Sneddon a’ toirt seachad cunntas air sgeulachdan stèidhichte air an t-seanfhaical seo anns am bi Calum Cille a’ nochdadh ann am “Folkloric Hagiography,” 223-224.

<sup>980</sup> Mary MacRury, “Stories, Premonitions and Customs from East Geirinish,” DASG, [https://dasg.ac.uk/audio/view/s/mot/Stories\\_Premonitions\\_and\\_Customs\\_from\\_East\\_Geirinish](https://dasg.ac.uk/audio/view/s/mot/Stories_Premonitions_and_Customs_from_East_Geirinish). Ceangal gun fhaotainn (2023). Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar. Dh’eug NicRuairidh ann an 2005.

No, no, in a stream. No, tap water wouldn't do. Running from a stream. And in the bottom of it, you had to place a silver coin. A sixpence or a shilling or whatever. And let the water run on that. And twice run that water down the cow's back and the calf's back. That had to be done twice. Included was a short prayer. And it cured.<sup>981</sup>

Ged as e uisge thar airgid a mhol an seann bhoireannach gus an droch shùil a thogail far bheòthaichean, bha i cuideachd a' moladh uisge coisrigte mar dhìon bhon droch shùil:

And she used to say to me, if the boys were going out that way, past that woman's house, "Have you sprinkled these boys with holy water?" I said, "Pfft," and she said, "Do. Cause that woman's only got one of a family; hasn't got any boys. And," she says, "you never know what might be in her heart when she sees these boys going by the house." [...] So there is such a thing as the evil eye.<sup>982</sup>

Bidh na tha MacCaluim agus NicRuairidh ag innse mun droch shùil a' dol leis na thathar a' tuigsinn mun chreideamh seo ann an co-theagsa a tha tòrr nas fharsaing na dualchas nan Gàidheal Caitligeach sna h-Eileanan Siar. Mar a chaidh a mhìneachadh le Dundes gu h-àrd, gheibhear creideamhan mun droch shùil ann an cultaran air feadh an t-saoghail, bho chultaran àrsaidh gus an latha an-diugh. Mar a chithear ann an sealladh farsaing air an droch shùil ann an *Oxford Bibliographies*:

The belief is typically connected to envy [...] Women and outsiders, in particular, are thought capable of casting the evil eye, and those who are beautiful, healthy, wealthy, or young are especially vulnerable to it.<sup>983</sup>

Le sin air a ràdh, chithear gu bheil leigheasan air an droch shùil a' dol leis a' chreideamh a tha cumanta san sgìre às an tig na cunntasan. Ann an cunntas air mar rinn i leigheas air mart air an do laigh an droch shùill, bidh Peigi Dòmhnallach à Loch Aoineart, Uibhist a Deas, ag innse mu chleachdadh a bha glè choltach ris na rinn Màiri NicRuairidh:

"Faigh thusa," arsa mise, "bonn leth-chrùn no bonn dà thastain, agus cuir ann am bobhla uisge e. Agus cuir oirre an t-uisge," arsa mise, "air na meidhichean

---

<sup>981</sup> MacRury, "Stories."

<sup>982</sup> MacRury, "Stories."

<sup>983</sup> Nicole Tilford, "Evil Eye," *Oxford Bibliographies*, 2014, <https://www.oxfordbibliographies.com/view/document/obo-9780195393361/obo-9780195393361-0112.xml> .

aise,” arsa mise, “ann an ainm an Athair ’s a Mhic ’s an Spioraid Naoimh, ma tha thu ga chreidsinn.”<sup>984</sup>

Tha e follaiseach gu bheil an cleachdadh seo ceangailte ri Sàcramaid a’ Bhaistidh. Gu dearbh, tha an cleachdadh air am bi Màiri NicRuairidh agus Peigi Dhòmhnallach a’ toirt tuairisgeul glè choltach ris an dòigh a thèid neach a bhaisteadh. Tha Sàcramaid a’ Bhaistidh air a mhìneachadh ann an *Athghearradh Teagaisg Chriosta* (1886):

Thathas a’ toirt seachad a Bhaistidh le dortadh uisg air ceann na h-urra thathas a baisteadh, ’s ag-radh: *Tha mi ga d’ bhaisteadh ’an ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spioraid Naoimh.*<sup>985</sup>

Bheir MacLagain iomradh air a’ cheangal seo ann an *Evil Eye in the Western Highlands*. Ged a bha esan a’ cumail a-mach gun robh creideamh san droch shùil a’ dol air ais do chreideamhan dùthchasach air a’ Ghàidhealtachd ro theachd Chrìostaidheachd, a’ tarraing air an aon ràmh “pàganach” aig Gordon-Cummings gu h-àrd, bha e follaiseach dha gun robh an creideamh Crìosdail air buaidh a thoirt air na cleachdaidhean mu thimcheall oirre: gun robh “aspersion with water” mar leigheas air an droch shùil ceangailte ri “baptism, and the holy water of the Roman Church.”<sup>986</sup> Tha e a’ cur an cèill a’ bheachd aige mar seo:

The belief in the Evil Eye no doubt is pagan, though believed to be supported by Christian dogma, and seeing the importance attached to the rite of baptism in the name of the Trinity, it seems hardly to be wondered at that some equivalent ceremony should have been evolved for the cure of so mystic an influence as the Evil Eye.<sup>987</sup>

Bidh MacLagain cuideachd a’ toirt seachad chunntasan air leighisean eile air an droch shùil, anns am biodh buinn òir gan cleachdadh ann an uisge, a bharrachd air clachan, iarainn, agus fiodh. Bha an dà chuid salann agus mùn air an cleachdadh gus an droch shùil a chumail air falbh.<sup>988</sup> Tha an iomadachd seo a’ dol le cleachdaidhean ann an iomadh cultar air feadh na Roinn Eòrpa agus nas fhaide air falbh far a bheil caochladh

<sup>984</sup> Peggy MacDonald, “Mar a rinneadh na b’ fheàrr mart air an do laigh an droch shùil,” TanD, SA1958.080, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/38853?l=gd>. Tar-sgrìobhadh le Tobar an Dualchais.

<sup>985</sup> *Athghearradh Teagaisg Chriosta* (1886), 25.

<sup>986</sup> MacLagan, *Evil Eye*, 3.

<sup>987</sup> MacLagan, *Evil Eye*, 163.

<sup>988</sup> MacLagan, *Evil Eye*, 166-180.

rud air an cleachdadh gus leigheasan a dhèanamh agus gus an droch shùil a chumail air falbh.<sup>989</sup>

Ach anns na cunntasan bho na h-Eileanan Siar san 20mh linn, 's e an dà leigheas air an droch shùil as cumanta uisge thar airgid agus an snàithlean. Tha tuilleadh rannsachaidh ri dhèanamh air creideamhan is cleachdaidhean dùthchasach mu thimcheall air an t-snàithlean, ach tha coltas ann gu bheil na pàtran an a bh' ann a thaobh seo glè choltach ri uisge thar airgid mar leigheas air an droch shùil : tha ceangal ann ri ùrnaighean agus cleachdaidhean bhon eaglais a thaobh sàcramaidichean (*sacramentals*), ach gur e gnothach a dhèanadh duine sa choimhearsnachd fhèin gus an droch shùil a chumail air falbh bho na beòthaichean aca. Tha cuimhne aig cuid ann an Uibhist a Deas gus an latha an-diugh air buill dhen choimhearsnachd a dhèanadh snàithlean.<sup>990</sup> Bha an dà leigheas, uisge thar airgid agus an snàithlean cuideachd aithnichte ann an coimhearsnachdan anns an do shuidhich sliochd Uibhist a Deas agus Barraigh ann an Ceap Breatainn suas gu deireadh na 20mh linn cuideachd. Mar eisimpleir, gheibhear iomradh air an dà chuid uisge thar airgid agus an snàithlean ann an cunntas mun droch shùil aig Calum Caimbeul (Malcolm Campbell) à Baghasdal, Ceap Breatainn.<sup>991</sup>

Bha na dearbh chleachdaidhean seo – an snàithlean agus uisge thar airgid – aithnichte ann an sgìrean Pròstanach air a' Ghàidhealtachd cuideachd, agus chan eil e coltach gun robh diofar ann a thaobh ciamar agus carson a bha iad air an cur gu feum. Mar eisimpleir, tha Flòraidh NicCumhais (Flora MacCuish, 1898-1971) à Beàrnaraigh na Hearadh a' toirt seachad cunntas air mar a rinn bodach leigheas air bò a màthar agus an droch shùil air tuiteam oirre. Tha i cuideachd ag innse mar a chuireadh daoine snàithlean air beòthaichean gus an dìon bhon droch shùil.<sup>992</sup> Tha coltas ann cuideachd nach robh luchd-clèire Pròstanach daonna a' cur sìos air creideamhan leithid na droch sùla. Ann an clàradh le Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach, bidh Niall Dòmhnallach bhon

---

<sup>989</sup> Tha iomadh eisimpleir ri fhaighinn ann an Dundee, *The Evil Eye*, *passim*.

<sup>990</sup> Faic an cunntas aig Pòl MacCaluim sa Èarr-ràdh mar eisimpleir.

<sup>991</sup> Tha e coltach gur ann à Miughalaidh a bha seanair Chaimbeul. Faic "Campbell, Malcolm," The Beaton Institute, <https://beatoninstitute.com/campbell-malcolm-2>. Gheibhear tar-sgrìobhadh dhen chunntas aig Caimbeul san Èarr-ràdh.

<sup>992</sup> Flòraidh NicCumhais, "An droch-shùil agus leigheas," TanD, SA1967.090.B1, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/42974?l=gd>.

Taobh Tuath sna Hearadh ag innse mar a chaidh an droch shùil a chur air dà bhò eildeir sa bhaile aige agus esan a' maoidheadh bhon chùbaid gun ainmicheadh e cò bu choireach dha seo.<sup>993</sup> Tha clàr eile ann anns am bi Pàdraig Stiùbhart (Pàdraig Sheonaidh, 1884-1971) à Barabhas, Leòdhas, ag innse gun do rinneadh leigheas air an each aige air an do laigh an droch shùil le bhith crathadh uisge thar airgid air ann an ainm an Athar, 's a' Mhic 's an Spioraid Naoimh. Bidh e cuideachd a' mìneachadh na droch sùla le fianais bho Sgrìobtair.<sup>994</sup> Chan eil e na iongnadh gun robh cleachdaidhean agus creideamhan mar seo rim faighinn ann an coimhearsnachdan Pròstanach sna h-Eileanan Siar, ach coltach ris na sgeulachdan apocraphach a fhuaras ann an Caibideil 7, ma dh'fhaodte nach eil cothromachd air a bhith ann a thaobh na chaidh a chruinneachadh anns na coimhearsnachdan seo. Tha cothrom ann do luchd-rannsachaidh a bhith a' faighinn fios a bheil cuimhne air na creideamhan seo fhathast sna h-Eileanan Siar mu thuath. 'S fhiach cuimhneachadh cuideachd gur e ministearan Pròstanach a rinn cuid dhen obair as cudromaiche mu thimcheall air creideasan dhen leithid seo, bhon *Secret Commonwealth* aig Raibeart Kirk gus an obair cruinneachaidh luachmhor a rinn Iain MacGriogair Caimbeul (John Gregorson Campbell, 1836-1891).<sup>995</sup>

### 8.15 Co-dhùnadh

Chunnacas anns a' chaibideil seo mar a tha cleachdaidhean mu thimcheall air uisge, gu h-àraid uisge coisrigte, na làcas far a bheil creideamhan coitcheann Crìosdail agus creideamhan dùthchasach nan Gàidheal mun t-saoghal os-nàdarra a' tighinn còmhla ann an cleachdaidhean ionadail sna h-Eileanan Siar mu dheas a thaobh beannachadh, leigheas agus dìon. Coltach ri mòran fheartan dùthchasach eile sna h-Eileanan Siar, tha sgrìobhadairean bho thaobh a-muigh na coimhearsnachd air na cleachdaidhean seo a thaisbeanadh mar phairt dhen ìomhaigh air na h-Eileanan Siar mar àite "air leth" – an seo mar àite far an robh cleachdaidhean "pàganach" fhathast rim faighinn. Ged a tha freuman ann an sàcramaidean na h-Eaglaise Chaitligich aig na cleachdaidhean seo, bha

<sup>993</sup> Neil MacDonald, "An droch-shùil agus uisge airgid," TanD, SA1970.75.A8, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/12358?l=gd>.

<sup>994</sup> Pàdraig Stiùbhart, "An droch-shùil agus nithean eile," TanD, SA1964.36B6a;B6b, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/58800?l=gd>.

<sup>995</sup> Faic Black, "Introduction," *The Gaelic Otherworld*, xix, xxi, agus Deborah Davis, "Contexts of Ambivalence," *Folklore* 103, no. 102 (1992): 201-221.



iad rim faighinn cuideachd ann an coimhearsnachdan Pròstanach sna h-Eileanan Siar suas dhan 20mh linn.

## Co-dhùnadh

Tha an tràchdas seo air roinn de fhianais mu chleachdaidhean creideimh sna h-Eileanan Siar mu dheas bhon naoideamh linn deug gus an latha an-diugh a thrusadh, a thaisbeanadh agus a sgrùdadh sa chiad uair. Thug gach caibideil sùil air làcas creideimh a tha air a bhith cudromach do Chaitligich sna h-Eileanan Siar bho dheireadh na 19mh linn gus an latha an-diugh, far a bheil muinntir nan Eilean air a' bhlas ionadail aca fhèin a chur air cleachdaidhean a th' air a bhith a' tighinn fo bhuaidh ghluasadan san Eaglais Chaitligich air fad air feadh an àma seo. Mar a chaidh sealltainn, faodar an t-eadar-obrachadh seo a thuigsinn tron fhrèam-sgrùdaidh aig Niall Ó Ciosáin, far a bheil buaidh choitcheann aig ìre na h-Eaglaise Chaitligich, buaidh chumanta aig ìre "Ghàidhealach" agus buaidh ionadail aig ìre na coimhearsnachd fhèin a' tighinn còmhla gus an dà chuid luachan na h-Eaglaise agus luachan dùthchasach a dhaingneachadh.

Ann an Caibideil 2, rinnear sgrùdadh air an eadar-obrachadh seo a thaobh Gàidhlig san Aifreann agus chunnacas mar a bha laoidhean Aifrinn Gàidhlig, gu h-àraid "Aifreann Mhaighstir Ailein," an dà chuid a' leantainn ghluasadan san Eaglais agus ag obair mar làcas seasmhach do mhuinntir nan Eilean rè atharrachaidhean ann an liotuirgidh san Eaglais Chaitligich. Chunnacas cuideachd mar a thug an leabhar cràbhaidh *Iùl a' Chrìostaidh* cothrom do Chaitligich nan Eilean a bhith a' leantainn na h-Aifrinn sa chànan aca fhèin agus aig an aon àm a' gabhail ri Gluasad Liotuirgeach na h-Eaglaise Chaitligich.

Ann an Caibideil 3, chaidh dearbhadh gu bheil àite sònraichte aig an Òigh Mhoire ann an creideamh Caitligich nan Eilean, ach gu bheil seo gu mòr a' dol leis a' chuideam a bha ga chur air cràbhadh do Mhoire san Eaglais Chaitligich san 19mh linn agus san 20mh linn. A bharrachd air seo, chaidh sealltainn mar a tha Statue Ruaidheabhail agus na "shrines" ann an Uibhist a Deas ann mar "lieux de mémoire" a' bhios a' samhlachadh fèin-aithne muinntir Uibhist a Deas mar Chaitligich is mar Ghàidheil aig àm a bha dòigh-beatha dhùthchasach an eilein fo bhagairt. Tha an samhachas seo a' dol leis an dreuchd aig an Òigh Mhoire mar neach-tèarmainn do Chaitligich.

Ghabh Caibideil 4 aon ùrnaigh dhùthchasach às na h-Eileanan Siar mu dheas, “Am Pears’-Anma” mar làcas creideimh. Shuidhich a’ chaibideil an ùrnaigh ann an co-theagsa chleachdaidhean Caitligeach a thaobh ùrnaighean oidhche is ùrnaighean bàis, feartan a bha air an cleith anns an dòigh a chaidh ùrnaighean dha leithid fhoillseachadh le Alasdair MacGilleMhìcheil. Tha an sgrùdadh dòmhainn iomadh-thùsach air a’ “Phears-Anma” a’ sealltainn mar a bheir tionndaidhean beul-aithriseach agus foillsichte dhen ùrnaigh buaidh air a’ chèile, agus a’ dearbhadh gu bheil mic-talla dhen ùrnaigh seo agus a dlùth charaid, “An t-Altachadh Leapa” gan leantainn anns na h-Eileanan gus an latha an-diugh.

Ann an Caibideil 5, chunnaic sinn gun robh an dà chuid sgrìobhadairean Caitligeach agus Pròstanach san 19mh linn agus san 20mh linn a’ cur air adhart ìomhaigh dhe na h-Eileanan Siar mu dheas mar “thèarmann spioradail” a bha a’ freagairt ris na h-adhbharan aca fhèin. Nuair a thigeadh e gu taisbeanadh creideamh muinntir nan Eilean, bha sgrìobhadairean mar MhacGilleMhìcheil uaireannan ro dheònach iomlaid a dhèanamh eadar “Caitligeach” agus “Ceilteach.” Thog a’ chaibideil cuideachd ceistean mun bhuidh a bh’ aig gràin-creideimh air Caitligich sna h-Eileanan. Nuair a bheirear sùil air cràbhachd phoblach muinntir nan Eilean aig an àm seo mar làcas creideimh, getà, chìthear gu bheil cruth agus sgeadachadh eaglaisean agus cràbhaidhean a’ dol leis na bha a’ tachairt anns an Eaglais Chaitligich air fad, le sagairt air leth a’ cur blas ionadail air na feartan seo, gu h-àraid a thaobh cànan.

Thug Caibideil 6 sùil air seachas mu shagairt a bha ri fhaighinn anns na h-Eileanan Siar mu dheas anns an 19mh linn agus an 20mh linn mar “lieu de mémoire” far a bheil an dà chuid luachan na h-Eaglaise agus luachan Gàidhealach air an cur an cèill. Chìthear sagairt anns an t-seachas seo an dà chuid mar “Chrìosda eile” agus mar ghaisgich Ghàidhealach. Chuir Caibideil 7 seachas apocraphach nan Eilean fon phrosbaig mar làcas creideimh eile, gus sealltainn gu bheil an seachas seo a’ buntainn ri dualchas Caitligeach nan Eilean, mar a bhithte an dùil, agus gun robh na h-aon sgeulachdan rim faighinn ann an coimhearsnachdan Pròstanach cuideachd. Le bhith dèanamh coimeas eadar mar a tha seanchaidhean Caitligeach agus Pròstanach a’ bruidhinn mun t-seachas seo, chìthear gum faodadh an càirdeas eadar creideamh agus beul-aithris a bhith toinnte ann an sùilean buill an dà choimhearsnachd seo.

Mu dheireadh thall, ann an Caibideil 8, chunnaic sinn mar a bha cleachdaidhean mu thimcheall air uisge coisrigte air an taisbeanadh mar fhianais air “pàganachd” muinntir nan Eilean seach a bhith gan cur ann an co-theagsa sàcramaidean na h-Eaglais Chaitligich. A’ coimhead air uisge coisrigte mar làcas creideimh eile, chunnacas mar a tha cleachdaidhean Caitligeach san fharsaingeachd mu chumhachd Dhè agus creideamhan ionadail mu na sìthichean agus an droch shùil a’ tighinn còmhla. Ged a tha leantainneachd ri fhaicinn a thaobh chleachdaidhean mu thimcheall air uisge coisrigte, tha atharrachaidhean ann an dòigh-beatha muinntir nan Eilean air buaidh a thoirt orra cuideachd: le teachd siubhal eadar-nàiseanta agus adhartas ann an cùram slàinte, tha feadhainn nas buailtiche a bhith a’ falbh gu Lourdes seach a bhith a’ cur nan tobraichean-slàinte ionadail gu feum tuilleadh.

Mar sin, tha an tràchdas seo air cleachdaidhean creideimh Chaitligich nan Eilean Siar mu dheas a chur ann an co-theagsa ghluasadan agus chleachdaidhean san Eaglais Chaitligich air fad agus aig an aon àm, air àite agus spèis a thoirt do ghuthan agus do dhualchas Chaitligich nan Eilean fhèin. Tha an tràchdas air ìomhaigh muinntir nan Eilean Siar mu dheas a chur air adhart mar shluagh aig a bheil cleachdaidhean creideamh a tha an dà chuid Caitligeach agus Gàidhealach.

Thathar an dòchas gum bi an rannsachadh seo gu feum do mhuinntir nan Eilean san àm ri teachd. Le crìonadh a’ chànain follaiseach agus nas lugha na dà thrian de sluagh nan Eilean Siar air fad aig a bheil Gàidhlig ann an 2011,<sup>996</sup> tha cothroman gus ceanglaichean eadar cànan, creideamh agus dualchas a leasachadh ann an dòighean a tha muinntir na coimhearsnachd a’ meas iomchaidh agus brìghmhor.<sup>997</sup> Ma tha an

---

<sup>996</sup> National Records of Scotland, *Scotland’s Census 2011: Gaelic report* (2015), 7.

<sup>997</sup> Mar eisimpleir air a’ bhuidheann a dh’fhaodadh a bhith aig iomairtean gus cleachdaidhean creideimh nan Eilean a bhrosnachadh ann an co-theagsa a’ bhaile mhòir, chuir mise air dòigh dà Aifrinn Ghàidhlig ann an Glaschu ann an 2022 agus 2023 ann an co-bhonn le Mgr Ross Crichton agus Seaplaineachd Chaitligeach Oilthigh Ghlaschu. Bha measgachadh de dh’oileanaich, luchd-ionnsachaidh agus muinntir Uibhist a Deas agus Barraigh a tha a’ fuireach ann an Glaschu aig an dà Aifrinn agus chuir iad fàilte air a’ chothrom adhradh agus sòisealta seo. Bha measgachadh de laoidhean aig an dà Aifrinn: a’ mhòr-chuid dhiubh nan laoidhean aig Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill agus Iseabail T. Dhòmhnallach a tha a’ nochdadh ann an *Seinnibh dhan Tighearna* (1987), a bharrachd air laoidh no dhà aig Mgr Ailein agus eadar-theangachadh Gàidhlig ùr air “God of Mercy and Compassion” aig Mgr Edward Vaughan a rinn Mgr Ross Crichton fhèin. Ron dàrna Aifreann, a thachair rè a’ Charghais, rinn Mgr Ross Slighe na Croise sa Ghàidhlig. Chaidh an dàrna Aifreann fhèin a chlàradh agus a chraobh-sgaoileadh air-loidhne leis a’ bhuidheann Being Catholic TV. Faic Being Catholic TV, “Wednesday of

rannsachadh seo a' cur ann an cuimhne muinntir nan Eilean cho luachmhor 's a tha na cleachdaidhean creideimh dùthchasach aca agus gam brosnachadh a bhith gan cumail a' dol, 's fhiach an t-saothair.

## Eàrr-ràdh Sgrìobhainn

### 9.1 Caibideil 1: Ceistean agallaimh

Chaidh roinn de na ceistean seo a chur air Catrìona Garbutt, Màiri NicAonghais agus Mgr Ross Crichton anns na h-agallamhan a chùim mi leotha san Ògmhios 2018.

#### Gàidhlig san Aifreann

- Dè a' chuimhne a th' agaibh air nuair a chaidh an Aifreann atharrachadh bho Laideann gu Gàidhlig?
- Dè a' chuimhne a th' agaibh air na bha daoine a' smaointinn mun atharrachadh seo? Dè smaoinich sibh fhèin air?
- Nuair a bha an Aifreann ann an Laideann, dè a' chuimhne a th' agaibh air leabhraichean a bhith aig daoine anns an eaglais?
- Dè as fheàrr leibh: Aifreann Ghàidhlig no Aifreann Beurla? (no Aifreann Laideann, no measgachadh de chànanan?)
- A bheil sibh a' smaointinn gu bheil e cudromach gu bheil an Aifreann air a ràdh ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan Gàidhlig? Carson?
- Dè tha sibh a' smaointinn mu laoidhean Gàidhlig aig an Aifreann?

#### Ùrnaighean aig an taigh

- Nuair a bhios sibh a' gabhail ùrnaighean aig an taigh, dè an cànan anns am bi na h-ùrnaighean? Carson?
- Nuair a bhios sibh ag ùrnaigh air neo a' bruidhinn ri Dia, an can sibh rudan òs àrd, air neo dìreach nur ceann? Dè an cànan a bhios agaibh? Carson?
- A bheil cuimhne agaibh air daoine anns an teaghlach agaibh a' gabhail ùrnaighean aig an taigh nuair a bha sibh òg? Dè na h-ùrnaighean a bh' ann? A bheil cuimhne agaibh air gin aca? Neo a bheil iad agaibh fhèin?
- Am biodh leabhraichean aig daoine airson ùrnaighean a ghabhail aig an taigh?

#### Sagairt

- A bheil sibh a' smaointinn gu bheil e cudromach gu bheil Gàidhlig aig sagairt ann an coimhearsnachdan Gàidhlig?
- An cuala sibh riamh mu shagairt aig a bheil cumhachdan sònraichte? (mar leighis dhaoine; an dà shealladh)
- Am biodh sagairt a' tòiseachadh "devotions" anns na paraistean aca?

#### Cleachdaidhean cràbhaidh

- Anns a' pharaiste agaibh, am bi an "Statue" a' dol mun cuairt nan taighean aig amannan air feadh na bliadhna? Dè an cànan a bhruidhneas daoine nuair a thig iad còmhla airson na "Statue"? A bheil a' Chonair Mhoire ga gabhail anns a' Bheurla air neo anns a' Ghàidhlig? A bheil gnothach a' "Statue" cudromach dhan choimhearsnachd? Carson?
- Statue Ruaidheabhail – ciamar a tha i cudromach do mhuinntir Uibhist?
- Dè nì sibh nuair a thèid sibh seachad air na "shrines" ri taobh an rathaid ann an Uibhist? Dè tha iad a' ciallachadh dhuibhse?

- A bheil cleachdaidhean cràbhaidh (“devotions”) ann sam bith a bhios sibh a’ dèanamh gu tric? (Mar a’ Chonair Mhoire, Slighe na Croise, Novenas, etc.) Ciamar a thog sibh na gnothaichean seo? A bheil iad cudromach dhuibh? Carson? Cò an cànan a bhios agaibh airson nan gnothaichean seo?
- A bheil beachd agad gu bheil muinntir nan eilean gu sònraichte dlùth ri Moire Mhàthair? Carson a tha sin?
- A bheil ainmean naomhan aig tòrr dhaoine? Carson?
- Dè dhèanadh sibh aig an taigh le uisge coisrigte agus coinnlein beannaichte?
- A bheil sibh a’ faicinn atharrachadh ann ann an creideamh dhaoine anns a’ choimhearsnachd agaibh on a bha sibh òg? A bheil na “devotions” cho cumanta ’s a bha iad? Ma bha atharrachadh ann, carson a dh’atharraich gnothaichean?

### **Cràbhadh poblach**

- A bheil cuimhne agaibh air sìon mar “sodalities” anns a’ phàraiste agaibh?
- A bheil cuimhne agaibh air “missions” anns a’ phàraiste agaibh? An robh iad cumanta aig aon àm? Cò às a thigeadh na sagairt? Dè dhèanadh sibh ann? Am biodh iad a’ reic gnothaichean ann?
- A bheil cuimhne agaibh air ùrnaighean sam bith a bhiodh daoine a’ gabhail air an taobh a-muigh, no àitichean sònraichte dhan tigeadh daoine airson ùrnaighean a ghabhail? (mar tobraichean slàinte)
- A bheil cuimhne agaibh cleachdaidhean sònraichte air làithean naomha -- Là Fhèill Mhìcheil, mar eisimpleir?
- A bheil naoimh le ceanglaichean ris an sgìre agaibh fhèin ann? Cò iad? Ciamar a tha iad air an cuimhneachadh? A bheil iad cudromach dhan creideamh anns an sgìre agaibh?
- A bheil sibh a’ faireachdainn ceangal sònraichte ris an eaglais (togalach) anns an sgìre agaibhse? A bheil e cudromach gu bheil eaglaisean beaga ionadail mar seo fhathast ann?

### **Cleachdaidhean agus creideamhan ionadail**

- Am biodh daoine a’ bruidhinn air an “t-sluagh”? A bheil a leithid ann?
- A bheil cuimhne agaibh air rudan air an “croiseadh”?
- Dè tha anns an “dà shealladh”? Cò aig am biodh an comas seo? A bheil ceangal ann eadar seo agus daoine aig a bheil creideamh làidir?
- An cuala sibh daoine a’ bruidhinn air na làithean a dh’fhalbh nuair a bha an creideamh Caitligeach air a chumail sìos anns na h-Eileanan? A bheil an eachdraidh seo cudromach dhan chreideamh anns an sgìre agaibh fhèin?

## 9.2 Caibideil 4: Trì eisimpleirean a bharrachd dhen “Phears’-Anma”

Eisimpleir a chruinnich Mgr Ailein ann an Èirisgeigh far a bheil “Am Pears’-Anma” a’ nochdadh aig deireadh tionndadh dhen “Altachadh Laighe”:

The “*Altachadh laidhe*” begins thus according to some.  
 Tha mise ’dol a chadal  
 ’S ma ’s e bàs cadail dhomhs’ e  
 Gur ann air deis làimh Dè a dhùisgeas mi &c.  
 " " " "  
 again. Le Moire le Mac  
 Le Brighid le brat  
 Le Domhnach nam feart &c  
 " " " "  
 again. A Mhic na h-òighe cùr  
 Na leig ann am piant’  
 No ’an tigh siorruith dùinte sinn &c  
 The “pears anmanna” at the end is three times repeated.<sup>998</sup>

Pìos dhen “Phears’-Anma” a chruinnich Mgr Ailein, gun urra:

Pears’ Anmanna & Night Hymn. Extra line. “Na reacham an eucoir nan geasach.”  
 and further on “Fhad ’s a bhios a choluinn ’sa chadal chaomh  
 Cum an t-anam air sligh’ fhosgarra na firinn.”<sup>999</sup>

Tionndadh aig Màiri Mhoireasdan (Màiri Eòghainn Mhòir), Barraigh, 1970:

Tha mise a’ laighe a-nochd gus a bhàs [cadal?]  
 Cha chaidil leis a’ bhàs. Cadal gu latha  
 Gum b’ ann orra deas làimh seo a chuairtich mi  
 A Dhia na fala firinnich  
 Na dibir mi ad choinneimh  
 ’S a liuthad lochd a rinn mo chorp  
 ’S nach fhaod mi nochd  
 A chuimhneachadh  
 A Dhia ’s a mhilis ghlòrach  
 A Mhic na h-Òig’ cùbhraidh  
 Saor m’ anam-sa a-nochd bho na piantan ìseal, dorcha, dùinte.  
 Guidheam Peadar, guidheam Pòl  
 Guidheam Moir’ Òigh agus a Mac  
 Guidheam an dà ostal deug  
 Gun rachadh mi a dh’eug gun a chead.  
 Nuair a dhealaicheas an t-anam ris a’ cholainn  
 Na glumagan caoimhneil ’s dòcha na siorrachd Dia. ’S Amen.<sup>1000</sup>

<sup>998</sup> “Mary Johnston Erisky,” EUL CW 58A, 92r, Àireamh 377.

<sup>999</sup> EUL CW 58B, 18v, Àireamh 47.

<sup>1000</sup> Mhoireasdan, “Seann ùrnaighean.” Tar-sgrìobhadh leis an ùghdar.



### 9.3 Caibideil 5: Slighe na Croise

“Slighe na Croise” mar a ghabhadh Ceit NicNeacail agus Peanaidh Mhoireasdan i:

Crann-ceusaidh na nàire  
Spàrr a’ ghràisg air mo luaidh;  
’S ann a ghlac thu le fàilte  
Inneal-shàbh’laidh an t-sluaigh.

Bha cridhe do mhàthar  
An impis sgàineadh le truas –  
Nuair a choinnich i a Macan  
Mar an sneachda bha a gruaidh.

Bheronica cheanail  
Ghlan i ’m fallas dhe d’ ghruaidh;  
Lean do dhealbh ris an anart –  
Fhuair a carrantachd duais.

Bha mnathan a’ bhaile  
’S iad a’ gal leis an truas;  
Gun do chuir thu ’nam fair’ iad  
Mar a thachradh dhan t-sluagh.

Thuit òsa a-rithist,  
’S an t-slighe cho buan  
Is cudrom an fhiodha  
Dèis a spionnadh thoirt bhuaith’.

Bha ’n t-Uan air a ruighe  
Gus na ruith an treas uair;  
Chrom e cheann air a bhroilleach  
’S thug e mollachd far sluaigh.

Rinn fir a bha ’n toirt ort  
Do chorp thoirt a-nuas,  
Rug Moire na glacaibh  
Air a Macan, ’s e fuar.

Chaidh còmhlán de chàirdean  
Gu d’ chàradh san uaigh;  
Bidh do cholainn a’ tàmh ann  
Gu Là Càsga nam Buadh.<sup>1001</sup>

---

<sup>1001</sup> Black, *Eilein*, 284, 286, 288. Faic NicNeacail, “An Crann-Ceusaidh” (TanD) agus Mhoireasdan, “An Crann-Ceusaidh” (TanD).

#### 9.4 Caibideil 6: Cunntasan air beatha Mhgr Alasdair Forrester (1701-1780) ann an “The Mission of South Uist” (1891) aig Mgr Alasdair Caimbeul

Cunntas air mìorbhailt a thug air Mgr Forrester iompachadh na Chaitligeach:

Having on one occasion, discovered the place, where a few Catholics secretly assembled to hear Mass, his curiosity prompted to make his way there, and that when the priest came to the offertory the wine would not come out of the cruet. The priest struck by so strange and unusual a sight, turned to the people, and asked if there was any suspicious stranger amongst them. Upon hearing the question, Mr Forrester got greatly alarmed and began at once to go out backwards, and no sooner did he come under the lintel of the door that the wine came out of the cruet. This fact, struck with no small amount of astonishment, and made him enter seriously into himself. The happy result of his meditation was that he resolved to become a Catholic and also a priest.<sup>1002</sup>

Cunntas air dreag mar chomharra air teachd Mhgr Forrester a dh’Uibhist:

I heard in the year 1883 the following legend regarding the arrival of Mr Forrester in Uist, from a man in Howbeg. A few nights then before his arrival, there were several boats from the peninsula of Carntyre, along with Uist boats fishing for herrings. The crews of the whole fleet, was an eye witness to the phenomenon, very much surprised every one of them. This phenomenon was a ball of most brilliant light, coming across the Minch, which passed over their heads landwards and travelled on land over a hill near Howbeg called Aرسال, where it disappeared from sight. As we may very easily suppose, everyone was at loss to understand or even what such a sight meant. Amongst [them] there was [an] old Carntyre man, who gave it his opinion that soon some illustrious stranger would make his appearance in the country. True to this man’s prediction, Mr Forrester came to the island a few days afterwards and travelled exactly over the very same way taken by the globe of light.<sup>1003</sup>

#### 9.5 Caibideil 6: Cunntasan air bàs gaisgeil Mhgr Seòras Rigg (1860-1897)

An cunntas aig Peigi NicRath, 1951:

Agus bhiodh esan a’ tighinn a h-uile latha, Maighstir Seòras, chun an taigh, ’s rachadh e a-staigh – chuireadh e dheth an t-aodach a bh’ air, agus chuireadh e air aodach eile agus rachadh e a-staigh. Chuireadh e air dòigh iad, ’s latha no dhà, ’s a h-uile sìon, agus bheireadh e dhaibh biadh – cha robh iad a’ faighinn biadh co-dhiù ach bainne. Sin am biadh a bha iad a’ faighinn. Ghlanadh e an taigh, ’s sguabhadh e an taigh, ’s chlioradh e a-mach a h-uile sìon, dhèanadh e cho glan a h-uile sìon.

(JLC: Cha rachadh duine eile an cobhair.)

<sup>1002</sup> Campbell, “Mission,” 53-54.

